LEABHAR

NA

H-URNUIGH CHOITCHIONN.

GLASGOW:
A. SINCLAIR, CELTIC PRESS, 10 BOTHWELL STREET;
HENRY WHYTE, 4 BRIDGE STREET.
EDINBURGH: JOHN GRANT; NORMAN MACLEOD.
LONDON:
SOCIETY FOR PROMOTING CHRISTIAN KNOWLEDGE,
NORTHUMBERLAND AVENUE, W.C.

1895.

THIS revision of the Gaelic translation of the Book of Common Prayer has been carried out by a Committee appointed by the Episcopal Synod, and is sanctioned by the Bishops, who, however, leave the responsibility for the accuracy of the translation to the Committee.

1895.

LEABHAR

NA

H-URNUIGH CHOITCHIONN

AGUS FRITHEALADH

NAN

SACRAMAIDEAN,

AGUS

RIAGHAILTEAN AGUS DEASGHNATHAN EILE

NA H-EAGLAIS,

A REIR CLEACHDAIDH

Eaglais Shasunn;

MAILLE RIS AN

T-SALTAIR NO SAILM

DHAIBHIDH.

AIR AM PONCACHADH MAR A SHEINNEAR NO A THEIREAR IAD ANN AN EAGLAISIBH:

AGUS AN

RIAGHAILT NO AN DOIGH

AIR

DEANAMH, ORDUCHADH, AGUS COISRIGEADH

EASBUIGEAN, SHAGARTAN,

AGUS

DHEACONAN.

COMH-CHINN

AN

LEABHAIR SO.

1. *An Roimh-ràdh.*
2. *Mu Sheirbhis na h-Eaglais.*
3. *Mu Dheasghnàthaibh.*
4. *An t-Ordugh anns am bheil an Saltair air a shuidheachadh gu 'bhi air a leughadh.*
5. *An t-Ordugh anns am bheil a' chuid eile de 'n Sgriobtuir naomh air a shuidheachadh gu 'bhi air a leughadh.*
6. *Clàr nan Leasan agus nan Salm shònraichte.*
7. *Clàir agus riaghailtean air son nan Làithean-féille agus nan Làithean-trasgaidh rè na bliadhna uile.*
8. *Am Mìosachan maille ri Clàr nan Leasan.*
9. *An t-Ordugh air son Urnuigh Mhaidne.*
10. *An t-Ordugh air son Urnuigh Fheasgair.*
11. *Creud N.* Atanasius.
12. *An Laoidh-dhiann.*
13. *Urnuighean agus Breith-buidheachais air son caochladh aobhairean.*
14. *Na Guidhean, na Litrichean agus na Soisgeil ri 'n gnàthachadh aig Frithealadh a' Chomanachaidh naoimh rè na bliadhna.*
15. *Ordugh frithealadh a' Chomanachaidh naoimh.*
16. *Ordugh Baistidh fhollaisich agus uaignich.*
17. *Ordugh Baisteadh muinntir a thàinig gu aois.*
18. *Leabhar nan ceisdean, maille ri Ordugh Comh-dhaingneachadh leanaban.*
19. *Pòsadh.*
20. *Coimhead na Muinntir thinne, agus Comanachadh na Muinntir thinne.*
21. *Adhlacadh.*
22. *Breith-buidheachais air son Bhan an déigh asaid.*
23. *Comh-bhagradh no Cur 'an céill corruich agus breitheanais Dhé an aghaidh pheacach.*
24. *An Saltair.*
25. *Ordugh Urnuighean ri 'bhi air an gnàthachadh air muir.*
26. *An Riaghailt agus an Dòigh air Orduchadh Easbuigean Shagartan agus Dheaconan.*

AN

ROIMH-RADH.

B'E Gliocas Eaglais *Shasunn*, riamh bho 'n a chomh-chruinnich i Leabhar na h-Urnuigh Choitchionn, gu 'n gleidheadh i Slighe mheadhonach, gun a bhi tuilleadh is Danarra ann an diùltadh, no tuilleadh is Deas ann an ceadachadh atharrachaidh air bith uaith. Oir, air an dara làimh mar tha Gnàth-eòlas a' nochdadh, far an d' rinneadh atharrachadh air nithibh a bha gu glic air an stéidheachadh (gun éiginn fhollaiseach 'g a iarraidh) gu'n d' thàinig iomadh dragh 'n a lorg; agus iad sin iomadh uair na bu lionmhoire, agus na bu mhò na na h-uilc, a bha air an ciallachadh gu 'bhi air an leasachadh leis an atharrachadh sin; Mar so air an làimh eile, air do Mhodhannan àraidh ann an Aoradh Diadhaidh, agus na Riaghailtean, agus na Deasghnàthan orduichte gu 'bhi air an gnàthachadh ann, a bhi 'n an nadur féin 'n an nithibh Neo-chudthromach, agus air dha 'bhi air aideachadh gu'm feud iad a bhi air an atharrachadh; cha-n 'eil e ach reusanta, air aobhairibh cudthromach agus sònraichte, ma bhitheas feum agus ceann-fath nan aimsirean ag iarraidh, gu'm bitheadh a' leithid de dh' atharrachadh agus de mhùthadh air a dheanamh annta, 's a chi iadsan a tha ann an ionad Ughdarrais bho àm gu àm feumail no freagarrach. Mar so tha sinn a' faicinn, ann an Riaghladh iomadh Prionnsa air am bheil cuimhne bheannaichte bho àm an Ath-leasachaidh, gu'n d' aontaich an Eaglais, air son aobhairean cearta agus cudthromach, a' leithid de dh' atharrachadh a dheanamh ann an nithibh àraidh 's a chunnacas iomchuidh 'n an linnibh-san fa leth; Ach 'n a' leithid de dhòigh, 's gu bheil a' Chuid a's airidh agus a's feumaile dheth (araon anns na nithibh a's sònraichte d' am bheil e air a dheanamh a suas, agus 'n an dealbh agus 'n an ordugh) a' mairsinn 's an dòigh cheudna gus an là an diugh, agus a' seasamh fathast daingeann agus gun charachadh, a dh' aindeoin gach oidheirp dhìomhain agus gach ionnsuidh aingealta a rinneadh 'n a aghaidh leosan a tha 'g iarraidh muthaidh agus a tha a' nochdadh a ghnàth tuilleadh suime d' am faoin bharailibh agus d' am buannachd féin na do 'n dleasannas a tha dligheach uapa do 'n chinne daoine.

Tha e ro aithnichte do 'n t-Saoghal, agus cha mhiann leinn aithris an so, ciod iad na meadhonan neo-dhligheach leis an robh, agus na cuisean aimhleasach air son an d' thàinig Leabhar na h-Urnuigh Choitchionn, ri linn nan ceannaircean mi-shona so a tha nis seachad, gu 'bhi air a thoirt a suas (ged a bha e orduichte le Laghannaibh na Tìre, nach robh riamh air an cur air chùl). Ach an uair a thàinig ath-stéidheachadh sona an Rìgh, agus a bha e 'g amharc coltach gu'n tigeadh gnàthachadh Leabhair na h-Urnuigh Choitchionn maille ri nithibh eile gun teagamh air ais (ni nach do chuireadh riamh gu laghail air chùl) mur bitheadh meadhonan air an gnàthachadh 'n an tràth gu 'bhacadh; iadsan ann an àm nan daoine a ghlac gun chòir an riaghladh bho chionn ghoirid, a thug gach oidheirp chum an sluagh a dheanamh mi-thoilichte leis, chunnaic iad gu'm buineadh e d' an cliu agus d' am buannachd féin bacadh a chur air 'ath-aiseag leis an dìchioll bu làidire (mur a h-aideachadh iad gu saor gu'n robh iad féin 'am mearrachd, ni a tha ro chruaidh a thoirt air an leithid sin de dhaoinibh a dheanamh). Chum sin a dheanamh bha iomadh gnè Leabhraichean beag' air an cur a mach an aghaidh Leabhair na h-*Urnuigh-Choitchionn*, agus bha na

seann nithean a bha aca 'n a aghaidh air an tional, maille ri nithibh ùr eile a thuilleadh air na bh' ann roimh, a bha air an cur riu gus an t-aireamh a mheudachadh. Fa-dheoidh ghnàthaicheadh mòr liosdachd ris an Rìgh dhiadhaidh, gu 'n rachadh an Leabhar sin Ath-rannsachadh, agus a' leithid de dh' Atharrachadh a dheanamh ann, agus de Nithibh a chur ris, 's a bhitheadh air am meas iomchuidh chum fois a thoirt do Chòguisibh anmhunn: Agus dheò naich an Rìgh gu seirceil so a dheanamh, o Thoil dhiadhaidh air son làn toileachadh a thoirt d' a Iochdranaibh uile ge b' e air bith aidmheil d' am buineadh iad, cho fad 's a b' urrainn dùil a bhi aca gu reusanta ris.

Anns an Ath-rannsachadh so rinn sinn dìchioll a' mheasarrachd cheudna a ghleidheadh, mar a tha sinn a' faicinn a chaidh a ghnàthachadh 'n a leithid sin de chùis 's na h-aimsiribh roimhe so. Agus uime sin de na caochladh Mhùthaidibh a bha air an toirt f' ar comhair, chuir sinn cùl riusan uile aig am feudadh aon chuid deireadh cunnartach a bhi (mar nithibh a bha gu h-uaigneach a' gearradh as Teagaisg shuidhichte no Cleachdaidh chliuiteich a tha aig Eaglais *Shasunn*, no da rìreadh aig Eaglais Choitchionn Chriosd gu h-iomlan) no anns nach robh brìgh sam bith, ach a bha gu tur suarach agus diomhain. Ach gu deònach, agus le 'r toil féin dh' aontaich sinn le leithid de dh' Atharrachadh 's a bha air a thoirt f' ar comhair, 's a chunnacas leinn ann an tomhas air bith feumail no freagarrach (cò sam bith a thug iad f' ar comhair, ciod air bith na leithsgeil, no ciod air bith na h-aobhairean a bh' aca air an son): Cha-n ann do bhrìgh gu'n robh sinn air ar coimh-èigneachadh gu sin a dheanamh le neart air bith Argumaid, a bha 'dearbhadh dhuinn gu'n robh éiginn air bith ann air son na Mùthaidhean sin a dheanamh: Oir tha làn chinnt againn 'n ar n-inntinnibh féin (agus an so tha sinn 'g a aideachadh do 'n t-Saoghal) nach 'eil ni sam bith sgrìobhta anns an Leabhar, mar a bha e roimh air a shuidheachadh leis an Lagh, an aghaidh Focail Dhé, no an aghaidh Teagaisg fhallain, no ni air bith nach feud duine diadhaidh le deadh Chòguis a ghnàthachadh agus géill a thoirt dha, no nach feud a bhi air a dhìon gu maith cò air bith a chuireas 'n a aghaidh; ma cheadaichear dha leithid de mhineachadh fhirinneach agus bàigheil 's a dhleasadh ann an Ceartas Reusanta a bhi air a thoirt do dh' uile Sgrìobhaidhibh Dhaoine, gu h-àraidh dhoibhsan a tha air an cur a mach le h-Ughdarras, agus eadhon do 'n Eadar-theangachadh is fhearr de 'n Sgrìobtuir naomh féin.

Uime sin b' e an ni a bha againn 'n ar n-ambarc a ghnàth anns a' ghnothuch so, gun aon chuideachd no cuideachd eile a thoileachadh ann an aon air bith d' an iarrtusaibh mi-reusanta; ach an ni sin a dheanamh, a bhreithnich sinn a réir ar barail is fhearr, a bu ro mhò a bha 'g aomadh gu Sìth agus Aonachd a ghleidheadh 's an Eaglais; gu Urram a bhuanachadh, agus gu Diadhachd, agus Cràbhadh a bhrosnachadh ann an Aoradh Follaiseach Dhé; agus gu aobhar comhstri, no aimhreite an aghaidh Leabhair Urnuigh Choitchionn na h-Eaglais a ghearradh air falbh uapasan a tha 'g a iarraidh. Agus a thaobh nan caochladh Mhùthaidhean bho 'n Leabhar a bha ann roimh so, co dhiù a tha iad deanta le Atharrachadh, no le Meudachadh, no le dòigh air bith eile, is leòir an gearr-chunntas so a thoirt umpa, Gu'n d' rinneadh a' chuid is mò de na h-Atharrachaidhibh, 's a' cheud àite, air son seoladh na 's fhearr a thoirt dhoibhsan a tha gu frithealadh ann an earrainn air bith de 'n t-Seirbhis Dhiadhaidh; ni a tha gu h-àraidh air a dheanamh anns na Miosachanaibh agus ann an Orduighibh na Seirbhis: No 's an dara àite, gu sgrìobhadh ann an briathraibh na bu fhreagarraiche do chainnt uan àmannan so, focail no dòighean labhairt àraidh a bhuineadh do sheann chleachdadh, agus gu mìneachadh na bu shoilleire air focail agus air dòighibh labhairt, aon chuid anns am bheil teagamh mu 'n seadh,

no air mhodh eile a bha buailteach gu 'bhi air am mi-thuigsinn: No's an treas àite gu eadar-theangachadh na 's soilleire air na h-earrannaibh sin de 'n Sgriobtuir naomh a tha air an cur a sìos ann an Leabhar na h-Urnuigh Choitchionn; nithean a tha a nis, gu h-àraidh anns na Litrichibh agus 's na Soisgeulaibh, agus ann an caochladh ionadaibh eile, orduichte ri 'bhi air an leughadh a réir an Eadar-theangachaidh mu dheireadh: Agus chunnacas iomchuidh, gu'm bitheadh Urnuighean agus Breithean-buidheachais àraidh, freagarrach air son aobhairean sònraichte, air an cur riu 'n an ionadaibh dligheach féin; gu h-àraidh air son na muinntir a bhitheas air Muir, maille ri Seirbhis air son Baisteadh muinntir a thàinig gu h-aois; ni, ged nach robh e cho feumail an uair a bha an Leabhar a bha roimh 'n fhear so air a chomh-chruinneachadh, gidheadh le fàs teagaisg nan Anabaisteach, a shnàig a stigh 'n ar measg tre mhi-riaghailteachd na h-aimsir roimh so, tha e a nis air teachd gu 'bhi feumail, agus feudaidh e 'bhi a ghnàth freagarrach air son Baisteadh Seann luchd-àiteachadh nan Tìrean thairis 's a bheil sluagh a chaidh as an rìoghachd so air an suidheachadh, agus muinntir eile a bhitheas air an iompachadh a chum a' Chreidimh. Ma dh' iarras neach sam bith cunntas na 's làine mu na caochladh Mhùthaidhibh ann an earrainn sam bith de Leabhar na h-Urnuigh Choitchionn, agus ma ghabhas e an dragh an Leabhar so a choimeas ris an fhear a bha ann roimhe; cha-n 'eil teagamh againn nach fhaic e gu soilleir aobhar an atharrachaidh.

Agus air dhuinn mar so dìchioll a dheanamh air coimhlionadh ar dleasannais anns a' chùis chudthromaich so, mar ann am fianuis Dhè, agus gu dearbhadh ar treibhdhireis innte do choguisibh nan uile dhaoine, cho fad 's a bha e 'n ar comas; ged tha fios againn gu bheil e neo-chomasach na h-uile 'thoileachadh 'n a leithid de chaochladh bheachdaibh, aignibh, agus fhéin-bhuannachdaibh, 's a tha anns an t-saoghal; agus ged nach urrainn fiughair a bhi againn gu'm bitheadh daoine de spiorad ceannairceach, dìorrasach, agus ragmhuinealach air an sàsachadh le ni sam bith is urrainn a bhi air a dheanamh 's an dòigh so le neach air bith eile ach iad féin: Gidheadh tha deadh dhòchas againn, gu'm bi an ni sin a tha 'n so air a chur a mach agus a bha le mòr dhìchioll air a rannsachadh agus air aontachadh ris le Ard-sheanaidhibh na dà Mhòr-roinn, mar an ceudna air a ghabhail d' an ionnsuidh le deadh rùn agus air 'aontachadh ris leis gach mac ann an Eaglais *Shasunn* a tha measarra, agus sìothchail, agus aig am bheil da rìreadh deadh choguis.

¶ MU SHEIRBHIS NA H-EAGLAIS.

CHa robh ni air bith riamh cho maith air a dhealbhadh le gliocas duine, no cho barranntach air a shuidheachadh, nach d' thàinig tre aimsir gu 'bhi air a thruailleadh: Mar a dh' fheudas sinn fhaicinn gu soilleir 'am measg nithean eile a thaobh Urnuighean Coitchionn na h-Eaglais, d' an gairmear gu cumanta *Seirbhis Dhiadhaidh*. Ma's miann le neach am prìomh thoiseach agus an stéidh a rannsachadh bho na seann Aithrichibh, gheibh e a mach, nach robh iad air an orduchadh, ach bho dheadh rùn, agus air son mòr-chur air adhart diadhachd. Oir dh' orduich iad a' chùis air a leithid de dhòigh, 's gu'm bitheadh am Biobull uile, (no a' chuid bu mhò dheth) air a leughadh thairis aon uair 's a' bhliadhna; a' rùnachadh leis a' sin, gu'm bitheadh a' Chléir, agus gu h-àraidh iadsan a bha 'n am Ministeiribh anns a' Choimhthional, iad féin air am brosnachadh chum diadhachd, agus gu'm bitheadh iad na bu chomasaiche air earail agus teagasg fallain a thoirt do dhream eile, agus Eascairdean na Firinn a bhreugnachadh, le leughadh gu tric, agus le beachd-smuainteachadh air

focal Dhé; agus a thuilleadh air a' so, gu'm feudadh an sluagh a ghnàth meudachadh na 's mò agus na 's mò ann an eòlas Dhé, agus a bhi na 's mò air am beothachadh le gràdh 'fhior Chreidimh-san, tre éisdeachd an Sgriobtuir naoimh air a leughadh gach là 's an Eaglais.

Ach os ceann mòran bhliadhnachan, bha an t-Ordugh diadhaidh agus ciatach so a bha aig na seann aithrichibh air 'atharrachadh, air a bhriseadh, agus air a dhearmad, le cur ris Eachdraidhean neo-chinnteach, agus Sgeulachdan maille ri mòr àireamh de Fhreagairtibh, de Ghearr-rannaibh, de dh' Ath-aithrisibh diomhain, de Ghuidhibh cuimhneachain, agus de Riaghailtibh Sheanaidhean; air chor 's gu cumanta, an uair a chaidh tòiseachadh air leughadh Leabhair air bith de'n Bhìobull, an déigh tri no ceithir de Chaibideil, bha a'chuid eile air am fàgail gun leughadh. Agus 's an dòigh so chaidh tòiseachadh air leughadh Leabhair *Isaiah* anns an *Teachd*, agus Leabhair *Ghenesis* ann an *Septuagesima*; ach cha d' rinneadh ach tòiseachadh orra, air chor a's nach robh iad idir air an leughadh gu'n deireadh: Air an dòigh cheudna ghnàthaicheadh Leabhraichean eile de'n Sgriobtuir naomh. Agus a thuilleadh air a' so, ged bu mhiann le N. Pòl gu'm bitheadh gach ni air a labhairt ris an t-sluagh anns an Eaglais, 's a' chànain sin a thuigeadh iad, agus o 'm faigheadh iad buannachd; Bha an t-Seirbhis ann an Eaglais so *Shasunn* os ceann mòran bhliadhnachan air a leughadh do'n t-sluagh ann an Laidinn, cainnt nach 'eil iad a' tuigsinn; air chor 's gu'n cuala iad le'n cluasaibh a mhàin, agus cha robh an cridhe, an spiorad, no an inntinn air an togail a suas 's a' Chreidimh leatha. Agus a bharrachd air a' so, ged a roinn na seann aithrichean na *Sailm* 'n an seachd Earrannaibh, agus a ghairmeadh do gach aon diubh *Nocturn*: Gidheadh a nis os ceann ùine air ais, bha beagan diubh air an ràdh gach là, agus a' chuid eile gu buileach air an dearmad. A thuilleadh air a' so, b' e àireamh agus cruas nan Riaghailtean, d' an do ghairmeadh am *Pie*, agus b' e mùthaidhean lìonmhor na Seirbhis a b' aobhar de 'n chùis, gu 'n robh a bhi 'tionndadh thairis nan duilleag a dh' fhaotainn an àite 'n a ghnothuch leis féin cho cruaidh agus duilich, a 's gu-r tric a bha e na bu dorra fhaotainn a mach ciod bu chòir a bhi air a leughadh, na bha e 'leughadh an uair a dh' amaiseadh air.

Uime sin air do na nithean mi-ghoireasach so a bhi air an toirt fainear, tha Ordugh air a chur a mach an so, leis am bi na nithean so air an leasachadh. Agus air son deisealachd anns a' ghnothuch so, tha Miosachan air a sgriobhadh an so air son an aobhair sin, a tha soilleir agus furasda a thuigsinn; anns am bheil air a nochdadh (urrad 's a dh' fheudas e a bhi) leughadh an Sgriobtuir naoimh, chum gu'n deanar na h-uile nithean ann an ordugh, gun a bhi 'briseadh aon chuid bho chuid eile dheth. Air an aobhar so tha air an gearradh as Rannan comh-fhreagraidh, Freagairtean, Rannan-cuiridh, agus a leithid sin de nithibh 's a bhris gnàth-chursa leughadh an Sgriobtuir.

Gidheadh do bhrigh gu feum Riaghailtean air chor-eiginn a bhi ann; uime sin tha Riaghailtean àraidh air an cur a mach an so; nithean, mar a tha iad tearc 'an àireamh, is amhuil a tha iad soilleir agus furasda a thuigsinn. Air chor 's gu bheil agaibh an so Ordugh air son Urnuigh, agus air son leughadh an Sgriobtuir naoimh, gu h-àraidh a' comh-chordadh ri beachd agus rùn nan seann Aithrichean, agus mòran na 's tarbhaiche agus na 's goireasaiche, na 'n t-Ordugh sin a bha air a ghnàthachadh roimh so. Tha e na 's tarbhaiche, a chionn gu bheil mòran nithean air am fàgail a mach an so, cuid diubh a tha mearrachdach, cuid neo-chinnteach, agus cuid diomhain agus saobh-chràbhach; agus cha-n 'eil ni air 'orduchadh gu 'bhi air a leughadh ach Focal fìorghlan Dhé féin, na Sgriobtuirean naomha, no na nithe sin a tha 'comh-

chordadh riu; agus sin anns a' chànain agus 's an ordugh sin, a tha ro fhurasda agus ro shoilleir air son an tuigsinn araon leis an luchd-leughaidh agus leis an luchd-éisdeachd. Tha e cuideachd na 's goireasaiche araon air son giorraid agus soilleireachd an Orduigh, agus a chionn gu bheil na Riaghailtean tearc agus furasda.

Agus do bhrìgh 's gu'n robh roimh so mòr eadar-dhealachadh dhòighean ann an ràdh agus an seinn ann an Eaglaisibh 's an Rioghachd so; cuid a' leantuinn Cleachdaidh *Shalisburi*, cuid Cleachdaidh *Hereford*, cuid Cleachdaidh *Bhangoir*, cuid Cleachdaidh *Iorc*, agus cuid Cleachdaidh *Lincoln*; a nis bho'n àm so mach cha bhi aig an Rioghachd gu h-iomlan ach an t-aon Chleachdadh.

Agus do bhrìgh, 's nach gabh ni sam bith a bhi cho soilleir air a chur a mach, 's nach feud teagamh éiridh a suas 'n a chleachdadh agus 'n a ghnàthachadh; chum an uile leithid sin de chaochladh bharailibh a réiteachadh (ma dh' éireas aon diubh) agus air son toirt air falbh gach uile theagaimh, a thaobh an dòigh anns a' bheil na nithean a tha anns an Leabhar so ri 'bhi air an tuigsinn, air an deanamh, agus air an cleachdadh; iadsan a tha mar so 'an teagamh no a tha ag amharc air ni sam bith ann an caochladh seadh, théid iad daonnan gu Easbuig na Sgìreachd, agus gabhaidh esan rathad a shocrachadh agus a réiteachadh nan cùisean so a réir a ghliocais; cho fad 's nach bi an rathad sin an aghaidh ni air bith a tha sgriobhta 's an Leabhar so. Agus ma bhitheas Easbuig na Sgìreachd ann an teagamh, an sin feudaidh e cur air son fuasgladh na ceisde so chum an Ard-Easbuig.

GEd tha na h-uile nithe orduichte ri 'bhi air an leughadh agus air an seinn 's an Eaglais anns [a' chànain chumanta], a chum 's gu'm bi an Coimhthional air a thogail a suas 's a Chreidimh leis a' sin; gidheadh cha-n 'eil e air a chiallachadh, 'n uair a tha daoine ag ràdh Urnuigh Mhaidne agus Urnuigh Fheasgair ann an uaigneas, nach feud iad an ràdh ann an cànain air bith a thuigeas iad féin.

Agus tha aig na h-uile Shagartaibh agus Dheaconaibh ris an Urnuigh-Mhaidne agus an Urnuigh-Fheasgair a ràdh gach là, ann an uaigneas no gu follaiseach, mur a bacar iad le tinneas, no aobhar ro theann eile.

Agus am Buachaille spioradail a tha 'frithealadh anns gach uile Eaglais-Sgìreachd no Tigh-urnuigh, air dha 'bhi aig a dhachaidh, agus mur h-'eil e air dhòigh eile gu reusanta air a bhacadh, their e iad ann an Eaglais na Sgìreachd no 's an Tigh-urnuigh 's a bheil e 'frithealadh, agus bheir e fainear gu 'm buailear an Clag air an son ann an àm iomchuidh mu 'n tòisich e, chum gu'n tig an sluagh a dh' éisdeachd Focail Dhé, agus a dheanamh urnuigh maille ris.

¶ MU DHEASGHNATHAIBH,

AN T-AOBHAR GU BHEIL CUID AIR AN CUR AS AGUS CUID AIR AN GLEIDHEADH.

DE na deasghnàthaibh a tha air an cleachdadh 's an Eaglais, agus a thòisich tre reachd dhaoine, bha cuid diubh air tùs air an dealbhadh bho rùn agus miann diadhaidh, agus gidheadh mu dheireadh bha iad air an tionndadh gu dìomhanas agus saobh-chràbhadh: Thàinig cuid diubh a stigh de 'n Eaglais le cràbhadh neo-ghlic, agus le leithid de dh' eud 's a bha as eugmhais eòlais; agus do bhrìgh 's gu'n d' amhairceadh thairis orra air tùs, dh' fhàs iad gu 'bhi gach là air am mi-ghnàthachadh na 's mò agus na 's mò, nithean cha-n e a mhàin air son am mi-tharbhachd, ach mar an ceudna a chionn 's gu'n do dhall iad gu mòr an sluagh, agus gu'n do dhorchaich iad glòir Dhé, tha iad

airidh a bhi air an gearradh air falbh, agus cùl gu buileach a chur riu: Tha cuid eile dhiubh ged a bha iad air an dealbhadh le daoinibh, gidheadh chunnacas iomchuidh an gleidheadh fathast, araon air son riaghailt deadh-mhaiseich 's an Eaglais (chum an do dhealbhadh iad air tùs) agus do bhrìgh 's gu'm buin iad do thogail a suas 's a Chreidimh, ni 's e crìoch nan uile nithean a tha air an deanamh 's an Eaglais, mar a tha an t-Abstol a' teagasg.

Agus ged nach 'eil gleidheadh no fàgail a mach Deasghnàith ach 'n a ni beag, an uair a ghabhar leis féin e; gidheadh cha-n 'eil briseadh orduigh agus reachd choitchionn le cìont toileil agus tarcuiseach 'n a oilbheum suarach 'am fianuis Dhé. *Deanar na h-uile nithe 'n ar measg*, tha N. Pòl ag ràdh, *gu deadh-mhaiseach agus a réir ordwigh.* Cha-n 'eil suidheachadh an orduigh so a' buintinn do dhaoinibh cumanta; air an aobhar sin cha bu chòir do dhuine sam bith a ghabhail os làimh no de dhànadas a ghabhail air féin Ordugh air bith a tha follaiseach no coitchionn ann an Eaglais Chriosd a shuideachadh no atharrachadh mur h-'eil e gu laghail air a ghairm agus air faotainn ùghdarrais gu sin a dheanamh.

Agus do bhrigh anns an linn so, gu bheil inntinnean dhaoine cho eucoltach ri 'chéile, 's gu bheil cuid 'g a smuainteachadh 'n a chùis mhòir a tha an aghaidh an coguis ma threigeas iad an ni a's lugha d' an Deasghnàthaibh, air dhoibh a bhi cho ceangailte ri 'n seann chleachdadh féin; agus a ris air an làimh eile, gu bheil cuid cho déidheil air nithibh nuadha, 's gu'm bu mhiann leo gach ni atharrachadh, agus gu bheil iad 'deanamh tàir air na seann nithibh, air chor 's nach urrainn ni sam bith an toileachadh, ach an ni sin a tha nuadh: Chunnacas iomchuidh gun urrad suim a ghabhail cia mar a bhitheadh cuideachd air bith dhiubh sin air an toileachadh agus air an riarachadh, 's a bhitheadh air a ghabhail chum Dia a thoileachadh, agus a chum gu faigheadh iad maraon buannachd. Agus gidheadh air eagal gu'm faigheadh neach air bith oilbheum, a dh' fheudadh a bhi air a riarachadh le deadh reusan, tha aobhairean àraidh air an cur a sìos an so, c'ar son a tha cuid de na Deasghnàthaibh cleachdta air an cur air falbh, agus cuid eile air an cumail agus air an gleidheadh fhathast.

Tha cuid diubh air an cur air falbh, a chionn gu'n d' fhàs iad tuilleadh 's a chòir agus cho lionmhor anns na làithibh deireanach so, 's gu'n robh an eallach dhiubh do-iomchar; mu thimchioll so ghearain N. *Augustin* 'n a là féin, gu'n robh iad air fàs ann an àireamh cho mòr, a's gu'n robh staid an t-sluaigh Chriosdail a thaobh na cùise sin, ann an cor na bu mhiosa na bha cor nan Iudhach. Agus chomhairlich e, gu'm bitheadh a' chuing agus an eallach sin air an toirt air falbh, a réir mar a bhitheadh an t-àm freagarrach gu 'dheanamh air dhòigh shiothchail. Ach ciod e a theireadh N. *Augustin*, na faiceadh e na Deasghnàthan a bha air an cleachdadh 'n ar measg bho chionn ghoirid; ris nach robh am mòr-àireamh a chaidh a chleachdadh 'n a là-san ri 'bhi air an coimeas? Bha mòr-àireamh ar Deasghnàthan-ne cho lionmhor, agus bha urrad diubh cho dorcha a's gu'n do chuir iad tuilleadh doilearachd agus dorchadas air sochairibh Chriosd dhuinne, na rinn iad 'g am foillseachadh agus 'g an taisbeanadh. Agus a thuilleadh air a so cha-n 'eil Soisgeul Chriosd 'n a Lagh Deasghnàthach (mar a bha mòran de Lagh *Mhaois*) ach is Creidimh e anns am bheil seirbhis air a deanamh do Dhia, cha-n ann 'an daorsa an t-samhlaidh no na sgàile, ach ann an saorsa an spioraid; oir tha an Creidimh riaraichte leis na Deasghnàthaibh sin a mhàin a tha feumail air son an Orduigh dheadh-mhaiseich, agus an Teagaisg dhiadhaidh, agus leosan a tha iomchuidh gu dùsgadh a suas inntinn chedalaich an duine gu cuimhneachadh air a dhleasannas do Dhia, le ni-eiginn sònraichte agus àraidh a tha iad a'

ciallachadh, leis am feudadh e 'bhi air a thogail a suas 's a Chreidimh. A bharrachd air a' so b'e an t-aobhar 'bu chudthromaiche gu'n do chuireadh as Deasgnàthan àraidh, Gu 'n robh iad cho mòr air am mi-ghnàthachadh; ann an cuid le doille shaobh-chràbhach na muinntir aineolaich agus neo-fhoghluimte, agus ann an cuid le sannt do-shàsachaidh na muinntir a dh' iarr am buannachd féin, na's mò na glòir Dhé; air chor a 's am feadh 's a sheas cleachdadh an Deasghnàith féin nach b' urrainnear na mi-ghnàthachaidhean gu ro mhaith a thoirt air falbh.

Ach a nis a thaobh nam pearsannan sin, theagamh a ghabhas oilbheum, a chionn gu bheil cuid de na seann Deasghnàthaibh air an cumail fhathast: Ma bheir iad fainear, gu bheil e neo-chomasach Ordugh air bith, no Oilean siothchail a ghleidheadh 's an Eaglais as eugmhais Deasghnàthan air chor-eiginn, chi iad aobhar ceart air an inntinnean atharrachadh. Ach ma tha iad 'g a smuainteachadh 'n a ghnothuch mòr, gu bheil aon air bith de na seann nithibh air an cumail, agus na'm b' fhearr leo na h-uile 'bhi air an dealbhadh as ùr; An sin ma dh' aidicheas na daoine sin gu'm bheil cuid de Dheasghnàthaibh iomchuidh ri 'bhi air an gnàthachadh, cinnteach cha-n urrainn iad coire fhaotainn gu reusanta do'n t-seann fheadhainn a mhàin air son an aoise, far am feud an t-seann fheadhainn a bhi gu freagarrach air an cleachdadh, gun an amaideachd féin a bhrathadh. Oir 'n a leithid de chùis is ann bu chòir dhoibh urram na bu mhò 'thoirt dhoibh air son an aoise, ma's e 's gu'n aidich siad iad féin ni 's déidheile air aonachd agus air comh-réite, na tha iad air atharrachaidhibh ùr agus air nithibh annasach, a tha a ghnàth ri 'bhi air an seachnadh (cho fad 's a ghabhas e deanamh maille ri cur 'an céill Creidimh Chriosd gu firinneach). A bharrachd air a' so, cha-n 'eil aobhar ceart sam bith aca sin oilbheum a ghabhail air son nan Deasghnàthan a chaidh a chumail. Oir mar a tha iadsan air an toirt air falbh a bu ro mhò 'bha air am mi-ghnàthachadh, agus a bha 'n an uallach air coguisibh dhaoine gun aobhar sam bith; mar sin a' chuid eile a ghleidheadh, tha iad air an cumail air son a leithid de dh' Oilean agus Ordugh, 's a dh' fheudas a bhi air an atharrachadh agus air am mùthadh air son aobhairean ceart, agus uime sin nach 'eil ri 'bhi air am meas co-ionann ri Lagh Dhé. Agus a thuilleadh air sin, cha-n 'eil iad 'n an Deasghnàthaibh dorcha no balbh, ach tha iad air an cur 'an céill 'n a leithid de dhòigh, 's gu feud gach duine a thuigsinn ciod a tha iad a' ciallachadh, agus ciod e feum a tha orra. Air chor 's nach 'eil e coltach gu'm bi iad air am mi-ghnàthachadh 's an àm a tha ri teachd mar a bha cuid eile. Agus ann an deanamh nan nithean so cha-n 'eil sinn a' diteadh Chinneach air bith eile, no ag àithneadh ni sam bith ach d' ar sluagh féin a mhàin: Oir tha sinn 'g a smuainteachadh 'n a ni iomchuidh, gu'n gnàthaicheadh gach Dùthaich a leithid de Dheasghnàthaibh 's a smuainticheas iad na 's fhearr chum nochdadh a mach onoir agus glòire Dhé, agus a chum an sluagh a thoirt gu caithe-beatha 's ro fhoirfe agus a's ro dhiadhaidhe, as eugmhais mearrachd no saobh-chràbhaidh; agus gu'n cuireadh iad uapa nithean eile, a tha iad a' faicinn o àm gu àm a bhi gu ro mhòr air am mi-ghnàthachadh, mar a tha gu tric a' tachairt ann an riaghailtibh dhaoine ann an caochladh dhòighibh 'an caochladh Dhùthchannaibh.

¶ AN T-ORDUGH

Anns a' bheil an Saltair ri 'bhi air a leughadh.

BIthidh an Saltair air a leughadh thairis aon uair anns gach mios, mar a tha e an sin air a chur a mach, araon air son Urnuigh Mhaidne agus

air son Urnuigh Fheasgair. Ach ann an *Ceud mhìos an Earraich* leughar e a mhàin gus an t-Ochdamh, no an Naothamh là fichead de 'n mhìos.

Agus, do bhrìgh 's gu bheil Aon là deug thar fhichead anns gach aon de na miosaibh so: *Mìos deireannach a' Gheamhraidh, Dara mìos an Earraich, Ceud mhìos an t-Samhraidh, Mìos deireannach an t-Samhraidh, Ceud mhìos an Fhogharraidh, Mìos deireannach an Fhogharraidh*, agus *Mìos meadhonach a' Gheamhraidh;* Tha e air 'orduchadh, gu'm bi na ceart Sailm air an leughadh air an là mu dheireadh de na miosaibh so, a chaidh a leughadh an là roimh sin; A chum 's gu 'n tòisich an Saltair a ris air a' cheud là de 'n ath mhìos.

Agus do bhrìgh 's gu bheil an cxix Salm air a roinn 'n a xxii Chuibhrionn, agus gu bheil i tuilleadh is fada ri 'bhi air a leughadh aig aon àm; Tha e air 'orduchadh, nach leughar aig aon àm thar ceithir no cùig de na Cuibhrinnibh sin.

Agus aig deireadh gach Sailme, agus aig deireadh gach cuibhrinn sin de 'n cxix Salm theirear an Laoidh so,

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac: agus do'n Spiorad Naomh; Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth, saoghal gun chrìoch. Amen.

Thoir fainear, gu'm bheil an Saltair air a roinn a réir Dòigh nan Eabhruidheach, agus air 'eadar-theangachadh [gu Beurla] a réir a' Bhiobuill Mhòir Shassunnaich, a bha air a chur a mach agus air a ghnàthachadh ri linn Rìgh *Eanruig* a h-Ochd agus *Imhear* a Sia.

¶ AN T-ORDUGH

ANNS AM BHEIL A' CHUID EILE DE'N SGRIOBTUIR NAOMH RI 'BHI AIR A LEUGHADH.

THa an Seann Tiomnadh air 'orduchadh air son nan ceud Leasan aig Urnuigh Mhaidne agus aig Urnuigh Fheasgair; air chor 's gu'm bi a' chuid is mò dheth air a leughadh aon uair anns gach bliadhna, mar a tha e air 'orduchadh anns a' Mhìosachan.

Tha an Tiomnadh Nuadh air 'orduchadh air son nan dara Leasan aig Urnuigh Mhaidne agus aig Urnuigh Fheasgair, agus bithidh e air a leughadh thairis 'n a ordugh dà uair gach bliadhna, aon uair 's a Mhaduinn agus aon uair 's an Fheasgar, a bharrachd air na Litrichibh agus na Soisgeulaibh; Ach Leabhar an Taisbeanaidh, as am bheil Leasain àraidh a mhàin air an orduchadh aig deireadh na bliadhna, agus roinn de Leasain shònraichte a tha air an orduchadh air caochladh Fhéillibh.

Agus chum fios fhaotainn air na Leasain is còir a leughadh air gach là, amhaircibh air son an là de 'n mhìos anns a' Mhìosachan a leanas, agus an sin gheibh sibh na Caibideil' agus Earannan de na Caibideil' a tha ri 'bhi air an leughadh air son nan Leasan araon aig Urnuigh Mhaidne agus aig Urnuigh Fheasgair: Ach a mhàin na Féillean a tha 'g atharrachadh an là agus nach 'eil anns a' Mhìosachan, agus na Féillean nach 'eil ag atharrathadh an là, far am bheil àite falamh air 'fhàgail ann an Sreath nan Leasan; air son nan làithean sin uile gheibhear na Leasain shònraichte ann an Clàr nan Leasan sònraichte.

Ma theirear Urnuigh Fheasgair 's an aon ionad-aoraidh aig dà àm air leth air Di-dòmhnaich sam bith (ach Di-dòmhnaich air son am bheil atharrachadh Dhara Leasain gu sònraichte air 'orduchadh anns a' chlàr) feudaidh caibideil sam bith as na ceithir Soisgeulaibh, no Leasan sam bith air 'orduchadh ann an Clàr nan Leasan as na ceithir Soisgeulaibh, a bhi air a ghabhail air son an Dara Leasain aig an dara àm, mar a chi am ministeir iomchuidh.

Air aobhairibh, aig am bheil ceart Ard-fhir-ùghdarrais, feudaidh Leasain eile le 'thoil-san a bhi air an cur 'an àite na feadhnach a tha air an orduchadh anns a' Mhìosachan.

Agus thoir fainear, ge b'e uair air bith aig am bheil Sailm no Leasain shònraichte air an orduchadh; an sin fàgar a mach air son an àma sin na Sailm agus na Leasain ghnàthaichte, a tha air an orduchadh anns an t-Saltair agus 's a Mhìosachan, ma tha mùthadh eatorra.

Thoir fainear mar an ceudna, Air aobhairibh a bhitheas air an orduchadh le Ard-fhear-ùghdarrais feudaidh Sailm eile, le 'thoil san, a bhi air an cur 'an àite na feadhnach a tha air an orduchadh anns an t-Saltair.

Ma thuiteas aon air bith de na Làithibh-naomha aig am bheil Leasain Shònraichte air an orduchadh anns a' chlàr tachairt air a' cheud Dòmhnach 's an Teachd, air Là Càisge, air Dòmhnach na Cuingeis, no air Dòmhnach na Trionaid, leughar na Leasain a tha air an orduchadh air son an Dòmhnaich sin, ach ma thachras e air Dòmhnach air bith eile, feudar na Leasain a leughadh a tha air an orduchadh aon chuid air son an Dòmhnaich no an Là-naoimh mar a chi am ministeir iomchuidh.

Thoir fainear mar an ceudna, gu'm bi an Guidhe, an Litir, agus an Soisgeul a tha air an orduchadh air son an Dòmhnaich air an gnàthachadh rè na seachduin a leanas, far nach 'eil e air 'ordurchadh air sheol eile 's an Leabhar so.

¶ LEASAIN SHONRAICHTE

Ri 'n leughadh aig Urnuigh Mhaidne agus aig Urnuigh Fheasgair air Di-Dòmhnaichibh agus làithibh naomha eile rè na bliadhna.

¶ Leasain shònraichte air son Di-dòmhnaichean.

	Urnuigh Mhaidne.	Urnuigh Fheasgair.
Dòmhnaich an Teachd.		
An ceud.	Isaiah i.	Isaiah ii. no Isaiah iv. r. 2.
ii.	v.	xi. gu r. 11. ,, xxiv.
iii.	xxv.	xxvi. ,, xxviii. r. 5 gu [r. 19.
iv.	xxx. gu r. 27.	xxxii. ,, xxxiii. r. 2 gu [r. 23.
Dòmhnaich an déigh Nodhlaic.		
An ceud.	xxxv.	xxxviii. ,, xl.
ii.	xlii.	xliii. ,, xliv.
Dòmhnaich an déigh an Fhoillseachaidh.		
An ceud.	li.	lii. r. 13 & liii.] ,, liv.
ii.	lv.	lvii. ,, lxi.
iii.	lxii.	lxv. ,, lxvi.
iv.	Iob xxvii.	Iob xxviii. ,, Iob xxix.
v.	Gnàth fhoc. i.	Gnàth fhoc. iii. ,, Gnàth fhoc. viii.
vi.	ix.	xi. ,, xv.
Septuagesima.		
1. Leasan.	Gen. i. & ii. gu r. 4.	Gen. ii. r. 4. ,, Iob xxxviii.
2. Leasan.	Taisb. xxi. gu r. 9.	Taisb. xxi. r. 9 gu xxii. r. 6.
Secsagesima.	Gen. iii.	Gen. vi. no Gen. viii.
Cuincuagesima. An Carmhas. An ceud Dòmhnach.	ix. gu r. 20.	xii. ,, xiii.
	xix. r. 12 gu r. 30.	xxii. gu r. 20.] ,, xxiii.
ii.	xxvii. gu r. 41.	xxviii. ,, xxxii.
iii.	xxxvii.	xxxix. ,, xl.
iv.	xlii.	xliii. ,, xlv.
v.	Ecsod. iii.	Ecsodus v. ,, Ecsodus vi. gu r. 14.
vi. 1. Leasan.	ix.	-x. ,, xi.
2. Leasan.	Mat. xxvi.	Lucas xix. r. 28. ,, Lucas xx. r. 9 gu [r. 21.
La Càisge.		
1. Leasan.	Ecsod. xii. gu r. 29.	Ecsodus xii. r. 29.] ,, Ecsodus xiv.
2. Leasan.	Taisb. i. r. 10 gu r. 19.	Eoin xx. r. 11 gu r. 19.] ,, Taisb. v.
Dòmhnaich an déigh na Càisge.		
An ceud.		
1. Leasan.	Air. xvi. gu r. 36.	Air. xvi. r. 36. ,, Air. xvii. gu r. 12.
2. Leasan.	1 Cor. xv. gu r. 29.	Eoin xx. r. 24 gu r. 30.
ii.	Air. xx. gu r. 14.	Air. xx. r. 14 gu xxi. r. 10. no Air. xxi. [r. 10.
iii.	xxii.	Air. xxiii. no Air. xxiv.
iv	Deut. iv. gu r. 23.	Deut. iv. r. 23 gu r. 41.] ,, Deut. v.
v.	vi.	ix. ,, x.
Dòmhnach an déigh là an Dol suas.	xxx.	xxxiv. ,, Iosua i.
Dòmhnach na Cuingeis.		
1. Leasan.	Deut. xvi. gu r. 18.	Isaiah xi. ,, Eseciel xxxvi. r. 25.
2. Leasan.	Rom. viii. gu r. 18.	Gal. v. r. 16. ,, Gniomh. xviii. r. 24 [gu xix. r. 21.

	Urnuigh Mhaidne.	Urnuigh Fheasgair.
Dòmhnach na Trionaid.		
1. Leasan.	Isaiah vi. gu r. 11.	Gen. xviii. no Gen. i. agus ii. gu [r. 4.
2. Leasan.	Taisb. i. gu r. 9.	Eph. iv. gu r. 17. ,, Mat. iii.
Dòmhnaich an déigh na Trionaid.		
An ceud.	Ios. iii. r. 7 gu iv. r. 15.	Iosua v. r. 13 gu vi. r. 21.] ,, Iosua xxiv.
ii.	Breith. iv.	Breith. v. ,, Breith. vi. r. 11.
iii.	1 Sam. ii. gu r. 27.	1 Sam. iii. ,, 1 Sam. iv. gu r. 19.
iv.	xii.	xiii. ,, Rut i.
v.	xv. gu r. 24.	xvi. ,, 1 Sam. xvii.
vi.	2 Sam. i.	2 Sam. xii. gu r. 24.] ,, 2 Sam. xviii.
vii.	1 Eachd. xxi.	1 Eachd. xxii. ,, 1 Eachd. xxviii. [gu r. 21.
viii.	xxix. r. 9 gu r. 29.	2 Eachd. i. ,, 1 Righ. iii.
ix.	1 Righ. x. gu r. 25.	1 Righ. xi. gu r. 15.] ,, xi. r. 26.
x.	xii.	xiii. ,, xvii.
xi.	xviii.	xix. ,, xxi.
xii.	xxii. gu r. 41.	2 Righ. ii. gu r. 16.] ,, 2 Righ. iv. r. 8 gu [r. 38.
xiii.	2 Righ. v.	vi. gu r. 24. ,, vii.
xiv.	ix.	x. gu r. 32. ,, xiii.
xv.	xviii.	xix. ,, xxiii. gu r. 31.
xvi.	2 Eachd. xxxvi.	Nehem. i. agus ii. gu r. 9.] ,, Nehem. viii.
xvii.	Ierem. v.	Ierem. xxii. ,, Ierem. xxxv.
xviii.	xxxvi.	Eseciel ii. ,, Eseciel xiii. gu r. 17.
xix.	Eseciel xiv.	xviii. ,, xxiv. r. 15.
xx.	xxxiv.	xxxvii ,, Daniel i.
xxi.	Daniel iii.	Daniel iv. ,, v.
xxii.	vi.	vii. r. 9. ,, xii.
xxiii.	Hosea xiv.	Ioel ii. r. 21. ,, Ioel iii. r. 9.
xxiv.	Amos iii.	Amos v. ,, Amos ix.
xxv.	Micah iv. agus v. gu	Micah vi. ,, Micah vii.
xxvi.	Habacuc ii. [r. 8.	Habacuc iii. ,, Sephaniah iii.
xxvii.	Eccles. xi. agus xii.	Hagai ii. gu r. 10. ,, Malachi iii. agus iv

Thoir fainear—Gu bheil na Leasain a tha air an orduchadh anns a' chlàr so air son an t-Seachdamh Dòmhnaich fichead an déigh na Trionaid, ri 'bhi a ghnàth air an leughadh air an Dòmhnach a's faisge roimh 'n Teachd.

¶ Leasain shònraichte air son làithean naomha.

N. Aindreas.		
1. Leasan.	Isaiah liv.	Isaiah lxv. gu r. 17.
2. Leasan.	Eoin i. r. 35 gu r. 43.	Eoin xii. r. 20 gu r. 42.
N. Tomas an t-Abstol.		
1. Leasan.	Iob xlii. gu r. 7.	Isaiah xxxv.
2. Leasan.	Eoin xx. r. 19 gu r. 24.	Eoin xiv gu r. 8.
Breith Chriosd.		
1. Leasan.	Isaiah ix. gu r. 8.	Isaiah vii. r. 10 gu r. 17.
2. Leasan.	Lucas ii. gu r. 15.	Titus iii. r. 4 gu r. 9.
N. Stephen.		
1. Leasan.	Genesis iv. gu r. 11.	2 Eachd. xxiv. r. 15 gu r. 23.
2. Leasan.	Gniomh. vi.	Gniomh. viii. gu r. 9.
N. Eoin.		
1. Leasan.	Ecsodus xxxiii. r. 9.	Isaiah vi.
2. Leasan.	Eoin xiii. r. 23 gu r. 36.	Taisbeanadh i.
Là nan Neochiontach.	Ier. xxxi. gu r. 18.	Baruch iv. r. 21 gu r. 31.

	Urnuigh Mhaidne.	Urnuigh Fheasgair.
Timchioll-ghearradh.		
1. Leasan.	Genesis xvii. r. 9.	Deut. x. r. 12.
2. Leasan.	Rom. ii. r. 17.	Col. ii. r. 8 gu r. 18.
Am Foillseachadh.		
1. Leasan.	Isaiah lx.	Isaiah xlix. r. 13 gu r. 24.
❦ Leasan.	Lucas iii. r. 15 gu r. 23.	Eoin ii. gu r. 12.
Iompachadh N. Pòl.		
1. Leasan.	Isaiah xlix. gu r. 13.	Ierem. i. gu r. 11.
2. Leasan.	Gal. i. r. 11.	Gniomh. xxvi. gu r. 21.
Glanadh na h-Oigh Muire.	Ecsodus xiii. gu r. 17.	Hagai ii. gu r. 10.
N. Matias.	1 Sam. ii. r. 27 gu r. 36.	Isaiah xxii. r. 15.
Teachdaireachd ar Ban-Tighearna [an Oigh Muire.]	Gen. iii. gu r. 16.	Isaiah lii. r. 7 gu r. 13.
Di-ciaduin na Luaithre.		
1. Leasan.	Isaiah lviii. gu r. 13.	Ionah iii.
2. Leasan.	Marc. ii. r. 13 gu r. 23.	Eabh. xii. r. 3 gu r. 18.
Di-luain roimh'n Chàisg.		
1. Leasan.	Tuir. i. gu r. 15.	Tuir. ii. r. 13.
2. Leasan.	Eoin xiv. gu r. 15.	Eoin xiv. r. 15.
Di-mairt roimh'n Chàisg.		
1. Leasan.	Tuir. iii. gu r. 34.	Tuir. iii. r. 34.
2. Leasan.	Eoin xv. gu r. 14.	Eoin. xv. r. 14.
Di-ciaduin roimh'n Chàisg.		
1. Leasan.	Tuir. iv. gu r. 21.	Daniel ix. r. 20.
2. Leasan.	Eoin xvi. gu r. 16.	Eoin xvi. r. 16.
Diardaoin roimh'n Chàisg.		
1. Leasan.	Hosea xiii. gu r. 15.	Hosea xiv.
2. Leasan.	Eoin xvii.	Eoin xiii. gu r. 36.
Di-h-aoine a' cheusaidh.		
1 Leasan.	Gen. xxii. gu r. 20.	Isai. lii. r. 13 agus liii.
2. Leasan.	Eoin xviii.	1 Peadar ii.
Am Feasgar roimh'n Chàisg.		
1. Leasan.	Sechariah ix.	Hos. v. r. 8 gu vi. r. 4.
2. Leasan.	Luc. xxiii. r. 50.	Rom. vi. gu r. 14.
Di-luain ann an seachduin na Caisge.		
1. Leasan.	Ecsod xv. gu r. 22.	Dàn Shol. ii. r. 10.
2. Leasan.	Luc. xxiv. gu r. 13.	Mata xxviii. gu r. 10.
Di-mairt ann an seachduin na Càisge.		
1 Leasan.	2 Righ. xiii. r. 14 gu r. [22.	Esec. xxxvii. gu r. 15.
2. Leasan.	Eoin xxi. gu r. 15.	Eoin xxi. r. 15.
N. Marcus.	Isai. lxii. r. 6.	Esec. i. gu r. 15.
N. Philip agus N. Seumas.		
1. Leasan.	Isai. lxi.	Sechariah iv.
2. Leasan.	Eoin i. r. 43.	
Là an Dol-suas.		
1. Leasan.	Dan. vii. r. 9 gu r. 15.	2 Righ. ii. gu r. 16.
2. Leasan.	Luc. xxiv. r. 44.	Eabh. iv.

	Urnuigh Mhaidne.	Urnuigh Fheasgair.
Di-luain ann an seachduin na Cuingeis.		
1. Leasan.	Gen. xi. gu r. 10.	Air. xi. r. 16 gu r. 31.
2. Leasan.	1 Cor. xii. gu r. 14.	1 Cor. xii. r. 27 agus xiii.
Di-mairt ann an seachduin na Cuingeis.		
1. Leasan.	Ioel ii. r. 21.	Micah iv. gu r. 8.
2. Leasan.	1 Tes. v. r. 12 gu r. 24.	1 Eoin iv. gu r. 14.
N. Barnabas.		
1. Leasan.	Deut. xxxiii. gu r. 12.	Nahum i.
2. Leasan.	Gniomh. iv. r. 31.	Gniomh. xiv. r. 8.
N. Eoin Baistidh.		
1. Leasan.	Mal. iii. gu r. 7.	Malachi iv.
2. Leasan.	Mata iii.	Mata xiv. gu r. 13.
N. Peadar.		
1. Leasan.	Esec. iii. r. 4 gu r. 15.	Sechariah iii.
2. Leasan.	Eoin xxi. r. 15 gu r. 23.	Gniomh. iv. r. 8 gu r. 23.
N. Seumas.		
1. Leasan.	2 Righ. i. gu r. 16.	Ier. xxvi. r. 8 gu r. 16.
2. Leasan.	Luc. ix. r. 51 gu r. 57.	
N. Bartolomeus.	Gen. xxviii. r. 10 gu r. 18.	Deut. xviii. r. 15.
N. Mata.	1 Righ. xix. r. 15.	1 Eachd. xxix. gu r. 20.
N. Michael.		
1. Leasan.	Genesis xxxii.	Daniel x. r. 4.
2. Leasan.	Gniomh. xii. r. 5 gu r.	Taisb. xiv. r. 14.
N. Lucas.	Isaiah lv. [18.	Eclesiasticus xxxviii. gu r. 15.
N. Simon agus N. Iudas.	Isaiah xxviii. r. 9 gu [r. 17.	Ier. iii. r. 12 gu r. 19.
Na Naoimh uile.		
1. Leasan.	Gliocas iii. gu r. 10.	Gliocas v. gu r. 17.
2. Leasan.	Eabh. xi. r. 33 agus [xii. gu r. 7.	Taisb. xix. gu r. 17.

¶ *Sailm shònraichte air làithibh àraidh.*

	Urnuigh Mhaidne.	Urnuigh Fheasgair.
¶ *Là Nodhlaic.*	Sal. xix.	lxxxix.
	xlv.	cx.
	lxxxv.	cxxxii.
¶ *Di-ciaduin na Luaithre.*	vi.	cii.
	xxxii.	cxxx.
	xxxviii.	cxliii.
¶ *Di-h-aoine a' cheusaidh.*	xxii.	lxix.
	xl.	lxxxviii.
	liv.	
¶ *Là Càisge.*	ii.	cxiii.
	lvii.	cxiv.
	cxi.	cxviii.
¶ *Là an Dol suas.*	viii.	xxiv.
	xv.	xlvii.
	xxi.	cviii.
¶ *Dòmhnach na Cuingeis.*	xlviii.	civ.
	lxviii.	cxlv.

CLAIR agus RIAGHAILTEAN

AIR SON NAM

Féillean a tha 'g atharrachadh an là agus nam Féillean nach 'eil ag atharrachadh an là ; Maille ri làithibh Trasgaidh agus Stuamachd, rè na bliadhna uile.

RIAGHAILTEAN gu faotainn a mach c' uine tha na Féillean a tha 'g atharrachadh an là, agus c' uine tha na Làithean naomha a' tòiseachadh.

'SE Là Càisg' air am bheil a' chuid eil' a' crochadh, agus 's e an là sin a ghnàth an ceud Dòmhnach an déigh na ceud ghealaich làin' a thachras an déigh an t-aon là fichead de mhios meadhonach an earraich. Agus ma thachras do 'n ghealaich a bhi làn air Di-dòmhnaich, is e an Dòmhnach 'n a dhéigh sin Là Càisge.

'Se Dòmhnach an Teachd a ghnàth an Dòmhnach a's faisg' air Féill N. *Aindreas*, co dhiu 'bhitheas e roimhe no 'n a dhéigh.

Tha Dòmhnach { *Septuagesima* Naoidh / *Secsagesima* Ochd / *Cuincuagesima* Seachd / *Cuadragesima* Sè } seachduinean roimh 'n Chàisg.

Tha { Dòmhnach *an Asluchaidh* / Là *an Dol-suas* / *Dòmhnach na Cuingeis* / Dòmhnach *na Trionaid* } Cùig seachduinean / Dà fhichead là / Seachd seachduinean / Ochd seachduinean } an déigh na *Càisge*.

Clàr nan uile Fhéillean a tha ri 'n cumail ann an Eaglais *Shasunn* rè na bliadhna.

A H-uile Dòmhnach anns a' bhliadhna.

Làithean Fhéillean {
- Tiomchioll-ghearraidh ar Tighearna IOSA CRIOSD.
- An Fhoillseachaidh.
- Iompachaidh N. *Pòl*.
- Glanaidh na h-Oigh Bheannaichte.
- An Abstoil N. *Matias*.
- Teachdaireachd na h-Oigh Bheannaichte.
- An t-Soisgeulaiche N. *Marcus*.
- Nan Abstol N. *Philip* agus N. *Seumas*.
- Dol-suas ar Tighearna IOSA CRIOSD.
- N. *Barnabas*.
- Breith N. *Eoin Baistidh*.
- An Abstoil N. *Peadar*.
- An Abstoil N. *Seumas*.
- An Abstoil N. *Bartolomeus*.
- An Abstoil N. *Mata*.
- N. *Michael* agus nan uile Aingeal.
- An t-Soisgeulaiche N. *Lucas*.
- Nan Abstol N. *Simon* agus N. *Iudas*.
- Nan Naomh uile.
- An Abstoil N. *Aindreas*.
- An Abstoil N. *Tomas*.
- Là breith ar Tighearna.
- A' Mhairtirich N. *Stephen*.
- An t-Soisgeulaiche N. *Eoin*.
- Nan Neo-chiontach Naomha.

Di-luain agus Di-mairt } ann an seachduin na *Càisge*.

Di-luain agus Di-mairt } ann an seachduin na *Cuingeis*.

Clàr nam Faire, nan Trasg, agus nan làithean Stuamachd a tha ri 'n cumail anns a' bhliadhna.

Na Feasgair no na Faire roimh {
- Là breith ar Tighearna.
- Glanadh na h-Oigh Bheannaichte *Muire*.
- Teachdaireachd na h-Oigh Bheannaichte.
- Là *Càisge*.
- Là an *Dol-Suas*.
- *'n Chuingeis*.
- N. *Matias*.
- N. *Eoin Baistidh*.
- N. *Peadar*.
- N. *Seumas*.
- N. *Bartolomeus*.
- N. *Mata*.
- N. *Simon* agus N. *Iudas*.
- N. *Aindreas*.
- N. *Tomas*.
- Na h-uile Naoimh.

Thoir fainear, ma thachras a-h-aon de na Féillibh so tuiteam air Di-luain, gu'n gleidhear an Fhaire no 'n Là-Traisg air Di-sathuirne, [ni h-ann air an Dòmhnach a's faisge roimhe.

Làithean Trasgaidh no Stuamachd.

I. Dà fhichead là a' Charmhais.

II. Làithean-traisg ann an ceithir aimsiribh na bliadhna,

's iad sin Di-Ciaduin, Di-h-aoine, agus Di-sathuirne an déigh {
- a' cheud Di-Dòmhnaich de 'n Charmhas.
- Féill na Cuingeis.
- 14 là de Mhios meadhonach an fhogharaidh.
- 13 là de Mhios meadhonach a' gheamhraidh.

III. Tri làithean an Asluchaidh, 's iad sin Di-luain, Di-mairt, agus Di-ciaduin roimh Dhiardaoin Naomh, no Dol-suas ar Tighearna.

IV. A h-uile Di-h-aoine anns a' bhliadhna, ach là-*Nodhlaic*.

AM MIOSACHAN MAILLE RI CLAR NAN LEASAN.

ANN AM MIOS DEIREANNACH A' GHEAMHRAIDH THA XXXI. LA.

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHRASGAIR.	
				1 LEASAN.	2 LEASAN.	1 LEASAN.	2 LEASAN.
1	A	Kalend.	*Timchioll-ghearradh ar Tighearna.*	.....	.....	.....	.....
2	b	4 No.	.....	Gen. i. gu r. 20.	Mata i. r. 18.	Gen. i. r. 20 gu ii. r. 4.	Gniomh. i.
3	c	2 No.	.....	ii. r. 4.	ii.	iii. gu r. 20.	ii. gu r. 22.
4	d	Pr. No.	.....	iii. r. 20 gu iv. r. 16.	iii.	iv. r. 16.	ii. r. 22.
5	e	Nonæ	.....	v. gu r. 28.	iv. gu r. 23.	v. r. 28 gu vi. r. 9.	iii.
6	f	8 Id.	*Foillseachadh ar Tighearna.*	.....	.....	.....	.....
7	g	7 Id.	.....	vi. r. 9.	iv r. 23 gu v. r. 13.	vii.	iv. gu r. 32.
8	A	6 Id.	Lucian, Sagart & Mairtireach.	viii.	v. r. 13 gu r. 33.	ix. gu r. 20.	iv. r. 32 gu v. r. 17.
9	b	5 Id.	.....	xi. gu r. 10.	v. r. 33.	xii.	v. r. 17.
10	c	4 Id.	.....	xiii.	vi. gu r. 19.	xiv.	vi.
11	d	3 Id.	.....	xv.	vi. r. 19 gu vii. r. 7.	xvi.	vii. gu r. 35.
12	e	Pr. Id.	.....	xvii. gu r. 23.	vii. r. 7.	xviii. gu r. 17.	vii. r. 35 gu viii. r. 5.
13	f	Idus.	Hilari, Easbuig & Fear-aideachaidh.	xviii. r. 17.	viii. gu r. 18.	xix. r. 12 gu r. 30.	viii. r. 5 gu r. 26.
14	g	19 Kl. Feb.	.....	xx.	viii. r. 18.	xxi. gu r. 22.	viii. r. 26.
15	A	18 Kl.	.....	xxi. r. 33 gu xxii. r. 20.	ix. gu r. 18.	xxiii.	ix. gu r. 23.
16	b	17 Kl.	.....	xxiv. gu r. 29.	ix. r. 18.	xxiv. r. 29 gu r. 52.	ix. r 23.
17	c	16 Kl.	.....	xxiv. r. 52.	x. gu r. 24.	xxv. r. 6 gu r. 19.	x. gu r. 24.
18	d	15 Kl.	Prisca, Oigh Romanach & Mairtireach.	xxv. r. 19.	x. r. 24.	xxvi. gu r. 18.	x. r. 24.
19	e	14 Kl.	.....	xxvi. r. 18.	xi.	xxvii. gu r. 30.	xi.
20	f	13 Kl.	Fabian, Easbuig na Roimh & Mairtireach.	xxvii. r. 30.	xii. gu r. 22.	xxviii.	xii.
21	g	12 Kl.	Agnes Oigh Romanach & Mairtireach.	xxix. gu r. 21.	xii r. 22.	xxxi. gu r. 25.	xiii. gu r. 26.
22	A	11 Kl.	Bhincent Deacon Spàinteach & Mairtireach.	xxxi. r. 36.	xiii. gu r. 24.	xxxii. gu r. 22.	xiii. r. 26.
23	b	10 Kl.	.....	xxxii. r. 22.	xiii. r. 24 gu r. 53.	xxxiii.	xiv.
24	c	9 Kl.	.....	xxxv. gu r. 21.	xiii r. 53 gu xiv. r. 13.	xxxvii. gu r. 12.	xv. gu r. 30.
25	d	8 Kl.	*Iompachadh N. Phoil.*	.....	.....	.....	.....
26	e	7 Kl.	.....	xxxvii. r. 12.	xiv. r. 13.	xxxix.	xv. r. 30 gu xvi. r. 16.
27	f	6 Kl.	.....	xl.	xv. gu r. 21.	xli. gu r. 17.	xvi. r. 16.
28	g	5 Kl.	.....	xli. r. 17 gu r. 53.	xv. r. 21.	xli. r. 53 gu xlii. r. 25.	xvii. gu r. 16.
29	A	4 Kl.	.....	xlii. r. 25.	xvi. gu r. 24.	xliii. gu r. 25.	xvii. r. 16.
30	b	3 Kl.	*Am Mairtireach Righ Tearlach.*	xliii. r. 25 gu xliv. r. 14.	xvi. r. 24 gu xvii. r. 14.	xliv. r. 14.	xviii. gu r. 24.
31	c	Prid. Kl.	.....	xlv. gu r. 25.	xvii. r. 14.	xlv. r. 25 gu xlvi. r. 8.	xviii. r. 24 gu xix. r. 21.

ANN AN CEUD MHIOS AN EARRAICH THA XXVIII. LA.

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
				1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	d	Kalend.	*Trasg.*	Gen. xlvi. r. 26 gu xlvii. r. 13,	Mata xviii. gu r. 21.	Gen. xlvii. r. 13.	Gniomh xix. r. 21.
2	e	4 No.	*Glanadh na h-Oigh Bheannaichte Muire.*	.....	xviii. r. 21 gu xix. r. 3.	.....	xx. gu r. 17.
3	f	3 No.	Blasius Easbuig Armenianach & Mairtireach.	xlviii.	xix. r. 3 gu r. 27.	xlix.	xx. r. 17.
4	g	Pr. No.	.....	l.	xix. r. 27 gu xx. r. 17.	Ecsodus i.	xxi. gu r. 17.
5	A	Nonæ.	Agata Oigh Sicilianach & Mairtireach.	Ecsodus ii.	xx. r. 17.	iii.	xxi. r. 17 gu r. 37.
6	b	8 Id.	.....	iv. gu r. 24.	xxi. gu r. 23.	iv. r. 27 gu v. r. 15.	xxi. r. 37 gu xxii. r. 23.
7	c	7 Id.	.....	v. r. 15 gu vi. r. 14.	xxi. r. 23.	vi. r. 28 gu vii. r. 14.	xxii. r. 23 gu xxiii. r. 12.
8	d	6 Id.	.....	vii. r. 14.	xxii. gu r. 15.	viii. gu r. 20.	xxiii. r. 12.
9	e	5 Id.	.....	viii. r. 20 gu ix. r. 13.	xxii. r. 15. gu r. 41.	ix. r. 13.	xxiv.
10	f	4 Id.	.....	x. gu r. 21.	xxii. r. 41 gu xxiii. r. 13.	x. r. 21 agus xi.	xxv.
11	g	3 Id.	.....	xii. gu r. 21.	xxiii. r. 13.	xii. r. 21 gu r. 43.	xxvi.
12	A	Pr. Id.	.....	xii. r. 43 gu xiii. r. 17.	xxiv. gu r. 29.	xiii. r. 17 gu xiv. r. 10.	xxvii. gu r. 18.
13	b	Idus.	.....	xiv. r. 10.	xxiv. r. 29.	xv. gu r. 22.	xxvii. r. 18.
14	c	16 Kl. Ma.	Bhalentin, Easbuig & Mairtireach.	xv. r. 22 gu xvi. r. 11.	xxv. gu r. 31.	xvi. r. 11.	xxvii. gu r. 17.
15	d	15 Kl.	.....	xvii.	xxv. r. 31.	xviii.	xxviii. r. 17.
16	e	14 Kl.	.....	xix.	xxvi. gu r. 31.	xx. gu r. 22.	Romanaich i.
17	f	13 Kl.	.....	xxi. gu r. 18.	xxvi. r. 31 gu r. 57.	xxi. r. 21 gu xxiii. r. 10.	ii. gu r. 17.
18	g	12 Kl.	.....	xxiii. r. 14.	xxvi. r. 57.	xxiv.	ii. r. 17.
19	A	11 Kl.	.....	xxv. gu r. 23.	xxvii. gu r. 27.	xxviii. gu r. 13.	iii.
20	b	10 Kl.	.....	xxviii. r. 29 gu r. 42.	xxvii. r. 27 gu r. 57.	xxix. r. 35 gu xxx. r. 11.	iv.
21	c	9 Kl.	.....	xxxi.	xxvii. r. 57.	xxxii. gu r. 15.	v.
22	d	8 Kl.	.....	xxxii. r. 15.	xxviii.	xxxiii. gu r. 12.	vi.
23	e	7 Kl.	*Trasg.*	xxxiii. r 12 gu xxxiv. [r. 10.	Marcus i. gu r. 21.	xxxiv. r. 10 gu r. 27.	vii.
24	f	6 Kl.	*Matias, Abstol & Mairtireach.*	.....	i. r. 21.	.....	viii. gu r. 18.
25	g	5 Kl.	.....	xxxiv. r. 27.	ii. gu r. 23.	xxxv. r. 29 gu xxxvi.	viii. r. 18.
26	A	4 Kl.	.....	xxxix. r. 30.	ii. r. 23 gu iii. r. 13.	xl. gu r. 17. [r. 8.	ix. gu r. 19.
27	b*	3 Kl.	.....	xl. r. 17.	iii. r. 13.	Lebhiticus ix. r. 22 gu x.	ix. r. 19.
28	c	Pr. Kl.	.....	Lebhiticus xiv. gu r. 23.	iv. gu r. 35.	xvi. gu r. 23. [r. 12.	x.
29	..	.....	.....	xix. gu r. 19.	Mata vii.	xix. r. 30 gu xx. r. 9.	xii.

ANN AM MIOS MEADHONACH AN EARRAICH THA XXXI. LA.

					URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
					1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
..	1	d	Kalend.	Daibhidh Ard Easbuig Menebhia.	Lebh. xxv. gu r. 18.	Marc. iv. r. 35 gu v. r. 21.	Lebh. xxv. r. 18 gu r. 44.	Rom. xi. gu r. 25.
..	2	e	6 No.	Cedde no Chad, Easbuig Litchfield.	xxvi. gu r. 21.	v. r. 21.	xxvi. r. 21.	xi. r. 25.
..	3	f	5 No.	.....	Aireamh vi.	vi. gu r. 14.	Air. ix. r. 15 gu x. r. 11.	xii.
..	4	g	4 No.	.....	x. r. 11.	vi. r. 14 gu r. 30.	xi. gu r. 24.	xiii.
..	5	A	3 No.	.....	xi. r. 24.	vi. r. 30.	xii.	xiv. agus xv. gu r. 8.
..	6	b	Pr. No.	.....	xiii. r. 17.	vii. gu r. 24.	xiv. gu r. 26.	xv. r. 8.
..	7	c	Nonæ.	Perpetua, Mairtireach Mhaurltanianach.	xiv. r. 26.	vii. r. 24. gu viii. r. 10.	xvi. gu r. 23	xvi.
..	8	d	8 Id.	.....	xvi. r. 23.	viii. r. 10. gu ix. r. 2.	xvii.	1 Cor. i. gu r. 26.
..	9	e	7 Id.	.....	xx. gu r. 14.	ix. r. 2 gu r. 30.	xx. r. 14.	i. r. 26 agus ii.
..	10	f	6 Id.	.....	xxi. gu r. 10.	ix. r. 30.	xxi. r. 10 gu r. 32.	iii.
..	11	g	5 Id.	.....	xxii. gu r 22.	x. gu r. 32.	xxii. r. 22.	iv. gu r. 18.
..	12	A	4 Id.	Gregori Mairtireach, Easbuig na Ròimh &	xxiii.	x. r. 32.	xxiv.	iv. r. 18 agus v.
..	13	b	3 Id.	.....[Fear aideachaidh.	xxv.	xi. gu r. 27.	xxvii. r. 12.	vi.
..	14	c	Pr. Id.	.....	Deut. i. gu r. 19.	xi. r. 27 gu xii. r. 13.	Deut. i. r. 19.	vii. gu r. 25.
..	15	d	Idus.	.....	ii. gu r. 26	xii. r. 13 gu r. 35.	ii. r. 26 gu iii. r. 18.	vii. r. 25.
..	16	e	17 Kl. Ap.	.....	iii. r. 18.	xii. r. 35 gu xiii. r. 14.	iv. gu r. 25.	viii.
..	17	f	16 Kl.	.....	iv. r. 25 gu r. 41.	xiii. r. 14.	v. gu r. 22.	ix.
..	18	g	15 Kl.	Imbear Righ nan Sassunnach 's a' cheàrna	v. r. 22.	xiv. gu r. 27.	vi.	x. agus xi. r. 1.
..	19	A	14 Kl.	.....[an Iar.	vii. gu r. 12.	xiv. r. 27 gu r. 53.	vii. r. 12.	xi. r. 2. gu r. 17.
..	20	b	13 Kl.	.....	viii.	xiv. r. 53.	x. r. 8.	xi. r. 17.
14	21	c	12 Kl.	Benedict Abe.	xi. gu r. 18.	xv. gu r. 42.	xi. r. 18.	xii. gu r. 28.
3	22	d	11 Kl.	.....	xv. gu r. 16.	xv. r. 42 agus xvi.	xvii. r. 8.	xii. r. 28 agus xiii.
..	23	e	10 Kl.	.....	xviii. r 9.	Luc. i. gu r. 26.	xxiv. r. 5.	xiv. gu r. 20.
11	24	f	9 Kl.	*Trasg.*	xxvi	i. r. 26 gu r. 46.	xxvii.	xiv. r. 20.
..	25	g	8 Kl.	*Teachdaireachd Mhuire.*	.....	i. r. 46.	.....	xv. gu r. 35.
19	26	A	7 Kl.	.....	xxviii. gu r. 15.	ii. gu r. 21.	xxviii. r. 15 gu r. 47.	xv. r. 35.
8	27	b	6 Kl.	.....	xxviii. r. 47.	ii. r. 21.	xxix. r. 9.	xvi.
..	28	c	5 Kl.	.....	xxx.	iii. gu r. 23.	xxxi. gu r. 14.	2 Cor. i. gu r. 23.
16	29	d	4 Kl.	.....	xxxi. r. 14 gu r. 30.	iv. gu r. 16.	xxxi. r. 30 gu xxxii.	i. r. 23 gu ii. r. 14.
5	30	e	3 Kl.	.....	xxxii. r. 44.	iv. r. 16.	xxxiii. [r. 44.	ii. r. 14 agus iii.
..	31	f	Pr. Kl.	.....	xxxiv.	v. gu r. 17.	Iosua i.	iv.

ANN AM MIOS DEIREANNACH AN EARRAICH THA XXX. LA.

					URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
					1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
13	1	g	Kalend.	.....	Iosua ii.	Luc. v. r. 17.	Iosua iii.	2 Cor. v.
2	2	A	4 No.	.....	iv.	vi. gu r. 20.	v.	vi. agus vii. r. 1.
..	3	b	3 No.	Richard Easbuig Chichester.	vi.	vi. r. 20.	vii.	vii. r. 2.
10	4	c	Pr. No.	N. Ambros Easbuig Mhilain.	ix. r. 3.	vii. gu r. 24.	x. gu r. 16.	viii.
..	5	d	Nonæ.	.....	xxi. r. 43 gu xxii. r. 11.	vii. r. 24.	xxii. r. 11.	ix.
18	6	e	8 Id.	.....	xxiii.	viii. gu r. 26.	xxiv.	x.
7	7	f	7 Id.	.....	Breitheamhnan ii.	viii. r. 26.	Breitheamhnan iv.	xi. gu r. 30.
..	8	g	6 Id.	.....	v.	ix. gu r. 28.	vi. gu r. 24.	xi. r. 30 gu xii. r. 14.
15	9	A	5 Id.	.....	vi. r. 24.	ix. r. 28 gu r. 51.	vii.	xii. r. 14 agus xiii.
4	10	b	4 Id.	.....	viii. r. 32 gu ix. r. 25.	ix. r. 51 gu x. r. 17.	x.	Galatianaich i.
..	11	c	3 Id.	.....	xi. gu r. 29.	x. r. 17.	xi. r. 29.	ii.
12	12	d	Pr. Id.	.....	xiii.	xi. gu r. 29.	xiv.	iii.
1	13	e	Idus.	.....	xv.	xi. r. 29.	xvi.	iv. gu r. 21.
..	14	f	18 k l. Mai.	.....	Rut i.	xii. gu r. 35.	Rut ii.	iv. r. 21 gu v. r. 13.
9	15	g	17 Kl.	.....	iii.	xii. r. 35.	iv.	v. r. 13.
..	16	A	16 Kl	.....	1 Samuel i.	xiii. gu r. 18.	1 Sam. ii. gu r. 21.	vi.
17	17	b	15 Kl.	.....	ii. r. 21.	xiii. r. 18.	iii.	Ephesianaich i.
6	18	c	14 Kl.	.....	iv.	xiv. gu r. 25.	v.	ii.
..	19	d	13 Kl.	Alpheg Ard-Easbuig Chanterburi.	vi.	xiv. r. 25 gu xv. r. 11.	vii.	iii.
..	20	e	12 Kl.	.....	viii.	xv. r. 11.	ix.	iv. gu r. 25.
..	21	f	11 Kl.	.....	x.	xvi.	xi.	iv. r. 25 gu v. r. 22.
..	22	g	10 Kl.	.....	xii.	xvii. gu r. 20.	xiii.	v. r. 22 gu vi. r. 10.
..	23	A	9 Kl.	N. Deorsa, Mairtaireach.	xiv. gu r. 24.	xvii. r. 20.	xiv. r. 24 gu r. 47.	vi. r. 10.
..	24	b	8 Kl.	.....	xv.	xviii. gu r. 31.	xvi.	Philipianaich i.
..	25	c	7 Kl.	*N. Marcas Soiscealaiche & Mairtaireach.*	.....	xviii. r. 31 gu xix. r. 11.	.....	ii.
..	26	d	6 Kl.	.....	xvii. gu r. 31.	xix. r. 11 gu r. 28.	xvii. r. 31 gu r. 55.	iii.
..	27	e	5 Kl.	.....	xvii. r. 55 gu xviii. r. 17.	xix. r. 28.	xix.	iv.
..	28	f	4 Kl.	.....	xx. gu r. 18.	xx. gu r. 27.	xx. r. 18.	Colosianaich i. gu r. 21.
..	29	g	3 Kl.	.....	xxi.	xx. r. 27 gu xxi. r. 5.	xxii.	i. r. 21 gu ii. r. 8.
..	30	A	Pr. Kl.	.....	xxiii.	xxi. r. 5.	xxiv. agus xxv. r. 1.	ii. r. 8.

ANN AN CEUD MHIOS AN T-SAMHRAIDH THA XXXI. LA.

					URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
					1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	b	Kalend.	*N. Philip, agus N. Seumas Abstoil & Mairtirich.*	.....	.....	.....	Col. iii. gu r. 18.
2	c	6 No.	.....	1 Sam. xxvi.	Luc. xxii. gu r. 31.	1 Sam. xxviii. r. 3.	iii. r. 18 gu iv. r. 7.
3	d	5 No.	Là amasadh a' Chroinn-cheusaidh.	xxxi.	xxii. r. 31 gu r. 54.	2 Samuel i.	iv. r. 7.
4	e	4 No.	.....	2 Sam. iii. r. 17.	xxii. r. 54.	iv.	1 Tesalon. i.
5	f	3 No.	.....	vi.	xxiii. gu r. 26.	vii. gu r. 18.	ii.
6	g	Pr. No.	N. Eoin an Soisgeulaiche air beulaobh a' gheata	vii. r. 18.	xxiii. r. 26 gu r. 50.	ix.	iii.
7	A	Nonæ.	.....[Laduinnich.	xi.	xxiii. r. 50 gu xxiv. r. 13.	xii. gu r. 24.	iv.
8	b	8 Id.	.....	xiii. r. 38 gu xiv. r. 26.	xxiv. r. 13.	xv. gu r. 16.	v.
9	c	7 Id.	.....	xv. r. 16.	Eoin i. gu r. 29.	xvi. gu r. 15.	2 Tesalon. i.
10	d	6 Id.	.....	xvi. r. 13 gu xvii. r. 24.	i. r. 29.	xvii. r. 24 gu xviii. r. 18.	ii.
11	e	5 Id.	.....	xviii. r. 18.	ii.	xix. gu r. 24.	iii.
12	f	4 Id.	.....	xix. r. 24.	iii. gu r. 22.	xxi. gu r. 15.	1 Tim. i. gu r. 18.
13	g	3 Id.	.....	xxiii. gu r. 24.	iii. r. 22.	xxiv.	i. r. 18 agus ii.
14	A	Pr. Id.	.....	1 Righ. i. gu r. 28.	iv. gu r. 31.	1 Righ. i. r. 28 gu r. 49.	iii.
15	b	Idus.	.....	1 Eachd. xxix. r. 10.	iv. r. 31.	iii.	iv.
16	c	17 Kl. Jun.	.....	1 Righ. iv. r. 29.	v. gu r. 24.	v.	v.
17	d	16 Kl.	.....	vi. gu r. 15.	v. r. 24.	viii. gu r. 22.	vi.
18	e	15 Kl.	.....	viii. r. 22 gu r. 54.	vi. gu r. 22.	viii. r. 54 gu ix. r. 10.	2 Tim. i.
19	f	14 Kl.	Dunstan, Ard Easbuig Chanterburi.	x.	vi. r. 22 gu r. 41.	xi. gu r. 26.	ii.
20	g	13 Kl.	.....	xi. r. 26.	vi. r. 41.	xii. gu r. 25.	iii.
21	A	12 Kl.	.....	xii. r. 25 gu xiii. r. 11.	vii. gu r. 25.	xiii. r. 11.	iv.
22	b	11 Kl.	.....	xiv. gu r. 21.	vii. r. 25.	xv. r. 25 gu xvi. r. 8.	Titus i.
23	c	10 Kl.	.....	xvi. r. 8.	viii. gu r. 31.	xvii.	ii.
24	d	9 Kl.	.....	xviii. gu r. 17.	viii. r. 31.	xviii. r. 17.	iii.
25	e	8 Kl.	.....	xix.	ix. gu r. 39.	xxi.	Philemon.
26	f	7 Kl.	Augustin, cead Ard Easbuig Chanterburi.	xxii. gu r. 41.	ix. r. 39 gu x. r. 22.	2 Righ. i.	Eabhruidh. i.
27	g	6 Kl.	An-t-Urramach Beda, Sagart.	2 Righ. ii.	x. r. 22.	iv. r. 8.	ii. agus iii. gu r. 7.
28	A	5 Kl.	.....	v.	xi. gu r. 17.	vi. gu r. 24.	iii. r. 7 gu iv. r. 14.
29	b	4 Kl.	*Breith & Ath-steidheachadh Thearlaich II.*	vi. r. 24.	xi. r. 17 gu r. 47.	vii.	iv. r. 14 agus v.
30	c	3 Kl.	.....	viii. gu r. 16.	xi. r. 47 gu xii. r. 20.	ix.	vi.
31	d	Prid. Kl.	.....	x. gu r. 18.	xii. r. 20.	x. r. 18.	vii.

ANN AM MIOS MEADHONACH AN T-SAMHRAIDH THA XXX. LA.

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
				1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	e	Kalend.	Nicomed Sagart Romanach & Mairtireach.	2 Righ. xiii.	Eoin xiii. gu r. 21.	2 Righ. xvii. gu r. 24.	Eabhr. viii.
2	f	4 No.	.....	xvii. r. 24.	xiii. r. 21.	2 Eachd. xii.	ix.
3	g	3 No.	.....	2 Eachd. xiii.	xiv.	xiv.	x. gu r. 19.
4	A	Pr. No.	.....	xv.	xv.	xvi. agus xvii. gu r. 14.	x. r. 19.
5	b	Nonæ.	Bonifac Easbuig Mheinz, & Mairtireach.	xix.	xvi. gu r. 16.	xx. gu r. 31.	xi. gu r. 17.
6	c	8 Id.	.....	xx. r. 31 agus xxi.	xvi. r. 16.	xxii.	xi. r. 17.
7	d	7 Id.	.....	xxiii.	xvii.	xxiv.	xii.
8	e	6 Id.	.....	xxv.	xviii. gu r. 28.	xxvi. agus xxvii.	xiii.
9	f	5 Id.	.....	xxviii.	xviii. r. 28.	2 Righ. xviii. gu r. 9.	Seumas i.
10	g	4 Id.	.....	xxix. r. 3. gu r. 21.	xix. gu r. 25.	2 Eachd. xxx. agus xxxi. r. 1.	ii.
11	A	3 Id.	*N. Barnabas Abstol & Mairtireach.*	.....	.....	.....	.....
12	b	Pr. Id.	.....	2 Righ. xviii r. 13.	xix. r. 25.	2 Righ. xix. gu r. 20.	iii.
13	c	Idus.	.....	xix. r. 20.	xx. gu r. 19.	xx.	iv.
14	d	18 Kl. Jul.	.....	Isaiah xxxviii. r. 9 gu r. 21.	xx. r. 19.	2 Eachd. xxxiii.	v.
15	e	17 Kl.	.....	2 Righ. xxii.	xxi.	2 Righ. xxiii. gu r. 21.	1 Peadar i. gu r. 22.
16	f	16 Kl.	.....	xxiii. r. 21 gu xxiv. r. 8.	Gniomh. i.	xxiv. r. 8 gu xxv. r. 8.	i. r. 22 gu ii. r. 11.
17	g	15 Kl.	N. Alban Mairtireach.	xxv. r. 8.	ii. gu r. 22.	Esra i. agus iii.	ii. r. 11 gu iii. r. 8.
18	A	14 Kl.	.....	Esra iv.	ii. r. 22.	v.	iii. r. 8 gu iv. r. 7.
19	b	13 Kl.	.....	vii.	iii.	viii. r. 15.	iv r. 7.
20	c	12 Kl.	Atharrachadh Imleir Righ nan Sassunnach 's [a' chearna an iar.	ix.	iv. gu r. 32.	x. gu r. 20.	v.
21	d	11 Kl.	.....	Nehemiah i.	.....	.....	2 Peadar i.
22	e	10 Kl.	.....	iv.	iv. r. 32 gu v. r. 17.	Nehemiah ii.	ii.
23	f	9 Kl.	*Traog.*	vi. agus vii. gu r. 5.	v. r. 17.	v.	iii.
24	g	8 Kl.	*La breith N. Eoin Baistidh.*	.....	vi.	vii. r. 73 agus viii.	.....
25	A	7 Kl.	.....	xiii. gu r. 15.	.....	.....	1 Eoin i.
26	b	6 Kl.	.....	Ester i.	vii. gu r. 35.	xiii. r. 15.	ii. gu r. 15.
27	c	5 Kl.	.....	iv.	vii. r. 35 gu viii. r. 5.	Ester ii. r. 15 agus iii.	ii. r. 15.
28	d	4 Kl.	*Traog.*	vi.	viii. r. 5 gu r. 26.	v.	iii. gu r. 16.
29	e	3 Kl.	*N. Peadar Abstol & Mairtireach.*	.....	viii. r. 26.	vii.	.....
30	f	Pr. Kl.	.....	Iob i.	.....	.....	iii. r. 16 gu iv. r. 7.
					ix. gu r. 23.	Iob ii.	

ANN AM MIOS DEIREANNACH AN T-SAMHRAIDH THA XXXI. LA.

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
				1 Leasan	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	g	Kalend.	.....	Iob iii.	Gniomh. ix. r. 23.	Iob iv.	1 Eoin iv. r. 7.
2	A	6 No.	Fiosrachadh na h-Oigh Bheannaichte Muire.	v.	x. gu r. 24.	vi.	v.
3	b	5 No.	.....	vii.	x. r. 24.	ix.	2 Eoin.
4	c	4 No.	Atharrachadh N. Mhàrtainn Easbuig & Fear-	ix.	xi.	xi.	3 Eoin.
5	d	3 No.	.....[aideachaidh.	x.	xii.	xiii.	Iudas.
6	e	Pr. No.	.....	xii.	xiii. gu r. 26.	xvi.	Mata i. r. 18.
7	f	Nonæ.	.....	xiv.	xiii. r. 26.	xix.	ii.
8	g	8 Id.	.....	xvii.	xiv.	xxii. r. 12 gu r. 29.	iii.
9	A	7 Id.	.....	xxi.	xv. gu r. 30.	xxiv.	iv. gu r. 23.
10	b	6 Id.	.....	xxiii.	xv. r. 30 gu xvi. r. 16.	xxvii.	iv. r. 23 gu v. r. 13.
11	c	5 Id.	.....	xxv. agus xxvi.	xvi. r. 16.	xxix. agus xxx. r. 1.	v. r. 13 gu r. 33.
12	d	4 Id.	.....	xxvii.	xvii. gu r. 16.	xxxi. r. 13.	v. r. 33.
13	e	3 Id.	.....	xxx. r. 12 gu r. 27.	xvii. r. 16.	xxxviii. gu r. 39.	vi. gu r. 19.
14	f	Pr. Id.	.....	xxxii.	xviii. gu r. 24.	xl.	vi. r. 19 gu vii. r. 7.
15	g	Idus.	Suithun Easbuig Uinchester air 'atharrach-	xxxviii. r. 39 agus xli. [xxxix.	xviii. r. 24 gu xix. r. 21.	xlii.	vii. r. 7.
16	A	17 Kl. Aug.	.....[adh.	.....	xix. r. 21.	Gnàth-Fhocail i. r. 20.	viii. gu r. 18.
17	b	16 Kl.	.....	.....	xx. gu r. 17.	iii. gu r. 27.	viii. r. 18.
18	c	15 Kl.	.....	.....	xx. r. 17.	iv. r. 20 gu v. r. 15.	ix. gu r. 18.
19	d	14 Kl.	.....	iii. r. 27 gu iv. r. 20.	xxi. gu r. 17.	vi. gu r. 20.	ix. r. 18.
20	e	13 Kl.	Mairearad, Oigh & Mairtireach ann an Antioch.	v. r. 15.	xxi. r. 17 gu r. 37.	viii.	x. gu r. 24.
21	f	12 Kl.	.....	vii.	xxi. r. 37 gu xxii. r. 2	x. r. 16.	x. r. 24.
22	g	11 Kl.	N. Muire Magdalen.	ix.	xxii. r. 23 gu xxiii. r. 12.	xi. r. 15.	xi.
23	A	10 Kl.	.....	xi. gu r. 15.	xxiii. r. 12.	xiii.	xii. gu r. 22.
24	b	9 Kl.	*Traog.*	xii. r. 10.	xxiv.	xiv. r. 28 gu xv. r. 18.	xii. r. 22.
25	c	8 Kl.	*N. Seumas, Abstol & Mairtireach.*	xiv. r. 9 gu r. 28.	.....	.....	xiii. gu r. 24.
26	d	7 Kl.	N. Anna, Mathair na-h-Oigh Bheannaichte	.....	xxv.	xvi. gu r. 20.	xiii. r. 24 gu r. 53.
27	e	6 Kl.	.....[Muire.	xv. r. 18.	xxvi.	xviii. r. 10.	xiii. r. 53 gu xiv. r. 13.
28	f	5 Kl.	.....	xvi. r. 31 gu xvii. r. 18.	xxvii.	xx. gu r. 23.	xiv. r. 13.
29	g	4 Kl.	.....	xix. r. 13.	xxvii. gu r. 17.	xxii. gu r. 17.	xv. gu r. 21.
30	A	3 Kl.	.....	xxi. gu r. 17.	xxviii. gu r. 17.	xxiv. r. 21.	xvi. r. 21.
31	b	Pr. Kl.	.....	xxii. r. 10.	xxviii. r. 17.	xxvi. gu r. 21.	xvi. gu r. 24.
				xxv.	Romanaich i.		

ANN AN CEUD MHIOS AN FHOGHARAIDH THA XXXI. LA.

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
				1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	c	Kalend.	Là Lònasdail.	Gnàth-Fhocail xxvii. gu xxx. gu r. 18. [r. 23.	Rom. ii. gu r. 17.	Gnàth-Fhocail xxviii. gu xxxi. r. 10. [r. 15.	Mata xvi. r. 24 gu xvii. r. 1.
2	d	4 No.	.....	Eclesiastes i.	iii. r. 17.	Eclesiastes ii. gu r. 12.	xvii. r. 14.
3	e	3 No.	.....	iii.	iii.	iv.	xviii. gu r. 21.
4	f	Pr. No.	.....	v.	iv.	vi.	xviii. r. 21 gu xix. r. 3.
5	g	Nonæ.	.....	vii.	v.	viii.	xix. r. 3 gu r. 27.
6	A	8 Id.	Cruth-atharrachadh ar Tighearna.	ix.	vi.	xi.	xix. r. 27 gu xx. r. 17.
7	b	7 Id.	Ainm Iosa.	xii.	vii.	Ieremiah i.	xx. r. 17.
8	c	6 Id.	.....	Ieremiah ii. gu r. 14.	viii. gu r. 18.	v. gu r. 19.	xxi. gu r. 23.
9	d	5 Id.	.....	v. r. 19.	viii. r. 18.	vi. gu r. 22.	xxi. r. 23.
10	e	4 Id.	N. Lauhrinn Ard-dheacon na Rómah &	vii. gu r. 17.	ix. gu r. 19.	viii. r. 4.	xxii. gu r. 15.
11	f	3 Id.	..... [Mairtireach.	ix. gu r. 17.	ix. r. 19.	xiii. r. 8 gu r. 24.	xxii. r. 15 gu r. 41.
12	g	Pr. Id.	.....	xv.	x.	xvii. gu r. 19.	xxii. r. 41 gu xxiii. r. 13.
13	A	Idus.	.....	xviii. gu r. 18.	xi. gu r. 25.	xix.	xxiii. r. 13.
14	b	19 Kl. Sep.	.....	xxi.	xi. r. 25.	xxii. gu r. 13.	xxiv. gu r. 29.
15	c	18 Kl.	.....	xxii. r. 13.	xii.	xxiii. gu r. 16.	xxiv. r. 29.
16	d	17 Kl.	.....	xxiv.	xiii.	xxv. gu r. 15.	xxv. gu r. 31.
17	e	16 Kl	.....	xxvi.	xiv. agus xv. gu r. 8.	xxviii.	xxv. r. 31.
18	f	15 Kl.	.....	xxix. r. 4. gu r. 20.	xv. r. 8.	xxx.	xxvi. gu r. 31.
19	g	14 Kl.	.....	xxxi. gu r. 15.	xvi.	xxxi. r. 15 gu r. 38.	xxvi. r. 31 gu r. 57.
20	A	13 Kl.	.....	xxxiii. gu r. 14.	1 Cor. i. gu r. 26.	xxxiii. r. 14.	xxvi. r. 57.
21	b	12 Kl.	.....	xxxv.	i. r. 26 agus ii.	xxxvi. gu r. 14.	xxvii. gu r. 27.
22	c	11 Kl.	.....	xxxvi. r. 14.	iii.	xxxviii. gu r. 14.	xxvii. r. 27 gu r. 57.
23	d	10 Kl.	*Trasg.*	.....	iv. gu r. 18.	.....	xxviii. r. 57.
24	e	9 Kl.	*N. Bartolomeus Abstol & Mairtireach.*	xxxviii. r. 14.	iv. r. 18 agus v.	xxxix.	xxviii.
25	f	8 Kl.	.....	l. gu r. 21.	vi.	li. r. 54.	Marcus i. gu r. 21.
26	g	7 Kl.	.....	Esceiel i. gu r. 15.	vii. gu r. 25.	Esceiel i. r. 15.	i. r. 21.
27	A	6 Kk	..... [Ollamh.	ii.	vii. r. 25.	iii. gu r. 15.	ii. gu r. 23.
28	b	5 Kl.	N. Augustin, Easbuig Hippo, Fear-aideachaidh,	iii. r. 15.	viii.	viii.	ii. r. 23 gu iii. r. 13.
29	c	4 Kl.	An ceann air a chur de N. Eoin Baistidh.	ix.	ix.	xi. r. 14.	iii. r. 13.
30	d	3 Kl.	.....	xii. r. 17.	x. agus xi. r. 1.	xiii. gu r. 17.	iv. gu r. 35.
31	e	Pr. Kl.	.....		xi. r. 2 gu r. 17.		iv. r. 35 gu v. r. 21.

ANN AM MIOS MEADHONACH AN FHOGHARAIDH THA XXX. LA

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
				1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	f	Kalend.	Gilliosa, Aba & Fear-Aideachaidh.	Esceiel xiii. r. 17.	1 Cor. xi. r. 17.	Esceiel xiv. gu r. 12.	Marcus v. r. 21.
2	g	4 No.	.....	xiv. r. 12.	xii. gu r. 28.	xvi. r. 44.	vi. gu r. 14.
3	A	3 No.	.....	xviii. gu r. 19.	xii. r. 28 agus xiii.	xviii. r. 19.	vi. r. 14 gu r. 30.
4	b	Pr. No.	.....	xx. gu r. 18.	xiv. gu r. 20.	xx. r. 18 gu r. 33.	vi. r. 30.
5	c	Nonæ.	.....	xx. r. 33 gu r. 44.	xiv. r. 20.	xxii. r. 23.	vii. gu r. 24.
6	d	8 Id.	.....	xxiv. r. 15.	xv. gu r. 35.	xxvi.	vii. r. 24 gu viii. r. 10.
7	e	7 Id.	Eunurchus Easbuig Orleans.	xxvii. gu r. 26.	xv. r. 35.	xxvii. r. 26.	viii. r. 10 gu ix. r. 2.
8	f	6 Id.	Là Breith na h-Oigh Bheannaichte Muire.	xxviii. gu r. 20.	xvi.	xxxi.	ix. r. 2 gu r. 30.
9	g	5 Id.	.....	xxxii. gu r. 17.	2 Cor. i. gu r. 23.	xxxiii. gu r. 21.	ix. r. 30.
10	A	4 Id.	.....	xxxiii. r. 21.	i. r. 23 gu ii. r. 14.	xxxiv. gu r. 17.	x. gu r. 32.
11	b	3 Id.	.....	xxxiv. r. 17.	ii. r. 14 agus iii.	xxxvi. r. 16 gu r. 33.	x. r. 32.
12	c	Pr. Id.	.....	xxxvii. gu r. 15.	iv.	xxxvii. r. 15.	xi. gu r. 27.
13	d	Idus.	.....	xlvii. gu r. 13.	v.	Daniel i.	xi. r. 27 gu xii. r. 13.
14	e	18 Kl. Oct.	Là na Croise Naoimhe.	Daniel ii. gu r. 24.	vi. agus vii. r. 1	ii. r. 24.	xii. r. 13 gu r. 35.
15	f	17 Kl.	.....	iii.	vii. r. 2.	iv. gu r. 19.	xii. r. 35 gu xiii. r. 14.
16	g	16 Kl.	.....	iv. r. 19.	viii.	v. gu r. 17.	xiii. r. 14.
17	A	15 Kl.	Lambert, Easbuig & Mairtireach.	v. r. 17.	ix.	vi.	xiv. gu r. 27.
18	b	14 Kl.	.....	vii. gu r. 15.	x.	vii. r. 15.	xiv. r. 27 gu r. 33.
19	c	13 Kl.	.....	ix. gu r. 20.	xi. gu r. 30.	ix. r. 20.	xiv. r. 53.
20	d	12 Kl.	*Trasg.*	x. gu r. 20.	xi. r. 30 gu xii. r. 14.	xii.	xv. gu r. 42.
21	e	11 Kl.	*N. Mata Abstol Soisgeulaiche & Mairtireach.*	.....	xii. r. 14 agus xiii.	.....	xv. r. 42 agus xvi.
22	f	10 Kl.	.....	Hosea ii. r. 14.	Galatianaich i.	Hosea iv. gu r. 13.	Lucas i. gu r. 26.
23	g	9 Kl.	.....	v. r. 8 gu vi. r. 7.	ii.	vii. r. 8.	i. r. 26 gu r. 57.
24	A	8 Kl.	.....	viii.	iii.	ix.	i. r. 57.
25	b	7 Kl.	.....	x.	iv. gu r. 21.	xi. agus xii. gu r. 7.	ii. gu r. 21.
26	c	6 Kl.	N. Ciprian, Ard easbuig Chartaig & Mairtireach.	xiii. gu r. 15.	iv. r. 21 gu v. 13.	xiv.	ii. r. 21.
27	d	5 Kl.	.....	Ioel i.	v. r. 13.	Ioel ii. gu r. 15.	iii. gu r. 23.
28	e	4 Kl.	.....	ii. r. 15 gu r. 28.	vi.	ii. r. 28 gu iii. r. 9.	iv. gu r. 16.
29	f	3 Kl.	*N. Michael, agus na h-Aingil uile.*	.....	.....	.....	.....
30	g	Pr. Kl.	N. Ierom, Sagart Fear-aideachaidh & Ollamh.	iii. r. 9.	Ephesianaich i.	Amos i. agus ii. gu r. 4.	iv. r. 16.

ANN AM MIOS DEIREANNACH AN FHOGHARAIDH THA XXXI. LA.

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
				1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	A	Kalend.	Remigius, Easbuig Rhemes.	Amos ii. r. 4 gu iii. r. 9.	Ephesianaich ii.	Amos iv. r. 4.	Lucas v. gu r. 17.
2	b	6 No.	.....	v. gu r. 18.	iii.	v. r. 18 gu vi. r. 9.	v. r. 17.
3	c	5 No.	.....	vii.	iv. gu r. 25.	viii.	vi. gu r. 20.
4	d	4 No.	.....	ix.	iv. r. 25 gu v. r. 22.	Obadiah.	vi. r. 20.
5	e	3 No.	.....	Ionah i.	v. r. 22 gu vi. r. 10.	Ionah ii.	vii. gu r. 24.
6	f	Pr. No.	Fait, Oigh & Mairtireach.	iii.	vi. r. 10.	iv.	vii. r. 24.
7	g	Nonæ.	.....	Micah i. gu r. 10.	Philipianaich i.	Micah ii.	viii. gu r. 26.
8	A	8 Id.	.....	iii.	ii.	iv.	viii. r. 26.
9	b	7 Id.	N. Denis an t-Areopagach Easbuig & Mair-	v.	iii.	vi.	ix. gu r. 28.
10	c	6 Id.	.....[tireach.	vii.	iv.	Nahum i.	ix. r. 28 gu r. 51.
11	d	5 Id.	.....	Nahum ii.	Colosianaich i. gu r. 21.	iii.	ix. r. 51 gu x. r. 17.
12	e	4 Id.	.....	Habacue i.	i. r. 21 gu ii. r. 8.	Habacue ii.	x. r. 17.
13	f	3 Id.	Atharrachadh Righ Imheir am Fear-aideach-	iii.	ii. r. 8.	Sephaniah i. gu r. 14.	xi. gu r. 29.
14	g	Pr. Id.	.....[aidh.	Habacue i.	iii. gu r. 18.	ii. r. 4.	xi. r. 29.
15	A	Idus.	.....	iii.	iii. r. 18 agus iv.	Hagai i.	xii. gu r. 35.
16	b	17 Kl. Nov.	.....	Sephaniah i. r. 14 gu ii. r. 4.	1 Tesalonianaich i.	ii. r. 10.	xii. r. 35.
17	c	16 Kl.	Bteidred Oigh.	iii.	ii.	Sechariah i. r. 18 agus ii.	xiii. gu r. 18.
18	d	15 Kl.	*N. Lucas Soisgeulaiche.*	Hagai ii. gu r. 10.	iii.	.....	xiii. r. 18.
19	e	14 Kl.	.....	Sechariah i. gu r. 18.	iv.	iv.	xiv. gu r. 25.
20	f	13 Kl.	.....	.....	v.	viii. gu r. 14.	xiv. r. 25 gu xv. r. 11.
21	g	12 Kl.	.....	iii.	2 Tesalonianaich i.	ix. r. 9.	xv. r. 11.
22	A	11 Kl.	.....	v.	ii.	xi.	xvi.
23	b	10 Kl.	.....	vii.	iii.	xiii.	xvii. gu r. 20.
24	c	9 Kl.	.....	viii. r. 14.	1 Tim. i. gu r. 18.	Malachi i.	xvii. r. 20.
25	d	8 Kl.	Crispin Mairtireach.	x.	i. r. 18 agus ii.	iii. gu r. 13.	xviii. gu r. 31.
26	e	7 Kl.	.....	xii.	iii.	Gliocas i.	xviii. r. 31 gu xix. r. 11.
27	f	6 Kl.	*Traig.*	xiv.	iv.	.....	xix. r. 11 gu r. 28.
28	g	5 Kl.	*N. Simon & N. Iudas Abstoil & Mairtirich.*	Malachi ii.	v.	iv. r. 7.	xix. r. 28.
29	A	4 Kl.	.....	iii. r. 13 agus iv.	vi.	vi. r. 22 gu vii. r. 15.	xx. gu r. 27.
30	b	3 Kl.	.....	.....	2 Timoteus i.	viii. gu r. 19.	xx. r. 27 gu xxi. r. 5.
31	c	Pr. Kl.	*Traig.*	Gliocas ii.	ii.		xxi. r. 5.
				vi. gu r. 22.			
				vii. r. 15.			

ANN AN CEUD MHIOS A' GHEAMHRAIDH THA XXX. LA.

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
				1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	d	Kalend.	*La nan Naomh uile.*	.....	.....	.....	.....
2	e	4 No.	.....	Gliocas ix.	2 Timoteus iii.	Gliocas xi. gu r. 1.	Lucas xxii. gu r. 31.
3	f	3 No.	.....	xi. r. 15 gu xii. r. 3.	iv.	xvii.	xxii. r. 31 gu r. 54.
4	g	Pr. No.	.....	Eclesiasticus i. gu r. 14.	Titus i.	Eclesiasticus ii.	xxii. r. 54.
5	A	Nonæ.	*Ceannaire nam Papanach.*	iii. r. 17 gu r. 30.	ii.	iv. r. 10.	xxiii. gu r. 26.
6	b	8 Id.	Leonard Fear-aideachaidh.	v.	iii.	vii. r. 27.	xxiii. r. 26 gu r. 50.
7	c	7 Id.	.....	x. r. 18.	Philemon.	xiv. gu r. 20.	xxiii r. 50 gu xxiv.
8	d	6 Id.	.....	xv. r. 9.	Eabhruidhich i.	xvi. r. 17.	xxiv. r. 13. [r. 13.
9	e	5 Id.	.....	xviii. gu r. 15.	ii. agus iii. gu r. 7.	xviii. r. 15.	Eoin i. gu r. 29.
10	f	4 Id.	.....	xix. r. 13.	iii. r. 7 gu iv. r. 14.	xxii. r. 6 gu r. 24.	i. r. 29.
11	g	3 Id.	N. Martainn Easbuig & Fear-aideachaidh.	xxiv. gu r. 24.	iv. r. 14 agus v.	xxiv. r. 24.	ii.
12	A	Pr. Id.	.....	xxxiii. r. 7 gu r. 23.	vi.	xxxiv. r. 15.	iii. gu r. 22.
13	b	Idus.	Britius Easbuig.	xxxv.	vii.	xxxvii. r. 8 gu r. 19.	iii. r. 22.
14	c	18 Kl. Dec.	.....	xxxix. gu r. 13.	viii.	xxxix. r. 13.	iv. gu r. 31.
15	d	17 Kl.	Machutus Easbuig.	xli. gu r. 14.	ix.	xlii. r. 13.	iv. r. 31.
16	e	16 Kl.	.....	xliv. gu r. 16.	x. gu r. 19.	l. gu r. 25.	v. gu r. 24.
17	f	15 Kl.	Eoghan Easbuig Lincoln.	li. r. 10.	x. r. 19.	Baruch iv. gu r. 21.	v. r. 24.
18	g	14 Kl.	.....	Baruch iv. r. 36 agus v	xi. gu r. 19.	Isaiah i. gu r. 21.	vi. gu r. 22.
19	A	13 Kl.	.....	Isaiah i. r. 21.	xi. r. 17.	ii.	vi. r. 22 gu r. 41
20	b	12 Kl.	Edmund Righ & Mairtireach.	iii. gu r. 16.	xii.	iv. r. 2.	vi. r. 41.
21	c	11 Kl.	.....	v. gu r. 18.	xiii.	v. r. 18.	vii. gu r. 25.
22	d	10 Kl.	Cecilia Oigh & Mairtireach.	vi.	Seumas i.	vii. gu r. 17.	vii. r. 25.
23	e	9 Kl.	N. Clement I. Easbuig na Ròimh & Mairtireach.	viii. r. 5 gu r. 18.	ii.	viii. r. 18 gu ix. r. 8.	viii. gu r. 31.
24	f	8 Kl.	.....	ix. r. 8 gu x. r. 5.	iii.	x. r. 5 gu r. 20.	viii. r. 31.
25	g	7 Kl.	Catrina Oigh & Mairtireach.	x. r. 20.	iv.	xi. gu r. 10.	ix. gu r. 39.
26	A	6 Kl.	.....	xi. r. 10.	v.	xii.	ix. r. 39 gu x. r. 22.
27	b	5 Kl.	.....	xiii.	1 Peadar i. gu r. 22.	xiv. gu r. 24.	x. r. 22.
28	c	4 Kl.	.....	xvii.	i. r. 22 gu ii. r. 11.	xviii.	xi. gu r. 17.
29	d	3 Kl.	*Traig.*	xix. gu r. 16.	ii. r. 11 gu iii. r. 8.	xix. r. 16.	xi. r. 17 gu r. 47.
30	e	Pr. Kl.	*N. Aindreas Abstol & Mairtireach.*	....	.....	.....	.....

ANN AM MIOS MEADHONACH A' GHEAMHRAIDH THA XXXI. LA.

				URNUIGH MHAIDNE.		URNUIGH FHEASGAIR.	
				1 Leasan.	2 Leasan.	1 Leasan.	2 Leasan.
1	f	Kalend.	.....	Isaiah xxi. gu r. 13.	1 Pead. iii. r. 8 gu iv. r. 7.	Isaiah xxii. gu r. 15.	Eoin xi. r. 47 gu xii. r. 20.
2	g	4 No.	.....	xxii. r. 15.	iv. r. 7.	xxiii.	xii. r. 20.
3	A	3 No.	.....	xxiv.	v.	xxv.	xiii. gu r. 21.
4	b	Pr. No.	.....	xxvi. gu r. 20.	2 Peadar i.	xxvi. r. 20 agus xxvii.	xiii. r. 21.
5	c	Nonæ.	.....	xxviii. gu r. 14.	ii.	xxviii. r. 14.	xiv.
6	d	8 Id.	Neòcal Easbuig Mhìra ann an Lìcia.	xxix. gu r. 9.	iii.	xxix. r. 9.	xv.
7	e	7 Id.	.....	xxx. gu r. 18	1 Eoin i.	xxx. r. 18.	xvi. gu r. 16.
8	f	6 Id.	Glueamuinn na h-Oigh Bheannaichte Muire.	xxxi.	ii. gu r. 15.	xxxii.	xvii. r. 16.
9	g	5 Id.	.....	xxxiii.	ii. r. 15.	xxxiii.	xviii.
10	A	4 Id.	.....	xxxv.	iii. gu r. 16.	xxxiv. r. 12.	xviii. gu r. 28.
11	b	3 Id.	.....	xl. r. 12.	iii. r. 16 gu iv. r. 7.	xli. gu r. 17.	xviii. r. 28.
12	c	Pr. Id.	.....	xli. r. 17.	v. r. 7.	xlii. gu r. 18.	xix. gu r. 25.
13	d	Idus.	Luel, Oigh & Mairtireach.	xlii. r. 18 gu xliii. r. 8.	v.	xliii. r. 8.	xix. r. 25.
14	e	19 Kl. Jan.	.....	xliv. gu r. 21.	2 Eoin.	xliv. r. 21 gu xlv. r. 8.	xx. gu r. 19.
15	f	18 Kl.	.....	xlvi. r. 8.	3 Eoin.	xlvi.	xx. r. 19.
16	g	17 Kl.	O Sapientia.	xlvii.	Judas.	xlviii.	xxi.
17	A	16 Kl.	.....	xlix. gu r. 13.	Taisbeanadh i.	xlix. r. 13.	Taisbeanadh ii. gu r. 18.
18	b	15 Kl.	.....	l.	ii. r. 18 gu iii. r. 7.	li. gu r. 9.	iii. r. 7.
19	c	14 Kl.	.....	li. r. 9.	iv.	lii. gu r. 13.	v.
20	d	13 Kl.	.....	liii. r. 13 agus liii.	vi.	liv.	vii.
21	e	12 Kl.	*Tvsg.*	.....	.....	.....	.....
22	f	11 Kl.	*N. Tomas Abstol & Mairtireach.*	lv.	viii.	lvi.	xi.
23	g	10 Kl.	.....	lvii.	xi.	lviii.	xii.
24	A	9 Kl.	.....	lix.	xiv.	lx.	xv.
25	b	8 Kl.	*Tvsg.*	.....	.....	.....	.....
26	c	7 Kl.	*La Nodhlaic.*	.....	.....	.....	.....
27	d	6 Kl.	*N. Stephen an ceud Mhairtireach.*	.....	xvi.	.....	xviii.
28	e	5 Kl.	*N. Eoin Abstol & Soisgeulaiche.*	.....	xix. gu r. 11.	.....	xix. r. 11.
29	f	4 Kl.	*La nan Neochiontach.*	lxi.	xx.	lxii.	xxi. gu r. 15.
30	g	3 Kl.	.....	lxiii.	xxi. r. 15 gu xxii. r. 6.	lxiv. agus lxv. gu r. 8.	xxii. r. 6.
31	A	Pr. Kl.	Silbhester Easbuig na Roimh.	lxvi. r. 8.	.....	lxvi.	.....

AN T-ORDUGH

AIR SON

URNUIGH MHAIDNE AGUS URNUIGH FHEASGAIR

gu 'bhi air an ràdh agus air an gnàthachadh gach là rè na bliadhna.

THa Urnuigh Mhaidne agus Urnuigh Fheasgair ri 'bhi air an cleachdadh ann an ionad gnàthaichte na h-Eaglais, Tigh-Urnuigh, no Cùirte na h-Altarach; Mur bi e air 'orduchadh air mhodh eile le Ard-fhearùghdarrais an àite sin. Agus fanaidh Cùirtean nan Altairean mar a bha iad anns na h-àmaibh a chaidh seachad.

Agus an so tha e ri 'thoirt fainear gu'm bi leithid de Sgeadachdaibh na h-Eaglais agus a Ministeirean aig uile àmaibh am Frithealaidh air an cumail agus air an gnàthachadh, mar a bha iad ann an Eaglais *Shasunn* so, le Ughdarras Pàrlamaid, anns an dara bliadhna de Rìoghachadh Rìgh *Imhear* a Sia.

AN

T-ORDUGH

AIR SON

URNUIGH MHAIDNE,

Gach là rè na bliadhna.

¶ *Aig toiseach na h-Urnuigh-Mhaidne leughaidh am Ministeir le guth àrd aon, no tuilleadh de na h-Earrannaibh so de na Sgriobtuiribh, a leanas. Agus an sin their e an ni sin a tha sgrìobhta an déigh nan Earrannan ceudna.*

AN uair a philleas an t-aingidh air falbh o 'aingidheachd, a chuir e 'n gnìomh, agus a ni e an ni a tha dligheach agus ceart, gleidhidh e 'anam beò. *Esec.* 18. 27.

Tha mi ag aideachadh m' eusaontais, agus tha mo pheacadh a' m' làthair a ghnàth. *Salm* 51. 3.

Foluich do ghnùis o m' pheacaidhean, agus dubh as m' eucearta gu léir. *Salm* 51. 9.

Is iad Iobairtean Dhé spiorad briste: air cridhe briste agus brùite, a Dhé, cha dean thusa tàir. *Salm* 51. 17.

Reubaibh bhur cridhe, agus ni h-e 'ur n-eudach, agus pillibh ris an Tighearn 'ur Dia: oir tha e tròcaireach, agus iochdmhor, mall a chum feirge, agus làn de chaomhalachd, agus gabhaidh e aithreachas mu 'n olc. *Ioel* 2. 13.

Do 'n Tighearn ar Dia buinidh tròcairean, agus maitheanais, ge do rinn sinne ár-amach 'n a aghaidh: ni mò thug sinn géill do ghuth an Tighearn' ar Dia, a chum gluasad 'n a reachdaibh a chuir e romhainn. *Daniel* 9. 9, 10.

O 'Thighearna cronuich mi, ach ann an tomhas; ni h-ann a' d' chorruich, air eagal gu'n cuir thu as domh. *Ier.* 10. 24. *Salm* 6. 1.

Gabhaibh aithreachas; oir tha Rìoghachd Nèimh am fagus. *N. Mat.* 3. 2.

Eiridh mi agus théid mi dh' ionnsuidh m' Athar, agus their mi ris; Athair, pheacaich mi an aghaidh Fhlaitheanais, agus a' d' làthair-sa, agus cha-n airidh mi tuilleadh gu'n goirteadh do mhac-sa dhiom. *N. Luc.* 15. 18, 19.

Na tig ann am breitheanas le d' òglach; oir ann ad fhianuis cha-n fhìreanaichear duine beò air bith. *Salm* 143. 2.

Ma their sinn nach 'eil peacadh againn, tha sinn 'g ar mealladh féin, agus cha-n 'eil an fhìrinn annainn. Ma dh' aidicheas sinn ar peacaidhean, tha esan fìrinneach agus ceart chum ar peacaidhean a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd. 1 *N. Eoin* 1. 8, 9.

A Bhràithrean ro-ionmhuinn, tha 'n Sgriobtuir 'g ar brosnuchadh ann an iomad àite a dh' aithneachadh, agus a dh' aideachadh ar peacaidhean agus ar n-aingidheachd lìonmhor, agus nach bu chòir dhuinn a bhi 'g an ceiltinn no 'g an sgàileadh ann an làthair Dhé Uile-chumhachdaich ar n-Athair nèamhaidh, ach an aideachadh le cridhe ùmhal, iosal, aith-

reach, agus iriosal, a chum gu'm faigh sinn maitheanas annta tre a mhaitheas agus a thròcair shìorruidh. Agus ged bu chòir dhuinn anns gach uile àm ar peacaidhean gu h-ùmhal aideachadh ann an lathair Dhé, gidheadh is còir dhuinn gu ro àraid sin a dheanamh, an uair a chruinnicheas, agus a thig sinn 'an ceann a chéile, a thoirt buidheachais dha air son nan sochairean mòra, a fhuair sinn o 'làimh, a chur suas a mholaidh ro òirdheirc, a dh' éisdeachd 'fhocail ro naoimh, agus a dh' iarraidh nan nithe sin, a tha iomchuidh, agus feumail, air son a' chuirp cho maith agus air son an anama. Air an aobhar sin tha mi 'g iarraidh, agus a' guidhe oirbhse uile a tha 'n so a làthair, mise chomhimeachd le cridhe glan, agus le guth ùmhal gu cathair a' ghràis nèamhaidh, ag ràdh a' m' dhéigh.

¶ *Aidmheil choitchionn ri 'ràdh leis a' Choimhthional gu h-iomlan an déigh a' Mhinisteir, na h-uile air an glùinibh.*

A Thair Uile-chumhachdaich agus ro thròcairich; Chaidh sinn 'a' mearachd, agus air seacharan o d' shlighibh mar chaoirich chaillte. Lean sinn tuilleadh 's fada innleachdan, agus miannan ar cridheachan féin. Chiontaich sinn an aghaidh do laghannan naomha. Dh' fhàg sinn gun deanadh na nithe sin, a bu chòir dhuinn a dheanamh; Agus rinn sinn na nithe sin, nach bu chòir dhuinn a dheanamh; Agus cha-n 'eil slàinte annainn. Ach dean thusa, O 'Thighearna, tròcair oirnne, ciontaich

thruagha. Caomhain iadsan, O 'Dhé, a tha 'g aideachadh an lochdan. Gabh air an ais a' mhuinntir, a tha aithreach; A réir do ghealladhean air an nochdadh do 'n chinne-daoine ann an Iosa Criosd ar Tighearn. Agus deònaich, O Athair ro thròcairich, air a sgàth-san; Gu'n caith sinn a so suas beatha dhiadhaidh, ionraic, agus mheasarra, Chum glòire d' Ainme naoimh. Amen.

¶ *Am Fuasgladh no Maitheanas pheacaidhean ri 'chur 'an céill leis an t-Sagart 'n a aonar, 'n a sheasamh; an sluagh fathast air an glùinibh.*

DIa Uile-chumhachdach, Athair ar Tighearna Iosa Criosd, leis nach miann bàs peacaich, ach leis an fhearr e 'philleadh o 'aingidheachd, agus a bhi beò; agus a thug cumhachd, agus àithne d'a Mhinisteiribh fuasgladh agus maitheanas am peacaidhean a nochdadh, agus a chur 'an céill d' a shluagh, air dhoibh a bhi fìor aithreach: Tha esan a' toirt maitheanais, agus fuasglaidh dhoibhsan uile, a tha fìor aithreach, agus gun cheilg a' creidsinn a Shoisgeil naoimh. Air an aobhar sin guidheamaid air gu'n deònaich e dhuinn fìor aithreachas, agus a Spiorad naomh, chum gu'm bi na nithe sin a tha sinn a' deanamh anns an àm so, taitneach dha, agus gu'm bi a' chuid eile d' ar beatha an déigh so fìor-ghlan agus naomh, chum fadheoidh gu'n tig sinn d' a aoibhneas sìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighear na.

¶ *Freagraidh an sluagh an so, agus an déigh gach urnuigh eile,*

Amen.

¶ *An sin théid am Ministeir air a ghlùinibh, agus their e Urnuigh an Tighearna le guth a chluinnear; an Sluagh cuideachd air an glùinibh, agus 'g a h-aithris maille ris, araon an so, agus anns gach àite eile 's am bheil i air a gnàthachadh anns an t-Seirbhis Dhiadhaidh.*

AR n-Athair, a tha air Nèamh, Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do Rìoghachd. Deanar do thoil air an Talamh, Mar thatar a deanamh air Nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan, a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn; Ach saor sinn o olc: Oir is leatsa an Rìoghachd, an Cumhachd, Agus a' Ghlòir, Gu sìorruidh agus gu sìorruidh. Amen.

¶ *An sin their e mar an ceudna,*

O 'Thighearna, fosgail thusa ar bilean.

Freagairt.

Agus taisbeinidh ar beul do mholadh.

Sagart.

O 'Dhé, dean cabhag d' ar saoradh.

Freagairt.

O 'Thighearna, greas gu 'r còmhnadh.

¶ *An so air do na h-uile 'bhi 'n an seasamh, their an Sagart,*

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad Naomh;

Freagairt.

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

Sagart.

Molaibh an Tighearn.

Freagairt.

Bitheadh ainm an Tighearna air a mholadh.

¶ *An sin theirear, no seinnear an t-Salm so a leanas: Ach air là Càisge, air am bheil Laoidh eile air a h-orduchadh: agus air an Naothamh là deug de gach mìos cha leughar an so i, ach ann an riaghailt ghnàthaichte nan Salm.*

Venite, exultemus Domino. Salm 95.

O Thigibh, seinneamaid do 'n Tighearn: togamaid iolach do charraig ar slàinte.

Thigeamaid 'n a fhianuis le buidheachas: agus le Salmaibh togamaid ceòl dha gu suilbhireach.

Oir is Dia mòr an Tighearn: agus is Rìgh mòr e os ceann nan uile dhia.

'N a làimh-san tha doimhneachdan na talmhainn: agus is leis àirde nam beann.

Is leis an fhairge, oir is e a rinn i: agus dhealbh a làmhan an talamh tioram.

O thigibh, sleuchdamaid, agus cromamaid sìos: tuiteamaid air ar glùinibh 'am fianuis an Tighearn' a rinn sinn.

Oir is esan ar Dia: agus is sinne sluagh 'ionaltraidh-san, agus caoraich a làimhe.

An diugh ma dh' éisdeas sibh r'a ghuth, na cruaidhichibh bhur cridhe: mar anns a' chonnsachadh mar ann an là a' bhuairidh anns an Fhàsach;

'N uair a bhuair bhur n-Aithrichean mi: a dhearbh iad mi, agus a chunnaic iad m' oibre.

Rè dhà fhichead bliadhna chuireadh campar orm leis a' ghinealach ud, agus thubhairt mi: is sluagh seacharanach 'n an cridhe iad, agus cha-n aithne dhoibh mo shlighean.

D' an d' thug mi mo mhionnan a' m' fheirg: nach rachadh iad a steach do m' fhois.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad Naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin leanaidh na Sailm anns an ordugh 's am bheil iad air an suidheachadh. Agus aig deireadh gach Sailme rè na bliadhna, agus cuideachd aig deireadh* Benedicite, Benedictus, Magnificat, *agus* Nunc Dimittis, *aithrisear,*

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac: agus do'n Spiorad Naomh;

Freagairt.

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin leughar gu soilleir le guth a chluinnear an Ceud Leasan, as an t-Seann Tiomnadh, mar a tha e suidhichte anns a' Mhìosachan, (mur 'eil Leasain shònraichte air an cur air leth air son an là sin:) Am fear-leughaidh 'n a sheasamh, agus 'g a thionndadh féin, air an dòigh 's an fhearr a chluinnear e leis a mhuinntir a tha làthair. Agus an déigh sin, theirear, no seinnear anns a [chànain chumanta] an Laoidh, ris an goirear* Te Deum Laudamus, *gach là rè na bliadhna.*

¶ *Thoir fainear, roimh gach Leasan gu'n abair am Ministeir,* An so tha leithid so de Chaibideil a' tòiseachadh, no Rann de leithid so de Chaibideil de leithid so de Leabhar: *Agus an déigh gach Leasain,* An so tha 'n Ceud, no an Dara Leasan a' crìochnachadh.

Te Deum Laudamus.

THa sinn a' toirt molaidh dhuit, O 'Dhé: tha sinn ag aideachadh gur tu an Tighearn.

Tha 'n talamh uile a' toirt aoraidh dhuit: an t-Athair bith-bhuan.

Riutsa tha na h-Aingil uile ag éigheach gu h-àrd: na Nèamhan, agus na tha de Chumhachdaibh annta.

Riutsa tha Cerubin agus Seraphin: do ghnàth ag éigheach,

Naomh, Naomh, Naomh: Tighearn Dia nan Sluagh.

Tha Nèamh agus Talamh làn de Mhòrachd: do Ghlòire.

Tha coimhthional glòrmhor nan Abstol: a' toirt molaidh dhuit.

Tha comunn maiseach nam Fàidhean: a' toirt molaidh dhuit.

Tha sluagh àluinn an Luchd-fianuis: a' toirt molaidh dhuit.

Tha 'n Eaglais Naomh feadh an t-saoghail uile: 'g a d' aideachadh;

An t-Athair: na Mòrachd neo-chrìochnaich;

D' aon Mhac, fìor: agus urramach;

Mar an ceudna an Spiorad Naomh: an Comhfhurtair.

Is tu Rìgh na Glòire: O 'Chriosd.

Is tu Mac sìorruidh: an Athar.

An uair a ghabh thu ort féin an duine shaoradh: cha d' rinn thu tàir air broinn na h-Oighe.

An uair a thug thu buaidh air guin a' bhàis: dh' fhosgail thu rìoghachd nèimh do na h-uile chreidmhich.

Tha thu a' d' shuidhe air deas làimh Dhé: ann an Glòir an Athar.

Tha sinn a' creidsinn, gu'n tig thu: gu 'bhi 'd' bhreitheamh oirnn.

Air an aobhar sin tha sinn a' guidhe ort, cuidich do sheirbhisich: a shaor thu le d' fhuil ro phrìseil féin.

Dean an àireamh maille ri d' Naoimh: ann an glòir shìorruidh.

O 'Thighearna, sàbhail do shluagh: agus beannaich d' oighreachd.

Stiuir iad: agus tog suas iad gu sìorruidh.

O là gu là: tha sinn 'g a d' àrd-mholadh;

Agus a' toirt aoraidh do d' Ainm: gu bràth saoghal gun chrìoch.

Deònaich, O 'Thighearna: ar cumail an diugh gun pheacadh.

O 'Thighearna, dean tròcair oirnn: dean tròcair oirnn.

O 'Thighearna, leig le d' thròcair luidhe oirnn: mar a tha ar n-earbsa annad.

O 'Thighearna, annadsa chuir mi m' earbsa: na leig amhluadh orm a chaoidh.

¶ *No an Laoidh so*, Benedicite, omnia Opera.

O Sibhse uile oibre an Tighearna, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse Aingil an Tighearna, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse 'Nèamhan, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse Uisgeachan, a tha os ceann nan

speur, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse uile 'Chumhachdan an Tighearna, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Ghrian, agus a Ghealach, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Reulta nèimh, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Fhrasan, agus a Dhrùchd, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Ghaothan Dhé, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Theine, agus a Theas, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Gheamhraidh, agus a Shamhraidh, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Dhrùchdan, agus a Reothan, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Reotha, agus Fhuachd, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse Eigh, agus a Shneachd, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse Oidhcheachan, agus a Làthachan, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Sholuis, agus a Dhorchadais, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Dhealanaich, agus a Neoil, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O beannaicheadh an Talamh an Tighearn: seadh moladh se e, agus àrdaicheadh se e gu sìorruidh.

O sibhse a Shléibhtean, agus a Bheannta, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse uile 'Nithean uaine air an talamh, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Thobraichean, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse Fhairgeachan, agus a Thuiltean, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Mhuca-mara, agus gach uile ni a ghluaiseas anns na h-uisgeachaibh, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse uile Eunlaith an adhair, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse uile Ainmhidhean, agus a Spréidh, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Chlann nan daoine, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O beannaicheadh Israel an Tighearn: moladh se e, agus àrdaicheadh se e gu sìorruidh.

O sibhse 'Shaghartan an Tighearna, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Sheirbhiseacha an Tighearna, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Spioraid, agus Anaman nam fìrean, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O sibhse a Dhaoine naomha agus iriosal ann an cridhe, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

O Ananiais, Asariais, agus a Mhisaeil, beannaichibh an Tighearn: molaibh e, agus àrdaichibh e gu sìorruidh.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad Naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin leughar air an dòigh cheudna an Dara Leasan, as an Tiomnadh Nuadh. Agus an déigh sin, an Laoidh a leanas ach an uair a thuiteas d' i 'bhi air a leughadh anns a' Chaibideil air son an là, no air son an t-Soisgeil air là N.* Eoin Baistidh.

Benedictus. N. Luc. 1. 68.

GU ma beannaichte an Tighearn Dia Israeil: air son gu'n d' fhiosraich e, agus gu'n d' thug e saorsa d' a phobull;

Agus gu'n do thog e suas dhuinne adharc slàinte: ann an tigh Dhaibhidh 'òglaich féin;

A réir mar a labhair e le beul 'Fhàidhean

naomha féin: a bha ann o thoiseach an t-saoghail;

A thoirt saorsa dhuinn o ar naimhdibh: agus o làimh na muinntir sin uile le 'm fuathach sinn;

A choimhlionadh na tròcair a gheall e d' ar n-aithrichibh: agus a chuimhneachadh a Choimhcheangail naoimh féin;

Na mionnan a mhionnaich e d' ar n-athair Abraham: gu'n tugadh e dhuinn;

Air dhuinn a bhi air ar saoradh o làimh ar naimhdean: gu'n deanamaid seirbhis dha as eugmhais eagail;

Ann an naomhachd, agus ann am fìreantachd 'n a làthair féin: uile làithean ar beatha.

Agus thusa, a Leinibh, goirear dhiot fàidh an Ti a's àirde: oir théid thu roimh aghaidh an Tighearn' a dh' ulluchadh a shlighe;

A thoirt eòlais na slàinte d' a phobull: ann am maitheanas am peacaidhean,

Troimh thròcair ro mhòir ar Dé-ne: leis an dh' fhiosraich an Ur-mhaduinn o 'n ionad a's àirde sinn;

A thoirt soluis dhoibhsan a tha 'n an suidhe ann an dorchadas, agus ann an sgàil a' bhàis: a threòrachadh ar cos air slighe na sìthe.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *No an t-Salm so, Jubilate Deo.*

TOgaibh iolach ait do'n Tighearn, a thìrean uile: deanaibh seirbhis do'n Tighearn le h-aoibhneas, thigibh 'n a fhianuis le luathghaire.

Bitheadh fios agaibh gur e 'n Tighearn a's Dia ann: is e a rinn sinn, agus cha sinn féin, is sinn a shluagh, agus caoraich 'ionaltraidhsan.

Thigibh a steach air a gheataibh le buidheachas, d' a chùirtibh le moladh: thugaibh buidheachas dha, beannaichibh 'Ainm.

Oir tha 'n Tighearn maith, mairidh a thròcair gu bràth: agus 'fhìrinn o lìnn gu lìnn.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin seinnear, no theirear Creud nan Abstol leis a' Mhinisteir, agus leis an t-sluagh 'n an seasamh. Ach a mhàin air na làithibh air am bheil Creud N.* Atanasius *air a h-orduchadh a bhi air a leughadh.*

THa mi 'creidsinn ann an Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, Cruithfhear nèimh agus talmhainn:

Agus ann an Iosa Criosd 'aon Mhac-san ar Tighearn, A ghabhadh leis an Spiorad naomh, A rugadh leis an Oigh Muire, A dh' fhuiling fo Phontius Pilat, A cheusadh, a fhuair bàs, agus a dh' adhlaiceadh; Chaidh e sìos do dh' ifrinn,* Air an treas là dh' éirich e rìs o na mairbh, Chaidh e suas gu Nèamh, Agus tha e 'n a shuidhe air deas làimh Dhé an t-Athair Uile-chumhachdach; As an sin thig e thoirt breth air na bèothaibh agus air na mairbh.

Tha mi 'creidsinn anns an Spiorad naomh;

* Staid spiorad nam marbh.

'S an Eaglais naomh Choitchionn* ; 'An Comh-chomunn nan Naomh ; 'Am maitheanas pheac-aidhean ; 'An aiseirigh a' chuirp, Agus 's a' bheatha shìorruidh. Amen.

¶ *Agus an déigh sin, na h-Urnuighean so a leanas, na h-uile gu cràbhach air an glùinibh, am Ministeir 'an toiseach ag ràdh le guth àrd,*

Gu'n robh an Tighearn maille ribh.

Freagairt.

Agus maille ri d' Spiorad-sa.

Ministeir.

¶ Deanamaid urnuigh.

A Thighearna dean tròcair oirnn.

A Chriosd dean tròcair oirnn.

A Thighearna dean tròcair oirnn.

¶ *An sin their am Ministeir, na Cléirich, agus an sluagh Urnuigh an Tighearna le guth àrd.*

AR n-Athair, a tha air nèamh, Naomh-aichear d'Ainm. Thigeadh do Rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan, a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn : Ach saor sinn o olc. Amen.

¶ *An sin air do'n t-Sagart seasamh, their e,*

O 'Thighearna, taisbein dhuinn do thròcair.

* *Air neo* Chatholach.

Freagairt.

Agus deònaich dhuinn do shlàinte.

Sagart.

O 'Thighearna, sàbhail a' Bhan-righinn.

Freagairt.

Agus éisd ruinn gu tròcaireach an uair a ghairmeas sinn ort.

Sagart.

Sgeadaich do mhinisteirean le fìreantachd.

Freagairt.

Agus dean do shluagh taghta aoibhneach.

Sagart.

O 'Thighearna, sàbhail do shluagh.

Freagairt.

Agus beannaich d' oighreachd.

Sagart.

Thoir sìth 'n ar lìnn-ne, O 'Thighearna.

Freagairt.

Do bhrìgh nach 'eil neach air bith eile a tha 'cogadh air ar son, ach thusa a mhàin, O 'Dhé.

Sagart.

O 'Dhé, glan ar cridheachan 'an taobh a stigh dhinn.

Freagairt.

Agus na toir uainn do Spiorad naomh.

¶ *An sin leanaidh tri Guidhean; An ceud h-aon diubh air son an là, a tha cuideachd air 'orduchadh aig a' Chomanachadh ; An dara h-aon air son Sìthe; An treas h-aon air son gràis gu beatha a chaitheamh gu maith. Agus cha-n atharraichear aig àm sam bith an dà Ghuidhe mu dheireadh, ach tha iad ri'n ràdh aig Urnuigh Mhaidne gach là rè na bliadhna uile, mar a leanas ; na h-uile air an glùinibh.*

¶ *An dara Guidhe, air son Sìthe.*

O 'Dhé, is tu ùghdar na sìthe agus an ti aig a' bheil gràdh do réite, tha ar beatha shìorruidh a'seasamh ann an eòlas'bhi againn ort, is saorsainn iomlan do sheirbhis; dìon sinne do sheirbhisich ùmhal ann an uile ionnsuidhibh ar naimhdean, chum nach bi eagal neart eascairdean air bith oirnne, a tha 'g earbsadh gu cinnteach ann ad dhìdean, tre chumhachd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An treas Guidhe, air son Gràis.*

O 'Thighearna ar n-Athair nèamhaidh, a Dhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, a thug sinn gu sàbhailte gu toiseach an là an diugh; dìon sinn ann le d' mhòr chumhachd, agus deònaich nach tuit sinn ann am peacadh air bith air an là so, agus nach ruith sinn ann an gnè air bith de chunnart; ach gu'm bi ar n-uile dheanadais air an stiuradh le d' riaghailtsa, chum gu'n dean sinn do ghnàth an ni sin a tha fìrinneach ann ad shealladh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Far am bheil cuideachd de luchd-seinn agus anns na h-Ionadaibh 's an seinn iad, an so leanaidh an Laoidh.*

¶ *An sin tha na cùig Urnuighean so a leanas ri'n leughadh an so, ach an uair a leughar an Laoidh-dhiann; agus an sin cha-n'eil ri'n leughadh dhiubh ach an dithis dheireanach, mar a tha iad air an suidheachadh an sin.*

¶ *Urnuigh air son na Ban-righinn.*

O 'Thighearna ar n-Athair nèamhaidh, àird agus chumhachdaich, a Rìgh nan rìghrean, a Thighearna nan tighearnan, aon Fhearriaghladh phrionnsan, a tha o d' chathair rìoghail a' coimhead nan uile a tha 'n còmhnuidh air talamh; o'r n-uile chridhe tha sinn a' guidhe ort thu 'choimhead le d' dheadh-ghean air ar n-Ard-Uachdaran ro sheirceil Banrighinn BHICTORIA, agus mar so lìon i le gràs do Spioraid naoimh, chum gu'n lùb i do ghnàth gu d' thoil, agus gu'n gluais i ann ad shlighe: Sgeadaich i gu pailt le tiodhlacaibh nèamhaidh, deònaich dhi beatha bhuan ann an slàinte agus ann an soirbheachadh, neartaich i a dh' fhaotainn buaidh agus làmh 'n uachdar air a naimhdibh uile; agus fadheoidh an déigh na beatha so, gu'm faigh i aoibhneas agus sonas sìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Urnuigh air son an Teaghlaich Rìoghail.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thobair an uile mhaitheis, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort thu 'bheannachadh *Albert Imhear* Prionnsa *Uilse*, agus Ban-phrionnsa *Uilse*, agus an Teaghlach Rìoghail uile: Sgeadaich iad le d' Spiorad naomh; dean saoibhir iad le d' ghràs nèamhaidh; soirbhich leo leis gach uile shonas; agus thoir iad gu d' rìoghachd mhaireannaich, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Urnuigh air son na Cléire agus an t-Sluaigh.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, a tha 'd' aonar ag oibreachadh

mhiorbhuilean mòra; cuir Spiorad slàinteil do ghràis a nuas air ar n-Easbuigibh, agus air ar Buachailibh spioradail, agus air gach uile Choimhthional a tha fo 'n curam; agus a chum 's gu'm fìor thoilich iad thu, doirt a nuas orra sìor dhrùchd do bheannachaidh. Deònaich so, O 'Thighearna, air son onoir ar Feartagraidh agus ar n-Eadar-mheadhonair, Iosa Criosd. *Amen.*

¶ *Urnuigh le Naomh* Crisostom.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thug dhuinn gràs anns an àm so ar n-athchuingean choitchionn a dheanamh riut le aon rùn, agus a tha 'gealltuinn, an uair a chruinnicheas dithis no triuir 'an ceann a chéile ann ad Ainm, gu'n toir thu dhoibh an iarrtuis; Coimhlion a nis, O 'Thighearna, miannan agus iarrtuis do sheirbhiseach, mar is ro fheumail e dhoibh; a' deònachadh dhuinn anns an t-saoghal so eòlas air d' fhìrinn, agus anns an t-saoghal a tha ri teachd a' bheatha mhaireannach. *Amen.*

2 *Cor.* xiii.

GRàs ar Tighearna Iosa Criosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid Naoimh gu'n robh maille ruinn uile gu sìorruidh. *Amen.*

An so tha Ordugh Urnuigh Mhaidne a' crìochnachadh rè na bliadhna.

AN

T-ORDUGH

AIR SON

URNUIGH FHEASGAIR,

Gach là rè na bliadhna.

¶ *Aig toiseach na h-Urnuigh-Fheasgair leughaidh am Ministeir le guth àrd aon, no tuilleadh de na h-Earrannaibh so de na Sgriobtuiribh, a leanas. Agus an sin their e an ni sin a tha sgrìobhta an déigh nan Earrannan ceudna.*

AN uair a philleas an t-aingidh air falbh o 'aingidheachd, a chuir e 'n gnìomh, agus a ni e an ni a tha dligheach agus ceart, gleidhidh e 'anam beò. *Esec.* 18. 27.

Tha mi ag aideachadh m' eusaontais, agus tha mo pheacadh a' m' làthair a ghnàth. *Salm* 51. 3.

Foluich do ghnùis o m' pheacaidhean, agus dubh as m' eucearta gu léir. *Salm* 51. 9.

Is iad Iobairtean Dhé spiorad briste: air cridhe briste agus brùite, a Dhé, cha dean thusa tàir. *Salm* 51. 17.

Reubaibh bhur cridhe, agus ni h-e 'ur n-eudach, agus pillibh ris an Tighearn 'ur Dia: oir tha e tròcaireach, agus iochdmhor, mall a chum feirge, agus làn de chaomhalachd, agus gabhaidh e aithreachas mu 'n olc. *Ioel* 2. 13.

Do 'n Tighearn ar Dia buinidh tròcairean, agus maitheanais, ge do rinn sinne ár-amach 'n a aghaidh: ni mò thug sinn géill do ghuth an Tighearn' ar Dia, a chum gluasad 'n a reachdaibh a chuir e romhainn. *Daniel* 9. 9, 10.

O 'Thighearna cronuich mi, ach ann an tomhas; ni h-ann a' d' chorruich, air eagal gu'n cuir thu as domh. *Ier.* 10. 24. *Salm* 6. 1.

Gabhaibh aithreachas; oir tha Rìoghachd Nèimh am fagus. *N. Mat.* 3. 2.

Eiridh mi agus théid mi dh' ionnsuidh m' Athar, agus their mi ris; Athair, pheacaich mi an aghaidh Fhlaitheanais, agus a' d' làthair-sa, agus cha-n airidh mi tuilleadh gu'n goirteadh do mhac-sa dhiom. *N. Luc.* 15. 18, 19.

Na tig ann am breitheanas le d' òglach; oir ann ad fhianuis cha-n fhìreanaichear duine beò air bith. *Salm* 143. 2.

Ma their sinn nach 'eil peacadh againn, tha sinn 'g ar mealladh féin, agus cha-n 'eil an fhìrinn annainn. Ma dh' aidicheas sinn ar peacaidhean, tha esan fìrinneach agus ceart chum ar peacaidhean a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd. 1 *N. Eoin* 1. 8, 9.

A Bhràithrean ro ionmhuinn, tha 'n Sgriobtuir 'g ar brosnuchadh ann an iomad àite a dh' aithneachadh agus a dh' aideachadh ar peacaidhean agus ar n-aingidheachd lìonmhor, agus nach bu chòir dhuinn a bhi 'g an ceiltinn no 'g an sgàileadh ann an làthair Dhé Uile-chumhachdaich ar n-Athair nèamhaidh, ach an aideachadh le cridhe ùmhal, iosal, aithreach, agus iriosal, a chum gu'm faigh sinn maitheanas annta tre a mhaitheas agus a thròcair shìorruidh. Agus ged bu chòir dhuinn anns gach uile àm ar peacaidhean gu h-ùmhal aideachadh ann an làthair Dhé, gidheadh is còir

dhuinn gu ro àraid sin a dheanamh, an uair a chruinnicheas agus a thig sinn 'an ceann a chéile, a thoirt buidheachais dha air son nan sochairean mòra a fhuair sinn o 'làimh, a chur suas a mholaidh ro òirdheirc, a dh' éisdeachd 'fhocail ro naoimh, agus a dh' iarraidh nan nithe sin a tha iomchuidh agus feumail, air son a' chuirp cho maith agus air son an anama. Air an aobhar sin tha mi 'g iarraidh agus a' guidhe oirbhse uile, a tha 'n so a làthair, mise chomh-imeachd le cridhe glan agus le guth ùmhal gu cathair a'ghràis nèamhaidh, ag ràdh a'm' dhéigh.

¶ *Aidmheil choitchionn ri 'ràdh leis a' Choimhthional gu h-iomlan an déigh a' Mhinisteir, na h-uile air an glùinibh.*

A Thair Uile-chumhachdaich agus ro thròcairich; Chaidh sinn 'a' mearachd, agus air seacharan o d' shlighibh mar chaoirich chaillte. Lean sinn tuilleadh 's fada innleachdan, agus miannan ar cridheachan féin. Chiontaich sinn an aghaidh do laghannan naomha. Dh' fhàg sinn gun deanamh na nithe sin, a bu chòir dhuinn a dheanamh; Agus rinn sinn na nithe sin, nach bu chòir dhuinn a dheanamh; Agus cha-n 'eil slàinte annainn. Ach dean thusa, O 'Thighearna, tròcair oirnne, ciontaich thruagha. Caomhain iadsan, O 'Dhé, a tha 'g aideachadh an lochdan. Gabh air an ais a' mhuinntir, a tha aithreach; A réir do gheallaidhean air an nochdadh do 'n chinne-daoine ann an Iosa Criosd ar Tighearn. Agus deònaich, O Athair ro thròcairich, air a sgàth-san; Gu'n caith sinn a so suas beatha dhiadhaidh, ionraic, agus mheasarra, Chum glòire d' Ainme naoimh. Amen.

¶ *Am Fuasgladh no Maitheanas pheacaidhean ri 'chur 'an céill leis an t-Sagart 'n a aonar, 'n a sheasamh; an sluagh fathast air an glùinibh.*

DIa Uile-chumhachdach, Athair ar Tighearna Iosa Criosd, leis nach miann bàs peacaich, ach leis an fhearr e 'philleadh o 'aingidheachd, agus a bhi beò, agus a thug cumhachd agus àithne d'a Mhinisteiribh fuasgladh agus maitheanas am peacaidhean a nochdadh agus a chur 'an céill d'a shluagh, air dhoibh a bhi fìor aithreach: Tha esan a' toirt maitheanais agus fuasglaidh dhoibhsan uile a tha fìor aithreach, agus gun cheilg a' creidsinn a Shoisgeil naoimh. Air an aobhar sin guidheamaid air gu'n deònaich e dhuinn fìor aithreachas, agus a Spiorad naomh; chum gu'm bi na nithe sin a tha sinn a' deanamh anns an àm so taitneach dha, agus gu'm bi a' chuid eile d'ar beatha an déigh so fìor-ghlan agus naomh, chum fadheoidh gu'n tig sinn d'a aoibhneas sìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin théid am Ministeir air a ghlùinibh, agus their e Urnuigh an Tighearna; an Sluagh cuideachd air an glùinibh, agus 'g a h-aithris maille ris.*

AR n-Athair, a tha air Nèamh, Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do Rìoghachd. Deanar do thoil air an Talamh, Mar thatar a deanamh air Nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan, a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn; Ach saor sinn o olc: Oir is leatsa an Rìoghachd, an Cumhachd, Agus a' Ghlòir, Gu sìorruidh agus gu sìorruidh. Amen.

¶ *An sin their e mar an ceudna,*

O 'Thighearna, fosgail thusa ar bilean.

Freagairt.

Agus taisbeinidh ar beul do mholadh.

Sagart.

O 'Dhé, dean cabhag d' ar saoradh.

Freagairt.

O 'Thighearna, greas gu 'r còmhnadh.

¶ *An so air do na h-uile 'bhi 'n an seasamh, their an Sagart,*

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac, agus do 'n Spiorad Naomh;

Freagairt.

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

Sagart.

Molaibh an Tighearn.

Freagairt.

Bitheadh ainm an Tighearna air a mholadh.

¶ *An sin theirear no seinnear na Sailm anns an ordugh 's am bheil iad air an suidheachadh. An sin Leasan as an t-Seann Tiomnadh, mar a tha e air a shuidheachadh. Agus an déigh sin* Magnificat (*no Dàn na h-Oighe bheannaichte* Muire) *anns a'* [*chànain chumanta*] *mar a leanas.*

Magnificat. N. Lucas 1.

THa m' anam ag àrd-mholadh an Tighearna: agus tha mo spiorad a' deanamh gairdeachais ann an Dia mo Shlànuidhear.

A chionn gu'n d' amhairc e: air staid ìosail a bhanoglaich.

Oir feuch, o so suas: goiridh gach linn beannaichte dhiom.

Do bhrìgh gu'n d' rinn an Ti a tha cumhachdach nithean mòra dhomh : agus is naomh 'Ainm.

Agus tha a thròcair-san o lìnn gu lìnn : do 'n dream d' an eagal e.

Nochd e neart le 'ghàirdean : sgap e na h-uaibhrich ann an smuaintibh an cridhe féin.

Thug e nuas na daoine cumhachdach o 'n caithrichibh rìoghail : agus dh' àrdaich e iadsan a bha ìosal.

Lìon e 'n dream a bha ocrach le nithibh maithe : agus chuir e uaith na daoine saoibhir falamh.

Rinn e còmhnadh ri Israel 'òglach féin ann an cuimhneachadh a thròcair : mar a labhair e r' ar n-aithrichibh, do Abraham agus d' a shliochd gu bràth.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac : agus do 'n Spiorad Naomh.

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth : saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *No an t-Salm so; Ach air an naothamh là deug de 'n mhìos, an uair a leughar i ann an riaghailt ghnàthaichte nan Salm.*

Cantate Domino. Salm 98.

O Seinnibh do 'n Tighearn laoidh nuadh : oir rinn e nithean iongantach.

Dh' oibrich a dheas làmh : agus a ghàirdean naomh slàinte dha.

Thaisbein an Tighearn a shlàinte : ann an sealladh nan cinneach dh' fhoillsich e 'fhìreantachd.

Chuimhnich e a thròcair agus 'fhìrinn do theaghlach Israeil : chunnaic uile chrìochan na talmhainn slàinte ar Dé.

Togaibh iolach ait do 'n Tighearn, a thìrean uile : togaibh bhur guth, deanaibh gairdeachas, agus seinnibh cliu.

Seinnibh do 'n Tighearn le clàrsaich : le clàrsaich agus guth sailme.

Le trompaidibh agus guth na h-adhairc' : togaibh iolach ait 'an làthair an Rìgh Iehobhah.

Beucadh an fhairge agus a làn : an saoghal agus iadsan a tha 'n an còmhnuidh ann.

Buaileadh na tuiltean am bosan, cuideachd deanadh na beanntan luathghaire 'an làthair an Tighearna : oir tha e a' teachd a thabhairt breth air an talamh.

Bheir e breth air an t-saoghal ann am fìreantachd : agus air na slòigh ann an ceartas.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac : agus do 'n Spiorad Naomh ;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth : saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin Leasan as an Tiomnadh Nuadh, mar a tha e air 'orduchadh : Agus an déigh sin* Nunc dimittis *(no Dàn* Shimeoin*) anns a' [chànain chumanta] mar a leanas.*

Nunc dimittis. N. Luc. 2. 29.

A Nis, a Thighearna, tha thu 'leigeadh do d' sheirbhiseach siubhal 'an sìth : a réir d' fhocail.

Oir chunnaic mo shùilean : do shlàinte,

A dh' ulluich thu : roimh ghnùis nan uile shluagh ;

Solus a shoillseachadh nan Cinneach: agus glòir do phobuill Israeil.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad Naomh.

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *No an t-Salm so; Ach air an Dara là deug de'n mhìos.*

Deus misereatur. Salm 67.

GU'n deanadh Dia tròcair oirnn, agus gu'n beannaicheadh e sinn: agus gu'n tugadh e air a ghnùis dealrachadh oirnn.

Chum gu'n aithnichear do shlighe air an talamh: do shlàinte am measg nan uile chinneach.

Moladh na slòigh thu, a Dhé: moladh na slòigh uile thu.

Bitheadh na cinnich aoibhneach agus deanadh iad luathghaire: oir bheir thusa breth air na slòigh ann an ceartas, agus riaghlaidh tu na cinnich air an talamh.

Moladh na slòigh thu, a Dhé: moladh na slòigh uile thu.

Bheir an talamh a thoradh: gu'm beannaicheadh Dia, ar Dia-ne, sinn.

Gu'm beannaicheadh Dia sinn: agus gu'n robh 'eagal-san air uile chrìochaibh na talmhainn.

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac: agus do'n Spiorad Naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin seinnear no theirear Creud nan Abstol leis a' Mhinisteir agus leis an t-sluagh 'n an seasamh.*

THa mi 'creidsinn ann an Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, Cruithfhear nèimh agus talmhainn:

Agus ann an Iosa Criosd 'aon Mhac-san ar Tighearn, A ghabhadh leis an Spiorad naomh, A rugadh leis an Oigh Muire, A dh' fhuiling fo Phontius Pilat, A cheusadh, a fhuair bàs, agus a dh' adhlaiceadh; Chaidh e sìos do dh' ifrinn,* Air an treas là dh' éirich e rìs o na mairbh, Chaidh e suas gu Nèamh, Agus tha e 'n a shuidhe air deas làimh Dhé an t-Athair Uile-chumhachdach; As an sin thig e thoirt breth air na beòthaibh agus air na mairbh.

Tha mi 'creidsinn anns an Spiorad naomh; 'S an Eaglais naomh Choitchionn†; 'An Comhchomunn nan Naomh; 'Am maitheanas pheacaidhean; 'An aiseirigh a' chuirp, Agus 's a' bheatha shìorruidh. Amen.

¶ *Agus an déigh sin, na h-Urnuighean so a leanas, na h-uile gu cràbhach air an glùinibh, am Ministeir 'an toiseach ag ràdh le guth àrd,*

Gu'n robh an Tighearn maille ribh.

Freagairt.

Agus maille ri d' Spiorad-sa.

Ministeir.

¶ Deanamaid urnuigh.

A Thighearna dean tròcair oirnn.

A Chriosd dean tròcair oirnn.

A Thighearna dean tròcair oirnn.

* Staid spiorad nam marbh. † *Air neo* Chatholach.

¶ *An sin their am Ministeir, na Cléirich, agus an sluagh Urnuigh an Tighearna le guth àrd.*

AR n-Athair, a tha air nèamh, Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do Rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan, a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn : Ach saor sinn o olc. Amen.

¶ *An sin air do'n t-Sagart seasamh, their e,*

O 'Thighearna, taisbein dhuinn do thròcair.

Freagairt.

Agus deònaich dhuinn do shlàinte.

Sagart.

O 'Thighearna, sàbhail a' Bhan-righinn.

Freagairt.

Agus éisd ruinn gu tròcaireach an uair a ghairmeas sinn ort.

Sagart.

Sgeadaich do mhinisteirean le fìreantachd.

Freagairt.

Agus dean do shluagh taghta aoibhneach.

Sagart.

O 'Thighearna, sàbhail do shluagh.

Freagairt.

Agus beannaich d' oighreachd.

Sagart.

Thoir sìth 'n ar lìnn-ne, O 'Thighearna.

Freagairt.

Do bhrìgh nach 'eil neach air bith eile a tha cogadh air ar son, ach thusa a mhàin, O 'Dhé.

Sagart.

O 'Dhé, glan ar cridheachan 'an taobh a stigh dhinn.

Freagairt.

Agus na toir uainn do Spiorad naomh.

¶ *An sin leanaidh tri Guidhean ; An ceud h-aon diubh air son an là ; An dara h-aon air son Sìthe ; An treas h-aon air son còmhnaidh an aghaidh nan uile chunnartan, mar a leanas an déigh so : Theirear an dà Ghuidhe dheireannach so aig Urnuigh Fheasgair gach là gun atharrachadh.*

¶ *An dara Guidhe aig Urnuigh Fheasgair.*

O 'Dhé, o'm bheil gach uile rùn naomh, gach uile dheadh chomhairle, agus gach uile oibre cheart a' sruthadh ; Thoir do d' sheirbhisich an t-sìth sin nach urrainn an saoghal a thoirt seachad, a chum gu'm bi araon ar cridheachan air an suidheachadh gu géill a thoirt do d' àitheantaibh, agus cuideachd air dhuinn a bhi air ar dìon leatsa o eagal ar naimhdean, gu'n caith sinn ar n-aimsir ann am fois agus ann an sàmhchair, tre dheadhthoillteanais Iosa Criosd ar Slànuidhir. *Amen.*

¶ *An treas Guidhe, air son còmhnaidh an aghaidh nan uile chunnartan.*

SOillsich ar dorchadas, tha sinn a' guidhe ort, O 'Thighearna, agus le d' mhòr thròcair dìon sinn o gach uile ghàbhaidhibh agus chunnartaibh na h-oidhche-nochd, air son gràidh d'aon-ghin Mhic, ar Slànuidhir Iosa Criosd. *Amen.*

¶ *Far am bheil cuideachd de luchd-seinn agus anns na h-Ionadaibh 's an seinn iad, an so leanaidh an Laoidh.*

¶ *Urnuigh air son na Ban-righinn.*

O 'Thighearna, ar n-Athair nèamhaidh, àird agus chumhachdaich, a Rìgh nan rìghrean, a Thighearna nan tighearnan, aon Fhear-riaghladh phrionnsan, a tha o d' chathair rìoghail a' coimhead nan uile a tha 'n còmhnuidh air talamh; o'r n-uile chridhe tha sinn a' guidhe ort thu 'choimhead le d' dheadh-ghean air ar n-Ard-Uachdaran ro sheirceil Ban-righinn BHICTORIA, agus mar so lìon i le gràs do Spioraid naoimh, chum gu'n lùb i do ghnàth gu d' thoil, agus gu'n gluais i ann ad shlighe: Sgeadaich i gu pailt le tiodhlacaibh nèamhaidh, deònaich dhi beatha bhuan ann an slàinte agus ann an soirbheachadh, neartaich i a dh' fhaotainn buaidh agus làmh 'n uachdar air a naimhdibh uile; agus fadheoidh an déigh na beatha so, gu'm faigh i aoibhneas agus sonas sìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Urnuigh air son an Teaghlaich Rìoghail.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thobair an uile mhaitheis, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort thu 'bheannachadh *Albert Imhear* Prionnsa *Uilse*, agus Ban-phrionnsa *Uilse*, agus an Teaghlach Rìoghail uile: Sgeadaich iad le d' Spiorad naomh; dean saoibhir iad le d' ghràs nèamhaidh; soirbhich leo leis gach uile shonas; agus thoir iad gu d' rìoghachd mhaireannaich, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Urnuigh air son na Cléire agus an t-Sluaigh.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, a tha 'd' aonar ag oibreachadh mhiorbhuilean mòra; cuir Spiorad slàinteil do ghràis a nuas air ar n-Easbuigibh, agus air ar Buachailibh spioradail, agus air gach uile Choimhthional a tha fo 'n curam; agus a chum 's gu'm fìor thoilich iad thu, doirt a nuas orra sìor dhrùchd do bheannachaidh. Deònaich so, O 'Thighearna, air son onoir ar Fear-tagraidh agus ar n-Eadar-mheadhonair, Iosa Criosd. *Amen.*

¶ *Urnuigh le Naomh* Crisostom.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thug dhuinn gràs anns an àm so ar n-athchuingean choitchionn a dheanamh riut le aon rùn, agus a tha 'gealltuinn, an uair a chruinnicheas dithis no triuir 'an ceann a chéile ann ad Ainm, gu'n toir thu dhoibh an iarrtuis; Coimhlion a nis, O 'Thighearna, miannan agus iarrtuis do sheirbhiseach, mar is ro fheumail e dhoibh; a' deònachadh dhuinn anns an t-saoghal so eòlas air d' fhìrinn, agus anns an t-saoghal a tha ri teachd a' bheatha mhaireannach. *Amen.*

2 *Cor.* xiii.

GRàs ar Tighearna Iosa Criosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid Naoimh gu'n robh maille ruinn uile gu sìorruidh. *Amen.*

An so tha Ordugh Urnuigh Fheasgair a' crìochnachadh rè na bliadhna.

¶ *Air na Féillibh so ; Là* Nodhlaic, *am* Foillseachadh, *Naomh* Matias, *Là* Càisge, *Là* 'n Dol suas, *Dòmhnach* na Cuingeis, *Naomh* Eoin Baistidh, *Naomh* Seumas, *Naomh* Bartolomeus, *Naomh* Mata, *Naomh* Simon *agus Naomh* Iudas, *Naomh* Aindreas, *agus air Dòmhnach* na Trionaid, *seinnear no theirear aig Urnuigh Mhaidne, 'an àite Creuda nan Abstol, an Aidmheil so air ar Creidimh Criosdail, d' an goirear gu cumanta Creud* Naomh Atanasius, *leis a' Mhinisteir agus leis an t-Sluagh 'n an seasamh.*

Quicunque vult.

CO air bith leis an àill a bhi air a shàbhaladh: roimh gach ni tha e feumail gu'n cum e gu daingean an Creidimh Coitchionn.*

Mur gleidh gach neach an Creidimh so gu h-iomlan agus gun truailleadh : gun teagamh théid e mugha gu sìorruidh.

Agus is e so an Creidimh Coitchionn* : gu'n toir sinn aoradh do dh' aon Dia ann an Trionaid, agus Trionaid ann an Aonachd ;

Gun a bhi 'coimh-mheasgadh nam pearsannan ; no 'roinn an naduir.

Oir tha aon phearsa ann de 'n Athair, pearsa eile de 'n Mhac : agus pearsa eile de 'n Spiorad Naomh.

Ach Diadhachd an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh is aon i uile ; tha a' Ghlòir co-ionnan, a' Mhòrachd co-shìorruidh.

* *Air neo* Catholach.

Mar a tha 'n t-Athair, mar sin tha am Mac : agus mar sin tha an Spiorad Naomh.

An t-Athair neo-chruthaichte, am Mac neo-chruthaichte : agus an Spiorad Naomh neo-chruthaichte.

An t-Athair neo-chrìochnach, am Mac neo-chrìochnach : agus an Spiorad Naomh neo-chrìochnach.

An t-Athair sìorruidh, am Mac sìorruidh : agus an Spiorad Naomh sìorruidh.

Agus gidheadh cha tri sìorruidh iad : ach aon sìorruidh.

Mar an ceudna cha-n 'eil tri neo-chrìochnach, no trì neo-chruthaichte ann : ach aon neo-chruthaichte, agus aon neo-chrìochnach.

Mar an ceudna tha an t-Athair Uile-chumhachdach, am Mac Uile-chumhachdach : agus an Spiorad Naomh Uile-chumhachdach.

Agus gidheadh cha tri Uile-chumhachdach iad : ach aon Uile-chumhachdach.

Mar so is Dia an t-Athair, is Dia am Mac : agus is Dia an Spiorad Naomh.

Agus gidheadh cha tri Dée iad : ach aon Dia.

Mar an ceudna is Tighearn an t-Athair, is Tighearn am Mac : agus is Tighearn an Spiorad Naomh ;

Agus gidheadh cha tri Tighearnan iad : ach aon Tighearn.

Oir amhuil mar a tha sinn air ar coimh-éigneachadh leis an fhìrinn Chriosdail : a dh' aideachadh gur Dia agus Tighearn gach pearsa fa leth ;

Mar sin tha e air a thoirmeasg dhuinn leis a'

Chreidimh Choitchionn : a ràdh, Gu bheil tri Dée, no tri Tighearnan ann.

Cha-n 'eil an t-Athair deanta le neach air bith : no cruthaichte, no ginte.

Tha am Mac o'n Athair a mhàin : cha 'n ann deanta, no cruthaichte, ach ginte.

Tha an Spiorad Naomh o'n Athair agus o'n Mhac : cha-n ann deanta, no cruthaichte, no ginte, ach a' teachd.

Mar sin tha aon Athair ann, ni h-e tri Aithrichean ; aon Mhac, ni h-e tri Mic : aon Spiorad Naomh, ni h-e tri Spioraid Naomha.

Agus anns an Trionaid so cha-n 'eil aon roimh, no an déigh a chéile : cha-n 'eil aon na 's mò, no na 's lugha na 'chéile.

Ach tha na tri pearsannan uile co-shìorruidh le 'chéile : agus co-ionnan.

Mar sin anns na h-uile nithibh, mar a thubhairteadh roimhe : is còir aoradh a thoirt do 'n Aonachd ann an Trionaid, agus do 'n Trionaid ann an Aonachd.

Uime sin an ti, leis an àill a bhi air a shàbhaladh : feumaidh e smuainteachadh mar so air an Trionaid.

Os barr, tha e feumail chum slàinte shìorruidh : gu'n creideadh e gu ceart mar an ceudna ann an Teachd ar Tighearna Iosa Criosd 's an fheòil.

Oir is e an Creidimh ceart, gu'n creid agus gu'n aidich sinn : gur Dia, agus Duine, ar Tighearn Iosa Criosd, Mac Dhé ;

Dia de nadur an Athar, ginte roimh na saoghail : agus Duine de nadur a Mhathar, a rugadh anns an t-saoghal ;

Dia iomlan, agus Duine iomlan : aig am bheil anam reusanta agus feòil dhaoine ;

Co-ionnan ris an Athair, a thaobh a Dhiadhachd : agus is ìsle na 'n t-Athair, a thaobh a Dhaonnachd.

An ti ged is Dia, agus is Duine e : gidheadh cha dà Chriosd, ach a h-aon e :

Is aon e ; cha-n ann le tionndadh na Diadhachd gu feòil : ach le gabhail na Daonnachd gu Dia ;

Is aon e gu h-iomlan ; cha-n ann le coimhmheasgadh naduir : ach le aonachd pearsa.

Oir mar is aon duine an t-anam reusanta agus an fheòil : mar sin an ti is e Dia agus Duine, is aon Chriosd e.

A dh' fhuiling air son ar sàbhalaidh : a chaidh sìos do dh' ifrinn, a dh' éirich a rìs air an treas là o na mairbh.

Chaidh e suas gu nèamh, tha e 'n a shuidhe air deas làimh an Athar, Dia Uile-chumhachdach : as an sin thig e 'thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh.

Aig a theachd, éiridh na h-uile dhaoine rìs le 'n corpaibh : agus bheir iad cunntas air son an oibre féin.

Agus iadsan a rinn maith, théid iad gu beatha shìorruidh : agus iadsan a rinn olc gu teine sìorruidh.

'S e so an Creidimh Coitchionn : mur a creid duine e gu fìrinneach, cha n-urrainn da 'bhi air a shàbhaladh.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac : agus do 'n Spiorad Naomh ;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth : saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An so leanaidh an Laoidh-Dhiann no an Athchuinge Choitchionn r'a seinn no r'a ràdh an déigh Urnuigh Mhaidne air Di-dòmhnaichibh, air Di-ciaduinibh, agus air Di-h-aoinibh, agus air àmaibh eile, an uair a dh' orduichear e leis an Ard-Fhear-ùghdarrais.*

O 'Dhé an t-Athair nèamhaidh: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O' Dhé an t-Athair nèamhhaidh: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé am Mac, Fear-saoradh an t-saoghail: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé am Mac, Fear-saoradh an t-saoghail: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé an Spiorad Naomh, a' teachd o 'n Athair, agus o 'n Mhac: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé an Spiorad Naomh, a' teachd o'n Athair, agus o'n Mhac: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Thrionaid naomh, bheannaichte agus ghlòrmhor, tri pearsannan agus aon Dia: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Thrionaid naomh, bheannaichte agus ghlòrmhor, tri pearsannan agus aon Dia: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

Na cuimhnich a Thighearna ar cionta, no cionta ar sinnsearachd, agus na dean dìoghaltas oirnn air son ar peacaidhean: caomhain sinn, a dheadh Thighearna, caomhain do shluagh a shaor thu le d' fhuil ro phrìseil, agus na bi 'an corruich ruinn gu bràth.

Caomhain sinn, a dheadh Thighearna.

O gach uile olc agus thubaist, o pheacadh, o innleachdaibh agus o ionnsuidhibh an diabhuil, o d' fheirg féin, agus o dhìteadh sìorruidh,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

O gach uile dhoille cridhe; o àrdan, ghlòir dhìomhain, agus fhuar-chràbhadh; o fharmad, fhuath, agus mhi-run, agus o gach uile mhi-iochd,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

O strìopachas, agus o gach uile pheacadh mairbhteach eile; agus o uile chealgaireachd an t-saoghail, na feola, agus an diabhuil,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

O dhealanach agus o stoirm; o phlaigh, o ghalar, agus o ghoirt; o chath, agus o mhort, agus o bhàs obann.

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

O gach uile aimhreit, choimh-cheilg uaignich, agus cheannairc; o gach uile theagasg meallta, shaobh-chreidimh, agus easaonachd; o chruas cridhe, agus o thàir a thoirt do d' Fhocal agus do d' Aithne,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

Le dìomhaireachd do Theachd naoimh 's an fheòil; le d'Bhreith naoimh agus le d'Thimchioll-ghearradh; le d' Bhaisteadh, le d' Thrasgadh, agus le d' Bhuaireadh,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

Le d' Chràdh agus le d' Fhallus fola; le d' Chrann-ceusaidh agus le d' Fhulangas; le d'

Bhàs luachmhor agus le d' Adhlacadh ; le d' Aiseirigh agus le d' Dhol suas glòrmhor ; agus le teachd an Spioraid Naoimh,

Saor sinn a dheadh Thighearna.

Ann an uile àm ar n-an-shocair ; ann an uile àm ar soirbheachaidh ; ann an uair a' bhàis, agus ann an là a' bhreitheanais,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

Tha sinne peacaich a' guidhe ort éisdeachd ruinn, O 'Thighearna Dhé, agus gu ma deònach leat d' Eaglais naomh choitchionn a riaghladh agus a stiuradh 's an t-slighe cheirt ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat do sheirbhiseach BHICTORIA ar Ban-righinn agus ar Riaghladair ro sheirceil, a ghleidheadh agus a neartachadh ann an aoradh fìor dhuit féin, ann am fìreantachd agus an naomhachd beatha ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat a cridhe riaghladh ann ad chreidimh, ann ad eagal, agus ann ad ghràdh, agus gu sìorruidh tuilleadh gu'm bi earbsa aice annad, agus gu'n iarr i do ghnàth d' onoir agus do ghlòir ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat a bhi a' d'fhear-dìon agus a' d' fhear-gleidhidh aice, a' toirt na buaidh' dhi air a naimhdibh uile ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat *Albert Imhear* Prionnsa *Uilse*, agus Ban-phrionnsa *Uilse*, agus an Teaghlach Rìoghail uile, a bheannachadh agus a ghleidheadh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat na h-uile Easbuigean, Shagartan agus Dheaconan a shoillseachadh le fìor eòlas agus tuigse air d' Fhocal, agus araon le 'n teagasg agus le 'n caithe-beatha gu'n nochd iad e agus gu'n taisbein iad e d' a réir ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat Mòr-fhearan na Comhairle, agus na Maithean uile a sgeadachadh, le gràs, gliocas, agus tuigse ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat Luchd-frithealadh a' cheartais a bheannachadh agus a ghleidheadh, a' toirt gràis dhoibh a chur 'an gnìomh ceartais, agus a sheasamh na fìrinn ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat do shluagh uile a bheannachadh agus a ghleidheadh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat aonachd, sìth, agus réite a thoirt do na h-uile chinnich;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat cridhe 'thoirt dhuinn anns am bi do ghràdh agus d' eagal, a chaitheamh ar beatha gu dùrachdach a réir d' àitheantan;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat meudachadh gràis a thoirt do d' shluagh uile, a dh'éisdeachd gu sèimh d' Fhocail, agus g' a ghabhail le aigne fhìorghlan, agus a thoirt a mach toraidh an Spioraid;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat iadsan uile a chaidh air seacharan agus a tha air am mealladh a threòrachadh gu slighe na fìrinn;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat iadsan a tha 'n an seasamh a neartachadh, comhfhurtachd, agus còmhnadh a thoirt dhoibhsan a tha lag-chridheach, agus iadsan a tha air tuiteam a thogail a suas, agus fadheoidh Satan a bhualadh sìos fo 'r cosaibh;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat cabhair, còmhnadh, agus

comhfhurtachd a thoirt dhoibhsan uile a tha 'n cunnart, 'an éiginn, agus 'an an-shocair;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat gach neach a theasairginn a tha air astar air muir no air tìr, na h-uile mhnathan a tha 'n saothair chloinne, gach uile neach easlainteach agus clann òg, agus d' iochd a nochdadh do na h-uile phrìosonaich agus bhraighdibh;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat na dìlleachdain agus na bantraichean a dhìon, agus na h-uile a tha aonarach agus fo ainneart, agus deanamh air an son;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat tròcair a dheanamh air na h-uile dhaoinibh;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat maitheanas a thoirt d'ar naimhdibh, d'ar luchd-geur-leanmhuinn agus cul-chainidh, agus an cridheachan a thionndadh;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat gach gnè thoraidh na talmhainn a thoirt agus a theasairginn gu 'r feum, air chor 's gu meal sinn iad ann an àm iomchuidh;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat aithreachas fìreannach a thoirt dhuinn, ar peacaidhean, ar dearmaid, agus ar n-aineolais uile a mhaitheadh dhuinn, agus ar sgeadachadh le gràs do Spioraid naoimh, a leasachadh ar caithe-beatha a réir d' fhocail naoimh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

A Mhic Dhé: tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn.

A Mhic Dhé: tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn.

O Uain Dhé: a tha 'toirt air falbh peacaidhean an t-saoghail ;

Deònaich dhuinn do shìth.

O Uain Dhé: a tha 'toirt air falbh peacaidhean an t-saoghail ;

Dean tròcair oirnn.

O 'Chriosd, éisd ruinn.

O 'Chriosd, éisd ruinn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

¶ *An sin their an Sagart, agus an sluagh maille ris, Urnuigh an Tighearna.*

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d'Ainm. Thigeadh do Rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta. Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn ; Ach saor sinn o olc. Amen.

Sagart.

O 'Thighearna, na buin ruinn a réir ar peacaidhean.

Freagairt.

Agus na toir duais dhuinn a réir ar n-euceartan.

¶ Deanamaid urnuigh.

O 'Dhé Athair thròcairich, nach 'eil ri tàir air osnaich a' chridhe bhrùite, no air miann na muinntir a bhitheas dubhach ; Gu tròcaireach cuidich ar n-urnuighean a tha sinn a' deanamh ann ad làthair 'n ar n-uile an-shocairibh agus àmhghairibh, ge b' e uair air bith a luidheas iad gu trom oirnn ; agus gu gràsmhor éisd ruinn, a chum 's gu'm bi na h-uilc sin uile a tha innleachdan agus cuilbheirtean an Diabhuil no an duine ag oibreachadh 'n ar n-aghaidh, air an cur gu neo-bhrigh, agus le freasdal do mhaitheis gu'm bi iad air an sgaoileadh, a chum air dhuinne do sheirbhisich a bhi gun dochan le geur-leanmhuinnibh, gu 'n toir sinn gu sìorruidh tuilleadh buidheachas dhuit ann ad Eaglais naoimh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna.

URNUIGHEAN AGUS BREITH-BUIDHEACHAIS

AIR SON

CAOCHLADH AOBHAIREAN,

Ri 'n gnàthachadh roimh an dà Urnuigh dheireannaich de 'n Laoidh-Dhiunn, no de dh' Urnuigh Mhaidne agus de dh' Urnuigh Fheasgair.

URNUIGHEAN.

¶ *Air son Uisge.*

O 'Dhé Athair nèamhaidh, a gheall le d' Mhac Iosa Criosd dhoibhsan uile a tha 'g iarraidh do Rìoghachd agus a fireantachd, na h-uile nithean a tha feumail gu 'n lòn corporra; Cuir d' ar n-ionnsuidh, tha sinn a' guidhe ort, anns an éigin so 's am bheil sinn, uisge agus frasan measarra, air chor a's gu faigh sinn toradh na talmhainn gu 'r comhfhurtachd, agus gu d' onoir féin, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son turaidh.*

O 'Thighearna Dhé Uile-chumhachdaich, a bhàth aon uair an saoghal uile, ach ochd pearsannan, air son peacaidh an duine, agus an déigh sin a gheall o d' mhòr thròcair nach sgriosadh tu mar so e rìs gu sìorruidh; Ge do thoill sinn gu firinneach air son ar n-euceartan plàigh de dh' uisge agus de thuiltibh, gidheadh tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort, air dhuinn fìor aithreachas a dheanamh gu'n cuireadh tu a leithid de dh' aimsir d' ar n-ionnsuidh, a's gu'm faigh sinn toradh na talmhainn ann an àm iomchuidh, agus gu'm fòghlum sinn araon le d' pheanas ar caithe-beatha 'leasachadh, agus air son d' iochd moladh agus glòir a thoirt dhuit, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *'An àm daorsainn agus gorta.*

O 'Dhé Athair nèamhaidh, is e do thiodhlac-sa, gu'm bheil an t-uisge a' sileadh, an talamh torrach, spréidh a' meudachadh, agus iasg a' fàs lìonmhor: Amhairc, tha sinne a' guidhe ort, air àmhghairibh do shluaigh, agus deònaich gu'm bi a' ghoinne agus an daorsainn (a tha sinn a nis gu ro cheart a' fulang air son ar n-aingidheachd) tre do mhaitheas-sa gu tròcaireach air an tionndadh gu saorsainn agus pailteas, air son gràidh Iosa Criosd ar Tighearna; dhàsan maille riutsa, agus ris an Spiorad naomh gu'n robh gach uile onoir agus ghlòir, a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *No i so.*

O 'Dhé Athair thròcairich, a thionndaidh gu h-ealamh ann an Samaria ri linn an fhàidh Elisa goinne agus daorsainn mhòr gu pailteas agus saorsainn; Dean tròcair oirnn, a chum gu'm faigh sinne a tha a nis air ar smachdachadh air son ar peacaidhean leis an àmhghar cheudna, fuasgladh tràthail: Meudaich toradh na talmhainn le d' bheannachadh nèamhaidh; agus deònaich, air dhuinn do phailteas fialaidh fhaotainn, gu'n gnàthaich sinn e chum do ghlòire, gu fuasgladh orrasan a tha 'an uireasbhuidh, agus chum ar comhfhurtachd féin, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *'An àm cogaidh agus iorghuillean.*

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a Rìgh nan uile rìghrean, agus 'Fhir-riaghladh nan uile nithe, cha n-urrainn creutair air bith cur 'an aghaidh do chumhachd-sa, d' am buin ann an ceartas peacaich a smachdachadh, agus a bhi tròcaireach dhoibhsan a ni fìor aithreachas; Sàbhail agus saor sinn, tha sinn a' guidhe gu h-ùmhal ort, o làmhan ar naimhdean; lughdaich an àrdan, ceannsaich am mi-run, agus cuir an innleachdan 'an neo-bhrigh, chum air dhuinn a bhi armaichte le d' dhìdean, gu'm bi sinn air ar teasairginn gu sìorruidh tuilleadh o gach uile ghàbhadh, gu glòir a thoirt dhuitsa, aon tabhartair na h-uile bhuaidhe, tre dheadh-thoillteanais d' aon Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *'An àm plàigh no tinneis choitchionn air bith.*

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a chuir ann ad chorruich plàigh air do shluagh féin anns an fhàsach air son an ceannairc rag-mhuinealaich 'an aghaidh Mhaois agus Aaroin, agus mar an ceudna a mharbh tri fichead agus deich mìle ri linn Rìgh Daibhidh le plàigh galair, agus gidheadh a' cuimhneachadh do thròcair a shàbhail càch ; Gabh truas dhinne peacaich thruagha, a tha air ar fiosrachadh a nis le mòr thinneas agus bhàsmhoireachd, ionnas mar a ghabh thu anns an àm sin tabhartas-réite, agus mar a thug thu àithne do Aingeal an sgrios e 'sgur o smachdachadh ; mar sin gu ma deònach leat a nis a' phlàigh agus an tinneas cràiteach so a thoirt air falbh uainn, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Ri 'ràdh gach là ann an seachduinibh traisg ann an ceithir aimsiribh na bliadhna, air an son-san a tha ri 'n gabhail a steach gu Orduighibh naomha.*

A Dhé Uile-chumhachdaich ar n-Athair nèamhaidh, a cheannaich dhuit féin Eaglais choitchionn, le fuil phrìseil do Mhic ionmhuinn ; gu tròcaireach amhairc oirre, agus anns an àm so stiuir agus riaghlaich inntinnean do sheirbhiseach Easbuigean agus Buachaillean do threuda, chum nach leag iad an làmhan gu h-obann air duine air bith, ach gu dìleas agus gu glic gu'n dean iad roghainn de dhaoinibh iomchuidh a dheanamh seirbhis ann am ministreileachd naoimh d' Eaglais Agus dhoibhsan a bhitheas air an Orduchadh gu dreuchd naomh air bith, thoir do ghràs agus do bheannachadh nèamhaidh, chum araon le 'n caithe-beatha agus le 'n teagasg gu'n nochd iad do ghlòir, agus gu'n cuir iad air adhart sàbhaladh nan uile dhaoine, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *No i so.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thabhartair nan uile dheadh thiodhlacan, a shocraich o d' fhreasdal diadhaidh caochladh orduighean ann ad Eaglais; Thoir do ghràs, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort, dhoibhsan uile a tha ri 'bhi air an gairm gu dreuchd agus

frithealadh sam bith innte ; agus mar so lìon iad le firinn do theagaisg, agus sgeadaich iad le neò-chiontachd caithe-beatha, a chum gu'n dean iad seirbhis dhìleas ann ad làthair chum glòire d' Ainme mhòir, agus tairbhe d' Eaglais naoimhe, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Urnuigh a dh' fheudar a ràdh an déigh aon air bith de na h-urnuighibh a tha roimpe so.*

O 'Dhé aig a bheil e mar chleachdadh agus mar bhuaidh a bhi do ghnàth tròcaireach agus a' toirt maitheanais, gabh ar n-athchuinge ùmhal ; agus ged tha sinn air ar ceangal agus air ar cuibhreachadh le slabhruidh ar peacaidhean, gidheadh deanadh truacantachd do thròcair mhòir' ar fuasgladh, air son onoir Iosa Criosd ar n-Eadarmheadhonair agus ar Fir-tagraidh. *Amen.*

¶ *Urnuigh air son Ard Chùirt na Pàrlamaid ri 'bhi air a leughadh rè a Suidhe.*

A Dhé ro ghràsail, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort air son na Rìoghachd so gu léir, ach gu h-àraid air son Ard Chùirt na Pàrlamaid, a tha cruinnichte aig an àm so fo ar Ban-righinn ro chreidmheich agus ro sheirceil : Gu'm bu deònach leat an comhairlean uile a stiuradh agus a shoirbheachadh, a chur air adhart do ghlòire, maith d' Eaglais, sàbhaltachd, onoir, agus tairbhe ar n-Uachdarain, agus a Rìoghachdan ; gu'm bi na h-uile nithean air an orduchadh agus air an socrachadh le 'n dìchioll air na stéidhibh is fearr agus is diongmhalta, a chum gu'm bi sìth agus sonas, firinn agus ceartas, creidimh agus diadhachd air an daingneachadh 'n ar measg rè nan uile linntean. Na nithe so agus gach ni feumail eile air an son-san, air ar son-ne, agus air son d' Eaglais gu h-iomlan tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe 'an Ainm agus 'an eadar-ghuidhe Iosa Criosd ar Tighearn' agus ar Slànuidhir ro bheannaichte. *Amen.*

¶ *Guidhe no Urnuigh air son uile inbhean dhaoine, ri 'gnàthachadh aig na h-àmaibh sin anns nach 'eil an Laoidh-Dhiann air a h-orduchadh ri 'ràdh.*

O 'Dhé a chruithfhir agus fhir-theasairginn a' chinne-daoine uile, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort air

son uile sheòrsachan agus inbhean dhaoine, gu'm bu deònach leat do shlighean a dheanamh aithnichte dhoibh; agus eòlas do shlàinte a thoirt do na h-uile chinnich. Gu ro àraid tha sinn a' guidhe air son deadh staid na h-Eaglais Choitchionn; a chum gu'm bi i mar sin air a stiuradh agus air a riaghladh le d' dheadh Spiorad, a's gu'm bi na h-uile a tha 'g an aideachadh agus 'g an gairm féin 'n an Criosdaidhibh, air an treòrachadh 'an slighe na firinn, agus gu'n gleidh iad an creidimh ann an aonachd an spioraid, ann an ceangal na sìthe, agus ann an ionracas caithe-beatha. Fadheoidh tha sinn a' cur fo churam do mhaitheis athaireil iadsan uile a tha air dhòigh air bith fo àmhghar, no buaireadh inntinn, cuirp, no maoine [**gu sònraichte iadsan air son am bheil ar n-urnuighean air an iarraidh*] gu ma deònach leat comhfhurtachd agus fuasgladh a thoirt dhoibh a réir an uireasbhuidhean fa leth, a' toirt foighidin dhoibh fo an fulangasaibh, agus fuasglaidh sona as an àmhghairibh uile. Agus so tha sinn a' guidhe air sgàth Iosa Criosd. *Amen.*

* *Tha so ri a ràdh an uair a dh' iarras neach air bith urnuighean a' choimhthionail.*

BREITH-BUIDHEACHAIS.

¶ *Breith-buidheachais choitchionn.*

A Dhé Uile chumhachdaich, Athair nan uile thròcairean, tha sinne do sheirbhisich neo-airidh a' toirt buidheachais ro ùmhail agus o'r n-uile chridhe dhuit air son d' uile mhaitheis agus do chaoimhneis ghradhaich dhuinne, agus do na h-uile dhaoinibh [**gu sònraichte dhoibhsan a tha 'g iarraidh a nis am moladh agus am breith-buidheachais a thairgse suas air son nan tròcairean a bhuilich thu orra os ceann ghoirid*]. Tha sinn ga d' mholadh air son ar cruthachaidh, ar teasairginn, agus air son uile bheannachaidh na beatha so, ach os ceann na h-uile air son do ghràidh gun choimeas ann an saoradh an t-saoghail le ar Tighearn Iosa Criosd; air son meadhonan nan gràs, agus dòchais na glòire. Agus tha sinn a' guidhe ort thoir dhuinn am

* *Tha so ri a ràdh an uair a dh' iarras neach air bith a chaidh urnuigh a dheanamh air a shon moladh a thoirt seachad.*

mothachadh iomchuidh sin air d' uile thròcairibh, a chum gu'm bi ar cridheachan gu firinneach taingeil, agus gu'n nochd sinn do mholadh, cha-n ann a mhàin le 'r bilibh, ach 'n ar caithe-beatha, le sinn féin a thoirt a suas gu d' sheirbhis, agus le gluasad ann ad làthair 'an naomhachd agus 'an ionracas rè ar n-uile làithean, trìd Iosa Criosd ar Tighearna d'an robh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh gach uil' onoir agus ghlòir, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *Air son Uisge.*

O 'Dhé ar n-Athair nèamhaidh, a tha le d' fhreasdal gràsail a' toirt air a' cheud uisge agus air an uisge dheireannach teachd a nuas air an talamh, chum gu'n toir e mach toradh air son feum' an duine, tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit gu'n do dheònaich thu 'n ar n-éiginn mhòir uisge aoibhneach a chur a nuas dhuinn fadheoidh air d' oighreachd féin, g' a h-ath-ùrachadh an uair a bha i tioram a chum comhfhurtachd mhòir' dhuinne do sheirbhisich neo-airidh, agus glòire d' Ainme naoimh féin, tre do thròcairibh ann an Iosa Criosd ar Tighearn. *Amen.*

¶ *Air son turaidh.*

O 'Thighearna Dhé, le fìor cheartas a dh' ùmhlaich sinn os ceann ghoirid le d' phlàigh de dh' uisge agus de thuiltibh thar tomhas, agus ann ad thròcair a thug fuasgladh agus comhfhurtachd d' ar n-anamaibh leis a' mhùthadh fhreagarrach agus bheannaichte so anns an aimsir; Tha sinn a' toirt molaidh agus glòire do d' Ainm naomh air son do thròcair so, agus nochdaidh sinn do ghnàth do chaoimhneas gràdhach o lìnn gu lìnn, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son Pailteis.*

O Athair ro thròcairich, o d' mhaitheas gràsail a dh' éisd urnuighean cràbhach d' Eaglais, agus a thionndaidh ar daorsainn agus goinne gu saorsainn agus pailteas; Tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit air son d'fhialaidheachd shònraichte so, a' guidhe ort thu 'bhuanachadh do chaoimhneis ghràdhaich dhuinn, air chor 's gu'n toir ar tìr a mach dhuinn toradh a fàis, chum do ghlòire féin agus ar comhfhurtachd-ne, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son sìth' agus saorsainn o ar naimhdibh.*

O 'Dhé Uile-chumachdaich, a tha a' d' dhaingneach làidir do d' sheirbhisich 'an aghaidh gnùise an naimhdean; Tha sinn a' toirt molaidh agus breith-buidheachais dhuit air son ar saorsainn o na cunnartaibh mòra agus soilleir sin leis an robh sinn air ar cuartachadh. Tha sinn ag aidmheil gur h-ann tre do mhaitheas-sa nach robh sinn air ar toirt thairis mar chobhartach dhoibh; a' guidhe ort thu 'bhuanachadh fathast an leithid so de thròcairibh d' ar taobh chum gu'n aithnich an saoghal uile gur tusa ar Slànuidhear agus ar fear-saoraidh cumhachdach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son sìth fhollaiseach a thoirt air a h-ais 's an tìr.*

O 'Dhé shìorruidh ar n-Athair nèamhaidh, a' d' aonar a tha 'toirt air daoinibh a bhi dh'aon inntinn ann an tigh, agus a tha 'ceannsachadh ár-amach sluaigh ainneartaich agus mhi-riaghailtich; Tha sinn a' beannachadh d' Ainme naoimh gu'n do dheònaich thu an aimhreit iorghuilleach a cheannsachadh a chaidh 'thogail a suas os ceann ghoirid 'n ar measg; gu ro ùmhal a' guidhe ort gràs a dheònachadh dhuinn uile, chum 's gu'n gluais sinn gu h-ùmhal o 'n àm so mach ann ad àitheantaibh naomha, agus air dhuinn beatha shàmhach agus shìothchail a chaitheamh anns an uile dhiadhachd agus ionracas, gu'n tairg sinn do ghnàth dhuitse ar n-iobairt mholaidh agus bhreith-buidheachais air son do thròcairean so g' ar taobh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son saorsainn o'n Phlàigh, no o thinneas coitchionn eile.*

O 'Thighearna Dhé, a lot sinn air son ar peacaidhean, agus a chaith sinn as air son ar cionta le d' fhiosrachadh trom agus uamhasach os ceann ghoirid, agus a nis ann am meadhon breitheanais a' cuimhneachadh tròcair, a shaor ar n-anaman o ghialaibh a bhàis; Tha sinn a' tairgse do d' mhaitheas athaireil sinn féin, ar n-anaman agus ar cuirp, a theasairg thu, gu 'bhi 'n an iobairt bheòthail dhuit, do ghnàth a' moladh agus a' mòrachadh do thròcairean ann am meadhon d' Eaglais, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *No i so.*

GU h-ùmhal tha sinn ag aideachadh ann ad làthair, O Athair ro thròcairich, gu feudadh le fìor-cheartas na h-uile pheanais a tha air am bagradh ann ad lagh, tuiteam oirnn air son lìonmhoireachd ar n-aingidheachd agus ar cruais cridhe. Gidheadh do bhrìgh gu'm bu deònach leatsa o d' thròcair chaoimh an déigh ar n-ùmhlachd anmhuinn agus neo-airidh, casg a chur air an tinneas ghabhaltach, leis an robh sinn os ceann ghoirid air ar smachdachadh gu goirt, agus guth aoibhneis agus slàinte a thoirt air ais gu 'r n-àitibh-còmhnuidh; tha sinn a' tairgse do d' Mhòrachd dhiadhaidh iobairt mholaidh agus bhreith-buidheachais, a' toirt urraim agus àrd-chliu do d' Ainm glòrmhor air son do thearnaidh agus do fhreasdail os ar ceann, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

URNUIGHEAN AGUS BREITH-BUIDHEACHAIS

AIR SON

CAOCHLADH AOBHAIREAN,

Ri 'n gnàthachadh roimh an dà Urnuigh dheireannaich de 'n Laoidh-Dhiunn, no de dh' Urnuigh Mhaidne agus de dh' Urnuigh Fheasgair.

URNUIGHEAN.

¶ *Air son Uisge.*

O 'Dhé Athair nèamhaidh, a gheall le d' Mhac Iosa Criosd dhoibhsan uile a tha 'g iarraidh do Rìoghachd agus a fireantachd, na h-uile nithean a tha feumail gu 'n lòn corporra; Cuir d' ar n-ionnsuidh, tha sinn a' guidhe ort, anns an éigin so 's am bheil sinn, uisge agus frasan measarra, air chor a's gu faigh sinn toradh na talmhainn gu 'r comhfhurtachd, agus gu d' onoir féin, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son turaidh.*

O 'Thighearna Dhé Uile-chumhachdaich, a bhàth aon uair an saoghal uile, ach ochd pearsannan, air son peacaidh an duine, agus an déigh sin a gheall o d' mhòr thròcair nach sgriosadh tu mar so e rìs gu sìorruidh; Ge do thoill sinn gu firinneach air son ar n-euceartan plàigh de dh' uisge agus de thuiltibh, gidheadh tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort, air dhuinn fìor aithreachas a dheanamh gu'n cuireadh tu a leithid de dh' aimsir d' ar n-ionnsuidh, a's gu'm faigh sinn toradh na talmhainn ann an àm iomchuidh, agus gu'm fòghlum sinn araon le d' pheanas ar caithe-beatha 'leasachadh, agus air son d' iochd moladh agus glòir a thoirt dhuit, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *'An àm daorsainn agus gorta.*

O 'Dhé Athair nèamhaidh, is e do thiodhlac-sa, gu'm bheil an t-uisge a' sileadh, an talamh torrach, spréidh a' meudachadh, agus iasg a' fàs lìonmhor: Amhairc, tha sinne a' guidhe ort, air àmhghairibh do shluaigh, agus deònaich gu'm bi a' ghoinne agus an daorsainn (a tha sinn a nis gu ro cheart a' fulang air son ar n-aingidheachd) tre do mhaitheas-sa gu tròcaireach air an tionndadh gu saorsainn agus pailteas, air son gràidh Iosa Criosd ar Tighearna; dhàsan maille riutsa, agus ris an Spiorad naomh gu'n robh gach uile onoir agus ghlòir, a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *No i so.*

O 'Dhé Athair thròcairich, a thionndaidh gu h-ealamh ann an Samaria ri linn an fhàidh Elisa goinne agus daorsainn mhòr gu pailteas agus saorsainn; Dean tròcair oirnn, a chum gu'm faigh sinne a tha a nis air ar smachdachadh air son ar peacaidhean leis an àmhghar cheudna, fuasgladh tràthail: Meudaich toradh na talmhainn le d' bheannachadh nèamhaidh; agus deònaich, air dhuinn do phailteas fialaidh fhaotainn, gu'n gnàthaich sinn e chum do ghlòire, gu fuasgladh orrasan a tha 'an uireasbhuidh, agus chum ar comhfhurtachd féin, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *'An àm cogaidh agus iorghuillean.*

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a Rìgh nan uile rìghrean, agus 'Fhir-riaghladh nan uile nithe, cha n-urrainn creutair air bith cur 'an aghaidh do chumhachd-sa, d' am buin ann an ceartas peacaich a smachdachadh, agus a bhi tròcaireach dhoibhsan a ni fìor aithreachas; Sàbhail agus saor sinn, tha sinn a' guidhe gu h-ùmhal ort, o làmhan ar naimhdean; lughdaich an àrdan, ceannsaich am mi-run, agus cuir an innleachdan 'an neo-bhrigh, chum air dhuinn a bhi armaichte le d' dhìdean, gu'm bi sinn air ar teasairginn gu sìorruidh tuilleadh o gach uile ghàbhadh, gu glòir a thoirt dhuitsa, aon tabhartair na h-uile bhuaidhe, tre dheadh-thoillteanais d' aon Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *'An àm plàigh no tinneis choitchionn air bith.*

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a chuir ann ad chorruich plàigh air do shluagh féin anns an fhàsach air son an ceannairc rag-mhuinealaich 'an aghaidh Mhaois agus Aaroin, agus mar an ceudna a mharbh tri fichead agus deich mìle ri linn Rìgh Daibhidh le plàigh galair, agus gidheadh a' cuimhneachadh do thròcair a shàbhail càch ; Gabh truas dhinne peacaich thruagha, a tha air ar fiosrachadh a nis le mòr thinneas agus bhàsmhoireachd, ionnas mar a ghabh thu anns an àm sin tabhartas-réite, agus mar a thug thu àithne do Aingeal an sgrios e 'sgur o smachdachadh ; mar sin gu ma deònach leat a nis a' phlàigh agus an tinneas cràiteach so a thoirt air falbh uainn, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Ri 'ràdh gach là ann an seachduinibh traisg ann an ceithir aimsiribh na bliadhna, air an son-san a tha ri 'n gabhail a steach gu Orduighibh naomha.*

A Dhé Uile-chumhachdaich ar n-Athair nèamhaidh, a cheannaich dhuit féin Eaglais choitchionn, le fuil phrìseil do Mhic ionmhuinn ; gu tròcaireach amhairc oirre, agus anns an àm so stiuir agus riaghlaich inntinnean do sheirbhiseach Easbuigean agus Buachaillean do threuda, chum nach leag iad an làmhan gu h-obann air duine air bith, ach gu dìleas agus gu glic gu'n dean iad roghainn de dhaoinibh iomchuidh a dheanamh seirbhis ann am ministreileachd naoimh d' Eaglais Agus dhoibhsan a bhitheas air an Orduchadh gu dreuchd naomh air bith, thoir do ghràs agus do bheannachadh nèamhaidh, chum araon le 'n caithe-beatha agus le 'n teagasg gu'n nochd iad do ghlòir, agus gu'n cuir iad air adhart sàbhaladh nan uile dhaoine, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *No i so.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thabhartair nan uile dheadh thiodhlacan, a shocraich o d' fhreasdal diadhaidh caochladh orduighean ann ad Eaglais; Thoir do ghràs, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort, dhoibhsan uile a tha ri 'bhi air an gairm gu dreuchd agus

frithealadh sam bith innte ; agus mar so lìon iad le firinn do theagaisg, agus sgeadaich iad le neò-chiontachd caithe-beatha, a chum gu'n dean iad seirbhis dhìleas ann ad làthair chum glòire d' Ainme mhòir, agus tairbhe d' Eaglais naoimhe, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Urnuigh a dh' fheudar a ràdh an déigh aon air bith de na h-urnuighibh a tha roimpe so.*

O 'Dhé aig a bheil e mar chleachdadh agus mar bhuaidh a bhi do ghnàth tròcaireach agus a' toirt maitheanais, gabh ar n-athchuinge ùmhal ; agus ged tha sinn air ar ceangal agus air ar cuibhreachadh le slabhruidh ar peacaidhean, gidheadh deanadh truacantachd do thròcair mhòir' ar fuasgladh, air son onoir Iosa Criosd ar n-Eadarmheadhonair agus ar Fir-tagraidh. *Amen.*

¶ *Urnuigh air son Ard Chùirt na Pàrlamaid ri 'bhi air a leughadh rè a Suidhe.*

A Dhé ro ghràsail, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort air son na Rìoghachd so gu léir, ach gu h-àraid air son Ard Chùirt na Pàrlamaid, a tha cruinnichte aig an àm so fo ar Ban-righinn ro chreidmheich agus ro sheirceil : Gu'm bu deònach leat an comhairlean uile a stiuradh agus a shoirbheachadh, a chur air adhart do ghlòire, maith d' Eaglais, sàbhaltachd, onoir, agus tairbhe ar n-Uachdarain, agus a Rìoghachdan ; gu'm bi na h-uile nithean air an orduchadh agus air an socrachadh le 'n dìchioll air na stéidhibh is fearr agus is diongmhalta, a chum gu'm bi sìth agus sonas, firinn agus ceartas, creidimh agus diadhachd air an daingneachadh 'n ar measg rè nan uile linntean. Na nithe so agus gach ni feumail eile air an son-san, air ar son-ne, agus air son d' Eaglais gu h-iomlan tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe 'an Ainm agus 'an eadar-ghuidhe Iosa Criosd ar Tighearn' agus ar Slànuidhir ro bheannaichte. *Amen.*

¶ *Guidhe no Urnuigh air son uile inbhean dhaoine, ri 'gnàthachadh aig na h-àmaibh sin anns nach 'eil an Laoidh-Dhiann air a h-orduchadh ri 'ràdh.*

O 'Dhé a chruithfhir agus fhir-theasairginn a' chinne-daoine uile, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort air

son uile sheòrsachan agus inbhean dhaoine, gu'm bu deònach leat do shlighean a dheanamh aithnichte dhoibh; agus eòlas do shlàinte a thoirt do na h-uile chinnich. Gu ro àraid tha sinn a' guidhe air son deadh staid na h-Eaglais Choitchionn; a chum gu'm bi i mar sin air a stiuradh agus air a riaghladh le d' dheadh Spiorad, a's gu'm bi na h-uile a tha 'g an aideachadh agus 'g an gairm féin 'n an Criosdaidhibh, air an treòrachadh 'an slighe na firinn, agus gu'n gleidh iad an creidimh ann an aonachd an spioraid, ann an ceangal na sìthe, agus ann an ionracas caithe-beatha. Fadheoidh tha sinn a' cur fo churam do mhaitheis athaireil iadsan uile a tha air dhòigh air bith fo àmhghar, no buaireadh inntinn, cuirp, no maoine [**gu sònraichte iadsan air son am bheil ar n-urnuighean air an iarraidh*] gu ma deònach leat comhfhurtachd agus fuasgladh a thoirt dhoibh a réir an uireasbhuidhean fa leth, a' toirt foighidin dhoibh fo an fulangasaibh, agus fuasglaidh sona as an àmhghairibh uile. Agus so tha sinn a' guidhe air sgàth Iosa Criosd. *Amen.*

* *Tha so ri a ràdh an uair a dh' iarras neach air bith urnuighean a' choimhthionail.*

BREITH-BUIDHEACHAIS.

¶ *Breith-buidheachais choitchionn.*

A Dhé Uile chumhachdaich, Athair nan uile thròcairean, tha sinne do sheirbhisich neo-airidh a' toirt buidheachais ro ùmhail agus o'r n-uile chridhe dhuit air son d' uile mhaitheis agus do chaoimhneis ghradhaich dhuinne, agus do na h-uile dhaoinibh [**gu sònraichte dhoibhsan a tha 'g iarraidh a nis am moladh agus am breith-buidheachais a thairgse suas air son nan tròcairean a bhuilich thu orra os ceann ghoirid*]. Tha sinn ga d' mholadh air son ar cruthachaidh, ar teasairginn, agus air son uile bheannachaidh na beatha so, ach os ceann na h-uile air son do ghràidh gun choimeas ann an saoradh an t-saoghail le ar Tighearn Iosa Criosd; air son meadhonan nan gràs, agus dòchais na glòire. Agus tha sinn a' guidhe ort thoir dhuinn am

* *Tha so ri a ràdh an uair a dh' iarras neach air bith a chaidh urnuigh a dheanamh air a shon moladh a thoirt seachad.*

mothachadh iomchuidh sin air d' uile thròcairibh, a chum gu'm bi ar cridheachan gu firinneach taingeil, agus gu'n nochd sinn do mholadh, cha-n ann a mhàin le 'r bilibh, ach 'n ar caithe-beatha, le sinn féin a thoirt a suas gu d' sheirbhis, agus le gluasad ann ad làthair 'an naomhachd agus 'an ionracas rè ar n-uile làithean, trìd Iosa Criosd ar Tighearna d'an robh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh gach uil' onoir agus ghlòir, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *Air son Uisge.*

O 'Dhé ar n-Athair nèamhaidh, a tha le d' fhreasdal gràsail a' toirt air a' cheud uisge agus air an uisge dheireannach teachd a nuas air an talamh, chum gu'n toir e mach toradh air son feum' an duine, tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit gu'n do dheònaich thu 'n ar n-éiginn mhòir uisge aoibhneach a chur a nuas dhuinn fadheoidh air d' oighreachd féin, g' a h-ath-ùrachadh an uair a bha i tioram a chum comhfhurtachd mhòir' dhuinne do sheirbhisich neo-airidh, agus glòire d' Ainme naoimh féin, tre do thròcairibh ann an Iosa Criosd ar Tighearn. *Amen.*

¶ *Air son turaidh.*

O 'Thighearna Dhé, le fìor cheartas a dh' ùmhlaich sinn os ceann ghoirid le d' phlàigh de dh' uisge agus de thuiltibh thar tomhas, agus ann ad thròcair a thug fuasgladh agus comhfhurtachd d' ar n-anamaibh leis a' mhùthadh fhreagarrach agus bheannaichte so anns an aimsir; Tha sinn a' toirt molaidh agus glòire do d' Ainm naomh air son do thròcair so, agus nochdaidh sinn do ghnàth do chaoimhneas gràdhach o lìnn gu lìnn, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son Pailteis.*

O Athair ro thròcairich, o d' mhaitheas gràsail a dh' éisd urnuighean cràbhach d' Eaglais, agus a thionndaidh ar daorsainn agus goinne gu saorsainn agus pailteas; Tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit air son d'fhialaidheachd shònraichte so, a' guidhe ort thu 'bhuanachadh do chaoimhneis ghràdhaich dhuinn, air chor 's gu'n toir ar tìr a mach dhuinn toradh a fàis, chum do ghlòire féin agus ar comhfhurtachd-ne, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son sìth' agus saorsainn o ar naimhdibh.*

O 'Dhé Uile-chumachdaich, a tha a' d' dhaingneach làidir do d' sheirbhisich 'an aghaidh gnùise an naimhdean; Tha sinn a' toirt molaidh agus breith-buidheachais dhuit air son ar saorsainn o na cunnartaibh mòra agus soilleir sin leis an robh sinn air ar cuartachadh. Tha sinn ag aidmheil gur h-ann tre do mhaitheas-sa nach robh sinn air ar toirt thairis mar chobhartach dhoibh; a' guidhe ort thu 'bhuanachadh fathast an leithid so de thròcairibh d' ar taobh chum gu'n aithnich an saoghal uile gur tusa ar Slànuidhear agus ar fear-saoraidh cumhachdach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son sìth fhollaiseach a thoirt air a h-ais 's an tìr.*

O 'Dhé shìorruidh ar n-Athair nèamhaidh, a' d' aonar a tha 'toirt air daoinibh a bhi dh'aon inntinn ann an tigh, agus a tha 'ceannsachadh ár-amach sluaigh ainneartaich agus mhi-riaghailtich; Tha sinn a' beannachadh d' Ainme naoimh gu'n do dheònaich thu an aimhreit iorghuilleach a cheannsachadh a chaidh 'thogail a suas os ceann ghoirid 'n ar measg; gu ro ùmhal a' guidhe ort gràs a dheònachadh dhuinn uile, chum 's gu'n gluais sinn gu h-ùmhal o 'n àm so mach ann ad àitheantaibh naomha, agus air dhuinn beatha shàmhach agus shìothchail a chaitheamh anns an uile dhiadhachd agus ionracas, gu'n tairg sinn do ghnàth dhuitse ar n-iobairt mholaidh agus bhreith-buidheachais air son do thròcairean so g' ar taobh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air son saorsainn o'n Phlàigh, no o thinneas coitchionn eile.*

O 'Thighearna Dhé, a lot sinn air son ar peacaidhean, agus a chaith sinn as air son ar cionta le d' fhiosrachadh trom agus uamhasach os ceann ghoirid, agus a nis ann am meadhon breitheanais a' cuimhneachadh tròcair, a shaor ar n-anaman o ghialaibh a bhàis; Tha sinn a' tairgse do d' mhaitheas athaireil sinn féin, ar n-anaman agus ar cuirp, a theasairg thu, gu 'bhi 'n an iobairt bheòthail dhuit, do ghnàth a' moladh agus a' mòrachadh do thròcairean ann am meadhon d' Eaglais, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *No i so.*

GU h-ùmhal tha sinn ag aideachadh ann ad làthair, O Athair ro thròcairich, gu feudadh le fìor-cheartas na h-uile pheanais a tha air am bagradh ann ad lagh, tuiteam oirnn air son lìonmhoireachd ar n-aingidheachd agus ar cruais cridhe. Gidheadh do bhrìgh gu'm bu deònach leatsa o d' thròcair chaoimh an déigh ar n-ùmhlachd anmhuinn agus neo-airidh, casg a chur air an tinneas ghabhaltach, leis an robh sinn os ceann ghoirid air ar smachdachadh gu goirt, agus guth aoibhneis agus slàinte a thoirt air ais gu 'r n-àitibh-còmhnuidh; tha sinn a' tairgse do d' Mhòrachd dhiadhaidh iobairt mholaidh agus bhreith-buidheachais, a' toirt urraim agus àrd-chliu do d' Ainm glòrmhor air son do thearnaidh agus do fhreasdail os ar ceann, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

NA
GUIDHEAN, NA LITRICHEAN, AGUS
NA SOISGEIL
ri an gnàthachadh rè na bliadhna.

¶ *Thoir fainear, gu bheil an Guidhe orduichte air son gach Dòmhnaich, no air son Là naoimh air bith aig am bheil Faire no Feasgar naomh roimhe, ri 'ràdh aig Seirbhis an Fheasgair is faisge roimhe.*

An ceud Dhòmhnach 's an Teachd.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, thoir dhuinn gràs a chur dhinn oibre an dorchadais, agus a chur umainn armachd an t-soluis a nis ann an àm na beatha bhàsmhoir so (anns an d' thàinig do Mhac Iosa Criosd gu 'r coimhead ann an ùmhlachd mhòir;) chum anns an là dheireannach, an uair a thig e rìs 'n a Mhòrachd ghlòrmhoir, a thoirt breth araon air na beòthaibh agus air na mairbh, gu'n éirich sinn chum na beatha neo-bhàsmhoir, trìdsan a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh, a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *Tha 'n Guidhe so ri 'ràdh gach là maille ris na Guidhibh eile anns an Teachd, gu Oidhche-Nodhlaic.*

An Litir. Rom. xiii. 8.

NA bitheadh fiachan sam bith aig aon neach oirbh, ach a mhàin a chéile a ghràdhachadh: oir an ti aig am bheil gràdh do neach eile choimhlion e an lagh. Oir an ni so, Na dean adhaltrannas, Na dean mortadh, Na goid, Na dean fianuis bhréige, Na sanntaich; agus ma tha àithne sam bith eile ann, tha i air a cur sìos gu h-aithghearr fo 'n fhocal so, Gràdhaich do choimhearsnach mar thu féin. Cha dean gràdh lochd do 'choimhearsnach,

air an aobhar sin is e an gràdh coimhlionadh an lagha. Agus so, air dhuibh fios na h-aimsir a bhi agaibh, gur mithich dhuinn a nis mosgladh o chodal: oir tha ar slàinte nis na's faisge na 'n uair a chreid sinn. Tha cuid mhòr de'n oidhche air dol seachad, tha an là am fagus; uime sin cuireamaid dhinn oibre an dorchadais, agus cuireamaid umainn armachd an t-soluis. Gluaiseamaid gu cubhaidh mar anns an là, cha-n ann 'an ruidhteireachd agus 'am misg, no 'an seomradaireachd agus 'am macnus, no 'an aisith agus 'am farmad. Ach cuiribh umaibh an Tighearn Iosa Criosd, agus na deanaibh ulluchadh air son na feòla, chum a h-ana-miannan a riarachadh.

An Soisgeul. N. Mata xxi. 1.

AN uair a dhruid iad ri Ierusalem, agus a thàinig iad gu Betphage, gu sliabh nan crann-olaidh, an sin chuir Iosa dithis d'a dheisciobluibh uaith, ag ràdh riu, Rachaibh do'n bhaile a tha thall fa 'ur comhair, agus air ball gheibh sibh asal ceangailte ann, agus searrach maille rithe: fuasglaibh agus thugaibh a' m' ionnsuidh-sa iad. Agus ma labhras aon duine ni air bith ribh, abraibh, Gu bheil feum aig an Tighearn orra; agus cuiridh e uaith air ball iad. Rinneadh na nithean so uile, chum gu'n coimhliontadh an ni a labhradh leis an Fhàidh, ag ràdh, Innsibh do nighean Shioin, Feuch, tha do Righ a' teachd a' d' ionnsuidh, gu ciùin, agus e 'n a shuidhe air asail, agus air searrach mac na h-asail. Agus dh'imich na deisciobuil, agus rinn iad mar a dh'àithn Iosa dhoibh, agus thug iad an asal agus an searrach leo, agus chuir iad am falluinnean orra, agus chuir iad esan 'n a shuidhe air am muin. Agus sgaoil mòr-shluagh am falluinnean air an t-slighe agus ghearr dream eile geugan de na crannaibh, agus leag iad air an t-slighe iad. Agus thog an sluagh a bha roimhe, agus 'n a dhéigh, iolach, ag ràdh, Hosanna do Mhac Dhaibhidh: beannaichte gu robh an ti a thig ann an ainm an Tighearna, Hosanna anns na h-àrdaibh. Agus 'n uair thàinig e steach do Ierusalem, ghluaiseadh am baile uile, ag ràdh, Cò e so? Agus thubhairt an sluagh, Is e so Iosa am Fàidh o Nasaret Ghalile. Agus chaidh Iosa a steach do theampull Dhé; agus thilg e mach iad-san uile a bha 'reic agus a' ceannach anns an teampull, agus thilg e buird luchd-malairt an airgid thairis, agus

caithrichean luchd-reicidh nan columan, agus thubhairt e riu, Tha e sgrìobhta, Goirear tigh urnuigh de m' thigh-sa, ach rinn sibhse 'n a gharaidh luchd-reubainn e.

An dara Dòmhnach 's an Teachd.

An Guidhe.

A Thighearna bheannaichte, a dh' orduich na h-uile Sgriobtuirean naomha 'bhi air an sgrìobhadh chum ar fòghluim ; Deònaich dhuinn mar sin an éisdeachd, an leughadh, an comharrachadh, am fòghlum, agus beachd-smuaineachadh orra, chum le foighidin agus comhfhurtachd d' fhocail naoimh, gu'n glac sinn agus gu'n sìor-ghleidh sinn gu daingean dòchas beannaichte na beatha maireannaich, a thug thu dhuinn 'n ar Slànuidhear Iosa Criosd. *Amen.*

An Litir. Rom. xv. 4.

GE b' iad nithean air bith a sgrìobhadh roimh so, is ann chum ar teagaisg-ne a sgrìobhadh iad ; chum tre fhoighidin agus chomhfhurtachd nan Sgriobtuir gu'm bitheadh dòchas againne. A nis gu'n tugadh Dia na foighidin agus na chomhfhurtachd dhuibh-se, 'bhi dh'aon inntinn a thaobh a chéile, a réir Iosa Criosd: Chum gu'm feud sibh a dh'aon inntinn, agus le aon bheul glòir a thoirt do Dhia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Criosd. Uime sin gabhaibh-se r'a chéile, eadhon mar a ghabh Criosd ruinne, chum glòire Dhé. A nis tha mi ag ràdh, Gu robh Iosa Criosd 'n a mhinisteir an timchioll-ghearraidh, air son firinn Dhé, chum na geallaidhean a rinneadh do na h-aithrichibh a dhaingneachadh : Agus chum gu'n tugadh na Cinnich glòir do Dhia air son a thròcair, a réir mar tha e sgrìobhta, Air an aobhar so aidichidh mi thu am measg nan Cinneach, agus seinnidh mi ceòl do d' ainm. Agus a rìs tha e ag ràdh, Deanaibh gairdeachas, a Chinneacha, maille r'a phobull-san. Agus a rìs, Molaibh an Tighearn, a Chinneacha uile, agus thugaibh cliu dha, a shlòigh uile. Agus a rìs tha Esaias ag ràdh, Bithidh freumh Iese ann, agus an ti a dh' éireas suas chum uachdaranachd a bhi aige air na Cinnich, annsan cuiridh na Cinnich an dòchas. A nis gu'n lìonadh Dia an dòchais sibhse de'n uile aoibhneas agus shìth ann an creidsinn, chum gu'm bi sibh pailt ann an dòchas, tre chumhachd an Spioraid naoimh.

An Soisgeul. N. Luc. xxi. 25.

AGus bithidh comharan anns a' ghréin, agus anns a' ghealaich, agus anns na reultaibh ; agus air an talamh airc nan cinneach, ann an ioma-chomhairle, an cuan agus na tonnan a' beuchdaich ; cridhe dhaoine 'g an tréigsinn troimh eagal, agus fheitheamh nan nithean sin, a tha 'teachd air an domhan : oir bithidh cumhachdan nan nèamh air an crathadh. Agus an sin chi iad Mac an duine a' teachd ann an neul, le cumhachd agus mòrghlòir. Agus an uair a thòisicheas na nithean so air tachairt, an sin amhaircibh suas, agus togaibh 'ur cinn; oir tha 'ur saorsa am fagus. Agus labhair e cosamhlachd riu, Amhaircibh air a' chraoibh-fhìge, agus na craobhan uile ; 'N uair a bhitheas iad cheana a' cur a mach an duillich, tha sibh a' faicinn agus ag aithneachadh uaibh féin, gu bheil an samhradh a nis am fagus. Agus mar an ceudna sibhse, 'n uair a chi sibh na nithean so a' tachairt, bitheadh fhios agaibh gu bheil rìoghachd Dhé fagus do làimh. Gu deimhin, tha mi ag ràdh ruibh, Nach téid an ginealach so thairis, gus an coimhlionar na nithean so uile : Théid nèamh agus talamh thairis ; ach cha téid mo bhriathran-sa thairis a chaoidh.

An treas Dòmhnach 's an Teachd.

An Guidhe.

O 'Thighearna Iosa Criosd, a chuir aig do cheud teachd do theachdair' a dh' ullachadh do shlighe romhad ; Deònaich gu'n dean ministeirean agus luchd-frithealadh do dhìomhaireachdan, mar an ceudna do shlighe ullachadh agus a dheanamh réidh, le tionndadh chridheachan nan easumhal gu gliocas nam firean, a chum aig do dhara teachd a thoirt breth air an t-saoghal, gu'm faighear sinne 'n ar sluagh taitneach ann ad shealladh-sa, a tha beò agus a' riaghladh maille ris an Athair agus ris an Spiorad naomh, sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. 1 Cor. iv. 1.

BItheadh a' shamhuil so de mheas aig duine oirnne, mar mhinisteiribh Chriosd, agus mar stiùbhardaibh rùna-dìomhair Dhé. Os bàrr, iarrar ann an stiùbhardaibh, gu faighear neach dìleas. Ach agam-sa is ro bheag an ni, gu'n tugtadh breth orm leibhse, no le

breitheanas duine : seadh, cha-n 'eil mi 'toirt breth orm féin. Oir cha-n fhios domh ni sam bith do m' thaobh féin, gidheadh cha-n 'eil mi le so air m' fhìreanachadh ; ach is e an Tighearn an ti a bheir breth orm. Uime sin na tugaibh breth air ni sam bith roimh an àm, gus an tig an Tighearn, neach faraon a bheir gu soilleireachd nithean folaichte an dorchadais, agus a dh' fhoillsicheas comhairlean nan cridheachan ; agus an sin gheibh gach neach cliu o Dhia.

An Soisgeul. N. Mata xi. 2.

ANis an uair a chual' Eoin 's a' phrìosan gnìomharan Chriosd, chuir e dithis d'a dheisciobluibh d'a ionnsuidh, agus thubhairt e ris, An tusa an ti ud a bha ri teachd, no am bi sùil againn ri neach eile ? Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Imichibh agus innsibh do Eoin na nithean a tha sibh a' cluinntinn agus a' faicinn : Tha na doill a' faotainn an radhairc, agus na bacaich ag imeachd, tha na lobhair air an glanadh, agus na bodhair a' cluinntinn, tha na mairbh air an dùsgadh, agus an soisgeul air a shearmonachadh do na bochdaibh. Agus is beannaichte an ti nach faigh oilbheum annam-sa. Agus air imeachd dhoibhsan air falbh, thòisich Iosa air labhairt ris an t-sluagh mu thimchioll Eoin, ag ràdh, Ciod e an ni a chaidh sibh a mach do 'n fhàsach a dh' fhaicinn ? An i cuilc air a crathadh le gaoith ? Ach ciod e an ni a chaidh sibh a mach a dh' fhaicinn ? An e duine air a sgeadachadh ann an eudach mìn ? feuch, a' mhuinntir a chaitheas eudach mìn is ann an tighibh nan rìghrean a tha iad. Ach ciod e an ni a chaidh sibh a mach a dh' fhaicinn ? An e fàidh ? seadh, tha mi ag ràdh ruibh, agus na's mò na fàidh. Oir is e so an ti mu 'm bheil e sgrìobhta, Feuch, cuiream-sa mo theachdaire roimh do ghnùis, a dh' ulluicheas do shlighe romhad.

An ceathramh Dòmhnach 's an Teachd.

An Guidhe.

O 'Thighearna, tog suas (tha sinn a' guidhe ort) do chumhachd, agus thig 'n ar measg, agus le mòr neart dean cabhair oirnn ; a chum air dhuinn a bhi tre ar peacaidhibh agus ar n-aingidheachd, gu cràiteach air

ar bacadh agus air ar cumail air ar n-ais o ruith na réise a chuireadh romhainn, gu'n dean do ghràs agus do thròcair fhialaidh gu luath còmhnadh agus fuasgladh oirnn, tre dhìoladh do Mhic ar Tighearna ; d' an robh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh onoir agus glòir, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. Phil. iv. 4.

DEanaibh gairdeachas 's an Tighearn a ghnàth, a rìs tha mi ag ràdh, Deanaibh gairdeachas. Bitheadh 'ur measarrachd follaiseach do na h-uile dhaoinibh. Tha 'n Tighearn am fagus. Na bitheadh ro-chùram ni sam bith oirbh : ach anns gach uile ni le h-urnuigh agus asluchadh maille ri breith-buidheachais, bitheadh 'ur n-iarrtuis air an deanamh aithnichte do Dhia. Agus coimhididh sìth Dhé a tha thar gach uile thuigse, 'ur cridhe agus 'ur n-inntinn ann an Iosa Criosd.

An Soisgeul. N. Eoin i. 19.

IS i so fianuis Eoin, an uair a chuir na h-Iudhaich Sagairt agus Lebhithich o Ierusalem chum gu'm fiosraicheadh iad deth, Cò thusa ? Dh'aidich esan, agus cha d'àicheadh e ; ach dh'aidich e, Cha mhi Criosd. Agus dh' fheòraich iad deth, Ciod ma seadh ? An tu Elias ? Agus thubhairt e, cha mhi. An tu am fàidh ? Agus fhreagair e, Cha mhi. An sin thubhairt iad ris, Cò thu ? chum gu'n toir sinn freagradh dhoibh-san a chuir uatha sinn. Ciod a tha thu 'g ràdh mu do thimchioll féin ? Thubhairt e, Is mise guth an ti a ghlaodhas anns an fhàsach, Deanaibh dìreach slighe an Tighearna, mar 'thubhairt am fàidh Esaias : Agus an dream a chuireadh leis an teachdaireachd, b' ann de na Phairisich iad. Agus dh' fheòraich iad deth, agus thubhairt iad ris, C'ar son ma seadh a tha thu a' baisteadh, mur tu Criosd, no Elias, no am fàidh ? Fhreagair Eoin iad, ag ràdh, Tha mise a' baisteadh le h-uisge : ach tha neach 'n a sheasamh 'n 'ur measg, nach aithne dhuibh. Is e so an ti, a tha 'teachd a'm' dhéigh-sa, aig am bheil toiseach orm, neach nach airidh mise air barr-iall a bhròige fhuasgladh. Rinneadh na nithean so ann am Betani air an taobh thall de Iordan, far an robh Eoin a' baisteadh.

¶ BREITH AR TIGHEARNA, *no Là-breith Chriosd, d'an goirear gu cumanta* Là-Nodhlaic.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thug dhuinn d'aon-ghin Mhic a ghabhail ar naduir air féin, agus mar aig an àm so gu 'bhi air a bhreith le Oigh fhìorghloin; Deònaich air dhuinn a bhi ath-ghinte, agus air ar deanamh 'n ar cloinn dhuit féin le uchdmhacachd agus le gràs, gu'm bi sinn gu laitheil air ar n-ath-nuadhachadh le d' Spiorad naomh, trìd an ti cheudna ar Tighearna Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa, agus ris an Spiorad cheudna, aon Dia gu sìor, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. Eabh. i. 1.

DIa, a labhair o shean gu minic, agus air iomadh dòigh ris na h-aithrichibh leis na fàidhibh, labhair e anns na làithibh deireannach so ruinne tre a Mhac, a dh'orduich e 'n a oighre air na h-uile nithean, tre'n do chruthaich e fòs na saoghail. Neach air 'bhi dha 'n a dhealradh a ghlòire-san, agus 'n a fhìor ìomhaigh a phearsa, agus a' cumail suas nan uile nithean le focal a chumhachd, 'n uair a ghlan e ar peacaidhean troimh féin, shuidh e air deas làimh na Mòrachd anns na h-àrdaibh: Air dha 'bhi air a dheanamh na's ro òirdheirce na na h-ainglean, mheud 's gu'n d'fhuair e mar oighreachd ainm a bu ro fhearr na iadsan. Oir cò de na h-ainglean ris an dubhairt e uair air bith, Is tu mo Mhac-sa, an diugh ghin mi thu? Agus a rìs, Bithidh mise a'm' Athair dhà-san, agus bithidh esan 'n a Mhac dhomh-sa? Agus a rìs, 'n uair a tha e a' tabhairt a' cheud-ghin a steach do'n t-saoghal, tha e ag ràdh, Agus deanadh uile ainglean Dhé aoradh dha. Agus a thaobh nan aingeal, tha e ag ràdh, Neach a tha 'deanamh 'ainglean 'n an spioradaibh, agus a mhinisteirean 'n an lasair theine. Ach ris a' Mhac tha e ag ràdh, Tha do rìgh-chaithir, a Dhé, gu saoghal nan saoghal, is slat-rìoghail ro chothromach slat do rìoghachd-sa. Ghràdhaich thu fireantachd, agus thug thu fuath do aingidheachd; uime sin dh'ung Dia, do Dhia-sa thu le olaidh aoibhneis os ceann do chompanach. Agus, Leag thusa a Thighearna bunaitean na talmhainn air tùs;

agus is iad na nèamhan oibre do làmh. Teirgidh iadsan, ach mairidh tusa; agus fàsaidh iad uile sean mar eudach; agus fillidh tu iad mar bhrat, agus caochlaidhear iad; ach is tusa an ti ceudna, agus cha-n fhàilnich do bhliadhnachan.

An Soisgeul. N. Eoin i. 1.

ANns an toiseach bha am Focal, agus bha am Focal maille ri Dia, agus b'e am Focal Dia. Bha e so air tùs maille ri Dia. Rinneadh na h-uile nithean leis, agus as 'eugmhais cha d'rinneadh aon ni, a rinneadh. Ann-san bha beatha, agus b'i a' bheatha solus dhaoine. Agus tha 'n solus a' soillseachadh anns an dorchadas, agus cha do ghabh an dorchadas e. Chuireadh duine o Dhia, d'am b'ainm Eoin. Thàinig esan mar fhianuis chum fianuis a thoirt mu 'n t-solus, chum gu 'n creideadh na h-uile dhaoine trìd-san. Cha b'esan an solus sin, ach chuireadh e chum gu'n tugadh e fianuis mu 'n t-solus. B'e so an solus fìor, a tha 'soillseachadh gach uile dhuine 'tha 'teachd chum an t-saoghail. Bha e anns an t-saoghal, agus rinneadh an saoghal leis, agus cha d'aithnich an saoghal e. Thàinig e dh'ionnsuidh a dhùthcha féin, agus cha do ghabh a mhuinntir féin ris. Ach a' mheud as a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'n an cloinn do Dhia, eadhon dhoibh-san a tha 'creidsinn 'n a ainm: A bha air an gineamhuinn, cha-n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia. Agus rinneadh am Focal 'n a fheòil, agus ghabh e còmhnuidh 'n ar measg-ne (agus chunnaic sinn a ghlòir, mar ghlòir aon-ghin Mhic an Athar) làn gràis agus firinn.

Là N. Stephen.

An Guidhe.

DEònaich, O 'Thighearna, 'n ar n-uile fhulangasaibh an so air thalamh, air son fianuis d' fhìrinn, gu'n amhairc sinn gu geur suas gu nèamh, agus le creidimh gu'm faic sinn a' ghlòir a théid fhoillseachadh; agus air dhuinn a bhi air ar lìonadh leis an Spiorad Naomh, gu'm fòghluim sinn ar luchd-geur-leanmhuinn a ghràdhachadh agus a bheannachadh le eisimpleir do cheud Fhir-fhianuis Naomh Stephen, a rinn urnuigh air son a mhortairean

riutsa, O Iosa bheannaichte, a tha 'seasamh aig deas làimh Dhé a thoirt cabhair dhoibhsan uile a tha 'fulang air do shon, ar n-aon Eadar-mheadhonair agus Fheartagraidh. *Amen.*

¶ *An sin leanaidh Guidhe na Nodhlaic, a theirear a ghnàth gu Oidhche na Bliadhn'-ùire.*

An Litir. Gnìomh. vii. 55.

AIr do Stephen a bhi làn de'n Spiorad naomh, dh'amhairc e gu geur suas gu nèamh, agus chunnaic e glòir Dhé, agus Iosa 'n a sheasamh air deas làimh Dhé, agus thubhairt e, Feuch, tha mi 'faicinn nan nèamhan fosgailte, agus Mac an duine 'n a sheasamh air deas làimh Dhé. An sin ghlaodh iadsan le guth mòr, agus dhruid iad an cluasan, agus leum iad air a dh'aon inntinn, agus air dhoibh a thilgeadh a mach as a' bhaile, chlach iad e; agus thilg na fianuisean an eudach sìos aig cosaibh òganaich, d'am b'ainm Saul. Agus chlach iad Stephen, agus e a' gairm air Criosd, agus ag ràdh, A Thighearn' Iosa gabh ri mo spiorad. Agus air dha e féin a leigeadh air a ghlùinibh ghlaodh e le guth mòr, A Thighearna, na cuir am peacadh so as an leth. Agus air dha so a ràdh, choidil e.

An Soisgeul. N. Mata xxiii. 34.

FEuch, cuiream-sa d'ur ionnsuidh fàidhean, agus daoine glice, agus sgrìobhaichean; agus cuid dhiubh marbhaidh agus ceusaidh sibh; agus cuid dhiubh sgiùrsaidh sibh ann 'ur sionagogaibh, agus ni sibh geurleanmhuinn orra o bhaile gu baile; chum gu'n tig oirbh gach uile fhuil fhìreanta a dhòirteadh air an talamh, o fhuil Abeil fhìreanta, gu fuil Shachariais, mhic Bharachiais, a mharbh sibh eadar an teampull agus an altair. Gu firinneach tha mi ag ràdh ruibh, gu'n tig na nithean so uile air a' ghinealach so. A Ierusalem, a Ierusalem, a mharbhas na fàidhean, agus a chlachas an dream a chuirear a' d' ionnsuidh; cia minic a b' àill leam do chlann a chruinneachadh r'a chéile, mar a chruinnicheas cearc a h-eoin fo a sgiathaibh, agus cha b'àill leibh. Feuch fàgar 'ur tigh agaibh 'n a fhàsach. Oir tha mise ag ràdh ruibh, nach faic sibh mise o so suas, gus an abair sibh, Is beannaichte an ti a thig ann an ainm an Tighearna.

Là an t-Soisgeulaiche N. Eoin.

An Guidhe.

AThighearna thròcairich, tha sinn a' guidhe ort thu 'thilgeadh deàrsaidhean dealrach do sholuis air d' Eaglais, a chum air dhi 'bhi air a soillseachadh le teagasg d' Abstoil agus do Shoisgeulaiche bheannaichte Naomh Eoin, gu'n gluais i ann an solus d' fhìrinn, air chor 's fadheoidh gu'n ruig i gu solus na beatha maireannaich, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Eoin i. 1.

AN ni a bha ann o thùs, an ni a chuala sinne, a chunnaic sinn le ar sùilibh, air an d'amhairc sinn, agus a làimhsich ar làmhan 'thaobh focail na beatha; (Oir dh' fhoillsicheadh a' bheatha, agus chunnaic sinne i, agus tha sinn a' deanamh fianuis, agus a' cur 'an céill dhuibhse na beatha maireannaich ud, a bha maille ris an Athair, agus a dh'fhoillsicheadh dhuinne) An ni a chunnaic agus a chuala sinn, tha sinn a' cur 'an céill duibhse, chum gu'm bi agaibhse mar an ceudna comunn ruinne; agus gu fìrinneach tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criosd. Agus tha sinn a' sgrìobhadh nan nithe so do 'ur n-ionnsuidh, chum gu'm bi 'ur gairdeachas coimhlionta. Agus is i so an teachdaireachd a chuala sinn uaith-san, agus a tha sinn a' cur 'an céill dhuibhse, gur solus Dia, agus nach 'eil dorchadas air bith annsan. Ma their sinn gu bheil comunn againn ris, agus sinn a' gluasad ann an dorchadas, tha sinn a' deanamh bréige, agus cha-n 'eil sinn a' deanamh na fìrinn: Ach ma ghluaiseas sinn anns an t-solus, mar a tha esan 's an t-solus, tha comunn againn r'a chéile, agus glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh. Ma their sinn nach 'eil peacadh againn, tha sinn 'g ar mealladh féin, agus cha-n 'eil an fhìrinn annainn. Ma dh' aidicheas sinn ar peacaidhean, tha esan fìrinneach agus ceart chum ar peacaidhean a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd. Ma their sinn nach do pheacaich sinn, tha sinn a'deanamh breugaire dheth-san, agus cha-n'eil 'Fhocal annainn.

An Soisgeul. N. Eoin xxi. 19.

THubhairt Iosa ri Peadar, Lean mise. An sin air do Pheadar tionndadh, chunnaic e an deisciobul a b'ionmhuinn le Iosa, a' leantuinn, an ti mar an ceudna a luidh air uchd Iosa aig a shuipeir, agus a thubhairt ris, A Thighearna, cò e a bhrathas thu? Air do Pheadar esan fhaicinn, thubhairt e ri Iosa, A Thighearna, ciod a ni am fear so? Thubhairt Iosa ris, Ma's àill leam-sa e 'dh'fhantuinn gus an tig mi, ciod e sin duitse? Lean thusa mise. Uime sin chaidh an ràdh so mach am measg nam bràithrean, nach faigheadh an deisciobul sin bàs: gidheadh cha dubhairt Iosa ris, Nach faigheadh e bàs; ach, ma's i mo thoil-sa e 'dh'fhantuinn gus an tig mi, ciod e sin duitse? Is e so an deisciobul a tha 'deanamh fianuis air na nithibh so, agus a sgrìobh na nithean so, agus tha fhios againne gu bheil 'fhianuis fìor. Agus tha mar an ceudna mòran de nithibh eile a rinn Iosa, agus nam bitheadh iad uile sgrìobhta, is i mo bharail, nach cumadh an saoghal féin na rachadh a sgrìobhadh dè leabhraichibh.

Là nan Neo-chiontach.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a dh'orduich neart á beoil leanaban agus chìocharan, agus a thug air naoidheanaibh do ghlòireachadh le 'm bàs; claoidh agus marbh na h-uile dhroch-bheusan annainn, agus mar so neartaich sinn le d' ghràs, chum le neò-chiontas ar caithe-beatha, agus diongmhaltachd ar creidimh eadhon gu bàs, gu'n glòraich sinn d' Ainm naomh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Taisb. xiv. 1.

DH' amhairc mi, agus, feuch, Uan 'n a sheasamh air sliabh Shioin, agus maille ris ceud agus dà fhichead agus ceithir mìle, aig an robh ainm 'Athar-san sgrìobhta air clàr an eudain. Agus chuala mi guth o fhlaitheanas, mar fhuaim mhòran uisgeachan, agus mar fhuaim tairneanaich mhòir: agus chuala mi fuaim chlàrsairean, a' deanamh ciùil le'n clàrsaichibh féin: Agus sheinn iad mar gu'm b'òran nuadh e an làthair na rìgh-chaithreach, agus an làthair nan ceithir bheathaichean, agus nan

seanairean; agus cha b'urrainn neach sam bith an t-òran sin fhòghlum, ach an ceud agus dà fhichead agus na ceithir mìle, a shaoradh o'n talamh. Is iad so an dream nach do shalaicheadh le mnàibh, oir is òighean iad: is iad so an dream a tha 'leantuinn an Uain ge b'e àit an téid e: shaoradh iad so o mheasg dhaoine, 'n an ceud thoradh do Dhia, agus do'n Uan. Agus 'n am beul cha d'fhuaradh cealg; oir tha iad gun lochd an làthair rìgh-chaithreach Dhé.

An Soisgeul. N. Mata ii. 13.

NOchdadh aingeal an Tighearna do Ioseph ann am bruadar, ag ràdh, Eirich, agus gabh an naoidhean agus a mhàthair, agus teich do'n Eiphit, agus bi an sin gus an labhair mise riut; oir iarraidh Herod an naoidhean g'a mhilleadh. Agus dh'éirich e, agus ghabh e d'a ionnsuidh an naoidhean, agus a mhàthair 's an oidhche, agus dh'imich e do'n Eiphit, agus bha e an sin gu bàs Heroid; a chum gu'n coimhliontadh an ni a labhair an Tighearn leis an fhàidh, ag ràdh, A mach as an Eiphit ghairm mi mo Mhac. An sin an uair a chunnaic Herod gu'n d'rinn na druidhean fanoid air, las e le feirg ro mhòir, agus chuir e luchd-millidh uaith, agus mharbh e na bha de leanabaibh mac ann am Betlehem, agus 'n a crìochaibh uile, o aois dhà bhliadhna agus foidhe, a réir na h-aimsir a dh'fhòghluim e gu dìchiollach o na druidhean. An sin choimhlionadh an ni a labhradh le Ieremias am fàidh, ag ràdh, Chualas guth ann an Rama, caoidh, agus gul, agus bròn ro mhòr, Rachel a' caoineadh a cloinne, agus cha b'àill leatha sòlas a ghabhail, a chionn nach 'eil iad beò.

An Dòmhnach an déigh Là-Nodhlaic.

An Guidhe.

ADhé Uile-chumhachdaich, a thug dhuinn d' aonghin Mhic a ghabhail ar naduir air féin, agus mar aig an àm so gu 'bhi air a bhreith le Oigh fhìorghloin; Deònaich air dhuinn a bhi ath-ghinte, agus air ar deanamh 'n ar cloinn dhuit féin le uchdmhacachd agus le gràs, gu'm bi sinn gu laitheil air ar n-ath-nuadhachadh le d' Spiorad naomh, trìd an ti cheudna ar Tighearna Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa,

faiceamaid an ni so a rinneadh, a dh' fhoillsich an Tighearn dhuinne. Agus thàinig iad gu grad, agus fhuair iad Muire agus Ioseph, agus an leanabh 'n a luidhe 's a' phrasaich. Agus an uair a chunnaic iad sin, dh' aithris iad an ni a dh' innseadh dhoibh mu thimchioll an leinibh so. Agus ghabh gach neach a chuala so, iongantas ris na nithibh sin a dh' innseadh dhoibh leis na buachaillibh. Ach ghleidh Muire na nithean sin uile, a' beachd-smuaineachadh orra 'n a cridhe. Agus phill na buachaillean, a' tabhairt glòire agus molaidh do Dhia air son nan nithean sin uile a chual' agus a chunnaic iad, a réir mar a labhradh riu. Agus an uair a choimhlionadh ochd làithean chum an leanabh a thimchioll-ghearradh, thugadh IOSA mar ainm air, eadhon an t-ainm a ghairm an t-aingeal deth mu'n do ghabhadh 's a' bhroinn e.

¶ *Bithidh an Guidhe, an Litir agus an Soisgeul ceudna air an gnàthachadh gach là 'n a dhéigh so gu ruig am Foillseachadh.*

Am Foillseachadh, no taisbeanadh Chriosd do na Cinnich.

An Guidhe.

O 'Dhé, le treòrachadh reult' a dh' fhoillsich d' aonghin Mhic do na Cinnich; Gu tròcaireach deònaich dhuinne, aig am bheil eòlas ort a nis le creidimh, gu'm meal sinn an déigh na beatha so do dhiadhachd ghlòrmhor, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Ephes. iii. 1.

AIR an aobhar so, tha mise Pòl a' m' phrìosanach Iosa Criosd air 'ur son-se a Chinneacha: o chuala sibh mu fhrithealadh gràis Dhé, a thugadh dhomhsa air 'ur son-se: Gu'n d' rinn e aithnichte dhomh tre fhoillseachadh an rùn-dìomhair (mar a sgrìobh mi roimh gu h-aithghearr, leis am feud sibh air dhuibh a leughadh m' eòlas ann an rùn-dìomhair Chriosd a thuigsinn) ni ann an linnibh eile air nach d' thugadh fios do chloinn nan daoine, mar tha e nis air 'fhoillseachadh d' a Abstolaibh naomha agus d' a Fhàidhibh tre an Spiorad: Gu'm bitheadh na Cinnich 'n an comh-oighreachaibh, agus 'n an comh-chorp, agus 'n an luchd-comhpairt d'a

ghealladh-san ann an Criosd, tre an t-Soisgeul: Air an d' rinneadh mise a' m' mhinisteir, a réir tìodhlaic gràis Dhé a thugadh dhomh, a réir oibreachaidh éifeachdaich a chumhachd-san. Dhomh-sa, a's lugha na 'n ti a's lugha de na naoimh uile, thugadh an gràs so, saoibhreas Chriosd nach feudar a rannsachadh, a shearmonachadh am measg nan Cinneach; agus gu 'n deanainn soilleir do na h-uile dhaoinibh ciod e comunn an rùin-dìomhair sin, a bha folaichte ann an Dia o thoiseach an t-saoghail, a chruthaich na h-uile nithean tre Iosa Criosd: Chum gu'n deantadh aithnichte nis do na h-uachdaranachdaibh agus do na cumhachdaibh ann an ionadaibh nèamhaidh, leis an Eaglais, gliocas eagsamhuil Dhé, a réir an rùin shìorruidh a rùnaich e ann an Iosa Criosd ar Tighearn. Anns am bheil againn dànachd agus slighe gu dol a steach ann am muinghin tre a chreidimh-san.

An Soisgeul. N. Mata ii. 1.

AN uair a rugadh Iosa ann am Betlehem Iudea, ann an làithibh Heroid an rìgh, feuch, thàinig druidhean o'n àird an ear gu Ierusalem, ag ràdh, C' àit am bheil Rìgh sin nan Iudhach a tha air a bhreith? oir chunnaic sinne a reult 's an àird an ear, agus tha sinn air teachd a thabhairt aoraidh dha. An uair a chuala Herod an rìgh sin, bha e fo thrioblaid, agus Ierusalem uile maille ris. Agus air cruinneachadh nan àrd-shagart uile dha, agus sgrìobhaichean an t-sluaigh; dh' fheòraich e dhiubh, c' àit an robh Criosd gu 'bhi air a bhreith. Agus thubhairt iad ris, Ann am Betlehem Iudea: Oir mar so sgrìobhadh leis an fhàidh. Agus thusa 'Bhetlehem ann an tìr Iudah, cha tu idir a's lugha am measg cheannard Iuda: Oir asadsa thig Uachdaran a stiuras mo shluagh Israel. An sin air do Herod na druidhean a ghairm os ìosal d' a ionnsuidh, gheur-fhiosraich e dhiubh cia an t-àm anns an d' fhoillsicheadh an reult. Agus chuir e iad gu Betlehem, agus thubhairt e, Imichibh, agus iarraibh gu dìchiollach an naoidhean, agus an déigh dhuibh 'fhaotainn, innsibh dhomhsa e, chum gu'n rachainn-sa féin agus gu'n deanainn aoradh dha. Agus an uair a chual' iad an rìgh, dh' imich iad; agus feuch, chaidh an reult a chunnaic iad 's an àird an ear rompa, gus an d' thàinig i agus gu'n do stad i os ceann an ionaid 'an

robh an naoidhean. Agus an uair a chunnaic iad an reult, rinn iad gairdeachas le h-aoibhneas ro mhòr. Agus air dol a steach dhoibh do 'n tigh, fhuair iad an naoidhean maille r' a mhàthair Muire, agus thuit iad sìos agus rinn iad aoradh dha: Agus air fosgladh an ionmhas dhoibh, thug iad dha tìodhlacan, òr, agus tùis, agus mirr. Agus air faotainn rabhaidh o Dhia ann am bruadar, gun iad a philltinn a dh' ionnsuidh Heroid, chaidh iad d' an dùthaich féin air slighe eile.

An ceud Dhòmhnach an déigh an Fhoillsichidh.

An Guidhe.

O 'Thighearna, tha sinn a' guidhe ort gu tròcaireach thu 'ghabhail urnuighean do shluaigh a tha 'gairm ort, agus deònaich araon gu'm faic, agus gu'n aithnich iad na nithe bu chòir dhoibh a dheanamh, agus cuideachd gu'm bi gràs agus cumhachd aca gu creidmheach a choimhlionadh nan nithe ceudna, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. xii. 1.

AIr an aobhar sin guidheam oirbh, a bhràithre, tre thròcairibh Dhé, 'ur cuirp a thoirt 'n am beò iobairt, naomh, thaitnich do Dhia, ni a's e 'ur seirbhis reusonta. Agus na bithibh air 'ur cumadh ris an t-saoghal so; ach bithibh air 'ur cruth-atharrachadh tre ath-nuadhachadh 'ur n-inntinn, chum gu'n dearbh sibh ciod i toil mhaith, thaitneach, agus dhiongmhalta sin Dhé. Oir tha mi ag ràdh, troimh a' ghràs a thugadh dhomh-sa, ris gach neach 'n 'ur measg, gun smuaineach-adh uime féin na's àirde na 's còir dha smuaineachadh, ach smuaineachadh 'am measarrachd, a réir mar a roinn Dia ris gach neach tomhas a' chreidimh. Oir mar tha mòran bhall againn ann an aon chorp, agus nach e'n t-aon ghnìomh a th' aig gach ball; amhuil sin ged tha sinne 'n ar mòran is aon chorp ann an Criosd sinn, agus is buill sinn gach aon fa leth d'a chéile.

An Soisgeul. N. Luc. ii. 41.

AGus chaidh a phàrantan gach bliadhna gu Ierusalem aig féill na càisge. Agus 'n uair a bha e dà bhliadhna dheug a dh'aois, chaidh iad suas gu Ierusalem, a

réir gnàtha na féille. Agus air coimhlionadh nan làithean sin doibh, 'n uair a phill iadsan, dh' fhan an leanabh Iosa 'n an déigh ann an Ierusalem, agus cha robh fios aig Ioseph no aig a mhàthair air sin. Ach air dhoibh a shaoilsinn gu'n robh e 's a' chuideachd, dh'imich iad astar là, agus dh'iarr iad e 'measg an càirdean agus an luchd-eòlais. Agus an uair nach d'fhuair iad e, phill iad gu Ierusalem, 'g a iarraidh. Agus tharladh an déigh thri làithean gu'n d'fhuair iad e 's an teampull, 'n a shuidhe 'am meadhon an luchd-teagaisg, araon 'g an éisdeachd, agus a' cur cheisd orra. Agus ghabh a' mhuinntir uile a chual' e iongantas r'a thuigse agus r'a fhreagraibh. Agus an uair a chunnaic iad e, ghlac uamhas iad: agus thubhairt a mhàthair ris, A mhic, c'ar son a rinn thu mar so oirnn? feuch bha d'athair agus mise gu brònach ga d'iarraidh. Agus thubhairt esan riu, C'ar son a bha sibh ga m' iarraidh? nach robh fhios agaibh gu'm bu chòir dhomh-sa 'bhi ann an tigh m' athar? Agus cha do thuig iadsan an ni a labhair e riu. Agus chaidh e sìos maille riu, agus thàinig e gu Nasaret, agus bha e ùmhal doibh: ach ghléidh a mhàthair na nithean sin uile 'n a cridhe. Agus thàinig Iosa air aghaidh ann an gliocas agus 'am meudachd, agus ann an deadh-ghean aig Dia agus aig daoinibh.

An dara Dòmhnach an déigh an Fhoillsichidh.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, a tha 'riaghladh nan uile nithe air nèamh agus air talamh, gu tròcaireach éisd ri athchuinge do shluaigh, agus deònaich dhuinn do shìth rè uile làithean ar beatha, trid Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. xii. 6.

UIme sin air bhi do thìodhlacaibh againn, eadar-dhealaichte a réir a' ghràis a thugadh dhuinn, ma's fàidheadaireachd, deanamaid fàidheadaireachd a réir tomhais a' chreidimh; no ma's frithealadh, thugamaid aire d'ar frithealadh; no an ti a theagaisgeas, thugadh e aire d'a theagasg; no an ti a bheir earail thugadh e aire d'a earail: an ti a roinneas an deirc roinneadh e i 'an treibhdhireas; an ti a riaghlas deanadh se e le dùrachd; an ti a ni trocair deanadh se e gu suilbhir. Bitheadh 'ur

gràdh gun cheilg. Bitheadh gràin agaibh de'n olc, dluthleanaibh ris an ni a tha maith. Bithibh teo-chridheach r'a chéile le gràdh bràthaireil, ann an urram a' toirt toisich gach aon d'a chéile: gun 'bhi leasg ann an gnothuichibh; dùrachdach 'n 'ur spiorad; a' deanamh seirbhis do'n Tighearn; a' deanamh gairdeachais ann an dòchas; foighidneach ann an trioblaid; maireannach ann an urnuigh; a' comh-roinn ri uireasbhuidh nan naomh; a' gnàthachadh aoidheachd. Beannaichibh an dream a tha 'deanamh geur-leanmhuinn oirbh; beannaichibh agus na mallaichibh. Deanaibh gairdeachas maille riusan a tha ri gairdeachas, agus caoidh maille riusan a tha ri caoidh. Bithibh a dh'aon rùn d'a chéile. Na bitheadh 'ur cion air nithibh àrda, ach cuiribh sibh féin 'an comh-inbhe riu-san a tha ìosal.

An Soisgeul. N. Eoin ii. 1.

AGus air an treas là bha pòsadh ann an Càna Ghalile, agus bha màthair Iosa an sin. Agus fhuair Iosa mar an ceudna agus a dheisciobuil cuireadh chum a' phòsaidh. Agus air teireachdainn do'n fhìon, thubhairt màthair Iosa ris, Cha-n'eil fìon aca: Thubhairt Iosa rithe, ciod e mo ghnothuch-sa riut, a bhean? cha d'thàinig m' uair-sa fathast. Thubhairt a mhàthair ris an luchd-frithealaidh, Ge b'e ni a their e ruibh, deanaibh e. Agus bha sè soithichean uisge de chloich air an cur an sin, a réir gnàtha glanaidh nan Iudhach, a ghabhadh dà fheircin no tri gach aon diubh. Thubhairt Iosa riu, Lìonaibh na soithichean le uisge. Agus lìon siad iad gus am beul. Agus thubhairt e riu, Tairngibh a nis agus thugaibh chum uachdarain na cuirme. Agus thug iad ann e. 'N uair a bhlais uachdaran na cuirme an t-uisge a rinneadh'n a fhìon, agus cha robh fhios aige cia as a thàinig e, (ach bha fhios aig an luchd-frithealaidh a tharruing an t-uisge) ghairm Uachdaran na cuirme am Fear nuadh-pòsda, agus thubhairt e ris, Cuiridh gach duine fìon maith a làthair air tùs, agus an uair a dh'òlas daoine gu leoir, an sin am fìon a's miosa: ach ghléidh thusa am fìon maith gus a nis. An toiseach so de mhìorbhuilibh rinn Iosa ann an Càna Ghalile, agus dh'fhoillsich e a ghlòir, agus chreid a dheisciobuil ann.

An treas Dòmhnach an déigh an Fhoillsichidh.

An Guidhe.

ADhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, gu tròcaireach amhairc air ar n-anmhuinneachdaibh, agus 'n ar n-uile chunnartaibh agus éiginibh, sìn a mach do dheas làmh gu'r còmhnadh agus gu'r dìon, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. xii. 16.

NA bithibh glic 'n 'ur barail féin. Na h-ìocaibh olc air son uilc do dhuine sam bith. Ulluichibh nithean ciatach 'am fianuis nan uile dhaoine. Ma dh'fheudas e 'bhi, 'mheud 's a tha e 'n comas duibh, bithibh 'an sìth ris na h-uile dhaoinibh. A chàirdean gràdhach, na deanaibh dìoghaltas air 'ur son féin, ach thugaibh àite do'n fheirg; oir tha e sgrìobhta, Is leam-sa dìoghaltas; ìocaidh mi, tha an Tighearn ag ràdh. Uime sin ma bhitheas do nàmhaid ocrach, thoir biadh dha; ma bhitheas e tartmhor, thoir deoch dha: oir le so a dheanamh càrnaidh tu éibhlean teine air a cheann. Na toirear buaidh ort leis an olc, ach thoir-sa buaidh air an olc leis a' mhaith.

An Soisgeul. N. Mata viii. 1.

AIR teachd a nuas o'n bheinn dha, lean cuideachd mhòr e. Agus feuch, thàinig lobhar agus rinn e aoradh dha ag ràdh, A Thighearna, ma's àill leat, is comasach thu air mise a ghlanadh. Agus shìn Iosa mach a làmh; agus bhean e ris, ag ràdh, Is àill leam, bi thusa glan. Agus air ball bha a luibhre air a glanadh. Agus thubhairt Iosa ris, Feuch nach innis thu do dhuine sam bith, ach imich, taisbein thu féin do'n t-sagart, agus thoir d'a ionnsuidh an tìodhlac a dh'àithn Maois, mar fhianuis dhoibh. Agus air dol do Iosa a steach do Chapernaum, thàinig d'a ionnsuidh ceannard-ceud, a' guidhe air, agus ag ràdh, A Thighearna, tha m'òglach 'n a luidhe a stigh ann am pairilis, agus air a phianadh gu h-anabarrach. Agus thubhairt Iosa ris, Théid mise agus leighisidh mi e. Agus air freagairt do'n cheannard-ceud, thubhairt e, A Thighearna cha-n araidh mise air thusa a theachd a steach fo m' chléith; ach a mhàin abair am focal agus slànuichear m'òglach. Oir is duine mise féin a tha fo

ùghdarras, aig am bheil saighdearan fodham: agus their mi ris an fhear so, Imich, agus imichidh e; agus ris an fhear so eile, Thig, agus thig e; agus ri m' sheirbhiseach, Dean so, agus ni se e. 'N uair a chual' Iosa so, ghabh e iongantas, agus thubhairt e ris a' mhuinntir a lean e, Gu firinneach tha mi ag ràdh ruibh, ann an Israel féin nach d'fhuair mi creidimh co mòr as so. Agus tha mi ag ràdh ruibh, gu'n tig mòran o'n àird an ear agus o'n àird an iar, agus gu'n suidh iad maille ri Abraham agus Isaac, agus Iacob ann an rìoghachd nèimh. Ach gu'n tilgear clann na rìoghachd ann an dorchadas a tha 'n leth a muigh: bithidh an sin gul agus gìosgan fhiacal. Agus thubhairt Iosa ris a' cheannard-ceud, Imich romhad, agus bitheadh e dhuit a réir mar a chreid thu. Agus shlànuicheadh 'òglach air an uair sin féin.

An ceathramh Dòmhnach an déigh an Fhoillsichidh.

An Guidhe.

O 'Dhé, aig am bheil fios gu bheil sinn air ar suidheachadh ann am meadhon chunnartan cho mòr agus cho lìonmhor, 's a thaobh anmhuinneachd ar naduir nach urrainn sinn do ghnàth seasamh dìreach; Deònaich dhuinn a leithid de neart agus de dhìdean, 's a chumas a suas sinn anns na h-uile chunnartaibh, agus a bheir sinn troimh na h-uile bhuairidhibh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. xiii. 1.

BItheadh gach anam ùmhal do na h-àrd-chumhachdaibh; oir cha-n 'eil cumhachd ann ach o Dhia: agus na cumhachdan a tha ann, is ann le Dia a dh' orduicheadh iad. Air an aobhar sin ge b' e air bith a chuireas an aghaidh a' chumhachd, tha e 'cur an aghaidh orduigh Dhé: agus iadsan a chuireas 'n a aghaidh, gheibh iad breitheanas dhoibh féin. Oir cha-n' eil Uachdarain 'n an aobhar eagail do dheadh oibribh, ach do dhroch oibribh. Uime sin am miann leat a bhi gun eagal an uachdarain ort? dean am maith, agus gheibh thu cliu uaith: oir is esan seirbhiseach Dhé chum maith dhuit. Ach ma ni thu an t-olc, bitheadh eagal ort; oir cha-n ann gu dìomhain a tha e 'giùlan a' chlaidheimh: oir is e seirbhiseach Dhé e, 'n a dhìoghaltair feirge air an ti a ni olc.

Uime sin is éigin a bhi ùmhal, cha-n ann a mhàin air son feirge, ach mar an ceudna air son coguis. Oir, air an aobhar so tha sibh mar an ceudna a' toirt cìse dhoibh: oir is iad seirbhisich Dhé iad, a' sìor-fheitheamh air an ni so féin. Air an aobhar sin thugaibh do na h-uile an dlighe féin; càin dhàsan d' an dlighear càin, cìs dhàsan d' an dlighear cìs, eagal dhàsan d'an dlighear eagal, agus urram dhàsan d'an dlighear urram.

An Soisgeul. N. Mata viii. 23.

AGus air dol dhàsan a steach do luing, lean a dheisciobuil e. Agus feuch, dh'éirich doinionn mhòr air an fhairge, ionnus gu'n d'fholaich na tuinn an long: ach bha esan 'n a chodal. Agus thàinig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus dhùisg iad e, ag ràdh, A Thighearna, teasairg sinn, tha sinn caillte. Agus thubhairt e riu, C'ar son a tha sibh fo eagal, sibhse air bheag creidimh? An sin dh'éirich e, agus chronuich e na gaothan agus an fhairge, agus bha ciùine mhòr ann. Ach ghabh na daoine iongantas, ag ràdh, Ciod e 'ghné dhuine so, gu bheil na gaothan féin agus an fhairge ùmhal dha? Agus air teachd dha do'n taobh eile gu tìr nan Gergeseneach, thachair dithis dhaoine air anns an robh deamhain, a' teachd a mach as na h-àitibh-adhlaic, agus iad ro gharg, ionnus nach feudadh duine sam bith an t-slighe sin a ghabhail. Agus feuch, ghlaodh iad, ag ràdh, Ciod e ar gnothuch-ne riut, Iosa a Mhic Dhé? an d'thàinig thu an so g'ar pianadh roimh an àm? Agus bha treud mhòr mhuc 'am fad uatha, ag ionaltradh. Agus dh'iarr na deamhain a dh'athchuinge airsan, ag ràdh, Ma thilgeas tu mach sinn, leig dhuinn dol 's an treud mhuc ud. Agus thubhairt e riu, Imichibh. Agus air dol a mach dhoibh, chaidh iad anns an treud mhuc: agus, feuch, ruith an treud mhuc uile gu dian sìos air ionad corrach do'n fhairge, agus chailleadh 's na h-uisgeachaibh iad. Agus theich na buachaillean, agus chaidh iad do'n bhaile, agus dh'innis iad na nithean so uile, agus na thachair dhoibhsan anns an robh na deamhain. Agus feuch chaidh am baile uile a mach a choinneachadh Iosa: agus an uair a chunnaic iad e, ghuidh iad air, imeachd as an crìochaibh-san.

An cùigeamh Dòmhnach an déigh an Fhoillsichidh.

An Guidhe.

O 'Thighearna, tha sinn a' guidhe ort d' Eaglais agus do theaghlach a ghleidheadh do ghnàth ann ad fhìor chreidimh, a chum iadsan a tha 'leigeadh an taic' a mhàin air dòchas do ghràis nèamhaidh, gu'm bi iad gu sìorruidh tuilleadh air an dìon le d' chumhachd neart-mhor, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Col. iii. 12.

UIme sin cuiribhse umaibh (mar dhaoine taghta Dhé, naomha agus ionmhuinn) innigh thròcairean, caomhalachd, irioslachd inntinn, macantas, fad-fhulangas, a' giùlan le 'chéile, agus a' maitheadh d'a chéile, ma tha cùis ghearain aig neach an aghaidh neach; mar a thug Criosd maitheanas dhuibhse, mar sin deanaibhse mar an ceudna. Agus thar na nithibh so uile, cuiribh umaibh gràdh, ni a's e coimhcheangal na foirfeachd. Agus bitheadh sìth Dhé a' riaghladh ann 'ur cridhe, chum am bheil sibh mar an ceudna air 'ur gairm ann an aon chorp; agus bithibh taingeil. Gabhadh focal Chriosd còmhnuidh annaibh gu saoibhir 's an uile ghliocas, a' teagasg agus a' comhairleachadh a chéile le salmaibh agus laoidhibh, agus dànaibh spioradail, a' deanamh ciuil do'n Tighearn le gràs ann 'ur cridhe. Agus gach ni air bith a ni sibh ann am focal no ann an gnìomh, deanaibh iad uile ann an ainm an Tighearna Iosa, a' toirt buidheachais do Dhia, eadhon an t-Athair trìd-san.

An Soisgeul. N. Mata xiii. 24.

IS cosmhuil rìoghachd nèimh ri duine, a chuir sìol maith 'n a fhearann. Agus an uair a bha daoine 'n an codal, thàinig a nàmhaid agus chuir e cogal am measg a' chruithneachd, agus dh'imich e roimhe. Ach an uair a thàinig an t-arbhar fo dhéis, agus a thug e mach a thoradh, dh'fhoillsich an cogal e féin mar an ceudna. Agus air teachd do sheirbhisich fhir-an-tighe thubhairt iad ris, A Thighearna, nach do chuir thusa sìol maith ann ad fhearann? c'àite ma seadh as an d'fhuair e an cogal?

Thubhairt esan riu, Rinn nàmhaid-éigin so. Agus thubhairt na seirbhisich ris, An àill leat uime sin gu'n téid sinne agus gu'n cruinnich sinn ri 'chéile iad? Ach thubhairt esan, Cha-n àill; air eagal 'n uair a chruinnicheas sibh an cogal, gu'n spìon sibh an cruithneachd maille ris. Leigibh leo fàs araon gus an tig am fogharadh; agus ann an àm an fhogharaidh their mise ris an luchd-buana, Cruinnichibh air tùs an cogal, agus ceanglaibh e 'n a cheanglachain chum a losgaidh: ach cruinnichibh an cruithneachd do m' shabhal.

An seathamh Dòmhnach an déigh an Fhoillsichidh.

An Guidhe.

O 'Dhé, dh' fhoillsicheadh do Mhac beannaichte, gu oibre an diabhuil a sgrios, agus gu sinn a dheanamh 'n ar cloinn de Dhia agus 'n ar n-oighreachaibh air beatha shìorruidh; Deònaich, tha sinn a' guidhe ort, air dhuinn an dòchas so 'bhi againn, gu'n glan sinn sinn féin, eadhon mar a tha esan glan; a chum an uair a dh' fhoillsichear e a rìs le cumhachd agus le mòr ghlòir, gu'm bi sinn air ar deanamh cosmhuil ris 'n a rìoghachd shìorruidh agus ghlòrmhoir, far am bheil e beò agus a' riaghladh maille riutsa, O Athair, agus riutsa, O 'Spioraid Naoimh, sìor aon Dia saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. 1 N. Eoin iii. 1.

FEuchaibh, ciod a' ghnè gràidh a thug an t-Athair dhuinne, gu'n goirteadh Clann Dhé dhinn: uime sin cha-n aithne do'n t-saoghal sinn, do bhrìgh nach b'aithne dha esan. A mhuinntir mo ghràidh, a nis is sinne mic Dhé, agus cha-n 'eil e soilleir fathast ciod a bhitheas sinn: ach tha fhios againn, 'n uair a dh'fhoillsichear esan, gu'm bi sinn cosmhuil ris; oir chi sinn e mar a tha e. Agus gach neach aig am bheil an dòchas so ann, glanaidh se e féin, mar a tha esan glan. Ge b'e neach a ni peacadh tha e mar an ceudna a' briseadh an lagha: oir is e am peacadh briseadh an lagha. Agus tha fhios agaibh gu'n d'fhoillsicheadh esan chum ar peacaidhean a thoirt air falbh; agus cha-n' eil peacadh sam bith annsan. Gach neach a dh'fhanas ann-san cha dean e peacadh; ge b'e air bith a pheacaicheas cha-n fhac e esan, agus cha

robh eòlas aige air. A chlann bheag, na mealladh neach air bith sibh: an ti a ni fìreantachd is fìrean e, mar is fìrean esan. An ti a ni peacadh is ann o'n diabhul a tha e: oir tha an diabhul a' peacachadh o thùs. Is ann chum na crìche so a dh'fhoillsicheadh Mac Dhé, chum gu'n sgriosadh e oibre an diabhuil.

An Soisgeul. N. Mata xxiv. 23.

AN sin ma their aon duine ruibh, Feuch tha Criosd an so no an sud: na creidibh e. Oir éiridh Criosdan bréige agus fàidhean bréige agus ni iad comharan agus mìorbhuilean mòra; ionnus gu mealladh iad (nam feudadh e 'bhi) na daoine taghta féin. Feuch, dh'innis mi dhuibh e roimh-làimh. Uime sin, ma their iad ruibh, Feuch, tha e 's an fhàsach, na rachaibh a mach: feuch, tha e 's na seòmraichibh uaigneach, na creidibh sin. Oir a réir mar a thig an dealanach o'n àird an ear agus a dhealraicheas i gus an àird an iar: mar sin mar an ceudna bithidh teachd Mhic an duine. Oir ge b'e àit 's am bi a' chairbh, is ann an sin a chruinnichear na h-iolairean. Air ball an déigh trioblaid nan làithean ud, dorchaichear a' ghrian, agus cha tabhair a' ghealach a solus, agus tuitidh na reultan o nèamh, agus bithidh cumhachdan nan nèamh air an crathadh. Agus an sin foillsichear comharadh Mhic an duine ann an nèamh: agus an sin ni uile threubhan na talmhainn bròn, agus chi iad Mac an duine a' teachd air neulaibh nèimh le cumhachd agus glòir ro mhòir. Agus cuiridh e mach 'aingil le fuaim mhòir na galltruimp, agus cruinnichidh iad a shluagh taghta o na ceithir gaothaibh, o leth-iomall nèimh gus an leth-iomall eile.

An Dòmhnach d'an goirear Septuagesima, no an treas Dòmhnach roimh 'n Charmhas.

An Guidhe.

O 'Thighearna, tha sinn a' guidhe ort thu 'dh' éisdeachd gu fàbharach urnuighean do shluaigh, a chum gu'm bi sinne a tha gu ceart air ar smachdachadh air son ar cionta, gu tròcaireach air ar saoradh le d' mhaitheas, air son glòire d' Ainme, trìd Iosa Criosd ar Slànuidhir, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. 1 Cor. ix. 24.

NAch 'eil fhios agaibh iadsan a tha 'ruith anns a' bhlàr-réise, gu'n ruith iad uile, ach is aon duine a gheibh an duais? Gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse ionnus gu'n glac sibh an duais. Agus tha gach uile ghleachdair measarra anns na h-uile nithibh: A nis tha iadsan a' deanamh sin chum gu'm faigh iad crùn truaillidh, ach sinne air son crùin neo-thruaillidh. Uime sin is amhuil a tha mise a' ruith, cha-n ann mar gu neo-chinnteach; is amhuil a tha mi a' cur catha, cha-n ann mar neach a bhuaileas an t-athar: Ach tha mi a' trom-bhualadh mo chuirp, agus 'g a chur fo smachd, air eagal air chor sam bith an déigh dhomh searmonachadh do dhream eile, gu'n cuirear mi féin air cùl.

An Soisgeul. N. Mata xx. 1.

IS cosmhuil rìoghachd nèimh ri fear-tighe, a chaidh a mach moch air mhaduinn a thuarasdalachadh luchd-oibre d'a ghàradh fìona. Agus an déigh dha cordadh ris an luchd-oibre air pheghinn Ròmanaich 's an là, chuir e d'a ghàradh fìona iad. Agus an uair a chaidh e mach timchioll na treas uaire, chunnaic e dream eile 'n an seasamh dìomhanach 's a' mhargadh, agus thubhairt e riu, Imichibh-se mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'e ni a bhitheas ceart, bheir mi dhuibh e. Agus dh'imich iad. An uair a chaidh e mach a rìs timchioll na seathamh agus na naothamh uaire, rinn e mar an ceudna. Agus an uair a chaidh e mach mu thimchioll na h-aon uaire deug fhuair e dream eile 'n an seasamh dìomhanach, agus thubhairt e riu, C'ar son tha sibh 'n 'ur seasamh an so feadh an là dìomhanach? Thubhairt iad ris, A chionn nach do thuarasdalaich duine air bith sinn. Thubhairt esan riu, Imichibh-se mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'e ni a tha ceart, gheibh sibh e. Agus 'n uair thàinig am feasgar, thubhairt Tighearn a' ghàraidh fhìona sin r'a stiùbhard, Gairm an luchd-oibre agus thoir dhoibh an tuarasdal, a' tòiseachadh o'n dream a thàinig mu dheireadh gu ruig na ceud daoine. Agus an uair a thàinig iadsan a thuarasdalaicheadh mu thimchioll na h-aon uaire deug, fhuair gach duine dhiubh peghinn. Ach an uair a thàinig an ceud dream, shaoil iadsan gu'm faigheadh iad ni bu mhò, ach fhuair gach aon diubh mar an

ceudna peghinn. Agus air dhoibh 'fhaotainn, rinn iad gearan an aghaidh fhir-an-tighe, ag ràdh, An dream sin a thàinig mu dheireadh cha d'rinn iad obair ach aon uair, agus rinn thu iad ionnan ruinne, a ghiùlain uallach agus teas an là. Ach fhreagair esan agus thubhairt e ri fear dhiubh, A charaid, cha-n' eil mi a' deanamh eucoir ort: nach do chord thu rium air pheghinn? Tog leat do chuid féin, agus imich romhad: is i mo thoil-sa a thabhairt do'n ti so a thàinig mu dheireadh mar a thug mi dhuit-sa. Nach 'eil e ceudaichte dhomh-sa an ni a's toil leam a dheanamh ri mo chuid féin? am bheil do shùil-sa olc, air son gu bheil mise maith? Mar sin bithidh an dream dheireannach air thoiseach, agus an dream a tha air thoiseach air dheireadh: oir tha mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh.

An Dòmhnach d'an goirear Secsagesima, no an dara Dòmhnach roimh 'n Charmhas.

An Guidhe.

O 'Thighearna Dhé, a tha 'faicinn nach 'eil sinn a' cur ar n-earbsa ann an ni air bith a tha sinn a' deanamh; Gu tròcaireach deònaich gu'm bi sinn air ar dìon le d' chumhachd 'an aghaidh gach uile àmhghair, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 2 Cor. xi. 19.

GIùlainidh sibh gu toileach le amadain, do bhrìgh gu bheil sibh féin glic. Oir fuilgidh sibh ma bheir neach ann an daorsa sibh, ma dh'itheas neach sibh, ma bheir neach 'ur cuid dhibh, ma dh'àrdaicheas neach e féin, ma bhuaileas neach air an aghaidh sibh. Tha mi a' labhairt a thaobh eas-urraim, mar gu'm bitheamaid anmhunn: ach, ge b'e ni anns am bheil neach air bith dàn (tha mi a' labhairt gu h-amaideach) tha mise dàn ann mar an ceudna. An Eabhruidhich iad? mar sin tha mise mar an ceudna: an Israelich iad? mar sin tha mise mar an ceudna: an sliochd do Abraham iad? mar sin tha mise mar an ceudna: am ministeirean do Chriosd iad? (tha mi a' labhairt mar dhuine mi-chéillidh) tha mise os an ceann 's an ni so: ann an saothairibh na's pailte; ann am buillibh thar tomhas; ann am prìosanaibh na's trice; ann am bàsaibh gu minic. Fhuair mi o na

h-Iudhaich cùig uairean dà fhichead buille ach a h-aon. Ghabhadh le slataibh orm tri uairean. Chlachadh mi aon uair. Dh'fhuiling mi long-bhriseadh tri uairean. Là agus oidhche bha mi 's an doimhne: ann an turusaibh gu minic; ann an gàbhadh aimhnichean; ann an cunnartaibh fhear-reubainn; ann an cunnartaibh o m' chinneach féin; ann an cunnartaibh o na cinnich; ann an cunnartaibh 's a' bhaile; ann an cunnartaibh 's an fhàsach; ann an cunnartaibh 's an fhairge; ann an cunnartaibh an measg bhàithrean breugach; ann an saothair agus sgìos; ann am fairibh gu minic; ann an ocras agus tart; 'an trasgaibh gu minic; 'am fuachd agus 'an lomnochduidh; a bhàrr air na nithibh a tha an leth muigh, an ni a tha 'teachd orm gu lathail, ro-chùram nan Eaglaisean uile. Cò a tha lag, agus nach 'eil mise lag? cò a tha 'faotainn oilbheim, agus nach 'eil mise a' losgadh? Ma's éigin domh uaill a dheanamh, is ann as na nithibh a bhuineas do m' anmhuinneachd a ni mi uaill. Tha fios aig Dia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Criosd, a tha beannaichte gu sìorruidh, nach 'eil mi 'deanamh bréige.

An Soisgeul. N. Luc. viii. 4.

AN uair a chruinnich sluagh mòr, agus a thàinig iad as gach baile d'a ionnsuidh, labhair e ann an cosamhlachd, Chaidh fear-cuir a mach a chur a shìl: agus ag cur da, thuit cuid ri taobh an ràthaid, agus shaltradh sìos e, agus dh'ith eunlaith an athair suas e. Agus thuit cuid eile air carraig, agus air fàs da, shearg e, do bhrìgh nach robh sùgh aige. Agus thuit cuid eile 'am measg droighinn, agus dh'fhàs an droighionn maille ris, agus thachd se e. Agus thuit cuid eile air talamh maith agus dh'fhàs e suas, agus thug e toradh uaith a' cheud uiread as a chuireadh. Agus air dha na nithean sin a ràdh, ghlaodh e, Ge b'e aig am bheil cluasan chum éisdeachd, éisdeadh e. Agus dh'fheòraich a dheisciobuil deth, ag ràdh, Ciod e an cosamhlachd so? Agus thubhairt esan, Thugadh dhuibh-se eòlas fhaotainn air rùn dìomhair rìoghachd Dhé: ach do chàch ann an cosamhlachdaibh; ionnus ag faicinn doibh nach faiceadh iad, agus ag cluinntinn doibh nach tuigeadh iad. Ach is e so an cosamhlachd; Is e an sìol focal Dhé. Iadsan ri taobh an

rathaid is iad sin a dh'éisdeas; 'n a dhéigh sin tha an diabhul a' teachd, agus a' togail air falbh an fhocail as an cridheachaibh, air eagal gu'n creideadh iad agus gu'm bitheadh iad air an saoradh. An dream air a' charraig, is iad sin iadsan, an uair a dh'éisdeas iad, a ghabhas am focal d'an ionnsuidh le gairdeachas; ach cha-n'eil aca so freumh, muinntir a chreideas ré tamuill, agus 'an àm buairidh a tha 'tuiteam air falbh. Agus an ni a thuit am measg droighinn, is iad sin an dream, a dh'éisdeas, agus air dhoibh dol a mach, tha iad air an tachdadh le cùram agus le saoibhreas, agus le sàimh na beatha so, agus cha-n'eil iad a' toirt toraidh uatha chum foirfeachd. Ach an ni a thuit 's an talamh mhaith, is iad sin iadsan, air dhoibh am focal éisdeachd, a tha 'g a choimhead ann an cridhe treibhdhireach agus maith, agus a' toirt toraidh uatha le foighidin.

An Dòmhnach d'an goirear Cuincuagesima no an Domhnach a's faisge roimh 'n Charmhas.

An Guidhe.

O 'Thighearna, a theagaisg dhuinn, gu'm bheil ar n-uile dheanadais as eugmhais gràidh gun fheum air bith; Cuir a nuas do Spiorad naomh, agus doirt 'n ar cridheachaibh tiodhlac sin ro òirdheirc a' ghràidh, fìor cheangal na sìthe agus gach uile dheadh-bheus, as eugmhais so cò air bith a tha beò tha e air a mheas marbh ann ad làthair-sa: Deònaich so air sgàth d' aon Mhic Iosa Criosd. *Amen.*

An Litir. 1 Cor. xiii. 1.

GEd labhrainn le teangaibh dhaoine agus aingeal, agus gun ghràdh agam, tha mi a'm' umha a ni fuaim, no a'm' chiombal a ni gleangarsaich. Agus ged bhitheadh agam fàidheadaireachd, agus ged thuiginn na h-uile rùna-dìomhair, agus gach uile eòlas; agus ged bhitheadh agam gach uile ghnè creidimh, ionnas gu'n atharraichinn sléibhtean, agus mi gun ghràdh agam, cha-n 'eil annam ach neo-ni. Agus ged chaithinn mo mhaoin uile chum na bochdan a bheathachadh, agus ged bheirinn mo chorp gu 'bhi air a losgadh, agus gun ghràdh agam, cha-n'eil tairbhe sam bith dhomh ann. Tha an gràdh fad-fhulangach, agus caoimhneil; cha ghabh an gràdh farmad; cha dean an gràdh ràiteachas, cha-n'eil e air a shéideadh

suas, cha ghiùlain se e féin gu mi-chiatach, cha-n iarr e na nithean sin a bhuineas da féin, cha-n'eil e so-bhrosnuchaidh chum feirge, cha smuainich e olc sam bith, cha dean e gairdeachas 's an eucoir, ach ni e gairdeachas 's an fhìrinn; fuilgidh e na h-uile nithean, creididh e na h-uile nithean, bithidh sùil aige ris na h-uile nithibh, giùlainidh e na h-uile nithean. Cha téid an gràdh air cùl a chaoidh, ach ma's fàidheadaireachdan a th' ann, théid iad air cùl; ma's teangaidhean, sguiridh iad; ma's eòlas, cuirear air cùl e. Oir tha eòlas againn ann an cuid, agus tha sinn ri fàidheadaireachd ann an cuid. Ach an uair a thig an ni a tha iomlan, cuirear air cùl an ni sin nach 'eil ach ann an cuid. 'N uair a bha mi a'm' leanaban labhair mi mar leanaban, thuig mi mar leanaban, reusonaich mi mar leanaban; ach air fàs domh a'm' dhuine, chuir mi na nithean leanabaidh air cùl. Oir tha sinn a' faicinn 's an àm so gu dorcha tre ghloine; ach an sin chi sinn aghaidh ri h-aghaidh: 's an àm so is aithne dhomh ann an cuid; ach an sin aithnichidh mi eadhon mar a tha aithne orm. Agus a nis fanaidh creidimh, dòchas, gràdh, na tri nithean so; ach is e'n gràdh a's mò dhiubh so.

An Soisgeul. N. Luc. xviii. 31.

AGus ghabh Iosa an dà fhear dheug d'a ionnsuidh, agus thubhairt e riu, Feuch, tha sinn a' dol suas gu Ierusalem, agus bithidh na h-uile nithean a tha sgrìobhta leis na fàidhibh mu Mhac an duine air an coimhlionadh. Oir bheirear thairis e do na Cinnich, agus théid fanoid a dheanamh air, agus masluichear e, agus tilgear smugaid air. Agus sgiùrsaidh, agus marbhaidh iad e; agus air an treas là éiridh e a rìs. Agus cha do thuig iadsan aon ni dhiubh so: agus bha na briathran so fo-luichte orra, agus cha b'aithne dhoibh na nithean a chaidh a labhairt. Agus tharladh, an uair a dhruid e ri Iericho, gu'n robh dall àraidh 'n a shuidhe ri taobh na slighe ag iarraidh déirce: Agus air cluinntinn an t-sluaigh a' dol seachad, dh'fheòraich e ciod e so. Agus dh'innis iad da, gu'm b'e Iosa o Nasaret a bha 'gabhail seachad. Agus ghlaodh e, ag ràdh, Iosa Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm. Agus chronuich iadsan a bha air thoiseach e, chum gu'm bitheadh e 'n a thosd: ach bu mhòid gu mòr a ghlaodh

esan, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm. Agus air seasamh do Iosa dh'àithn e a thoirt d'a ionnsuidh: agus an uair a thàinig e am fagus da, dh'fheòraich e dheth, ag ràdh, Ciod a's àill leat mise a dheanamh dhuit? Agus thubhairt esan, a Thighearna, mi dh'fhaotainn mo radhairc. Agus thubhairt Iosa ris, Faigh do radharc: shlànuich do chreidimh thu. Agus air ball fhuair e a radharc, agus lean se e, a' toirt glòire do Dhia: agus thug an sluagh uile cliu do Dhia, 'n uair a chunnaic iad so.

An ceud là de'n Charmhas, d' an goirear gu cumanta Diciaduin na Luaithre.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, leis nach fuathach ni air bith a rinn thu, agus a tha 'maitheadh am peacaidhean dhoibhsan uile a tha aithreach; Cruthaich agus dean annainn cridheachan nuadh' agus aithreach, a chum air dhuinn da rìreadh 'bhi a' caoidh ar peacaidhean, agus ag aidmheil ar truaighe, gu'm faigh sinn uait-se a Dhé na h-uile thròcair, làn fhuasgladh agus mhaitheanas, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Tha 'n Guidhe so ri leughadh gach là anns a' Charmhas, an déigh a' Ghuidhe a tha orduichte air son an là.*

Air son na Litreach. Ioel ii. 12.

THa an Tighearn ag ràdh, pillibh a' m' ionnsuidh-sa le 'ur n-uile chridhe, agus le trasg, agus le gul, agus le caoidh. Agus reubaibh 'ur cridhe, agus ni h-e 'ur n-eudach, agus pillibh ris an Tighearn 'ur Dia: oir tha e tròcaireach agus iochdmhor, mall a chum feirge, agus lan de chaomhalachd, agus gabhaidh e aithreachas mu'n olc. Cò aig am bheil fios nach pill, agus nach gabh e aithreachas agus nach fàg e beannachd 'n a dhéigh, tabhartas-bìdh agus tabhartas-dibhe do'n Tighearn 'ur Dia? Séidibh an trompaid ann an Sion, naomhaichibh trasg, gairmibh là toirmisg, cruinnichibh an sluagh, naomhaichibh an coimhthional, gairmibh na seanairean, tionailibh a' chlann, agus iadsan a tha 'deòthal na cìche; rachadh am fear nuadh-pòsda mach as a sheòmar agus a' bhean nuadh-phòsda mach as a seòmar uaigneach; deanadh na sagairt, seirbhisich an Tighearna,

gul eadar an sgàth-thigh agus an altair, agus abradh iad, Caomhain, O 'Thighearna, do shluagh, agus na toir d'oighreachd thairis gu masladh: a chum gu'n riaghladh na cinnich os an ceann: c' uim' an abradh iad am measg nan cinneach, C'àit am bheil an Dia?

An Soisgeul. N. Mata vi. 16.

AGus an uair a ni sibh trasgadh, na bitheadh gruaim air 'ur gnùis, mar luchd an fhuar-chràbhaidh: oir cuiridh iadsan mi-dhreach air an aghaidh, chum gu faicear le daoinibh iad a bhi 'trasgadh. Tha mi ag ràdh ruibh gu firinneach, gu bheil an tuarasdal aca. Ach thusa, an uair a ni thu trasgadh, cuir oladh air do cheann, agus ionnail d'aghaidh, chum nach faicear le daoinibh gu bheil thu a' deanamh trasgaidh, ach le d' Athair a tha 'an uaignidheas: agus bheir d' Athair a chi 'an uaignidheas, duais dhuit gu follaiseach. Na taisgibh dhuibh féin ionmhais air an talamh, far an truaill an leòmann agus a' mheirg e, agus far an cladhaich na meirlich a stigh agus an goid iad. Ach taisgibh ionmhais dhuibh féin air nèamh, far nach truaill an leòmann no a' mheirg, agus nach cladhaich, agus nach goid na meirlich. Oir ge b'e àit 's am bheil 'ur n-ionmhas, is ann an sin a bhitheas 'ur cridhe mar an ceudna.

An ceud Dhòmhnach anns a' Charmhas.

An Guidhe.

O 'Thighearna, a thraisg air ar son-ne dà fhichead là agus dà fhichead oidhche; Thoir dhuinn gràs a ghnàthachadh a leithid de stuamachd, a chum air d' ar feòil 'bhi air a strìochdadh do'n Spiorad, gu'n toir sinn gu bràth géill do d' ghluasad diadhaidh ann an ionracas agus 'am fìor naomhachd, chum d' onoir agus do ghlòir'-sa, a tha beò agus a' riaghladh maille ris an Athair agus ris an Spiorad naomh, aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. 2 Cor. vi. 1.

UIme sin tha sinn mar chomh-oibrichean leis-san, a' guidhe oirbh, gun sibh a ghabhail gràis Dhé gu dìomhain. (Oir tha e ag ràdh, Ann an àm taitneach dh'éisd mi riut, agus ann an là slàinte rinn mi còmhnadh

leat: feuch, a nis an t-àm taitneach; feuch, a nis là na slàinte;) gun a bhi 'toirt aobhair oilbheim air bith ann an aon ni, chum nach faigheadh a' mhinistreileachd michliu; ach anns gach ni 'g ar dearbhadh féin mar mhinisteiribh Dhé, ann am mòr-fhoighidin, ann an àmhghairibh, ann an uireasbhuidh, ann an teanntachdaibh, ann am builibh, ann am prìosanaibh, ann an luasgadh o àit gu h-àit, ann an saothair, ann am faire, ann an trasgaibh; ann am fìor-ghloine, ann an eòlas, ann am fad-fhulangas, ann an caoimhneas, anns an Spiorad naomh, ann an gràdh gun cheilg, ann am focal na firinn, ann an cumhachd Dhé, le airm na fireantachd air an làimh dheis, agus chlì, tre urram agus eas-urram, tre mhi-chliu agus dheadh-chliu; mar mhealltairibh, gidheadh firinneach; mar dhream nach aithnichear, gidheadh air am bheil deadh aithne; mar dhream a tha 'faghail a' bhàis, gidheadh feuch tha sinn beò; mar dhream a smachdaichear, agus gun am marbhadh; mar dhream a tha brònach, gidheadh a ghnàth a' deanamh gairdeachais; mar dhaoine bochda, gidheadh a tha 'deanamh mòran saoibhir; mar dhaoine aig nach 'eil ni sam bith, gidheadh a' sealbhachadh nan uile nithean.

An Soisgeul. N. Mata iv. 1.

AN sin threòraicheadh Iosa leis an spiorad do'n fhàsach, chum gu'm bitheadh e air a bhuaireadh leis an diabhul. Agus an uair a thraisg e dà fhichead là agus dà fhichead oidhche, an déigh sin bha ocras air. Agus air teachd do'n bhuaireadair d'a ionnsuidh, thubhairt e, Ma's tu Mac Dhé, thoir àithne do na clachaibh so a bhi 'n an aran. Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Tha e sgrìobhta, Cha-n ann le h-aran a mhàin a bheathaichear duine, ach leis gach uile fhocal a thig o bheul Dhé. An sin thug an diabhul e do'n bhaile naomh, agus chuir e air binnein an teampuill e, agus thubhairt e ris, Ma's tu Mac Dhé, tilg thu féin sìos; oir tha e sgrìobhta, Gu'n toir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, agus togaidh iad suas thu 'n an làmhan, chum nach buail thu uair air bith do chos air cloich. Thubhairt Iosa ris a rìs, Tha e sgrìobhta, Cha bhuair thu an Tighearn do Dhia. Thug an diabhul e a rìs chum beinne ro àird, agus nochd e dha uile rìoghachdan an domhain, agus an glòir; agus thubh-

airt e ris, Iad so uile bheir mise dhuit, ma thuiteas tu sìos agus ma ni thu aoradh dhomhsa. An sin thubhairt Iosa ris, Imich uam, a Shàtain: oir tha e sgrìobhta, Bheir thu aoradh do'n Tighearn do Dhia, agus dhàsan 'n a aonar ni thu seirbhis. An sin dh'fhàg an diabhul e, agus feuch, thàinig ainglean agus fhritheil iad da.

An dara Dòmhnach anns a' Charmhas.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a tha 'faicinn nach 'eil neart air bith againn uainn féin, gu'r còmhnadh féin; Gleidh sinn araon o'n leth a muigh 'n ar cuirp, agus o'n leth a stigh 'n ar n-anamaibh, a chum gu'm bi sinn air ar dìon o na h-uile àmhghairibh a dh' fheudas teachd air a' chorp, agus o na h-uile dhrochd smuaintibh a bheir ionnsuidh no ni cron air an anam, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen*

An Litir. 1 Tes. iv. 1.

A Bhràithre, cuireamaid a dh'impidh agus a dh'athchuinge oirbh tre'n Tighearn Iosa, mar a fhuair sibh uainne cionnus is còir dhuibh imeachd, agus Dia a thoileachadh, gu meudaicheadh sibh mar sin na's mò agus na's mò. Oir tha fhios agaibh ciod iad na h-àitheantan a thug sinne dhuibh tre'n Tighearn Iosa. Oir is i so toil Dhé, eadhon 'ur naomhachadh-se, sibh a sheachnadh strìopachais; gu'm b'aithne do gach aon agaibh a shoitheach féin a shealbhachadh ann an naomhachd, agus ann an urram; cha-n ann ann am fonn ana-miannach, mar a ni na Cinnich aig nach 'eil eòlas air Dia; gun neach air bith a dheanamh eucoir, no mealltaireachd 's a' chùis air a bhràthair, do bhrìgh gur e 'n Tighearn a ni dìoghaltas air an uile leithidibh sin, a réir mar a dh'innis sinne mar an ceudna duibh roimh, agus a rinn sinn fianuis. Oir cha do ghairm Dia sinne gu neò-ghloine, ach gu naomhachd. Uime sin an neach a ni tàir, cha-n ann air duine tha e 'deanamh tàir, ach air Dia, a thug dhuinne a Spiorad naomh féin.

An Soisgeul. N. Mata xv. 21.

AIr dol do Iosa as a sin, chaidh e gu crìochaibh Thiruis agus Shidoin. Agus feuch, thàinig bean de mhuinntir Chanaain o na crìochaibh sin, agus ghlaodh i

ris, ag ràdh, Dean tròcair orm, a Thighearn', a Mhic Dhaibhidh, tha mo nighean air a buaireadh gu truagh le deamhan. Ach cha d'thug esan freagradh sam bith dhi. Agus thàinig a dheisciobuil d'a ionnsuidh agus dh'iarr iad air, ag ràdh, Cuir air falbh i, oir tha i a' glaodhaich 'n ar déigh. Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Cha do chuireadh mise, ach a chum chaorach chaillte thighe Israeil. An sin thàinig ise agus rinn i aoradh dha, ag ràdh, A Thighearna, cuidich leam. Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Cha chòir aran na cloinne a ghlacadh, agus a thilgeadh chum nan con. Agus thubhairt ise, Is fìor, a Thighearna; ach ithidh na coin de'n sbruileach a thuiteas o bhòrd am maighstirean. An sin fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, O bhean, is mòr do chreidimh: bitheadh e dhuit mar is toil leat. Agus rinneadh a nighean slàn o'n uair sin a mach.

An treas Dòmhnach anns a' Charmhas.

An Guidhe.

THa sinn a' guidhe ort, a Dhé Uile-chumhachdaich, amhairc air iarrtusaibh dùrachdach do sheirbhiseach ùmhal, agus sìn a mach deas làmh do mhòrachd, gu 'bhi 'n a dìon dhuinn 'an aghaidh ar naimhdean uile, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Ephes. v. 1.

UIme sin bithibh-se 'n 'ur luchd-leanmhuinn air Dia, mar chloinn ghràdhaich; agus gluaisibh ann an gràdh, eadhon mar a ghràdhaich Criosd sinne, agus a thug se e féin air ar son 'n a thabhartas agus 'n a ìobart deadh-fhàile do Dhia. Ach na bitheadh strìopachas, agus gach uile neòghloine, no sannt, uiread as air an ainmeachadh 'n 'ur measg, mar is cubhaidh do naoimh; no draosdachd, no còmhradh amaideach, no bao-shùgradh, nithean nach 'eil iomchuidh; ach gu ma fearr leibh breith-buidheachais. Oir tha fios agaibh air so, nach 'eil aig fear-strìopachais air bith, no aig neach neòghlan, no aig duine sanntach, a tha 'n a fhear-ìodhol-aoraidh, oighreachd ann an rìoghachd Chriosd, agus Dhé. Na mealladh neach air bith sibh le briathraibh dìomhain: oir air son nan nithean sin tha fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-eas-ùmhlachd. Na

bithibh-se uime sin 'n 'ur luchd-comhpairt riu; Oir bha sibh uair-éigin 'n 'ur dorchadas, ach a nis tha sibh 'n 'ur solus 's an Tighearn: gluaisibh mar chloinn an t-soluis; (oir tha toradh an spioraid anns an uile mhaitheas, agus ionracas, agus fhìrinn) a' dearbhadh ciod an ni a tha taitneach do'n Tighearn. Agus na bitheadh comh-chomunn agaibh ri oibribh neo-tharbhach an dorchadais, ach gu ma fearr leibh an cronachadh. Oir is gràineil eadhon r'an innseadh na nithean a tha air an deanamh leo ann an uaignidheas. Ach tha na h-uile nithean a tha air an cronachadh, air an deanamh follaiseach leis an t-solus: oir gach uile ni a ni soilleir, is solus e. Uime sin tha e ag ràdh, Mosgail thusa a tha a'd' chodal, agus éirich o na mairbh, agus bheir Criosd solus duit.

An Soisgeul. N. Luc. xi. 14.

BHa Iosa 'tilgeadh a mach deamhain, agus bha e balbh. Agus air dol do'n deamhan a mach, labhair am balbhan; agus ghabh an sluagh iongantas. Ach thubhairt cuid diubh, Is ann troimh Bheelsebub, ceannard nan deamhan, a tha e 'tilgeadh mach dheamhan. Agus dh'iarr dream eile dhiubh, 'g a dhearbhadh, comharadh air o nèamh. Ach air dhàsan an smuaintean a thuigsinn, thubhairt e riu, Gach rìoghachd a tha roinnte 'n a h-aghaidh féin, fàsaichear i; agus gach tigh a tha roinnte 'n a aghaidh féin, tuitidh e. Agus ma tha Sàtan mar an ceudna air a roinn 'n a aghaidh féin, cionnus a sheasas a rìoghachd? oir tha sibhse ag ràdh, gu bheil mise troimh Bheelsebub a' tilgeadh a mach dheamhan. Agus ma 's ann troimh Bheelsebub a tha mise a' tilgeadh mach dheamhan, cò e troimh am bheil 'ur clann-sa 'g an tilgeadh mach? uime sin bithidh iadsan 'n am breitheamhnaibh oirbh. Ach ma 's ann le mèur Dhé a tha mise a' tilgeadh a mach dheamhan, tha rìoghachd Dhé gun teagamh air teachd oirbhse. 'N uair a ghleidheas duine làidir fo armaibh a thalla féin, tha na bhuineas da ann an sìth; ach an uair a thig duine a's treise na e, agus a bheir e buaidh air, bheir e uaith 'armachd uile anns an robh a dhòigh, agus roinnidh e a chreach. An neach nach 'eil leam-sa, tha e a'm' aghaidh; agus an neach nach 'eil a' cruinneachadh leam-sa, sgapaidh e. 'N uair a théid an spiorad neòghlan à mach á duine, imichidh e troimh ionadaibh tiorma, ag iarraidh foise: agus an uair nach

faigh e sin, their e, Pillidh mi dh'ionnsuidh mo thighe as an d'thàinig mi. Agus air dha teachd, gheibh se e air a sguabadh agus air a dheanamh maiseach. An sin imichidh e, agus bheir e leis seachd spioraid eile a's miosa na e féin, agus air dhoibh dol a steach, gabhaidh iad còmhnuidh an sin; agus bithidh cor deireannach an duine sin na's miosa na a cheud chor. Agus an uair a bha e 'labhairt nan nithean so, thog bean àraidh de'n t-sluagh a guth, agus thubhairt i ris, Is beannaichte a' bhrù a ghiùlain thu, agus na cìochan a dheoghail thu. Ach thubhairt esan, Is mò gur beannaichte iadsan a dh'éisdeas ri focal Dhé agus a choimhideas e.

An ceathramh Dòmhnach anns a' Charmhas.

An Guidhe.

DEònaich, tha sinn a' guidhe ort, a Dhé Uile-chumhachdaich, ged a tha sinn air son ar droch ghnìomharan gu ceart a' toilltinn a bhi air ar smachdachadh, gu'm bi sinn gu tròcaireach air ar fuasgladh le comhfhurtachd do ghràis, trìd ar Tighearna agus ar Slànuidhir Iosa Criosd. *Amen.*

An Litir. Gal. iv. 21.

INnsibh dhomh, sibhse le'm miann a bhi fo 'n lagh, nach cluinn sibh an lagh? Oir tha e sgrìobhta, gu'n robh aig Abraham dithis mhac, aon ri banoglaich, agus am mac eile ri mnaoi shaoir. Agus esan a bh'aige ris a' bhanoglaich, ghineadh a réir na feòla e; ach esan a bh'aige ris a' mhnaoi shaoir tre ghealladh. Na nithean so is samhladh iad: oir is iad so an dà choimcheangal; aon diubh o bheinn Shinai, a tha a' breith chum daorsa, a's i Agar. Oir is i Agar beinn Shinai ann an Arabia, agus tha i a' comh-fhreagradh do Ierusalem a tha nis ann, agus tha i fo dhaorsa maille r'a cloinn. Ach tha an Ierusalem a tha shuas saor; agus is màthair dhuinn uile i. Oir tha e sgrìobhta, Dean gairdeachas a bhean neo-thorrach nach 'eil a' breith cloinne; bris a mach agus glaodh, thusa nach 'eil ri saothair: oir is lìonmhoire clann na mnà aonaranaich na na mnà aig am bheil fear. A nis, a bhràithre, is sinne, mar a bha Isaac, clann a' ghealladh. Ach mar a rinn esan a rugadh a réir na feòla, 's an àm sin geurleanmhuinn airsan a rugadh a réir an spioraid; is amhuil sin a tha nis mar an ceudna. Ach, ciod tha an sgriobtuir

ag ràdh? Tilg a mach a' bhanoglach agus a mac; oir cha bhi mac na banoglaich 'n a oighre maille ri mac na mnà saoire. Uime sin, a bhràithre, cha sinne clann na banoglaich, ach na mnà saoire.

An Soisgeul. N. Eoin vi. 1.

CHaidh Iosa thar muir Ghalile, no Thiberiais. Agus lean sluagh mòr e, a chionn gu'm fac iad a mhìorbhuilean a rinn e air an dream a bha euslan. Agus chaidh Iosa suas air beinn, agus shuidh e an sin maille r'a dheisciobluibh. Agus bha a' chàisg, féill nan Iudhach, am fagus. An sin an uair a thog Iosa suas a shùilean, agus a chunnaic e gu'n d'thàinig buidheann mhòr shluaigh d'a ionnsuidh, thubhairt e ri Philip, Cia an t-àit as an ceannaich sinn aran chum gu'n ith iad so? (Ach thubhairt e so 'g a dhearbhadh-san; oir bha fhios aige féin ciod a dheanadh e.) Fhreagair Philip e, Cha leoir dhoibh luach dhà cheud peghinn a dh'aran, chum gu'n gabhadh gach aon diubh beagan. Thubhairt aon d'a dheisciobluibh, Aindreas, bràthair Shimoin Pheadair, ris, Tha òganach an so, aig am bheil cùig builionnan eòrna, agus dà iasg bheag: ach ciod iad so am measg na h-uiread? Agus thubhairt Iosa, Thugaibh air na daoinibh suidhe sìos. A nis bha mòran feoir anns an àit. Air an aobhar sin shuidh na daoine sìos, 'an àireamh timchioll chùig mìle. Agus ghlac Iosa na builionnan, agus air tabhairt buidheachais da, roinn e air na deisciobluibh iad, agus na deisciobuil orrasan a shuidh: agus mar an ceudna de na h-iasgaibh beaga 'mheud as a b'àill leo. 'N uair a shàsuicheadh iad, thubhairt e r'a dheisciobluibh, Cruinnichibh am biadh briste a tha thuilleadh ann, chum nach caillear a' bheag. Air an aobhar sin chruinnich iad e r'a chéile, agus lìon iad dà chliabh dheug de sbruileach nan cùig builionnan eòrna, a bha dh'fhuigheall aig a' mhuinntir a dh'ith. An sin an uair a chunnaic na daoine sin am mìorbhuil a rinn Iosa, thubhairt iad, Gu fìrinneach is e so am fàidh a bha gu teachd chum an t-saoghail.

An cùigeamh Dòmhnach anns a' Charmhas.

An Guidhe.

THa sinn a' guidhe ort, a Dhé Uile-chumhachdaich, gu tròcaireach thu 'dh'amharc air do shluagh;

chum le d' mhòr mhaitheas gu'm bi iad air an riaghladh agus air an stiuradh gu sìorruidh tuilleadh, araon ann an corp agus ann an anam, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Eabh. ix. 11.

AIr teachd do Chriosd 'n a àrd-shagart nan nithean maithe a bha ri teachd, tre phàilliun a bu mhò agus a b' iomlaine, nach d'rinneadh le làmhan; sin r'a ràdh, nach robh de'n togail so; agus cha b'ann tre fhuil ghabhar agus laogh, ach tre 'fhuil féin a chaidh e steach aon uair do'n ionad naomh, air dha saorsa shìorruidh fhaotainn dhuinne. Oir ma ni fuil tharbh, agus ghabhar, agus luaithre aighe air a crathadh air an dream a bha neòghlan, an naomhachadh chum glanaidh na feòla; cia mòr a's mò 'ni fuil Chriosd, a thug e féin suas tre'n Spiorad shìorruidh gun lochd do Dhia, 'ur coguis-se 'ghlanadh o oibribh marbha chum seirbhis a dheanamh do'n Dia bheò? Agus air a shon so is esan Eadar-mheadhonair an tiomnaidh nuaidh, ionnus tre fhulangas a' bhàis, chum saorsa nan euceart a bha fo 'n cheud thiomnadh a chosnadh, gu'm faigheadh iadsan a tha air an gairm gealladh na h-oighreachd shìorruidh.

An Soisgeul. N. Eoin viii. 46.

THubhairt Iosa, Cò agaibhse 'chuireas peacadh as mo leth-sa? agus ma tha mi ag innseadh na firinn, c'ar son nach 'eil sibh ga m' chreidsinn? An ti a tha o Dhia, éisdidh e ri briathraibh Dhé; uime sin cha-n'eil sibhse ag éisdeachd, a chionn nach ann o Dhia a tha sibh. An sin fhreagair na h-Iudhaich, agus thubhairt iad ris, Nach maith a thubhairt sinn, gur Samaritanach thu, agus gu bheil deamhan agad? Fhreagair Iosa, Cha-n'eil deamhan agam; ach tha mi 'toirt urraim do m' Athair, agus tha sibhse 'toirt eas-urraim dhomh-sa. Agus cha-n'eil mi 'g iarraidh mo ghlòire féin; tha neach a tha 'g iarraidh agus a' toirt breth. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ruibh, Ma choimhideas neach m' fhocal-sa, cha-n fhaic e bàs am feasd. An sin thubhairt na h-Iudhaich ris, a nis tha fhios againn gu bheil deamhan agad. Fhuair Abraham bàs, agus na fàidhean; gidheadh tha thusa ag ràdh, Ma choimhideas duine m'fhocal-sa, cha bhlais e bàs am

feasd. Am mò thusa na ar n-athair Abraham, a fhuair bàs: agus fhuair na fàidhean bàs: cò a tha thu 'deanamh dhiot féin? Fhreagair Iosa, Ma tha mi 'toirt glòire dhomh féin, cha-n'eil ach neo-ni a'm' ghlòir; is e m' Athair a tha 'toirt glòire dhomh, neach a tha sibhse ag ràdh gur e 'ur Dia e; Gidheadh cha do ghabh sibh eòlas air; ach tha eòlas agam-sa air: agus nan abrainn, Nach aithne dhomh e, bhithinn cosmhuil ruibhse a'm' bhreugaire: ach is aithne dhomh e, agus tha mi 'coimhead 'fhocail. Bha déidh mhòr aig Abraham 'ur n-Athair-se air mo là-sa fhaicinn, agus chunnaic se e. agus rinn e gairdeachas. An sin thubhairt na h-Iudhaich ris, Cha-n'eil thu fathast leth-cheud bliadhna dh'aois, agus am faca tu Abraham? Thubhairt Iosa riu, Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ruibh, Mun robh Abraham ann, A ta mise. An sin thog iadsan clachan chum an tilgeadh air: ach dh'fholaich Iosa e féin, agus chaidh e mach as an teampull.

An Dòmhnach a's faisge roimh 'n Chàisg.

An Guidhe.

ADhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, le d' ghràdh caomh do 'n chinne-daoine, a chuir do Mhac, ar Slànuidhear Iosa Criosd, a ghabhail ar feòla air féin, agus a dh' fhulang bàis air a' chrann-cheusaidh, a chum gu'n leanadh an cinne-daoine uile eisimpleir a mhòr ùmhlachd-san; Gu tròcaireach deònaich, gu'n lean sinne araon eisimpleir 'fhoighidin, agus cuideachd gu'n deantar sinn 'n ar luchd-comhpairt d'a aiseirigh, trìd an ti cheudna Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

An Litir. Phil. ii. 5.

BItheadh an inntinn cheudna annaibhse, a bha ann an Iosa Criosd: neach air bhi dha ann an cruth Dhé, nach do mheas e 'n a reubainn e féin a bhi comh-ionnan ri Dia: ach chuir se e féin ann an dìmeas, a' gabhail air féin cruth seirbhisich, air a dheanamh ann an coslas dhaoine: Agus air dha 'bhi air 'fhaghail ann an cruth mar dhuine dh' irioslaich se e féin, agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh. Air an aobhar sin dh'àrdaich Dia e gu ro àrd mar an ceudna, agus thug e dha Ainm os ceann gach uile ainme; chum do Ainm Iosa gu'n

lùbadh gach glùn, de nithibh a tha air nèamh, agus de nithibh a tha air thalamh, agus de nithibh a tha fo 'n talamh; agus gu'n aidicheadh gach teangadh gur e Iosa Criosd an Tighearn, chum glòire Dhé an Athar.

An Soisgeul. N. Mata xxvii. 1.

AIr teachd do'n mhaduinn, ghabh uachdarain nan sagart uile agus seanairean a' phobuill, comhairle le 'chéile an aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs. Agus air dhoibh esan a cheangal, thug iad leo e, agus thug iad thairis e do Phontius Pilat an t-uachdaran. An sin an uair a chunnaic Iudas a bhrath e, gu'n do dhìteadh e, ghabh e aithreachas, agus thug e air an ais na deich buinn fhichead airgid do na h-àrd-shagartaibh agus do na seanairibh, ag ràdh, Pheacaich mi, ann am brath na fola neò-chiontaich. Ach thubhairt iadsan, Ciod e sin duinne? amhairc thusa air sin. Agus air tilgeadh uaith nam bonn airgid anns am teampull, dh' imich e roimhe, agus chaidh e agus chroch se e féin. Agus ghlac na h-àrd-shagairt na buinn airgid, agus thubhairt iad, Cha chòir an cur 's an ionmhas, oir is luach fola iad. Agus air gabhail comhairle dhoibh, cheannaich iad leo fearann a' chriadhadair chum a bhi 'n a àit-adhlaic do choigrich. Air an aobhar sin goirear de'n fhearann sin, Fearann na fola gus an là 'n diugh. (An sin choimhlionadh an ni a labhradh le Ieremias am fàidh, ag ràdh, Agus ghabh iad na deich buinn fhichead airgid, luach an ti a mheasadh, neach a mheas iadsan a bha de chloinn Israeil, agus thug siad iad air son fearainn a' chriadhadair, mar a dh' orduich an Tighearn dhomh sa). Agus sheas Iosa an làthair an uachdarain; agus dh' fhiosraich an t-uachdaran dheth, ag ràdh, An tusa Rìgh nan Iudhach? Agus thubhairt Iosa ris, Thubhairt thu. Agus an uair a chuir na h-àrd-shagairt agus na seanairean cionta as a leth, cha do fhreagair e ni sam bith. An sin thubhairt Pilat ris, Nach cluinn thu cia lìon nithean air am bheil iad a' toirt fianuis a' d' aghaidh? Agus cha d' thug e freagradh dha air aon fhocal; ionnus gu'n do ghabh an t-uachdaran iongantas ro mhòr. A nis ri àm na féille chleachd an t-uachdaran aon phrìosanach, a b' àill leo, 'chur fa sgaoil do'n phobull. Agus bha aca 's an àm sin prìosanach ro chomharraichte, d'am b' ainm Barabas. Air an aobhar

sin an uair a bha iad cruinn 'an ceann a chéile, thubhairt Pilat riu, Cò a's àill leibh mise a chur fa sgaoil duibh? Barabas, no Iosa, d' an goirear Criosd? Oir bha fhios aige gu'm b' ann o fharmad a thug iad thairis e. Agus an uair a bha e 'n a shuidhe air cathair a' bhreitheanais, chuir a bhean teachdaireachd d'a ionnsuidh, ag ràdh, Na bitheadh agad-sa gnothuch sam bith ris an fhìrean sin: oir is mòr a dh' fhulaing mise an diugh ann am bruadar, air a shon-san. Ach chuir na h-àrd-shagairt agus na seanairean impidh air a' phobull gu'n iarradh iad Barabas, agus gu'm milleadh iad Iosa. Agus fhreagair an t-uachdaran agus thubhairt e riu, Cò de'n dithis a's àill leibh mise a chur fa sgaoil duibh? Thubhairt iadsan, Barabas. Thubhairt Pilat riu, Ciod ma seadh a ni mi ri Iosa, d'an goirear Criosd? Thubhairt iad ris uile, Ceusar e. Agus thubhairt an t-uachdaran, C' ar son, ciod an t-olc a rinn e? ach is mò gu mòr a ghlaodh iadsan, ag ràdh, Ceusar e. Agus an uair a chunnaic Pilat nach do bhuadhaich e 'bheag sam bith, ach gu'n d'éirich an tuilleadh buaireis, ghabh e uisge, agus dh' ionnlaid e a làmhan 'am fianuis an t-sluaigh ag ràdh, Tha mise neò-chiontach de fhuil an fhìrein so: faicibh-sa sin. Agus fhreagair am pobull uile, agus thubhairt iad, Bitheadh 'fhuil oirnne, agus air ar cloinn. An sin leig e fa sgaoil Barabas dhoibh: ach air dha Iosa a sgiùrsadh, thug e thairis e chum a cheusadh. An sin thug saighdearan an uachdarain leo Iosa do thalla a' bhreitheanais, agus chruinnich iad a' bhuidheann uile m'a thimchioll. Agus air dhoibh a rùsgadh, chuir iad uime falluinn scarlaid. Agus air dhoibh crùn droighinn fhighteadh, chuir iad m'a cheann e, agus slat chuilce 'n a làimh dheis: agus lùb iad an glùn 'n a làthair, agus rinn iad fanoid air, ag ràdh, Gu'm beannaichear thu, a rìgh nan Iudhach. Agus thilg iad smugaid air, agus ghlac iad an t-slat chuilce, agus bhuail iad 's a' cheann e. Agus an déigh dhoibh fanoid a dheanamh air, thug iad an fhalluinn dheth, agus chuir iad 'eudach féin uime, agus thug iad leo e chum a cheusadh. Agus an uair a chaidh iad a mach, fhuair iad duine o Chirene, d'am b'ainm Simon: esan dh' éignich iad gu a chrann-ceusaidh-san a ghiùlan. Agus an uair a thàinig iad gu ionad d'an ainm Golgota, sin r'a ràdh, àite-claiginn, thug iad dha r'a òl fion geur, measgta le domblas: agus air dha a bhlasadh, cha-n òladh se e. Agus

an uair a cheus iad e, roinn iad a thrusgan eatorra, a' tilgeadh crannchuir: chum gu'n coimhliontadh an ni, a labhradh leis an fhàidh, Roinn iad m' eudach eatorra, agus chuir iad crannchur air mo bhrat. Agus shuidh iad, agus rinn iad faire air an sin; agus chuir iad a' chùis-dhìtidh sgrìobhta os a cheann, IS E SO IOSA RIGH NAN IUDHACH. An sin cheusadh maille ris dà ghaduiche: fear air a làimh dheis, agus fear eile air a làimh chlì. Agus thug iadsan a bha 'dol seachad, toibheum da, a' crathadh an ceann, agus ag ràdh, Thusa a leagas an teampull, agus a chuireas suas 'an tri làithibh e, fòir ort féin: ma's tu Mac Dhé, thig a nuas o'n chrann-cheusaidh. Mar an ceudna thubhairt na h-àrd-shagairt, maille ris na Sgrìobhaichibh, agus na seanairibh, a' fanoid air, Shaor e daoine eile, e féin a shaoradh cha-n-'eil e comasach: ma's e Rìgh Israeil, thigeadh e nis a nuas o'n chrann-cheusaidh, agus creididh sinn e. Chuir e a dhòigh ann an Dia: saoradh e a nis e, ma tha toil aige dha: oir thubhairt e, Is mise Mac Dhé. Agus thug na Gaduichean, a cheusadh maille ris, am beum ceudna dha. A nis o'n t-seathamh uair bha dorchadas air an tìr uile, gus an naothamh uair. Agus mu thimchioll na naothamh uaire dh'éigh Iosa le guth àrd, ag ràdh, *Eli, eli, lama sabachtani?* is e sin r'a ràdh, Mo Dhia, mo Dhia, c' ar son a thréig thu mi? Agus air cluinntinn sin do chuid diubhsan a bha 'n an seasamh an sin, thubhairt iad, Tha am fear so a' glaodhaich air Elias. Agus air ball ruith a h-aon diubh, agus ghabh e spong, agus lìon e a dh' fhìon geur i, agus air dha a cur air slait chuilce, thug e dha r'a òl. Ach thubhairt càch, Leig dha, faiceamaid an tig Elias g'a thèarnadh. Agus an uair a dh' éigh Iosa a rìs le glaodh mòr, thug e suas a spiorad. Agus feuch, reubadh brat-roinn an teampuill 'n a dhà chuid o mhullach gu ìochdar, agus chriothnuich an talamh, agus sgoilteadh na creagan, agus dh' fhosgladh na h-uaighean, agus dh' éirich mòran de chuirp nan naomh, a bha 'n an codal, agus chaidh iad a mach as na h-uaighibh, an déigh 'aiseirigh-san, agus chaidh iad a steach do 'n bhaile naomh, agus nochdadh iad do mhòran. A nis an uair a chunnaic an ceannard-ceud, agus iadsan a bha maille ris a' coimhead Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithean eile a rinneadh, ghabh iad eagal mòr, ag ràdh, Gu firinneach b'e so mac Dhé.

Di-luain roimh 'n Chàisg.

Air son na Litreach. Isai. lxiii. 1.

CO so a tha 'teachd o Edom, le culaidh dhaithte o Bhosrah? e so a tha sgiamhach 'n a éideadh, a' siubhal ann am mòrachd a neirt? Mise a tha 'labhairt ann am fìreantachd, cumhachdach gu tèarnadh. C' ar son a tha d' éideadh dearg, agus d' fhalluing mar neach a' saltairt an amair-fhìona? Shaltair mi an t-amar a' m' aonar, agus de na slòigh cha robh aon neach maille rium: oir shaltair mi orra ann am fheirg, agus phronn mi iad ann am chorruich, agus chrathadh am fuil air mo chulaidh, agus tharruing mi sal air m' éideadh uile. Oir bha là an dìoghaltais ann am chridhe, agus bha bliadhna mo mhuinntir shaorta air teachd. Agus dh' amhairc mi agus cha robh fear-cuideachaidh ann; agus b' ioghnadh leam nach robh fear-taice ann: uime sin dh' oibrich mo ghairdean féin slàinte dhomh, agus chum mo chorruich féin taic rium. Agus shaltair mi sìos na slòigh ann am fheirg, agus chuir mi air mhisg iad ann am chorruich, agus thug mi sìos an neart chum an làir. Tròcairean an Tighearn' aithrisidh mi, agus cliu an Tighearn', a réir gach ni a bhuilich an Tighearn oirnn, agus meud a mhaitheis do thigh Israeil, a dheònaich e dhoibh, a réir a chaoimhneis, agus a réir lìonmhoireachd a thròcairean. Oir thubhairt e, Gu deimhin is iad mo shluagh, clann nach dean breug: agus bha e 'n a Shlànuidhear dhoibh. 'N an uile àmhghar, bha esan fo àmhghar, agus rinn aingeal a làthaireachd an tèarnadh: 'n a ghràdh, agus 'n a iochd rinn e féin an saoradh, agus dh' iomchair e iad, agus ghiùlain e iad, ré nan uile làithean o shean. Ach rinn iadsan ceannairc, agus chuir iad doilghios air a Spiorad naomh, air chor as gu'n d' fhàs e 'n a nàmhaid doibh, agus chog e féin 'n an aghaidh. An sin chuimhnich e na làithean o shean, Maois, agus a shluagh, ag ràdh, Cia esan a thug a nìos iad o'n fhairge, le buachaille a threud? Cia esan a chuir a spiorad naomh 'an taobh a stigh dheth? a stiùir iad aig deas làimh Mhaois, le a ghairdean glòrmhor, a' sgoltadh nan uisgeachan roimhe, a dheanamh Ainme shìorruidh dha féin? 'G an stiùradh troimh an doimhne, mar each anns an fhàsach, ionnus nach tuislicheadh iad? mar a théid an spréidh sìos do'n ghleann, thug spiorad an Tigh-

earn' orra fois a ghabhail: mar sin threòraich thu do shluagh a dheanamh Ainme ghlòrmhòir dhuit féin. Seall a nuas o nèamh, agus faic o d' ionad-còmhnuidh naomh agus glòrmhor: c' àit am bheil d' eud, agus do neart, lìonmhoireachd do thròcairean, agus do thruas dhiom? am bheil iad air an cumail air an ais? Gu deimhin is tusa ar n-Athair, ged nach aithne do Abraham sinn, agus nach 'eil Israeil a' gabhail ruinn: is tusa, a Thighearn', ar n-Athair, ar fear-saoraidh, tha d' Ainm o shìorruidheachd. C' ar son, a Thighearn', a thug thu oirnn dol air seacharan o d' shlighibh, agus a chruaidhich thu ar cridhe o d' eagal? Pill air sgàth do sheirbhiseach, treubhan d' oighreachd féin. Is beag an ùine a shealbhaich do shluagh naomh: shaltair ar naimhdean sìos do naomh-ionad. Bu leat sinne riamh, cha robh thu a' riaghladh os an ceann-san; cha robh iad air an gairm air d' Ainm.

An Soisgeul. N. Marc. xiv. 1.

BHa a' chàisg, agus féill an arain neò-ghoirtichte an déigh dà là: agus dh' iarr na h-àrd-shagairt agus na Sgrìobhaichean cionnus a ghlacadh iad esan le foill, agus a chuireadh iad gu bàs e. Ach thubhairt iad, Cha-n ann air an fhéill, air eagal gu'n éirich buaireas 'am measg an t-sluaigh. Agus air dha 'bhi ann am Betani, ann an tigh Shimoin an lobhair, an uair a bha e 'n a shuidhe aig bòrd, thàinig bean, aig an robh bocsa alabastair a dh' olaidh spicnaird, ro luachmhoir, agus bhris i am bocsa, agus dhòirt i air a cheann e. Agus bha cuid diubh diombach annta féin, agus ag ràdh, C' ar son a rinneadh an t-anacaitheadh so air an olaidh? Oir dh' fheudadh i 'bhi air a reic air son tuilleadh na tri cheud peghinn, agus air a toirt do na bochdaibh: agus rinn iad gearan 'n a h-aghaidh. Ach thubhairt Iosa, Leigibh leatha, c' ar son a tha sibh a' cur dragha oirre? rinn i obair mhaith ormsa. Oir tha na bochdan a ghnàth maille ruibh, agus ge b'e uair is àill leibh, feudaidh sibh maith a dheanamh dhoibh: ach cha-n 'eil mise a ghnàth agaibh. Rinn i na dh' fheudadh i: thàinig i roimh-làimh a dh' ungadh mo chuirp chum adhlaic. Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, Ge b'e earrann air bith air feadh an domhain uile anns am bi an soisgeul so air a shearmonachadh, bithidh mar an ceudna an ni so a rinn i air 'innseadh, mar chuimhne oirre. Agus dh'imich

Iudas Iscariot, aon de'n dà fhear dheug, chum nan àrd-shagart, gu esan a bhrath dhoibh. Agus 'n uair a chual' iadsan so, bha iad aoibhneach, agus gheall iad airgiod a thoirt da. Agus dh' iarr e cionnus a dh' fheudadh e gu h-iomchuidh esan a bhrath. Agus air a' cheud là de fhéill an arain neo-ghoirtichte, an uair bu ghnàth leo an t-uancàisge a mharbhadh, thubhairt a dheisciobuil ris, C' àit an toil leat sinne dhol a dh' ullachadh, chum gu'n itheadh tu a' chàisg? Agus chuir e dithis d'a dheisciobluibh, agus thubhairt e riu, Rachaibh a steach do 'n bhaile, agus coinnichidh duine sibh a' giulan soithich uisge: leanaibh e. Agus ge b'e àit an téid e stigh, abraibh-se ri fear-an-tighe, Tha am maighstir ag ràdh, C' àit am bheil an seòmar aoidheachd, anns an ith mi a' chàisg maille ri m' dheisciobluibh? Agus nochdaidh esan dhuibh seòmar àrd, farsuinn, 'n a làn uidheam, agus deasaichte, an sin ulluichibh dhuinn. Agus chaidh a dheisciobuil a mach, agus thàinig iad do 'n bhaile, agus fhuair iad mar thubhairt e riu: agus dh' ulluich iad a' chàisg. Agus air teachd do'n fheasgar thàinig esan maille ris an dà fhear dheug. Agus an uair a bha iad 'n an suidhe, agus ag itheadh, thubhairt Iosa, Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, gu'm brath aon agaibh-se, a tha 'g itheadh maille rium, mise. Agus thòisich iad air a bhi dubhach, agus air a ràdh ris an déigh a chéile, Am mise e? agus fear eile, Am mise e? Agus air freagairt dhàsan thubhairt e riu, Is fear de'n dà fhear dheug e a tha 'tumadh maille riumsa 's a mhèis. Tha Mac an duine gu deimhin ag imeachd, mar tha e sgrìobhta uime: ach is an-aoibhinn do'n fhear sin le 'm brathar Mac an duine: bu mhaith do'n duine sin mur beirteadh riamh e. Agus ag itheadh dhoibh, ghlac Iosa aran, agus an déigh a bheannachadh, bhris e, agus thug e dhoibhsan e, agus thubhairt e, Gabhaibh, ithibh: Is e so mo chorp-sa. Agus air glacadh a' chupain, agus air tabhairt buidheachais, thug e dhoibhsan e: agus dh' òl iad uile as. Agus thubhairt e riu, Is i so m' fhuil-sa an tiomnaidh nuaidh, a dhòirtear air son mhòran. Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, Nach òl mi na 's mò de thoradh na fionain, gus an là sin 's an òl mi nuadh e ann an rìoghachd Dhé. Agus air dhoibh laoidh a sheinn, chaidh iad a mach gu sliabh nan Crann-olaidh. Agus thubhairt Iosa riu, Gheibh sibh uile oilbheum annam-sa

an nochd : oir tha e sgrìobhta, Buailidh mi am buachaill, agus sgapar na caoraich. Ach an déigh dhomh éirigh, théid mi roimhibh do Ghalile. Ach thubhairt Peadar ris, Ged fhaigh iadsan uile oilbheum annad, gidheadh cha-n fhaigh mise e. Agus thubhairt Iosa ris ; Gu deimhin tha mi ag ràdh riut, an diugh, air an oidhche so féin, mu 'n goir an coileach dà uair, gu'n àicheadh thusa mi tri uairean. Ach is ro mhòid a thubhairt esan, Ged is éigin domh am bàs fhulang maille riut, cha-n àicheadh mi chaoidh thu. Agus mar sin thubhairt càch uile mar an ceudna. Agus thàinig iad gu ionad d' am b' ainm Getsemane, agus thubhairt e r'a dheisciobluibh, Suidhibh-se an so, gus an dean mise urnuigh. Agus thug e leis Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus thòisich e air a bhi fo uamh-chrith, agus fo anabarra bròin, agus thubhairt e riu, Tha m' anam ro bhrònach, eadhon gu bàs ; fanaibh-se an so, agus deanaibh faire. Agus chaidh e beagan air aghaidh, agus thuit e air an talamh, agus rinn e urnuigh, nam bu chomasach e gu'n rachadh an uair thairis air. Agus thubhairt e, Abba, athair ; Tha gach ni so-dheanamh dhuitse ; cuir an cupan so seachad orm : gidheadh, na b'e an ni a b'àill leamsa, ach an ni a's toil leatsa. Agus thàinig e agus fhuair e iadsan 'n an codal, agus thubhairt e ri Peadar, A Shimoin, am bheil thu a' d' chodal ? nach b' urrainn thu faire a dheanamh aon uair ? Deanaibh faire agus urnuigh, chum nach tuit sibh ann am buaireadh : tha an spiorad gu deimhin togarrach, ach tha an fheòil anmhunn. Agus air dha imeachd a rìs, rinn e urnuigh, ag ràdh nam briathran ceudna. Agus an uair a phill e, fhuair e iad a rìs 'n an codal, (oir bha 'n sùilean trom) agus cha robh fhios aca cionnus a bheireadh iad freagradh air. Agus thàinig e an treas uair, agus thubhairt e riu, Coidlibh roimhibh a nis, agus gabhaibh fois : is leoir e, thàinig an uair ; Feuch tha Mac an duine air a bhrath thairis do làmhan nam peacach. Eiribh, imicheamaid ; feuch, tha an ti a bhrathas mise am fagus. Agus air ball, air dha 'bhi fathast a' labhairt, thàinig Iudas, aon de 'n dà fhear dheug, agus sluagh mòr maille ris le claidhibh, agus bataichibh, o na h-àrd-Shagartaibh, agus na Sgrìobhaichibh, agus na Seanairibh. Agus bha an ti a bhrath esan, air toirt comharaidh dhoibh, ag ràdh, Ge b'e neach d'an toir mise pòg, is e sin e ; glacaibh e, agus

thugaibh leibh e gu tèaruinte. Agus air teachd dha, chaidh e air ball d'a ionnsuidh-san, agus thubhairt e, Fàilte dhuit, a mhaighstir, agus phòg se e. Agus chuir iadsan làmh ann, agus ghlac iad e. Agus air tarruing claidheimh do fhear de na bha làthair, bhuail e òglach an àrd-Shagairt, agus ghearr e a chluas deth. Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, An d' thàinig sibh a mach gu mo ghlacadh-sa, mar gu'm b' ann an aghaidh fir-reubainn, le claidhibh agus le bataichibh ? Bha mi gach là maille ruibh 's an teampull, a' teagasg, agus cha do ghlac sibh mi : ach tha so chum gu'm bitheadh na Sgriobtuirean air an coimhlionadh. Agus air do na h-uile a thréigsinn, theich iad. Agus lean òganach àraidh e aig an robh lìon-eudach air a chur m'a chorp lomnochd, agus rug na h-òganaich air. Ach air dhàsan an lìon-eudach fhàgail, theich e lomnochd uatha. Agus thug iad leo Iosa chum an àrd-Shagairt, agus chruinnicheadh maille ris na h-àrd-Shagairt uile, agus na Seanairean, agus na Sgrìobhaichean ; agus lean Peadar e fada uatha, gus an deachaidh e steach do thalla an àrd-Shagairt : agus bha e 'n a shuidhe maille ris na seirbhisich, agus 'g a gharadh ris an teine ; agus dh' iarr na h-àrd-Shagairt, agus a' chomhairle uile fianuis an aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs, agus cha d' fhuair iad. Oir rinn mòran dhaoine fianuis bhréige 'n a aghaidh, ach cho do chòird am fianuis r'a chéile. Agus dh' éirich dream àraidh, agus thug iad fianuis bhréige 'n a aghaidh, ag ràdh, Chuala sinne e ag ràdh, Leagaidh mi sìos an teampull so a rinneadh le làmhan, agus ann an tri làithibh, togaidh mi teampull eile nach d' rinneadh le lamhan. Agus mar sin féin cha robh am fianuis a' teachd r'a chéile. Agus air éirigh suas do'n àrd-Shagart 's a' mheadhon, chuir e ceisd air Iosa, ag ràdh, Nach toir thu freagradh air bith uait ? ciod sin mu bheil iad so a' toirt fianuis a' d' aghaidh ? Ach dh' fhan esan 'n a thosd, agus cha do fhreagair e ni sam bith. A rìs dh' fheòraich an t-àrd-Shagart deth, agus thubhairt e ris, An tu Criosd, Mac an Ti bheannaichte ? Agus thubhairt Iosa, Is mi ; agus chi sibh Mac an duine 'n a shuidhe air deas làimh cumhachd Dhé, agus a' teachd le neulaibh nèimh. An sin reub an t-àrd-shagart 'eudach, agus thubhairt e, Ciod am feum a tha againn tuilleadh air fianuisibh ? chuala sibh an toibheum : ciod i 'ur barail-se ? Agus thug iad uile breth

'n a aghaidh gu'n do thoill e am bàs. Agus thòisich cuid diubh air smugaid a thilgeadh air, agus 'aghaidh fholach, agus a bhualadh le 'n dornaibh, agus a ràdh ris, Dean fàidheadaireachd; agus ghabh na seirbhisich le 'm basaibh air. Agus air do Pheadar a bhi shìos anns an talla, thàinig aon de bhànoglaich an àrd-shagairt; agus an uair a chunnaic i Peadar 'g a gharadh, agus air dhi beachd-achadh air, thubhairt i ris, Bha thusa cuideachd maille ri Iosa o Nasaret. Ach dh' àicheadh esan, ag ràdh, Cha-n aithne dhomh, agus cha-n 'eil mi 'tuigsinn ciod a tha thu 'g ràdh. Agus chaidh esan a mach do'n fhor-dhorus, agus ghoir an coileach. Agus air do bhanoglaich fhaicinn a rìs, thòisich i air a ràdh riu-san a bha 'n an seasamh a làthair, Is ann diubh a tha 'm fear so. Agus dh' àicheadh e rìs. Agus an ceann beagan ùine 'n a dhéigh sin, thubh-airt iadsan a bha 'n an seasamh a làthair a rìs ri Peadar, Gu firinneach is ann diubh sud thu; oir is Galiléach thu, agus is cosmhuil do chainnt riu. Ach thòisich esan air mallachadh agus air mionnachadh, ag ràdh, Cha-n aithne dhomh an duine so mu 'm bheil sibh a' labhairt. Agus ghoir an coileach an dara uair. Agus chuimhnich Peadar am focal a thubhairt Iosa ris, Mu 'n goir an coileach dà uair, àicheadhaidh tu mi tri uairean. Agus an uair a smuainich e air, ghuil e.

Di-mairt roimh 'n Chàisg.

Air son na Litreach. Isai. l. 5.

DH' fhosgail an Tighearn Iehobhah mo chluas, agus cha robh mi ceannaircach, ni mò thionndaidh mi air m' ais. Thug mi mo dhruim do'n luchd-bualaidh, agus mo ghialan dhoibhsan a spìon an fheusag: cha d' fholuich mi mo ghnùis o nàire agus o shile. Oir is e an Tighearn Iehobhah m' fhear-cuideachaidh, air an aobhar sin cha chuirear mi gu h-amhluadh: uime sin shuidhich mi mo ghnùis mar chloich-theine, agus tha fios agam nach nàraichear mi. Tha esan am fagus a dh' fhìreanaicheas mi, cò esan a ni strì rium? Seasamaid a mach le 'chéile; cò e m' eascaraid? thigeadh e dlùth a' m' chòdhail. Feuch, is e an Tighearn Iehobhah m' fhear-cuideachaidh; cò a dhìteas mi? Feuch, fàsaidh iad uile sean mar thrusgan: ithidh an leòmann suas iad. Cò e 'n 'ur measg air am bheil eagal an Tighearn', a tha 'g éisdeachd ri guth

a sheirbhisich, a tha 'siubhal ann an dorchadas, agus aig nach 'eil solus? earbadh e as Ainm an Tighearn', agus leigeadh e a thaice r'a Dhia. Feuch, sibhse uile a tha 'fadadh teine, a tha 'g 'ur cuairteachedh féin le sradaibh; siubhlaibh ann an solus 'ur teine, agus nan sradan a las sibh. So gheibh sibh o m' làimh-sa, luidhidh sibh sìos ann an doilghios.

An Soisgeul. N. Marc. xv. 1.

AGus air ball 's a' mhaduinn, chum na h-àrd-shagairt maille ris na seanairibh agus na sgrìobhaichibh, agus a' chomhairle gu h-iomlan, comhairle, agus air dhoibh Iosa a cheangal, thug iad leo e, agus thug iad thairis e do Philat. Agus dh' fheòraich Pilat deth, An tusa rìgh nan Iudhach? Agus air freagairt dha, thubhairt e ris, Thubhairt thu e. Agus chuir na h-àrd-shagairt mòran de nithibh as a leth: ach cha do fhreagair esan aon ni. Agus chuir Pilat a rìs ceisd air, ag ràdh, Nach freagair thu ni sam bith? feuch cia lìon ni air am bheil iad sin a' toirt fianuis a' d' aghaidh. Ach cha do fhreagair Iosa ni sam bith tuilleadh: air chor as gu'n do ghabh Pilat iongantas. A nis air an fhéill bu ghnàth leis aon phrìos-anach, ge b'e air bith a dh' iarradh iad, a leigeadh as doibh. Agus bha neach àraidh d'am b' ainm Barabas, ceangailte maille r'a chompanaich-ceannairce, muinntir a bha air deanamh mortaidh anns a' cheannairc. Agus air glaodhaich gu h-àrd do'n t-sluagh, thòisich iad air iarraidh air a dheanamh dhoibh mar a rinn e 'an còmhnuidh. Ach fhreagair Pilat iad, ag ràdh, An àill leibh gu'n cuir mi rìgh nan Iudhach fa sgaoil duibh? (Oir bha fhios aige gu'm b' ann troimh fharmad a thug na h-àrd-shagairt thairis e). Ach bhrosnuich na h-àrd-shagairt an sluagh, chum gu'm b' fhearr leo Barabas a chur fa sgaoil doibh. Agus fhreagair Pilat, agus thubhairt e riu a rìs, Ciod ma seadh a's àill leibh mi a dheanamh ris an duine sin d' an goir sibh rìgh nan Iudhach? agus ghlaodh iad a rìs, Ceus e. An sin thubhairt Pilat riu, C' ar son, ciod e 'n t-olc a rinn e? ach bu ro mhòid a ghlaodh iadsan, Ceus e Agus air do Philat a bhi toileach gnìomh taitneach a dheanamh do'n t-sluagh, dh' fhuasgail e Barabas dhoibh, agus thug e thairis Iosa, an déigh dha a sgiùrsadh, chum a cheusadh. Agus thug na saighdearan leo e steach do'n talla,

eadhon Cuirt an uachdarain; agus ghairm iad a' chuideachd uile 'an ceann a chéile. Agus chuir iad uime eudach purpuir, agus air dhoibh coron droighinn fhigheadh, chuir iad air e. Agus thòisich iad air beannachadh dha, ag ràdh, Fàilte dhuit a rìgh nan Iudhach. Agus bhuail iad 's a' cheann e le slait chuilce, agus thilg iad smugaid air, agus a' lùbadh an glùin, rinn iad aoradh dha. Agus an déigh dhoibh fanoid a dheanamh air, thug iad deth an t-eudach purpuir, agus chuir iad 'eudach féin uime, agus thug iad a mach e chum gu'n ceusadh iad e. Agus dh' éignich iad duine àraidh a bha 'dol seachad, Simon o Chirene, athair Alecsandeir agus Rufuis, a bha 'teachd as a' mhachair, chum a chrann-ceusaidh a ghiulan. Agus thug iad e gu ionad d' am b' ainm Golgota, is e sin, air eadar-theangachadh, àite claiginn. Agus thug iad da r'a òl, fion air a mheasgadh le mirr; ach cha do ghabh esan e. Agus an uair a cheus iad e, roinn iad a thrusgan, a' tilgeadh croinn air, ciod a' chuid a bhitheadh aig gach duine dheth. Agus bha 'n treas uair ann, agus cheus iad e. Agus bha sgrìobhadh a chùise-dìtidh air a sgrìobhadh os a cheann, RIGH NAN IUDHACH. Agus cheus iad maille ris dà ghaduiche, fear air a làimh dheis, agus fear air a làimh chlì. An sin choimhlionadh an Sgriobtuir, a thubhairt, Agus bha e air 'àireamh am measg nan ciontach. Agus thug iadsan a bha 'dol seachad anacainnt da, a' crathadh an ceann, agus ag ràdh, O thusa a leagas an teampull, agus a thogas e ann an tri làithibh, fòir ort féin, agus thig a nuas o'n chrann-cheusaidh. Agus mar an ceudna thubhairt na h-àrd-shagairt, agus na sgrìobhaichean r'a chéile, a' fanoid air, Shaor e daoine eile, cha-n 'eil e comasach air e féin a shaoradh. Thigeadh a nis Criosd rìgh Israeil a nuas o'n chrann-cheusaidh, chum gu'm faic agus gu'n creid sinn. Agus thug iadsan a chaidh a cheusadh maille ris, anacainnt da. Agus an uair a thàinig an seathamh uair, bha dorchadas air an talamh uile, gu ruig an naothamh uair. Agus air an naothamh uair dh' éigh Iosa le guth àrd, ag ràdh, *Eloi, Eloi, lama sabachtani?* is e sin, air eadar-theangachadh, Mo Dhia, mo Dhia, c'ar son a thréig thu mi? Agus air cluinntinn sin do chuid diubh-san a bha 'n an seasamh a làthair, thubhairt iad, Feuch, tha e a' gairm Eliais. Agus ruith fear dhiubh, agus air dha spòng a lìonadh a dh' fhìon geur, agus a

cur air slait chuilce, thug e deoch dha, ag ràdh, Leigibh leis; faiceamaid an tig Elias g'a thoirt a nuas. Agus air do Iosa éigheach le guth àrd, thug e suas an deò. Agus bha brat-roinn an teampuill air a reubadh 'n a dhà chuid o mhullach gu ìochdar. Agus an uair a chunnaic an ceannard-ceud, a bha 'n a sheasamh fa chomhair, gu'n d' thug e suas an deò, a' glaodhaich mar sin, thubhairt e, Gu fìrinneach b'e 'n duine so Mac Dhé.

Di-ciaduin roimh 'n Chàisg.

An Litir. Eabh. ix. 16.

FAr am bheil tiomnadh, is éigin bàs an tiomnaidhfhir a bhi ann mar an ceudna: oir tha tiomnadh daingean an déigh bàis dhaoine; ach cha-n 'eil brìgh sam bith ann am feadh a tha 'n tiomnaidh-fhear beò. A réir sin, ni mò bha 'n ceud thiomnadh air a choisreagadh as eugmhais fola: Oir an uair a labhradh gach uile àithne 'réir an lagha ris an t-sluagh uile le Maois, air dha fuil laogh, agus ghabhar a ghabhail, maille ri uisge agus olainn scarlaid, agus hìosop, chrath e iad araon air an leabhar agus air an t-sluagh uile, ag ràdh, 'S i so fuil an tiomnaidh, a dh' àithn Dia dhuibh. Os bàrr, chrath e mar an ceudna an fhuil air a' phàilliun, agus air soithichibh na naomh-sheirbhis uile. Agus is beag nach 'eil na h-uile nithean air an glanadh le fuil a réir an lagha; agus as eugmhais dòrtadh fola cha-n 'eil maitheanas r'a fhaotainn. B' fheumail uime sin gu'm bitheadh samhlaidhean nan nithean a tha 's na nèamhan air an glanadh leo so; ach na nithean nèamhaidh féin le ìobairtibh a b' fhearr na iad so. Oir cha deachaidh Criosd a steach do na h-ionadaibh naomha làmh-dheanta, nithean a tha 'n an samhladh air an fhìor ionad, ach do nèamh féin, chum a nis e féin a nochdadh ann am fianuis Dhé air ar son-ne; no fòs chum e féin ìobradh gu minic, mar a théid an t-àrd-shagart gach bliadhna steach do'n ionad naomh le fuil nach leis féin: oir mar sin b' éigin gu'm fulaingeadh e gu minic o thoiseach an t-saoghail; ach a nis dh' fhoillsicheadh e aon uair ann an deireadh an t-saoghail, chum peacadh a chur air cùl trìd e féin ìobradh. Agus amhuil a tha e air orduchadh do dhaoinibh bàs fhaotainn aon uair, ach 'n a dhéigh so breitheanas: mar sin thugadh Criosd suas aon uair a thoirt air falbh peacaidhean mhòran; ach an dara uair

as eugmhais peacaidh foillsichear e, dhoibh-san aig am bheil sùil ris, chum slàinte.

An Soisgeul. N. Luc. xxii. 1.

ANis dhruid riu féill an arain neo-ghoirtichte, d' an goirear a' chàisg. Agus bha na h-àrd-Shagairt, agus na Sgrìobhaichean ag iarraidh cionnus a dh'fheudadh iad esan a chur gu bàs; oir bha eagal an t-sluaigh orra. An sin chaidh Sàtan ann an Iudas d'an co-ainm Iscariot, a bha a dh' àireamh an dà fhir dheug. Agus dh' imich e, agus labhair e ris na h-àrd-Shagartaibh, agus ri ceannardaibh an teampuill, cionnus a bhrathadh e esan doibh. Agus bha iad toilichte, agus rinn iad coimhcheangal airgiod a thoirt da. Agus gheall esan, agus dh' iarr e àm iomchuidh air a bhrath dhoibh, gun an sluagh a bhi làthair. An sin thàinig là an àrain neo-ghoirtichte, anns am b' éigin an t-uan-càisge a mharbhadh. Agus chuir e uaith Peadar agus Eoin, ag ràdh, Imichibh agus ulluichibh dhuinn a' chàisg, chum gu'n ith sinn i. Agus thubhairt iadsan ris, C' àit an àill leat sinn a dh' ullachadh? Agus thubhairt e riu, Feuch, air dhuibh dol a steach do'n bhaile, tacharaidh oirbh duine, a' giùlan soithich uisge, leanaibh e do'n tigh anns an téid e steach. Agus abraibh ri fear an tighe, Tha am maighstir ag ràdh riut, C' àit am bheil an seòmar aoidheachd, anns an ith mi a' chàisg maille ri mo dheisciobluibh? Agus feuchaidh e dhuibh àrd-sheòmar farsuinn uidhimichte; ulluichibh an sin. Agus dh' imich iad, agus fhuair iad mar a thubhairt e riu: agus dh' ulluich iad a' chàisg. Agus an tràth 'thàinig an uair, shuidh e sìos, agus an dà Abstol dheug maille ris. Agus thubhairt e riu, le mòr-thogradh mhiannaich mi a' chàisg so itheadh maille ruibh roimh dhomh fulang. Oir tha mi ag ràdh ruibh nach ith mi dhi tuilleadh, gus an coimhlionar i ann an rìoghachd Dhé. Agus ghlac e cupan, agus air dha buidheachas a thabhairt, thubhairt e, Gabhaibh so, agus roinnibh eadaraibh féin e. Oir tha mi ag ràdh ruibh, nach òl mi de thoradh na fìonain, gus an tig rìoghachd Dhé. Agus ghlac e aran, agus an déigh buidheachas a thabhairt, bhris e, agus thug e dhoibh-san e, ag ràdh, Is e so mo chorp-sa, 'tha air a thoirt air 'ur son-se, deanaibh so mar chuimhneachan ormsa. Agus mar an ceudna an cupan an déigh na suipeir, ag ràdh, Is e an cupan so an tiomnadh nuadh

ann am fhuil-sa, a dhòirteadh air 'ur son-se. Ach feuch, làmh an ti a bhrathas mise, maille rium air a' bhòrd. Agus gu firinneach tha Mac an duine ag imeachd a réir mar a dh' orduicheadh: ach is an-aoibhinn do'n duine sin, leis am brathar e. Agus thòisich iadsan air fiosrachadh eatorra féin, cò aca 'bha gus an ni so a dheanamh. Agus bha mar an ceudna coimhstri eatorra, cò aca bu mhò a bhitheadh. Ach thubhairt esan riu, Tha aig rìghribh nan Cinneach tighearnas orra, agus goirear daoine fialaidh dhiubh-san, aig am bheil ùghdarras orra. Ach na bithibh-se mar sin; ach an neach a's mò 'n 'ur measg, bitheadh e mar an neach a's òige; agus an ti a's àirde, mar esan a tha ri frithealadh. Oir cò aca a's mò, an ti a shuidheas air bòrd, no esan a fhritheileas? nach e 'n ti a shuidheas? Ach tha mise 'n 'ur measg-se, mar fhear-frithealaidh. Is sibhse iadsan a dh' fhan maille riumsa ann am dheuchainnibh. Agus tha mise ag orduchadh dhuibh rìoghachd, mar a dh' orduich m' athair dhomh-sa; chum gu'n ith agus gu'n òl sibh aig mo bhòrd-sa ann am rìoghachd, agus gu'n suidh sibh air caithrichibh rìoghail, a' toirt breth air dà thréibh dheug Israeil. Agus thubhairt an Tighearn, A Shimoin, a Shimoin, feuch, dh' iarr Sàtan sibhse, chum 'ur criaradh mar chruithneachd: Ach ghuidh mise air do shonsa, nach dìobradh do chreidimh thu; agus an uair a dh' iompaichear thu, neartaich do bhràithrean. Agus thubhairt esan ris, A Thighearn', tha mise ullamh gu dol maille riut araon chum prìosain agus a chum bàis. Agus thubhairt esan, Tha mi ag ràdh riut, a Pheadair, nach goir an coileach an diugh, gus an àicheadh thu tri uairean gur aithne dhuit mi. Agus thubhairt e riu, 'N uair a chuir mi uam sibh gun sporan, agus gun mhàla, agus gun bhròg an, an robh uireasbhuidh ni sam bith oirbh? Agus thubhairt iad, Cha robh. An sin thubhairt e riu, Ach a nis, ge b'e aig am bheil sporan, togadh se e, agus mar an ceudna a mhàla: agus an ti aig nach 'eil claidheamh, reiceadh e 'fhalluinn, agus ceannachadh e aon. Oir tha mi ag ràdh ruibh, gur éigin fathast an ni so a tha sgrìobhta, a choimhlionadh annamsa, Agus bha e air 'àireamh am measg nan ciontach: oir tha crìoch aig na nithibh ud a tha mu m' thimchioll-sa. Agus thubhairt iadsan, A Thighearna, feuch, tha dà chlaidheamh an so. Agus thubhairt esan riu, Is leoir e. Agus air dha dol a

mach, chaidh e, mar bu ghnàth leis, gu sliabh nan Crannolaidh, agus lean a dheisciobuil e. Agus an uair a thàinig e do'n àite, thubhairt e riu, Deanaibh urnuigh, chum nach tuit sibh ann am buaireadh. Agus thairngeadh esan uatha mu thimchioll urchuir cloiche, agus leig se e féin air a ghlùinibh, agus rinn e urnuigh, ag ràdh, Athair, ma 's toil leat, cuir an cupan so seachad orm : gidheadh, na b'i mo thoil-sa, ach do thoil-sa gu robh deanta. Agus dh' fhoillsicheadh dha aingeal o nèamh, 'g a neartachadh. Agus air dha 'bhi ann an cruaidh-ghleachd anama, rinn e urnuigh na bu dùrachdaiche : agus bha 'fhallus mar bhraonaibh mòra fola a' tuiteam sìos air an talamh. Agus air dha éirigh o urnuigh, thàinig e chum a dheisciobul, agus fhuair e 'n an codal iad troimh thuirse, agus thubhairt e riu, C' ar son a tha sibh 'n 'ur codal? éiribh agus deanaibh urnuigh, chum nach tuit sibh ann am buaireadh. Agus an uair a bha e fathast a' labhairt, feuch, sluagh, agus dh' imich esan d' am b' ainm Iudas, aon de 'n dà fhear dheug, rompa, agus dhruid e ri Iosa chum a phògadh. Ach thubhairt Iosa ris, A Iudais, am bheil thu le pòig a' bràth Mhic an duine? Agus an uair a chunnaic iadsan a bha mu 'thimchioll-san an ni a bha gu tachairt, thubhairt iad ris, A Thighearna, am buail sinn leis a' chlaidheamh? Agus bhuail aon diubh seirbhiseach an àrd-Shagairt, agus ghearr e dheth a chluas dheas. Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, Fulaingibh gu so. Agus bhean e r'a chluais, agus shlànuich e i. An sin thubhairt Iosa ris na h-àrd-Shagartaibh agus ri ceannardaibh an teampuill, agus ris na Seanairibh a thàinig d'a ionnsuidh, An d' thàinig sibh a mach le claidhibh agus le bataichibh, mar gu'm b' ann an aghaidh fir-reubainn? 'N uair a bha mi gach là maille ruibh 's an teampull, cha do shìn sibh a mach 'ur làmhan a' m' aghaidh : ach is i so 'ur n-uair-se, agus cumhachd an dorchadais. An sin rug iad air, agus thug iad leo e do thigh an àrd-Shagairt, agus lean Peadar am fad uaith e. Agus air dhoibh teine fhadadh ann am meadhon an talla, agus suidhe sìos maille ri 'chéile, shuidh Peadar 'n am meadhon. Ach chunnaic cailin àraidh e 'na shuidhe aig an teine, agus air dhi amharc gu geur air, thubhairt i, Bha 'm fear so mar an ceudna maille ris. Agus dh'àicheadh esan e, ag ràdh, A bhean, cha-n aithne dhomh e. Agus beagan 'n a dhéigh sin chunnaic neach

eile e, agus thubhairt e, Is ann diubh thusa mar an ceudna. Agus thubhairt Peadar, A dhuine, cha-n ann. Agus mu thimchoill ùine aon uaire 'n a dhéigh sin, chòmhdaich neach eile air, ag ràdh, Gu firinneach bha am fear so mar an ceudna maille ris ; oir is Galiléach e. Agus thubhairt Peadar, A dhuine, cha-n aithne dhomh ciod a tha thu 'g ràdh. Agus air ball am feadh a bha e fathast a' labhairt, ghoir an coileach. Agus air tionndadh do'n Tighearn, dh' amhairc e air Peadar ; agus chuimhnich Peadar focal an Tighearna, mar a thubhairt e ris, Mu'n goir an coileach, àicheadhaidh tu mi tri uairean. Agus chaidh Peadar a mach agus ghuil e gu goirt. Agus rinn na daoine a chum Iosa, fanoid air, 'g a bhualadh. Agus an uair a dh' fholuich iad a shùilean, bhuail iad e 's an aghaidh, agus dh' fheòraich iad deth, ag ràdh, Dean fàidheadaireachd, cò e a bhuail thu? Agus labhair iad mòran de nithibh eile gu toibheumach 'n a aghaidh. Agus an uair a bha an là air teachd, chruinnich seanadh an t-sluaigh, agus na h-ard-Shagairt, agus na Sgrìobhaichean 'an ceann a chéile, agus thug iad esan chum an comhairle, ag ràdh, An tusa Criosd? innis dhuinn. Agus thubhairt e riu, Ma dh' innseas mi dhuibh, cha chreid sibh. Agus ma dh' fheòraicheas mi ni air bith, cha toir sibh freagradh dhomh, agus cha leig sibh as mi. O'n àm so bithidh Mac an duine 'n a shuidhe air deas làimh cumhachd Dhé. An sin thubhairt iad uile, An tusa ma seadh Mac Dhé? Agus thubhairt e riu, Tha sibhse ag ràdh gur mi. Agus thubhairt iad, Ciod tuilleadh am feum a tha againn air fianuis? oir chuala sinn féin i as a bheul féin.

Diardaoin roimh 'n Chàisg.

An Litir. 1 Cor. xi. 17.

ANns an ni so a tha mi 'cur 'an céill duibh, cha mhol mi sibh ; do bhrìgh gu bheil sibh a' teachd 'an ceann a chéile cha-n ann chum an ni a's fearr, ach an ni a's miosa. Oir air tùs, 'n uair a tha sibh a' cruinneachadh 'an ceann a chéile 's an Eaglais, tha mi 'cluinntinn gu bheil roinnean 'n 'ur measg, agus tha mi 'an cuid 'g a chreidsinn. Oir is éigin saobh-chreidimh a bhi 'n 'ur measg, chum gu'n deanar follaiseach an dream a tha dearbhta, 'n 'ur measg. Uime sin an uair a thig sibh 'an ceann a

chéile do aon àite, cha-n e sin suipeir an Tighearn' itheadh: Oir ithidh gach aon air tùs a shuipeir féin: agus tha neach ocrach, agus neach eile air mhisg. An e nach 'eil tighean agaibh chum itheadh agus òl annta? no am bheil sibh a' deanamh tàire air Eaglais Dhé, agus a' nàrachadh na muinntir aig nach 'eil? Ciod a their mi ruibh? am mol mi sibh anns a' chùis so? cha mhol: Oir fhuair mise o'n Tighearn an ni mar an ceudna a thug mi dhuibhse, gu'n do ghlac an Tighearn Iosa aran, anns an oidhche 's an do bhrathadh e; agus air tabhairt buidheachais, bhris se e, agus thubhairt e, Gabhaibh, ithibh, is e so mo chorp-sa, a tha air a bhriseadh air 'ur son-se: deanaibh so mar chuimhneachan ormsa. Agus air a' mhodh cheudna an cupan, an déigh na suipeir, ag ràdh, Is e an cupan so an coimhcheangal nuadh ann am fhuil-sa: deanaibh-se so, cia minic as a dh' òlas sibh e, mar chuimhneachan ormsa. Oir cia minic as a dh' itheas sibh an t-aran so, agus a dh' òlas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig e. Uime sin ge b'e neach a dh' itheas an t-aran so, agus a dh' òlas cupan so an Tighearna gu neo-iomchuidh, bithidh e ciontach de chorp agus a dh' fhuil an Tighearna. Ach ceasnuicheadh duine e féin, agus mar sin itheadh e de 'n aran so, agus òladh e de 'n chupan so. Oir ge b'e 'dh' itheas, agus a dh' òlas gu neo-iomchuidh, tha e 'g itheadh agus ag òl breitheanais dha féin, do bhrìgh nach 'eil e a' deanamh aithne air corp an Tighearna. Air a shon so tha mòran 'n 'ur measg lag agus tinn, agus tha mòran 'n an codal. Oir nan tugamaid breth oirnn féin, cha tugtadh breth oirnn. Ach an uair a bheirear breth oirnn, tha sinn air ar smachdachadh leis an Tighearn, chum nach bitheamaid air ar dìteadh maille ris an t-saoghal. Uime sin, mo bhràithrean, 'n uair a thig sibh 'an ceann a chéile chum itheadh, fanaibh r'a chéile. Agus ma bhitheas ocras air aon neach, itheadh e aig an tigh; chum nach tig sibh 'an ceann a chéile gu breitheanas. Agus cuiridh mise gach ni eile 'an ordugh 'n uair a thig mi.

An Soisgeul. N. Luc. xxiii. 1.

AIr éirigh d'an cuideachd uile, thug iad e gu Pilat. Agus thòisich iad air a chasaid, ag ràdh, Fhuair sinn am fear so a' claonadh a' chinnich, agus a' bacadh cìs a thoirt do Cheasar, ag ràdh, gur e féin Criosd an rìgh.

Agus dh' fheòraich Pilat deth, ag ràdh, An tusa Rìgh nan Iudhach? agus fhreagair esan agus thubhairt e, Tha thu 'g a ràdh. An sin thubhairt Pilat ris na h-àrd-shagartaibh, agus ris an t-sluagh, Cha-n 'eil mi 'faotainn coire air bith 's an duine so. Agus bha iadsan na bu ro dhéine, ag ràdh, Tha e 'buaireadh an t-sluaigh, a' teagasg troimh Iudea uile, a' tòiseachadh o Ghalile gus an t-àite so. 'N uair a chuala Pilat mu Ghalile, dh' fheòraich e am bu Ghaliléach an duine. Agus an uair a chual' e gu'm b'ann fo uachdaranachd Heroid a bha e, chuir se e gu Herod, a bha e féin ann an Ierusalem 's na làithibh sin. Agus an uair a chunnaic Herod Iosa, bha aoibhneas mòr air, oir bha déidh aige ré ùine fhada air esan fhaicinn, do bhrìgh gu'n cual' e mòran uime, agus bha dùil aige gu'm faiceadh e mìorbhuil-éigin air a dheanamh leis. An sin dh' fheòraich e mòran de cheisdibh dheth; ach cha d' thug e freagradh sam bith dha. Agus sheas na h-àrd-shagairt, agus na sgrìobhaichean 'g a chasaid gu dian. Ach chuir Herod agus a luchd-cogaidh 'an neo-mheas e, agus rinn iad fanoid air, agus an déigh a sgeadachadh 'an eudach dealrach, chuir e air ais gu Pilat e. Agus rinneadh Pilat agus Herod 'n an cairdibh d'a chéile 's an là sin: oir bha iad roimhe sin 'an naimhdeas r'a chéile. Agus an uair a ghairm Pilat 'an ceann a chéile na h-àrd-shagairt, agus na h-uachdarain, agus an sluagh, thubhairt e riu, Thug sibh a' m' ionnsuidh-sa an duine so, mar neach a tha 'tionndadh an t-sluaigh a thaobh, agus, feuch, air dhomh a cheasnachadh ann 'ur làthair, cha d' fhuair mi coire air bith 's an duine so thaobh nan nithean sin mu 'm bheil sibh a' deanamh casaid air: No mar an ceudna Herod: oir chuir mi d'a ionnsuidh sibh, agus feuch, cha d' rinneadh ni air bith leis toiltinneach air bàs. Uime sin air dhomh-sa a smachdachadh, leigidh mi as e. Oir b' éigin da aon a leigeadh as doibh air an fhéill. Agus ghlaodh iad a mach a dh' aon ghuth, ag ràdh, Beir uainn am fear so, agus leig air a chomas duinn Barabas: (Neach air son ceannairc àraidh a rinneadh anns a' bhaile, agus air son mortaidh a thilgeadh 'am prìosan). Air an aobhar sin labhair Pilat riu a rìs, air dha 'bhi toileach Iosa a chur fa sgaoil. Ach ghlaodh iadsan, ag ràdh, Ceus e, ceus e. Agus thubhairt e riu an treas uair, C'ar son, ciod an cron a rinn e? cha d' fhuair mise cùis bhàis

air bith ann : uime sin an déigh dhomh a smachdachadh leigidh mi as e. Agus luidh iadsan air le guthaibh mòra, ag iarraidh esan a cheusadh: Agus bhuadhaich an guthansan, agus guthan nan àrd-shagart. Agus thug Pilat breth, gu 'n deantadh na dh' iarr iad. Agus leig e mach dhoibh esan a thilgeadh 'am prìosan air son ceannairc agus mortaidh, an neach a dh' iarr iad ; ach thug e thairis Iosa d' an toil. Agus an tràth 'thug iad leo e, rug iad air Simon, duine àraidh o Chirene, a bha 'teachd o'n dùthaich, agus chuir iad an crann-ceusaidh air, g'a ghiùlan an déigh Iosa. Agus lean cuideachd mhòr e de'n t-sluagh, agus de mhnàibh, a bha mar an ceudna ri bròn agus 'g a chaoineadh-san. Ach air tionndadh do Iosa riu, thubhairt e, A nigheana Ierusaleim, na guilibh air mo shonsa, ach guilibh air 'ur son féin, agus air son 'ur cloinne. Oir feuch, tha na làithean a' teachd, anns an abair iad, Is beannaichte na mnathan neo-thorrach, agus na bronna nach do ghiùlan clann, agus na ciocha nach d' thug bainne. An sin tòisichidh iad air a ràdh ris na beanntaibh, Tuitibh oirnne ; agus ris na cnocaibh, Folaichibh sinn. Oir ma ni iad na nithean so ris a' chrann ùr, ciod a ni iad ris a' chrìonaich ? Agus thugadh mar an ceudna dithis eile a bha 'n an luchd-droch-bheirt chum bhi air an ceusadh maille ris. Agus an uair a thàinig iad do'n àite d'an goirear Calbhari, an sin cheus iad e féin; agus na droch dhaoine, fear dhiubh air a làimh dheis, agus am fear eile air a làimh chlì. An sin thubhairt Iosa, Athair, maith dhoibh, oir cha-n 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh. Agus roinn iad 'eudach, agus thilg iad crannchur air. Agus sheas an sluagh ag amharc; agus rinn na h-uachdarain fanoid air maille riusan, ag ràdh, Shaor e daoine eile, saoradh se e féin, ma 's e so Criosd aon taghta Dhé. Agus rinn na saighdearan mar an ceudna fanoid air, a' teachd d'a ionnsuidh, agus a' tairgseadh fìon geur dha, agus ag ràdh, Ma 's tu rìgh nan Iudhach, teasairg thu féin. Agus bha sgrìobhadh mar an ceudna air a sgrìobhadh os a cheann ann an litrichibh Gréigis, agus Laidin, agus Eabhra, IS E SO RIGH NAN IUDHACH. Agus thug aon de na droch dhaoinibh, a chrochadh, toibheum dha, ag ràdh, Ma 's tu Criosd, saor thu féin agus sinne. Ach fhreagair am fear eile, agus chronaich se e, ag ràdh, Nach 'eil eagal Dhé ort, agus gu

bheil thu fo 'n aon dìteadh ris ? Agus sinne da rìreadh 'an ceartas ; oir tha sinn a' faotainn nan nithean sin a thoill ar gnìomharan, ach cha d' rinn an duine so cron air bith. Agus thubhairt e ri Iosa, A Thighearna, cuimhnich ormsa 'n uair a thig thu do d' rìoghachd. Agus thubhairt Iosa ris, Gu deimhin tha mi ag ràdh riut, Gu'm bi thu maille riumsa an diugh ann am pàrras. Agus bha e mu thimchioll na seathamh uaire. Agus bha dorchadas air an talamh uile, gus an naothamh uair. Agus dhorchaidheadh a' ghrian, agus reubadh brat-roinn an teampuill 'n a mheadhon. Agus an uair a ghlaodh Iosa le guth mòr, thubhairt e, Athair, tha mi 'tiomnadh mo spioraid a' d' làmhan-sa : agus an uair a thubhairt e so, thug e suas an deò. A nis an uair a chunnaic an ceannard-ceud an ni a rinneadh, thug e glòir do Dhia, ag ràdh, Gu fìrinneach b' ionracan an duine so. Agus an sluagh uile a chruinnich dh' ionnsuidh an t-seallaidh sin, an uair a chunnaic iad na nithean a rinneadh, phill iad air an ais, a' bualadh an uchd. Agus sheas a luchd-eòlais uile, agus na mnathan a lean e o Ghalile, am fad as, ag amharc air na nithibh sin.

Di-h-aoine a' Cheusaidh.

Na Guidhean.

A Dhé Uile-chumhachdaich, tha sinn a' guidhe ort thu 'choimhead gu gràsail air do theaghlach so, air son an robh ar Tighearn Iosa Criosd deònach a bhi air a bhrath, agus a bhi air a thoirt suas do làmhan dhaoine aingidh, agus a dh' fhulang bàis air a chrann-cheusaidh, a tha nis beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, is ann le d' Spiorad-sa a tha corp iomlan na h-Eaglais air a riaghladh agus air a naomhachadh ; Gabh ar n-athchuingean agus ar n-urnuighean a tha sinn a' tairgse ann ad làthair air son uile inbhean dhaoine ann ad Eaglais naoimh, a chum gu'n deanadh gach ball dhi 'n a ghairm agus 'n a dhreuchd, seirbhis fhìrinneach agus dhiadhaidh dhuit ; trìd ar Tighearna agus ar Slànuidhir Iosa Criosd. *Amen.*

O 'Dhé thròcairich, a rinn na h-uile dhaoine, agus leis nach fuathach ni air bith a rinn thu, agus leis nach miann bàs peacaich, ach leis an fhearr e 'bhi air 'iompachach agus a bhi beò, Dean tròcair air na h-uile Iudhaich, Thurcaich, Mhi-chreidmhich, agus Shaobh-chreidmhich, agus thoir uapa gach uile aineolas, chruas cridhe, agus tàir air d' fhocal; agus mar so thoir dhachaidh iad, a Thighearna bheannaichte, gu d' threud, a chum gu 'm bi iad air an sàbhaladh 'am measg iarmad nam fìor Israeleach, agus air an deanamh 'n an aon treud fo aon bhuachaille, Iosa Criosd ar Tighearn, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. Eabh. x. 1.

AIr bhi aig an lagh sgàile nithean maithe ri teachd, agus cha-n e fìor-choslas nan nithean féin, cha-n 'eil e comasach dha an dream a thig d'a ionnsuidh a chaoidh a dheanamh coimhlionta leis na h-ìobairtibh sin, a bha iad a' toirt suas o bhliadhna gu bliadhna a ghnàth: oir an sin nach sguireadh iad de bhi 'g an toirt suas? do bhrìgh nach bitheadh aig luchd-deanamh na naomh-sheirbhis tuilleadh coguis air bith peacaidh, air dhoibh a bhi aon uair air an glanadh. Ach anns na h-ìobairtibh sin nithear ath-chuimhneachadh air na peacaidhibh gach bliadhna. Oir cha-n 'eil e'n comas gu'n tugadh fuil tharbh agus ghabhar peacaidhean air falbh: Uime sin a' teachd dha do 'n t-saoghal, tha e ag ràdh, Iobairt agus tabhartas cha b' àill leat, ach dh'ullaich thu corp dhomh-sa: Ann an ìobairtibh-loisgte, agus ann an ìobairtibh air son peacaidh cha robh tlachd agad: An sin thubhairt mise, Feuch, tha mi a' teachd (ann an ròla an leabhair tha sud sgrìobhta orm) chum do thoil-sa a dheanamh, O 'Dhé. Air dha a ràdh roimh sin, Iobairt agus tabhartas, agus ìobairtean-loisgte, agus ìobairt air son peacaidh cha b'àill leat, agus cha robh do thlachd annta, a tha air an toirt suas a réir an lagha: An sin thubhairt e, Feuch, tha mi a' teachd a dheanamh do thoil-sa O 'Dhé. Tha e 'cur air cùl a' cheud ni, chum gu'n daingnich e an dara ni. Leis an toil so tha sinne air ar naomhachadh, tre toirt suas cuirp Iosa Criosd aon uair. Agus tha gach uile shagart a' seasamh gach là a' frithealadh, agus a' toirt suas nan ìobairt

cheudna gu minic, nithean do nach 'eil e 'n comas a chaoidh peacaidhean a thoirt air falbh. Ach an duine so an déigh dha aon ìobairt a thoirt suas air son peacaidh, shuidh e a chaoidh tuilleadh air deas làimh Dhé; a' feitheamh o sin suas gus an cuirear a naimhdean 'n an stòlchos fo 'chosaibh. Oir le aon ìobairt rinn e chaoidh foirfe iadsan a tha air an naomhachadh: Agus tha an Spiorad naomh mar an ceudna a' deanamh fianuis dhuinne air na nithibh so: Oir an déigh dha 'ràdh roimh, Is e so an coimhcheangal a ni mi riu an déigh nan làithean ud, tha an Tighearn ag ràdh, Cuiridh mi mo reachdan 'nan cridhe, agus sgrìobhaidh mi iad air an inntinn; agus am peacaidhean agus an euceartan cha chuimhnich mi na's mò. A nis, far am bheil maitheanas nan nithean so, cha-n'eil tabhartas air son peacaidh ann na's mò. Uime sin, a bhràithrean, do bhrìgh gu bheil dànachd againn chum dol a steach do 'n ionad a's naoimhe tre fhuil Iosa, air slighe nuaidh agus beò, a choisrig e dhuinne, tre'n roinn-bhrat, sin r'a ràdh, tre 'fheòil féin: Agus do bhrìgh gu bheil againn àrd-Shagart os ceann tighe Dhé; thigeamaid am fagus le cridhe fìor, ann an làn dearbh-bheachd a' chreidimh, le ar cridheachaibh air an crath-ghlanadh o dhroch coguis, agus le ar cuirp air an nigheadh le h-uisge glan. Cumamaid gu daingean aidmheil ar dòchais gun chlaonadh: (oir is fìrinneach an ti a gheall.) Agus thugamaid an aire d'a chéile chum ar brosnachadh gu gràdh, agus gu deadh oibribh; gun bhi 'leigeadh dhinn sinn féin a chruinneachadh 'an ceann a chéile, mar is gnàth le dream àraidh; ach a' comhairleachadh a chéile: agus gu ma mòid a ni sinn so, gu bheil sibh a' faicinn an là a' tarruing am fagus.

An Soisgeul. N. Eoin xix. 1.

AIr an aobhar sin ghlac Pilat Iosa, agus sgiùrs se e. Agus dh'fhigh na saighdearan crùn droighinn, agus chuir iad air a cheann e, agus chuir iad falluinn phurpuir uime, agus thubhairt iad, Fàilte ort, a rìgh nan Iudhach: Agus bhuail iad le'm basaibh e. An sin chaidh Pilat a mach a rìs, agus thubhairt e riu, Feuch, tha mise 'g a thoirt a mach do 'ur n-ionnsuidh, chum gu'm bi fios agaibh nach 'eil mise 'faotainn coire sam bith ann. An sin thàinig Iosa mach, agus an crùn droighinn air, agus an fhalluinn phur-

puir uime. Agus thubhairt Pilat riu, Feuch an duine. Uime sin, an uair a chunnaic na h-àrd-Shagairt agus na maoir e, ghlaodh iad, ag ràdh, Ceus e, ceus e. Thubhairt Pilat riu, Gabhaibh-se e, agus ceusaibh e: oir cha-n'eil mise a' faotainn coire sam bith ann. Fhreagair na h-Iudhaich e, Tha lagh againne, agus a réir ar lagha-ne, is còir a chur gu bàs, air son gu'n d'rinn e Mac Dhé dheth féin. Uime sin an uair a chuala Pilat a' chainnt sin, bu mhòid a bha dh'eagal air; agus chaidh e steach a rìs do àit a' bhreitheanais, agus thubhairt e ri Iosa, Cia as duit? Ach cha d'thug Iosa freagradh air. An sin thubhairt Pilat ris, Nach labhair thu riumsa? nach 'eil fhios agad, gu bheil cumhachd agam-sa do cheusadh, agus gu bheil cumhachd agam do chur fa sgaoil? Fhreagair Iosa, Cha bhitheadh cumhachd air bith agad a'm' aghaidh sa, mur tugtadh dhuit o'n àird e: air an aobhar sin an ti a thug mise thairis dhuit, tha aige-san am peacadh a's mò. Agus o sin suas dh'iarr Pilat a chur fa sgaoil: ach ghlaodh na h-Iudhaich, ag ràdh, Ma leigeas tu am fear so fa sgaoil, cha charaid do Cheasar thu: Ge b'e neach a tha 'g a dheanamh féin 'n a rìgh, tha e labhairt an aghaidh Cheasair. Uime sin an uair a chuala Pilat a' chainnt sin, thug e mach Iosa, agus shuidh e air a' chaithir-bhreitheanais, anns an ionad ris an abrar an Leac-ùrlar, ach anns an Eabhra, Gabata. Agus b'e là-ulluchaidh na càisge e, agus mu thimchioll na seathamh uaire: agus thubhairt e ris na h-Iudhaich, Feuch 'ur rìgh. Ach ghlaodh iadsan a mach, Beir uainn, beir uainn, ceus e. Thubhairt Pilat riu, An ceus mi 'ur rìgh? Fhreagair na h-àrd-shagairt, Cha-n'eil rìgh againne ach Ceasar. An sin air an aobhar sin thug e thairis dhoibh e gu 'bhi air a cheusadh; agus ghlac iad Iosa, agus thug iad leo e. Agus chaidh e mach, a' giùlan a chroinn-cheusaidh, do'n ionad d'an goirear àit a' chlaiginn d'an ainm 's an Eabhra, Golgota: An sin cheus iad e, agus dithis eile maille ris, fear air gach taobh, agus Iosa 's a' mheadhon. Agus sgrìobh Pilat mar an ceudna tiodal, agus chuir e air a' chrann-cheusaidh e. Agus b'e an sgrìobhadh, IOSA O NASARET RIGH NAN IUDHACH. Uime sin leugh mòran de na h-Iudhaich an tiodal so: oir bha-n t-àit anns an do cheusadh Iosa fagus do 'n bhaile: agus bha an sgrìobhadh 'an Eabhra, 'an Gréigis, agus 'an Laidin. An

sin thubhairt àrd-shagairt nan Iudhach ri Pilat, Na sgrìobh, Rìgh nan Iudhach; ach gu'n dubhairt e féin, Is mi rìgh nan Iudhach. Fhreagair Pilat, An ni a sgrìobh mi, sgrìobh mi e. An sin an uair a cheus na saighdearan Iosa, ghlac iad a thrusgan, (agus rinn iad ceithir earrannan dheth, earrann do gach saighdear) agus a chòta mar an ceudna: agus bha'n còta gun fhuaigheal, air 'fhigheadh o 'bhràigh sìos gu h-iomlan. Thubhairt iad uime sin eatorra féin, Na reubamaid e, ach tilgeamaid croinn air, cò aig a bhitheas e: chum gu'n coimhliontadh an Sgriobtuir, a tha 'g ràdh, Roinn iad mo thrusgan eatorra, agus thilg iad croinn air mo bhrat. Air an aobhar sin rinn na saighdearan na nithean so. A nis sheas làimh ri crann-ceusaidh Iosa, a mhàthair agus piuthar a mhàthar, Muire bean Chleophais, agus Muire Magdalen. Uime sin an uair a chunnaic Iosa a mhàthair, agus an deisciobul a b'ionmhuinn leis, 'n a sheasamh a làthair, thubhairt e r'a mhàthair, A bhean, feuch do mhac. An sin thubhairt e ris an deisciobul, Feuch do mhàthair. Agus o'n àm sin a mach thug an deisciobul sin leis i d'a thigh féin. An déigh so, air do Iosa fios a bhi aige gu'n robh na h-uile nithean a nis air an crìochnachadh, chum gu'n coimhliontadh an Sgriobtuir, thubhairt e, Tha tart orm. A nis bha an sin soitheach làn a dh' fhìon géur: agus air dhoibh-san spong a lionadh de 'n fhìon gheur, agus a chur air hìosop, shìn iad chum a bheoil e. An sin an uair a ghabh Iosa am fìon geur, thubhairt e, Tha e crìochnaichte: agus air cromadh a chinn da, thug e suas a spiorad. An sin chum nach fanadh na cuirp air a' chrann-cheusaidh air an t-sàbaid, a chionn gu'm b'e là an ulluchaidh a bha ann (oir bu là mòr an là sàbaid sin) dh'iarr na h-Iudhaich air Pilat gu'n rachadh an luirgnean a bhriseadh, agus gu'n tugtadh air falbh iad. An sin thàinig na saighdearan, agus bhris iad luirgnean a' cheud fhir, agus luirgnean an fhir eile a cheusadh maille ris. Ach air dhoibh teachd chum Iosa, an uair a chunnaic iad gu'n robh e cheana marbh, cha do bhris iad a luirgne-san. Ach lot fear de na saighdearaibh a thaobh le sleagh, agus air ball thàinig a mach fuil agus uisge. Agus thug an ti a chunnaic sin fianuis, agus tha 'fhianuis fìrinneach: agus tha fhios aige gu bheil e 'labhairt na fìrinn, chum gu'n creideadh sibhse. Oir rinneadh na nithean so chum gu'n coimhliontadh an

Sgriobtuir, Cha bhrisear cnàimh dheth. Agus a rìs, tha Sgriobtuir eile ag ràdh, Amhaircidh iad airsan, a lot iad.

Am Feasgar roimh 'n Chàisg.

An Guidhe.

DEònaich, O 'Thighearna, ionann 's mar a tha sinn air ar baisteadh chum bàis do Mhic bheannaichte ar Slànuidhir Iosa Criosd; mar sin le 'bhi sìor chlaoidh ar n-anamhiannan truaillidh, gu'm bi sinn air ar n-adhlacadh maille ris, agus gu'n téid sinn trìd na h-uaighe, agus geata a' bhàis gu 'r n-aiseirigh aoibhneach, air son deadh-thoillteanais do mhic a bhàsaich, agus a dh' adhlaiceadh agus a dh' éirich a rìs air ar son, Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Pead. iii. 17.

IS fearr, ma's e sin toil Dhé, sibh a dh'fhulang air son maith a dheanamh, na air son olc a dheanamh. Oir dh'fhuiling Criosd féin aon uair air son pheacaidhean, am firean air son nan neo-fhìrean; (chum gu'n tugadh e sinne gu Dia) air dha 'bhi air a chur gu bàs 's an fheòil, ach air a bheothachadh tre an Spiorad: Leis an deachaidh e mar an ceudna, agus an do shearmonaich e do na spioradaibh ann am prìosan; a bha o shean eas-ùmhal, 'n uair a dh'fheith fad-fhulangas Dhé aon uair ann an làithibh Noah, am feadh a bha àirc 'g a h-ulluchadh; anns an robh beagan, sin r'a ràdh, ochd anaman, air an tèarnadh tre uisge. Tha am baisteadh, mar shamhlachas a tha 'comhfhreagradh dha so, (cha-n e cur dhinn sal na feòla, ach freagradh deadh choguis thaobh Dhé) nis 'g ar tèarnadhne, tre aiseirigh Iosa Criosd: Neach air dha dol gu nèamh, a tha air deas làimh Dhé, air do ainglibh, agus do uachdranachdaibh, agus do chumhachdaibh 'bhi air an cur fo 'cheannsal-san.

An Soisgeul. N. Mata xxvii. 57.

AIr teachd do'n fheasgar, thàinig duine saoibhir o Arimatea, d'am b'ainm Ioseph, a bha e féin 'n a dheisciobul aig Iosa mar an ceudna. Chaidh esan gu Pilat, agus dh'iarr e corp Iosa. An sin dh'àithn Pilat an corp a thabhairt da. Agus ghlac Ioseph an corp, agus phaisg

e ann an lìon-eudach fìor-ghlan e, agus chuir se e 'n a uaigh nuaidh féin, a chladhaich e ann an carraig: agus charuich e clach mhòr gu dorus na h-uaighe, agus dh'imich e roimhe. Agus bha Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, 'n an suidhe fa chomhair na h-uaighe. A nis air an là màireach, an là 'n déigh an ulluchaidh, chruinnicheadh na h-àrdshagairt agus na Phairisich gu Pilat, ag ràdh, A thighearna, is cuimhne leinn an uair a bha am mealltair ud fathast beò, gu'n dubhairt e, Eiridh mi an déigh thri làithean. Orduich uime sin an uaigh a bhi air a coimhead gu cinnteach gus an treas là, air eagal gu'n tig a dheisciobuil 's an oidhche agus gu'n goid iad leo e, agus gu'n abair iad ris an t-sluagh, Dh'éirich e o na mairbh: agus mar sin bithidh am mearachd deireannach na's miosa na 'n ceud mhearachd. Thubhairt Pilat riu, Tha faire agaibh, imichibh, deanaibh an uaigh cho tèaruinte 's is aithne dhuibh. Agus dh'imich iad agus rinn iad an uaigh cinnteach, a' cur seula air a' chloich, maille ri faire.

La Caisge.

¶ *Aig Urnuigh Mhaidne, 'an àite na Sailme* O thigibh seinneamaid &c., *seinnear no theirear na Laoidhean so.*

1 Cor. v. 7.

THa Criosd ar n-uan-càisge air ìobradh air ar son: uime sin cumamaid an fhéill. Na b'ann le seann taois ghoirt, no le taois ghoirt a' mhì-ruin agus an uilc: ach le aran neo-ghoirtichte an treibhdhireis agus na fìrinn.

Rom. vi. 9.

AIr do Chriosd éirigh o na mairbh cha bhàsaich e na's mò: cha-n'eil tighearnas aig a' bhàs na's mò air. Oir a' mheud 's gu'n d'fhuair e bàs, is ann do'n pheacadh a fhuair e bàs aon uair a mhàin: ach a' mheud 's gu bheil e beò, is ann do Dhia a tha e beò. Mar sin mar an ceudna measaibh-se gu bheil sibh féin gu deimhin marbh do'n pheacadh: ach beò do Dhia tre Iosa Criosd ar Tighearn

1 Cor. xv. 20.

THa Criosd air éirigh o na mairbh: agus rinneadh dheth an ceud thoradh dhiubh-san a choidil. Oir mar is ann tre dhuine thàinig am bàs: is ann tre dhuine

thig aiseirigh nam marbh mar an ceudna. Oir mar ann an Adhamh a tha na h-uile a' faghail a' bhàis, is amhuil sin mar an ceudna a nithear na h-uile beò ann an Criosd.

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac: agus do'n Spiorad naomh.

Freagairt.

Mar a bha air tùs, a tha nis agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, tre d' aon-ghin Mhic Iosa Criosd a thug buaidh air a' bhàs, agus a dh'fhosgail dhuinne geata na beatha maireannaich; Mar a tha do ghràs sònraichte 'g ar treòrachadh, leis am bheil thu a' cur deadh iarrtuis 'n ar n-inntinnibh; mar sin tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort, le d' shìor chòmhnadh gu'n toir sinn iad gu deadh éifeachd, trìd Iosa Criosd ar Tighearna, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa, agus ris an Spiorad naomh, sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. Col. iii. 1.

UIme sin ma dh' éirich sibh maille ri Criosd, iarraibh na nithean a tha shuas, far am bheil Criosd 'n a shuidhe aig deas làimh Dhé. Suidhichibh 'ur n-aigne air na nithibh a tha shuas, agus cha-n ann air na nithibh a tha air an talamh: Oir tha sibh marbh, agus tha 'ur beatha folaichte maille ri Criosd ann an Dia. 'N uair a dh' fhoillsichear Criosd, neach a's e ar beatha-ne, an sin bithidh sibhse mar an ceudna air 'ur foillseachadh maille ris ann an glòir. Uime sin claoidh ibh 'ur buill a tha air an talamh; striopachas, neo ghloine, fonn-collaidh, ana-miannan, agus sannt, ni a's ìodhol-aoradh: Nithean air son am bheil fearg Dhé a teachd air cloinn na h-eas-ùmhlachd. Anns an robh sibhse mar an ceudna a' gluasad uair-éigin 'n uair a bha sibh a' caitheamh 'ur beatha annta.

An Soisgeul. N. Eoin xx. 1.

AIr a' cheud là de 'n t-seachduin thàinig Muire Magdalen gu moch, agus an dorchadas fathast ann, chum na h-uaighe, agus chunnaic i a' chlach air a togail o'n uaigh. Ruith i an sin agus thàinig i gu Simon Peadar, agus gus an deisciobul eile a b' ionmhuinn le

Iosa, agus thubhairt i riu, Thug iad leo an Tighearn as an uaigh, agus cha-n 'eil fhios againn c' àit an do chuir iad e. Uime sin chaidh Peadar a mach, agus an deisciobul sin eile, agus thàinig iad chum na h-uaighe. Agus ruith iad 'n an dithis cuideachd, agus ruith an deisciobul eile na bu luaithe na Peadar, agus thàinig e air tùs chum na h-uaighe; agus air cromadh sìos da, chunnaic e 'n lìon-eudach 'n a luidhe, gidheadh cha deachaidh e steach. An sin thàinig Simon Peadar 'g a leantuinn, agus chaidh e steach do'n uaigh, agus chunnaic e 'n lìon-eudach 'n a luidhe; agus an neapaicin a bha m'a cheann, cha-n ann 'n a luidhe maille ris an lìon-eudach, ach air leth air a filleadh ann an aon àit. An sin chaidh a steach mar an ceudna an deisciobul sin eile a thàinig air tùs chum na h-uaighe, agus chunnaic agus chreid e. Oir cha do thuig iad fathast an Sgriobtuir, gu'm b'éigin gu'n éireadh esan a ris o na mairbh. An sin dh' imich na deisciobuil a ris chum an cuideachd féin.

Di-luain ann an Seachduin na Càisge.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, tre d' aon-ghin Mhic Iosa Criosd, a thug buaidh air a' bhàs, agus a dh' fhosgail dhuinne geata na beatha maireannaich; Mar a tha do ghràs sònraichte g' ar treòrachadh, leis am bheil thu a' cur deadh iarrtuis 'n ar n-inntinnibh, mar sin tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort le d' shìor chòmhnadh gu'n toir sinn iad gu deadh éifeachd, trìd Iosa Criosd ar Tighearna, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa, agus ris an Spiorad naomh sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. x. 34.

DH' fhosgail Peadar a bheul, agus thubhairt e, gu fìrinneach tha mi 'g aithneachadh nach 'eil Dia ag amharc air pearsaibh seach a chéile; ach anns gach uile chinneach tha an neach air am bheil 'eagal-san, agus a tha 'g oibreachadh fìreantachd, taitneach dha. Am focal a chuir Dia gu cloinn Israeil, a' searmonachadh sìthe tre Iosa Criosd (neach a's e Tighearn nan uile), Am focal sin is aithne dhuibh, a sgaoileadh air feadh tìre Iudea uile, agus a thòisich o Ghalile, an déigh a' bhaistidh a shear-

monaich Eoin : Cionnus a dh'ung Dia Iosa o Nasaret leis an Spiorad naomh, agus le cumhachd, neach a chaidh mu'n cuairt a' deanamh maith, agus a' slànuchadh nan uile a bha air an sàruchadh leis an diabhul : oir bha Dia maille ris. Agus tha sinne 'n ar fianuisibh air na h-uile nithibh a rinn e, araon ann an tìr nan Iudhach, agus ann an Ierusalem, neach a mharbh iad 'g a chrochadh air crann : Esan thog Dia suas air an treas là, agus nochd se e gu follaiseach ; cha-n ann do'n t-sluagh uile, ach do fhianuisibh a thaghadh le Dia roimh-làimh, eadhon dhuinne, a dh'ith agus a dh'òl maille ris an déigh dha éirigh o na mairbh. Agus dh'àithn e dhuinne searmonachadh do'n t-sluagh, agus fianuis a dheanamh gur esan a dh'orduicheadh le Dia 'n a bhreitheamh air bheòthaibh agus air mhairbh. Dhàsan tha na fàidhean uile a' toirt fianuis, gu'm faigh gach neach a chreideas ann, maitheanas 'n am peacaidhibh, tre 'Ainm-san.

An Soisgeul. N. Luc. xxiv. 13.

FEuch bha dithis d' a dheisciobluibh a' dol air an là sin féin gu baile d'am b'ainm Emaus, a bha tri fichead stàid o Ierusalem. Agus bha iad a' labhairt eatorra féin mu thimchioll nan nithean ud uile a thachair. Agus an uair a bha iad a' còmhradh, agus a' co-reusonachadh, thàinig Iosa e féin àm fagus, agus dh'imich e maille riu. Ach bha'n sùilean air an cumail, air chor as nach d'aithnich iad e. Agus thubhairt e riu, Ciod e an còmhradh so a tha agaibh eadaraibh féin, am feadh a tha sibh ag imeachd agus sibh dubhach ? Agus fhreagair fear diubh, d'am b'ainm Cleopas, agus thubhairt e ris, Am bheil thusa a mhàin a'd' choigreach ann an Ierusalem, agus gun fhios agad air na nithibh a rinneadh innte anns na làithibh so ? Agus thubhairt e riu, Ciod na nithean ? Agus thubhairt iadsan ris, Na nithean a thaobh Iosa o Nasaret, a bha 'n a fhàidh cumhachdach ann an gnìomh agus ann am focal, 'am fianuis Dhé agus an t-sluaigh uile : Agus cionnus a thug na h-àrd-shagairt, agus ar n-uachdarain thairis chum dìtidh bàis e, agus a cheus iad e. Ach bha dùil againne gu'm b'esan an ti, a bha gu Israel a shaoradh ; agus a thuilleadh air so uile, is e 'n diugh an treas là o rinneadh na nithean so. Agus mar an ceudna, chuir mnathan àraidh dhinn féin, a chaidh gu moch a

dh'ionnsuidh na h-uaighe, mòr-loghnadh oirnn ; agus an uair nach d'fhuair iad a chorp, thàinig iad, ag ràdh, gu'm fac iad sealladh de ainglibh, a thubhairt gu bheil e beò. Agus chaidh dream àraidh dhiubhsan a bha maille ruinn féin, chum na h-uaighe, agus fhuair iad eadhon mar a thubhairt na mnathan ; ach cha-n fhac iad esan. An sin thubhairt e riu, O dhaoine amaideach, agus mall-chridheach a chreidsinn nan nithe sin uile a labhair na fàidhean : nach b'éigin do Chriosd na nithe so fhulang, agus dol a steach d'a ghlòir ? Agus air dha tòiseachadh o Mhaois, agus o na fàidhibh uile, dh'eadar-mhìnich e dhoibh anns na Sgriobtuiribh uile, na nithe m'a thimchioll féin. Agus dhruid iad ris a' bhaile, d'an robh iad a' dol ; agus leig esan air gu'n rachadh e na b'fhaide. Ach cho-éignich iadsan e, ag ràdh, Fan maille ruinne, oir tha e dlùth do'n fheasgar, agus tha deireadh an là ann : agus chaidh e steach a dh'fhuireach maille riu. Agus an uair a shuidh e gu biadh maille riu, air dha aran a ghlacadh, bheannaich se e, agus bhris se e, agus thug e dhoibh e. Agus dh'fhosgladh an sùilean, agus dh'aithnich iad e, agus chaidh e as an t-sealladh. Agus thubhairt iad r'a chéile, Nach robh ar cridhe a' lasadh annainn, am feadh a bha e a' labhairt ruinn air an t-slighe, agus an uair a dh'fhosgail e dhuinn na Sgriobtuirean ? Agus dh'éirich iad air an uair sin féin, agus phill iad gu Ierusalem, agus fhuair iad an t-aon fhear deug cruinn 'an ceann a chéile, agus an dream a bha maille riu, ag ràdh, Dh'éirich an Tighearn da rìreadh, agus chunnacas le Simon e. Agus dh'innis iad na nithean a rinneadh air an t-slighe, agus mar a dh'aithnicheadh leo e ann am briseadh an arain.

Di-mairt ann an Seachduin na Càisge.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, tre d' aon-ghin Mhic Iosa Criosd, a thug buaidh air a' bhàs, agus a dh' fhosgail dhuinne geata na beatha maireannaich ; Mar a tha do ghràs sònraichte 'g ar treòrachadh, leis am bheil thu a' cur deadh iarrtuis 'n ar n-inntinnibh, mar sin tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort le d' shìor chòmhnadh gu'n toir sinn iad gu deadh éifeachd, trìd Iosa Criosd ar Tighearna a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa, agus

ris an Spiorad naomh, sìor aon Dia saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. xiii. 26.

FHeara, agus a bhràithre, a chlann fine Abrahaim, agus a' mheud agaibh 's air am bheil eagal Dhé, is ann do 'ur n-ionnsuidh-se a chuireadh focal na slàinte so. Oir iadsan a tha 'chòmhnuidh ann an Ierusalem, agus an uachdarain, air dhoibh 'bhi aineolach airsan, agus air foclaibh nam fàidhean a tha air an leughadh gach sàbaid, le esan a dhìteadh choimhlion siad iad. Agus ged nach d'fhuair iad coire bàis air bith ann, dh'iarr iad air Pilat gu'n cuirteadh esan gu bàs. Agus an uair a choimhlion iad na h-uile nithean a bha sgrìobhta mu 'thimchioll, thug iad a nuas o'n chrann e, agus chuir iad ann an uaigh e. Ach thog Dia suas o na mairbh e: Agus chunnacas e re mòran làithean leo-san a chaidh suas maille ris o Ghalile gu Ierusalem, dream a tha 'n am fianuisibh dhà-san do'n t-slùagh. Agus tha sinne a' soisgeulachadh dhuibh-se a' gheallaidh, a rinneadh do na h-aithrichibh, gu'n do choimhlion Dia so dhuinne an clann, air dha Iosa 'thogail suas, mar tha e sgrìobhta mar an ceudna 's an dara salm, Is tu mo Mhac-sa, an diugh ghin mi thu. Agus mar dhearbhadh gu'n do thog e suas e o na mairbh, gun e a philltinn air ais tuilleadh chum truaillidheachd, thubhairt e mar so, Bheir mise dhuibh tròcairean cinnteach Dhaibhidh. Uime sin thubhairt e mar an ceudna ann an salm eile, Cha-n fhuiling thu do d' aon naomh gu'm faic e truaillidheachd. Oir an déigh do Dhaibhidh a ghinealach féin a riarachadh a réir toile Dhé, choidil e, agus chuireadh e chum 'aithrichean, agus chunnaic e truaillidheachd. Ach an ti a thog Dia suas, cha-n fhac e truaillidheachd: Uime sin bitheadh fhios agaibh-se, fheara, agus a bhràithre, gur ann tre'n duine so tha maitheanas pheacaidhean air a shearmonachadh dhuibh: Agus trìd-san tha gach neach a chreideas air a shaoradh o na h-uile nithibh, o nach robh e'n comas duibh a bhi air 'ur saoradh le lagh Mhaois. Thugaibh aire uime sin, nach tig oirbh an ni a tha air a ràdh anns na fàidhibh; Feuchaibh, a luchd-tarcuis, agus gabhaibh iongantas, agus rachadh as duibh: oir oibrichidh mise obair ann 'ur làithibh-sa, obair nach creid sibh idir, ged 'chuireadh duine 'an céill duibh e.

An Soisgeul. N. Luc. xxiv. 36.

SHeas Iosa féin 'n am meadhon, agus thubhairt e riu, Sìth maille ruibh. Ach bha iadsan fo gheilt-chrith agus fo eagal, agus shaoil iad gur spiorad a chunnaic iad. Agus thubhairt e riu, C'ar son a tha sibh fo bhuaireas, agus c'ar son a tha smuaintean ag éirigh suas ann 'ur cridheachaibh? Feuchaibh mo làmhan agus mo chosan, gur mi féin a th'ann: laimhsichibh mi, agus faicibh; oir cha-n 'eil aig spiorad feòil agus cnàmhan, mar a chi sibh agam-sa. Agus an uair a thubhairt e so, nochd e dhoibh a làmhan agus a chosan. Agus air dhoibh 'bhi fathast mi-chreideach troimh aoibhneas, agus iad fo iongantas, thubhairt e riu, Am bheil biadh sam bith agaibh an so? Agus thug iad da mìr a dh' iasgròiste, agus de chìr-mheala. Agus ghlac se e, agus dh'ith e 'n am fianuis. Agus thubhairt e riu, 'S iad so na briathran a labhair mi ruibh, 'n uair a bha mi fathast maille ruibh, gur éigin do na h-uile nithibh a tha sgrìobhta ann an lagh Mhaois agus anns na fàidhibh, agus anns na salmaibh mu m' thimchioll-sa, 'bhi air an coimhlionadh. An sin dh'fhosgail e an tuigse, chum gu'n tuigeadh iad na Sgriobtuirean, agus thubhairt e riu, Mar so tha e sgrìobhta, agus mar so b'éigin do Chriosd fulang, agus éirigh o na mairbh an treas là; Agus aithreachas agus maitheanas peacaidh 'bhi air an searmonachadh 'n a Ainm-san, do na h-uile chinnich, a' tòiseachadh aig Ierusalem. Agus is fianuisean sibhse air na nithibh so.

An ceud Dhòmhnach an déigh na Càisge.

An Guidhe.

AThair Uile-chumhachdaich, a thug d' aon Mhac gu bàsachadh air son ar peacaidhean, agus gu éirigh a rìs air son ar fìreanachaidh; Deònaich dhuinn mar so gu'n cuir sinn uainn taois a' mhì-run agus na h-aingidheachd, chum gu'n dean sinn do ghnàth seirbhis dhuit ann am fìor-ghloine caithe-beatha agus fìrinn, tre dheadhthoillteanais do Mhic cheudna Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Eoin v. 4.

GAch uile ni a ghinear o Dhia bheir e buaidh air an t-saoghal; agus is i so a' bhuaidh a bhuadhaicheas

air an t-saoghal, eadhon ar creidimh-ne. Cò an ti a bhuadhaicheas air an t-saoghal, ach esan a tha 'creidsinn gur e Iosa Mac Dhé? Is e so esan a thàinig tre uisge agus tre fhuil, Iosa Criosd; cha-n ann tre uisge a mhàin, ach tre uisge agus fuil: agus is e an Spiorad a ni fianuis, do bhrìgh gur firinn an Spiorad. Oir tha triuir a tha 'deanamh fanuis air nèamh, an t-Athair, am Focal, agus an Spiorad naomh: agus an triuir sin is aon iad. Agus tha triuir a tha 'deanamh fianuis air an talamh, an spiorad, agus an t-uisge, agus an fhuil: agus thig an triuir so r'a chéile ann an aon. Ma ghabhas sinn ri fianuis dhaoine, 's i fianuis Dhé a's mò: oir is i so fianuis Dhé, a thug e mu thimchioll a Mhic. An ti a chreideas ann am Mac Dhé, tha 'n fhianuis aige ann féin: an ti nach creid Dia, rinn e breugaire dheth, do bhrìgh nach do chreid e an fhianuis a rinn Dia mu thimchioll a Mhic. Agus is i so an fhianuis, gu'n d' thug Dia dhuinn a' bheatha mhaireannach; agus tha a' bheatha so 'n a Mhac. An ti aig am bheil am Mac tha beatha aige, an ti aig nach 'eil Mac Dhé cha-n 'eil beatha aige.

An Soisgeul. N. Eoin xx. 19.

AIr teachd do 'n fheasgar an là sin féin, air a' cheud là de 'n t-seachduin, agus na dorsan dùinte, far an robh na deisciobuil cruinn air eagal nan Iudhach, thàinig Iosa agus sheas e 's a' mheadhon, agus thubhairt e riu, Sìth dhuibh. Agus air dha so a ràdh, nochd e dhoibh a làmhan agus a thaobh. An sin bha aoibhneas air na deisciobluibh an uair a chunnaic iad an Tighearn. An sin thubhairt Iosa riu a rìs, Sìth dhuibh: mar a chuir an t-Athair uaith mise, mar sin tha mise 'g 'ur cur-se uam. Agus air dha so a ràdh, shéid e orra agus thubhairt e riu, Gabhaibh-se an Spiorad naomh. Cò air bith iad d' am maith sibh am peacaidhean, tha iad maithte dhoibh; agus cò air bith iad d' an cum sibh am peacaidhean gun am maitheadh, tha iad air an cumail.

An Dara Dòmhnach an déigh na Càisge.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thug d' aon Mhac gu bhi araon 'n a ìobairt air son ar peacaidh, agus mar an ceudna 'n a eisempleir dhuinn air beatha dhiadhaidh; Thoir gràs dhuinn a chum gu'n gabh sinn do

ghnàth gu ro thaingeil a shocair sin gun choimeas, agus cuideachd gu'n dean sinn ar dìchioll gach là a leantuinn ceuman beannaichte a bheatha ro naoimh-san, trìd an ti cheudna Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Pead. ii. 19.

THa so cliu-thoillteannach, ma dh'iomchaireas neach sam bith doilgheas air son coguis a thaobh Dhé, a' fulang gu h-eucorach. Oir ciod an t-aobhar molaidh a tha ann, ma's e an uair a ghabhar oirbh air son 'ur cionta, gu'n giùlain sibh gu foighidneach e? ach ma's e 'n uair a tha sibh a' deanamh maith, agus a' fulang air a shon, gu'n giùlain sibh e gu foighidneach; tha so taitneach do Dhia. Oir is ann a dh'ionnsuidh so a ghairmeadh sibh: do bhrìgh gu'n d'fhuiling Criosd mar an ceudna air 'ur son, a' fàgail eisempleir agaibh, chum gu'n leanadh sibh a cheuman: Neach nach d'rinn peacadh, ni mò a fhuaradh cealg 'n a bheul: Neach, 'n uair a chàineadh e, nach do chàin a rìs; 'n uair a dh'fhuiling e, nach do bhagair; ach a dh'earb e féin rissan a bheir breth cheart: Neach a ghiùlain ar peacaidhean e féin 'n a chorp féin air a' chrann, chum air dhuinn a bhi marbh do'n pheacadh, gu'm bitheamaid beò do fhìreantachd; neach le a bhuillibh a tha sibh air 'ur tèarnadh. Oir bha sibh mar chaoraich a' dol air seacharan; ach philleadh sibh a nis chum buachaill, agus Easbuig 'ur n-anama.

An Soisgeul. N. Eoin x. 11.

THubhairt Iosa Is mise am buachaill maith: leigidh am buachaill maith 'anam sìos air son nan caorach. Ach am fear-tuarasdail, agus an ti nach e am buachaill, agus nach leis féin na caoraich, chi e am madadh-alluidh a' teachd, agus fàgaidh e na caoraich, agus teichidh e; agus glacaidh am madadh-alluidh iad, agus sgapaidh e na caoraich. Ach teichidh am fear-tuarasdail, a chionn gur fear-tuarasdail e, agus nach 'eil suim aige do na caoraich. Is mise am buachaill maith, agus is aithne dhomh mo chaoraich féin, agus aithnichear le m' chaoraich féin mi. Mar is aithne do'n Athair mise, mar sin is aithne dhomh-sa an t-Athair: agus tha mi 'leigeadh m'anama sìos air son nan caorach. Agus tha caoraich eile agam nach 'eil de'n chrò so; is éigin domh iad sin

mar an ceudna 'thoirt a stigh, agus éisdidh iad ri m' ghuth; agus bithidh aon treud ann, agus aon bhuachaill.

An treas Dòmhnach an déigh na Càisge.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a tha 'nochdadh dhoibh-san a bhitheas 'am mearachd solus d' fhìrinn, a chum gu'm pilleadh iad gu slighe na fìreantachd; Deònaich dhoibh-san uile a tha air an gabhail a steach ann an comh-chomunn creidimh Chriosd, gu'n seachainn iad na nithe sin a tha 'an aghaidh an aidmheil, agus gu'n lean iad na nithe sin uile a tha d'a réir, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Pead. ii. 11.

A Mhuinntir mo ghraidh, guidheam oirbh, mar choigrich agus luchd-cuairt, sibh a sheachnadh ana-miannan feòlmhor, a tha 'cogadh an aghaidh an anama; air dhuibh deadh chaithe-beatha 'bhi agaibh 'am measg nan Cinneach; chum 'an àit olc a labhairt umaibh mar luchd mi-ghnìomh, gu'n dean iad o 'ur deadh oibribh a chi iad, Dia a ghlòrachadh ann an là an fhiosrachaidh. Uime sin bithibh ùmhal do gach uile riaghailt dhaoine air son an Tighearna: ma's ann do'n Rìgh, mar an ti a's àirde inbhe; no do uachdranaibh, mar do'n mhuinntir a chuireadh uaith, chum dìoghaltais air luchd-deanamh an uilc, ach chum cliu dhoibh-san a ni maith. Oir is i toil Dhé, gu'n cuireadh sibh le deadh dheanadas tosd air aineolas dhaoine amaideach: mar dhaoine saor, agus gun 'ur saorsa a ghnàthachadh mar bhrat-folaich do'n olc; ach mar sheirbhisich Dhé. Thugaibh urram do na h-uile dhaoine. Gràdhaichibh na bràithrean. Bitheadh eagal Dhé oirbh. Thugaibh urram do'n Righ.

An Soisgeul. N. Eoin xvi. 16.

THubhairt Iosa r 'a dheisciobluibh, Tamull beag agus cha-n fhaic sibh mi; agus a rìs, tamull beag agus chi sibh mi, do bhrìgh gu bheil mi 'dol chum an Athar. An sin thubhairt cuid d'a dheisciobluibh eatorra féin, Ciod e so a tha e ag ràdh ruinn, Tamull beag agus cha-n fhaic sibh mi; agus a rìs, tamull beag agus chi sibh mi; agus Do bhrìgh gu bheil mi 'dol chum an Athar? Air

an aobhar sin thubhairt iad, Ciod e so a tha e ag ràdh, Tumull beag? cha-n'eil sinne a' tuigsinn ciod a tha e ag ràdh. A nis dh'aithnich Iosa gu'n robh toil aca fheòraich dheth, agus thubhairt e riu, Am bheil sibh a' feòraich 'n 'ur measg féin, mar a thubhairt mi, Tamull beag, agus cha-n fhaic sibh mi; agus a rìs, tamull beag agus chi sibh mi? Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ruibh, gu'n dean sibhse gul agus caoidh, ach ni an saoghal gairdeachas: agus bithidh sibhse do-bhrònach, ach pillear 'ur bròn gu gairdeachas. 'N uair a bhitheas bean ri saothair-chloinne, bithidh i fo dhoilgheas, chionn gu bheil a h-uair air teachd: ach an uair a bheireas i an leanabh, cha chuimhnich i a h-àmhghar na's mo, tre aoibhneas gu'n d'rugadh duine chum an t-saoghail. Agus tha nis uime sin doilgheas oirbh-se: ach chi mise a rìs sibh, agus ni 'ur cridhe gairdeachas, agus 'ur gairdeachas cha bhuin neach air bith uaibh.

An ceathramh Dòmhnach an déigh na Càisge.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a tha a' d' aonar comasach air iarrtuis agus aignean easumhal dhaoine peacach a riaghladh; Deònaich do d' shluagh, gu'n gràdhaich iad an ni a tha thu 'g àithneadh, agus gu'm miannaich iad an ni a tha thu 'gealltuinn, ionnas 'am measg chaochlaidhean iomadach, agus lìonmhor an t-saoghail, gu'm bi ar cridheachan gu cinnteach an sin suidhichte, far am bheil fìor aoibhneis r' am faotainn, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. N. Seum. i. 17.

THa gach uile dheadh thabhartas, agus gach uile thìodhlac iomlan o'n àirde, a' teachd a nuas o Athair na soillse, maille ris nach 'eil atharrachadh, no sgàile tionndaidh. O 'thoil féin ghin e sinn le focal na firinn, chum gu'm bitheamaid 'n ar gnè cheud-toraidh d'a chreutairibh. Uime sin, mo bhràithrean gràdhach, bitheadh gach duine ealamh chum éisdeachd, mall chum labhairt, mall chum feirge; oir cha-n oibrich fearg duine fìreantachd Dhé. Uime sin cuiribh uaibh gach uile shalachar agus anabharr mì-ruin, agus gabhaibh do 'ur n-ionnsuidh le macantas am focal a tha air a shuidheach-

adh annaibh, a tha comasach air 'ur n-anaman a thèarnadh.

An Soisgeul. N. Eoin xvi. 5.

THubhairt Iosa r'a dheisciobluibh, A nis tha mi 'dol chum an ti a chuir uaith mi, agus cha-n'eil a h-aon agaibh-se a' feòraich dhiom, C'àit am bheil thu 'dol? Ach a chionn gu'n dubhairt mi na nithe so ruibh lìon do-bhròn 'ur cridhe. Gidheadh, tha mi ag innseadh dhuibh na firinn, Is buannachd dhuibh mise a dh'fhalbh: oir mur falbh mi, cha tig an Comhfhurtair do 'ur n-ionnsuidh-se; ach ma dh'fhalbhas mi, cuiridh mi esan do 'ur n-ionnsuidh. Agus an uair a thig esan, bheir e dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus mu bhreitheanas: Mu pheacadh; do bhrìgh nach 'eil iad a' creidsinn annam-sa: Mu fhìreantachd; do bhrìgh gu bheil mi 'dol a dh'ionnsuidh m' Athar, agus nach faic sibh na's mò mi: Mu bhreitheanas; a chionn gu bheil uachdaran an t-saoghail so air a dhìteadh. Tha mòran nithean agam fathast ri ràdh ruibh, ach cha-n urrainn sibh an giùlan an tràth so. Ach, an uair a thig esan, Spiorad na firinn, treòraichidh e sibh chum gach uile fhìrinn; oir cha labhair e uaith féin; ach labhraidh e na h-uile nithean a chluinneas e, agus foillsichidh e dhuibhse nithean a tha ri teachd. Bheir esan glòir dhomh-sa: oir gheibh e de m' chuid-sa, agus nochdaidh e dhuibh-se e. Na h-uile nithean a tha aig an Athair, is leam-sa iad: air an aobhar so thubhairt mi, gu'm faigh e de m' chuid-sa, agus nochdaidh e dhuibhse e.

An cùigeamh Dòmhnach an déigh na Càisge.

An Guidhe.

O 'Thighearna, o'm bheil na h-uile nithe maith a' teachd; Deònaich dhuinne do sheirbhisich ùmhal, le d' dheachdadh naomh gu'n smuaintich sinn air na nithibh sin a tha maith, agus le d' stiuradh tròcaireach gu'n coimhlion sinn iad, trìd ar Tighearna, Iosa Criosd. *Amen.*

An Litir. N. Seum. i. 22.

BIthibh-se 'n 'ur luchd-cur'an gnìomh an fhocail, agus na b'ann 'n 'ur luchd-éisdeachd a mhàin, 'g 'ur mealladh féin. Oir ma tha neach air bith 'n a fhear-

éisdeachd an fhocail agus cha-n ann 'n a fhear-deanamh d'a réir, is cosmhuil e ri duine a tha 'g amharc air 'aghaidh nàdurra féin ann an sgàthan. Oir bheachdaich e air féin, agus dh'imich e roimhe, agus dhì-chuimhnich e air ball ciod an coslas duine a bh'ann féin. Ach ge b'e 'bheachdaicheas gu dùrachdach air lagh coimhlionta na saorsa, agus a bhuanaicheas ann; gun e 'bhi 'n a fhear-éisdeachd dearmadach, ach 'n a fhear-deanamh na h-oibre, bithidh an duine so beannaichte 'n a dheanadas. Ma shaoileas neach air bith 'n 'ur measg gu bheil e diadhaidh, gun a bhi 'cur sréin r'a theangaidh, ach a' mealladh a chridhe féin, is dìomhain diadhachd an duine so. 'S i so an diadhachd fhìor-ghlan, agus neo-shalach 'am fianuis Dhé agus an Athar; Dìlleachdain agus bantraichean fhiosrachadh 'n an trioblaid, agus neach 'g a choimhead féin gun smal o'n t-saoghal.

An Soisgeul. N. Eoin xvi. 23.

GU deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ruibh, Ge b'e nithean a dh'iarras sibh air an Athair ann am Ainm-sa, gu'n toir e dhuibh iad. Gus a so cha d'iarr sibh ni air bith ann am ainm-sa: Iarraibh, agus gheibh sibh, chum gu'm bi 'ur n-aoibhneas làn. Na nithe so labhair mi ruibh ann am briathraibh dorcha: ach thig an uair anns nach labhair mi na's mò ruibh ann am briathraibh dorcha, ach innsidh mi gu soilleir mu'n Athair dhuibh. Anns an là sin iarraidh sibh a'm' Ainmsa: agus cha-n'eil mi ag ràdh ruibh, gu'n guidh mi an t-Athair air 'ur son; Oir is toigh leis an Athair féin sibh, air son gu'n d'thug sibh gràdh dhomh-sa, agus gu'n do chreid sibh gur ann o Dhia a thàinig mi. Thàinig mi mach o'n Athair, agus tha mi air teachd chum an t-saoghail: A rìs, tha mi 'fàgail an t-saoghail, agus a' dol chum an Athar. Thubhairt a dheisciobuil ris; Feuch, a nis tha thu 'labhairt gu soilleir, agus cha-n'eil thu 'labhairt cosamhlachd air bith. A nis tha fhios againn gur aithne dhuit na h-uile nithean, agus nach feum thu duine air bith a dh'fheòraich dhiot: air a shon so tha sinn a' creidsinn gur ann o Dhia a thàinig thu. Fhreagair Iosa iad, Am bheil sibh a nis a' creidsinn? Feuch thig an t-àm, seadh, tha e cheana air teachd, anns an sgapar o 'chéile sibh, gach aon g'a ionad féin, agus am fàg

sibh mise a'm' aonar: gidheadh cha-n'eil mise a'm' aonar, oir tha an t-Athair maille rium. Na nithe so labhair mi ruibh, chum gu' n bitheadh sìth agaibh annam-sa. Anns an t-saoghal bithidh àmhghar agaibh; ach bitheadh deadh mhisneach agaibh, thug mise buaidh air an t-saoghal.

Là an Dol-suas.

An Guidhe.

DEònaich, tha sinn a' guidhe ort, a Dhé Uile-chumhachdaich, amhuil mar a tha sinn a' creidsinn gu'n deachaidh d' aon-ghin Mhic ar Tighearn Iosa Criosd a suas chum nan nèamh; mar sin gu'n téid sinne mar an ceudna ann an cridhe agus ann an inntinn a suas do'n ionad cheudna, agus gu'n gabh sinn do ghnàth còmhnuidh maille ris-san, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa, agus ris an Spiorad naomh, aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. i. 1.

RInn mi an ceud leabhar, a Theophiluis, mu thimchioll nan uile nithean a thòisich Iosa air a dheanamh agus a theagasg, gus an là 's an do thogadh suas e, an déigh dha troimh an Spiorad Naomh àitheantan a thoirt do na h-Abstolaibh a thagh e. D'an d'rinn e mar an ceudna e féin a nochdadh beò an déigh 'fhulangais, le mòran de chomharaidhibh firinneach, air dha 'bhi air 'fhaicinn leo feadh dhà fhichead là, agus e 'labhairt mu na nithibh sin a bhuineadh do rìoghachd Dhé: Agus air dha 'bhi maille riu, dh'àithn e dhoibh gun iad a dhol o Ierusalem, ach feitheamh ri gealladh an Athar, ars' esan, a chuala sibh uam-sa. Oir bhaist Eoin gu deimhin le uisge: ach baistear sibhse leis an Spiorad naomh, air bheag de làithibh an déigh so. Uime sin an uair a chruinnich iad 'an ceann a chéile, dh'fheòraich iad deth, ag ràdh, A Thighearn', an aisig thu 's an àm so an rìoghachd do Israel? Ach thubhairt esan riu, Cha bhuin e dhuibhse fios nan aimsir no nan àm fhaotainn, a chuir an t-Athair 'n a chumhachd féin. Ach gheibh sibhse cumhachd an uair a thig an Spiorad naomh oirbh; agus bithidh sibh 'n 'ur fianuisibh dhomh-sa, araon ann an Ierusalem agus ann an Iudea uile, agus ann an Samaria,

agus gu iomall na talmhainn. Agus an uair a thubhairt e na nithe so, thogadh suas e, agus iadsan 'g a fhaicinn, agus thug neul as an sealladh e. Agus am feadh a bha iadsan a' geur-amharc gu nèamh, agus esan a' dol suas, feuch, sheas dithis fhear làimh riu ann an eudach geal; agus thubhairt iad, Fheara Ghalile, c'ar son a tha sibh 'n 'ur seasamh ag amharc gu nèamh? An t-Iosa so a thogadh suas uaibh gu nèamh, is amhuil sin a thig e, mar a chunnaic sibh e a' dol do nèamh.

An Soisgeul. N. Marc. xvi. 14.

NOchdadh Iosa do'n aon fhear deug agus iad 'n an suidhe aig biadh, agus thilg e orra am mi-chreidimh agus an cruas-cridhe, a chionn nach do chreid iad iadsan a chunnaic e an déigh dha éirigh. Agus thubhairt e riu, Imichibh air feadh an t-saoghail uile, agus searmonaichibh an soisgeul do gach dùil. Ge b'e 'chreideas agus a bhaistear, saorar e; ach ge b'e nach creid, dìtear e. Agus leanaidh na comharaidhean so an dream a chreideas: Ann am Ainm-sa tilgidh iad a mach deamhain, labhraidh iad le teangaibh nuadha, togaidh iad nathraiche nimhe, agus ma dh'òlas iad ni air bith marbhtach, cha chiùrr e iad; cuiridh iad an làmhan air daoinibh tinne, agus bithidh iad slàn. Mar sin an déigh do'n Tighearn labhairt riu, ghabhadh suas gu nèamh e, agus shuidh e air deas làimh Dhé. Agus air dhoibh-san dol a mach shearmonaich iad anns gach àit', air bhi do'n Tighearn a' co-oibreachadh leo, agus a' daingneachadh an fhocail leis na comharaidhibh a lean e.

An Dòmhnach an déigh Là an Dol-suas.

An Guidhe.

O 'Dhé a Rìgh na glòire, a dh'àrdaich d'aon Mhac Iosa Criosd le mòr bhuaidh a dh' ionnsuidh do rìoghachd air nèamh; Tha sinn a' guidhe ort na fàg gun chomhfhurtachd sinn; ach cuir d' ar n-ionnsuidh do Spiorad naomh a chum ar comhfhurtachd, agus àrdaich sinn a dh' ionnsuidh an ionaid cheudna gus an deachaidh ar Slànuidhear Criosd romhainn, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa, agus ris an Spiorad naomh, aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. 1 N. Pead. iv. 7.

THa crìoch nan uile nithean am fagus: uime sin bithibh measarra, agus deanaibh faire chum urnuigh. Agus roimh na h-uile nithibh bitheadh agaibh teas ghràdh d'a chéile: oir cuiridh gràdh folach air mòran pheacaidhean. Thugaibh aoidheachd d'a chéile gun ghearan. A réir mar a fhuair gach aon an tìodhlac, mar sin deanaibh frithealadh d'a chéile, mar dheadh stiùbhardaibh air gràs eagsamhuil Dhé. Ma labhras neach sam bith, labhradh e mar bhriathraibh Dhé: Ma tha neach sam bith ri frithealadh, deanadh se e mar o'n chomas a bheir Dia dha, chum gu'm bi Dia air a ghlòrachàdh anns na h-uile nithibh tre Iosa Criosd; dhàsan gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. *Amen.*

An Soisgeul. N. Eoin xv. 26 agus cuid de Chaibideil xvi.

AN uair a thig an Comhfhurtair, a chuireas mise do 'ur n-ionnsuidh o'n Athair, Spiorad na firinn, a tha 'teachd a mach o 'n Athair, ni esan fianuis mu m' thimchioll-sa. Agus ni sibhse fianuis mar an ceudna, do bhrìgh gu bheil sibh maille rium o thùs. Na nithe so labhair mi ruibh, chum nach faigheadh sibh oilbheum. Cuiridh iad as an t-sionagog sibh: seadh thig an uair, ge b'e neach a mharbhas sibh, gu'n saoil e gu bheil e 'deanamh seirbhis do Dhia. Agus ni iad na nithe so, do bhrìgh nach aithne dhoibh an t-Athair, no mise; ach dh'innis mi na nithe so dhuibh, chum 'n uair a thig an t-àm, gu'n cuimhnich sibh gu'n d'innis mi dhuibh iad.

Dòmhnach na Cuingeis.

An Guidhe.

A Dhé, a theagaisg cridheachan do shluaigh chreidich mar aig an àm so, le solus do Spioraid naoimh a chur d 'an ionnsuidh; Deònaich dhuinn leis an Spiorad cheudna tuigse cheart a bhi againn anns na h-uile nithibh, agus gu sìorruidh tuilleadh gairdeachas a dheanamh 'n a chomhfhurtachd naoimh, tre dheadhthoillteanais Iosa Criosd ar Slànuidhir, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa, ann an aonachd an Spioraid cheudna, aon Dia saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Air son na Litreach. Gniòmh. ii. 1.

AN uair a thàinig là na Cuingeis, bha iad gu léir a dh'aon inntinn ann an aon àite. Agus thàinig gu h-obann toirm o nèamh, mar shéideadh gaoithe ro thréin, agus lìon i an tigh uile far an robh iad 'n an suidhe. Agus dh'fhoillsicheadh dhoibh teanganna sgoilte, mar de theine, agus shuidh e air gach aon diubh fa leth: Agus lionadh iad uile leis an Spiorad naomh, agus thòisich iad air labhairt le teangaibh eile, a rèir mar a thug an Spiorad comas labhairt dhoibh. Agus bha a' gabhail còmhnuidh ann an Ierusalem Iudhaich, daoine cràbhach, de gach uile chinneach fo nèamh. A nis an uair a sgaoileadh an t-iomradh so, thàinig an sluagh 'an ceann a chéile, agus bha iad fo amhluadh, do bhrìgh gu'n cuala gach aon iad a' labhairt 'n a chànain féin. Agus bha iad uile fo uamhas, agus ghabh iad iongantas, ag ràdh r'a chéile, Feuch, nach Galiléich iad sin uile, a tha 'labhairt? Agus cionnus a tha sinne 'g an cluinntinn gach aon 'n ar cànain féin anns an d'rugadh sinn? Partaich, agus Medich, agus Elamaich, agus luchd-àiteachaidh Mhesopotamia, Iudea, agus Chapadocia, Phontuis agus Asia, Phrigia, agus Phamphilia, na h-Eiphit, agus chrìoch na Libia, timchioll Chirene, agus coigrich o'n Ròimh, Iudhaich agus Proselitich, muinntir Chrete agus Arabia, tha sinn 'g an cluinntinn a' labhairt 'n ar teangaibh féin gnìomharan mòralach Dhé.

An Soisgeul. N. Eoin xiv. 15.

THubhairt Iosa r'a dheisciobluibh, Ma's toigh leibh mise coimhidibh m'àitheantan. Agus guidhidh mise an t-Athair, agus bheir e dhuibh Comhfhurtair eile, chum gu'm fan e maille ruibh gu bràth; Spiorad na firinn, neach nach urrainn an saoghal a ghabhail, do bhrìgh nach 'eil e 'g a fhaicinn, agus nach aithne dha e; ach is aithne dhuibhse e; oir tha e 'fantuinn maille ruibh, agus bithidh e annaibh. Cha-n fhàg mi sibh 'n 'ur dìlleachdain; thig mi do 'ur n-ionnsuidh. Tamull beag fathast, agus cha-n fhaic an saoghal mi tuilleadh; ach chi sibhse mi: do bhrìgh gu bheil mise beò, bithidh sibhse beò mar an ceudna. Anns an là sin bithidh fios agaibh, gu bheil mise ann am Athair, agus sibhse annam-sa, agus mise annaibh-sa. An ti aig am bheil m'àitheanta-sa, agus a

tha 'g an coimhead, is esan aig am bheil gràdh dhomh-sa; agus an ti aig am bheil gràdh dhomh-sa gràdhaichear le m' Athair e, agus gradhaichidh mise e, agus foillsichidh mi mi fein da. Thubhairt Iudas, (cha-n e Iscariot) ris, A Thighearna, c'ar son a dh'fhoillsicheas tu thu féin dhuinne, agus nach dean thu sin do'n t-saoghal? Fhreagair Iosa, agus thubhairt e ris, Ma ghràdhaicheas neach mise, coimhididh e m' fhocal: agus gràdhaichidh m'Athair esan, agus thig sinn d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris. An ti nach gràdhaich mise, cha choimhid e mo bhriathran: agus am focal a tha sibh a' cluinntinn, cha leam-sa e; ach leis an Athair a chuir uaith mi. Na nithe so labhair mi ruibh, air dhomh 'bhi 'am chòmhnuidh maille ruibh. Ach an Comhfhurtair, an Spiorad naomh, a chuireas an t-Athair uaith ann am ainm-sa, teagaisgidh esan dhuibh na h-uile nithean, agus cuiridh e 'n cuimhne duibh na h-uile nithean a labhair mise ruibh. Tha mi 'fàgail sìthe agaibh, mo shìth-sa tha mi 'toirt duibh: cha-n ann mar a bheir an saoghal, a tha mise 'toirt duibh. Na bitheadh 'ur cridhe fo thrioblaid, agus na bitheadh eagal air. Chuala sibh mar thubhairt mi ruibh, Tha mi 'falbh agus thig mi rìs do 'ur n-ionnsuidh. Nam bitheadh gràdh agaibh dhomh-sa, bhitheadh aoibhneas oirbh, a chionn gu'n dubhairt mi, Tha mi 'dol chum an Athar: oir is mò m'Athair na mise. Agus a nis dh'innis mi dhuibh so roimh dha teachd gu crìch, chum, 'n uair a thig e gu crìch gu'n creideadh sibh. A so suas cha labhair mi mòran ruibh: oir tha uachdaran an t-saoghail so a' teachd, agus cha-n'eil ni air bith aige annam-sa. Ach a chum gu'm bi fios aig an t-saoghal gur ionmhuinn leam an t-Athair; agus mar a thug an t-Athair àithne dhomh, mar sin tha mi a' deanamh.

Di-luain ann an Seachduin na Cuingeis.

An Guidhe.

A Dhé, a theagaisg cridheachan do shluaigh chreidich, mar aig an àm so, le solus do Spioraid naoimh a chur d'an ionnsuidh; Deònaich dhuinn leis an Spiorad cheudna tuigse cheart a bhi againn anns na h-uile nithibh, agus gu sìorruidh tuilleadh gairdeachas a dheanamh 'n a chomhfhurtachd naoimh, tre dheadh-thoillteanais

Iosa Criosd ar Slànuidhir, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa, ann an aonachd an Spioraid cheudna, aon Dia saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. x. 34.

AN sin dh'fhosgail Peadar a bheul, agus thubhairt e, Gu firinneach tha mi 'g aithneachadh nach 'eil Dia ag amharc air pearsaibh seach a chéile; ach anns gach uile chinneach tha an neach air am bheil 'eagal-san, agus a tha 'g oibreachadh fìreantachd, taitneach dha. Am focal a chuir Dia gu cloinn Israeil a' searmonachadh sìthe tre Iosa Criosd (neach a's e Tighearn nan uile), Am focal sin is aithne dhuibh, a sgaoileadh air feadh tìre Iudea uile, agus a thòisich o Ghalile, an déigh a' bhaistidh a shearmonaich Eoin: Cionnus a dh'ung Dia Iosa o Nasaret leis an Spiorad naomh agus le cumhachd, neach a chaidh mu'n cuairt a' deanamh maith, agus a' slànuchadh nan uile a bha air an sàruchadh leis an diabhul: oir bha Dia maille ris. Agus tha sinne 'n ar fianuisibh air na h-uile nithibh a rinn e, araon ann an tìr nan Iudhach, agus ann an Ierusalem; neach a mharbh iad, 'g a chrochadh air crann: Esan thog Dia suas air an treas là, agus nochd se e gu follaiseach; cha-n ann do 'n t-sluagh uile, ach do fhianuisibh a thaghadh le Dia roimh-làimh; eadhon dhuinne, a dh'ith agus a dh'òl maille ris an déigh dha éirigh o na mairbh. Agus dh'àithn e dhuinne searmonachadh do'n t-sluagh, agus fianuis a dheanamh gur esan a dh'orduicheadh le Dia 'n a bhreitheamh air bheòthaibh agus air mhairbh. Dhàsan tha na fàidhean uile a' toirt fianuis, gu'm faigh gach neach a chreideas ann maitheanas 'n am peacaidhibh tre 'Ainm-san. Am feadh a bha Peadar fathast a'labhairt nam briathra sin, thuirling an Spiorad naomh orra-san uile a chual' am focal. Agus ghabh na creidich de'n timchioll-ghearradh, a' mheud diubh 'sa thàinig maille ri Peadar, iongantas mòr, do bhrìgh gu'n do dhòirteadh air na Cinnich mar an ceudna tìodhlac an Spioraid naoimh. Oir chuala siad iad a' labhairt le teangaibh, agus ag àrd-mholadh Dhé. An sin fhreagair Peadar, Am feud neach sam bith uisge a thoirmeasg, chum nach rachadh iad so a bhaisteadh, a fhuair an Spiorad naomh co maith ruinne? Agus

dh'orduich e iad a bhi air am baisteadh ann an Ainm an Tighearna. An sin ghuidh iad air fantuinn maille riu làithean àraidh.

An Soisgeul. N. Eoin iii. 16.

IS ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e 'aon-ghin Mhic féin, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shìorruidh aige. Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal chum gu'n dìteadh e an saoghal, ach a chum gu'm bitheadh an saoghal air a shaoradh trìd-san. An ti a chreideas ann, cha dìtear e: ach an ti nach creid tha e air a dhìteadh cheana, a chionn nach do chreid e ann an Ainm aon-ghin Mhic Dhé. Agus is e so an dìteadh, gu'n d'thàinig an solus do'n t-saoghal, agus gu'n do ghràdhaich daoine an dorchadas na's mo na'n solus, a chionn gu'n robh an gnìomharan olc. Oir gach neach a tha 'deanamh uilc, tha e 'toirt fuatha do'n t-solus, agus cha-n'eil e 'teachd chum an t-soluis, air eagal gu'm bitheadh 'oibre air an cronachadh. Ach an ti a ni an fhìrinn, thig e chum an t-soluis, chum gu'm bi 'oibre follaiseach, gur ann 'an Dia rinneadh iad.

Di-mairt ann an seachduin na cuingeis.

An Guidhe.

A Dhé a theagaisg cridheachan do shluaigh chreidich mar aig an àm so le solus do Spioraid naoimh a chur d'an ionnsuidh; Deònaich dhuinn leis an Spiorad cheudna tuigse cheart a bhi againn anns na h-uile nithibh, agus gu sìorruidh tuilleadh gairdeachas a dheanamh 'n a chomhfhurtachd naoimh, tre dheadh-thoillteanais Iosa Criosd ar Slànuidhir, a tha beò, agus a' riaghladh maille riutsa ann an aonachd an Spioraid cheudna, aon Dia saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. viii. 14.

AN uair a chuala na h-Abstoil a bha ann an Ierusalem, gu'n do ghabh Samaria focal Dhé, chuir iad d'an ionnsuidh Peadar agus Eoin: agus an uair a chaidh iad sìos, ghuidh iad air an son, gu'm faigheadh iad an Spiorad naomh. (Oir cha d'thàinig e fathast a nuas air aon aca: ach a mhàin bhaisteadh iad ann an ainm an Tighearna Iosa). An sin chuir iad an làmhan orra, agus fhuair iad an Spiorad naomh.

An Soisgeul. N. Eoin x. 1.

GU deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ruibh, An ti nach téid a stigh troimh an dorus do chrò nan caorach, ach a théid suas air sheòl eile, is gaduiche agus fear-reubainn e. Ach an ti a théid a steach air an dorus, is esan buachaill nan caorach. Dhàsan fosglaidh an dorsair; agus éisdidh na caoraich r'a ghuth, agus gairmidh e a chaoraich féin air an ainm, agus treòraichidh e mach iad. Agus an uair a chuireas e mach a chaoraich féin, imichidh e rompa, agus leanaidh na caoraich e; oir is aithne dhoibh a ghuth. Agus cha lean iad coigreach; ach teichidh iad uaith; do bhrìgh nach aithne dhoibh guth choigreach. An cosamhlachd so labhair Iosa riu: ach cha do thuig iadsan ciod iad na nithean a labhair e riu. An sin thubhairt Iosa riu a rìs; Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ruibh, gur mise dorus nan caorach. Iadsan uile a thàinig romham-sa, is gaduichean agus luchd-reubainn iad; ach cha d'éisd na caoraich riu. Is mise an dorus; ma théid neach air bith steach tromham-sa, tèarnar e, agus théid e steach agus a mach, agus gheibh e ionaltradh. Cha tig an gaduiche ach a ghoid, agus a mharbhadh, agus a mhilleadh: thàinig mise chum gu'm bitheadh beatha aca, agus gu'm bitheadh i aca na's pailte.

DOMHNACH NA TRIONAID.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, agus shìor-mhaireannaich, a thug gràs dhuinne do sheirbhisich le aidmheil creidimh fhìrinnich a dh' aideachadh glòire na Trionaid shìorruidh, agus ann an cumhachd na Mòrachd dhiadhaidh a thoirt aoradh do'n Aonachd; Tha sinn a' guidhe ort gu'n gleidh thu sinn gu daingean anns a' chreidimh so, agus gu sìorruidh tuilleadh gu'n dìon thu sinn o na h-uile àmhghairibh, thusa a tha beò, agus a' riaghladh aon Dia saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Air son na Litreach. Taisb. iv. 1.

AN déigh so dh'amhairc mi, agus feuch, bha dorus fosgailte air nèamh: agus bha an ceud ghuth a chuala mi, mar fhuaim trompaid a' labhairt rium; ag

ràdh, Thig a nìos an so, agus nochdaidh mise dhuit nithean a's éigin tachairt an déigh so. Agus air ball bha mi 's an Spiorad ; agus feuch, bha rìgh-chaithir air a suidheachadh air nèamh, agus bha neach 'n a shuidhe air an rìgh-chaithir, agus bha an ti a shuidh, ri amharc air, cosmhuil ri cloich iasper, agus shardis : agus bha boghafrois' timchioll na rìgh-chaithreach mu'n cuairt, cosmhuil r'a fhaicinn ri emerald. Agus timchioll na righ-chaithreach mu'n cuairt bha ceithir chaithriche fichead; agus air na caithrichibh chunnaic mi ceithir seanaire fichead n' an suidhe, air an sgeadachadh ann an culaidhibh geala ; agus bha aca air an cinn crùin òir. Agus chaidh a mach as an rìgh-chaithir dealanaich, agus tairneanaich, agus guthanna. Agus bha seachd lòchrain theine a' dearg-lasadh 'am fianuis na rìgh-chaithreach, a's iad seachd spiorada Dhé. Agus roimh an rìgh-chaithir bha fairge ghloine cosmhuil ri criostal : agus ann am meadhon na rìgh-chaithreach, agus mu'n cuairt de'n rìgh-chaithir bha ceithir beò-chreutairean làn de shùilibh air am beulaobh agus air an cùlaobh. Agus bha an ceud bheòchreutair cosmhuil ri leòmhan, agus an dara beò-chreutair cosmhuil ri laogh, agus bha aig an treas beò-chreutair aghaidh mar dhuine, agus bha an ceathramh beò-chreutair cosmhuil ri iolair ag itealaich. Agus aig na ceithir beòchreutairibh, aig gach aon diubh fa leth, bha sè sgiathan mu'n cuairt da, agus bha iad làn de shùilibh an taobh a stigh, agus cha do sguir iad a là no dh'oidhche, ag ràdh, Naomh, naomh, naomh, an Tighearn Dia uile-chumhachdach, a bha, agus a tha, agus a bhitheas. Agus an uair a thug na beò-chreutairean sin glòir, agus urram, agus buidheachas do'n ti a bha 'n a shuidhe air an rìgh-chaithir, a tha beò gu saoghal nan saoghal, thuit na ceithir seanaire fichead sìos 'an làthair an ti a bha 'n a shuidhe air an rìgh-chaithir, agus rinn iad aoradh dhàsan a tha beò gu saoghal nan saoghal, agus thilg iad sìos an crùin 'an làthair na rìgh-chaithreach, ag ràdh, Is airidh thusa, a Tighearna, air glòir, agus urram, agus cumhachd fhaotainn ; oir chruthaich thu na h-uile nithean, agus air son do thoile-sa tha iad ann agus chruthaicheadh iad.

An Soisgeul. N. Eoin iii. 1.

BHa duine de na Phairisich, d'am b'ainm Nicodemus, a bha 'n a uachdaran air na h-Iudhaich. Thàinig

esan chum Iosa 's an oidhche, agus thubhairt e ris, A mhaighstir, tha fhios againn gur fear teagaisg thu a thàinig o Dhia : Oir cha-n urrainn duine air bith na mìorbhuile so 'dheanamh a tha thusa a' deanamh, mur bi Dia maille ris. Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh riut, Mur beirear duine a rìs, nach urrainn e rioghachd Dhé fhaicinn. Thubhairt Nicodemus ris, Cionnus a dh' fheudas duine 'bhi air a bhreith 'n uair tha e aosda ? am bheil e comasach air dol a stigh an dara uair do bhroinn a mhàthar, agus a bhi air a bhreith ? Fhreagair Iosa, Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh riut, mur bi duine air a bhreith o uisge, agus o'n Spiorad, cha-n urrainn e dol a steach do rìoghachd Dhé. An ni sin a tha air a bhreith o'n fheòil is feòil e ; agus an ni sin a tha air a bhreith o'n Spiorad, is Spiorad e. Na gabh iongantas gu'n dubhairt mi riut, Is éigin duibh bhi air 'ur breith a rìs. Tha a' ghaoth a' séideadh far an àill leatha, agus tha thu a' cluinntinn a fuaim ; ach cha-n'eil fhios agad cia as a tha i 'teachd, no c'àit am bheil i 'dol ; is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o'n Spiorad. Fhreagair Nicodemus agus thubhairt e ris ; Cionnus a dh' fheudas na nithe so 'bhi? Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Am bheil thusa a'd fhear-teagaisg Israeil, agus nach aithne dhuit na nithe so ? Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh riut, Gu bheil sinne a' labhairt an ni a's fios duinn, agus a' toirt fianuis air an ni sin a chunnaic sinn, agus cha ghabh sibhse ar fianuis. Ma dh'innis mi dhuibh nithe talmhaidh, agus nach creid sibh ; cionnus a chreideas sibh ma dh'innseas mi dhuibh nithe nèamhaidh ? Agus cha deachaidh aon neach suas do nèamh, ach an ti a thàinig a nuas o nèamh, Mac an duine, a tha air nèamh. Agus mar a thog Maois suas an nathair 's an fhàsach : is ann mar sin is éigin do Mhac an duine 'bhi air a thogail suas ; chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha mhaireannach aige.

An ceud Dhòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Dhé, neart na muinntir sin uile a tha 'cur an earbsa annad, gu tròcaireach gabh ar n-urnuighean ; agus do bhrìgh tre anmhuinneachd ar naduir bhàsmhoir nach

urrainn duinn ni maith air bith a dheanamh as d' eugmhais, deònaich dhuinn còmhnadh do ghràis, a chum ann an gleidheadh d' àitheantan gu'n toilich sinn thu, araon ann an rùn agus ann an gnìomh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Eoin iv. 7.

A Mhuinntir ionmhuinn, gràdhaicheamaid a chéile; oir is ann o Dhia a tha 'n gràdh, agus gach neach a ghràdhaicheas, ghineadh o Dhia e, agus is aithne dha Dia. An ti nach gràdhaich, cha-n aithne dha Dia; oir is gràdh Dia. An so dh'fhoillsicheadh gràdh Dhé dhuinne, do bhrìgh gu'n do chuir Dia aon-ghin Mhic do'n t-saoghal, chum gu'm bitheamaid beò trìd-san. An so tha gràdh, cha-n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac féin gu bhi 'n a ìobairt-réitich air son ar peacaidhean. A mhuinntir ionmhuinn, ma ghràdhaich Dia sinne mar sin, tha e mar fhiachaibh oirnne a chéile a ghràdhachadh mar an ceudna. Cha-n fhaca neach air bith Dia riamh. Ma ghràdhaicheas sinn a chéile, tha Dia 'n a chòmhnuidh annainn, agus tha a ghràdh air a choimhlionadh annainn. O so is aithne dhuinn gu bheil sinne 'n ar còmhnuidh ann-san, agus esan annainne, do bhrìgh gu'n d'thug e dhuinn d'a Spiorad. Agus chunnaic sinn agus tha sinn a' deanamh fianuis, gu'n do chuir an t-Athair am Mac uaith mar Shlànuidhear an t-saoghail. Ge b'e neach a dh'aidicheas gur e Iosa Mac Dhé, tha Dia 'n a chòmhnuidh ann-san, agus esan ann an Dia. Agus fhuair sinn aithne air agus chreid sinn an gràdh a tha aig Dia dhuinn. Is gràdh Dia; agus an ti a tha 'fantuinn ann an gràdh, tha e 'n a chòmhnuidh ann an Dia, agus Dia ann-san. An so tha ar gràdh-ne air a dheanamh coimhlionta, chum gu'm bi againn dànachd ann an là a' bhreitheanais, do bhrìgh mar a tha esan, gur amhuil sin a tha sinne anns an t-saoghal so. Cha-n'eil eagal ann an gràdh, ach tilgidh gràdh iomlan an t-eagal a mach; do bhrìgh gu bheil pian 's an eagal: An ti a tha fo eagal, cha d'rinneadh coimhlionta ann an gràdh e. Tha gràdh againne dhàsan, do bhrìgh gu'n do ghràdhaich esan sinne an toiseach. Ma their neach, Tha gràdh agam do Dhia, agus fuath aige d'a bhràthair, is breugaire e: oir an ti

nach gràdhaich a bhràthair, a chùnnaic e, cionnus a dh'fheudas e Dia, nach fac e, a ghràdhachadh? Agus an àithne so tha againn uaithe-san, an ti a ghràdhaicheas Dia, gu'n gràdhaich e a bhràthair mar an ceudna.

An Soisgeul. N. Luc. xvi. 19.

BHa duine saoibhir àraidh ann, a bha air a sgeadachadh le purpur agus lìon-eudach grinn, agus bha e 'caitheadh a bheatha gach là gu sòghail le mòr-ghreadhnachas. Agus bha duine bochd àraidh ann, d'am b'ainm Lasarus, a chuireadh 'n a luidhe aig a dhorus làn de chreuchdaibh; agus bu mhiann leis a bhi air a shàsuchadh leis an sbruileach, a bha 'tuiteam o bhòrd an duine shaoibhir: seadh agus thàinig na madaidh agus dh'imlich iad a chreuchdan. Agus tharladh gu'n d'fhuair an duine bochd bàs, agus gu'n do ghiùlaineadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abrahaim: fhuair an duine saoibhir bàs mar an ceudna agus dh'adhlaiceadh e. Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean air dha 'bhi ann am piantaibh, agus chunnaic e Abraham fada uaith, agus Lasarus 'n a uchd. Agus ghlaodh e, agus thubhairt e, Athair Abrahaim, dean tròcair orm, agus cuir Lasarus chum gu'n tum e bàrr a mheoir ann an uisge, agus gu'm fuaraich e mo theangadh, oir tha mi air mo ro-phianadh 's an lasair so. Ach thubhairt Abraham, A mhic, cuimhnich, gu'n d'fhuair thusa do nithean maithe ri àm dhuit a bhi beò, agus Lasarus mar an ceudna droch nithean: ach a nis tha esan a' faotainn sòlais, agus tha thusa air do phianadh. Agus a bhàrr air so uile, tha doimhne mhòr air a cur eadar sinne agus sibhse: air chor agus iadsan le am b'àill dol á so do 'ur n-ionnsuidh-se, nach 'eil e 'n comas doibh; agus nach mò tha e 'n comas do aon neach teachd as a sin d' ar n-ionnsuidh-ne. An sin thubhairt e, Uime sin tha mi a' guidhe ort, athair, gu'n cuireadh tu e gu tigh m'athar: Oir tha cùignear bhràithrean agam; chum gu'n toir e fianuis doibh, air eagal gu'n tig iadsan mar an ceudna do'n ionad ro phiantach so. Thubhairt Abraham ris, Tha Maois agus na fàidhean aca; éisdeadh iad riu-san. Agus thubhairt esan, Ni h-eadh, athair Abrahaim; ach ma théid neach d'an ionnsuidh o na mairbh, ni iad aithreachas. Agus

thubhairt e ris, Mur éisd iad ri Maois agus ris na fàidhibh, cha mhò a chreideas iad, ged éireadh neach o na mairbh.

An dara Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Thighearna, nach faillinnich a chaoidh ann an cuideachadh agus 'an riaghladh na muinntir a tha thu a' togail suas ann ad eagal agus ann do ghràdh daingean ; Gleidh sinn, tha sinn a' guidhe ort, fo dhìdean do dheadh fhreasdail, agus thoir oirnn sìor eagal agus gràdh a bhi againn do d' Ainm naomh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Eoin iii. 13.

NA bitheadh ioghnadh oirbh, mo bhràithre, ged dh'fhuathaicheas an saoghal sibh. Tha fhios againn gu'n deachaidh sinn thairis o bhàs gu beatha, do bhrìgh gu bheil gràdh againn do na bràithribh : An ti nach gràdhaich a bhràthair fanaidh e ann am bàs. Gach neach a dh'fhuathaicheas a bhràthair, is mortair e; agus tha fhios agaibh nach 'eil aig mortair sam bith a' bheatha mhaireannach a' fantuinn ann. Le so is aithne dhuinn gràdh Dhé, do bhrìgh gu'n do leig esan a sìos 'anam féin air ar son-ne : agus is còir dhuinne ar n-anama féin a leigeadh a sìos air son nam bràithrean. Agus ge b'e neach aig am bheil maoin an t-saoghail so, agus a chi a bhràthair ann an uireasbhuidh agus a dhruideas a chridhe 'n a aghaidh ; cionnus a tha gràdh Dhé a' gabhail còmhnuidh ann-san ? Mo chlann bheag, na gràdhaicheamaid ann am focal, no ann an teangaidh ; ach ann an gnìomh, agus ann am firinn. Agus le so is aithne dhuinn gu bheil sinn de'n fhìrinn, agus bheir sinn dearbhachd do ar cridheachaibh 'n a làthair. Oir ma dhìteas ar cridhe sinn, is mò Dia na ar cridhe, agus is aithne dha na h-uile nithean. A mhuinntir mo ghràidh, mur dìt ar cridhe sinn tha dànachd againn a thaobh Dhé. Agus ge b'e ni a dh'iarras sinn, gheibh sinn uaith e, do bhrìgh gu bheil sinn a' coimhead 'àitheantan, agus a deanamh nan nithean a tha taitneach 'n a fhianuis. Agus is i so 'àithne-san, gu'n creideamaid ann an Ainm a Mhic Iosa Criosd, agus gu'n gràdhaicheamaid a chéile, mar a thug esan àithne dhuinn. Agus an ti a choimhideas 'àitheanta-

san, tha e 'gabhail còmhnuidh ann, agus esan ann-san : agus le so is aithne dhuinn gu bheil esan a' gàbhail còmhnuidh annainn, o'n Spiorad a thug e dhuinn.

An Soisgeul. N. Luc. xiv. 16.

RInn duine àraidh suipeir mhòr, agus thug e cuireadh do mhòran ; agus chuir e a sheirbhiseach uaith 'an àm na suipeir a ràdh ris a' mhuinntir a fhuair cuireadh, Thigibh, oir tha na h-uile nithe a nis ullamh. Agus thòisich iad uile a dh'aon ghuth air an leithsgeul a ghabhail : Thubhairt an ceud fhear ris, Cheannaich mi fearann, agus is éigin domh dol a mach agus 'fhaicinn ; tha mi a' guidhe ort, gabh mo leithsgeul. Agus thubhairt fear eile, Cheannaich mi cùig cuing dhamh, agus tha mi 'dol g'an dearbhadh; tha mi a' guidhe ort, gabh mo leithsgeul. Agus thubhairt fear eile, Phòs mi bean, agus air an aobhar sin cha-n'eil e 'n comas domh teachd. Agus thàinig an seirbhiseach sin, agus dh'innis e na nithe sin d'a Thighearn. An sin air gabhail feirge do fhear an tighe, thubhairt e r'a sheirbhiseach, Gabh a mach gu grad gu sràidibh agus gu caol-shràidibh a' bhaile, agus thoir a stigh an so na bochdan, agus na daoine ciurramach, agus na bacaich, agus na doill. Agus thubhairt an seirbhiseach, A Thighearna, rinneadh mar a dh'orduich thu, gidheadh tha àite falamh ann fathast. Agus thubhairt an Tighearn ris an t-seirbhiseach, Gabh a mach gus na rathaidibh mòra, agus na gàraidhibh, agus co-éignich iad gu teachd a steach, chum gu'm bi mo thigh air a lìonadh. Oir tha mi ag ràdh ruibh, nach blais aon de na daoinibh ud a fhuair cuireadh, de m' Shuipeir-sa.

An treas Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Thighearna, tha sinn a' guidhe ort gu tròcaireach éisdeachd ruinn ; agus deònaich dhuinne, d'an d'thug thu iarrtus dùrachdach gu urnuigh a dheanamh, gu'm bi sinn le d' chòmhnadh neartmhor air ar dìon agus air ar comhfhurtachadh anns gach uile chunnart agus àmhghar, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Pead. v. 5.

BIthibh uile ùmhal d'a chéile, agus bithibh air 'ur sgeadachadh le h-irioslachd : oir tha Dia a' cur an

aghaidh nan uaibhreach, ach a' toirt gràis dhoibh-san a tha iriosal. Uime sin irioslaichibh sibh féin fo làimh chumhachdaich Dhé, chum as gu'n àrdaich e sibh ann an àm iomchuidh; a' tilgeadh 'ur n-uile chùraim airsan, oir tha cùram aige dhibh. Bithibh stuama, deanaibh faire, do bhrìgh gu bheil 'ur nàmhaid an diabhul, mar leòmhan beuchdach, ag imeachd mu'n cuairt a' sireadh cò a dh'fheudas e 'shlugadh suas. Cuiribh-se 'n a aghaidh air dhuibh 'bhi daingean 's a' chreidimh, agus fhios a bhi agaibh gu bheil na fulangais cheudna air an coimhlionadh ann 'ur bràithribh a tha 's an t-saoghal. Ach gu'n deanadh Dia féin nan uile ghràs, a ghairm sinne chum a ghlòire shìorruidh tre Iosa Criosd, an déigh dhuibh fulang ré ùine bhig, iomlan sibh, gu'n daingnicheadh, gu'n neartaicheadh, gu'n socraicheadh e sibh. Dhàsan gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen.

An Soisgeul. N. Luc. xv. 1.

AN sin thàinig na cìs-mhaoir uile agus na peacaich am fagus da chum éisdeachd ris. Agus rinn na Phairisich agus na Sgrìobhaichean gearan, ag ràdh, Tha am fear so 'gabhail pheacach d'a ionnsuidh, agus ag itheadh maille riu. Agus labhair esan an cosamhlachd so riu, ag ràdh, Cò an duine dhibhse aig am bheil ceud caora, ma chailleas e aon diubh, nach fàg an naoi deug agus an ceithir fichead anns an fhàsach, agus nach téid an déigh na caorach a chailleadh, gus am faigh e i? Agus air dha a faotainn, cuiridh e air a ghuaillibh i le gairdeachas. Agus an uair a thig e dhachaidh, gairmidh e a chàirdean agus a choimhearsnaich 'an ceann a chéile ag ràdh riu, Deanaibh gairdeachas maille rium-sa, a chionn gu'n d'fhuair mi mo chaora 'bha caillte. Mar sin, tha mi ag ràdh ruibh, gu'm bi aoibhneas air nèamh air son aon pheacaich a ni aithreachas, na's mò na air son naoi deug agus ceithir fichead firean, aig nach 'eil feum air aithreachas. No cò a' bhean, aig am bheil deich buinn airgid, ma chailleas i aon bhonn diubh, nach las coinneal, agus nach sguab an tigh, agus nach iarr gu dìchiollach gus am faigh i e? Agus air dhi 'fhaotainn, gairmidh i a ban-chairdean agus a ban-choimhearsnaich 'an ceann a chéile, ag ràdh, Deanaibh gairdeachas maille rium-sa, oir

fhuair mi am bonn a chaill mi. Mar an ceudna tha mi ag ràdh ruibh, Tha gairdeachas 'an làthair aingle Dhé, air son aon pheacaich a ni aithreachas.

An ceathramh Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Dhé, fear-dìdean nan uile a tha 'cur an dòchais annad, as d'eugmhais cha-n'eil ni air bith laidir, cha-n'eil ni air bith naomh; Meudaich agus cuir 'an lìonmhoireachd do thròcair oirnn, a chum air dhuit-sa 'bhi a' d' fhear-riaghlaidh agus a' d' fhear-stiuraidh dhuinn, gu'n siubhail sinn troimh nithibh aimsireil, air chor fa-dheoidh nach caill sinn na nithe sìorruidh: Deònaich so, O Athair nèamhaidh, air sgàth Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. viii. 18.

THa mi a' meas nach airidh fulangais na h-aimsir a tha làthair a bhi air an coimhmeas ris a' ghlòir a tha gu 'bhi air a foillseachadh annainn. Oir tha dùil dhùrachdach a' chruthachaidh a' feitheamh ri foillseachadh cloinne Dhé. Oir chuireadh an cruthachadh fo dhìomhanas, cha-n ann le 'thoil, ach trìdsan a chuir fo dhìomhanas e: Ann an dòchas gu'n saorar an cruthachadh féin fòs o dhaorsa na truaillidheachd, gu saorsa ghlòrmhor cloinne Dhé. Oir tha fhios againn gu bheil an cruthachadh uile ag osnaich, agus ann am péin gu léir, mar mhnaoi ri saothair, gus an t-àm so. Agus cha-n e so a mhàin, ach sinn féin mar an ceudna aig am bheil ceud thoradh an spioraid, tha eadhon sinne ag osnaich annainn féin, a' feitheamh ris an uchd-mhacachd, eadhon saorsa ar cuirp.

An Soisgeul. N. Luc. vi. 36.

BIthibh-se uime sin tròcaireach, mar a tha 'ur n-Athair tròcaireach. Agus na tugaibh breth, agus cha toirear breth oirbh: na dìtibh, agus cha dìtear sibh: thugaibh maitheanas, agus bheirear maitheanas dhuibh. Thugaibh uaibh, agus bheirear dhuibh; deadh thomhas, air a dhinneadh, agus air a chrathadh ri 'chéile, agus a' cur thairis, bheir daoine ann 'ur n-uchd. Oir leis an tomhas le'n tomhais sibh, tomhaisear dhuibh a rìs. Agus labhair e cosamhlachd riu, Am feud an dall dall a threòrachadh? nach tuit iad le 'chéile ann an slochd? Cha-n'eil

an deisciobul os ceann a mhaighstir; ach ge b'e neach a tha coimhlionta, bithidh e mar a mhaighstir. Agus c'ar son a tha thu 'faicinn an smùirnein a tha 'an sùil do bhràthar, agus nach 'eil thu 'toirt fainear an t-sail a tha ann do shùil féin? No cionnus a dh'fheudas tu 'ràdh ri do bhràthair, A bhràthair, leig dhomh an smùirnein a thoirt á d' shùil agus nach 'eil thu 'toirt fainear an t-sail a tha ann do shùil féin? A chealgair, tilg a mach air tùs an t-sail as do shùil féin, agus an sin is léir dhuit gu soilleir an smùirnein a tha ann an sùil do bhràthar a thoirt aisde.

An cùigeamh Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

DEònaich, O 'Thighearna, tha sinn a' guidhe ort, gu'm bi cursa an t-saoghail so air 'orduchadh cho sìochail le d' riaghladh-sa, a's gu'n dean d'Eaglais seirbhis dhuit gu h-aoibhneach anns gach uile shàmhchair dhiadhaidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 N. Pead. iii. 8.

BIthibh uile a dh'aon inntinn, bitheadh comh-fhulangas agaibh r'a chéile, gràdhaichibh a chéile mar bhràithre, bithibh truacanta, càirdeil; na h-ìocaibh olc air son uilc, no càineadh air son càinidh: ach 'n a aghaidh sin, beannaichibh; air dhuibh fios a bhi agaibh gur ann a dh'ionnsuidh so a ghairmeadh sibh, chum gu'n sealbhaicheadh sibh beannachadh mar oighreachd. Oir ge b'e le'm b'àill beatha a ghràdhachadh, agus làithean maithe fhaicinn, cumadh e a theangadh o olc, agus a bhilean o labhairt ceilg. Seachnadh e olc, agus deanadh e maith; iarradh e sìth, agus leanadh e i. Oir tha sùilean an Tighearn' air na fìreanaibh, agus a chluasa fosgailte r'an urnuigh: ach tha gnùis an Tighearna an aghaidh na muinntir a ni olc. Agus cò e a ni olc oirbh, ma bhitheas sibh 'n 'ur luchd-leanmhuinn air an ni sin a tha maith? Ach eadhon ma dh'fhuilingeas sibh air sgàth fìreantachd, is sona sibh, agus na bitheadh fiamh an eagail-san oirbh, agus na bithibh mi-shuaimhneach; ach naomhaichibh an Tighearn Dia ann 'ur cridheachaibh.

An Soisgeul. N. Luc. v. 1.

THarladh, 'n uair a bha am pobull a' dlùth-theannadh air, chum focal Dhé éisdeachd, gu'n do sheas e làimh ri loch Ghenesaret; agus chunnaic e dà luing 'n an seasamh ri taobh an loch: ach bha na h-iasgairean air dol a mach asda, agus a' nigheadh an lìn. Agus chaidh e steach do aon de na longaibh, a bu le Simon, agus dh'iarr e air dol a mach beagan o thìr: agus air suidhe dha, theagaisg e an sluagh as an luing. A nis an uair a sguir e de labhairt, thubhairt e ri Simon, Cuir a mach chum na doimhne, agus leigibh sìos 'ur lìn chum tarruing. Agus fhreagair Simon, agus thubhairt e ris, A mhaighstir, shaothraich sinn feadh na h-oidhche uile, agus cha do ghlac sinn ni sam bith; ach air d'fhocal-sa leigidh mi sìos an lìon. Agus an uair a rinn iad so, chuairtich iad tachdar mòr éisg, ionnus gu'n do bhriseadh an lìon. Agus sméid iad air an companaich, a bha 's an luing eile, teachd agus còmhnadh a dheanamh leo. Agus thàinig iad, agus lìon iad an dà luing, ionnus gu'n robh iad 'an inbhe dol fodha. 'N uair a chunnaic Simon Peadar so, thuit e sìos aig glùinibh Iosa, ag ràdh, Imich uamsa, a Thighearna, oir is duine peacach mi. Oir ghlac uamhas e féin, agus iadsan uile a bha maille ris, air son an tarruing éisg a ghlac iad: Agus mar an ceudna Seumas, agus Eoin, mic Shebede, a bha 'n an companaich aig Simon. Agus thubhairt Iosa ri Simon, Na bitheadh eagal ort, á so suas glacaidh tu daoine. Agus an uair a thug iad an longa gu tìr, dh'fhàg iad na h-uile nithe, agus lean iad esan.

An seathamh Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Dhé, a dh' ullaich do 'n dream aig am bheil gràdh dhuit, a leithid de nithibh maithe 's a tha dol thairis air tuigse duine; Doirt 'n ar cridheachaibh a leithid sin de ghràdh dhuit-sa, chum air dhuinn do ghràdhachadh thar na h-uile nithibh, gu'm faigh sinn do gheallaidhean, a tha 'dol thairis air na h-uile nithibh a's urrainn duinn a mhiannachadh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. vi. 3.

NAch 'eil fhios agaibh, a' mheud againn as a bhaisteadh ann an Iosa Criosd, gu'n do bhaisteadh chum

a bhàis sinn? Air an aobhar sin dh'adhlaiceadh sinn maille ris tre'n bhaisteadh chum bàis, ionnus mar a thogadh Criosd suas o na mairbh le glòir an Athar; mar sin gu'n gluaiseamaid-ne mar an ceudna ann an nuadhachd beatha. Oir ma chaidh ar suidheachadh maraon ann an coslas a bhàis, bithidh sinn mar an ceudna air ar suidheachadh ann an coslas 'aiseirigh: Air fhios so a bhi againn, gu bheil ar seann duine air a cheusadh maille ris, ionnus gu'm bitheadh corp a' pheacaidh air a sgrios, chum á so suas nach deanamaid seirbhis do'n pheacadh. Oir an ti a fhuair bàs, rinneadh saor e o'n pheacadh. A nis ma fhuair sinn bàs maille ri Criosd, tha sinn a' creidsinn gu'm bi sinn beò maille ris mar an ceudna: air dhuinn fios a bhi againn, air do Chriosd éirigh o na mairbh, nach bàsaich e na's mò; cha-n'eil tighearnas aig a' bhàs na's mò air. Oir a' mheud 's gu'n d'fhuair e bàs, is ann do'n pheacadh a fhuair e bàs aon uair a mhàin: ach a' mheud 's gu bheil e beò, is ann do Dhia a tha e beò. Mar sin mar an ceudna measaibh-se gu bheil sibh féin gu deimhin marbh do'n pheacadh: ach beò do Dhia, tre Iosa Criosd ar Tighearna.

An Soisgeul. N. Mata v. 20.

THubhairt Iosa r'a dheisciobluibh, Mur toir 'ur fìreantachd-se barrachd air fìreantachd nan Sgrìobhaichean agus nam Phairiseach, nach téid sibh air chor air bith a steach do rìoghachd nèimh. Chuala sibh, gu'n dubhradh ris na sinnsiribh, Na dean mortadh: agus ge b'e neach a ni mortadh, bithidh e 'an cunnart a' bhreitheanais. Ach tha mise ag ràdh ruibh, Ge b'e neach aig am bi fearg r'a bhràthair gun aobhar, gu'm bi e ann an cunnart a' bhreitheanais: agus ge b'e neach a their r'a bhràthair, Ràca, gu'm bi e ann an cunnart na comhairle: ach ge b'e neach a their, Amadain, gu'm bi e ann an cunnart teine ifrinn. Uime sin ma bheir thu do thabhartas chum na h-altarach, agus gu'n cuimhnich thu an sin gu bheil ni air bith aig do bhràthair a'd' aghaidh; fàg do thabhartas an sin 'an làthair na h-altarach, agus imich, agus dean réite air tùs ri d' bhràthair, agus an déigh sin thig agus tabhair uait do thìodhlac. Bi réidh ri d' eascaraid gu luath, am feadh a bhitheas tu maille ris 's an t-slighe; air eagal gu'n toir an t-eascaraid thairis thu do'n bhreitheamh

agus gu'n toir am breitheamh thu do'n mhaor, agus gu'n tilgear 'am prìosan thu. Tha mi ag ràdh riut, gu fìrinneach nach téid thu mach as a sin, gus an ìoc thu an fheoirling dheireannach.

An seachdamh Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

A Thighearna d'am buin gach uile chumhachd agus neart, is tu ùghdair agus tabhairtair nan uile nithe maithe; Suidhich 'n ar cridheachaibh gràdh d' Ainme, meudaich annainn fìor chreidimh, beathaich sinn leis gach uile mhaitheas, agus le d' mhòr thròcair gleidh sinn anns na nithibh ceudna, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. vi. 19.

THa mi a' labhairt mar dhuine, air son anmhuinneachd 'ur feòla-se: oir mar a thug sibh 'ur buill mar sheirbhisich do neòghloine, agus do euceart, chum euceirt; amhuil sin a nis thugaibh 'ur buill mar sheirbhisich do'n fhìreantachd, chum naomhachd. Oir an uair a bha sibh 'n 'ur seirbhisich do 'n pheacadh, bha sibh saor o 'n fhìreantachd. Air an aobhar sin ciod an toradh a bha agaibh an sin anns na nithibh sin, a tha nis a' cur nàire oirbh? oir is e crìoch nan nithe sin am bàs. Ach a nis air dhuibh a bhi saor o 'n pheacadh, agus 'n 'ur seirbhisich do Dhia, tha 'ur toradh agaibh chum naomhachd, agus a' chrìoch a' bheatha mhaireannach. Oir is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs: ach is e saor-thìodhlac Dhé a' bheatha mhaireannach, tre Iosa Criosd ar Tighearn.

An Soisgeul. N. Marc. viii. 1.

ANns na làithibh sin air do shluagh ro mhòr a bhi ann, agus gun ni air bith aca r'a itheadh, ghairm Iosa a dheisciobuil d' a ionnsuidh, agus thubhairt e riu, Tha truas mòr agam de 'n t-sluagh, do bhrìgh gu'n d'fhan iad a nis tri làithean maille rium, agus nach 'eil ni air bith aca r'a itheadh: Agus ma leigeas mi d'an tighibh féin 'n an trasg iad, fannaichidh iad air an t-slighe; oir thàinig cuid aca 'am fad. Agus fhreagair a dheisciobuil e, Cia as a dh'fheudas neach iad so a shàsuchadh le aran an so 's an fhàsach? Agus dh'fhiosraich e dhiubh, Cia lìon builionn a tha agaibh? Agus thubhairt iadsan,

Seachd. Agus thug e ordugh do'n t-sluagh suidhe sìos air an làr. Agus ghlac e na seachd builionnan, agus air toirt buidheachais, bhris e, agus thug e iad d'a dheisciobluibh, chum gu'n cuireadh iad 'n an làthair iad, agus chuir iad sìos 'an làthair an t-sluaigh iad. Agus bha aca beagan a dh'iasgaibh beaga; agus bheannaich e iad agus dh'àithn e an cur sìos 'n an làthair mar an ceudna. Agus dh'ith iad agus shàsuicheadh iad: Agus thog iad làn sheachd bascaidean de'n bhiadh bhriste, a bha dh'fhuigheall aca. Agus bha iadsan a dh'ith mu thimchioll cheithir mìle. Agus leig e air falbh iad.

An t-ochdamh Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Dhé, is e do fhreasdal neo-fhàillinneach a tha 'riaghladh nan uile nithe araon air nèamh agus air talamh; Tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort gu'n cuir thu air falbh uainn na h-uile nithe cronail, agus gu'n toir thu dhuinn na nithe sin a tha tarbhach air ar son, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. viii. 12.

A Bhràithre, tha sinn fo fhiachaibh, cha-n ann do'n fheòil, chum ar beatha a chaitheamh a réir na feòla: Oir ma chaitheas sibh 'ur beatha a réir na feòla, gheibh sibh bàs: ach ma mharbhas sibh tre'n Spiorad gnìomhara na colla, bithidh sibh beò. Oir a' mheud 's a tha air an treòrachadh le Spiorad Dhé, is iad mic Dhé. Oir cha d'fhuair sibh spiorad na daorsa a rìs chum eagail: ach fhuair sibh Spiorad na h-uchd-mhacachd, tre an glaodh sinn, Abba, Athair. Tha an Spiorad féin a' deanamh fianuis maille r'ar spiorad-ne, gur sinn clann Dhé. Agus ma's clann, is oighreachan: oighreachan air Dia, agus comh-oighreachan maille ri Criosd: ma 's e as gu'm fuiling sinn maille ris, chum gu'n glòraichear sinn maille ris mar an ceudna.

An Soisgeul. N. Mata vii. 15.

COimhidibh sibh féin o na fàidhibh bréige, a thig d'ur n-ionnsuidh ann an culaidhibh chaorach, ach a tha o'n leth a stigh 'n am madaidh-alluidh. Air an toradh aithnichidh sibh iad: An tionail daoine dearcan-fiona de

dhrisibh, „no figean de na foghannain? Agus mar sin bheir gach uile chraobh mhaith toradh maith; ach bheir an droch chraobh droch thoradh. Cha-n fheud a' chraobh mhaith droch thoradh a ghiulan; no an droch chraobh toradh maith a thabhairt. Gach uile chraobh nach giulain toradh maith, gearrar sìos i, agus tilgear 's an teine i. Air an aobhar sin is ann air an toradh a dh'aithnicheas sibh iad. Cha-n e gach uile neach a their riumsa, A Thighearn', a Thighearn', a théid a steach do rìoghachd nèimh: ach an ti a ni toil m' Athar-sa a tha air nèamh.

An naothamh Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

DEònaich dhuinn, a Thighearna, tha sinn a' guidhe ort, an Spiorad gu smuainteachadh agus gu deanamh a ghnàth nan nithe sin a tha ceart; a chum gu'm faigh sinne, nach urrainn ni maith sam bith a dheanamh as d' eugmhais, comas uaitsa gu ar beatha a chaitheamh a réir do thoile, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 Cor. x. 1.

A Bhràithre, cha b'àill leam sibhse a bhi aineolach, gu'n robh ar n-aithrichean uile fo 'n neul, agus gu'n deachaidh iad uile troimh 'n mhuir; agus gu'n do bhaisteadh iad uile do Mhaois 's an neul, agus anns a' mhuir; agus gu'n d'ith iad uile an t-aon bhiadh spioradail, agus gu'n d'òl iad uile an t-aon deoch spioradail: (oir dh'òl iad de'n charraig spioradail sin a lean iad; agus b'i a' charraig sin Criosd.) Ach le mòran diubh cha robh Dia toilichte; oir sgriosadh 's an fhàsach iad. A nis bha na nithe sin 'n an saimpleiribh dhuinne, chum nach miannaicheamaid droch nithean, eadhon mar a mhiannaich iadsan. Agus na bithibh-se 'n 'ur luchd-ìodhol-aoraidh, mar a bha cuid diubh-san; a réir mar tha e sgrìobhta, Shuidh am pobull sìos a dh'itheadh agus a dh'òl, agus dh'éirich iad a chluicheadh. Agus na deanamaid strìopachas, mar a rinn cuid diubh-san, agus a thuit diubh ann an aon là tri mìle fichead. Agus na

dearbhamaid Criosd, mar a dhearbh cuid diubh-san, agus a sgriosadh iad le nathraichibh nimhe. Agus na deanaibh-se gearan, mar a rinn cuid diubh-san gearan, agus a sgriosadh iad leis an sgriosadair. A nis thachair na nithe so uile dhoibh-san mar eisempleiribh: agus sgrìobhadh iad chum teagaisg dhuinne, air am bheil deireadh an t-saoghail air teachd. Uime sin an ti a shaoileas e 'bhi 'n a sheasamh, thugadh e aire nach tuit e. Cha do thachair deuchainn air bith ruibh, ach ni a tha coitchionn do dhaoinibh: ach tha Dia dìleas, nach leig dhuibh a bhi air 'ur feuchainn thar 'ur comas; ach a ni maille ris an deuchainn slighe gu dol as mar an ceudna, chum gu'm bi sibh comasach air a giùlan.

An Soisgeul. N. Luc. xvi. 1.

THubhairt Iosa r'a dheisciobluibh, Bha duine saoibhir àraidh ann aig an robh stiùbhard, agus chasaideadh ris e, mar neach a bha 'deanamh ana-caithidh air a mhaoin. Agus ghairm se e, agus thubhairt e ris, Ciod e so a tha mi 'cluinntinn mu d' thimchioll? thoir cunntas air do stiùbhardachd; oir cha-n fheud thu bhi na's faide a'd' stiùbhard. An sin thubhairt an stiùbhard ann féin Ciod a ni mi? oir tha mo mhaighstir a' toirt na stiùbhardachd uam: cha-n urrainn mi ruamhar a dheanamh, is nàr leam déirc iarraidh. Tha fios agam ciod a ni mi, chum an uair a chuirear as an stiùbhardachd mi, gu'n gabh iad a steach d'an tighibh mi. Agus air dha gach aon diubhsan air an robh fiachan aig a Thighearn a ghairm d'a ionnsuidh, thubhairt e ris a' cheud fhear, Cia meud a tha aig mo Thighearn ortsa? Agus thubhairt esan, Ceud tomhas olaidh. Agus thubhairt e ris, Gabh do sgrìobhadh, agus suidh sìos gu h-ealamh, agus sgrìobh leth-cheud. An sin thubhairt e ri fear eile, Agus cia meud a tha aig' ortsa? Agus thubhairt esan, Ceud tomhas cruithneachd. Agus thubhairt e ris, Gabh do sgrìobhadh, agus sgrìobh ceithir fichead. Agus mhol an Tighearn an stiùbhard eucorach, do bhrìgh gu'n d'rinn e gu glic: oir tha clann an t-saoghail so 'n an ginealach féin na's glice na clann an t-soluis. Agus tha mise ag ràdh ruibh, Deanaibh dhuibh féin càirdean le Mamon na h-eucorach, chum an uair a shiubhlas sibh, gu'n gabhar sibh do àitibh-còmhnuidh sìorruidh.

An deicheamh Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Thighearna, bitheadh do chluasan tròcaireach fosgailte ri urnuighibh do sheirbhiseach ùmhal; agus a chum gu'm faigh iad an iarrtuis, thoir orra gu'n iarr iad na nithe sin a tha 'réir do thoile, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 Cor. xii. 1.

A Thaobh thìodhlacan spioradail, a bhràithre, cha-n àill leam sibh a bhi aineolach. Tha fios agaibh gu'n robh sibh 'n 'ur Cinnich air 'ur tarruing gu ìodholaibh balbha, a réir mar a threòraicheadh sibh. Uime sin tha mi 'toirt fios duibh, nach abair duine sam bith a tha 'labhairt o Spiorad Dhé, gu bheil Iosa mallaichte; agus nach urrainn duine sam bith a ràdh gur e Iosa an Tighearn, ach tre an Spiorad naomh. A nis tha eadar-dhealachadh thìodhlacan ann, ach cha-n'eil ach aon Spiorad ann. Agus tha eadar-dhealachadh frithealaidh ann, gidheadh cha-n'eil ach aon Tighearn ann. Agus tha eadar-dhealachadh oibreachaidh ann, ach is e an t-aon Dia, a tha ag oibreachadh nan uile nithean anns na h-uile. Ach tha foillseachadh an Spioraid air a thoirt do gach neach chum tairbhe. Oir do aon duine tha focal a' ghliocais air a thoirt leis an Spiorad; agus do dhuine eile focal an eòlais leis an Spiorad cheudna; do neach eile creidimh leis an Spiorad sin féin; do dhuine eile tìodhlacan leighis tre an Spiorad cheudna; do neach eile oibreachadh mhìorbhuilean; do neach eile fàidheadaireachd; do neach eile aithneachadh spiorad; do neach eile iomadh gnè theangadh; agus do neach eile eadar-mhìneachadh theangadh. Ach na nithe sin uile tha an t-aon Spiorad ceudna ag oibreachadh, a' roinn ris gach aon fa leth a réir mar is àill leis.

An Soisgeul. N. Luc. xix. 41.

AGus an uair a thàinig e am fagus chunnaic e am baile, agus ghuil e air a shon, ag ràdh, Nam b'aithne dhuit, eadhon dhuitsa, air bheag sam bith ann ad là so féin, na nithean a bhuineas do d' shìth! ach a nis tha iad folaichte o d' shùilibh. Oir thig na làithean ort, anns an tilg do naimhdean dìg mu d' thimchioll,

agus an iadh iad umad mu'n cuairt, agus an druid iad a stigh air gach taobh thu, agus an leag iad co ìosal ris an làr thu, agus do chlann annad: agus nach fàg iad annad clach air muin cloiche, do bhrìgh nach b'aithne dhuit aimsir d'fhiosrachaidh. Agus chaidh e steach do'n teampull, agus thòisich e air an dream a bha 'reic, agus a' ceannach ann a thilgeadh a mach, ag ràdh riu, Tha e sgrìobhta, Is tigh urnuigh mo thigh-sa, ach rinn sibhse 'n a gharaidh luchd-reubainn e. Agus bha e gach là a' teagasg 's an teampull.

An t-aon Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Dhé, a tha 'cur 'an céill do neirt Uile-chumhachdaich gu ro shònraichte ann an nochdadh tròcair agus iochd; Gu tròcaireach deònaich dhuinn a leithid sin de thomhas do ghràis, a chum air dhuinn 'bhi a' ruith ann an slighe d' àitheantan, gu'm faigh sinn do gheallaidhean gràsail, agus gu'm bi sinn air ar deanamh 'n ar luchd-comhpàirt de d' ionmhas nèamhaidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 Cor. xv. 1.

A Bhràithre, tha mi 'cur 'an céill duibh an t-Soisgeil a shearmonaich mi dhuibh, ris an do ghabh sibhse mar an ceudna, agus anns am bheil sibh 'n 'ur seasamh. Troimh mar an ceudna am bheil sibh air 'ur teàrnadh, ma chumas sibh gu daingean an ni a shearmonaich mi dhuibh, mur do chreid sibhse gu dìomhain. Oir thug mi dhuibh air tùs, an ni a fhuair mi mar an ceudna, gu'n d'fhuair Criosd bàs air son ar peacaidhean, a réir nan Sgriobtuir; agus gu'n d'adhlaiceadh e; agus gu'n d'éirich e a rìs air an treas là a réir nan Sgriobtuir; agus gu'm facas e le Cephas, 'n a dhéigh sin leis an dà fhear dheug. 'N a dhéigh sin, chunnacas e le tuilleadh as cùig ceud bràthair air aon àm; d'am bheil a' chuid a's mò beò gus a nis; ach tha cuid dhiubh 'n an codal. 'N a dhéigh sin, chunnacas e le Seumas; agus a rìs leis na h-Abstolaibh uile; 'n an déigh uile chunnacas leam-sa e mar an ceudna, mar neach a rugadh ann an an-àm: Oir is mi a's lugha de na h-Abstolaibh, neach nach fiù Abstol a

ghairm dhiom, do bhrìgh gu'n robh mi a' geur-leanmhuinn Eaglais Dhé. Ach tre ghràs Dhé is mi an ni a's mi: agus cha robh a ghràs a bhuilicheadh orm, gun bhrìgh; ach shaothraich mi na's pailte na iad uile; gidheadh cha mhise, ach gràs Dhé a bha maille rium: Uime sin cò air bith iad dhinn, mise no iadsan, is ann mar so a tha sinne a' searmonachadh, agus is ann mar so a chreid sibhse.

An Soisgeul. N. Luc. xviii. 9.

LAbhair Iosa an cosamhlachd so ri dream àraidh a bha 'g earbsadh asda féin, gu'n robh iad 'n am fìreanaibh, agus a bha 'deanamh tàir air dream eile; Chaidh dithis dhaoine suas do'n teampull a dheanamh urnuigh; fear dhiubh 'n a Phairiseach, agus am fear eile 'n a Chìs-mhaor. Sheas am Phairiseach leis féin agus rinn e urnuigh mar so, A Dhé, tha mi 'toirt buidheachais duit, nach 'eil mi mar tha daoine eile, 'n an luchd-fòirneirt, eucorach, adhaltrannach, no eadhon mar an Cis-mhaor so. Tha mi a' trasgadh dà uair 's an t-seachduin, tha mi 'toirt deachaimh as na h-uile nithibh a tha mi 'sealbhachadh. Agus air seasamh do'n Chìs-mhaor fad' air ais, cha b'àill leis fiù a shùilean a thogail suas gu nèamh, ach bhuail e 'uchd, ag ràdh, A Dhia dean tròcair ormsa a tha 'am pheacach. Tha mi ag ràdh ruibh, gu'n deachaidh am fear so sìos d'a thigh air 'fhìreanachadh na's mò na'm fear ud eile: oir ge b'e neach a dh'àrdaicheas e féin, ìslichear e; agus ge b'e a dh'ìslicheas e féin, àrdaichear e.

An dara Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, a tha do ghnàth na's ullaimhe gu éisdeachd, na tha sinne gu urnuigh 'dheanamh, agus a tha 'cleachdadh tuilleadh a thoirt seachad na tha sinn ag iarraidh, no 'toilltinn; Doirt a nuas oirnn saoibhreas do thròcair, a' maitheadh dhuinn nan nithe sin roimh am bheil ar coguis fo gheilt, agus a' toirt dhuinn nan nithe maithe sin nach airidh sinn an iarraidh, ach tre dheadh-thoillteanais agus eadar-ghuidhe do Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 2 Cor. iii. 4.

THa a' leithid so de dhòchas againn tre Chriosd a thaobh Dhé. Cha-n e gu bheil sinn foghainteach uainn féin chum ni sam bith a smuaineachadh mar uainn féin; ach is ann o Dhia a tha ar foghainteachd. A rinn sinne mar an ceudna 'n ar ministeiribh foghainteach an Tiomnaidh nuaidh; cha-n ann de'n litir, ach de'n Spiorad: oir marbhaidh an litir, ach bheir an Spiorad beatha. Ach ma bha ministreileachd a' bhàis, ann an sgrìobhadh air a ghearradh air clachaibh, glòrmhor; ionnus nach b'urrainn clann Israeil amharc gu geur air gnùis Mhaois, air son glòire a ghnùise, a chuireadh air cùl; Cionnus nach mò na sin a bhitheas ministreileachd an Spioraid glòrmhor? Oir ma bha ministreileachd an dìtidh glòrmhor, is ro mhò na sin a bheir ministreileachd na fireantachd barrachd ann an glòir.

An Soisgeul. N. Marc. vii. 31.

AN uair a dh'imich Iosa o chrìochaibh Thìoruis agus Shidoin, thàinig e gu muir Ghalile, troimh mheadhon chrìoch Dhecapolis. Agus thug iad d'a ionnsuidh duine bodhar, aig an robh staduich 'n a chainnt; agus ghuidh iad air gu'n cuireadh e a làmh air. Agus thug e a leth o'n t-sluagh e, agus chuir e a mheoir 'n a chluasaibh, agus chuir e sileadh air, agus bhean e r'a theangaidh; Agus air dha amharc suas gu nèamh, rinn e osna, agus thubhairt e ris, *Ephphata*, is e sin r'a ràdh, Bi air d' fhosgladh. Agus air ball dh'fhosgladh a chluasan, agus dh'fhuasgladh ceangal a theangaidh, agus labhair e gu ceart. Agus dh'àithn e dhoibh gun iad a dh'innseadh sin do neach air bith; ach mar is mò a thoirmisg esan doibh, bu mhòid gu ro mhòr a chuir iadsan an gnìomh 'am follais, agus bha iad gu ro mhòr air an lìonadh le h-iongantas, ag ràdh, Rinn e na h-uile nithe gu maith; tha e araon a' tabhairt air na bodhair gu'n cluinn iad, agus air na bailbh gu'n labhair iad.

An treas Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus thròcairich, is ann o d' thìodhlac a mhàin a tha e teachd, gu bheil do

shluagh dìleas a' deanamh seirbhis fhìor agus chliuiteich dhuit; Deònaich, tha sinn a' guidhe ort, gu'n dean sinne seirbhis cho fìrinneach dhuit anns a' bheatha sò, a chum nach fàillinnich sinn fadheoidh air ruigheachd air do gheallaidhibh nèamhaidh, tre dheadh-thoillteanais Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Gal. iii. 16.

IS ann do Abraham a thugadh na geallaidhean agus d' a shìol. Cha-n abair e, Agus do shìolaibh, mar gu'm bitheadh e 'labhairt mu mhòran; ach mar mu aon; Agus do d' shìol-sa, neach a's e Criosd. Agus tha mi ag ràdh so, nach fheudar gu 'n cuir an lagh, a thugadh 'an ceann cheithir cheud agus dheich bliadhna fichead 'n a dhéigh, an coimhcheangal 'an neo-bhrìgh, a dhaingnicheadh roimhe le Dia ann an Criosd; ionnus gu 'n cuireadh e an gealladh air cùl. Oir ma 's ann o'n lagh a tha an oighreachd, cha-n'eil i na's mò o'n ghealladh; ach thug Dia gu saor i do Abraham tre ghealladh. C' ar son uime sin a thugadh an lagh? Thugadh e air son eusaontais, gus an tigeadh an sìol, d' an d' rinneadh an gealladh; air 'orduchadh le ainglibh 'an làimh eadar-mheadhonair. A nis an t-eadar-mheadhonair cha-n ann air son aoin a tha e'n a eadar-mheadhonair, ach is aon Dia. Uime sin am bheil an lagh an aghaidh gheallaidhean Dhé? Nar leigeadh Dia: oir nam bitheadh lagh air a thabhairt, a bhitheadh comasach air beatha 'thoirt uaith, gu deimhin is ann o'n lagh a bhitheadh fireantachd. Ach dh' fhàg an Sgriobtuir na h-uile dhaoine dùinte 's a' pheacadh, chum gu 'm bitheadh an gealladh tre chreidimh Iosa Criosd air a thoirt dhoibh-san a tha 'creidsinn.

An Soisgeul. N. Luc. x. 23.

IS beannaichte na sùilean a chi na nithean 'tha sibhse a' faicinn. Oir tha mi ag ràdh ruibh, gu 'm b' iomadh fàidh agus rìgh le 'm bu mhiann na nithean fhaicinn a tha sibhse a' faicinn, agus nach fac iad; agus na nithean a chluinntinn a tha sibhse a' cluinntinn, agus nach cual' iad. Agus feuch, sheas fear-lagha àraidh suas, 'g a dhearbhadh, agus ag ràdh, A mhaighstir, ciod a ni mi chum gu 'n sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach? Agus thubhairt e ris, Ciod a tha sgrìobhta 's an lagh?

cionnus a leughas tu? Agus a' freagairt dàsan, thubhairt e, Gràdhaichidh tu an Tighearn do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam, agus le d' uile neart, agus le d' uile inntinn, agus do choimhearsnach mar thu féin. Agus thubhairt esan ris, Is ceart a fhreagair thu; dean-sa so, agus bithidh tu beò. Ach air dhàsan toil a bhi aige e féin fhìreanachadh, thubhairt e ri Iosa, Agus cò e mo choimhearsnach? Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, Chaidh duine àraidh sìos o Ierusalem gu Iericho, agus thuit e 'am measg luchd-reubainn, agus air dhoibh a rùsgadh, agus a lotadh, dh' imich iad rompa air dhoibh esan fhàgail leth-mharbh. Agus tharladh gu 'n d' imich sagart àraidh sìos air an t-slighe sin, agus an uair a chunnaic se e, ghabh e seachad air an taobh eile. Agus mar an ceudna air do Lebhitheach 'bhi dlùth do 'n ionad sin, thàinig e agus dh' amhairc e air, agus ghabh e seachad air an taobh eile. Ach air do Shamaritanach àraidh 'bhi 'gabhail an rathaid, thàinig e far an robh esan; agus an uair a chunnaic se e, ghabh e truas mòr dheth, agus thàinig e d' a ionnsuidh, agus cheangail e suas a chreuchdan, a' dortadh olaidh, agus fìona annta, agus chuir e air 'ainmhidh féin e, agus thug e gu tigh-òsda e, agus ghabh e cùram dheth. Agus air an là màireach 'n uair a dh' fhalbh e, thug e mach dà pheghinn Ròmanach, agus thug e do fhear an tigh-òsda iad, agus thubhairt e ris, Gabh cùram dheth, agus ge b'e ni tuilleadh a chaitheas tu, an tràth a philleas mise air m'ais dìolaidh mi dhuit e. Cò a nis de 'n triuir so, a shaoileas tu, a bu choimhearsnach dhàsan a thuit 'am measg an luchd-reubainn? Agus thubhairt esan, An ti a rinn tròcair air. An sin thubhairt Iosa ris, Imich thusa agus dean mar an ceudna.

An ceathramh Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus mhaireannaich, thoir dhuinn meudachadh creidimh, dochais, agus gràidh; agus a chum gu'm faigh sinn an ni a tha thu 'gealltuinn, thoir oirnn gu'n gràdhaich sinn an ni a tha thu 'g àithneadh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Gal. v. 16.

THa mi ag ràdh ma seadh, Gluaisibh 's an Spiorad, agus cha choimhlion sibh anamiann na feòla. Oir tha an fheòil a' miannachadh an aghaidh an Spioraid, agus an Spiorad an aghaidh na feòla; agus tha iad sin an aghaidh a chéile; ionnus nach faigh sibh na nithean a bu mhiann leibh a dheanamh. Ach ma threòraichear leis an Spiorad sibh, cha-n'eil sibh fo 'n lagh. A nis tha oibre na feòla follaiseach, a's iad so, Adhaltrannas, strìopachas, neòghloine, macnus, iodhol-aoradh, druidheachd, naimhdeas, connsachadh, co-fharpuis, fearg, coimhstri, aimhreite, saobh-chreidimh, farmad, mortadh, misg, ruidhteireachd, agus an leithide sin: mu'm bheil mi ag innseadh dhuibh roimh-làimh, mar a dh'innis mi dhuibh cheana mar an ceudna, nach sealbhaich iadsan a ni an leithide sin rìoghachd Dhé. Ach is e toradh an Spioraid gràdh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh, macantas, stuaim: an aghaidh an samhuil sin cha-n'eil lagh. Agus iadsan a's le Criosd cheus iad an fheòil maille r'a h-an-tograibh agus a h-anamiannaibh.

An Soisgeul. N. Luc. xvii. 11.

ANis a' dol suas do Iosa gu Ierusalem, chaidh e troimh mheadhon Shamaria, agus Ghalile. Agus an uair a bha e 'dol a stigh do bhaile àraidh, thachair deichnear dhaoine air a bha 'n an lobhair, a sheas fada uaith. Agus thog iad suas an guth, ag ràdh, Iosa a mhaighstir, dean tròcair oirnn. Agus an uair a chunnaic e iad, thubhairt e riu, Imichibh nochdaibh sibh féin do na sagartaibh. Agus ag imeachd dhoibh, ghlanadh iad. Agus an uair a chunnaic aon diubh gu'n do leighiseadh e, phill e air ais, a' toirt glòire do Dhia le guth àrd, agus thuit e air 'aghaidh aig a chosaibh-san, a' toirt buidheachais da; agus bu Shamaritanach e. Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e, Nach do ghlanadh deichnear? ach an naoinear, c'àit am bheil iad? Cha d'fhuaradh a phill a thoirt glòire do Dhia, ach an coigreach so. Agus thubhairt e ris, Eirich, imich, shlànuich do chreidimh thu.

An cùigeamh Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

GLeidh d'Eaglais, tha sinn a' guidhe ort, O 'Thighearna, le d' shìor thròcair. Agus do bhrìgh as d'eugmhais-sa nach urrainn breòiteachd an duine gun tuiteam, gleidh sinn do ghnàth le d' chòmhnadh o na h-uile nithibh cronail, agus treòraich sinn a dh' ionnsuidh nan uile nithean a tha tarbhach gu ar slàinte, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Gal. vi. 11.

THa sibh a' faicinn meud na litreach a sgrìobh mi dhuibh le mo làimh féin. A' mheud le'm miann iad féin a thaisbeanadh gu sgiamhach 's an fheòil, tha iad 'g 'ur n-éigneachadh gu bhi air 'ur timchioll-ghearradh; a mhàin chum nach deantadh geur-leanmhuinn orra air son crann-ceusaidh Chriosd. Oir cha-n'eil iadsan féin a tha air an timchioll-ghearradh a' coimhead an lagha; ach is àill leo sibhse 'bhi air 'ur timchioll-ghearradh, chum as gu'n dean iad uaill ann 'ur feòil. Ach nar leigeadh Dia gu'n deanainn-sa uaill, ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearn' Iosa Criosd, tre'm bheil an saoghal air a cheusadh dhomh-sa, agus mise do'n t-saoghal. Oir ann an Iosa Criosd cha-n'eil éifeachd air bith ann an timchioll-ghearradh, no ann an neo-timchioll-ghearradh, ach ann an cruthachadh nuadh. Agus a' mheud 's a shiubhlas a réir na riaghailt so, sìth orra, agus tròcair, agus air Israel Dhé. O so a mach na cuireadh neach sam bith dragh orm, oir tha mi 'giùlan chomharaidhean an Tighearn' Iosa ann am chorp. A bhràithre, gu robh gràs ar Tighearn' Iosa Criosd maille ri 'ur spiorad. Amen.

An Soisgeul. N. Mata vi. 24.

CHa-n urrainn neach air bith seirbhis a dheanamh do dhà thighearn: oir an dara cuid bithidh fuath aige do neach aca, agus gràdh do 'n neach eile; no gabhaidh e le neach aca, agus ni e tàir air an neach eile. Cha-n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon. Uime sin tha mise ag ràdh ruibh, Na bitheadh ro-chùram oirbh mu thimchioll 'ur beatha, ciod a dh'itheas, no 'dh'òlas sibh; no mu thimchioll 'ur cuirp, ciod a chuireas

sibh umaibh: Nach mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n t-eudach? Amhaircibh air eunlaith an athair; oir cha chuir iad sìol, agus cha bhuain iad, agus cha chruinnich iad ann an saibhlibh; gidheadh tha 'ur n-Athair nèamhaidh-se 'g am beathachadh: Nach fearr sibhse gu mòr na iadsan? Agus cò agaibh le mòr-chùram a dh'fheudas aon làmh-choille a chur r'a àirde féin? Agus c'ar son tha sibh ro chùramach mu thimchioll 'ur culaidh? Fòghlumaibh cionnus tha na lilighean a' fàs 's a' mhachair: cha saothraich iad, agus cha snìomh iad: Gidheadh tha mise ag ràdh ruibh, Nach robh Solamh fèin 'n a uile ghlòir, air eudachadh mar aon diubh so. Air an aobhar sin, ma tha Dia mar sin a' sgeadachadh feoir na macharach, a tha an diugh ann, agus am màireach air a thilgeadh 's an àmhuinn; nach mò na sin a sgeadaicheas e sibhse, a dhaoine air bheag creidimh? Uime sin na bithibh làn de chùram, ag ràdh, Ciod a dh'itheas sinn? no ciod a dh'òlas sinn? no ciod a chuireas sinn umainn? (oir iad so uile iarraidh na Cinnich,) oir tha fios aig 'ur n-Athair nèamhaidh gu bheil feum agaibh-se air na nithibh so uile. Ach iarraibh air tùs rìoghachd Dhé, agus 'fhìreantachd-san, agus cuirear na nithe so uile ruibh. Uime sin na bitheadh ro-chùram oirbh mu thimchioll an là màireach; oir bithidh a làn de chùram air an là màireach mu thimchioll a nithe féin: is leòir do'n là 'olc féin.

An seathamh Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Thighearna, tha sinn a guidhe ort, d' Eaglais a ghlanadh agus a dhìon le d' shìor iochd; agus do bhrìgh nach urrainn i mairsinn ann an sàbhaltachd as eugmhais do chabhair, teasairg i gu bràth tuilleadh le d' chòmhnadh agus le d' mhaitheas, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Eph. iii. 13.

THa mi ag iarraidh nach lagaich sibh á leth mo thrioblaidean-sa air 'ur son, ni a's e 'ur glòir. Air an aobhar so tha mi a' lùbadh mo ghlùn do Athair ar Tighearn' Iosa Criosd, air an ainmichear an teaghlach uile air nèamh agus air talamh, gu'n deònaicheadh e dhuibh a réir saoibhreis a ghlòire, 'bhi air 'ur neartach-

adh gu treun, tre a Spiorad-san anns an duine an leth stigh: Ionnus gu'n gabh Criosd còmhnuidh ann 'ur cridhe tre chreidimh; chum air dhuibh 'bhi air 'ur freumhachadh, agus air 'ur stéidheachadh ann an gràdh, gu'm bi sibh comasach maille ris na naoimh uile, air a thuigsinn ciod e leud, agus fad, agus doimhne, agus àirde; Agus air gràdh Chriosd aithneachadh, a chaidh thar gach uile eòlas, chum gu'm bi sibh air 'ur lìonadh le uile lànachd Dhé. A nis dhàsan d'an comas na h-uile nithean a dheanamh gu h-anabarrach ro phailt, thar gach ni a's urrainn sinn iarraidh no smuaineachadh, a réir a' chumhachd a tha 'g oibreachadh gu h-éifeachdach annainn, dhàsan gu robh glòir anns an Eaglais tre Iosa Criosd, air feadh gach uile lìnn, gu saoghal nan saoghal. Amen.

An Soisgeul. N. Luc. vii. 11.

AGus tharladh an là 'n a dhéigh sin, gu'n deachaidh e chum baile d'an goirear Nain, agus chaidh a dheisciobuil maille ris, agus sluagh mòr. A nis an uair a thàinig e am fagus do gheata a' bhaile, feuch, ghiùlaineadh a mach duine marbh, aon mhac a mhàthar, agus bu bhantrach i; agus bha sluagh mòr de mhuinntir a' bhaile maille rithe. Agus an uair a chunnaic an Tighearn i, ghabh e truas dith, agus thubhairt e rithe, Na guil. Agus thàinig e agus bhean e ris a' ghiùlan, (agus sheas iadsan a bha 'g a iomchar,) agus thubhairt e, Oganaich, tha mi ag ràdh riut, Eirich. Agus dh'éirich an duine 'bha marbh, 'n a shuidhe, agus thòisich e air labhairt: agus thug e d'a mhàthair e. Agus ghlac eagal iad uile, agus thug iad glòir do Dhia, ag ràdh, Dh'éirich Fàidh mòr 'n ar measg-ne, agus dh'amhairc Dia air a shluagh féin. Agus chaidh an t-iomradh so mach airsan air feadh Iudea uile, agus na dùthcha mu'n cuairt uile.

An seachdamh Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

AThighearna, tha sinn a' guidhe ort gu'n téid do ghràs a ghnàth romhainn agus gu'n lean e sinn; agus gu'n toir e oirnn a bhi sìor-dhéidheil air gach uile dheadh obair, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Eph. iv. 1.

UIme sin tha mise prìosanach an Tighearna a' guidhe oirbh gu 'n gluais sibh gu cubhaidh do 'n ghairm leis an do ghairmeadh sibh, leis gach uile irioslachd inntinn, agus mhacantas, le fad-fhulangas, a' giùlan le 'chéile ann an gràdh; a' deanamh dìchill air aonachd an spioraid a choimhead ann an ceangal na sìthe. Is aon chorp, agus aon Spiorad a tha ann, amhuil mar an ceudna a ghairmeadh sibh ann an aon mhuinghin 'ur gairme; aon Tighearn, aon chreidimh, aon bhaisteadh, aon Dia agus Athair nan uile, a tha os ceann nan uile, agus tre na h-uile, agus annaibh-se uile.

An Soisgeul. N. Luc. xiv. 1.

THarladh, an tràth chaidh Iosa gu tigh uachdarain àraidh de na Phairisich a dh'itheadh bìdh air là na sàbaid, gu'n robh iad a' deanamh geur-fhaire air. Agus feuch, bha duine àraidh 'n a làthair air an robh a' mheud-bhronn. Agus fhreagair Iosa, agus labhair e ris an luchd-lagha agus ris na Phairisich, ag ràdh, Am bheil e ceaduichte leigheas a dheanamh air là na sàbaid? Ach dh'fhan iadsan 'n an tosd. Agus air dha breith air, leighis se e, agus leig e uaith e; agus fhreagair e iadsan, ag ràdh, Cò agaibh-se ma thuiteas 'asal, no a dhamh ann an slochd, nach tarruing a mach gu grad e air là na sàbaid? Agus cha b'urrainn iad a fhreagairt a rìs anns na nithibh sin. Agus labhair e cosamhlachd riu-san a fhuair cuireadh, 'n uair a thug e fainear mar a thagh iad na ceud àiteacha-suidhe, ag ràdh riu, 'N uair a gheibh thu cuireadh o neach air bith chum bainnse, na suidh anns a' cheud àit, air eagal gu'n d'fhuair duine a's urramaiche na thusa cuireadh uaith; Agus gu'n tig an ti a thug cuireadh dhuitsa agus dhàsan, agus gu'n abair e riut, Thoir àite do'n duine so; agus gu'n tòisich thusa an sin le nàire air suidhe anns an àit a's ìsle. Ach an uair a gheibh thu cuireadh, imich agus suidh anns an àit a's ìsle, chum 'n uair a thig esan a thug cuireadh dhuit, gu'n abair e riut, A charaid, suidh a suas na's àirde: an sin gheibh thu urram 'an làthair na muinntir a tha 'n an suidhe air bòrd maille riut. Oir ge b'e neach a dh'àrdaicheas e féin, ìslichear e; agus ge b'e neach a dh'ìslicheas e féin, àrdaichear e.

An t-ochdamh Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

A Thighearna, tha sinn a' guidhe ort, deònaich do d' shluagh gràs a sheasamh 'an aghaidh bhuairidhean an t-saoghail, na feòla, agus an diabhuil, agus le cridheachaibh agus inntinnibh fìor-ghlan gu 'n lean iad thusa an t-aon Dia, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 1 Cor. i. 4.

THa mi 'toirt buidheachais do m' Dhia a ghnàth do 'ur taobh, air son gràis Dhé a thugadh dhuibh ann an Iosa Criosd; air son gu 'n d' rinneadh saoibhir leis-san sibh anns gach uile ni, anns gach ùr-labhradh, agus anns gach eòlas, a réir mar a dhaingnicheadh fianuis Chriosd annaibh: Ionnus nach 'eil sibh 'an déigh-làimh ann an tìodhlac sam bith; a' feitheamh ri foillseachadh ar Tighearn' Iosa Criosd, neach mar an ceudna a dhaingnicheas sibh gus a' chrìoch, chum gu 'm bi sibh neo-lochdach ann an là ar Tighearn' Iosa Criosd.

An Soisgeul. N. Mata xxii. 34.

AN uair a chuala na Phairisich gu 'n do chuir e na Sadusaich 'n an tosd, chruinnicheadh iad 'an ceann a chéile. An sin chuir neach àraidh dhiubh, a bha 'n a fhear-teagasg an lagha, ceisd air, 'g a dhearbhadh, agus ag ràdh, A mhaighstir, cia i an àithne a's mò 's an lagh? Thubhairt Iosa ris, Gràdhaichidh tu an Tighearn do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam, agus le d' uile inntinn. Is i so a' cheud àithne agus an àithne mhòr. Agus is cosmhuil an dara rithe so, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu féin. Air an dà àithne so tha 'n lagh uile agus na fàidhean 'an crochadh. Ach air do na Phairisich a bhi cruinn 'an ceann a chéile, dh' fheòraich Iosa dhiubh, ag ràdh, Ciod i 'ur barail-se mu thimchioll Chriosd? cò d' am mac e? Thubhairt iadsan ris, Do Dhaibhidh. Thubhairt esan riu, Cionnus ma seadh a ghoireas Daibhidh 's an Spiorad a Thighearn dheth, ag ràdh, Thubhairt an Tighearn ri m' Thighearn, Suidh air mo làimh dheis, gus an cuir mi do naimhdean 'n an stòl fo d' chosaibh? Air an aobhar sin ma ghoireas

Daibhidh a Thighearn dheth, cionnus is mac dha e? Agus cha b' urrainn aon neach freagradh sam bith a thabhairt air, ni mò a bha 'chridhe aig aon neach (o'n là sin suas) ni air bith fheòraich dheth.

An naothamh Dòmhnach deug an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Dhé, do bhrìgh as d' eugmhais nach urrainn sinn do thoileachadh; Gu tròcaireach deònaich, gu'n dean do Spiorad naomh anns na h-uile nithibh ar cridheachan a stiuradh agus a riaghladh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Eph. iv. 17.

SO uime sin tha mi ag ràdh, agus a' guidhe 'am fianuis an Tighearna, gun sibh a dh'imeachd á so suas mar a tha na Cinnich eile ag imeachd ann an diomhanas an inntinn féin; aig am bheil an tuigse air a dorchachadh, air dhoibh a bhi 'n an coimhich do bheatha Dhé 'thaobh an aineolais a tha annta, tre chruadhas an cridhe: Muinntir air dhoibh am mothachadh a chall, a thug iad féin thairis do mhi-nàire, chum gach uile neòghloine 'chur 'an gnìomh le ciocras. Ach cha d'fhòghluim sibhse Criosd mar so: O chuala sibh e, agus o theagaisgeadh leis sibh, mar tha an fhìrinn ann an Iosa: Gu'n cuir sibh dhibh 'thaobh a' cheud chaithebeatha, an seann duine, a tha truaillidh a réir nan anamiann cealgach; agus gu'm bi sibh air 'ur n-ath-nuadhachadh ann an spiorad 'ur n-inntinn; agus gu'n cuir sibh umaibh an nuadh dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhé ann am fìreantachd agus ann am fìor-naomhachd. Uime sin air dhuibh a' bhreug a chur uaibh, labhraibh an fhìrinn gach neach r'a choimhearsnach; oir is buill sinn d'a chéile. Bitheadh fearg oirbh, agus na peacaichibh. Na luidheadh a' ghrian air 'ur corruich: Agus na tugaibh àite do'n diabhul. An ti a ghoid, na goideadh e na's mò; ach gu ma fearr leis saothair a dheanamh, ag oibreachadh an ni a tha maith le a làmhan, chum gu'm bi aige ni r'a phàirteachadh ris an neach air am bheil uireasbhuidh. Na tigeadh cainnt thruaillidh air bith a mach as 'ur beul, ach an ni sin a tha maith chum deadh-fhòghluim, ionnus gu'n toir e gràs do'n

luchd-éisdeachd. Agus na cuiribh doilgheas air Spiorad naomh Dhé, leis an do chuireadh seula oirbh gu là na saorsa. Bitheadh gach uile sheirbhe, agus corruich, agus fearg, agus gàrrthaich, agus toibheum air an togail uaibh, maille ris gach uile mhì-run. Agus bithibh caoimhneil, teo-chridheach d'a chéile, a' toirt maitheanais d'a chéile, eadhon mar a thug Dia maitheanas dhuibhse ann an Criosd.

An Soisgeul. N. Mata ix. 1.

AIr do Iosa dol 'an luing, chaidh e thar an uisge, agus thàinig e d' a bhaile féin. Agus feuch, thug iad d'a ionnsuidh duine air an robh am pairilis, 'n a luidhe air leabaidh. Agus an uair a chunnaic Iosa an creidimh, thubhairt e ri fear na pairilis, Bitheadh deadh mhisneach agad, a mhic, tha do pheacaidhean air am maitheadh dhuit. Agus feuch, thubhairt dream àraidh de na Sgrìobhaichibh annta féin, Tha am fear so a' labhairt toibheim. Agus air do Iosa an smuaintean fhaicinn, thubhairt e, C' ar son tha sibh a' smuaineachadh uilc ann 'ur cridheachaibh? Oir cia is usa a ràdh, Tha do pheacaidhean air am maitheadh dhuit? no a ràdh, Eirich, agus imich? Ach a chum gu'm bi fios agaibh gu bheil cumhachd aig Mac an duine peacaidhean a mhaitheadh air an talamh, (thubhairt e an sin ri fear na pairilis) Eirich, tog do leabadh, agus imich do d' thigh. Agus dh' éirich e, agus chaidh e d' a thigh féin. Ach an uair a chunnaic am pobull so, ghabh iad iongantas, agus thug iad glòir do Dhia, a thug a' leithid so a chumhachd do dhaoinibh.

Am ficheadamh Dòmhnach an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich agus ro thròcairich, o d' mhòr mhaitheas gleidh sinn, tha sinn a' guidhe ort, o na h-uile nithibh a dh' fheudas dochann a dheanamh oirnn; chum air dhuinn a bhi ullamh araon ann an corp agus ann an anam, gu'n coimhlion sinn gu suilbhir na nithe sin a b' àill leat a bhi air an deanamh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Eph. v. 15.

FEuchaibh uime sin gu'n gluais sibh gu faicilleach, cha-n ann mar amadain, ach mar dhaoine glice, ag ath-cheannach na h-aimsir, do bhrìgh gu bheil na làithean olc. Air an aobhar sin na bithibh-se neo-ghlic, ach a' tuigsinn ciod i toil an Tighearna. Agus na bithibh air mhisg le fion, anns am bheil anabarr; ach bithibh air 'ur lìonadh de 'n Spiorad; A' labhairt ruibh féin ann an salmaibh, ann an laoidhibh, agus ann an dànaibh spioradail; a' seinn agus a' deanamh ciuil 'n 'ur cridhe do 'n Tighearn: a' toirt buidheachais a ghnàth air son nan uile nithe do Dhia, eadhon an t-Athair, ann an Ainm ar Tighearn' Iosa Criosd; air dhuibh a bhi ùmhal d' a chéile ann an eagal Dhé.

An Soisgeul. N. Mata xxii. 2.

THubhairt Iosa, Is cosmhuil rìoghachd nèimh ri rìgh àraidh, a rinn cuirm-phòsaidh d' a mhac féin; agus chuir e a sheirbhisich a ghairm na muinntir a fhuair cuireadh chum na bainnse; ach cha b' àill leo-san teachd. A rìs, chuir e d' an ionnsuidh seirbhisich eile, ag ràdh, Abraibh-se ris a' mhuinntir d' an d' thugadh cuireadh, Feuch, dheasaich mi mo dhinneir: tha mo dhaimh agus mo spréidh bhiadhta air am marbhadh, agus tha na h-uile nithean ullamh, thigibh chum na bainnse. Ach chuir iadsan 'an suarachas e, agus dh' imich iad rompa, fear dhiubh chum 'fhearainn, agus fear eile chum a cheannachd: Agus rug a' chuid eile dhiubh air a sheirbhisich, agus thug iad masladh dhoibh, agus mharbh siad iad. Ach an uair a chual' an rìgh so ghabh e fearg; agus chuir e 'armailtean uaith, agus sgrios e an luchd-mortaidh sin, agus loisg e am baile-san. An sin thubhairt e r'a sheirbhisich, Gu fìrinneach tha a' bhanais ullamh, gidheadh an dream a fhuair cuireadh cha b' airidh iad air. Air an aobhar sin imichibh-se gus na rathaidibh mòra, agus a' mheud 's a gheibh sibh cuiribh iad chum na bainnse. Agus chaidh na seirbhisich sin a mach air na rathaidibh, agus chruinnich iad gach uile neach a fhuair iad, eadar olc agus mhaith; agus lìonadh tigh na bainnse le muinntir a shuidh chum bìdh. Agus air dol a steach do'n rìgh a dh' fhaicinn nan aoidhean, chunnaic e an sin duine aig nach robh trusgan na

bainnse uime. Agus thubhairt e ris, A charaid, cionnus a thàinig thusa steach an so, gun trusgan na bainnse umad? Ach dh' fhan esan 'n a thosd. An sin thubhairt an rìgh ris na seirbhisich, Air a cheangal duibh eadar chosan agus làmhan, togaibh leibh e, agus tilgibh e anns an dorchadas iomallach: An sin bithidh gul agus gìosgan fhiacal. Oir tha mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh.

An ceud Dhòmhnach fichead an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

A Thighearna thròcairich, tha sinn a' guidhe ort, deònaich do d' shluagh creideach maitheanas agus sìth, a chum gu'm bi iad air an glanadh o'm peacaidhibh uile, agus gu'n dean iad seirbhis dhuit le inntinn shàmhach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Eph. vi. 10.

MO bhràithre, bithibh làidir 's an Tighearn, agus ann an neart a chumhachd-san. Cuiribh umaibh uile armachd Dhé, chum gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh cuilbheirtean an diabhuil. Oir cha-n'eil sinn a' gleachd ri fuil agus feòil, ach ri uachdaranachdaibh, ri cumhachdaibh, ri riaghlairibh dorchadais an t-saoghail so, ri aingidheachd spioradail ann an ionadaibh àrda. Uime sin glacaibh do 'ur n-ionnsuidh uile armachd Dhé, chum gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh a' bhuairidh 's an droch là, agus air dhuibh na h-uile nithean a dheanamh, chum seasamh. Seasaibh uime sin air bhi do'ur leasraidh air an crioslachadh le firinn, agus uchd-éideadh na fireantachd umaibh; agus ulluchadh soisgeil na sìthe mar bhròigan agaibh air 'ur cosaibh: Thar gach uile ni, a' glacadh do 'ur n-ionnsuidh sgéithe a' chreidimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighdean teinnteach an droch spioraid a mhùchadh. Agus glacaibh clogaid na slàinte, agus claidheamh an Spioraid, ni a's e focal Dhé: A' deanamh urnuigh a ghnàth leis gach uile ghné urnuigh agus asluchaidh 's an Spiorad, agus a' deanamh faire chum an ni so féin maille ris gach uile bhuanachadh agus ghuidhe air son nan naomh uile; agus air mo shonsa, chum gu'n toirear dhomh comas labhairt, le fosgladh mo bheòil

ann an dànachd, chum gu foillsich mi rùn-dìomhair an t-soisgeil; air son am bheil mi a'm' theachdair' ann an gèimhlibh, chum gu'n labhair mi gu dàna uime, mar is còir dhomh labhairt.

An Soisgeul. N. Eoin iv. 46.

BHa duine cumhachdach àraidh, aig an robh a mhac gu tinn ann an Capernaum. 'N uair a chual' esan gu'n robh Iosa air teachd á Iudea do Ghalile, chaidh e d'a ionnsuidh, agus ghuidh e air, gu'n rachadh e sìos, agus gu'n slànuicheadh e a mhac; oir bha e ri uchd bàis. An sin thubhairt Iosa ris, Mur faic sibh comharaidhean agus mìorbhuilean, cha chreid sibh. Thubhairt an duine cumhachdach ris, A Thighearna, rach sìos mu'm faigh mo leanaban bàs. Thubhairt Iosa ris, Imich, tha do mhac beò. Agus chreid an duine am focal a labhair Iosa ris, agus dh'imich e. Agus am feadh a bha e fathast a' dol sìos, choinnich a sheirbhisich e, agus dh'innis iad da, ag ràdh, Tha do mhac beò. An sin dh'fhiosraich e dhiubh an uair anns an deachaidh e 'am feabhas: agus thubhairt iad ris, An dé air an t-seachdamh uair dh'fhàg am fiabhrus e. An sin dh'aithnich an t-athair gu'm b'i an uair sin féin, anns an dubhairt Iosa ris, Tha do mhac beò; agus chreid e féin, agus a theaghlach uile. 'S e so a ris an dara mìorbhuil a rinn Iosa, 'n uair a thàinig e á Iudea do Ghalile.

An dara Dòmhnach fichead an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

A Thighearna tha sinn a' guidhe ort gu'n gleidh thu do theaghlach an Eaglais ann an sìor-dhiadhachd, a chum tre do dhìdean gu'm bi i saor o na h-uile àmhghairibh, agus gu cràbhach air a toirt suas gu seirbhis a dheanamh dhuit ann an deadh oibribh chum glòire d' Ainme, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Phil. i. 3.

THa mi 'toirt buidheachais do mo Dhia gach uair a chuimhnicheas mi oirbh, a ghnàth ann am uile urnuighibh air 'ur son-se uile, le gairdeachas a' deanamh guidhe air son 'ur comh-roinn de'n t-soisgeul o'n cheud là gus a nis; air dhomh 'bhi dearbhta as an ni so

féin, eadhon an ti a thòisich air deadh obair annaibh, gu'n coimhlion e i gu là Iosa Criosd ; eadhon mar is còir dhomh so a smuaineachadh umaibh uile, do bhrìgh gu bheil sibh agam ann am chridhe, agus gu bheil sibh uile 'n 'ur luchd comh-roinn de m' ghràs-sa, araon ann am ghèimhlibh, agus ann an seasamh air son, agus ann an daingneachadh an t-soisgeil. Oir is e Dia m'fhianuis, cia mòr mo dhéidh oirbh uile ann an innibh Iosa Criosd. Agus tha mi a' guidhe so, gu'm bitheadh 'ur gràdh-se air a mheudachadh na's mò agus na's mò ann an eòlas, agus anns an uile thuigse : Chum gu'n dearbh sibh na nithean a's fearr, chum gu'm bi sibh tréibhdhireach, agus gun tuisleadh gu là Chriosd ; Air 'ur lìonadh le toradh na fìreantachd, a tha tre Iosa Criosd, chum glòire agus cliu Dhé.

An Soisgeul. N. Mata xviii. 21.

THubhairt Peadar ri Iosa, A Thighearna, cia minic a pheacaicheas mo bhràthair a'm' aghaidh, agus a mhaitheas mi dha? an ann gu ruig an seachdamh uair? Thubhairt Iosa ris, Cha-n abair mi riut, gus an seachdamh uair ; ach gu deich agus tri fichead seachd uairean. Air an aobhar sin is cosmhuil rìoghachd nèimh ri rìgh àraidh, le'm b'àill cunntas a dheanamh r'a sheirbhisich. Agus an uair a thòisich e air cunntas a dheanamh, thugadh aon d'a ionnsuidh, air an robh aige deich mìle tàlann: Ach do bhrìgh nach robh aige ni leis an dìoladh e, dh'àithn a thighearn e féin, agus a bhean agus a chlann, agus na h-uile nithean a bha aige, a reiceadh, agus dìoladh a dheanamh. Air an aobhar sin thuit an seirbhiseach sin sìos agus rinn e ùmhlachd dha, ag ràdh, A Thighearna, dean foighidin rium, agus ìocaidh mi dhuit an t-iomlan. An sin air do thighearn an òglaich sin truas mòr a ghabhail dheth, leig e a chead da, agus mhaith e na fiacha dha. Ach an uair a chaidh an seirbhiseach sin féin a mach fhuair e aon d'a chomh-sheirbhisich, air an robh aige ceud peghinn : agus chuir e làmh ann, agus rug e air sgòrnan air, ag ràdh, Ioc dhomh na bheil agam ort. Agus thuit a chomh-sheirbhiseach sìos aig a chosaibh, agus ghuidh e air, ag ràdh, Dean foighidin rium, agus ìocaidh mi dhuit an t-iomlan. Agus cha b'àill leis-san sin ; ach dh'imich e agus thilg e 'am prìosan e,

gus an ìocadh e na fiachan. Agus an uair a chunnaic a chomh-sheirbhisich na nithean a rinneadh, bha iad ro dhoilich, agus thàinig iad agus dh'fhoillsich iad d'an tighearn gach ni a rinneadh. An sin ghairm a thighearn air, agus thubhairt e ris, A dhroch sheirbhisich, mhaith mi dhuit na fiachan ud uile, do bhrìgh gu'n do chuir thu impidh orm : Nach bu chòir dhuitsa mar an ceudna tròcair a dheanamh air do chomh-sheirbhiseach féin, amhuil mar a rinn mise tròcair ortsa? Agus ghabh a thighearn fearg, agus thug e do an luchd-pianaidh e, gus an ìocadh e 'fhiachan uile dha. Agus mar sin ni m' Athair nèamhaidh ruibhse, mur maith gach aon agaibh o 'ur cridheachaibh d'a bhràthair an cionta.

An treas Dòmhnach fichead an déigh na Trionaid.

An Guidhe.

O 'Dhé, ar dìdean agus ar neart, is tu ùghdair na h-uile dhiadhachd, tha sinn a' guidhe ort, bi ullamh gu éisdeachd ri urnuighibh cràbhach d' eaglais ; agus deonaich na nithe sin a dh'iarras sinn gu creideach, gu'm faigh sinn iad gu h-éifeachdach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Phil. iii. 17.

A Bhràithre, bithibh-se le 'chéile 'n 'ur luchd-leanmhuinn ormsa, agus thugaibh an aire dhoibh-san a tha 'gluasad air an dòigh sin, mar tha sinne 'n ar n-eisempleir agaibh. (Oir tha mòran a' gluasad, mu'n dubhairt mi gu minic ruibh, agus mu'm bheil mi nis, eadhon a' gul, ag ràdh ruibh, gur naimhdean iad do chrann-ceusaidh Chriosd : d'an deireadh a bhi air an sgrios, d'an dia am brù, agus aig am bheil an glòir 'n an nàire, aig am bheil an aire air nithibh talmhaidh.) Oir tha ar caithe-beatha-ne air nèamh, an t-ionad as am bheil dùil againn fòs ris an t-Slànuidhear, an Tighearn Iosa Criosd ; a chruth-atharraicheas ar corp dìblidh, chum gu'n deanar e comh-chosmhuil r'a chorp glórmhor féin, a réir an oibreachaidh leis am bheil e comasach air na h-uile nithean a chur fo 'cheannsal féin.

An Soisgeul. N. Mata xxii. 15.

AN sin dh'imich na Phairisich, agus ghabh iad comhairle cionnus a dh'fheudadh iad esan a ribeadh

'n a chainnt. Agus chuir iad d'a ionnsuidh an deisciobuil féin maille ri luchd-leanmhuinn Heroid, ag ràdh, A mhaighstir, tha fhios againn gu bheil thusa fìor, agus gu bheil thu 'teagasg slighe Dhé ann am fìrinn, agus nach 'eil suim agad do dhuine sam bith: oir cha-n'eil thu ag amharc air pearsaibh dhaoine. Uime sin innis dhuinne do bharail, Am bheil e ceadaichte cìs a thabhairt do Cheasar, no nach 'eil? Ach air tuigsinn am mì-ruin a dh'Iosa, thubhairt e, C'ar son a tha sibh 'g am bhuaireadh, a chealgairean? Nochdaibh dhomhsa airgiod na cìse. Agus thug iad d'a ionnsuidh peghinn. Agus thubhairt e riu, Cò dha a bhuineas an dealbh so agus an sgrìobhadh a tha m'a thimchioll? Thubhairt iadsan ris, Do Cheasar. An sin thubhairt esan riu, Thugaibh uime sin do Cheasar na nithean a's le Ceasar; agus do Dhia, na nithean a's le Dia. Agus an uair a chual' iad so, ghabh iad iongantas, agus dh'fhàg iad e, agus dh'imich iad rompa.

An ceathramh Dòmhnach fichead an déigh na Trionaid.
An Guidhe.

O 'Thighearna, tha sinn a' guidhe ort, fuasgail do shluagh o'n lochdaibh; ionnus tre do mhòr mhaitheas gu'm bi sinn uile air ar saoradh o cheanglaichibh nam peacaidhean sin, a rinn sinn le 'r breòiteachd. Deònaich so, O Athair nèamhaidh, air sgàth Iosa Criosd, ar Tighearna agus ar Slànuidhir bheannaichte. *Amen.*

An Litir. Col. i. 3.

THa sinn a' toirt buidheachais do Dhia, agus Athair ar Tighearn' Iosa Criosd, a' sìor-dheanamh urnuigh air 'ur son-se, o chuala sinn iomradh 'ur creidimh ann an Iosa Criosd, agus 'ur gràidh do na naoimh uile; air son an dòchais a tha air a thasgadh fa 'ur comhair air nèamh, air an cuala sibh iomradh roimh ann am focal fìrinn an t-soisgeil; a thàinig do 'ur n-ionnsuidh-se, mar anns an t-saoghal uile, agus a tha 'toirt toraidh uaith, mar tha e 'deanamh mar an ceudna 'n 'ur measg-se, o'n là anns an cuala sibh e, agus 's an d' fhuair sibh eòlas air gràs Dhé ann am fìrinn. A réir fòs mar a dh'fhòghluim sibh o Epaphras ar comh-sheirbhiseach gràdhach-ne, a tha air 'ur son-se 'n a mhinisteir dìleas do Chriosd; a chuir 'an céill dhuinne mar an ceudna 'ur gràdh-se anns an

Spiorad. Air an aobhar so cha-n'eil sinne mar an ceudna a' sgur, o'n là a chuala sinn e, a dheanamh urnuigh air 'ur son-se, agus a ghuidhe gu'm bitheadh sibh air 'ur lionadh le eòlas a thoile 's an uile ghliocas agus thuigse spioradail. Chum gu'n gluaiseadh sibh gu cubhaidh do'n Tighearn chum gach uile thoileachaidh, a' toirt toraidh uaibh 's an uile dheadh obair, agus a' fas ann an eòlas Dhé; air 'ur neartachadh leis an uile neart a réir a chumhachd ghlòrmhoir-san, chum an uile fhoighidin agus fhad-fhulangais, maille ri gairdeachas; a tabhairt buidheachais do'n Athair a rinn sinn iomchuidh chum bhi 'n ar luchd-comhpairt a dh' oighreachd nan naomh 's an t-solus.

An Soisgeul. N. Mata ix. 18.

AN uair a bha Iosa a' labhairt nan nithe so ri deisciobluibh Eoin, feuch, thàinig uachdaran àraidh agus thug e aoradh dha, ag ràdh, Fhuair mo nighean bàs air ball; ach thig-sa agus cuir do làmh oirre, agus bithidh i beò. (Agus dh'éirich Iosa, agus lean e féin, agus a dheisciobuil e. Agus, feuch, thàinig bean, air an robh dòrtadh fola ré dhà bhliadhna dheug, air a chùlaobh, agus bhean i ri iomall 'eudaich; Oir thubhairt i innte féin, Ma bheanas mi ach ri 'eudach, bithidh mi slàn. Ach air tionndadh do Iosa mu'n cuairt, chunnaic e i, agus thubhairt e, A nighean, bitheadh deadh mhisneach agad, shlànuich do chreidimh thu. Agus bha a' bhean slàn o'n uair sin.) Agus an uair a thàinig Iosa gu tigh an uachdarain, agus a chunnaic e an luchd-ciùil agus a' chuideachd a' deanamh toirm bhroin, thubhairt e riu, Imichibh roimhibh; oir cha-n'eil an nigheanag marbh, ach 'n a codal. Agus rinn iad gàire fochaid ris. Ach an uair a chuireadh a' chuideachd a mach, chaidh e a steach, agus rug e air làimh oirre, agus dh'éirich an nigheanag. Agus chaidh iomradh sin a mach air feadh na tìre sin uile.

An cùigeamh Dòmhnach fichead an déigh na Trionaid.
An Guidhe.

O 'Thighearna, mosgail, tha sinn a' guidhe ort, miannan do shluaigh chreidich, a chum air dhoibh a bhi a' toirt a mach gu saoibhir toraidh dheadh oibre; gu'm faigh iad duais uait-sa gu saoibhir, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Ier. xxiii 5.

FEuch, tha na làithean a' teachd, deir an Tighearn, anns an tog mise suas do Dhaibhidh meanglan fireanach, agus rìoghaichidh Rìgh, agus soirbhichidh leis, agus cuiridh e 'an gnìomh breitheanas agus ceartas air an talamh. 'N a làithibh-san tèarnar Iudah, agus gabhaidh Israel còmhnuidh ann an tèaruinteachd: agus is e so 'ainm a ghoirear ris, IEHOBHAH AR FIREANTACHD-NE. Air an aobhar so feuch, tha na làithean a' teachd, deir an Tighearn, anns nach abair iad na's mò, Mar is beò an Tighearn a thug a nìos clann Israeil á tìr na h-Eiphit; ach mar is beò an Tighearn, a thug a nìos, agus a stiùir sliochd tighe Israeil as an tìr mu thuath, agus as na dùthchannaibh sin uile gus an d'fhuadaich mise iad, a chum gu'n gabhadh iad còmhnuidh 'n am fearann féin.

An Soisgeul. N. Eoin vi. 5.

AN uair a thog Iosa suas a shùilean, agus a chunnaic e gu'n d'thàinig buidheann mhòr shluaigh d'a ionnsuidh, thubhairt e ri Philip, Cia an t-àit as an ceannaich sinn aran chum gu'n ith iad so? (Ach thubhairt e so 'g a dhearbhadh-san: oir bha fhios aige féin ciod a dheanadh e.) Fhreagair Philip e, Cha leoir dhoibh luach dhà cheud peghinn a dh'aran, chum gu'n gabhadh gach aon diubh beagan. Thubhairt aon d'a dheisciobluibh, Aindreas, bràthair Shimoin Pheadair, ris, Tha òganach an so, aig am bheil cùig builionnan eòrna, agus dà iasg bheag; ach ciod iad so 'am measg na h-uiread? Agus thubhairt Iosa, Thugaibh air na daoinibh suidhe sìos. A nis bha mòran feoir anns an àite. Air an aobhar sin shuidh na daoine sìos, 'an àireamh timchioll chùig mìle. Agus ghlac Iosa na builionnan, agus air tabhairt buidheachais da, roinn e air na deisciobluibh iad, agus na deisciobuil orra-san a shuidh, agus mar an ceudna de na h-iasgaibh beaga, 'mheud as a b'àill leo. 'N uair a shàsuicheadh iad, thubhairt e r'a dheisciobluibh, Cruinnichibh am biadh briste a tha thuilleadh ann, chum nach caillear a' bheag. Air an aobhar sin chruinnich iad e r'a chéile, agus lìon iad dà chliabh dheug de sbruileach nan cùig builionnan eòrna, a bha dh'fhuigheall aig a' mhuinntir a dh'ith. An sin an uair a chunnaic na daoine sin

am mìorbhuil a rinn Iosa, thubhairt iad, Gu firinneach is e so am Fàidh a bha gu teachd chum an t-saoghail.

¶ *Ma bhitheas tuilleadh de Dhòmhnaichibh roimh Dhòmhnach an Teachd, bithidh seirbhis cuid de na Dòmhnaichibh sin a dh'fhàgadh a mach an déigh an Fhoillsichidh, air an gabhail a stigh a dheanamh a suas a' mheud 's a tha 'dhìth air a' so. Agus ma bhitheas na's lugha, feudar an corr fhàgail: Ach feumar an Guidhe, an Litir, agus an Soisgeul so mu dheireadh a bhi daonnan air an gnàthachadh air an Dòmhnach a's faisge roimh 'n Teachd.*

Là Naomh Aindreas.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thug a leithid de ghràs do Naomh Aindreas, d' Abstol naomh, 's gu'n d' thug e ùmhlachd gu h-ullamh do ghairm do Mhic Iosa Criosd, agus gu'n do lean se e gun mhoille; Deònaich dhuinn uile, air dhuinn a bhi air ar gairm le d'fhocal naomh, gu'n toir sinn gun dàil sinn féin a suas gu h-umhal a choimhlionadh d' àitheanta naomha, trìd an ti cheudna Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Rom. x. 9.

MA dh'aidicheas tu le d' bheul an Tighearn Iosa, agus ma chreideas tu ann do chridhe, gu'n do thog Dia o na mairbh e, saorar thu. Oir is ann leis a' chridhe a chreidear chum fireantachd, agus leis a' bheul a dh'aidichear chum slàinte. Oir tha an Sgriobtuir ag ràdh, Ge b'e neach a chreideas ann-san cha nàraichear e. Oir cha-n'eil eadar-dhealachadh eadar an t-Iudhach agus an Greugach: oir an t-aon Tighearn a tha os ceann nan uile tha e saoibhir do na h-uile a ghairmeas air. Oir ge b'e neach a ghairmeas air Ainm an Tighearna tèarnar e. Ach cionnus a ghairmeas iad airsan anns nach do chreid iad? Agus cionnus a chreideas iad anns an ti air nach cual' iad iomradh? agus cionnus a chluinneas iad gun searmonaiche? Agus cionnus a ni iad searmoin, mur cuirear iad? mar tha e sgrìobhta, Cia sgiamhach cosa na muinntir sin a tha 'searmonachadh Soisgeil na

sìthe, a tha 'toirt sgeoil aoibhneich air nithibh maithe! Ach cha robh iad uile ùmhal do'n t-Soisgeul. Oir tha Esaias ag ràdh, A Thighearna, cò chreid ar n-aithris-ne? Uime sin, is ann o éisdeachd a thig creidimh, agus éisdeachd tre fhocal Dhé. Ach tha mi ag ràdh, Nach cual' iad? Chuala gu deimhin, chaidh am fuaim air feadh gach tìre a mach, agus am briathra gu iomallaibh an domhain. Ach tha mi ag ràdh, Nach robh fios aig Israel? Air tùs tha Maois ag ràdh, Cuiridh mi eud oirbh le cinneach nach 'eil 'n an cinneach, agus le cinneach neo-thuigseach cuiridh mi fearg oirbh. Ach tha Esaias ro dhàn, agus tha e ag ràdh, Fhuaradh mi leo-san nach d'iarr mi; dh'fhoillsicheadh mi dhoibh-san nach d'fheòraich air mo shon. Ach ri Israel tha e ag ràdh, Shìn mi mach mo làmhan ré an là gu h-iomlan ri pobull eas-ùmhal agus a labhras a'm' aghaidh.

An Soisgeul. N. Mata iv. 18.

AG imeachd do Iosa ri taobh fairge Ghalile, chunnaic e dithis bhràithre, Simon d'an goirear Peadar, agus Aindreas a bhràthair, a' tilgeadh lìn 's an fhairge (oir b'iasgairean iad.) Agus thubhairt e riu, Leanaibh mise; agus ni mi iasgairean air daoinibh dhibh. Agus air ball dh'fhàg iad na lìn, agus lean iad esan. Agus air triall da as a sin, chunnaic e dithis bhràithrean eile, Seumas mac Shebede, agus Eoin a bhràthair ann an luing maille r'an athair Sebede, a' càradh an lìon; agus ghairm e iad. Agus air ball dh'fhàg iad an long agus an athair, agus lean iad e.

Naomh Tomas an t-Abstol.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, air son tuilleadh daingneachadh a' chreidimh a leig le d' Abstol naomh Tomas a bhi fo theagamh mu aiseirigh do Mhic; Deònaich dhuinne creidsinn cho iomlan, agus gun amharus air bith ann ad Mhac Iosa Criosd, 's nach bi ar creidimh a chaoidh air a chronachadh ann ad làthair. Eisd ruinn, O 'Thighearna, trìd an ti cheudna Iosa Criosd, d'an robh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh gach uile onoir agus ghlòir a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

An Litir. Eph. ii. 19.

ANis uime sin cha-n'eil sibh na's mò 'n 'ur coigrich agus 'n 'ur coimhich, ach 'n 'ur luchd aon bhaile ris na naoimh, agus 'n 'ur muinntir-teaghlaich Dhé; agus tha sibh air 'ur togail suas air bunait nan Abstol agus nam Fàidhean, air bhi do Iosa Criosd féin 'n a chloichchinn na h-oisinn; anns am bheil an aitreabh uile ceangailte gu ceart r'a chéile a' fàs suas chum bhi 'n a teampull naomh 's an Tighearn; anns am bheil sibhse mar an ceudna air 'ur comh-thogail suas chum bhi 'n 'ur tigh-còmhnuidh do Dhia tre an Spiorad.

An Soisgeul. N. Eoin xx. 24.

CHa robh Tomas, aon de'n dà fhearr dheug, d'an goirear Didimus, maille riu, 'n uair a thàinig Iosa. Uime sin thubhairt na deisciobuil eile ris, Chunnaic sinne an Tighearn. Ach thubhairt esan riu, Mur faic mise aileadh nan tairngean 'n a làmhan, agus mur cuir mi mo mheur ann an aileadh nan tairngean, agus mur cuir mi mo làmh 'n a thaobh, cha chreid mi. Agus 'an ceann ochd làithean 'n a dhéigh sin bha a dheisciobuil a rìs a stigh, agus Tomas maille riu: thàinig Iosa, agus na dorsan dùinte, agus sheas e 's a' mheadhon, agus thubhairt e, Sìth dhuibh. 'N a dhéigh sin thubhairt e ri Tomas, Cuir an so do mheur, agus feuch mo làmhan; agus sìn an so do làmh, agus cuir a'm' thaobh i, agus na bi mi-chreideach, ach creideach. Agus fhreagair Tomas agus thubhairt e ris, Mo Thighearn', agus mo Dhia. Thubhairt Iosa ris, Air son gu faca tu mi, a Thomais, chreid thu; is beannaichte iadsan nach faca, agus a chreid. Agus rinn Iosa gu fìrinneach mòran de mhìorbhuilibh eile 'am fianuis a dheisciobul, nach 'eil sgrìobhta 's an leabhar so. Ach tha iad so sgrìobhta chum gu'n creideadh sibh gur e Iosa an Criosd, Mac Dhé; agus a' creidsinn duibh gu'm bitheadh agaibh beatha troimh Ainm-san.

Iompachadh Naomh Pòl.

An Guidhe.

O 'Dhé, tre shearmonachadh an Abstoil bheannaichte Naomh Pòl a thug air solus an t-Soisgeil dealrachadh feadh an t-saoghail; Deònaich, tha sinn a' guidhe ort, air dhuinn cuimhne 'bhi againn air 'iompach-

adh iongantach-san, gu'n nochd sinn a mach ar taingealachd dhuitsa air a shon, le 'bhi 'leantuinn an fhòghluim naoimh a theagaisg e, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. ix. 1.

AGus air do Shaul bhi fathast a' séideadh a mach bagraidh agus sgrios an aghaidh dheisciobul an Tighearna, chaidh e chum an àrd-shagairt, agus dh'iarr e litrichean uaith gu Damascus chum nan sionagog, chum nam faigheadh e aon neach de'n t-slighe so, cò aca b'fhir no mnathan iad, gu'n tugadh e leis ceangailte gu Ierusalem iad. Agus ag imeachd dha tharladh gu'n go dhruid e ri Damascus, agus dhealraich gu h-obann mu'n cuairt air solus o nèamh. Agus air tuiteam dha air an talamh, chual' e guth ag ràdh ris, A Shauil, A Shauil, c'ar son a tha thu 'g am gheur-leanmhuinn? Agus thubhairt esan, Cò thu, a Thighearna? Agus thubhairt an Tighearn, Is mise Iosa a tha thusa a' geur-leanmhuinn: is cruaidh dhuit-sa breabadh an aghaidh nan dealg. Agus air dhàsan a bhi air chrith agus làn uamhainn, thubhairt e, A Thighearna, ciod a's àill leat mise a dheanamh? Agus thubhairt an Tighearn ris, Eirich, agus rach a steach do'n bhaile, agus innsear dhuit ciod is còir dhuit a dheanamh. Agus sheas na daoine, a bha 'g imeachd maille ris 'n an tosd, a' cluinntinn a' ghutha, ach gun neach air bith fhaicinn. Agus dh'éirich Saul o'n talamh, agus air fosgladh a shùl dha, cha-n fhac e neach air bith; ach air dhoibh breth air a làimh, theòraich iad e gu Damascus. Agus bha e tri làithean gun radharc, agus cha d'ith agus cha d'òl e ni air bith. Agus bha deisciobuil àraidh ann an Damascus, d'am b'ainm Ananias, agus thubhairt an Tighearn ris ann am foillseachadh, Ananiais. Agus thubhairt esan, Feuch, tha mi an so, a Thighearna. Agus thubhairt an Tighearn ris, Eirich agus imich do'n t-sràid, ris an abrar Direach, agus iarr ann an tigh Iudais duine o Tharsus, d'an goirear Saul: oir feuch, tha e ri urnuigh, agus chunnaic e ann am foillseachadh duine d'an ainm Ananias, a' teachd a steach, agus a' cur a làimhe air, chum gu'm faigheadh e a radharc. An sin fhreagair Ananias, A Thighearna, chuala mi o mhòran mu'n duine so, cia lìon olc a rinn e do d' naoimh ann an Ierusalem; agus tha an so ùghdarras aige o uachdarain nan sagart iadsan uile

a cheangal a tha 'gairm air d'Ainm-sa. Ach thubhairt an Tighearn ris, Imich; oir is soitheach taghta dhomh-sa e, chum m'Ainm a ghiùlan 'am fianuis nan Cinneach, agus rìghrean, agus chloinn Israeil. Oir nochdaidh mise dha cia mòr na nithean a's éigin da fhulang air sgàth m'Ainme-sa. Agus dh'imich Ananias, agus chaidh e steach do'n tigh; agus chuir e a làmhan air, agus thubhairt e, A Shauil a bhràthair, chuir an Tighearn (eadhon Iosa a dh'fhoillsicheadh dhuit-sa anns an t-slighe air an d'thàinig thu) mise, chum gu'm faigheadh tu do radharc, agus gu'm bitheadh tu air do lìonadh leis an Spiorad naomh. Agus air ball thuit o 'shùilibh mar gu'm bitheadh lannan; agus dh'aisigeadh a radharc dha gun dàil, agus air dha éirigh, bhaisteadh e. Agus an uair a ghabh e biadh, neartaicheadh e. An sin bha Saul làithean àraidh maille ris na deisciobluibh a bha ann an Damascus. Agus air ball shearmonaich e Iosa anns na sionagogaibh, gur esan Mac Dhé. Ach bha na h-uile a chual' e fo uamhas, agus thubhairt iad, Nach e so esan a bha 'sgrios ann an Ierusalem na muinntir a bha 'gairm air an Ainm so, agus a thàinig an so chum na crìche so, gu'n tugadh e ceangailte iad dh'ionnsuidh uachdaran nan sagart? Ach bu mhòid a neartaicheadh Saul, agus chuir e gu amhluadh na h-Iudhaich a bha 'chòmhnuidh ann an Damascus, a' dearbhadh gur e so an Criosd.

An Soisgeul. N. Mata xix. 27.

FHreagair Peadar agus thubhairt e ri Iosa, Feuch, thréig sinne na h-uile nithean agus lean sinn thusa, air an aobhar sin ciod a gheibh sinn? Agus thubhairt Iosa riu, Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, Sibhse a lean mise anns an ath-ghineamhuin an uair a shuidheas Mac an duine air caithir a ghlòire féin, gu'n suidh sibhse mar an ceudna air dà chaithir dheug, a' toirt breth air dà thréibh dheug Israeil. Agus ge b'e neach a thréig tighean, no bràithrean, no peathraichean, no athair, no màthair, no bean-phòsda, no clann, no fearann air sgàth m'Ainme-sa gheibh e a' cheud uiread, agus a' bheatha mhaireannach mar oighreachd. Ach tha mòran air thoiseach a bhitheas air dheireadh, agus air dheireadh a bhitheas air thoiseach.

Taisbeanadh Chriosd anns an teampull, d'an goirear gu cumanta, Glanadh na h-Oighe Naomh Muire.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe air do Mhòrachd, ionann 's mar a thaisbeanadh d' aon-ghin Mhic air an là so 's an teampull ann an nadur a' chinne daoine; mar sin gu'm bi sinne air ar taisbeanadh dhuitsa le cridheachaibh fìor-ghlan agus geamnuidh, leis an ti cheudna do Mhac Iosa Criosd ar Tighearn. *Amen.*

Air son na Litreach. Mal. iii. 1.

FEuch, cuiridh mise mach mo theachdair', agus ullaichidh e'n t-slighe romham: agus thig an Tighearn a tha sibh ag iarraidh, g'a theampull gu grad; eadhon teachdair' a' choimhcheangail, anns am bheil 'ur tlachd; feuch thig esan, deir Tighearn nan sluagh. Ach cò dh'fheudas là a theachd a ghiùlan? agus cò a sheasas an uair a dh'fhoillsichear e? oir is cosmhuil e ri teine an fhir-leaghaidh, agus ri acfhuinn-ghlanaidh an fhir a nigheas eudach. Agus suidhidh e mar fhear-leaghaidh agus glanaidh airgid; agus glanaidh e mic Lebhi, agus saoraidh e o shal iad mar òr agus mar airgiod, chum gu'm bi iad 'n an òglaich do'n Tighearn a' tairgseadh dha tabhartais ann am fireantachd. An sin bithidh tabhartas Iudah agus Ierusaleim taitneach do'n Tighearn, mar anns na làithibh o shean, agus anns na bliadhnaibh roimhe so. Agus thig mise dlùth dhuibh gu breitheanas, agus bithidh mi a'm' fhianuis luath an aghaidh fhiosaichean, agus an aghaidh adhaltranach, agus an aghaidh na muinntir a bheir mionnan-eithich, agus an aghaidh na muinntir a tha 'cumail air ais a thuarasdail o'n t-seirbhiseach, a' sàruchadh na bantraich agus an dìlleachdain, agus a' cur a' choigrich a thaoibh, agus air nach 'eil eagal romham-sa, deir Tighearn nan sluagh.

An Soisgeul. N. Luc. ii. 22.

AGus an uair a choimhlionadh làithean a glanaidh, a réir lagha Mhaois, thug iad esan gu Ierusalem, chum a thaisbeanadh do'n Tighearn (mar tha e sgrìobhta ann an lagh an Tighearna, Gach ceud-ghin mic a dh'fhosglas a' bhrù, gairmear naomh do'n Tighearn e,) Agus a

thoirt ìobairt a réir mar a theirear ann an lagh an Tighearna, Dà thurtur, no dà choluman òg. Agus feuch, bha duine ann an Ierusalem, d'am b'ainm Simeon; agus bha 'n duine so ionraic agus diadhaidh, agus bha dùil aige ri sòlas Israeil: agus bha'n Spiorad naomh air. Agus dh'fhoillsicheadh dha leis an Spiorad naomh, nach faiceadh e bàs, gus am faiceadh e Criosd an Tighearn. Agus thàinig e le treòrachadh an Spioraid do'n teampull, agus an uair a thug na pàrantan an leanabh Iosa a stigh, chum gu'n deanadh iad air a shon a réir gnàthachaidh an lagha, an sin ghlac esan 'n a uchd e, agus bheannaich e Dia, agus thubhairt e, A nis, a Thighearna, tha thu 'leigeadh do d' sheirbhiseach siubhal 'an sìth, a réir d'fhocail. Oir chunnaic mo shùilean do shlàinte; a dh'ulluich thu roimh ghnùis nan uile shluagh, solus a shoillseachadh nan Cinneach, agus gloir do phobuill Israeil. Agus ghabh Ioseph agus a mhàthair iongantas mu na nithibh a labhradh uime. Agus bheannaich Simeon iad, agus thubhairt e ri Muire a mhàthair, Feuch, chuireadh an leanabh so chum tuiteam agus aiseirigh mhòran ann an Israel; agus 'n a chomharadh an aghaidh an labhrar, (Agus théid claidheamh troimh d' anam-sa féin) chum gu'm foillsichear smuaintean cridheacha mhòran. Agus bha Anna ban-fhàidh, nighean Phanueil, de thréibh Aseir; bha i ro aosmhor, agus chaith i seachd bliadhna maille r'a fear o àm dhi 'bhi 'n a h-òigh. Agus bu bhantrach i mu thimchioll ceithir bliadhna agus ceithir fichead a dh'aois; nach deachaidh o'n teampull, a' deanamh seirbhis do Dhia a là agus a dh'oidhche le trasgadh agus le urnuigh. Agus air teachd dhise a stigh 's an uair sin féin, thug i moladh do'n Tighearn, agus labhair i m'a thimchioll riusan uile aig an robh sùil ri saorsa ann an Ierusalem. Agus an uair a choimhlion iad na h-uile nithean a réir lagha an Tighearna, phill iad do Ghalile d'am baile féin Nasaret. Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartaicheadh ann an spiorad e, air a lìonadh le gliocas; agus bha gràs Dhé air.

Là Naomh Matias.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, ann an àite an fhirbhrathaidh Iudais a ròghnaich do sheirbhiseach

dìleas Matias, gu 'bhi ann an àireamh an dà Abstol dheug; Deònaich gu'm bi d' Eaglais do ghnàth air a gleidheadh o Abstolaibh bréige, agus gu'm bi i air a riaghladh agus air a stiuradh le buachaillibh dìleas agus fìor, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. i. 15.

ANns na làithibh sin dh'éirich Peadar ann am meadhon nan deisciobul, agus thubhairt e, (B'e àireamh nan ainm a bha làthair, mu thimchioll ceud agus fichead) Fheara agus a bhràithre, b'éigin an Sgriobtuir so 'bhi air a choimhlionadh, a roimh-labhair an Spiorad naomh le beul Dhaibhidh timchioll Iudais, a bha 'n a cheann-iùil aca-san a ghlac Iosa: oir bha e air 'àireamh maille ruinne, agus fhuair e cuibhrionn de'n fhrithealadh so. A nis cheannaich am fear so fearann le duais na h-eucorach, agus air dha tuiteam sìos air 'aghaidh sgàin e 's a' mheadhon, agus bhrùchd a mhionach uile mach. Agus rinneadh so aithnichte do luchd-àiteachadh Ierusaleim uile, air chor as gu'n abrar ris an fhearann sin 'n an cainnt féin, Aceldama, sin ri ràdh, Fearann fola. Oir tha e sgrìobhta ann an leabhar nan Salm, Bitheadh 'àitecòmhnuidh 'n a fhàsach, agus na gabhadh neach san bith tàmh ann; agus glacadh neach eile a dhreuchd. Air an aobhar sin is còir aon de na daoinibh sin a bha maille ruinne ré na h-aimsir sin uile anns an deachaidh an Tighearn Iosa steach agus a mach 'n ar measg; a' tòiseachadh o bhaisteadh Eoin, gus an là 's an do thogadh suas uainn e, 'bhi air a dheanamh 'n a fhianuis air 'aiseirigh-san maille ruinne. Agus shonraich iad dithis, Ioseph ris an abrar Barsabas, d'am bu cho-ainm Iustus, agus Matias. Agus rinn iad urnuigh, agus thubhairt iad, Thusa a Thighearna, d'an aithne cridheacha nan uile dhaoine, foillsich cò de'n dithis so a thagh thu; a ghabhail cuibhrinn de'n fhrithealadh agus de'n abstolachd so, o'n do thuit Iudas le seacharan, gu dol d'a àite féin. Agus thilg iad an crannchur; agus thuit an crannchur air Matias, agus bha e air 'àireamh maille ris an aon Abstol deug.

An Soisgeul. N. Mata xi. 25.

ANns an àm sin fhreagair Iosa agus thubhairt e, Tha mi a' toirt buidheachais dhuit, O Athair, a Thigh-

earna nèimh agus na talmhainn, air son gu'n d'fholaich thu na nithe so o dhaoinibh eagnuidh agus tuigseach, agus gu'n d'fhoillsich thu iad do leanabaibh. Seadh, Athair, do bhrìgh gu'm b'ann mar sin a bha do dheadh thoil-sa. Tha na h-uile nithean air an tabhairt thairis dhomhsa le m'Athair: agus cha-n aithne do neach air bith am Mac ach do'n Athair; ni mò is aithne do neach air bith an t-Athair ach do'n Mhac, agus do gach aon d'an àill leis a' Mhac 'fhoillseachadh. Thigibh a m'ionnsuidh-sa sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallach, agus bheir mise suaimhneas dhuibh. Gabhaibh mo chuing oirbh, agus fòghlumaibh uam, oir tha mise macanta agus iriosal ann an cridhe, agus gheibh sibh fois do 'ur n-anamaibh. Oir tha mo chuing-sa so-iomchair, agus tha m'uallach eutrom.

Teachdaireachd na h-Oighe bheannaichte Muire.

An Guidhe.

O 'Thighearna, tha sinn a' guidhe ort, doirt do ghràs 'n ar cridheachaibh, ionnus mar a fhuair sinn le teachdaireachd aingil eòlas air teachd do Mhic Iosa Criosd 's an fheòil, mar sin le 'chrann-ceusaidh agus 'fhulangas gu'm bi sinn air ar toirt gu glòir 'aiseirigh-san, trìd an ti cheudna Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Isa. vii. 10.

AGus labhair an Tighearn fathast ri Ahas, ag ràdh, Iarr dhuit féin comharadh o'n Tighearn do Dhia; iarr anns an doimhne, no anns an àirde shuas. Ach thubhairt Ahas, Cha-n iarr mi, ni mò a bhuaireas mi an Tighearn. Agus thubhairt esan, Eisdibh a nis, a thigh Dhaibhidh, Am beag leibh daoine a sgìtheachadh, ach an sgìthich sibh fòs mo Dhia? Air an aobhar sin bheir an Tighearn féin comharadh dhuibh, Feuch, bithidh òigh torrach agus beiridh i Mac, agus bheir i Imanuel mar ainm air. Im agus mil ithidh e, gus an tuig e an t-olc a dhiùltadh, agus am maith a ròghnachadh.

An Soisgeul. N. Luc. i. 26.

AGus anns an t-seathamh mìos chuireadh an t-aingeal Gabriel o Dhia gu baile de Ghalile, d'am b'ainm Nasaret, dh'ionnsuidh òighe a bha fo cheangal-pòsaidh aig

fear, d'am b'ainm Ioseph, de thigh Dhaibhidh ; agus b'e ainm na h-òighe Muire. Agus air dol a steach do'n aingeal d'a h-ionnsuidh, thubhairt e, Fàilte dhuit, O thusa d'an do nochdadh mòr dheadh-ghean, tha an Tighearn maille riut ; is beannaichte thu 'am measg bhan. Agus an uair a chunnaic i e, bha i fo thrioblaid inntinn air son a chainnte, agus a' reusonachadh ciod a' ghnè altachabeatha 'dh'fheudadh a bhi 'n so. Agus thubhairt an t-aingeal rithe, Na bitheadh eagal ort, a Mhuire ; oir fhuair thu deadh-ghean o Dhia. Agus feuch, gabhaidh tu a'd' bhroinn, agus beiridh tu Mac, agus bheir thu Iosa mar Ainm air. Bithidh e mòr, agus goirear Mac an Ti a's ro àirde dheth ; agus bheir an Tighearn Dia dha rìghchaithir 'athar féin Daibhidh. Agus bithidh e 'n a Rìgh air tigh Iacoib gu bràth, agus cha bhi crìoch air a rìoghachd. Agus thubhairt Muire ris an aingeal, Cionnus a bhitheas so, do bhrìgh nach 'eil aithne agam-sa air fear? Agus fhreagair an t-aingeal agus thubhairt e rithe, Thig an Spiorad naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's àirde sgàil ort : uime sin an ni naomh sin a bheirear leat, goirear Mac Dhé dheth. Agus feuch, do bhana-charaid Elisabet, tha ise féin torrach air mac 'n a sean aois ; agus is e so an seathamh mìos dhise d'an goirteadh bean neo-thorrach. Oir cha-n'eil ni sam bith do-dheanamh do Dhia. Agus thubhairt Muire, Feuch banoglach an Tighearna ; bitheadh e dhomh-sa a réir d'fhocail. Agus dh'fhalbh an t-aingeal uaipe.

Là Naomh Marcus.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a theagaisg d'Eaglais naomh le fòghlum nèamhaidh do Shoisgeulaiche naomh Marcus ; Thoir dhuinn gràs, a chum nach bi sinn mar leanaban air ar giùlan air falbh leis gach uile ghaoith de theagasg dìomhain, ach gu'm bi sinn air ar daingneachadh ann am firinn do shoisgeil naoimh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Eph. iv. 7.

THugadh gràs do gach aon againn a réir tomhais tìodhlaic Chriosd. Uime sin tha e ag ràdh, Air dol suas da an àird, thug e bruid 'am braighdeanas, agus

thug e tìodhlacan do dhaoinibh. (A nis gu'n deachaidh e suas, ciod e ach gu'n deachaidh e air tùs sìos gu ionadaibh ìochdarach na talmhainn? An ti a chaidh sìos is e sin féin e a chaidh suas mar an ceudna gu ro àrd os ceann nan uile nèamh, chum gu'n lìonadh e na h-uile nithe.) Agus thug e dream àraidh gu 'bhi 'n an abstolaibh, dream eile gu 'bhi 'n am fàidhibh, agus dream eile gu 'bhi 'n an soisgeulaichibh, agus dream eile gu 'bhi 'n an aodhairibh agus 'n an luchd-teagaisg ; chum na naoimh a dheasachadh, chum oibre na ministreileachd, chum togail suas cuirp Chriosd : gus an tig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh, agus eòlais Mhic Dhé, chum duine iomlain, chum tomhais àirde lànachd Chriosd ; chum as nach bi sinn á so suas 'n ar leanabaibh air ar tonn-luasgadh, agus air ar giùlan mu'n cuairt leis gach uile ghaoith teagaisg, le cleasachd dhaoine, agus seòltachd chealgaich, leis am bheil iad gu h-innleachdach ri feall-fholach chum meallaidh : ach a' labhairt na firinn ann an gràdh, gu'm fàs sinn suas anns na h-uile nithibh chuige-san, a's e an ceann, eadhon Criosd. O'm bheil an corp uile air a cheangal gu ceart, agus air a dhlùthachadh tre an ni sin a tha gach alt a' toirt uaith, a réir oibreachaidh éifeachdaich ann an tomhas gach buill, a' faghail fàs cuirp, chum a thogail féin suas ann an gràdh.

An Soisgeul. N. Eoin xv. 1.

IS mise an fhìonain fhìor, agus is e m'Athair an treabhaiche. Gach uile gheug annam-sa nach 'eil a' giùlan toraidh, bheir e air falbh ; agus gach uile gheug a tha 'tabhairt toraidh, glanaidh e i, chum gu'n giùlain i tuilleadh toraidh. A nis tha sibhse glan tre an fhocal a labhair mi ruibh. Fanaibh annam-sa, agus mise annaibhse. Mar nach urrainn a' gheug toradh a thoirt uaipe féin, mur fan i 's an fhìonain ; cha mhò is urrainn sibhse, mur fan sibh annam-sa. Is mise an fhìonain, sibhse na geugan. An ti a dh'fhanas annam-sa, agus mise annsan, bheir esan mòr-thoradh uaith ; oir as m'eugmhais-sa cha-n urrainn sibh aon ni a dheanamh. Mur fan neach annam-sa, tha e air a thilgeadh a mach mar ghéig, agus air crìonadh ; agus tionailidh daoine iad, agus tilgidh iad 's an teine iad, agus loisgear iad. Ma dh'fhanas sibh annam-sa, agus ma dh'fhanas m'fhocail-sa annaibh-se,

iarraidh sibh gach ni a's àill leibh, agus nithear dhuibh e. An so tha m' Athair-sa air a ghlòrachadh, gu'n toir sibhse mòr-thoradh uaibh; agus bithidh sibh 'n 'ur deisciobuil dhomhsa. Mar a ghràdhaich an t-Athair mise, mar sin ghràdhaich mise sibhse: fanaibh ann am ghràdh-sa. Ma choimhideas sibh m' àitheanta, fanaidh sibh ann am ghràdh; mar a choimhid mise àitheanta m' Athar, agus a tha mi a' fantuinn 'n a ghràdh. Na nithe so labhair mi ruibh, chum gu'm fanadh mo ghairdeachas annaibh, agus gu'm bitheadh 'ur gairdeachas-se làn.

Là Naomh Philip agus Naomh Seumas.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich is e eòlas fìrinneach a bhi ortsa a' bheatha mhaireannach; deònaich gu'm bi fiòr eòlas againn gur e do Mhac Iosa Criosd, an t-slighe, an fhìrinn, agus a' bheatha, chum air dhuinn 'bhi a' leantuinn cheumannan naomh Philip agus naomh Seumas d' Abstoil naomha, gu'n gluais sinn gu daingean anns an t-slighe a tha 'treòrachadh a chum na beatha shìorruidh, trìd an ti cheudna do Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. N. Seum. i. 1.

THa Seumas seirbhiseach Dhé, agus an Tighearn' Iosa Criosd, a' cur beannachd chum an dà thréibh dheug a tha air an sgapadh o 'chéile. Mo bhràithre, measaibh mar an uile ghairdeachas 'n uair a thuiteas sibh ann an iomadh gnè dheuchainnean; air dhuibh fios so 'bhi agaibh, gu'n oibrich dearbhadh 'ur creidimh foighidin. Ach bitheadh aig am fhoighidin a h-obair iomlan féin, chum gu'm bi sibh diongmhalta agus iomlan, gun uireasbhuidh ni sam bith. Ma tha aon neach agaibh a dh'uireasbhuidh gliocais, iarradh e o Dhia, a bheir do gach neach gu pailt, agus nach dean maoidheadh, agus bheirear dha e. Ach iarradh e le creidimh, gun a bhi fo amharus sam bith; oir an ti a tha fo amharus is cosmhuil e ri tonn na fairge, a shéidear le gaoith, agus a tha air a luasgadh a null agus a nall. Oir na saoileadh an duine sin gu'm faigh e ni air bith o'n Tighearn. Tha fear na h-inntinn dhùbailte neo-sheasmhach 'n a uile shlighibh. Deanadh am bràthair a tha ìosal gairdeachas 'n a

àrdachadh; ach an duine saoibhir 'n a ìsleachadh; do bhrìgh mar bhlàth an fheoir gu'n téid e seachad. Oir air éirigh do'n ghréin le dian-theas, crìonaidh i am feur, agus tuitidh a bhlàth, agus théid maise a dhreach am mugha: is amhuil sin mar an ceudna a sheargas an duine saoibhir 'n a shlighibh. Is beannaichte an duine a ghiùlaineas buaireadh; oir 'n uair a dhearbhar e, gheibh e crùn na beatha, a gheall an Tighearn do'n dream a ghràdhaicheas e.

An Soisgeul. N. Eoin xiv. 1.

AGus thubhairt Iosa r'a dheisciobluibh, Na bitheadh 'ur cridhe fo thrioblaid; tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annam-sa mar an ceudna. Ann an tigh m'Athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh: mur bitheadh e mar sin, dh'innsinn-sa dhuibh. Tha mi 'dol a dh'ullachadh àite dhuibh: Agus ma theid mi agus gu'n ullaich mi àite dhuibh, thig mi rìs agus gabhaidh mi sibh a' m' ionnsuidh féin, chum far am bheil mise, gu'm bi sibhse mar an ceudna. Agus is aithne dhuibh c'àit am bheil mi 'dol agus is aithne dhuibh an t-slige. Thubhairt Tomas ris, A Thighearna, cha-n'eil fhios againn c'àit am bheil thu 'dol, agus cionnus a dh'fheudas eòlas na slighe 'bhi againn? Thubhairt Iosa ris, Is mise an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha; cha tig aon neach chum an Athar ach tromham-sa. Nam b'aithne dhuibh mise, b'aithne dhuibh m'Athair mar an ceudna; agus á so suas is aithne dhuibh e, agus chunnaic sibh e. Thubhairt Philip ris, A Thighearna, foillsich an t-Athair dhuinne, agus is leoir leinn e. Thubhairt Iosa ris, Am bheil mise ùine co fhada maille ruibh, agus nach aithne dhuit fathast mi, Philip? an ti a chunnaic mise, chunnaic e 'n t-Athair; agus cionnus a tha thu ag ràdh, Foillsich an t-Athair dhuinn? Nach 'eil thu 'creidsinn gu bheil mise anns an Athair, agus an t-Athair annam-sa? na briathran a tha mi 'labhairt ruibh, cha-n ann uam féin a tha mi 'g an labhairt; ach an t-Athair a tha 'gabhail còmhnuidh annam-sa, tha esan a' deanamh nan oibre. Creidibh mise, gu bheil mi anns an Athair, agus an t-Athair annam-sa; no, creidibh mi air son nan oibre féin. Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ruibh, An ti a chreideas annam-sa, na h-oibre a tha mise a' deanamh, ni esan mar an cendna; agus ni

e oibre a's mò na iad so; do bhrìgh gu bheil mise 'dol chum m'Athar. Agus ge b'e ni a dh'iarras sibh a'm' Ainm-sa, ni mise sin, chum gu'm bi an t-Athair air a ghlòrachadh anns a' Mhac. Ma dh'iarras sibh ni air bith a'm' Ainm-sa, ni mise e.

Naomh Barnabas an t-Abstol.
An Guidhe.

O 'Thighearna Dhé Uile-chumhachdaich, a sgeadaich d' abstol naomh Barnabas le tìodhlacaibh sònraichte de'n Spiorad naomh; Tha sinn a' guidhe ort, na fàg sinne falamh de d' thìodhlacaibh lìonmhor, no de ghràs g' an gnàthachadh daonnan chum d' onoir agus do ghlòire, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. xi. 22.

THàinig sgeul air na nithibh sin gu cluasaibh na h-Eaglais a bha ann an Ierusalem; agus chuir iad Barnabas uatha, chum gu'n rachadh e gu Antioch. Neach an uair a thàinig e, agus a chunnaic e gràs Dhé, a rinn gairdeachas, agus a dh'earailich orra uile gu'n dlùth-leanadh iad ris an Tighearn le rùn cridhe. Oir bha e 'n a dhuine maith, agus làn de'n Spiorad naomh, agus de chreidimh; agus chuireadh sluagh mòr ris an Tighearn. An sin chaidh Barnabas gu Tarsus a dh'iarraidh Shauil. Agus air dha 'fhaotainn, thug e leis e gu Antioch. Agus tharladh, gu'n robh iad ré bliadhna iomlain air an cruinneachadh maille ris an Eaglais, agus gu'n do theagaisg iad sluagh mòr; agus ghoireadh Criosduidhean de na deisciobluibh air tùs ann an Antioch. Agus anns na làithibh sin thàinig fàidhean o Ierusalem gu Antioch. Agus air seasamh suas do aon diubh d'am b'ainm Agabus, dh'fhoillsich e troimh an Spiorad, gu'm bitheadh gorta mhòr air feadh an domhain uile; ni mar an ceudna a thachair ri linn Chlaudiuis Cheasair. An sin chuir gach aon de na deisciobluibh roimhe, a réir a chomais còmhnadh a chur chum nam bràithrean a bha 'chòmhnuidh ann an Iudea. Ni mar an ceudna a rinn iad, agus chuir iad e chum nan seanairean le làimh Bharnabais agus Shauil.

An Soisgeul. N. Eoin xv. 12.

IS i so m'àithne-sa, gu'n gràdhaich sibhse a chéile, mar a ghràdhaich mise sibhse. Gràdh a's mò na so

cha-n'eil aig neach air bith, gu'n leigeadh duine 'anam sios air son a chairdean. Is sibhse mo chairdean-sa, ma ni sibh gach ni a tha mi ag àithneadh dhuibh. A so suas cha ghairm mi seirbhisich dhibh; oir cha-n aithne do'n t-seirbhiseach ciod a tha a Thighearn a' deanamh: ach ghairm mi càirde dhibh; oir na h-uile nithean a chuala mi o m'Athair, thug mi fios duibhse orra. Cha sibhse a thagh mise, ach is mise a thagh sibhse, agus dh'orduich mi sibh, chum gu'n rachadh sibh, agus gu'n tugadh sibh a mach toradh, agus gu maireadh 'ur toradh; chum ge b'e ni a dh'iarras sibh air an Athair ann am Ainm-sa, gu'n toir e dhuibh e.

Naomh Eoin Baistidh.
An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, is ann le d'fhreasdal a rugadh do sheirbhiseach Eoin Baistidh gu h-iongantach, agus a chuireadh e a dh'ullachadh slighe do Mhic ar Slànuidhir le searmonachadh aithreachais; Thoir oirnn gu'n lean sinn a theagasg agus a bheatha naomh, a chum gu'n dean sinn fìor aithreachas a réir a shearmonachaidh, agus a réir 'eisempleir-san gu'n labhair sinn do ghnàth an fhìrinn, gu neo-sgàthach a' cronachadh drochbheairt, agus gu foighidinneach a' fulang air son na firinn, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Isai. xl. 1.

THugaibh comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd do mo shluagh-sa, deir 'ur Dia. Labhraibh gu sòlasach ri Ierusalem, agus glaodhaibh rithe, gu'n do choimhlionadh a cogadh, gu'n do ghlanadh a h-aingidheachd; oir fhuair i o làimh an Tighearn' a dhà uiread r'a h-uile pheacaidhean. Guth an ti a ghlaodhas anns an fhàsach, Ulluichibh slighe an Tighearna, réitichibh anns an dì-threabh slighe àrd d' ar Dia-ne Bithidh gach gleann air 'àrdachadh, agus gach sliabh agus cnoc air 'isleachadh, agus nithear an càm direach, agus na h-ionada garbha 'n an còmhnard réidh. Agus foillsichear glòir an Tighearn', agus chi gach uile fheòil i le 'chéile; oir is e beul an Tighearn' a labhair. Tha guth ag ràdh, Eigh. Agus thubhairt mise, Ciod a dh'éigheas mi? Is feur gach uile fheòil, agus tha a h-òirdheirceas

uile mar bhlàth na macharach. Tha am feur a' seargadh, am blàth a' crìonadh, 'n uair a shéideas Gaoth an Tighearn' air: gu cinnteach is feur an sluagh. Tha am feur a' seargadh, am blàth a' crìonadh, ach seasaidh focal ar Dé-ne gu sìorruidh. O thusa, a tha 'tabhairt deadh sgeoil do Shion, gabh suas gu sliabh àrd: O thusa, a tha 'tabhairt deadh sgeoil do Ierusalem, tog do ghuth le neart; tog e, na bitheadh eagal ort; abair ri bailtibh Iudah, Feuch 'ur Dia. Feuch, thig an Tighearn Iehobhah le làimh làidir, agus bheir a ghairdean buaidh a mach dha; feuch, tha a dhuais maille ris, agus 'obair 'n a fhianuis. Mar bhuachaille beathaichidh e a threud, le a ghairdean cuairtichidh e na h-uain, agus giùlainidh e iad 'n a uchd, iomainidh e gu sèimh an spréidh a tha trom le àl.

An Soisgeul. N. Luc. i. 57.

THàinig làn inbhe Elisabeit gu'm bitheadh i air a h-aisead; agus rug i mac. Agus chual' a coimhearsnaich agus a càirdean mar a nochd an Tighearn mòr-thròcair dhi, agus rinn iad gairdeachas maille rithe. Agus tharladh air an ochdamh là, gu'n d'thàinig iad a thimchioll-ghearradh an naoidhein, agus ghairm iad Sacharias deth, a réir ainme 'athar. Agus fhreagair a mhàthair agus thubhairt i, Ni h-eadh; ach goirear Eoin deth. Agus thubhairt iad rithe, cha-n'eil aon neach de d' chàirdibh d' an gairmear an t-ainm so. Agus sméid iad air 'athair, ciod an t-ainm a b'àill leis a thoirt air. Agus air iarraidh clàir-sgrìobhaidh dhàsan, sgrìobh e, ag ràdh, Is e Eoin a's ainm dha. Agus ghabh iad iongantas uile. Agus air ball dh'fhosgladh a bheul, agus dh'fhuasgladh a theangadh, agus labhair e a' moladh Dhé. Agus thàinig eagal air an coimhearsnaich uile; agus dh'aithriseadh na nithe sin gu léir feadh dùthaich àrd Iudea uile. Agus iadsan uile a chuala na nithe sin, thaisg iad 'n an cridhe iad ag ràdh, Ciod a' ghnè leinibh a bhitheas an so? Agus bha làmh an Tighearna maille ris. Agus bha Sacharias 'athair air a lìonadh leis an Spiorad naomh, agus rinn e fàidheadaireachd, ag ràdh, Gu ma beannaichte an Tighearn Dia Israeil. air son gu'n d'fhiosraich e agus gu'n d'thug e saorsa d'a phobull, agus gu'n do thog e suas dhuinne adharc slàinte ann an tigh Dhaibhidh

'òglaich féin; a réir mar a labhair e le beul 'fhàidhean naomha féin, a bha ann o thoiseach an t-saoghail; a thoirt saorsa dhuinn o ar naimhdibh, agus o làimh na muinntir sin uile le'm fuathach sinn; a choimhlionadh na tròcair a gheall e d'ar n-aithrichibh, agus a chuimhneachadh a choimhcheangail naoimh féin; na mionnan a mhionnaich e d'ar n-athair Abraham, gu'n tugadh e dhuinn, air dhuinn a bhi air ar saoradh o làimh ar naimhdean, gu'n deanamaid seirbhis dha as eughmais eagail, ann an naomhachd agus ann am fìreantachd 'n a làthair féin, uile làithean ar beatha. Agus thusa, a leinibh, goirear dhiot Fàidh an Ti a's àirde; oir théid thu roimh aghaidh an Tighearn', a dh'ullachadh a shlighe; a thoirt eòlais na slàinte d'a phobull ann am maitheanas am peacaidhean, troimh thròcair ro mhòir ar Dé-ne, leis an dh'fhiosraich an Urmhaduinn o'n ionadh a's àirde sinn; a thoirt soluis dhoibhsan a tha 'n an suidhe ann an dorchadas, agus ann an sgàil a' bhàis, a threòrachadh ar cos air slighe na sìthe. Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartaicheadh 'an spiorad e; agus bha e 's an fhàsach gu là 'fhoillseachaidh do Israel.

Là Naomh Peadar.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, le d' Mhac Iosa Criosd a thug do d' Abstol, naomh Peadar iomadh tìodhlac òirdheirc, agus a dh'àithn gu dùrachdach dha do threud a bheathachadh; Tha sinn a' guidhe ort, thoir air na h-uile easbuigibh agus bhuachaillibh, d' fhocal naomh a shearmonachadh gu dìchiollach, agus air an t-sluagh am focal ceudna a leantuinn gu h-ùmhal, a chum gu'm faigh iad crùn na glòire shìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. xii. 1.

MU'n àm sin shìn Herod an rìgh a lamhan a dheanamh uilc air dream àraidh de'n Eaglais. Agus mharbh e Seumas bràthair Eoin leis a' chlaidheamh. Agus an uair a chunnaic e gu'n do thaitinn sin ris na h-Iudhaich, chaidh e air aghaidh a ghlacadh Pheadair mar an ceudna. (Agus b' iad làithean an arain neoghoirtiche a bh'ann.) Agus ghlac e, agus chuir e 'm prìosan

e, agus thug se e r'a ghleidheadh do cheithir cheathrar shaighdearan, fa rùn a thoirt a mach do'n t-sluagh an déigh na Cáisge. Air an aobhar sin ghleidheadh Peadar anns a' phrìosan ; ach bha bith-urnuigh air a deanamh leis an Eaglais ri Dia air a shon. Agus an uair a b'àill le Herod a thoirt a mach, 's an oidhche sin féin bha Peadar 'n a chodal eadar dithis shaighdearan, ceangailte le dà shlabhruidh ; agus bha'n luchd-faire fa chomhair an doruis a' coimhead a' phrìosain. Agus feuch, thàinig aingeal an Tighearn' air, agus dhealraich solus anns a' phrìosan ; agus bhuail e taobh Pheadair, agus dhùisg se e, ag ràdh, Eirich gu grad. Agus thuit a cheanglaiche d'a làmhan. Agus thubhairt an t-aingeal ris, Crioslaich thu féin, agus ceangail ort do bhonn-bhròganː agus rinn e mar sin. Agus thubhairt e ris, Tilg d'fhalluin umad, agus lean mise. Agus chaidh e mach agus lean se e, agus cha robh fhios aige gu'n robh e fìor an ni a rinneadh leis an aingeal ; ach shaoil e gu'm bu taisbeanadh a chunnaic e. Agus air dhoibh dol troimh 'n cheud agus an dara faire, thàinig iad chum a' gheata iaruinn a tha 'treòrachadh do'n bhaile, a dh'fhosgail doibh leis féin ; agus air dol a mach dhoibh, chaidh iad air an aghaidh troimh aon sràid, agus air ball dh'fhalbh an t-aingeal uaith. Agus an uair a thàinig Peadar d'a ionnsuidh féin, thubhairt e, A nis tha fhios agam gu firinneach, gu'n do chuir an Tighearn 'aingeal uaith, agus gu'n do shaor e mi o làimh Heroid, agus o uile dhùil pobuill nan Iudhach.

An Soisgeul. N. Mata xvi. 13.

AIr teachd do Iosa gu crìochaibh Chesarea Philipi, dh'fheòraich e d'a dheisciobluibh, ag ràdh, Cò tha daoine ag ràdh, is e Mac an duine? Agus thubhairt iadsan, Tha cuid ag ràdh Eoin Baistidh, cuid Elias, agus cuid eile Ieremias, no aon de na fàidhibh. Thubhairt esan riu, Ach cò tha sibhse ag ràdh is mi? Agus fhreagair Simon Peadar agus thubhairt e, Is tusa Criosd, Mac an Dé bheò. Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Is beannaichte thusa, a Shimoin Bhar-Iona : oir cha d'fhoillsich fuil agus feòil sin duitsa, ach m' Athair-sa a tha air nèamh. Agus tha mise ag ràdh riut, gur tusa Peadar, agus air a' charraig so togaidh mise m' Eaglais ; agus cha toir geatachan ifrinn buaidh oirre. Agus bheir mi dhuit iuchraiche rìoghachd

nèimh : agus ge b'e ni a cheanglas tusa air talamh, bithidh e ceangailte air nèamh ; agus ge b'e ni a dh'fhuasglas tusa air talamh, bithidh e fuasgailte air nèamh.

Naomh Seumas an t-Abstol.

An Guidhe.

DEònaich, O 'Dhé thròcairich, mar a dh'fhàg Naomh Seumas, d' Abstol naomh, 'athair agus na h-uile nithe a bh' aige, agus a bha e ùmhal gun mhoille do ghairm do Mhic Iosa Criosd, agus a lean se e ; mar sin air dhuinne na h-uile ana-miannan saoghalta agus feòlmhor a dhìobradh, gu'm bi sinn gu sìorruidh tuilleadh ullamh a leantuinn d' àitheantan naomha, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. xi. 27.

ANns na làithibh sin thàinig fàidhean o Ierusalem gu Antioch. Agus air seasamh suas do aon diubh d'am b'ainm Agabus, dh'fhoillsich e troimh an Spiorad, gu'm bitheadh gorta mhòr air feadh an domhain uile, ni mar an ceudna a thachair ri linn Chlaudiuis Cheasair. An sin chuir gach aon de na deisciobluibh roimhe, a réir a chomais, còmhnadh a chur chum nam bràithrean a bha 'chòmhnuidh ann an Iudea. Ni mar an ceudna a rinn iad, agus chuir iad e chum nan seanairean le làimh Bharnabais agus Shauil. A nis mu'n àm sin, shìn Herod an rìgh a làmhan a dheanamh uilc air dream àraidh de'n Eaglais. Agus mharbh e Seumas bràthair Eoin leis a' chlaidheamh. Agus an uair a chunnaic e gu'n do thaitinn sin ris na h-Iudhaich, chaidh e air aghaidh a ghlacadh Pheadair mar an ceudna.

An Soisgeul. N. Mata xx. 20.

AN sin thàinig d'a ionnsuidh màthair cloinne Shebede, maille r'a mic a' toirt aoraidh dha agus ag iarraidh ni àraidh air. Agus thubhairt esan rithe, Ciod a b'àill leat? Thubhairt i ris, Abair gu'n suidh iad so mo dhithis mhac, fear aca air do làimh dheis agus am fear eile air do làimh chlì, ann ad rìoghachd. Ach fhreagair Iosa agus thubhairt e, Cha-n'eil fhios agaibh ciod a tha sibh ag iarraidh. Am bheil sibh comasach air a' chupan sin òl a dh'òlas mise, agus a bhi air 'ur baisteadh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise? Thubhairt iad ris, Tha sinn comasach. Agus thubhairt esan riu, Olaidh

sibh gu deimhin de m' chupan-sa, agus baistear sibh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise : ach suidhe air mo làimh dheis, agus chlì, cha leamsa sin a thabhairt, ach dhoibhsan d' am bheil e air 'ulluchadh le m' Athair-sa. Agus 'n uair a chual' an deichnear so, bha iad diombach ris an dithis bhràithrean. Ach ghairm Iosa iad d'a ionnsuidh, agus thubhairt e, Tha fhios agaibh gu bheil aig uachdarain nan Cinneach tighearnas orra, agus gu bheil aig an daoinibh mòra, smachd orra. Ach mar sin cha bhi e 'n 'ur measg-se : ach ge b'e neach le'm b'àill a bhi mòr 'n 'ur measg, bitheadh e dhuibh 'n a fhear-frithealaidh ; agus ge b'e air bith le'm b'àill toiseach a bhi aige 'n 'ur measg, bitheadh esan 'n a sheirbhiseach dhuibh: Amhuil mar nach d'thàinig Mac an duine chum gu'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thabhairt 'anama féin mar éiric air son mhòran.

Naomh Bartolomeus an t-Abstol.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, a thug gràs do d'Abstol Bartolomeus d'fhocal a chreidsinn agus a shearmonachadh gu firinneach ; Tha sinn a' guidhe ort, deònaich do d'Eaglais gu'n gràdhaich i am focal sin a chreid esan, agus araon gu'n searmonaich agus gu'n gabh i e, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Gnìomh. v. 12.

RInneadh mòran chomharaidhean agus mhìorbhuilean 'am measg a' phobuill le làmhan nan Abstol, (agus bha iad uile dh'aon inntinn ann an sgàth-thigh Sholaimh. Agus cha robh a chridhe aig aon de chàch e féin a cheangal riu : ach bha mòr-mheas aig a' phobull orra. Agus is mòid a chuireadh creidich ris an Tighearn, buidheann mhòr araon a dh' fhearaibh agus a mhnathan) Air chor as gu'n d'thug iad a mach a' mhuinntir euslan air na sràidibh, agus gu'n do chuir iad air leapaichibh agus air uirighibh iad, chum aig teachd do Pheadar gu'n cuireadh 'fhaileas mar bu lugha sgàile air neach-éigin aca. Agus thàinig mar an ceudna mòr-shluagh as na bailtibh mu'n cuairt air Ierusalem, a' toirt leo muinntir euslain, agus dream a bha air an cràdh le spioradaibh neòghlan, agus leighiseadh iad uile.

An Soisgeul. N. Luc. xxii. 24.

AGus bha mar an ceudna coimhstri eatorra, cò aca bu mhò a bhitheadh. Ach thubhairt esan riu, Tha aig rìghribh nan Cinneach tighearnas orra ; agus goirear daoine fialaidh dhiubh-san, aig am bheil ùghdarras orra. Ach na bithibh-se mar sin : ach an neach a's mò 'n 'ur measg, bitheadh e mar an neach a's òige ; agus an ti a's àirde, mar esan a tha ri frithealadh. Oir cò aca is mò an ti a shuidheas air bòrd, no esan a fhrithealas ? nach e an ti a shuidheas ? ach tha mise 'n 'ur measg-se mar fhear-frithealaidh. Is sibhse iadsan a dh'fhan maille riumsa ann am dheuchainnibh. Agus tha mise ag orduchadh dhuibh rìoghachd, mar a dh'orduich m' Athair dhomh-sa; chum gu'n ith agus gu'n òl sibh aig mo bhòrd-sa ann am rìoghachd, agus gu'n suidh sibh air caithrichibh rìoghail a' toirt breth air dà thréibh dheug Israeil.

Naomh Mata an t-Abstol.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a ghairm le d' Mhac beannaichte Mata o bhòrd na cìse gu 'bhi 'n a Abstol agus 'n a shoisgeulaiche ; Deònaich dhuinn gràs a thréigsinn gach uile mhiann shanntaich, agus gràidh neo-mheasarra de shaoibhreas, agus a leantuinn an ti cheudna do Mhic Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. 2 Cor. iv. 1.

UIme sin air do'n mhinistreileachd so 'bhi againn, a réir mar a fhuair sinn tròcair, cha-n'eil sinn a' fannachadh ; ach chuir sinn cùl ri nithibh folaichte na nàire, gun sinn a bhi 'siubhal ann an ceilg, no a' truaillead focail Dhé, ach le foillseachadh na firinn, 'g ar moladh féin do choguis nan uile dhaoine ann an sealladh Dhé. Ach ma tha ar Soisgeul-ne folaichte, is ann dhoibhsan a tha caillte tha e folaichte : Anns an do dhall Dia an t-saoghail so inntinn na dream nach 'eil 'n an creidich, air eagal gu'n dealraicheadh orra solus Soisgeil ghlòrmhoir Chriosd, neach a's e ìomhaigh Dhé. Oir cha-n'eil sinne 'g ar searmonachadh féin, ach Iosa Criosd an Tighearn ; agus sinn féin 'n ar seirbhisich dhuibhse

air son Iosa. Oir is e Dia a thubhairt ris an t-solus soillseachadh á dorchadas, a dhealraich ann ar cridheachaibh-ne, a thoirt soluis eòlais glòire Dhé, ann an gnùis Iosa Criosd.

An Soisgeul. N. Mata ix. 9.

AGus a' dol do Iosa as an àite sin, chunnaic e duine 'n a shuidhe aig bòrd na cìse, d'am b'ainm Mata: agus thubhairt e ris, Lean mise. Agus dh'éirich e, agus lean se e. Agus tharladh, air suidhe do Iosa aig biadh 's an tigh, feuch, thàinig mòran Chis-mhaor agus pheacach agus shuidh iad sìos maille ris-san agus r'a dheisciobluibh. Agus an uair a chunnaic na Phairisich so, thubhairt iad r'a dheisciobluibh, C'ar son a dh'itheas 'ur maighstir-se maille ri Cìs-mhaoir agus ri peacaich? Ach an uair a chual' Iosa so, thubhairt e riu, Cha-n ann aig a' mhuinntir a tha slàn tha feum air an Léigh, ach aig a' mhuinntir a tha euslan. Ach imichibh agus fòghlumaibh ciod a's ciall da so, Tròcair is àill leam, agus cha-n ìobairt: oir cha d'thàinig mise a ghairm nam fìreanach, ach nam peacach chum aithreachais.

Naomh Michael agus na h-Aingil uile.

An Guidhe.

O 'Dhé shìor-mhaireannaich, a dh' orduich agus a shuidhich seirbhisean Aingeal agus dhaoine ann an riaghailt iongantaich; gu tròcaireach deònaich mar a tha d' Aingil naomha do ghnàth a' deanamh seirbhis dhuit air nèamh; mar sin le d' orduchadh gu'n cuidich agus gu'n dìon iad sinne air talamh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Taisb. xii. 7.

BHa cogadh air nèamh: rinn Michael agus 'Aingil cogadh an aghaidh an dragoin, agus chog an dragon agus 'aingil féin; agus cha d'thug iad buaidh, cha mhò a fhuaradh an àite na's mò air nèamh. Agus thilgeadh a mach an dragon mòr, an t-seann nathair sin, ris an abrar an diabhul agus Sàtan, a tha 'mealladh an t-saoghail uile; thilgeadh a mach e chum na talmhainn, agus thilgeadh a mach 'aingil maille ris. Agus chuala mi guth mòr ag ràdh air nèamh, A nis tha slàinte, agus

neart, agus rìoghachd ar Dé, agus cumhachd a Chriosd air teachd: oir thilgeadh sìos fear-casaid ar bràithrean, a bha 'g an casaid 'an làthair ar Dé a là agus a dh' oidhche. Agus thug iad buaidh air tre fhuil an Uain, agus tre fhocal am fianuis-san; agus cha do ghràdhaich iad an anama féin gu bàs. Uime sin bitheadh gairdeachas oirbh, O 'nèamhan, agus oirbhse a tha 'n 'ur còmhnuidh annta. An-aoibhinn do luchd-àiteachadh na talmhainn agus na fairge: oir thàinig an diabhul a nuas do 'ur n-ionnsuidh, agus fearg ro mhòr air, do bhrìgh gur fiosrach e nach 'eil aige ach ùine ghearr.

An Soisgeul. N. Mata xviii. 1.

ANns an àm sin féin thàinig na deisciobuil chum Iosa, ag ràdh, Cò a's mò ann an rìoghachd nèimh? Agus air do Iosa leanabh beag a ghairm d'a ionnsuidh, chuir e 'n am meadhon e, agus thubhairt e, Gu firinneach tha mi ag ràdh ruibh, Mur iompaichear sibh, agus mur bi sibh mar leanabain, nach téid sibh a steach do rìoghachd nèimh. Air an aobhar sin ge b'e dh'ìslicheas e féin mar an leanaban so, 's e sin féin a's mò ann an rìoghachd nèimh. Agus ge b'e 'ghabhas aon leanaban d'a leithid so ann am Ainm-sa, gabhaidh e mise. Ach ge b'e neach a bheir oilbheum do aon neach de'n mhuinntir bhig so a tha 'creidsinn annam-sa, b'fhearr dha gu'm bitheadh clach-mhuilinn air a crochadh r'a mhuineal, agus gu'm bitheadh e air a bhàthadh ann an doimhne na fairge. Is an-aoibhinn do'n t-saoghal air son oilbheuman: oir is éigin do oilbheumaibh teachd; ach is an-aoibhinn do'n duine sin troimh an tig an t-oilbheum. Uime sin ma bheir do làmh no do chos aobhar oilbheim dhuit, gearr dhiot iad, agus tilg uait iad: is fearr dhuit dol a steach do'n bheatha air leth-chois na air leth-làimh, na dà làimh no dà chois a bhi agad agus thu 'bhi air do thilgeadh anns an teine shìorruidh. Agus ma bheir do shùil aobhar oilbheim dhuit spìon asad i, agus tilg uait i: is fearr dhuit dol a steach chum na beatha air leth-shùil na dà shùil a bhi agad agus thu 'bhi air do thilgeadh ann an teine ifrinn. Thugaibh an aire nach dean sibh tarcuis air aon neach de'n mhuinntir bhig so; oir tha mise ag ràdh ruibh, gu bheil an aingil-san air nèamh a' faicinn a ghnàth gnùis m' Athar-sa a tha air nèamh.

Naomh Lucas an Soisgeulaiche.
An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a ghairm Lucas an Léigh, aig am bheil a chliu 's an t-Soisgeul, gu 'bhi 'n a Shoisgeulaiche, agus 'n a Léigh de 'n anam; Gu ma deònach leat, le iocshlaintibh fallain an teagaisg a thug e seachad, gu'm bi uile euslaintean ar n-anaman air an leigheas, tre dheadh-thoillteanais do Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. 2 Tim. iv. 5.

DEan thusa faire anns na h-uile nithibh, fuiling cruaidh-chàs, dean obair Soisgeulaiche, làn-choimhlion do mhinistreileachd. Oir tha mise nis gu 'bhi air m'iobradh, agus tha àm mo shiubhail 'am fagus. Chòmhraig mi an deadh chòmhrag, chrìochnaich mi mo thurus, ghleidh mi an creidimh. O so mach tha air a thasgadh fam' chomhair crùn fìreantachd, a bheir an Tighearn am breitheamh cothromach dhomh 's an là ud: agus cha-n ann dhomh-sa a mhàin, ach dhoibhsan uile mar an ceudna leis an ionmhuinn a theachd-san. Dean do dhìchioll air teachd a' m' ionnsuidh gu luath: Oir thréig Demas mi, air dha an saoghal so a tha làthair a ghràdhachadh, agus chaidh e do Thesalonica; Crescens do Ghalatia, Titus do Dhalmatia. Tha Lucas 'n a aonar maille rium. Gabh Marcus agus thoir leat e; oir tha e feumail dhomhsa chum na ministreileachd. Ach chuir mi Tichicus gu Ephesus. An fhalluing a dh'fhàg mi ann an Troas aig Carpus, 'n uair a thig thu thoir leat, agus na leabhraichean, ach gu h-àraidh na meambrana. Rinn Alecsander an ceard-umha iomadh olc orm; gu'n tugadh an Tighearn dha a réir a ghnìomhara. Bi thusa mar an ceudna air d'fhaicill uaith, oir chuir e gu mòr an aghaidh ar briatharne.

An Soisgeul. N. Luc. x. 1.

DH' orduich an Tighearn mar an ceudna deichnear agus tri fichead eile, agus chuir e a lìon dithis agus dithis roimh a ghnùis iad do gach baile agus àit' gus an robh e féin gu teachd. Air an aobhar sin thubhairt e riu, Tha am fogharadh gu fìrinneach mòr, ach tha an luchd-oibre tearc; guidhibh uime sin air Tighearn an fhogharaidh luchd-oibre 'chur a mach chum 'fhogharaidh féin. Imichibh, feuch, tha mise 'g 'ur cur a mach mar

uain 'am measg mhadadh-alluidh. Na giùlainibh sporan, no màla, no bròg an, agus na beannaichibh do neach air bith 's an t-slighe. Agus ge b'e tigh d'an téid sibh a steach, abraibh air tùs, Sìth do'n tigh so. Agus ma bhitheas mac na sìthe an sin, gabhaidh 'ur sìth còmhnuidh air: ach mur bi, pillidh 'ur sìth do 'ur n-ionnsuidh féin a rìs. Agus fanaibh anns an tigh sin, ag ithe adh agus ag òl nan nithean a bheirear dhuibh: oir is airidh am fear-oibre air a thuarasdal.

Naomh Simon agus Naomh Iudas Abstoil.
An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a thog d' Eaglais air bunait nan Abstol agus nam Fàidhean, air 'bhi do Iosa Criosd féin 'n a chloich-chinn na h-oisinn; Deònaich dhuinn mar so 'bhi air ar ceangal ri 'chéile ann an aonachd an Spioraid le 'n teagasg-san, a chum gu'm bi sinn air ar deanamh 'n ar teampull naomh taitneach dhuitsa, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. N. Iudas i.

IUdas seirbhiseach Iosa Criosd, agus bràthair Sheumais, chum na dream a tha air an naomhachadh le Dia an t-Athair, agus air an coimhead le Iosa Criosd, air an gairm; Gu robh tròcair, agus sìth, agus gràdh air am meudachadh dhuibh. A mhuinntir ionmhuinn, air dhomh an uile dhìchioll a dheanamh chum sgrìobhadh do 'ur n-ionnsuidh mu thimchioll na slàinte choitchionn, b'fheumail domh sgrìobhadh do 'ur n-ionnsuidh, 'g 'ur n-earalachadh, sibh a chathachadh gu dìchiollach air son a' chreidimh a thugadh aon uair do na naoimh. Oir ghoid daoine àraidh a steach, a dh'orduicheadh roimh o shean chum an dìtidh so; daoine mi-dhiadhaidh, a' tionndadh gràis ar Dé-ne gu macnus, agus ag àicheadh Dhé a's aon Uachdaran ann, agus ar Tighearn Iosa Criosd. Uime sin is àill leam 'ur cur 'an cuimhne, ged bha fhios agaibh aon uair air so, cionnus an déigh do'n Tighearn am pobull a shaoradh á tìr na h-Eiphit, a sgrios e an déigh sin an dream nach do chreid. Agus na h-aingil nach do ghleidh an ceud inbhe, ach a dh'fhàg an àite-còmhnuidh féin, choimhid e ann an gèimhlibh sìorruidh fo dhorchadas fa chomhair breitheanais an là mhòir. Amhuil a tha Sodom agus Gomorah, agus na bailtean mu'n cuairt orra

a thug iad féin thairis do strìopachas air a mhodh cheudna, agus a bha 'leantuiun feòla coimhich, air an cur suas 'n am ball-sampuill, a' fulang dìoghaltais teine shìorruidh. Mar an ceudna fòs tha an luchd-bruadair sin a' salachadh na feòla, a' deanamh tàir air uachdaranachd, agus a' labhairt gu toibheumach air àrd-inbhibh.

An Soisgeul. N. Eoin xv. 17.

THa mi 'g àithneadh nan nithe so dhuibh, a chum gu'n gràdhaich sibh a chéile. Ma tha an saoghal 'g 'ur fuathachadh, tha fhios agaibh gu'n d'fhuathaich e mise roimhibh. Nam b'ann de'n t-saoghal sibh, ghràdhaicheadh an saoghal a chuid féin: ach do bhrìgh nach ann de'n t-saoghal sibh, ach gu'n do thagh mise sibh as an t-saoghal, uime sin tha fuath aig an t-saoghal duibh. Cuimhnichibh am focal a thubhairt mi ruibh, Cha-n'eil an seirbhiseach na's mò na a Thighearn: Ma rinn iad geur-leanmhuinn ormsa, ni iad geur-leamnhuinn oirbhse mar an ceudna: ma coimhid iad m'fhocal-sa coimhididh iad 'ur focal-se mar an ceudna. Ach na nithe so uile ni iad oirbh air son m'Ainme-sa, do bhrìgh nach aithne dhoibh esan a chuir uaith mi. Mur bithinn-sa air teachd, agus air labhairt riu, cha bhitheadh peacadh aca: ach a nis cha-n'eil leithsgeul am peacaidh aca. An ti aig am bheil fuath dhomh-sa, tha fuath aige do m'Athair mar an ceudna. Mur bithinn-sa air deanamh nan oibre 'n am measg nach d'rinn aon neach eile, cha bhitheadh peacadh aca; ach a nis chunnaic iad, agus dh'fhuathaich iad araon mise agus m'Athair. Ach rinneadh so chum gu'n coimhliontadh am focal a tha sgrìobhta 'n an lagh féin, Dh'fhuathaich iad mi gun aobhar. Ach an uair a thig an Comhfhurtair, a chuireas mise do 'ur n-ionnsuidh o'n Athair, Spiorad na fìrinn, a tha 'teachd a mach o'n Athair, ni esan fianuis mu m' thimchioll-sa. Agus ni sibhse fianuis mar an ceudna, do bhrìgh gu bheil sibh maille rium o thùs.

Là nan Naomh Uile.

An Guidhe.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, a dh'aonaich ri 'chéile do mhuinntir thaghta ann an aon chomh-chomunn agus chompanas, ann an corp dìomhair do Mhic Criosd ar Tighearna; Deònaich dhuinn gràs gu'n lean sinn do

Naoimh bheannaichte anns na h-uile dheadh bheusaibh agus dhiadhachd chaithe-beatha, a chum gu'n tig sinn a dh' ionnsuidh nan aoibhneas sin do-labhairt, a dh' ullaich thu air an son-san a tha gun cheilg a' toirt gràidh dhuit, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Air son na Litreach. Taisb. vii. 2.

AGus chunnaic mi aingeal eile ag éirigh o'n àird an ear, aig an robh seula an Dé bheò; agus ghlaodh e le guth mòr ris na ceithir ainglibh, d'an d'thugadh cumhachd cron a dheanamh air an talamh, agus air an fhairge, ag ràdh, Na deanaibh dochann air an talamh, no air an fhairge, no air na craobhan, gus an cuir sinn seula air seirbhisich ar Dé air clàraibh an eudainn. Agus chuala mi àireamh na dream a sheulaicheadh; ceud agus dà fhichead agus ceithir mìle, a sheulaicheadh a dh' uile threubhan chloinn Israeil.

De thréibh Iudah sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Reubein sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Ghad sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Aseir sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Nephtalim sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Mhanaseis sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Shimeoin sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Lebhi sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Isachair sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Shabuloin sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Ioseiph sheulaicheadh dà mhìle dheug.
De thréibh Bheniamin sheulaicheadh dà mhìle dheug.

An déigh so dh'amhairc mi, agus feuch sluagh mòr nach robh neach sam bith comasach air àireamh, de na h-uile chinnich, agus threubhan, agus shlòigh, agus theangaibh, 'n an seasamh 'an làthair na rìgh-chaithreach, agus 'an làthair an Uain, air an sgeadachadh le trusganaibh fada geala, agus pailm aca 'n an làmhan: Agus ghlaodh iad le guth àrd, ag ràdh, Slàinte do ar Dia-ne, a tha 'n a shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan. Agus sheas na h-aingil uile timchioll na rìgh-chaithreach, agus nan seanairean, agus nan ceithir bheò-chreutairean, agus thuit iad air an aghaidh 'an làthair na rìgh-chaithreach, agus rinn iad aoradh do Dhia, ag ràdh, Amen; Moladh agus glòir, agus gliocas, agus buidheachas, agus urram, agus

cumhachd, agus neart gu robh do ar Dia-ne gu saoghal nan saoghal. *Amen.*

An Soisgeul. N. Mata v. 1.

AN uair a chunnaic Iosa an sluagh, chaidh e suas air beinn; agus air suidhe dha, thàinig a dheisciobuil d'a ionnsuidh. Agus dh'fhosgail e a bheul, agus theagaisg e iad, ag ràdh, Is beannaichte iadsan a tha bochd 'n an spiorad: oir is leo rìoghachd nèimh. Is beannaichte iadsan a tha ri bròn: oir gheibh iad sòlas. Is beannaichte na daoine macanta: oir sealbhaichidh iad an talamh mar oighreachd. Is beannaichte an dream air am bheil ocras agus tart na còrach: oir sàsuichear iad. Is beannaichte na daoine tròcaireach: oir gheibh iad tròcair. Is beannaichte na daoine a tha glan 'n an cridhe: oir chi iad Dia. Is beannaichte luchd-deanamh na sìthe: oir goirear clann Dhé dhiubh. Is beannaichte an dream a tha 'fulang geur-leanmhuinn air son na còrach: oir is leosan rìoghachd nèimh. Is beannaichte bhitheas sibh an uair a bheir daoine anacainnt dhuibh, agus a ni iad geur-leanmhuinn oirbh, agus a labhras iad gach uile dhroch fhocal ruibh gu breugach, air mo sgàth-sa. Deanaibh gairdeachas agus bithibh ro shubhach; oir is mòr 'ur duais air nèamh: oir mar sin rinn iad geur-leanmhuinn air na fàidhibh a bha roimhibh.

AN T-ORDUGH

Chum Frithealadh Suipeir an Tighearna, no an Comanachadh Naomh.

¶ *A' Mheud a's leis an àill a bhi 'n an luchd-comhpairt de'n Chomanachadh naomh, bheir iad an ainmean do'n Bhuachaille spioradail air a' chuid a's lugha uair-éigin air an là roimhe.*

¶ *Agus ma bhitheas aon diubh sin a tha gu follaiseach agus gu h-ainmeil a' leantuinn droch chaithe-beatha, no 'rinn coire air bith air a choimhearsnach le focal no gnìomh, leis am bheil e a' toirt oilbheim do'n Choimhthional; air do'n Bhuachaille spioradail fios fhaotainn air, gairmidh se e agus bheir e sanas da, gun e air chor air bith a ghabhail a dhànadas air féin teachd gu bòrd an Tighearna, gus an dearbh e gu follaiseach gu'n d' rinn e fìor aithreachas agus gu'n do leasaich e an droch chaithe-beatha a bh' aige roimhe, a chum mar sin gu'm bi an Coimhthional a fhuair oilbheum ann roimhe, air an ath-réiteachadh ris; agus gu'n d' thug e dìoladh do'n mhuinntir air an d' rinn e coire, air neo gu'n toir e co dhiu dearbhadh gu bheil e làn-toileach so a dheanamh, cho luath a's tha cothrom aige air.*

¶ *Leanaidh am Buachaille spioradail an dòigh cheudna ma tha e 'toirt fainear gu bheil mì-run agus fuath a' seasamh eadar muinntir air bith; gun cheadachadh dhoibh a bhi 'n an luchd-comhpairt de Bhòrd an Tighearna, gus am bi fios aige gu'n d' rinn iad réite. Agus ma bhitheas aon de'n mhuinntir a tha mar so ann an diomb ri 'chéile toileach o ghrunnd a chridhe maitheanas a thoirt anns gach ni 's an do chiontaich an neach eile 'n a aghaidh, agus dìoladh a dheanamh air son a choire féin; agus mur a h-àill leis an neach eile 'bhi air a thoirt gu réite dhiadhaidh, ach ma sheasas e fhathast 'n a dhanarrachd agus 'mhì-run; an sin is còir do'n Mhinisteir an neach a tha aithreach a ghabhail a dh' ionnsuidh a' Chomanachaidh naoimh, agus cha ghabh e an neach a tha danarra. Ach gach Ministeir a*

chumas air ais neach air bith, mar a tha air 'ainmeachadh ann a' so, no anns an Earrainn a's faisge air thoiseach de'n Ordugh so, feumaidh e cunntas a thoirt air an ni ceudna do'n Ard-fhear-ùghdarrais an taobh a stigh de cheithir là deug 'n a dhéigh air a' chuid a's faide. Agus buinidh an t-Ard-fhear-ùghdarrais ris an neach a tha 'ciontachadh a réir Lagha na h-Eaglais.

¶ *Aig àm a' Chomanachaidh air do'n Bhòrd 'bhi air a chòmhdachdach le lìon-eudach maiseach geal, seasaidh e ann am meadhon na h-Eaglais, no ann an Cuirt na h-Altarach, far am bheil Urnuigh Mhaidne agus Urnuigh Fheasgair air an orduchadh gu 'bhi air an ràdh. Agus air seasamh do'n t-Sagart aig taobh tuath a' Bhùird, an sluagh air an glùinibh, their e Urnuigh an Tighearna, maille ris a' Ghuidhe so a leanas.*

AR n-Athair a tha air nèamh; Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn; Ach saor sinn o olc. Amen.

An Guidhe.

ADhé Uile-chumhachdaich, d'am bheil gach cridhe fosgailte, gach miann aithnichte, agus o nach 'eil ni uaigneach air bith folaichte; Glan smuaintean ar cridheachan le deachdadh do Spioraid naoimh; a chum gu'n toir sinn gràdh iomlan dhuit, agus gu'n àrd-mhol sinn gu h-iomchuidh d' Ainm naomh, tre Chriosd ar Tighearn. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart, a' tionndadh ris an t-sluagh, le guth soilleir na DEICH AITHEANTAN uile; agus an déigh gach Aithne iarraidh an sluagh, agus iad fathast air an glùinibh, tròcair air Dia air son an*

cionta 'n an aghaidh 's an àm a chaidh seachad; agus gràs g'an gleidheadh 's an àm a tha 'teachd, mar a leanas.

Ministeir.

LAbhair Dia na briathra so agus thubhairt e, Is mise an Tighearn do Dhia: Na bitheadh Dée sam bith eile agad a'm' làthair-sa.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Na dean dhuit féin dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni a tha 's na nèamhan shuas, no air an talamh shìos, no 's na h-uisgeachaibh fo 'n talamh. Na crom thu féin sìos doibh, agus na dean seirbhis doibh: oir mise an Tighearn do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn air an treas agus air a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi, agus a' nochdadh tròcair do mhìltibh dhiubhsan a ghràdhaicheas mi, agus a choimhideas m'àitheantan.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Na tabhair Ainm an Tighearna do Dhé 'an dìomhanas: oir cha mheas an Tighearn neòchiontach esan a bheir 'Ainm 'an dìomhanas.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Cuimhnich là na Sàbaid a naomhachadh. Sè làithean saothraichidh tu, agus ni thu d'obair uile; ach air an t-seachdamh là tha Sàbaid an Tighearna do Dhé. Air an là sin na dean obair sam bith, thu féin, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no do bhanoglach, no d'ainmhidh, no do choigreach a tha 'n taobh a stigh de d'gheataibh. Oir ann an sè làithibh rinn an Tighearn na nèamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a tha annta, agus ghabh e fois air an t-seachdamh là: air an aobhar sin bheannaich an Tighearn là na sàbaid, agus naomhaich se e.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Tabhair onoir do d'athair agus do d'mhàthair, a chum gu'm bi do làithean buan air an fhearann a tha 'n Tighearn do Dhia a' toirt dhuit.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Na dean mortadh.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Na dean adhaltranas.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Na dean gadachd.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an lagha so.

Ministeir.

Na sanntaich tigh do choimhearsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach, no 'bhanoglach, no 'dhamh, no 'asal, no aon ni a's le do choimhearsnach.

Sluagh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn, agus sgrìobh do laghan so uile 'n ar cridheachaibh, tha sinn a' guidhe ort.

¶ *An sin leanaidh aon de'n dà Ghuidhe so air son na Ban-righinn, an Sagart a' seasamh mar a bha e roimhe, agus ag ràdh,*

Deanamaid urnuigh.

A Dhé Uile-chumachdaich, tha do rìoghachd sìor-mhaireannach, agus do chumhachd

neo-chrìochnach ; Dean tròcair air an Eaglais uile, agus mar so stiuir cridhe do sheirbhisich thaghta *Bhictoria* ar Ban-righinn agus ar Riaghladair, a chum (air do eòlas a bhi aice cò d'am bheil i 'frithealadh) os ceann nan uile nithe gu'n iarr i d'onoir agus do ghlòir ; agus gu'n toir sinne agus a h-ìochdarain uile (gu ceart a' toirt fainear cò uaith tha ùghdarras aice) seirbhis dhìleas, onoir, agus géill gu h-ùmhal dhi, annadsa, agus air do shon-sa, a réir d'fhocail agus d'orduigh bheannaichte, trìd Iosa Criosd ar Tighearna, a tha maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, beò agus a' riaghladh sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *Air neo,*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, tha sinn air ar teagasg le d'Fhocal naomh, gu bheil cridheachan rìghrean fo d' riaghladh agus fo d' stiuradh, agus gu bheil thu 'g an aomadh agus 'g an tionndadh mar a tha thu 'faicinn iomchuidh ann do ghliocas diadhaidh ; Gu h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort cridhe do sheirbhisich BHICTORIA, ar Ban-righinn agus ar Riaghladair aomadh agus a stiuradh, a chum 'n a h-uile smuaintibh, bhriathraibh agus oibribh, gu'n sìor iarr i d'onoir agus do ghlòir, agus gu'm bi i dùrachdach a ghleidheadh do shluaigh a chuir thu fo a curam, ann an soirbheachadh, sìth agus diadhachd. Deònaich so, O Athair thròcairich, air sgàth do Mhic ionmhuinn Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin theirear Guidhe an là. Agus dìreach an déigh a' ghuidhe leughaidh an Sagart an Litir, ag ràdh,* Tha 'n Litir [*no,* An Earrann de 'n Sgriobtuir a tha air a h-orduchadh air son na Litreach] sgrìobhta anns an——Caibideil de ——a' tòiseachadh aig an——rann. *Agus air do'n Litir crìochnachadh, their e* An so tha 'n Litir a' crìochnachadh. *An sin leughaidh e an Soisgeul (an sluagh uile a' seasamh suas) ag ràdh,* Tha 'n Soisgeul naomh sgrìobhta anns an——Caibideil de——a' tòiseachadh aig an——rann. *Agus air do'n t-soisgeul crìochnachadh, seinnear no theirear a' Chreud a tha 'leantuinn, an sluagh a' seasamh fathast, mar a bha iad roimhe.*

THa mi 'creidsinn ann an aon Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, Cruithfhear nèimh agus talmhainn, Agus nan uile nithe faicsinneach agus neo-fhaicsinneach :

Agus ann an aon Tighearn Iosa Criosd, aonghin Mhic Dhé, A ghineadh o 'Athair roimh na saoghail uile, Dia de Dhia, Solus de Sholus, Fìor Dhia de dh' fhìor Dhia, Ginte, cha-n ann deanta, Air dha 'bhi de 'n aon nadur ris an Athair, Leis an d' rinneadh na h-uile nithe : A thàinig as ar leth-ne daoine, agus air son ar sàbhalaidh a nuas o nèamh, Agus a ghabh feòil air féin leis an Spiorad naomh de 'n Oigh Muire, Agus a rinneadh 'n a dhuine, Agus a cheusadh mar an ceudna air ar son-ne fo Phontius Pilat. Dh' fhuiling e agus dh' adhlaiceadh e, Agus air an treas là dh' éirich e rìs a réir nan Sgriobtuirean, Agus chaidh e suas gu nèamh, Agus a tha e 'n a shuidhe air deas làimh an Athar. Agus thig e rìs le glòir a thoirt breth araon air na beòthaibh agus air na mairbh ; Air a rìoghachd cha bhi crìoch.

Agus tha mi 'creidsinn anns an Spiorad

naomh, An Tighearn agus tabhartair beatha, A tha 'teachd o'n Athair agus o'n Mhac, A tha maille ris an Athair agus ris a' Mhac maraon air 'aoradh agus air a ghlòrachadh, A labhair leis na fàidhibh. Agus tha mi 'creidsinn aon Eaglais Choitchionn * agus Abstolaich. Tha mi 'g aideachadh aon Bhaistidh a chum maitheanais pheacaidhean, Agus tha dùil agam ri Aiseirigh nam marbh, Agus ri beatha an t-saoghail a tha ri teachd. Amen.

¶ *An sin cuiridh am Buachaille spioradail 'an céill do 'n t-sluagh na làithean naomha, agus làithean traisg a tha ri 'n gleidheadh air an t-seachduin a leanas. Agus an sin cuideachd (ma bhitheas aobhar air) bheirear fios mu 'n Chomanachadh; agus théid gairmeannan Pòsaidh a dheanamh follaiseach; agus leughar Litrichean ùghdarrais mu dhéirce, Gairmean gu cùirtibh agus Ascaoin-Eaglais. Agus cha téid ni air bith a ghairm no a dheanamh follaiseach anns an Eaglais aig àm na Seirbhis Dhiadhaidh, ach leis a' Mhinisteir: No ni air bith leis-san, ach na nithe a tha orduichte ann an Riaghailtibh an Leabhair so, no air an orduchachadh leis a' Bhan-righinn no le Ard-fhear-ùghdarrais an àite.*

¶ *An sin leanaidh an t-Searmoin, no aon de na Searmoinibh orduichte a tha cheana air an cur a mach, no a théid a chur a mach le Ughdarras an déigh so.*

¶ *An sin pillidh an Sagart gu Bòrd an Tighearna, agus tòisichidh e air leughadh bhriathran an Tabhartais, ag ràdh a h-aon no tuilleadh de na h-Earrannaibh so a leanas, mar a chi e iomchuidh.*

N. Mata v.

GU ma h-ann mar sin a dhealraicheas 'ur solus an làthair dhaoine, chum gu faic iad 'ur deadh oibre, agus gu'n toir iad glòir do 'ur n-Athair a tha air nèamh.

* *Air neo* aon Eaglais Chatholaich.

N. Mata vi.

Na taisgibh dhuibh féin ionmhais air an talamh, far am mill an leòmann agus a' mheirg e, agus far an cladhaich na mèirlich a stigh agus an goid iad: ach taisgibh ionmhais dhuibh féin air nèamh, far nach mill an leòmann no a' mheirg, agus nach cladhaich agus nach goid na mèirlich.

N. Mata vii.

Gach uile ni 'bu mhainn leibh daoine a dheanamh dhuibh-se, deanaibh-se a' leithid dhoibhsan mar an ceudna; oir is e so an lagh agus na fàidhean.

N. Mata vii.

Cha'n e gach uile neach a their riumsa, A Thighearn', a Thighearn', a théid a steach do rìoghachd nèimh, ach an ti a ni toil m'Athar-sa a tha air nèamh.

N. Lucas xix.

Sheas Sacheus, agus thubhairt e ris an Tighearn, Feuch a Thighearna, tha mi 'toirt leth mo mhaoin do na bochdaibh, agus ma thug mi aon ni o neach air bith le casaid bhréige, tha mi 'toirt dha a' cheithir uiread.

1 Cor. ix.

Cò théid chum cogaidh uair air bith air a chosdus féin? Cò a shuidhicheas fìon-lios, agus nach ith d'a thoradh? No cò a bheathaicheas treud, agus nach blais de bhainne an treud?

1 Cor. ix.

Ma chuir sinne nithe spioradail dhuibh-se, an ni mòr e ma bhuaineas sinn 'ur nithean feòlmhor-se?

1 Cor. ix.

Nach'eil fhios agaibh gu'm bheil iadsan a tha 'saothrachadh mu thimchioll nithe naomha, air am beathachadh o'n teampull? agus iadsan a tha 'frithealadh do'n altair, gu'm bheil comh-roinn aca ris an altair? Agus mar sin dh'orduich an Tighearn mar an ceudna dhoibh-san a tha 'searmonachadh an t-soisgeil, an teachd-an-tìr fhaotainn o'n t-Soisgeul.

2 Cor. ix.

An ti a chuireas gu gann, buainidh e gu gann mar an ceudna: agus an ti a chuireas gu pailt, buainidh e gu pailt mar an ceudna. Thugadh gach duine seachad a réir rùin a chridhe, na b'ann 'an doilgheas, no le éigin; oir is toigh le Dia an neach a bheir seachad gu suilbhir.

Gal. vi.

Comh-roinneadh an neach a tha air a theagasg 's an fhocal, ris an neach a tha 'g a theagasg anns na h-uile nithibh maithe. Na meallar sibh, cha deanar fanoid air Dia: oir ge b'e ni a shìol-chuireas duine an ni ceudna buainidh e.

Gal. vi.

A réir mar tha cothrom againn, deanamaid maith do na h-uile dhaoinibh, ach gu h-àraidh dhoibh-san a tha de theaghlach a' chreidimh.

1 Tim. vi.

Is buannachd mhòr an diadhachd maille ri inntinn thoilichte: oir cha d'thug sinn ni air bith leinn do'n t-saoghal so, agus is soilleir nach urrainn sinn ni sam bith a thoirt as.

1 Tim. vi.

Thoir àithne do na daoinibh a tha saoibhir 's an t-saoghal so, iad a bhi ullamh gu roinn, comh-

pàirteach, a' tasgadh suas doibh féin deadh bhunait fa chomhair an àm ri teachd, chum gu'n dean iad greim air a' bheatha mhaireannaich.

Eabh. vi.

Cha-n'eil Dia mi-chothromach, gu'n dì-chuimhnicheadh e obair agus saothair 'ur gràidh; a nochd sibh a thaobh 'Ainme-san, am feadh 's gu'n d'rinn sibh frithealadh do na naoimh, agus gu bheil sibh a' frithealadh.

Eabh. xiii.

Na dì-chuimhnichibh maith a dheanamh, agus comh-roinn a thoirt uaibh; oir tha an leithidean sin a dh' iobairtibh taitneach do Dhia.

1 N. Eoin iii.

Ge b'e neach aig am bheil maoin an t-saoghail so, agus a chi a bhràthair ann an uireasbhuidh, agus a dhruideas a chridhe 'n a aghaidh, cionnus a tha gràdh Dhé a' gabhail còmhnuidh ann-san?

Tobit iv.

Thoir déirc de d' mhaoin, agus na pill gu bràth d' aghaidh o dhuine bochd air bith, agus an sin cha bhi gnùis an Tighearna air a pilleadh air falbh uaitsa.

Tobit iv.

Bi tròcaireach a réir do chomais. Ma tha mòran agad thoir seachad gu pailt, Ma tha beagan agad, dean do dhìchioll gu suilbhir gu cuid de'n bheagan sin a thoirt seachad: oir mar so cruinnichidh tu deadh dhuais dhuit féin ann an là na h-airce.

Gnàthf. xix.

An ti a ghabhas truas de'n bhochd, bheir e

air iasachd do'n Tighearn : agus an ni a bheir e uaith, ìocaidh e dha a rìs.

Salm xli.

Is beannaichte esan a bheir an aire do'n duine bhochd: ann an là an uilc saoraidh an Tighearn e.

¶ *Am feadh a tha na h-Earrannan so 'g an leughadh, gabhaidh na Deaconan, na Foirfich, no pearsa iomchuidh eile a théid a shònrachadh a chum na cùise sin, an déirc air son nam bochd, agus tìodhlacan eile an t-sluaigh, ann am mèis fhreagaraich ri 'bhi air a faotainn leis an Sgìreachd chum an fheim sin ; agus le urram bheir iad i a dh' ionnsuidh an t-Sagairt, a thairgeas a suas agus a chuireas gu h-iriosal i air a Bhòrd naomh.*

¶ *Agus an uair a bhitheas Comanachadh ann, an sin cuiridh an Sagart air a' Bhòrd uiread Arain agus Fhìona 's a shaoileas e a dh' fhoghnas. An déigh so a dheanamh, their an Sagart,*

Deanamaid urnuigh air son staid Eaglais Chriosd uile a tha 'cogadh an so air talamh.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, a theagaisg dhuinn le d' Abstol naomh urnuighean agus athchuingean a dheanamh, agus buidheachas a thoirt air son nan uile dhaoine ; Gu h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort, gu ro thròcaireach thu [**a ghabhail ar déircean agus ar tabhartas, agus*] a dh' éisdeachd ar n-urnuighean so, a tha sinn a' tairgse do d' Mhòrachd dhiadhaidh, a' guidhe ort do ghnàth an Eaglais choitchionn a bheothachadh le spiorad na fìrinn, na h-aonachd, agus na réite : agus deònaich dhoibhsan uile a tha 'g aideachadh d' Ainme naoimh, comh-chòrdadh

* *Mur bi déirc no tabhartais ann, an sin théid na focail* [a ghabhail ar déircean agus ar tabhartas] *fhàgail gun an ràdh.*

ann am fìrinn d'fhocail naoimh, agus am beatha 'chaitheamh ann an aonachd agus ann an gràdh diadhaidh. Tha sinn cuideachd a' guidhe ort na h-uile rìghrean, phrionnsan agus riaghladairean Criosdail a shàbhaladh agus a dhìon; agus gu h-àraidh do sheirbhiscach BHICTORIA ar Ban-righinn, a chum fuidhpe gu'm bi sinn air ar riaghladh gu diadhaidh agus gu sàmhach : agus deònaich d'a Comhairle uile, agus do na h-uile aig am bheil ùghdarras fuidhpe, gu'm fritheil iad ceartas gu fìrinneach agus gun lethphairt, gu smachdachadh aingidheachd agus droch-bheairt, agus gu seasamh d' fhìor chreidimh féin agus deadh-bheus'. Thoir gràs, O Athair nèamhaidh, do na h-uile Easbuigibh, agus Bhuachaillibh spioradail, chum gu'n nochd iad a mach araon le 'n caithe-beatha agus le 'n teagasg d'fhocal fìor agus beòthail, agus gu ceart agus gu h-iomchuidh gu'm fritheil iad do Shàcramaidean naomha : Agus do d' shluagh uile thoir do ghràs nèamhaidh ; agus gu h-àraidh do'n choimhthional a tha 'n so a làthair, a chum le cridhe sèimh agus urram iomchuidh gu'n éisd agus gu'n gabh iad d' fhocal naomh, gu fìrinneach a' deanamh seirbhis dhuit ann an naomhachd agus 'an ionracas uile làithean am beatha. Agus gu ro ùmhal tha sinn a' guidhe ort o d'mhaitheas, O 'Thighearna, comhfhurtachd agus cabhair a thoirt dhoibhsan uile, a tha 's a' bheatha dhiomain so ann an trioblaid, bròn, uireasbhuidh, tinneas, no an-shocair air bith eile. Agus tha sinn cuideachd a' beannachadh d' Ainme naoimh, air son do sheirbhiseach uile a dh'fhàg a' bheatha so ann ad chreidimh agus

ann ad eagal; a' guidhe ort gràs a thoirt dhuinne a leantuinn an deadh eisempleirean, a chum maille riusan gu'm bi sinn 'n ar luchd-comhpairt de d' rìoghachd nèamhaidh. Deòn-aich so, O Athair, air sgàth Iosa Criosd ar n-aon Eadar-mheadhonair agus ar Fear-tagraidh. *Amen.*

¶ *An uair a bheir am Ministeir fios mu fhrithealadh a' Chomanachaidh naoimh, (ni a bheir e seachad do ghnàth air an Dòmhnach no air là naomh air chor-éigin dìreach roimhe sin) An déigh na Searmoin no na searmoin orduichte, leughaidh e an earail so a leanas.*

A Mhuinntir ro ionmhuinn, air——so 'tighinn tha mi 'cur romham, le còmhnadh Dhé Sàcramaid ro shòlasach Cuirp agus Fola Chriosd a fhrithealadh dhoibhsan uile aig am bheil rùn creideach agus diadhaidh, gu 'bhi air a gabhail leo mar chuimhneachan air a chrann-cheusaidh agus 'fhulangas deadh-thoillteannach, leis am bheil sinn a mhàin a' faotainn maitheanais ar peacaidhean, agus air ar deanamh 'n ar luchd-comhpairt de rìoghachd nèimh. Air an aobhar sin is e ar dleasnas buidheachas ro ùmhal agus o'r cridhe a thoirt do Dhia Uile-chumhachdach ar n-Athair nèamhaidh, a chionn gu'n d'thug e dhuinn a Mhac ar Slànuidhear Iosa Criosd, cha-n ann a mhàin gu bàs fhulang air ar son, ach cuideachd gu 'bhi 'n a lòn agus 'n a bheathachadh spioradail dhuinn anns an t-Sàcramaid naoimh sin. Ni do bhrìgh gu bheil e cho diadhaidh agus cho sòlasach dhoibhsan a ghabhas gu h-iomchuidh e, agus cho cunnartach dhoibhsan a ghabhas a dhànadas orra féin a ghabhail gu mi-iomchuidh, is e mo dhleasnas-sa aig an àm

so 'ur n-earalachadh sibh a thoirt fainear àrd-inbhe na dìomhaireachd naoimhe sin, agus am mòr chunnart a tha 'n a gabhail gu mi-iomchuidh, agus 'ur coguisean féin a cheasnachadh, (agus sin cha-n ann gu faoin, no mar luchd-sgàile ri Dia; ach air chor) gu'n tig sibh naomh agus glan a dh' ionnsuidh féisd' a tha cho nèamhaidh, ann an trusgan na bainnse a tha air 'iarraidh le Dia 's an Sgriobtuir naomh, agus gu'm bi sibh air 'ur gabhail 'n 'ur luchd-comhpairt iomchuidh aig a' Bhòrd naomh sin.

Is e 'n rathad agus an dòigh air a' so: Air tùs, 'ur caithe-beatha agus 'ur giùlan a cheasnachadh le riaghailt àitheantan Dhé; agus ge b'e air bith dòigh air an toir sibh fainear anns an do pheacaich sibh le toil, focal, no gnìomh, ann an sin gu'n caoidh sibh 'ur n-aingidheachd féin, agus gu'n dean sibh 'ur n-aidmheil ri Dia Uile-chumhachdach, le làn rùn 'ur beatha leasachadh. Agus ma bheir sibh fainear gu'n do chiontaich sibh cha-n ann a mhàin an aghaidh Dhé, ach cuideachd an aghaidh 'ur coimhearsnach, an sin ni sibh réite riu, agus bithidh sibh ullamh gu comh-leasachadh agus dìoladh a thoirt dhoibh a réir 'ur làn chomais, air son nan uile lochdan agus eucoirean a rinn sibh air neach air bith eile; agus bithidh sibh mar an ceudna ullamh a thoirt maitheanais do gach neach a chuir corruich oirbh, mar is àill leibh maitheanas fhaotainn 'n 'ur ciontaibh féin aig làimh Dhé: oir as eugmhais so cha-n 'eil gabhail a' Chomanachaidh naoimh a' deanamh ni air bith eile ach a' meudachadh 'ur dìtidh. Air an aobhar sin ma tha neach air bith agaibh 'n a

fhear-toibheim an aghaidh Dhé, a' cumail air ais no a' deanamh dìmeas air 'Fhocal, 'n a adhaltranach, no 'am mì-run, no farmad, no ciontach ann an droch-bheart thruim air bith eile; Deanaibh aithreachas 'n 'ur peacaidhibh, air neo na tigibh a dh'ionnsuidh a' Bhùird naoimh sin: an t-eagal an déigh an t-Sàcramaid naomh sin a ghabhail, gu'n téid an diabhul a stigh annaibh, mar a chaidh e ann an Iudas, agus gu'n lìon e sibh làn de gach uile aingidheachd, agus gu'n toir e sibh gu léir-sgrios araon ann an corp agus ann an anam.

Agus a chionn gu bheil e feumail, nach d' thigeadh neach air bith a dh' ionnsuidh a' Chomanachaidh naoimh, ach le làn earbsa ann an tròcair Dhé, agus le coguis shocraich: air an aobhar sin ma tha aon air bith dhibh nach urrainn leis na meadhonaibh so a chòguis a dheanamh socair, ach a tha 'g iarraidh tuilleadh comhfhurtachd no comhairle, thigeadh e a' m' ionnsuidh-sa, no gu neach tuigseach agus fòghluimte eile, a tha 'n a Mhinisteir focail Dé, agus fosgladh e aobhar a chraidh, a chum le frithealadh focail naoimh Dhé gu'm faigh e sochair fuasglaidh, maille ri comhairle agus seòladh spioradail, a thoirt sàmhchair d'a choguis, agus a sheachnadh gach uile mhi-earbsa agus theagaimh.

¶ *No ma chi e gu'm bi an sluagh mi-chùramach a theachd a dh' ionnsuidh a' Chomanachaidh naoimh, ann an àite na h-earail roimhe, gnàthaichidh e an té so.*

A Bhràithrean ro ionmhuinn, air——tha mi 'cur romham, le gràs Dhé, Suipeir an

Tighearna 'fhrithealadh: gus am bheil mi as leth Dhé 'g 'ur n-iarraidh uile a tha 'n so làthair, agus a' guidhe oirbh air sgàth an Tighearna Iosa Criosd, nach diùlt sibh teachd d'a h-ionnsuidh, air dhuibh 'bhi air 'ur gairm agus air 'ur n-iarraidh cho gràdhach le Dia féin. Tha fios agaibh cho doilghiosach agus neo-chaoimhneil an ni e ma dh'ullaicheas duine féisd shaoibhir, agus ma chòmhdaichease e a bhòrd leis gach seorsa bìdh, air chor as nach 'eil uireasbhuidh ann ach na h-aoidhean a shuidhe sìos, agus gidheadh (gun aobhar air bith) gu'm bi iadsan a ghairmeadh, gu ro mhi-thaingeil a' diùltadh teachd. Cò agaibh-se air nach bitheadh fearg ann a' leithid so de chùis? Cò nach smuainticheadh so 'n a choire agus 'n a eucoir mhòir deanta dha féin? Air an aobhar sin, a mhuinntir ro ionmhuinn ann an Criosd, thugaibh deadh aire, an t-eagal le sibh féin a tharruing o'n t-Suipeir naoimh so, gu'm brosnuich sibh corruich Dhé 'n 'ur n-aghaidh. Tha e 'n a ghnothach furasda do dhuine a ràdh, Cha ghabh mi an Comanachadh, a chionn gu bheil mi air mo bhacadh air dòigh eile le gnothaichibh saoghalta. Ach cha-n 'eil an leithidean so de leithsgeulaibh cho furasda 'ghabhail agus fhulang air beulthaobh Dhé. Ma their duine air bith, Is peacach ro mhòr mi, agus air an aobhar sin tha eagal orm teachd: c'arson ma ta nach 'eil sibh a' deanamh aithreachais agus a' leasachadh 'ur beatha? An uair a tha Dia 'g 'ur gairm, nach 'eil nàire oirbh a ràdh nach tig sibh? An uair bu chòir dhuibh tionndadh ri Dia, an gabh sibh 'ur leithsgeul féin, agus an abair sibh nach 'eil sibh ullamh? Thugaibh

fainear gu dùrachdach annaibh féin, cia beag feum 's a tha 'n an leithidibh so de leithsgeulaibh fhaoina air beulthaobh Dhé. Iadsan a dhiùlt an fhéisd 's an t-Soisgeul, a chionn gu'n do cheannaich iad fearann, no gu'm b' àill leo an cuingean dhamh a dhearbhadh, no a chionn gu'n robh iad pòsda, cha do ghabhadh mar so an leithsgeul, ach bha iad air an cunntas miiomchuidh air son na féisde nèamhaidh. Air mo thaobh-sa bithidh mi ullamh, agus a réir mo dhreuchd, tha mi 'toirt cuiridh dhuibh ann an ainm Dhé, tha mi 'g 'ur gairm as leth Chriosd, tha mi 'g 'ur n-earalachadh, mar a tha gràdh agaibh d' ur sàbhaladh féin, gu'm bi sibh 'n 'ur luchd-comhpairt de 'n Chomanachadh naomh so. Agus mar a dheònaich Mac Dhé a bheatha a thoirt a suas le bàs air a' Chrann-cheusaidh air son 'ur sàbhalaidh: mar so is e 'ur dleasnas-se an Comanachadh a ghabhail, ann an cuimhneachan air ìobairt a bhàis, mar a dh' àithn e féin: Ach ma ni sibh dearmad air so a dheanamh, smuaintichibh annaibh féin cia mòr a' choire a tha sibh a' deanamh do Dhia, agus cia goirt am peanas a tha 'an crochadh os 'ur ceann air a shon; an uair a tha sibh gu danarra fuireach air 'ur n-ais o Bhòrd an Tighearna, agus a' dealachadh ri 'ur bràithribh, a tha 'teachd gu beathachadh air féisd an lòin ro nèamhaidh sin. Ma bheir sibh na nithe so gu dùrachdach fainear, pillidh sibh le gràs Dhé gu inntinn is fearr: agus a chum gu'm faigh sibh i cha sguir sinn a dheanamh ar guidhean ùmhal ri Dia Uile-chumhachdach ar n-Athair nèamhaidh.

¶ *Aig àm Frithealadh a' Chomanachaidh air do 'n Luchd-comanachaidh 'bhi air an suidheachadh gu h-iomchuidh chum an t-Sàcramaid naomh a ghabhail, their an Sagart an earail so.*

A Mhuinntir ro ionmhuinn anns an Tighearn, sibhse leis an àill teachd a dh' ionnsuidh Comanachaidh naoimh cuirp agus fola ar Slànuidhir Criosd, feumaidh sibh a thoirt fainear cionnus a tha Naomh Pòl ag earalachadh air na h-uile neach iad féin a rannsachadh agus a cheasnachadh gu dùrachdach, mu'n gabh iad de dhànadas itheadh de 'n Aran sin, agus òl de 'n Chupan sin. Oir mar a tha an t-sochair mòr, ma ghabhas sinn an t-Sàcramaid naomh sin le cridhe fìor aithreach agus le creidimh beòthail (oir an sin tha sinn ag itheadh feòla Chriosd, agus ag òl 'fhola air mhodh spioradail; an sin tha sinn a' gabhail còmhnuidh ann an Criosd agus Criosd annainne, is aon sinn maille ri Criosd agus Criosd maille ruinne:) Mar sin tha 'n cunnart mòr, ma ghabhas sinn i gu neo-iomchuidh. Oir an sin tha sinn ciontach de chorp agus de dh' fhuil Chriosd ar Slànuidhir; tha sinn ag itheadh agus ag òl breitheanais dhuinn féin, gun a deanamh aithne air corp an Tighearna; tha sinn a' lasadh corruich Dhé 'n ar n-aghaidh; tha sinn 'g a bhrosnachadh chum ar pianadh le caochladh euslaintibh agus le iomadh gnè bàis. Air an aobhar sin, a bhràithrean, thugaibh breth oirbh féin, a chum nach toir an Tighearn breth oirbh; deanaibh fìor aithreachas air son 'ur peacaidhean a rinn sibh; bitheadh creidimh beòthail agus daingean

agaibh ann an Criosd ar Slànuidhear; athleasaichibh 'ur beatha, agus bithibh ann an gràdh foirfe ris na h-uile dhaoinibh, mar sin bithidh sibh 'n 'ur luchd-comhpairt iomchuidh de na dìomhaireachdaibh naomha sin. Agus os ceann nan uile nithe, feumaidh sibh buidheachas ro ùmhal agus bho ar n-uile chridhe a thoirt do Dhia an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad naomh, air son saoradh an t-saoghail le bàs agus le fulangas ar Slànuidhir Criosd, araon Dia agus duine, a dh' irioslaich e féin eadhon do 'n bhàs air a' Chrann-cheusaidh, air ar son-ne peacaich thruagh', a bha 'n ar luidhe ann an dorchadas agus ann an sgàil a' bhàis, a chum gu'n deanadh e sinn 'n ar cloinn do Dhia, agus gu'n àrdaicheadh e sinn gu beatha shìor-mhaireannaich. Agus a chum gu'n gnàth-chuimhnicheamaid gràdh anabarrach ar Maighistir, agus ar n-aon Slànuidhir, Iosa Criosd, mar so a' bàsachadh air ar son, agus na sochairean gun àireamh a choisinn e dhuinn le dortadh 'fhola luachmhoir; shuidhich agus dh' orduich e dìomhaireachdan naomha, mar dhearbhaidhean air a ghràdh, agus mar ghnàth-chuimhneachan air a bhàs, a chum ar comhfhurtachd mhòir' agus neo-chrìochnaich. Uime sin dhàsan maille ris an Athair, agus ris an Spiorad naomh, thugamaid (mar a tha gu ro shònraichte mar fhiachaibh oirnn) a ghnàth buidheachas, 'g ar strìochdadh féin gu h-iomlan d'a thoil agus d'a riar naomh, agus a' deanamh dìchill air seirbhis a thoirt dha ann am fìor naomhachd agus 'an ionracas uile làithean ar beatha. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart riusan a thig a ghabhail a' Chomanachaidh naoimh.*

SIbhse a tha gu fìrinneach agus gu dùrachdach a' deanamh aithreachais air son 'ur peacaidhean, agus a tha ann an gràdh agus ann an deadh-rùn do 'ur coimhearsnaich, agus a' cur romhaibh beatha nuadh a chaitheamh, àitheantan Dhé a leantuinn, agus imeachd o so suas 'n a shlighibh naomha-san; Thigibh 'am fagus le creidimh, agus gabhaibh an t-Sàcramaid naomh so chum 'ur comhfhurtachd; agus deanaibh 'ur n-aidmheil iriosal do Dhia Uile-chumhachdach, gu sèimh a' lùbadh air 'ur glùinibh.

¶ *An sin theirear an aidmheil choitchionn so, ann an ainm na muinntir sin uile aig am bheil rùn an Comanachadh naomh a ghabhail, le aon de na Ministeiribh, e féin agus an sluagh uile mar an ceudna a' lùbadh gu h-iriosal air an glùinibh, agus ag ràdh,*

A Dhé Uile-chumhachdaich, Athair ar Tighearna Iosa Crsosd, A Chruithfhir nan uile nithe, A Bhreitheimh nan uile dhaoine; Tha sinn ag aideachadh agus a' caoidh ar peacaidhean agus ar n-aingidheachd lìonmhoir, A chuir sinn bho àm gu àm gu mòr-chiontach 'an gnìomh, Le smuain, le focal, agus le deanadas, An aghaidh do Mhòrachd dhiadhaidh, Gu ro cheart a' brosnachadh d' fheirg agus do chorruich 'n ar n-aghaidh. Tha sinn gu dùrachdach a' gabhail aithreachais, Agus tha bròn o'r cridhe oirnn air son ar droch ghnìomharan so, Tha 'bhi 'cuimhneachadh orra cràiteach dhuinn; Tha 'n eallach dhiubh do-iomchair. Dean tròcair oirnn, Dean tròcair oirnn, Athair

ro thròcairich; Air sgàth do Mhic ar Tighearna Iosa Criosd, Maith dhuinn na h-uile a chaidh seachad, Agus deònaich gu bràth an déigh so Gu'n toir sinn seirbhis dhuit agus gu'n toilich sinn thu, Ann an nuadhachd beatha, Chum onoir agus glòire d' Ainme, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

¶ *An sin éiridh an Sagart a suas (no an t-Easbuig ma bhitheas e 'làthair), agus 'g a thionndadh féin ris an t-sluagh, cuiridh e 'an céill am fuasgladh so.*

DIa Uile-chumhachdach ar n-Athair nèamhaidh, o 'mhor thròcair a gheall maitheanas pheacaidhean dhoibhsan uile a philleas d'a ionnsuidh le aithreachas dùrachdach agus le fìor chreidimh; Gu'n deanadh e tròcair oirbh, gu'm maitheadh agus gu'n saoradh e sibh bho 'ur n-uile pheacaidhibh, gu'n daingnicheadh agus gu'n neartaicheadh e sibh anns gach uile mhaitheas, agus gu'n tugadh e sibh chum na beatha shìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart,*

Eisdibh ciod na briathran sòlasach a tha ar Slànuidhear Criosd a' labhairt riusan uile a tha gu fìrinneach a' pilleadh d'a ionnsuidh.

THigibh a' m' ionnsuidh-sa, sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallach, agus bheir mise suaimhneas dhuibh. *N. Mata* xi. 28.

Is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug e 'aon-ghin Mhic féin, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shìorruidh aige. *N. Eoin.* iii. 16.

Eisdibh mar an ceudna ciod a tha N. Pòl ag ràdh.

Is fìor an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chor air gabhail ris, gu'n d' thàinig Iosa Criosd do 'n t-saoghal a thèarnadh pheacach. 1 *Tim.* i. 15.

Eisdibh cuideachd ciod a tha N. Eoin ag ràdh.

Ma pheacaicheas neach air bith, tha Feartagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am fìrean, agus is esan an ìobairt-réitich air son ar peacaidhean. 1 *N. Eoin* ii. 1.

¶ *An déigh so théid an Sagart air aghaidh, ag ràdh,*

Togaibh a suas 'ur cridheachan.

Freagairt.

Tha sin 'g an togail a suas a dh' ionnsuidh an Tighearna.

Sagart.

Thugamaid buidheachas do 'n Tighearn ar Dia.

Freagairt.

Tha e iomchuidh agus ceart sin a dheanamh.

¶ *An sin tionndaidh an Sagart gu Bòrd an Tighearna, agus their e,*

THa e ro iomchuidh, ceart, agus 'n a dhleasannas a tha mar fhiachaibh oirnn, gu'n tugamaid aig gach àm, agus anns gach uile àite buidheachas dhuit-sa, O 'Thighearna, Athair naoimh, a Dhé Uile-chumhachdaich agus shìorruidh.

Cha n-abrar na focail so [Athair naoimh] air Dòmhnach na Trionaid.

¶ *An so leanaidh an Roimh-ràdh sònraichte, a réir an àma, ma bhitheas aon àraidh air bith orduichte, no mur a h-'eil, leanaidh gun dàil,*

UIme sin maille ri Ainglibh agus Ard-ainglibh, agus le cuideachd nèimh uile tha sinn a' toirt àrd-mholaidh agus urraim do d' Ainm glòrmhor, o so suas 'g ad chliùthachadh, agus ag ràdh, Naomh, naomh, naomh, Tighearn Dia nan sluagh, Tha nèamh agus talamh làn de d' ghlòir. Glòir gu'n robh dhuitsa, O 'Thighearn', a Thi a's ro àirde. *Amen.*

¶ *Roimh-ràdhan sònraichte.*

¶ *Air là Nodhlaic, agus seachd làithibh 'n a dhéigh.*

DO bhrìgh gu'n d' thug thu Iosa Criosd d' aon Mhac gu 'bhi air a bhreith mar aig an àm so air ar son-ne, a rinneadh 'n a fhìor dhuine le oibreachadh an Spioraid naoimh de nadur na h-Oighe Muire a mhàthar, agus sin gun smal peacaidh, chum sinne a ghlanadh o gach uile pheacadh. Uime sin maille ri Ainglibh, &c.

¶ *Air là na Càisge, agus seachd làithibh 'n a dhéigh.*

ACh gu h-àraidh tha mar fhiachaibh oirnn thusa 'mholadh air son aiseirigh ghlòrmhoir do Mhic Iosa Criosd ar Tighearna: oir is esan am fìor Uan-Càisge a dh'ìobradh air ar son-ne, agus a thug air falbh peacadh an t-saoghail; a sgrios am bàs le 'bhàs féin, agus le 'éirigh a rìs gu beatha a dh'aisig dhuinne beatha shìorruidh. Uime sin maille ri Ainglibh, &c.

¶ *Air là an Dol-suas, agus seachd làithibh 'n a dhéigh.*

TRìd do Mhic ro ionmhuinn Iosa Criosd ar Tighearna, a dh' fhoillsich e féin gu follaiseach d'a Abstolaibh uile an déigh 'aiseirigh ro ghlòrmhoir, agus a chaidh 'n an sealladh a suas gu nèamh a dh' ullachadh àite dhuinne; a chum far am bheil esan, gu'n rachamaide a suas an sin mar an ceudna agus gu'n riaghlamaid maille ris ann an glòir. Uime sin maille ri Ainglibh &c.

¶ *Air Dòmhnach na Cuingeis, agus sia làithibh 'n a dhéigh.*

TRìd Iosa Criosd ar Tighearna; a réir a gheallaidh ro fhìrinnich-san thàinig an Spiorad naomh gu h-obann a nuas o nèamh mar aig an àm so le mòr fhuaim, mar ghaoth ro threun ann an coslas theangannan teine, a' teachd air na h-Abstolaibh, a chum an teagasg, agus an treòrachadh a dh'ionnsuidh gach uile fhìrinn, a' toirt dhoibh araon tìodhlaic iomadh cainnt, agus mar an ceudna dànachd maille ri eud dùrachdach, a shearmonachadh an t-Soisgeil gu bunailteach do na h-uile chinnich, leis am bheil sinn air ar toirt a mach á dorchadas agus á mearachd a chum an t-soluis shoilleir agus a chum fìor eòlais ortsa, agus air do Mhac Iosa Criosd. Uime sin maille ri Ainglibh &c.

¶ *Air féill na Trionaid a mhàin.*

TS aon Dia thu, aon Tighearn; cha n-e aon phearsa a mhàin, ach tri pearsannan ann an aon nadur. Oir an ni sin a tha sinn a' creidsinn mu ghlòir an Athar, an ni ceudna tha sinn a' creidsinn mu'n Mhac, agus mu'n Spiorad

naomh, gun mhuthadh sam bith no eadar-dhealachadh. Uime sin maille ri Ainglibh &c.

¶ *An déigh gach aon de na Roimh-ràdhaibh so gun dàil seinnear no theirear,*

UIme sin maille ri Ainglibh agus Ard-ainglibh agus le cuideachd nèimh uile, tha sinn a' toirt àrd-mholaidh agus urraim do d'Ainm glòrmhor, o so suas 'g ad chliùthachadh, agus ag ràdh, Naomh, naomh, naomh, Tighearn Dia nan sluagh, tha nèamh agus talamh làn de d'ghlòir. Glòir gu'n robh dhuitsa, O 'Thighearn', a Thi a's ro àirde. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart a' lùbadh sìos air a ghlùinibh aig Bòrd an Tighearna 'an ainm na muinntir sin uile a ghabhas an Comanachadh, an urnuigh so a leanas.*

CHa-n 'eil sinn a' gabhail de dhànadas oirnn teachd an so a dh'ionnsuidh do Bhùird-sa, O 'Thighearna thròcairich, ag earbsadh 'n ar fìreantachd féin, ach ann an lìonmhoireachd agus ann am meud do thròcairean-sa. Cha-n airidh sinn urrad 's an sbruileach fo d' Bhòrd-sa a chruinneachadh a suas. Ach is tusa an Tighearn ceudna, aig am bheil a' bhuaidh a bhi do ghnàth tròcaireach; Deònaich dhuinn air an aobhar sin, a Thighearna ghràsail, mar so gu'n ith sinn feòil do Mhic ionmhuinn Iosa Criosd, agus gu'n òl sinn 'fhuil, air chor 's gu'm bi ar cuirp pheacach air an deanamh glan le 'chorpsan, agus ar n-anaman air an ionnlaid tre 'fhuil ro luachmhoir, agus gu'n gabh sinn gu sìorruidh tuilleadh còmhnuidh ann-san, agus esan annainne. *Amen.*

¶ *An sin air do'n t-Sagart a bhi 'n a sheasamh aig beul-aobh a' Bhùird, uidheamaichidh e an t-Aran agus am Fìon air chor 's gu'm bi e na 's deise dha an t-Aran a bhriseadh gu h-iomchuidh ann an lathair an t-sluaigh, agus an Cupan a ghlacadh 'n a làmhan, agus their e an Urnuigh-Choisrigidh, mar a leanas.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, ar n-Athair nèamhaidh, o d' chaomh thròcair a thug d'aon Mhac Iosa Criosd gu bàs fhulang air a' chrann-cheusaidh air son ar saorsa-ne, a rinn an sin (le 'aon tabhartas dheth féin aon uair air a thairgse) ìobairt, tabhartas agus éiric iomlan, foirfe agus uile-éifeachdach air son pheacaidhean an t-saoghail uile, agus a shuidhich, agus 'n a Shoisgeul naomh a dh'àithn dhuinn gnàth-chuimhneachan a chumail a suas air a sin a bhàs luachdmhor, gus a theachd a rìs; Eisd ruinn, O Athair thròcairich, tha sinn gu ro ùmhal a' guidhe ort, agus deònaich air dhuinne do chreutairean so de dh'aran agus de dh'fhìon a ghabhail, a réir orduigh naoimh do Mhic ar Slànuidhir Iosa Criosd, ann an cuimhneachan air a bhàs agus 'fhulangas, gu'm bi sinn 'n ar luchd-comhpairt d'a chorp agus d'a fhuil ro bheannaichte: Neach anns an oidhche cheudna anns an do bhrathadh e *(a)* a ghlac aran, agus an uair a thug e buidheachas, *(b)* bhris se e, agus thug e d'a dheisciobluibh e, ag ràdh, Gabhaibh, ithibh, *(c)* is e so mo chorp-sa a tha air a thoirt air 'ur son-se, deanaibh so mar chuimhneachan ormsa. Mar an ceudna an déigh na Suipeir *(d)* ghlac e an cupan, agus an uair a thug

(a) An so glacaidh an Sagart a' mhias 'na làmhan:

(b) Agus an so brisidh e an t-aran:

(c) Agus an so cuiridh e a làmh air an aran uile.

(d) An so glacaidh e an cupan 'n a laimh:

(e) Agus an so cuiridh e a làmh air gach soitheach (ma's Cupan no Soitheach fìona eile a bhitheas ann) anns am bheil fìon ri'bhi air a choisrigeadh.

e buidheachas, thug e dhoibhsan e, ag ràdh, Olaibh uile dheth so, oir is i so *(e)* m' fhuil-sa an Tiomnaidh Nuaidh, a dhòirtear air 'ur son-se agus air son mhòran chum maitheanais pheacaidhean. Deanaibh so, cia minic a 's a dh'òlas sibh e, mar chuimhneachan ormsa. *Amen.*

¶ *An sin gabhaidh am Ministeir an toiseach an Comanachadh anns an dà sheòrsa e féin, agus an sin théid e air aghaidh g' a thoirt do na h-Easbuigibh, Sagartaibh agus Deaconaibh anns an dòigh cheudna (ma bhitheas aon diubh a làthair) agus an déigh sin do'n t-sluagh mar an ceudna ann an ordugh, 'n an làmhan, iad uile gu h-iriosal air an glùinibh. Agus an uair a bheir e an t-aran do neach air bith, their e,*

COrp ar Tighearn' Iosa Criosd, a chaidh a thoirt air do shon, gu'n gleidheadh e do chorp agus d'anam gu beatha shìorruidh. Gabh agus ith so mar chuimhneachan gu'n do bhàsaich Criosd air do shon, agus beathaich air-san ann ad chridhe le creidimh agus taingealachd.

¶ *Agus their am Ministeir a bheir an cupan do neach air bith,*

FUil ar Tighearn' Iosa Criosd, a dhòirteadh air do shon, gu'n gleidheadh i do chorp agus d'anam gu beatha shìorruidh. Ol so mar chuimhneachan gu'n do dhoirteadh fuil Chriosd air do shon, agus bi taingeil.

¶ *Ma theirgeas an t-aran no am fìon coisrigte mu'n gabh iad uile an Comanachadh; coisrigidh an Sagart tuilleadh a réir na riaghailt a tha roimhe air a h-orduchadh: A' tòiseachadh aig na briathraibh* [Ar Slànuidhear Criosd anns an oidhche cheudna, &c] *air son beannachadh an arain; agus aig na briathraibh* [Mar

an ceudna an déigh na Suipeir, &c] *air son beannachadh a' chupain.*

¶ *An déigh do na h-uile an Comanachadh a ghabhail, pillidh am Ministeir gu Bòrd an Tighearna, agus gu h-urramach cuiridh e air na dh'fhàgar de'n Aran agus de'n Fhìon choisrigte, 'g an còmhdachadh le lìon-eudach maiseach.*

¶ *An sin their an Sagart Urnuigh an Tighearna, an sluagh ag ràdh gach Iarrtuis 'n a dhéigh.*

AR n-Athair a tha air nèamh; Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do Rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn; Ach saor sinn o olc. Oir is leatsa an rìoghachd, An cumhachd agus a' ghlòir, Gu sìorruidh agus gu sìorruidh. Amen.

¶ *An déigh sin theirear mar a leanas.*

O 'Thighearna agus Athair nèamhaidh, tha sinne do sheirbhisich ùmhal gu dùrachdach ag iarraidh o d' mhaitheas Athaireil, thu a ghabhail gu tròcaireach ri 'r n-ìobairt so de mholadh agus de bhreith-buidheachais, gu ro ùmhal a' guidhe ort thu a dheònachadh, le deadh-thoillteanais agus le bàs do Mhic Iosa Criosd, agus tre chreidimh 'n a fhuil, gu'm faigh sinne agus d' Eaglais gu h-iomlan maitheanas ar peacaidhean, agus uile shochairean eile 'fhulangais-san. Agus an so, O 'Thighearna, tha sinn a' tairgse agus a' toirt a suas dhuit-sa, sinn féin, ar n-anaman agus ar cuirp gu 'bhi 'n am beò-ìobairt reusanta agus naoimh dhuit-sa; gu h-ùmhal a' guidhe ort, gu'm bi sinne uile a

tha 'n ar luchd-comhpairt de 'n Chomanachadh naomh so, air ar lìonadh le d' ghràs agus le d' bheannachadh nèamhaidh. Agus ged tha sinn neo-airidh le lìonmhoireachd ar peacaidhean air ìobairt sam bith a thairgse dhuit; gidheadh tha sinn a' guidhe ort thu a ghabhail ris an dleasannas so agus ris an t-seirbhis so a tha mar fhiachaibh oirnn a dheanamh; gun ar toillteannais a thomhas, ach ar ciontan a mhaitheadh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna; trìd-san, agus maille ris-san, ann an aonachd an Spioraid naoimh, gach uile urram agus ghlòir gu'n robh dhuitsa, O Athair Uile-chumhachdaich, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *No so.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, tha sinne a ghabh mar a tha iomchuidh na dìomhaireachda naomha so, a' toirt buidheachais o'r n-uile chridhe dhuit a chionn gu bheil thu a' deònachadh sinne a bheathachadh le lòn spioradail de chorp agus de fhuil ro luachmhor do Mhic ar Slànuidhir Iosa Criosd; agus gu bheil thu leis a' so a' toirt cinnte dhuinn air do dheadh-ghean agus do mhaitheas d' ar taobh; agus gu bheil sinn 'n ar fìor bhuill air ar n-aonachadh ann an corp dìomhair do Mhic, ni a's e cuideachd bheannaichte nan uile shluagh creideach; agus gu bheil sinn mar an ceudna 'n ar n-oighreachaibh tre dhòchas air do rìoghachd mhaireannaich, le deadh-thoillteanais bàis agus fulangais ro luachmhoir do Mhic ionmhuinn. Agus tha sinn gu ro ùmhal a' guidhe ort, O Athair

nèamhaidh, mar so ar cuideachadh le d' ghràs, chum gu'm buanaich sinn anns a' chomh-chomunn naomh sin, agus gu'n dean sinn na deadh oibre sin uile a dh' ullaich thu a chum gu 'n gluaiseamaid annta, trìd Iosa Criosd ar Tighearna; dhàsan maille riutsa agus ris an Spiorad naomh gu'n robh gach uile onoir agus ghlòir, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *An sin theirear no seinneir,*

GLòir gu'n robh do Dhia anns na h-àrdaibh, agus air talamh sìth, deadh-ghean do dhaoinibh. Tha sinn a' toirt molaidh dhuit, tha sinn 'g ad bheannachadh, tha sinn a' toirt aoraidh dhuit, tha sinn a' toirt glòire dhuit, tha sinn a' toirt buidheachais dhuit air son do mhòr ghlòire, O 'Thighearna Dhé, a Rìgh nèamhaidh, a Dhé an t-Athair Uile-chumhachdach.

O 'Thighearna, an t-aon-ghin Mhic Iosa Criosd, O 'Thighearna Dhé, Uain Dhé, 'Mhic an Athar, a tha 'toirt air falbh pheacaidhean an t-saoghail, dean tròcair oirnn. Thusa, a tha 'toirt air falbh pheacaidhean an t-saoghail, dean tròcair oirnn. Thusa a tha 'toirt air falbh pheacaidhean an t-saoghail, gabh ri 'r n-urnuigh. Thusa a tha a'd' shuidhe air deas làimh Dhé an Athar, dean tròcair oirnn.

Oir is tusa a mhàin a tha naomh, is tusa a mhàin an Tighearn, is tusa a mhàin, O 'Chriosd, maille ris an Spiorad naomh, a tha ro àrd ann an glòir Dhé an Athar. *Amen.*

¶ *An sin leigidh an Sagart (no an t-Easbuig ma bhitheas e 'làthair) air falbh iad leis a' bheannachadh so.*

GU'n gleidheadh sìth Dhé a tha os ceann gach uile thuigse, 'ur cridheachan agus 'ur n-inntinnean ann an eòlas agus ann an gràdh Dhé, agus a Mhic Iosa Criosd ar Tighearna: Agus gu'n robh beannachadh Dhé Uile-chumhachdaich, an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid naoimh, 'n 'ur measg, agus gu'n gabhadh e còmhnuidh maille ruibh do ghnàth. *Amen.*

¶ *Guidhean a tha ri'n ràdh an déigh an Tabhartais, an uair nach 'eil Comanachadh ann, air gach leithid sin de là aon, no tuilleadh; agus feudaidh iad a bhi air an ràdh cuideachd, cho tric 's a bhitheas aobhar air, an déigh Ghuidhean Urnuigh Mhaidne no Urnuigh Fheasgair, a' Chomanachaidh, no na Laoidh-dhiann, mar a chi am Ministeir iomchuidh.*

O 'Thighearna, gu tròcaireach cuidich sinn annta so ar n-athchuingibh agus ar n-urnuighibh, agus stiuir slighe do sheirbhiseach, gu greim fhaighinn air sàbhaladh sìorruidh; a chum 'am measg gach uile mhuthaidh agus thuiteamais na beatha bhàsmhoir so, gu'm bi iad air an sìor dhìon le d' chòmhnadh ro ghràsail agus ullamh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

O 'Thighearna Uile-chumhachdaich, agus a Dhé mhaireannaich, deònaich, tha sinn a' guidhe ort, araon ar cridheachan agus ar cuirp a stiuradh, a naomhachadh, agus a riaghladh ann an slighibh do laghannan, agus ann an oibribh d'àitheantan, a chum tre do dhìdean ro chumhachdaich, araon an so agus gu sìorruidh, gu'm bi sinn air ar gleidheadh gu tèaruinte ann an corp agus ann an anam, trìd ar Tighearna agus ar Slànuidhir Iosa Criosd. *Amen.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, tha sinn a' guidhe ort, deònaich gu'm bi na briathran a chuala sinn an diugh le 'r cluasaibh o'n taobh a muigh, le d' ghràs air an suidheachadh 'an taobh a stigh 'n ar cridheachaibh, a chum gu'n toir iad a mach annainn toradh deadh chaithebeatha, gu onoir agus moladh d'Ainme, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

TReòraich sinn, O 'Thighearna, 'n ar n-uile dheanadais, le d'fhàbhar ro ghràsail, agus thoir air ar n-aghaidh sinn le d'shìor chòmhnadh, a chum 'n ar n-uile oibribh a thòisich, a bhuanaich agus a chrìochnaich sinn annad-sa, gu'n glòraich sinn d'Ainm naomh, agus fadheoidh le d'thròcair gu'm faigh sinn a' bheatha mhaireannach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, tobar gach uile ghliocais, aig am bheil fios air ar n-uireasbhuidhibh mu'n iarr sinn, agus air ar n-aineolas ann an iarraidh; Tha sinn a' guidhe ort truas a bhi agad ri 'r n-anmhuinneachdaibh; agus na nithe sin air son ar mi-fhiachalachd nach 'eil de dhànadas againn, agus air son ar doille nach urrainn sinn iarraidh, deònaich an toirt dhuinn air son fiachalachd do Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, a gheall éisdeachd ri guidhibh na muinntir a tha 'g iarraidh ann an Ainm do Mhic; Tha sinn a' guidhe ort gu tròcaireach thu a dh'aomadh do chluasan d'ar n-ionnsuidh-ne a rinn a nis ar n-urnuighean agus ar n-athchuingean riut, agus

deònaich na nithe sin a dh'iarr sinn gu creideach a réir do thoile, gu'm faigh sinn iad gu h-éifeachdach, gu fuasgladh air ar n-uireasbhuidh, agus gu nochdadh a mach do ghlòire-sa, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Air Dòmhnachaibh agus air làithibh naomh' eile (mur bi Comanachadh ann) bithidh na h-uile nithean a tha air an orduchadh aig a' Chomanachadh air an ràdh, gu deireadh na h-Urnuigh choitchionn* [Air son staid Eaglais Chriosd uile a tha 'cogadh an so air talamh] *maraon maille ri aon no tuilleadh de na Guidhibh so mu dheireadh a bha air an aithris d'ìreach roimh so, a comh-dhùnadh leis a' Bheannachadh.*

¶ *Agus cha bhi Suipeir an Tighearna air a frithealadh, mur bi àireamh iomchuidh air son an Comanachadh a ghabhail maille ris an t-Sagart, a réir mar a chi e iomchuidh.*

¶ *Agus mur bi os ceann fichead pearsa anns an Sgìreachd aig am bheil tuigse iomchuidh an Comanachadh a ghabhail; gidheadh cha bhi Comanachadh ann mur gabh ceathrar (no triuir air a' chuid a's lugha) an Comanachadh maille ris an t-Sagart.*

¶ *Agus anns na h-Eaglaisibh far am bheil Cathair an Easbuig agus anns na h-Eaglaisibh far am bheil comunn Mhinisteirean, agus ann an Oil-thighibh, 's am bheil mòran Shagartan agus Dheaconan, gabhaidh iad uile an Comanachadh maille ris an t-Sagart gach Dòmhnach air a' chuid a's lugha, mur a h-'eil iad air am bacadh le aobhar reusanta.*

¶ *Agus a thoirt air falbh a h-uile aobhair easaonachd, agus saobh-chrabhaidh, a tha aig Neach air bith no dh' fheudadh a bhi aige a thaobh an Arain agus an Fhìon', is leòir gu'm bi an t-Aran 'n a leithid 's a tha air 'itheadh gu cumanta; ach gu'm bi e de'n Aran Chruithneachd is fearr agus is fìor-ghloine a dh' fheudar gu goireasach fhaotainn.*

¶ *Agus ma dh' fhanas a' bheag de'n Aran agus de'n Fhìon gun choisrigeadh, bithidh e aig a' Bhuachaille Spioradail gu 'fheum féin: ach ma dh'fhanas cuibhrionn air bith de na chaidh a choisrigeadh, cha toirear a mach e as an Eaglais, ach gun dàil an déigh a' Bheannachaidh, ithear agus òlar e le h-urram leis an t-Sagart agus leis a' chuid sin de'n Luchd-comanachaidh a ghairmeas e 's an àm sin d'a ionnsuidh.*

¶ *Gheibhear an t-Aran agus am Fìon air son a' Chomanachaidh leis a' Bhuachaille Spioradail agus leis na Foirfich, air cosd na Sgìreachd.*

¶ *Agus thoir fainear, gu'n gabh gach Neach a tha anns an Sgìreachd air a' chuid a's lugha an Comanachadh tri uairean anns a' bhliadhna, agus bithidh uair dhiubh sin aig a' Chàisg. Agus gach bliadhna aig a' Chàisg ni gach Neach a tha 's an Sgìreachd cunntas ris an t-Sagart aig am bheil curam na Sgìreachd, no ris-an, no riu-san a tha aige 'n a àite, agus paighidh iad dhoibhsan no dhàsan gach uile dhlighe Eaglais, a tha gu gnàthaichte dligheach, an sin agus aig an àm sin ri'bhi air am paigheadh.*

¶ *An déigh do'n t-Seirbhis Dhiadhaidh crìochnachadh, bithidh an t-airgiod a thugadh seachad aig an Tabhartas air a bhuileachadh air son a leithid de dh' fheumaibh diadhaidh agus iochdmhor, 's a chi am Ministeir agus na Foirfich iomchuidh. Agus mur còrd iad uime so, théid a bhuileachadh mar a dh'orduicheas an t-Ard-fhear-ùghdarrais.*

DO bhrìgh gu bheil e orduichte anns an Riaghailt so air son Frithealaidh Suipeir an Tighearna, gu'n gabhadh an Luchd-comanachaidh i air an Glùinibh; (tha 'n riaghailt so air a deadh-chiallachadh mar chomharadh air ar n-aidmheil ùmhail agus thaingeil air na sochairibh a thug Criosd seachad innte Dhoibhsan uile a ghabhas i gu h-iomchuidh, agus air son seachnadh a leithid sin de mhi-naomhachadh, agus de mhi-riaghailt anns a' Chomanachadh naomh, 's a dh'fheudadh tachairt air dhòigh eile) Gidheadh, an t-eagal tre aineolas agus anmhuinneachd, no tre mhì-run agus dhanarrachd, gu'n gabhadh neach air bith an Lùbadh-ghlùn so ann an seadh docharach no gu'n deanadh e droch fheum dheth;

Tha e ann a' so air a chur 'an céill, nach 'eil Aoradh sam bith air a chiallachadh, no nach bu chòir a thoirt, aon chuid do'n aran no do'n fhìon Shàcramaideach, an sin gu corporra air an gabhail, no do Làthaireachd Chorporra air bith de dh' Fheòil agus de dh' Fhuil nadurra Chriosd. Oir tha an t-aran agus am fiòn Sàcramaideach a' mairsinn daonnan 'n am Brìgh Nadurra féin, agus air an aobhar sin cha-n fheudar aoradh a thoirt dhoibh, (oir b' Iodhal-aoradh sin, gu bhi air a gheur-fhuathachadh leis na h-uile Chriosduidhibh creideach) Agus tha corp agus fuil Nadurra ar Slànuidhir Criosd air Nèamh, agus cha-n ann an so; air dha bhi an aghaidh firinn cuirp Nadurra Chriosd, gu bheil e aig an aon àm ann an tuilleadh na aon àite.

FRITHEALADH

Baistidh Fhollaisich Naoidheanan

ri 'ghnathachadh anns an Eaglais.

¶ *Tha 'n sluagh ri 'n comhairleachadh, gu'm bheil e ro iomchuidh nach bitheadh am Baisteadh air a' fhrithealadh ach air Dòmhnachaibh agus air làithibh-naomh' eile, an uair a thig a' chuid is mò de shluagh ann an ceann a chéile: a chum araon gu'm bi an Coimhthional a tha an sin a' làthair fianuiseach air gabhail a stigh na muinntir a tha air an ùr-bhaisteadh ann an àireamh Eaglais Chriosd; agus mar an ceudna a chum gu'm bi gach duine a bhitheas a làthair aig Baisteadh Naoidheanan air a chur 'an cuimhne air 'aidmheil féin a rinneadh do Dhia 'n a Bhaisteadh. Air son an aobhair cheudna tha e iomchuidh gu'm bi am Baisteadh air a fhrithealadh anns a' chainnt chumanta. Gidheadh (ma's éigin e) feudar clann a bhaisteadh air là air bith eile.*

¶ *Agus thoir fainear, gu'm bi aig gach leanabh-gille a théid a bhaisteadh dà Oide-baistidh agus aon Mhuime-baistidh: agus aig gach leanabh-nighinn, aon Oide agus dà Mhuime.*

¶ *An uair a tha clann ri 'm baisteadh, bheir na Pàrantan fios do'n Bhuachaille spioradail air an oidhche roimhe, no anns a' mhaduinn mu'n tòisich Urnuigh mhaidne. Agus an sin feumaidh na h-Oideachan agus na Muimeachan-baistidh, agus an Sluagh, maille ris a' Chloinn a bhi ullamh aig an Tobar-bhaistidh, an dara cuid dìreach an déigh an Leasain mu dheireadh aig Urnuigh Mhaidne, no dìreach an déigh an Leasain mu dheireadh aig Urnuigh Fheasgair, mar a dh'orduicheas am Buachaille spioradail a réir a thoil. Agus air teachd do'n t-Sagart a dh' ionnsuidh an Tobair-bhaistidh (a tha aig an àm sin ri 'bhi air a lionadh le uisge fìor-ghlan) agus a' seasamh an sin their e,*

An robh an leanabh so air a bhaisteadh cheana, no nach robh?

¶ *Ma fhreagras iad,* Cha robh: *An sin théid an Sagart air aghaidh mar a leanas.*

A Mhuinntir ro ionmhuinn, do bhrìgh gu bheil na h-uile dhaoine air an gintinn agus air am breith ann am peacadh, agus gu bheil ar Slànuidhear Criosd ag ràdh,

Nach urrainn neach air bith dol a stigh de rìoghachd Dhé, mur bi e air 'ath-ghintinn agus air a nuadh-bhreith le uisge agus leis an Spiorad naomh; Tha mi 'guidhe oirbh sibh a ghairm air Dia an t-Athair, trìd ar Tighearna Iosa Criosd, gu'm builicheadh e o 'mhòr thròcair do *'n leanabh* so an ni sin nach urrainn a bhi *aige* a thaobh naduir; gu'm bi *e* air *a bhaisteadh* le uisge agus leis an Spiorad naomh, agus air *a ghabhail* a stigh de dh'Eaglais naoimh Chriosd, agus air *a dheanamh* 'n *a bhall* beòthail dhi.

¶ *An sin their an Sagart,*

Deanamaid urnuigh.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, a shàbhail le d' mhòr thròcair Noah agus a theaghlach 's an àirc o sgrios le uisge, agus mar an ceudna a threòraich do shluagh clann Israeil gu tèaruinnte tre 'n fhairge ruaidh, mar shamhladh air do bhaisteadh naomh; agus le baisteadh do Mhic ro ionmhuinn Iosa Criosd ann an amhainn Iordain, a naomhaich uisge gu peacadh a thoirt air falbh le ionnlad dìomhair; Tha sinn a' guidhe ort o d' thròcairibh neo-chrìochnach gu'n amhairc thu gu tròcaireach air *an leanabh* so; gu'n glan agus gu'n naomhaich thu *e* leis an Spiorad naomh, a chum air *dha* 'bhi air *a shaoradh* o d' chorruich, gu'm bi *e* air *a ghabhail* a steach ann an àirc Eaglais Chriosd; agus air *dha* 'bhi daingean ann an creidimh, aoibhneach tre dhòchas, agus freumhaichte ann an gràdh, gu'n siùbhail *e* troimh thonnaibh an t-saoghail bhuaireasaich so, chum fadheoidh gu'n tìg *e* gu tìr na beatha maireannaich; an sin gu riaghladh maille riutsa saoghal gun chrìoch, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus neo-bhàsmhoir, còmhnadh nan uile a tha uireasbhuidheach, fear-cuideachadh nan uile a theicheas a' d' ionnsuidh air son cabhair, beatha na muinntir a tha 'creidsinn, agus aiseirigh nam marbh; Tha sinn a' gairm ort air son *an naoidhein* so, chum air *dha* 'teachd a dh'ionnsuidh do bhaistidh naoimh, gu'm faigh *e* maitheanas 'n *a pheacaidhibh* le ath-ghintinn spioradail. Gabh *e*, O 'Thighearna, mar a gheall thu le d' Mhac ro ionmhuinn, ag ràdh,

Iarraibh, agus bheirear dhuibh; siribh, agus gheibh sibh; buailibh an dorus, agus fosgailear dhuibh: Mar so thoir dhuinne a nis a tha 'g iarraidh; deònaich gu'm faigh sinne a tha 'sireadh: fosgail an geata dhuinne a tha 'bualadh; a chum gu'm meal *an naoidhean* so beannachadh sìorruidh d'ionnlaid nèamhaidh, agus gu'n tig *e* a dh'ionnsuidh na rìoghachd shìorruidh a gheall thu le Criosd ar Tighearn. *Amen.*

¶ *An sin seasaidh an sluagh a suas, agus their an Sagart,*

Eisdibh briathran an t-Soisgeil, sgrìobhta le Naomh *Marcus*, anns an deicheamh caibideil, aig an treas rann deug.

N. Marcus x. 13.

THug iad leanaba dh' ionnsuidh Chriosd, chum gu'm beanadh e riu; agus chronuich a dheisciobuil a' mhuinntir a thug leo iad. Ach an uair a chunnaic Iosa sin, bha e ro dhiombach, agus thubhairt e riu, Leigibh do na leanabaibh teachd a' m' ionnsuidh, agus na bacaibh iad; oir is ann d'an leithidibh a tha rìoghachd Dhé. Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, Ge b'e neach nach gabh rìoghachd Dhé mar leanabh beag, nach téid e gu bràth a steach innte. Agus ghlac e 'n a uchd iad, agus chuir e a làmhan orra, agus bheannaich e iad.

¶ *An déigh leughadh an t-Soisgeil, bheir am Ministeir seachad an earail ghoirid so air briathraibh an t-Soisgeil.*

A Mhuinntir ionmhuinn, tha sibh a' cluinntinn anns an t-Soisgeul so briathran ar Slànuidhir Criosd, gu'n d'àithn e a'chlann a thoirt d'a ionnsuidh; cia mar a chronuich e iadsan leis am b' àill an cumail uaith; cia mar a tha e 'brosnachadh nan uile dhaoine an neòchiontachd-san a leantuinn. Tha sibh a' faicinn cionnus le 'ghiùlan agus le 'ghnìomh o'n leth-muigh a nochd e a dheadh-ghean d'an taobh; oir ghlac e iad 'n a ghàirdeinibh, leag e a làmhan orra, agus bheannaich e iad. Na cuiribh-se teagamh air an aobhar sin, ach creidibh gu dùrachdach, gu'n gabh e mar an ceudna gu fàbharach *an Naoidhean* so a tha làthair, gu'n glac *se e* le gàirdeinibh a thròcair, gu'n toir e *dha* beannachadh na beatha

shìorruidh, agus gu'n dean *se e* 'n *a fhear*-comhpairt air a rìoghachd mhaireannaich. Air an aobhar sin air dhuinn a bhi mar so làn-dearbhta a deadh-ghean ar n-Athar nèamhaidh a thaobh *an Naoidhein* so, a nochd e le 'Mhac Iosa Criosd, agus gun teagamh air bith ach gu'n gabh e gu fàbharach ri'r n obair iochdmhoir so ann an toirt *an Naoidhein* so a dh' ionnsuidh a bhaistidh naoimh, thugamaid gu creideach agus gu cràbhach buidheachas dha, agus abramaid,

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, Athair nèamhaidh, tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit, gu'n do dheònaich thu ar gairm gu eòlas do ghràis agus gu creidimh annad: Meudaich an t-eòlas so, agus daingnich an creidimh so annainn gu sìorruidh tuilleadh. Thoir do Spiorad naomh do *'n Naoidhean* so, a chum 's gu'm bi *e* air *a bhreith* a rìs, agus air *a dheanamh* 'n *a oighre* air sàbhaladh sìorruidh, trìd ar Tighearna Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *An sin labhraidh an Sagart ris na h-Oideachaibh agus ris na Muimeachaibh-baistidh air an dòigh so.*

A Mhuinntir ionmhuinn, thug sibh *an leanabh* so an so gu bhi air *a bhaisteadh*, ghuidh sibh gu'n deònaicheadh ar Tighearn Iosa Criosd *a ghabhail, 'fhuasgladh* o *'pheacaidhibh, a* naomhachadh leis an Spiorad naomh, rìoghachd nèimh, agus a' bheatha shìorruidh a thoirt *dha.* Chuala sibh cuideachd gu'n do gheall ar Tighearn Iosa Criosd 'n a Shoisgeul na nithe so uile a bhuileachadh *air* a dh'iarr sibh: an gealladh so air a thaobh-san gu ro chinnteach gleidhidh agus coimhlionaidh se e. Air an aobhar sin an déigh a' gheallaidh so a rinn Criosd, is éigin do *'n leanabh* so cuideachd gu creideach a ghealltuinn air *a thaobh* féin, leibhse a tha 'n 'ur n-urrais *air* (gus an tig *e* gu aois a ghabhail *air* féin) gu'n cuir *e* cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibribh, agus do ghnàth gu'n creid *e* focal naomh Dhé, agus gu h-ùmhal gu'n gleidh *e* 'àitheantan.

Tha mi 'feòraich air an aobhar sin,

AM bheil thusa ann an ainm an leinibh so a' cur cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibribh, ri greadhnachas agus glòir dhìomhain an t-saoghail, maille ri uile 'thograibh sanntach, agus ana-miannaibh na feòla, air chor 's nach lean thu iad agus nach bi thu air do threòrachadh leo?

Freagairt.

Tha mi 'cur cùl riu uile.

Ministeir.

AM bheil thu 'creidsinn ann an Dia an t-Athair Uile chumhachdach, cruithfhear nèimh agus talmhainn? Agus ann an Iosa Criosd 'aon-ghin Mhic-san ar Tighearn; Agus gu'n do ghabhadh e leis an Spiorad naomh; gu'n d' rugadh e leis an Oigh Muire; gu'n d' fhuiling e fo Phontius Pilat, gu'n do cheusadh e, gu'n d' fhuair e bàs, agus gu'n d' adhlaiceadh e; agus gu'n deachaidh e sìos do dh' ifrinn, agus mar an ceudna gu'n d' éirich e a rìs air an treas là; gu'n deachaidh e suas gu nèamh, agus gu bheil e 'n a shuidhe air deas làimh Dhé an t-Athair Uile-chumhachdach; agus gu'n tig e as an sin a rìs aig deireadh an t-saoghail, a thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh?

Agus am bheil thu 'creidsinn anns an Spiorad naomh; 's an Eaglais naoimh Choitchionn, 'an Comhchomunn nan naomh; 'am maitheanas pheacaidhean; 'an aiseirigh na feòla; agus 's a bheatha mhaireannaich an déigh a' bhàis?

Freagairt.

Tha mi 'creidsinn so uile gu daingean.

Ministeir.

AN àill leat a bhi air do bhaisteadh anns a' chreidimh so?

Freagairt.

Is e sin mo mhiann.

Ministeir.

AN gleidh thu ma ta gu h-ùmhal toil agus àitheantan naomha Dhé, agus an gluais thu annta uile làithean do bheatha?

Freagairt.

Ni mi sin.

¶ *An sin their an Sagart,*

O 'Dhé thròcairich, deònaich gu'm bi an seann Adhamh anns *an leanabh* so air 'adhlacadh, air chor 's gu'm bi an duine nuadh air a thogail suas *ann*. *Amen.*

Deònaich gu'm bàsaich na h-uile aignean fheòlmhor *ann*, agus gu'm mair na h-uile nithean a bhuineas do'n Spiorad beò, agus gu'm fàs iad *ann*. *Amen.*

Deònaich gu'm faigh *e* cumhachd agus neart gu buaidh, agus làmh 'n uachdar fhaotainn air an diabhul, air an t-saoghal, agus air an fheòil. *Amen.*

Deònaich cò air bith an so a tha air *a thoirt* a suas dhuit le 'r dreuchd agus le 'r frithealadh-ne, gu'm bi *e* cuideachd air *a* sgeadachadh le deadh-bheusaibh nèamhaidh, agus gu'm faigh *e* duais shìor-mhaireannach, tre do thròcair-sa, O 'Thighearna Dhé bheannaichte, a tha beò agus a' riaghladh nan uile nithe, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, b' e do Mhac ro ionmhuinn Iosa Criosd a dhoirt a mach as a thaobh ro phrìseil araon uisge agus fuil, air son maitheanais ar peacaidhean, agus a thug àithne d'a dheisciobluibh, gu'n rachadh iad a theagasg nan uile chinneach, agus gu'm baisteadh siad iad ann an Ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spioraid naoimh; Tha sinn a' guidhe ort, thu dh' éisdeachd ri athchuingibh do choimhthionail; naomhaich an t-uisge so gu peacadh a thoirt air falbh le ionnlad dìomhair: agus deònaich gu'm faigh *an leanabh* so a tha a nis ri 'bhi air *a bhaisteadh* ann, iomlanachd do ghràis, agus gu mair *e* gu sìorruidh ann an àireamh do chloinne chreidich agus thaghta, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin glacaidh an Sagart 'n a làmhan an leanabh, agus their e ris na h-Oideachaibh agus ris na Muimeachaibh-baistidh,*

Ainmichibh an leanabh so.

Agus an sin 'g a ainmeachadh 'n an déigh (ma bheir iad fios dha gu'm fuiling an leanabh e gun dochann)

tumaidh se e anns an uisge gu cùramach agus gu faicilleach, ag ràdh,

N. Tha mi 'g ad bhaisteadh ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

¶ *Ach ma bheir iad fios dha, gu bheil an leanabh fann, fòghnaidh dha uisge a dhoirteadh air, ag ràdh nam briathran ceudna,*

N. Tha mi 'g ad bhaisteadh ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

¶ *An sin their an Sagart,*

THa sinn a' gabhail an leinibh so a stigh de choimhthional treuda Chriosd, † agus 'g a *chomharachadh* le comharadh a' chroinn-cheusaidh, mar dhearbhadh nach bi nàire *air* an déigh so creidimh Chriosd air a cheusadh aideachadh, agus cogadh gu duineil fo 'bhrataich, 'an aghaidh peacaidh, an t-saoghail, agus an diabhuil, agus mairsinn 'n a *shaighdear* agus 'n a *sheirbhiseach* dìleas do Chriosd gu crìch a *bheatha*. Amen.

† *An sonian Sagart crois air clàr eudainn an leinibh.*

¶ *An sin their an Sagart,*

A Bhràithrean ro ionmhuinn, air do *'n leanabh* so a bhi air *'ath-ghintinn*, agus air *a shuidheachadh* ann an corp Eaglais Chriosd, thugamaid buidheachas do Dhia Uile-chumhachdach air son nan sochairean so, agus le aon rùn deanamaid ar n-urnuighean ris, gu'n caith *an leanabh* so a' chuid eile d' *a bheatha* a réir an toisich so.

¶ *An sin theirear, air dhoibh 'bhi uile air an glùinibh.*

AR n-Athair a tha air nèamh: Naomhaichear d'Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn; Ach saor sinn o olc. Amen.

¶ *An sin their an Sagart,*

A Thair ro thròcairich, tha sinn a' toirt buidheachais o'r cridhe dhuit, gu'n do dheònaich thu *an naoidhean* so ath-ghintinn le d' Spiorad naomh, *a ghabhail* mar do *leanabh* féin le uchdmhacachd, agus *a dheanamh* 'n *a*

bhall de d' Eaglais naoimh. Agus gu h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort thu a dheònachadh, air *dha* 'bhi marbh do pheacadh, agus beò do dh' fhìreantachd, agus a bhi air *'adhlacadh* maille ri Criosd 'n a bhàs, gu'n ceus *e* an seann duine, agus gu'n sgrios *e* gu tur corp a' pheacaidh uile; agus mar a tha *e* air *a dheanamh* 'n *a fhear*-comhpairt de bhàs do Mhic, gu'm bi *e* mar an ceudna 'n *a fhear*-comhpairt d'a aiseirigh ; air chor 's fadheoidh gu'm bi *e* 'n *a oighre* air do rìoghachd mhaireannaich, maille ri iarmad d' Eaglais naoimhe, tre Chriosd ar Tighearn. *Amen.*

¶ *An sin air dhoibh 'bhi uile 'n an seasamh, labhraidh an Sagart ris na h-Oideachaibh agus ris na Muimeachaibhbaistidh an earail so a leanas.*

DO bhrìgh gu'n do gheall *an leanabh* so leibhse a tha 'n 'ur n-urrais *air*, gu'n cuireadh *e* cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibribh, gu'n creideadh *e* ann an Dia, agus gu'n deanadh *e* seirbhis dha ; feumaidh sibh a chuimhneachadh gur e 'ur gnothach agus 'ur dleasnas fhaicinn gu'm bi *an naoidhean* so air *a theagasg*, cho luath 's a bhitheas *e* comasach air fhòghlum, ciod a' bhòid, an gealladh agus an aidmheil shòlaimte a rinn *e* an so leibhse. Agus a chum gu'm bi fios *aige* air na nithibh so na's fearr, earalaichidh sibh *e* gu'n éisd *e* ri Searmonaibh, agus gu h-àraid bheir sibh aire gu'n ionnsaich *e* a' Chreud, Urnuigh an Tighearna, agus na deich Aitheantan anns a' chainnt chumanta, agus na h-uile nithean eile 'bu chòir do Chriosdaidh eòlas a bhi aige orra agus a chreidsinn gu slàinte 'anama ; agus gu'm bi *an leanabh* so gu deadh-bheusail air *a thogail* a suas ann an caithe-beatha dhiadhaidh agus Chriosdail ; a' cuimhneachadh daonnan gu'm bheil baisteadh a' nochdadh dhuinn ar n-aidmheil, 's e sin, gu'n lean sinn eiseimpleir ar Slànuidhir Criosd, agus gu'm bi sinn air ar deanamh cosmhuil ris-san ; a chum a's mar a bhàsaich esan agus a dh' éirich e a rìs air ar son-ne ; mar so gu'm bu chòir dhuinne a tha air ar baisteadh, bàsachadh o pheacadh, agus éirigh a rìs gu fireantachd, do ghnàth a' claoidh ar n-uile mhiannan olc' agus thruaillidh, agus gach là a' dol air ar n-aghaidh anns gach uile dheadhbheus agus ann an diadhachd caithe-beatha.

¶ *Agus an déigh so their e,*

IS còir dhuibh aire a thoirt gu'n toirear *an leanabh* so a dh'ionnsuidh an Easbuig gu bhi air *a chomh-*

dhaingneachadh leis, cho luath a's urrainn *e* a' Chreud, Urnuigh an Tighearna, agus na deich Aitheantan a ràdh anns a' chainnt chumanta, agus a bhitheas *e* na's faide air *a theagasg* ann an Leabhar cheisdean na h-Eaglais a tha air a chur a mach a chum na crìche sin.

THa e cinnteach le focal Dhe, gu bheil clann a chaidh a bhaisteadh, agus a gheibh bàs mu'n dean iad peacadh gnìomha, gun teagamh air an sàbhaladh.

A Thoirt air falbh gach uile theagaimh mu ghnàthachadh comharaidh a' Chroinn-cheusaidh 's a' Bhaisteadh ; feudar an Mineachadh ceart, agus na reusain fhìrinneach air son a ghleidheadh, fhaicinn anns an XXX Lagh de'n Eaglais, a chuireadh a mach air tùs anns a' bhliadhna MDCIV.

FRITHEALADH

Baistidh Uaignich Cloinne

ann an tighibh.

¶ *BHeir Buachaillean spioradail gach Sgìreachd fios gu tric do'n t-sluagh, gun dàil a chur 'am Baisteadh an cloinne na's faide na 'n ceud no an dara Dòmhnach an déigh am breith, no là-naomh eile a tharlas eatorra, mur bi aobhar mòr agus reusonta aca air, a bhitheas ceart a réir beachd a' Bhuachaille spioradail.*

¶ *Agus mar an ceudna bheir iad rabhadh dhoibh, nach iarr iad an clann a bhaisteadh aig an dachaidh 'n an tighibh féin gun a leithid so de dh'aobhar agus de dh' éigin mhòr. Ach an uair is éigin dhoibh sin a dheanamh, an sin bithidh am Baisteadh air a fhritheladh air an dòigh so*

¶ *'An toiseach gairmear air Dia le Ministeir na Sgìreachd (no mur bi esan a làthair, le Ministeir laghail air bith eile a dh'fheudar fhaighinn) maille riusan a tha 'làthair, agus their iad Urnuigh an Tighearna, agus urrad de na guidhibh a dh'orduicheadh a ràdh roimhe ann an Riaghailt a' Bhaistidh Fhollaisich, 's a leigeas an ùine agus éigin na cùise leo. Agus an sin, air do'n leanabh a bhi air 'ainmeachadh le aon de'n mhuinntir a tha 'làthair, doirtidh am Ministeir uisge air, ag ràdh nam briathean so ;*

N. Tha mi 'g ad bhaisteadh ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

¶ *An sin air dhoibh uile 'bhi air an glùinibh, bheir am Ministeir buidheachas do Dhia, ag ràdh,*

A Thair ro thròcairich, tha sinn a' toirt buidheachais o'r cridhe dhuit, gu'n do dheònaich thu an naoidhean so ath-ghintinn le d' Spiorad naomh; *a ghabhail* mar do leanabh féin le uchdmhacachd, agus *a dheanamh* 'n a *bhall* de d' Eaglais naoimh. Agus gu h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort thu a dheònachadh, mar a tha *e* 'nis air *a dheanamh* 'n *a fhear*-comhpairt de bhàs do Mhic, gu'm bi *e* mar an ceudna 'n *a fhear*-comhpairt d'a aiseirigh: Agus fadheoidh gu'm bi *e* 'n *a oighre* air do rìoghachd mhaireannaich maille ri iarmad do Naomh, tre an ti cheudna do Mhac Iosa Criosd ar Tighearn. *Amen.*

¶ *Agus na cuireadh iad teagamh, nach 'eil an leanabh a tha mar so air a' bhaisteadh gu laghail agus gu diongmhalta air a' bhaisteadh, agus nach bu chòir dha bhi air a' bhaisteadh a rìs. Ach gidheadh, ma mhaireas an leanabh beò an déigh làimh', a tha air a Bhaisteadh mar so, tha e iomchuidh gu'm bi e air a thoirt do'n Eaglais, a chum ma's e Ministeir na Sgìreachd sin féin a Bhaist an leanabh sin, gu'm faigh an Coimhthional fios gu'n robh f'ior riaghailt a' Bhaistidh air a gnàthachadh leis gu h-uaigneach roimhe: Agus anns a' chùis so their e,*

Tha mi 'toirt fios dhuibh, gu'n do bhaist mise an leanabh so a reir orduigh iomchuidh agus suidhichte na h-Eaglais *aig a leithid so de dh'àm* agus *'n a leithid so de dh' àite,* 'an làthair chaochladh fhianuisean.

¶ *ACh ma bhaisteadh an leanabh le Ministeir laghail air bith eile; an sin ceasnaichidh agus feuchaidh Ministeir na Sgìreachd far an d' rugadh no an do bhaisteadh an leanabh, an robh e gu laghail air a bhaisteadh, no nach robh. Anns a' chùis so, ma fhreagras a' mhuinntir a bheir leanabh sam bith do'n Eaglais, gu bheil an leanabh ceudna cheana air a bhaisteadh, an sin ceasnaichidh am Ministeir iad na's fhaide, ag ràdh,*

CO bhaist an leanabh so?
Cò bha 'làthair an uair a bhaisteadh an leanabh so?
Do bhrìgh gu'm feud nithean airidh nach gabh seachnadh anns an t-sàcramaid so a bhi air an dearmad tre eagal no cabhag, 'n an leithidibh sin de dh' éiginibh; air an aobhar sin tha mi 'feòraich na's fhaide dhibh,
Ciod an ni leis an do bhaisteadh an leanabh so?
Ciod na briathran leis an do bhaisteadh an leanabh so?

¶ *Agus ma thuigeas am Ministeir le freagairtibh na muinntir a bheir an leanabh leo, gu'n robh na h-uile nithe air an deanamh mar bu chòir dhoibh a bhi; an sin cha bhaist e an leanabh a rìs, ach gabhaidh se e mar aon de threud an fhìor shluaigh Chriosdail, ag ràdh mar so,*

THa mi 'toirt fios dhuibh, gu bheil anns a' chùis so na h-uile nithe deanta gu maith, agus a réir deadh orduigh, a thaobh baistidh an leinibh so; air *dha* 'bhi air *a bhreith* 'am peacadh-gin, agus ann an corruich Dhé, gu bheil e a nis le ionnlad na h-Ath-ghineamhuinn 's a Bhaisteadh, air a ghabhail a steach do dh'àireamh cloinne Dhé, agus do dh'àireamh oighreachan na beatha maireannaich: Oir cha diùlt ar Tighearn Iosa Criosd a ghràs agus a thròcair do naoidheanaibh mar so, ach tha e gu ro ghràdhach 'g an gairm d' a ionnsuidh, mar a tha an Soisgeul naomh a' deanamh fianuis g' ar comhfhurtachd air an dòigh so.

N. Marcus x. 13.

THug iad leanaba dh' ionnsuidh Chriosd, chum gu'm beanadh e riu; agus chronuich a dheisciobuil a' mhuinntir a thug leo iad. Ach an uair a chunnaic Iosa sin, bha e ro dhiombach, agus thubhairt e riu, Leigibh do na leanabaibh teachd a' m' ionnsuidh, agus na bacaibh iad; oir is ann d'an leithidibh a tha rìoghachd Dhé. Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, Ge b'e neach nach gabh rìoghachd Dhé mar leanabh beag, nach téid e gu bràth a steach innte. Agus ghlac e 'n a uchd iad, agus chuir e a làmhan orra, agus bheannaich e iad.

¶ *An déigh leughadh an t-Soisgeil, bheir am Ministeir seachad an earail ghoirid so air briathraibh an t-Soisgeil.*

A Mhuinntir ionmhuinn, tha sibh a' cluinntinn anns an t-Soisgeul so briathran ar Slànuidhir Criosd, gu'n d'àithn e a' chlann a thoirt d'a ionnsuidh; cia mar a chronuich e iadsan leis am b'àill an cumail uaith; cia mar a tha e 'brosnachadh nan uile dhaoine an neòchiontachd-san a leantuinn. Tha sibh a' faicinn cionnus le 'ghiùlan agus le 'ghnìomh o'n leth-muigh a nochd e a dheadh-ghean d'an taobh; oir ghlac e iad 'n a ghàirdeinibh, leag e a làmhan orra, agus bheannaich e iad. Na cuiribh-se teagamh air an aobhar sin, ach creidibh gu dùrachdach, gu'n do ghabh e mar an ceudna gu fàbharach an naoidhean so a tha 'làthair, gu'n do ghlac *se e* le gàirdeinibh a thròcair, agus (mar a gheall e 'n a fhocal naomh) gu'n toir e *dha* beannachadh na beatha shìorruidh, agus gu'n dean *se e* 'n a *fhear*-comhpairt air a rìoghachd mhaireannaich. Air an aobhar sin air dhuinn 'bhi mar so làn-dearbhta a deadh-ghean ar n-Athar nèamhaidh a thaobh an naoidhein so, a nochd e le 'Mhac Iosa Criosd, thugamaid gu creideach agus gu cràbhach buidheachas dha, agus abramaid an Urnuigh a theagaisg an Tighearn féin dhuinn.

AR n-Athair a tha air nèamh; Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'cionntachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn; Ach saor sinn o olc. Amen.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, Athair nèamhaidh, tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit, gu'n do dheònaich thu ar gairm gu eòlas do ghràis agus gu creidimh annad: Meudaich an t-eòlas so, agus daingnich an creidimh so annainn gu sìorruidh tuilleadh. Thoir do Spiorad naomh do'n naoidhean so, a chum air *dha* bhi air a *bhreith* a rìs; agus air a *dheanamh* 'n *a oighre* air sàbhaladh sìorruidh, trìd ar Tighearna Iosa Criosd, gu'm mair *e* 'n a *sheirbhiseach* dhuit, agus gu'n ruig *e* air do ghealladh, tre an ti cheudna ar Tighearn Iosa Criosd do Mhac, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *An sin feòraichidh an Sagart Ainm an leinibh, agus air dha 'bhi air 'ainmeachadh leis na h-Oideachaibh agus leis na Muimeachaibh-baistidh, their am Ministeir,*

AM bheil thusa ann an ainm an leinibh so a' cur cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibribh, ri greadhnachas agus glòir dhìomhain an t-saoghail so, maille ri uile 'thograibh sanntach, agus ana-miannaibh na feòla, air chor 's nach lean thu iad agus nach bi thu air do theòrachadh leo?

Freagairt.

Tha mi 'cur cùl riu uile.

Ministeir.

AM bheil thu 'creidsinn ann an Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, cruith-fhear nèimh agus talmhainn? Agus ann an Iosa Criosd 'aon-ghin Mhic-san ar Tighearn? Agus gu'n do ghabhadh e leis an Spiorad naomh; gu'n d' rugadh e leis an Oigh Muire; gu'n d' fhuiling e fo Phontius Pilat, gu'n do cheusadh e, gu'n d' fhuair e bàs, agus gun d' adhlaiceadh e; gu'n deachaidh e sìos do dh' ifrinn, agus mar an ceudna gu'n d' éirich e a rìs air an treas là; gu'n deachaidh e suas gu nèamh, agus gu bheil e 'n a shuidhe air deas làimh Dhé an t-Athair Uile-chumhachdach; agus gu'n tig e as an sin a rìs aig deireadh an t-saoghail a thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh?

Agus am bheil thu 'creidsinn anns an Spiorad naomh; 's an Eaglais naoimh Choitchionn, 'an Comhchomunn nan naomh; 'am maitheanais pheacaidhean; 'an aiseirigh na feòla; agus 's a bheatha mhaireannaich an déigh a' bhàis?

Freagairt.

Tha mi 'creidsinn so uile gu daingean.

Ministeir.

AN gleidh thu ma ta gu h-ùmhal toil agus àitheantan naomha Dhé, agus an gluais thu annta uile làithean do bheatha?

Freagairt.

Ni mi sin.

¶ *An sin their an Sagart,*

THa sinn a' gabhail an leinibh so a stigh de chomhthional treuda Chriosd, agus 'g a †*chomharachadh* le comharadh a' chroinn-cheusaidh, mar dhearbhadh nach bi nàire *air* an déigh so creidimh Chriosd air a cheusadh aideachadh, agus cogadh gu duineil fo 'bhrataich an aghaidh peacaidh, an t-saoghail, agus an diabhuil; agus mairsinn 'n a *shaighdear* agus 'n a *sheirbhiseach* dìleas do Chriosd gu crìch a *bheatha*. *Amen.*

† *Ni an Sagart crois air clàr cudainn an leinibh.*

¶ *An sin their an Sagart,*

A Bhràithrean ro ionmhuinn, air do'n leanabh so a bhi le Baisteadh air *'ath-ghintinn*, agus air a *shuidheachadh* ann an corp Eaglais Chriosd, thugamaid buidheachas do Dhia Uile-chumdachdach air son nan sochairean so, agus le aon rùn deanamaid ar n-urnuighean ris, gu'n caith *e* a' chuid eile d'a *bheatha* a réir an toisich so.

¶ *An sin their an Sagart,*

A Thair ro thròcairich, tha sinn a' toirt buidheachais o'r n-uile chridhe dhuit, gu'n do dheònaich thu an naoidhean so ath-ghintinn le d' Spiorad naomh, *a ghabhail* mar do leanabh féin le uchdmhacachd, agus *a dheanamh* 'n a *bhall* de d' Eaglais naoimh. Agus gu h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort thu a dheònachadh, air *dha* 'bhi marbh do pheacadh, agus beò do dh' fhìreantachd, agus a bhi air *'adhlacadh* maille ri Criosd 'n a bhàs, gu'n ceus *e* an seann duine agus gu'n sgrios *e* gu tur corp a' pheacaidh uile, agus mar a tha *e* air a *dheanamh* 'n a *fhear*-comhpairt de bhàs do Mhic, gu'm bi *e* 'n a *fhear*-comhpairt d'a aiseirigh; air chor 's faodheoidh gu'm bi *e* 'n a *oighre* air do rìoghachd mhaireannaich, maille ri iarmad d' Eaglais naoimhe, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin air dhoibh 'bhi uile 'n an seasamh, labhraidh am Ministeir ris na h-Oideachaibh agus ris na Muimeachaibh-baistidh an earail so.*

DO bhrìgh gu 'n do gheall an leanabh so leibhse a tha 'n 'ur n-urrais *air*, gu'n cuireadh *e* cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibribh, gu'n creideadh *e* ann an Dia, agus gu'n deanadh *e* seirbhis dha; feumaidh sibh a chuimhneachadh gur e 'ur gnothach agus 'ur dleasnas fhaicinn gu'm bi an

naoidhean so air a *theagasg*, cho luath 's a bhitheas *e* comasach air fhòghlum, ciod a' bhòid, an gealladh agus an aidmheil shòlaimte a rinn *e* leibhse. Agus a chum gu'm bi fios *aige* air na nithibh so na's fearr, earalaichidh sibh *e* gu'n éisd *e* ri Searmonaibh, agus gu h-àraid bheir sibh aire gu'n ionnsaich *e* a' Chreud, Urnuigh an Tighearna, agus na deich Aitheantan anns a' chainnt chumanta, agus na h-uile nithean eile 'bu chòir do Chriosdaidh eòlas a bhi aige orra agus a chreidsinn gu slàinte 'anama; agus gu'm bi an leanabh so gu deadh-bheusail air a *thogail* a suas ann an caithe-beatha dhiadhaidh agus Chriosdail; a' cuimhneachadh daonnan, gu'm bheil Baisteadh a' nochdadh dhuinn ar n-aidmheil, 's e sin gu'n lean sinn eisempleir ar Slànuidhir Criosd, agus gu'm bi sinn air ar deanamh cosmhuil ris-san; a chum a's mar a bhàsaich esan agus a dh' éirich e a rìs air ar son-ne; mar so gu'm bu chòir dhuinne a tha air ar baisteadh, bàsachadh o pheacadh, agus éirigh a rìs gu fìreantachd, do ghnàth a' claoidh ar n-uile mhiannan olc' agus thruaillidh, agus gach là a' dol air ar n-aghaidh anns gach uile dheadh-bheus agus ann an diadhachd caithe-beatha.

¶ *ACh ma bheir iadsan a thug an naoidhean do'n Eaglais a leithid de fhreagairtibh neo-chinnteach do cheisdibh an t-Sagairt, a's nach 'eil dearbhadh gu'n deachaidh an leanabh a bhaisteadh le uisge, Ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh (nithe nach gabh seachnadh anns a' Bhaisteadh) an sin baisteadh an Sagart e anns an riaghailt a dh' orduicheadh roimhe air son Baistidh Fholluisich naoidheanan; ach aig tumadh an leinibh anns an Tobar-bhaistidh, gnàthaichidh e an riaghailt-bhriathran so.*

MUr 'eil thu cheana air do bhaisteadh, N. tha mi 'g ad bhaisteadh Ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

FRITHEALADH

BAISTIDH MUINNTIR A THAINIG GU AOIS, AGUS A THA COMASACH FREAGAIRT AIR AN SON FEIN.

¶ *AN uair a bhitheas pearsannan a thàinig gu aois ri 'bhi air am baisteadh, bheirear fios ann an deadh*

àm do'n Easbuig, no dhàsan a dh' orduicheas e a chum na crìche sin, seachduin roimh an àm air a' chuid a's lugha, leis na Pàrantaibh, no pearsannaibh ciallach eile, chum gu'n gabhtar curam iomchuidh air son an ceasnachaidh, a dh' fheuchainn am bheil iad fòghluimte gu leòir ann an ceud-thoiseachaibh a' Chreidimh Chriosdail; agus a chum gu'm bi iad air am brosnachadh gu iad féin ullachadh le urnuighibh agus trasgadh gu gabhail na Sàcramaid naoimhe so.

¶ *Agus ma gheibhear iad iomchuidh, an sin bithidh na h-Oideachan agus na Muimeachan-baistidh (air do'n t-sluagh a bhi cruinn 'an ceann a chéile air an Dòmhnach no air an Là-naomh orduichte) ullamh gu 'n toirt a' làthair aig an Tobar-bhaistidh dìreach an déigh an dara Leasain, an dara cuid aig Urnuigh Mhaidne no aig Urnuigh Fheasgair, mar a chi am Buachaille spioradail iomchuidh.*

¶ *Agus air dhoibh 'bhi 'n an seasamh an sin, feòraichidh an Sagart am bheil aon air bith de na pearsannaibh a tha 'làthair an so air a' bhaisteadh no nach 'eil: Ma fhreagras iad,* Cha-n 'eil; *an sin their an Sagart mar so,*

A Mhuinntir ro ionmhuinn; Do bhrìgh gu bheil na h-uile dhaoine air an gintinn agus air am breith ann am peacadh, (agus an ni sin a tha air a bhreith o'n fheòil gur feòil e,) agus nach urrainn iadsan a tha anns an fheòil Dia a thoileachadh, ach gu bheil iad a' caitheamh am beatha ann am peacadh, a' cur 'an gnìomh iomadh cionta; agus gu bheil ar Slànuidhear Criosd ag ràdh, Nach urrainn neach ar bith dol a stigh de rìoghachd Dhé, mur bi e air 'ath-ghintinn agus air a nuadh-bhreith le uisge agus leis an Spiorad naomh; Tha mi 'guidhe oirbh sibh a ghairm air Dia an t-Athair, trìd ar Tighearna Iosa Criosd, gu'm builicheadh e o 'mhòr mhaitheas do *na pearsannaibh* so an ni sin nach urrainn a bhi *aca* a thaobh naduir, gu'm bi *iad* air *am baisteadh* le uisge agus leis an Spiorad naomh, agus air *an gabhail* a stigh de dh' Eaglais naoimh Chriosd, agus air *an deanamh* 'n *am* buill beòthail dhi.

¶ *An sin their an Sagart,*

Deanamaid urnuigh.

(¶ Agus an so théid an Coimhthional uile air an glùinibh.)

A Dhé Uile chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, a shàbhail le d' mhòr thròcair Noah agus a theaghlach 's an àirc o sgrios le uisge, agus mar an ceudna a threòraich do shluagh clann Israeil gu tèaruinnte tre 'n fhairge ruaidh, mar shamhladh air do bhaisteadh naomh; agus le baisteadh do Mhic ro ionmhuinn Iosa Criosd ann an amhainn Iordain a naomhaich dùil an uisge gu peacadh a thoirt air falbh le ionnlad dìomhair; Tha sinn a' guidhe ort o d' thròcairibh neo-chrìochnach, gu'n amhairc thu gu tròcaireach *orra* so do *sheirbhisich*; gu'n glan, agus gu'n naomhaich thu *iad* leis an Spiorad naomh, a chum air *dhoibh* 'bhi air *an saoradh* o d' chorruich gu'm bi *iad* air *an gabhail* a steach ann an àirc Eaglais Chriosd; agus air *dhoibh* 'bhi daingean ann an creidimh, aoibhneach tre dhòchas, agus freumhaichte ann an gràdh, gu'n siùbhail *iad* troimh thonnaibh an t-saoghail bhuaireasaich so, chum fadheoidh gu'n tig *iad* gu tìr na beatha maireannaich, an sin gu riaghladh maille riutsa saoghal gun chrìoch, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus neo-bhàsmhoir, còmhnadh nan uile a tha uireasbhuidheach, fear-cuideachadh nan uile a theicheas a' d' ionnsuidh air son cabhair, beatha na muinntir a tha 'creidsinn, agus aiseirigh nam marbh; Tha sinn a' gairm ort air son *nam pearsannan* so, chum air *dhoibh* 'teachd a dh' ionnsuidh do bhaistidh naoimh, gu'm faigh *iad* maitheanas 'n *am peacaidhibh* le ath-ghintinn spioradail. Gabh *iad*, O 'Thighearna, mar a gheall thu le d' Mhac ro ionmhuinn, ag radh, Iarraibh, agus bheirear dhuibh; siribh, agus gheibh sibh; buailibh an dorus, agus fosgailear dhuibh: Mar so thoir dhuinne a nis a tha 'g iarraidh; deònaich gu'm faigh sinne a tha 'sireadh; fosgail an geata dhuinne a tha 'bualadh; a chum gu'm meal *na pearsanna* so beannachadh sìorruidh d' ionnlaid nèamhaidh, agus gu'n tig *iad* a dh'ionnsuidh na rìoghachd shìorruidh a gheall thu le Criosd ar Tighearn. *Amen.*

¶ *An sin seasaidh an sluagh a suas, agus their an Sagart,*

Eisdibh briathran an t-Soisgeil sgrìobhta le Naomh Eoin, anns an treas Caibideil, a' tòiseachadh aig a' cheud rann.

N. Eoin iii. 1.

BHa duine de na Phairisich, d'am b'ainm Nicodemus, a bha 'n a uachdaran air na h-Iudhaich. Thàinig esan chum Iosa 's an oidhche, agus thubhairt e ris, A Mhaighstir, tha fhìos againn gur fear-teagaisg thu a thàinig o Dhia: oir cha-n urrainn duine air bith na mìorbhuilean so 'dheanamh a tha thusa a' deanamh, mur bi Dia maille ris. Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh riut, Mur beirear duine a rìs, nach urrainn e rìoghachd Dhé fhaicinn. Thubhairt Nicodemus ris, Cionnus a dh' fheudas duine 'bhi air a bhreith 'n uair tha e aosda? Am bheil e comasach air dol a stigh an dara uair do bhroinn a mhàthar, agus a bhi air a bhreith? Fhreagair Iosa, Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh riut, Mur bi duine air a bhreith o uisge agus o'n Spiorad, cha-n urrainn e dol a steach do rìoghachd Dhé. An ni sin a tha air a bhreith o'n fheòil is feòil e; agus an ni sin a tha air a bhreith o'n Spiorad is spiorad e. Na gabh iongantas gu'n dubhairt mi riut, Is éigin duibh 'bhi air 'ur breith a rìs. Tha a' ghaoth a' séideadh far an àill leatha, agus tha thu a' cluinntinn a fuaim; ach cha-n'eil fhios agad cia as a tha i 'teachd, no c'àit am bheil i 'dol: is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o'n Spiorad.

¶ *An déigh sin labhraidh e an earail so a leanas.*

AMhuinntir ionmhuinn, anns an t-Soisgeul so tha sibh a' cluinntinn bhriathran soilleir ar Slànuidhir Criosd, mur bi duine air a bhreith le uisge agus leis an Spiorad, nach urrainn e dol a steach do rìoghachd Dhé. Leis a' so feudaidh sibh mòr fheum na Sàcramaid so fhaicinn, far am feudar a faighinn. Mar an ceudna dìreach roimh a dhol suas gu nèamh (mar a tha sinn a' leughadh anns a' Chaibideil mu dheireadh de Shoisgeul Naomh Marcus) thug e àithne d'a dheisciobluibh, ag ràdh, Imichibh air feadh an t-saoghail uile, agus searmonaichibh an Soisgeul do gach dùil. Ge b'e 'chreideas agus a bhaistear saorar e; ach ge b'e nach creid dìtear e. Ni mar an ceudna a tha 'nochdadh dhuinn na sochair mhòir' a tha sinn a' faotuinn leis. Air an aobhar sin, an uair a shearmonaich an t-Abstol Naomh Peadar an Soisgeul air tùs, agus a bha mòran air am bioradh 'n an

cridhe, agus a thubhairt iad ris-san agus ris a' chuid eile de na h-Abstolaibh, Fheara agus a bhràithre, ciod a ni sinn? fhreagair esan agus thubhairt e riu, Deanaibh aithreachas agus bithibh air 'ur baisteadh gach aon agaibh chum maitheanais pheacaidhean, agus gheibh sibh tìodhlac an Spioraid naoimh. Oir tha an gealladh dhuibh-se agus do 'ur cloinn, agus do na h-uile a tha fad' o làimh, eadhon a' mheud as a ghairmeas an Tighearn ar Dia. Agus le mòran de bhriathraibh eile dh' earalaich e iad, ag ràdh, Saoraibh sibh féin o'n ghinealach fhiar so. Oir (mar tha an t-Abstol ceudna a' dearbhadh ann an àite eile) tha eadhon am Baisteadh a nis 'g ar tèarnadh, (cha-n e cur dhinn sal na feòla, ach freagradh deadh chòguis thaobh Dhé) tre aiseirigh Iosa Criosd. Na cuiribh teagamh air an aobhar sin, ach creidibh gu dùrachdach gu'n gabh e gu fàbharach ris *na pearsannaibh* so a tha 'làthair, air *dhoibh* 'bhi fìor aithreach, agus a' teachd d'a ionnsuidh le creidimh, gu'n toir e *dhoibh* maitheanas *am peacaidhean*, agus gu'm builich e *orra* an Spiorad naomh; gu'n toir e *dhoibh* beannachadh na beatha shìorruidh, agus gu'n dean e *iad* 'n *an luchd*-còmhpairt air a rìoghachd mhaireannaich. Air an aobhar sin air dhuinn a bhi mar so làndearbhta a deadh-ghean ar n-Athar nèamhaidh a thaobh *nam pearsanna* so, a nochd e le 'Mhac Iosa Criosd; thugamaid gu creideach agus gu cràbhach buidheachas dha agus abramaid,

ADhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, Athair nèamhaidh, tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit, gu'n do dheònaich thu ar gairm gu eòlas do ghràis agus gu creidimh annad; Meudaich an t-eòlas so, agus daingnich an creidimh so annainn gu sìorruidh tuilleadh: Thoir do Spiorad naomh do *na pearsannaibh* so, a chum 's gu'm bi *iad* air *am breith* a rìs agus air *an deanamh* 'n *an oighreachaibh* air sàbhaladh sìorruidh, trìd ar Tighearna Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *An sin labhraidh an Sagart ris* na pearsannaibh *a tha ri bhi air* am baisteadh *air an dòigh so.*

A*Mhuinntir* ro ionmhuinn, a thàinig an so a' miannachadh Baisteadh naomh fhaotainn, chuala *sibh*

mar a rinn an coimhthional urnuigh gu'n deònaicheadh ar Tighearn Iosa Criosd *'ur gabhail* agus *'ur beannachadh, 'ur fuasgladh* o *'ur peacaidhibh*, rìoghachd nèimh agus a' bheatha shìorruidh a thoirt *dhuibh*. Chuala *sibh* cuideachd gu'n do gheall ar Tighearn Iosa Criosd 'n a fhocal naomh na nithe so uile a bhuileachadh *oirbh* a dh'iarr sinn: an gealladh so air a thaobh-san gu ro chinnteach gleidhidh agus coimhlionaidh se e.

Air an aobhar sin an déigh a' gheallaidh so a rinn Criosd, feumaidh *sibhse* mar an ceudna gu creideach air *'ur taobh* féin a ghealltuinn ann an làthair na muinntir so *'ur fianuisean*, agus a' choimhthionail so uile, gu'n cuir *sibh* cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibribh, agus do ghnàth gu'n creid *sibh* focal naomh Dhé, agus gu h-ùmhal gu'n gleidh *sibh* 'àitheantan.

¶ *An sin feòraichidh an Sagart de gach aon fa leth de na pearsannaibh a tha ri 'bhi air am baisteadh na ceisdean so a leanas.*

Ceisd.

AM bheil thu 'cur cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibribh, ri greadhnachas agus glòir dhìomhain an t-saoghail, maille ri uile 'thograibh sanntach, agus anamiannaibh na feòla, air chor 's nach lean thu iad, agus nach bi thu air do threòrachadh leo?

Freagairt.

Tha mi 'cur cùl riu uile.

Ceisd.

AM bheil thu 'creidsinn ann an Dia an t-Athair Uilechumhachdach, cruithfhear nèimh agus talmhainn?

Agus ann an Iosa Criosd 'aon-ghin Mhic-san ar Tighearn? Agus gu'n do ghabhadh e leis an Spiorad naomh; gu'n d'rugadh e leis an Oigh Muire; gu'n d' fhuiling e fo Phontius Pilat, gu'n do cheusadh e, gu'n d' fhuair e bàs, agus gu'n d' adhlaiceadh e; gu'n deachaidh e sìos do dh' ifrinn, agus mar an ceudna gu'n d' éirich e a rìs air an treas là; gu'n deachaidh e suas gu nèamh, agus gu bheil e 'n a shuidhe air deas làimh Dhé an t-Athair Uilechumhachdach; agus gu'n tig e as an sin a ris aig

deireadh an t-saoghail a thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh?

Agus am bheil thu 'creidsinn anns an Spiorad naomh; 's an Eaglais naoimh Choitchionn, 'an Comhchomunn nan naomh; 'am maitheanas pheacaidhean; 'an aiseirigh na feòla; agus 'sa bheatha mhaireannaich an déigh a' bhàis?

Freagairt.

Tha mi 'creidsinn so uile gu daingean.

Ceisd.

AN àill leat a bhi air do bhaisteadh anns a' chreidimh so?

Freagairt.

Is e sin mo mhiann.

Ceisd.

AN gleidh thu ma ta gu h-ùmhal toil agus àitheantan naomha Dhé, agus an gluais thu annta uile làitheau do bheatha?

Freagairt.

Bheir mi oidhearp air a' sin a dheanamh, air do Dhia 'bhi 'n a fhear-còmhnaidh agam.

¶ *An sin their an Sagart,*

O 'Dhé thròcairich, deònaich gu'm bi an seann Adhamh anns *na pearsannaibh* so air 'adhlacadh, air chor 's gu'm bi an duine nuadh air a thogail suas *annta*. *Amen.*

Deònaich gu'm bàsaich na h-uile aignean fheòlmhor *annta*, agus gu'm mair na h-uile nithean a bhuineas do'n Spiorad beò, agus gu'm fàs iad *annta*. *Amen.*

Deònaich gu'm faigh *iad* cumhachd agus neart gu buaidh, agus làmh 'n uachdar fhaotainn air an diabhul, air an t-saoghal, agus air an fheòil. *Amen.*

Deònaich air *dhoibh* a bhi an so air *an toirt* a suas dhuit le 'r dreuchd agus le 'r frithealadh-ne, gu'm bi *iad* cuideachd air *an* sgeadachadh le deadh-bheusaibh nèamhaidh, agus gu'm faigh *iad* duais shìor-mhaireannach tre do thròcair-sa, O 'Thighearna Dhé bheannaichte, a tha beò agus a' riaghladh nan uile nithe, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, b'e do Mhac ro ionmhuinn Iosa Criosd a dhoirt a mach as a thaobh ro phrìseil araon uisge agus fuil air son maitheanais ar peacaidhean, agus a thug àithne d' a dheisciobluibh, gu'n rachadh iad a theagasg nan uile chinneach, agus gu'm baisteadh siad iad ann an Ainm an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid naoimh; Tha sinn a' guidhe ort, thu dh' éisdeachd ri athchuingibh a' choimhthionail so; naomhaich an t-uisge so gu peacadh a thoirt air falbh le ionnlad dìomhair: agus deònaich gu'm faigh *na pearsannan* a tha a nis ri 'bhi air *am baisteadh* ann, iomlanachd do ghràis, agus gu mair *iad* gu sìorruidh ann an àireamh do chloinne chreidich agus thaghta, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin glacaidh an Sagart làmh dheas gach aon a tha ri 'bhi air a bhaisteadh, agus air dha a chur 'an àite goireasach do 'n Tobar-baistidh, mar a chi e iomchuidh, feòraichidh e de na h-Oideachaibh agus de na Muimeachaibh-baistidh an t-Ainm; agus an sin tumaidh se e anns an uisge, no doirtidh e uisge air, ag ràdh,*

N. Tha mi 'g ad bhaisteadh Ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

¶ *An sin their an Sagart,*

THa sinn a' gabhail a' phearsa so a stigh de choimhthional treuda Chriosd, agus 'g a † *chomharachadh* le comharadh a' chroinn-cheusaidh, mar dhearbhadh nach bi nàire *air* an déigh so creidimh Chriosd air a cheusadh aideachadh, agus cogadh gu duineil fo 'bhrataich an aghaidh peacaidh, an t-saoghail, agus an diabhuil; agus mairsinn 'n a *shaighdear* agus 'n a *sheirbhiseach* dìleas do Chriosd gu crìch a *bheatha.* Amen.

† *An so ni an Sagart crois air clàr eudainn a' Phearsa.*

¶ *An sin their an Sagart,*

A Bhràithrean ro ionmhuinn, air do *na pearsannaibh* so a bhi air *an* ath-ghintinn agus air *an suidheachadh* ann an corp Eaglais Chriosd, thugamaid buidheachas do Dhia Uile-chumhachdach air son nan sochairean so, agus le aon rùn deanamaid ar n-urnuighean ris, gu'n caith *iad* a' chuid eile d' *am beatha* a réir an toisich so.

¶ *An sin theirear Urnuigh an Tighearna, air dhoibh 'bhi uile air an glùinibh.*

AR n-Athair a tha air nèamh; Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn; Ach saor sinn o olc. Amen.

O Athair nèamhaidh, tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit, gu'n do dheònaich thu ar gairm gu eòlas do ghràis agus gu creidimh annad; Meudaich an t-eòlas so, agus daingnich an creidimh so annainn gu sìorruidh tuilleadh. Thoir do Spiorad naomh do *na pearsannaibh* so, a chum air *dhoibh* a nis a bhi air *am breith* a rìs, agus air *an deanamh* 'n *an oighreachaibh* air sàbhaladh sìorruidh trìd ar Tighearna Iosa Criosd, gu'm mair *iad* 'n *an seirbhisich* dhuit, agus gu'n ruig *iad* air do gheallaidhibh, trìd an ti cheudna ar Tighearn' Iosa Criosd do Mhac, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa ann an aonachd an Spioraid naoimh cheudna gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *An sin air dhoibh a bhi uile 'n an seasamh, gnàthaichidh an Sagart an earail so a leanas; a' labhairt ris na h-Oideachaibh agus ris na Muimeachaibh-baistidh an toiseach.*

DO bhrìgh gu'n do gheall *na pearsanna* so 'n 'ur làthair gu'n cuireadh *iad* cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibribh, gu'n creideadh *iad* ann an Dia, agus gu'n deanadh *iad* seirbhis dha; feumaidh sibh a chuimhneachadh gur e 'ur gnothach agus 'ur dleasnas a chur 'n an cuimhne ciod a' bhòid, an gealladh agus an aidmheil shòlaimte a rinn *iad* a nis 'an làthair a' choimhthionail so, agus gu h-àraid 'n 'ur làthair-se *am fianuisean* roghnaichte. Agus feumaidh sibh mar an ceudna earalachadh *orra* gu'n gnàthaich *iad* gach uile dhùrachd gu 'bhi air *an teagasg* gu ceart ann am focal naomh Dhé, chum mar so gu'm fàs *iad* ann an gràs, agus ann an eòlas ar Tighearna Iosa Criosd, agus gu'n caith *iad* am beatha gu diadhaidh, gu h-ionraic agus gu measarra 's an t-saoghal so a tha làthair.

(¶ *Agus an sin, a' labhairt ris an pearsannaibh a tha air an ùr-bhaisteadh, théid e air aghaidh, agus their e,)*

AGus air 'ur son-se, a chuir umaibh Criosd a nis le Baisteadh, is e 'ur gnothach-se agus 'ur dleasnas-se mar an ceudna, air dhuibh a bhi air 'ur deanamh 'n 'ur cloinn de Dhia, agus de 'n t-solus le creidimh ann an Iosa Criosd, gluasad a réir 'ur gairm Chriosdail, agus mar is cubhaidh do chloinn an t-soluis; a' cuimhneachadh daonnan gu'm bheil am Baisteadh a' nochdadh dhuinn ar n-aidmheil; 's e sin gu'n lean sinn eisempleir ar Slànuidhir Criosd, agus gu'm bi sinn air ar deanamh cosmhuil ris-san; a chum a's mar a bhàsaich esan, agus a dh'éirich e a rìs air ar son-ne; mar so gu'm bu chòir dhuinne a tha air ar baisteadh, bàsachadh o pheacadh, agus éirigh a rìs gu fìreantachd, do ghnàth a' claoidh ar n-uile mhiannan olc' agus thruaillidh, agus gach là a' dol air ar n-aghaidh anns gach uile dheadh-bheus agus ann an diadhachd caithebeatha.

¶ *Tha e iomchuidh gu'm bi gach pearsa a tha mar so air a bhaisteadh air a chomh-dhaingneachadh leis an Easbuig cho luath an déigh a Bhaistidh a's a bhitheas cothrom air; a chum a's gu'm bi e air a ghabhail a dh' ionnsuidh a' Chomanachaidh naoimh.*

¶ *Ma bheirear pearsanna sam bith nach do bhaisteadh 'n an naoidheanachd gu bhi air am baisteadh mu'n tig iad gu aois gu'm bi eòlas aca freagairt air an son féin; is leòir an Riaghailt air son Baistidh Fhollaisich naoidheanan a ghnàthachadh, no (ma bhitheas mòr chunnart ann) an Riaghailt air son Baistidh Uaignich, a mhàin a' mùthadh an fhocail* [Naoidhean] *air son* [Leanabh *no* Pearsa] *a réir 's mar a fhreagras.*

LEABHAR NAN CEISDEAN,

's e sin ri ràdh,

Teagasg a tha ri 'bhi air 'fhòghlum leis gach pearsa, mu'n toirear e gu 'bhi air a chomh-dhaingneachadh leis an Easbuig.

Ceisd.

C' Ainm 'tha ort?

Freagairt.

N. no M.

Ceisd.

Cò thug an t-ainm sin dhuit?

Freagairt.

M' Oideachan agus mo Mhuimeachan ann am Bhaisteadh, anns an robh mi air mo dheanamh a'm' bhall de Chriosd, a'm' leanabh de Dhia, agus a'm' oighre air Rìoghachd nèimh.

Ceisd.

Ciod a rinn d' Oideachan agus do Mhuimeachan-baistidh an sin air do shon?

Freagairt.

Gheall agus bhòidich iad tri nithean ann am ainm. An toiseach, gu'n cuirinn cùl ris an diabhul agus ri uile 'oibre, ri greadhnachas agus ri dìomhanas an t-saoghail aingidh so, agus ri uile anamiannaibh peacach na feòla. 'S an dara àite, gu'n creidinn uile phonca a' chreidimh Chriosdail. Agus 's an treas àite, gu'n gleidhinn toil agus àitheanta naomha Dhè, agus gu'n gluaisinn annta fad uile làithean mo bheatha.

Ceisd.

Nach 'eil thu 'smuainteachadh gu bheil mar fhiachaibh ort a chreidsinn, agus a dheanamh, mar a gheall iadsan air do shon?

Freagairt.

Tha gu deimhin; agus le còmhnadh Dhé ni mi sin. Agus tha mi 'toirt buidheachais o m' chridhe d' ar n-Athair nèamhaidh, gu'n do ghairm e mi dh' ionnsuidh staid an t-sàbhalaidh so, trìd Iosa Criosd ar Slànuidhir. Agus tha mi 'guidhe air Dia a ghràs a thoirt dhomh, chum 's gu fanainn 's a' staid sin gu crìch mo bheatha.

Fear-ceasnachaidh.

Aithris Poncan do chreidimh.

Freagairt.

THa mi 'creidsinn ann an Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, Cruithfhear nèimh agus talmhainn:

Agus ann an Iosa Criosd 'aon Mhac-san ar Tighearn, A ghabhabh leis an Spiorad naomh, A rugadh leis an Oigh Muire, A dh' fhuiling fo Phontius Pilat, A cheusadh, a fhuair bàs agus a dh' adhlaiceadh, Chaidh e sìos do dh' ifrinn,* Air an treas là dh' éirich e rìs o na mairbh, Chaidh e suas gu nèamh, Agus tha e 'n a shuidhe air deas làimh Dhé an t-Athair Uile-chumhachdach: As an sin thig e thoirt breth air na beòthaibh agus air na mairbh.

Tha mi 'creidsinn anns an Spiorad naomh, 'S an Eaglais naomh Choitchionn,† 'An Comh-chomunn nan Naomh, 'Am maitheanas pheacaidhean, 'An aiseirigh a' chuirp, Agus 's a' bheatha shìorruidh. Amen.

Ceisd.

Ciod tha thu 'fòghlum gu sònraichte ann am Poncaibh so do creidimh?

Freagairt.

An toiseach, tha mi 'fòghlum creidsinn ann an Dia an t-Athair, a chruthaich mise, agus an saoghal uile.

'S an dara àite, ann an Dia am Mac, a shaor mise agus an cinne-daoine uile.

'S an treas àite, ann an Dia an Spiorad naomh, a naomhaich mise, agus uile shluagh taghta Dhé.

Ceisd.

Thubhairt thu gu'n do gheall d' Oideachan agus do Mhuimeachan-baistidh air do shon, gu'n gleidheadh tu àitheantan Dhé. Innis dhomh cia lion àithne a tha ann?

Freagairt.

Deich àitheantan.

Ceisd.

Co iad sin?

Freagairt.

NA h-àitheanta sin a labhair Dia 's an fhicheadamh Caibideil de dh' Ecsodus, ag ràdh, Is mise an Tighearn do Dhia, a thug a mach thu á tìr na h-Eiphit, á tigh na daorsa.

I. Na bitheadh Dée sam bith eile agad, a'm' làthair-sa.

II. Na dean dhuit féin dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh' aon ni a tha 's na nèamhan shuas, no air an

* Staid spiorad nam marbh. † *Air neo* Chatholach.

talamh shìos, no 's na h-uisgeachaibh fo 'n talamh. Na crom thu féin sìos doibh, agus na dean seirbhis doibh. Oir mise an Tighearn do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn air an treas agus air a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh' fhuathaicheas mi, agus a' nochdadh tròcair do mhìltibh dhiubhsan a ghràdhaicheas mi, agus a choimhideas m' àitheantan.

III. Na tabhair Ainm an Tighearna do Dhé 'an dìomhanas: oir cha mheas an Tighearn neòchiontach esan a bheir 'Ainm 'an dìomhanas.

IV. Cuimhnich là na Sàbaid a naomhachadh. Sè làithean saothraichidh tu, agus ni thu d' obair uile; ach air an t-seachdamh là tha Sàbaid an Tighearna do Dhé. Air an là sin na dean obair sam bith, thu féin, no do mhac, no do nighean, d' òglach no do bhanoglach, no d' ainmhidh no do choigreach a tha 'n taobh a stigh de d' gheataibh. Oir ann an sè làithibh rinn an Tighearn na nèamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a tha annta, agus ghabh e fois air an t-seachdamh là; air an aobhar sin bheannaich an Tighearn là na sabaid, agus naomhaich se e.

V. Tabhair onoir do d' athair agus do d' mhàthair, a chum gu'm bi do làithean buan air an fhearann a tha 'n Tighearn do Dhia a' toirt dhuit.

VI. Na dean mortadh.

VII. Na dean adhaltranas.

VIII. Na dean gadachd.

IX. Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich.

X. Na sanntaich tigh do choimhearsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach, no 'bhanoglach, no 'dhamh, no 'asal, no aon ni a 's le do choimhearsnach.

Ceisd.

Ciod tha thu 'fòghlum gu sònraichte leis na h-àitheantaibh sin?

Freagairt.

Tha mi 'fòghlum dà ni: mo dhleasnas do Dhia, agus mo dhleasnas do m' choimhearsnach.

Ceisd.

Ciod e do dhleasnas do Dhia?

Freagairt.

'S e mo dhleasnas do Dhia, creidsinn ann, 'eagal-san a bhi orm, agus a ghràdhachadh le m' uile chridhe, le m' uile inntinn, le m' uile anam, agus le m' uile neart; aoradh a dheanamh dha, buidheachas a thoirt dha, m earbsa gu h-iomlan a chur ann, gairm air, onoir a thoirt d' a Ainm naomh agus d' a Fhocal; agus seirbhis a dheanamh dha gu fìrinneach fad uile làithean mo bheatha.

Ceisd.

Ciod e do dhleasnas do d' choimhearsnach?

Freagairt.

'S e mo dhleasnas do m' choimhearsnach, a ghràdhachadh mar mi féin, agus a dheanamh do na h-uile dhaoinibh, mar bu mhaith leam iadsan a dheanamh dhomhsa. Gràdh, onoir agus còmhnadh a thoirt do m' athair agus do m' mhàthair. Urram agus ùmhlachd a thoirt do 'n Bhan-righinn agus do gach neach a tha ann an ùghdarras fuidhpe. Mi féin a strìochdadh do m' uile riaghladairibh, mo luchd-teagaisg, mo bhuachaillibh spioradail agus mo mhaighstiribh. Mi féin a ghiùlan gu h-iriosal agus gu modhail do gach neach is fhearr na mi féin. Gun dochair a dheanamh do neach air bith le focal, no gnìomh. A bhi fìrinneach agus ceart ann am uile ghnothaichibh. Gun mhì-run no fuath 'bhi ann am chridhe. Mo làmhan a chumail bho spioladh agus bho ghadachd, agus mo theanga bho dhrochcainnt, bho bhreugaibh agus sgainneal. Mo chorp a chumail 'am measarrachd, 'an stuaim, agus 'an geamnuidheachd. Gun 'bhi 'sanntachadh no 'miannachadh maoine dhaoine eile; ach a fòghlum agus a saoithreachadh gu fìrinneach chum gu'm faighinn mo bheò-shlàinte, agus gu'n deanainn mo dhleasnas ann an staid na beatha sin, anns an deònaich Dia mo ghairm.

Fear-ceasnachaidh.

Mo leanabh maith, bitheadh fios agad air a so, nach urrainn thu na nithe so 'dheanamh uait féin, no imeachd ann an àitheantaibh Dhé, agus seirbhis a dheanamh dha gun a ghràs sònraichte, ni a dh' fheumas tu ionnsachadh anns gach àm iarraidh le urnuigh dhùrachdaich. Uime sin leig dhomh a chluinntinn an urrainn thu urnuigh an Tighearna a ràdh.

Freagairt.

AR n-Athair a tha air nèamh; Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn: Ach saor sinn o olc. Amen.

Ceisd.

Ciod tha thu 'g iarraidh air Dia 's an urnuigh so?

Freagairt.

Tha mi 'g iarraidh air mo Thighearna Dia ar n-Athair nèamhaidh, tabhairtair gach uile mhaitheis, a ghràs a chur d' am ionnsuidh-sa, agus a dh' ionnsuidh nan uile dhaoine, a chum gu'n toir sinn aoradh, seirbhis, agus ùmhlachd dha mar bu chòir dhuinn. Agus tha mi 'guidhe air Dia, gu'n cuir e d' ar n-ionnsuidh gach ni a tha feumail araon air son ar n-anaman agus ar cuirp; agus gu'm bi e tròcaireach dhuinn, agus gu'm maith e ar peacaidhean; agus gu'm bu deònach leis ar gleidheadh agus ar dìon anns gach uile chunnart spioradail agus chorporra; agus gu'n cum e sinn bho gach uile pheacadh agus bho aingidheachd agus bho 'r nàmhaid spioradail, agus o bhàs sìorruidh. Agus is e mo dhòchas gu'n dean e so le 'throcair agus le 'mhaitheas, trìd ar Tighearna Iosa Criosd. Agus air an aobhar sin tha mi ag ràdh, Amen. Bitheadh e mar sin.

Ceisd.

CIa lion Sàcramaid a dh' orduich Criosd 'n a Eaglais?

Freagairt.

Dà shàcramaid a mhàin, a tha gu coitchionn feumail a chum sàbhalaidh, is iad sin ri ràdh, am Baisteadh, agus Suipeir an Tighearna.

Ceisd.

Ciod tha thu 'ciallachadh leis an fhocal so *Sàcramaid?*

Freagairt.

Tha mi 'ciallachadh comharadh faicsinneach bho 'n taobh a muigh air gràs spioradail 's an taobh a stigh, air a thoirt dhuinne, air 'orduchadh le Criosd féin, mar

mheadhon leis am faigh sinn an gràs sin, agus mar gheall air ar deanamh cinnteach dheth.

Ceisd.

Cia lion earrann a tha ann an Sàcramaid ?

Freagairt.

Dà earrann : an comharadh faicsinneach o 'n taobh a muigh, agus an gràs spioradail 's an taobh a stigh.

Ceisd.

Ciod e an comharadh faicsinneach bho 'n taobh a muigh no riaghailt a' Bhaistidh ?

Freagairt.

Uisge : anns am bheil an neach air a bhaisteadh *Ann an Ainm an Athar, a Mhic, agus an Spioraid naoimh.*

Ceisd.

Ciod e an gràs spioradail 's an taobh a stigh ?

Freagairt.

Bàs do pheacadh, agus nuadh-bhreith do dh' fhìreantachd : oir air dhuinn a bhi air ar breith a thaobh naduir ann am peacadh, agus n'ar cloinn feirge, tha sinn leis a so air ar deanamh n'ar cloinn gràis.

Ceisd.

Ciod a tha air 'iarraidh orrasan a tha ri 'bhi air am baisteadh ?

Freagairt.

Aithreachas, leis an tréig iad peacadh ; agus creidimh, leis an creid iad gu daingean geallaidhean Dhé, a rinn e dhoibh 's an t-Sàcramaid sin.

Ceisd.

C'ar son mata a tha naoidheanan air am baisteadh, an uair nach urrainn iad iad sin a choimhlionadh, a thaobh anmhuinneachd an aoise ?

Freagairt.

Do bhrìgh gu bheil iad a' gealltuinn an dà ni le 'n luchd-urrais : agus an uair a thig iad féin gu h-aois tha mar fhiachaibh orra an gealladh sin a choimhlionadh.

Ceisd.

C'ar son a bha Sàcramaid Suipeire an Tighearna orduichte ?

Freagairt.

Air son gnàth chuimhneachain air Iobairt bàis Chriosd, agus nan sochairean a tha sinn a' faotainn leatha.

Ceisd.

Ciod e an earrann no an comharadh o 'n taobh a muigh air Suipeir an Tighearna ?

Freagairt.

Aran agus fìon, a dh' àithn an Tighearn gu 'bhi air an gabhail.

Ceisd.

Ciod e an earrann 's an taobh a stigh, no an ni a tha air a chiallachadh ?

Freagairt.

Corp agus fuil Chriosd, a tha gu fìrinneach agus gu cinnteach air an gabhail agus air am faighinn leis na creidich ann an Suipeir an Tighearna.

Ceisd.

Ciod iad na sochairean d'am bheil sinn n'ar luchd-comhpairt leo sin ?

Freagairt.

Tha ar n-anaman air an neartachadh agus air am beathachadh le corp agus fuil Chriosd, mar a tha ar cuirp leis an aran agus leis an fhìon.

Ceisd.

Ciod a tha air 'iarraidh orrasan a thig gu Suipeir an Tighearna ?

Freagairt.

Iad féin a cheasnachadh, a dh' fheuchainn am bheil iad a' gabhail fìor aithreachais air son am peacaidhean a rinn iad, a' cur rompa gu diongmhalta gu'n caith iad beatha nuadh ; am bheil creidimh beòthail aca ann an tròcair Dhé trìd Chriosd, le cuimhne thaingeil air a bhàs ; agus am bheil iad ann an gràdh do na h-uile dhaoinibh.

¶ *Teagaisgidh agus ceasnaichidh Buachaille spioradail gach Sgìreachd gu dùrachdach agus gu follaiseach anns an Eaglais air Dòmhnachaibh agus air Làithibh naomha eile, an déigh an dara Leasain aig Urnuigh Fheasgair a' mheud de chloinn a Sgìreachd 's a chuirear*

d'a ionnsuidh, mar a chi e iomchuidh, ann an earrann sam bith de na Ceisdibh so.

¶ *Agus bheir na h-uile Aithrichean, Maithrichean, Maighstirean, agus Ban-mhaighstirean, air an cloinn, air an seirbhisich agus air an luchd-ionnsachadh cèirde (nach d' fhòghlum na Ceisdean) teachd do'n Eaglais aig an àm orduichte, agus éisdeachd gu h-ùmhal, agus a bhi air an teagasg leis a' Bhuachaille spioradail, gus an ionnsaich iad gach ni a tha air 'orduchadh dhoibh fhòghlum.*

¶ *Cho luath 's a thig a' Chlann gu aois iomchuidh, agus is urrainn dhoibh a' Chreud, Urnuigh an Tighearna, agus na deich Aitheantan a ràdh anns a' chainnt Chumanta; agus mar an ceudna a' chuid eile de na ceisdibh goirid so a fhreagairt; bheirear a chum an Easbuig iad. Agus bithidh aig gach aon diubh Oide, no Muime-baistidh, mar fhianuis air an Comh-dhaingneachadh.*

¶ *Agus c' uine sam bith a bheir an t-Easbuig fios a' chlann a thoirt d'a ionnsuidh a chum an Comh-dhaingneachaidh, bheir Buachaille spioradail gach sgìreachd d'a ionnsuidh, no cuiridh e uaith fo làimh-sgrìobhaidh, ainmean na muinntir sin uile 'n a Sgìreachd, a tha e 'faicinn iomchuidh gu bhi air an toirt 'an làthair an Easbuig chum an comh-dhaingneachaidh. Agus ma chi an t-Easbuig gu bheil iad iomchuidh, comh-dhaingnichidh e iad anns an dòigh a leanas.*

ORDUGH

A' CHOMH-DHAINGNEACHAIDH

No

LEAGAIL LAMHAN AIR A' MHUINNTIR A THA BAISTE AGUS AIR TIGHINN GU AOIS TUIGSE.

¶ *Air an là orduichte air dhoibhsan uile a tha ri 'bhi air an comh-dhaingneachadh aig an àm sin, a bhi air an cur 'an Ordugh, agus 'n an seasamh 'an làthair an Easbuig; leughaidh e féin (no Ministeir eile a dh' orduicheas e) an Roimh-ràdh so a leanas.*

A Chum gu'm bitheadh an Comh-dhaingneachadh air a fhrithealadh gu tuilleadh fòghlum a thoirt dhoibhsan a ghabhas e, chunnaic an Eaglais iomchuidh orduchadh, Nach bitheadh neach air bith o so suas air a Chomh-dhaingneachadh, ach an neach sin a's urrainn a' Chreud, Urnuigh an Tighearna, agus na deich Aitheantan a ràdh; agus cuideachd freagairt a thoirt do na ceisdibh sin eile, a tha air an cur a sìos ann an Leabhar ath-ghearr nan Ceisdean: Tha e ro iomchuidh an Riaghailt so a ghleidheadh, a chum, air do chloinn 'bhi a nis air tighinn gu aois tuigse, agus air fhòghlum ciod a gheall an Oideachan agus am Muimeachan air an son anns a' Bhaisteadh, gu'n aontaich iad féin ris an ni cheudna agus gu'n daingnich iad e le'm beoil agus le'n toil féin gu follaiseach 'an làthair na h-Eaglais; agus cuideachd gu'n geall iad oidheirp a thoirt le gràs Dhé gu sìorruidh tuilleadh air na nithibh sin a choimhlionadh gu creideach leis an d' aontaich iad le 'n aidmheil féin.

¶ *An sin their an t-Easbuig,*

AM bheil sibh an so ann an làthair Dhé agus a' choimhthionail so ag ùrachadh a' gheallaidh agus na bòid shòlaimte a rinneadh 'n 'ur n-ainm aig 'ur Baisteadh; ag aontachadh ris an ni cheudna agus 'g a dhaingneachadh 'n 'ur pearsannaibh féin, agus 'g 'ur n-aideachadh féin ceangailte a chreidsinn agus a dheanamh nan nithe sin uile, a ghabh 'ur n-Oideachan agus 'ur Muimeachan-baistidh an sin orra féin air 'ur son?

¶ *Agus freagraidh gach aon diubh le guth a chluinnear,*

Tha mi.

An t-Easbuig.

Tha ar còmhnadh ann an Ainm an Tighearna.

Freagairt.

A rinn nèamh agus talamh.

Easbuig.

Beannaichte gu'n robh Ainm an Tighearna.

Freagairt.

O so a mach saoghal gun chrìoch.

Easbuig.

A Thighearna, éisd ar n-urnuighean.

Freagairt.

Agus thigeadh ar glaodh a d' ionnsuidh.

Easbuig.

Deanamaid urnuigh.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, a dheònaich iad so do sheirbhisich ath-ghintinn le uisge agus leis an Spiorad naomh, agus a thug dhoibh maitheanas 'n an uile pheacaidhean; Neartaich iad, tha sinn a' guidhe ort, O 'Thighearna, leis an Spiorad naomh an Comhfhurtair, agus meudaich annta gach là tiodhlacan lìonmhor do ghràis; spiorad gliocais agus tuigse; spiorad comhairle agus neirt spioradail; spiorad eòlais agus fìor dhiadhachd; agus lìon iad, O 'Thighearna, le spiorad d' eagail naoimh, a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *An sin air dhoibh a bhi uile air an glùinibh ann an ordugh air beulaobh an Easbuig, leagaidh e a làmh air ceann gach aon fa leth, ag ràdh,*

DIon, O 'Thighearna, an neach so do leanabh [no *do sheirbhiseach*] le d' ghràs nèamhaidh, chum gu'm buanaich e leat-sa gu bràth; agus gu'm meudaich e gach là ann ad spiorad naomh na's mò agus na's mò, gus an tig e gu d' rìoghachd mhaireannaich. Amen.

¶ *An sin their an t-Easbuig.*

Gu'n robh an Tighearna maille ruibh.

Freagairt.

Agus maille ri d' Spiorad-sa.

¶ *Agus (air dhoibh a bhi uile air an glùinibh) their an t-Easbuig mar an ceudna,*

Deanamaid urnuigh.

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn

an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn; Ach saor sinn o olc. Amen.

¶ *Agus an Guidhe so.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, a tha 'toirt oirnn na nithe sin a tha maith agus taitneach do d' Mhòrachd dhiadhaidh a mhiannachadh agus a dheanamh; Tha sinn a' deanamh ar n-athchuingean ùmhal riut air son do sheirbhisich so air an do leag sinn a nis ar làmhan (a réir eisempleir nan Abstol naomha), mar dhearbhadh dhoibh (leis a' chomharadh so) air do dheadh-ghean agus do mhaitheas gràsail d' an taobh. Bitheadh do làmh Athaireil, tha sinn a' guidhe ort, gu sìorruidh os an ceann; bitheadh do Spiorad naomh gu sìorruidh maille riu; agus mar so treòraich iad ann an eòlas agus an ùmhlachd d' fhocail, a chum fadheoidh gu'm faigh iad a' bheatha mhaireannach; trìd ar Tighearna Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

O 'Thighearna Uile-chumhachdaich, agus a Dhé mhaireannaich, deònaich, tha sinn a' guidhe ort, araon ar cridheachan agus ar cuirp a stiuradh, a naomhachadh agus a riaghladh ann an slighibh do laghannan, agus ann an oibribh d' àitheantan, a chum tre do dhìdean ro chumhachdaich, araon an so agus gu sìorruidh, gu'm bi sinn air ar gleidheadh gu tèaruinte ann an corp agus ann an anam, trìd ar Tighearna agus ar Slànuidhir Iosa Criosd. *Amen.*

¶ *An sin beannaichidh an t-Easbuig iad, ag ràdh mar so.*

GU'n robh beannachadh Dhé Uile-chumhachdaich, an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid naoimh, oirbh, agus gu'n gabhadh e còmhnuidh maille ruibh gu sìorruidh. *Amen.*

¶ *Agus cha leigear le neach air bith teachd a chum a' Chomanachaidh naoimh, gus am bi e air a chomh-dhaingneachadh, no ullamh agus toileach gu bhi air a chomh-dhaingneachadh.*

AN RIAGHAILT

GU

FRITHEALADH SOLAIMTE A' PHOSAIDH.

¶ *An toiseach feumaidh Gairmeannan na muinntir sin uile a tha ri 'bhi air am pòsadh ri 'chéile, a bhi air an glaodhaich anns an Eaglais air tri Dòmhnachaibh no Làithibh naomha fa leth, aig àm na Seirbhis Dhiadhaidh, dìreach roimh rannaibh an Tabhartais; am Buachaille spioradail ag ràdh air an dòigh ghnàthaichte,*

Tha mi 'deanamh follaiseach Gairmeannan pòsaidh eadar *M.* á—agus *N.* á— Ma's aithne do neach air bith agaibh aobhar no bacadh ceart, air son nach fheudar an dithis so 'bhi air an aonachadh ri 'chéile 'am pòsadh naomh, is còir dhuibh a nochdadh. Is e so a' cheud ghairm [*an dara* no *an treas gairm.*]

¶ *Agus mur 'eil a' mhuinntir a tha ri 'm pòsadh, a' fuireach anns an aon Sgìreachd, feumar an Gairm anns an dà Sgìreachd; agus cha phòs Buachaille spioradail na h-aon Sgìreachd iad, gun dearbhadh fhaighinn o Bhuachaille spioradail na Sgìreachd eile, gu'n deachaidh an Gairm tri uairean.*

¶ *Air an là agus aig an àm orduichte gu frithealadh sòlaimte a' Phòsaidh, thig na pearsanna a tha ri 'bhi air am pòsadh a steach gu meadhon na h-Eaglais maille r'an càirdibh agus r'an coimhearsnich: Agus air seasamh dhoibh an sin le 'chéile, am fìrionnach air an làimh dheis, agus am boirionnach air an làimh chli, their an Sagart,*

A Mhuinntir ro ionmhuinn, tha sinn air cruinneachadh an so 'an ceann a chéile 'an làthair Dhé, agus air beulaobh a' choimhthionail so, a dh' aonachadh ri 'chéile an fhirionnaich so agus a' bhoirionnaich so ann am pòsadh naomh, staid a tha onorach, orduichte le Dia ann an àm neòchiontachd an duine, a' ciallachadh dhuinn an aonachd dhìomhair a tha eadar Criosd agus Eaglais; an staid naomh a mhaisich agus a sgiamhaich Criosd le 'làthaireachd féin, agus le 'cheud mhiorbhuil a rinn e ann an Cana Ghalile, agus a tha air a moladh le Naomh Pòl gu 'bhi urramach 'am measg nan uile dhaoine; agus air an aobhar sin cha chòir do neach air bith inntreachduinn air an staid so, no a gabhail mu làimh gun smuainteachadh,

ni h-ann le faoineachd, no le gòraiche, a shàsachadh anamiannan feòlmhor agus macnus dhaoine, mar ainmhidhean a tha gun tuigse; ach le h-urram, le gliocas, le comhairle, le measarrachd, agus ann an eagal Dhé, a' toirt gu h-iomchuidh fainear nan aobhairean air son an robh am pòsadh air 'orduchadh.

'S a' cheud àite, dh' orduicheadh e gu clann a ghintinn, gu 'bhi air an togail a suas ann an eagal agus ann an altrum an Tighearna, agus gu moladh 'Ainme naoimhsan.

'S an dara aite, dh'orduicheadh e mar chungaidh 'an aghaidh peacaidh, agus gu seachnadh strìopachais, chum gu'm feudadh an dream aig nach 'eil tiodhlac na geamnuidheachd, pòsadh, agus iad féin a ghleidheadh 'n am buill neo-thruaillidh de chorp Chriosd.

'S an treas aite, dh' orduicheadh e air son na comhchuideachd, a' chòmhnaidh agus na comhfhurtachd 'bu chòir a bhi aig an dara aon o'n aon eile, araon ann an soirbheachadh agus ann am mi-shoirbheachadh: Chum na staide naoimhe so tha 'n dà phearsa a tha so a làthair air teachd gu 'bhi air an aonachadh. Air an aobhar sin ma's urrainn duine air bith aobhar ceart sam bith a nochdadh nach fheudar gu laghail am pòsadh ri 'chéile, labhradh e a nis, no bitheadh e 'n a thosd gu sìorruidh an déigh so.

¶ *Agus mar an ceudna a' labhairt riusan a tha ri 'pòsadh, their e,*

THa mi 'g iarraidh agus a' cur mar fhiachaibh oirbh féin le 'chéile (mar a fhreagras sibh ann an là uamhasach a' bhreitheanais, 'n uair a bhitheas uaigneis nan uile chridheachan air an deanamh follaiseach) ma tha fios aig a h-aon agaibh air aobhar bacaidh air bith, air son nach fheud sibh gu laghail a bhi air 'ur n-aonachadh ri 'chéile 'am pòsadh, gu'n aidich sibh a nis e. Oir bithibh làn-chinnteach, a' mheud 's a tha air an cur cuideachd air dhòigh sam bith ach mar a tha Focal Dhé a' luathsachadh, nach 'eil iad air an aonachadh ri 'chéile le Dia, ni mò a tha am pòsadh laghail.

¶ *Air là sin a phòsaidh, ma chuireas duine sam bith 'an céill agus ma nochdas e aobhar bacaidh sam bith c'ar son nach fheud iad a bhi air an aonachadh ri 'chéile*

'am pòsadh, le Lagh Dhé, no le Laghannaibh na Rìoghachd so, agus ma's àill leis a bhi air a cheangal, le luchd-urrais freagarrach maille ris, dhoibhsan a tha 'dol a phòsadh, air neo airgiod urrais a chur a stigh (air son làn luach a' chostuis a tha 'tighinn leis a' so orrasan a tha gu 'pòsadh) gus an dearbh e an ni a tha e ag ràdh: An sin feumar dàil a chur 's a' phòsadh gus an téid an fhìrinn a rannsachadh.

¶ *Mur bi aobhar bacaidh air a chur 'an céill, an sin their am buachaille spioradail ris an duine,*

N. AM bheil thu toileach am boirionnach so a bhi agad mar do bhean phòsda, a chaitheamh 'ur beatha cuideachd a réir riaghailt Dhé, ann an staid naoimh a' phòsaidh? Am bheil thu toileach gràdh, comhfhurtachd, agus onoir a thoirt dhi, agus a gleidheadh ann an tinneas agus ann an slàinte? agus a' dìobradh gach aon eile, thu féin a ghleidheadh dhise 'n a h-aonar, cho fad 's is beò sibh le 'chéile?

¶ *Freagraidh am fìrionnach,*

Tha mi.

¶ *An sin their an Sagart ris a' bhoirionnach,*

N. AM bheil thu toileach am fìrionnach so a bhi agad mar do fhear pòsda, a chaitheamh 'ur beatha cuideachd a réir riaghailt Dhé, ann an staid naoimh a' phòsaidh? Am bheil thu toileach ùmhlachd, seirbhis, gràdh, agus onoir a thoirt dha, agus a ghleidheadh ann an tinneas agus ann an slàinte, agus a' dìobradh gach aon eile, thu féin a ghleidheadh dhàsan 'n a aonar, cho fad 's is beò sibh le 'chéile?

¶ *Freagraidh am boirionnach,*

Tha mi.

¶ *An sin their am Ministeir,*

Cò tha 'toirt a' bhoirionnaich so gu bhi air a pòsadh ris an fhìrionnach so?

¶ *An sin bheir iad an gealladh d'a chéile air an dòigh so.*

¶ *Air do'n Mhinisteir am boirionnach a ghabhail á làmhan a h-athar no a caraid, bheir e air an fhìrionn-*

ach làmh dheas a' bhoirionnaich a ghlacadh le 'làimh dheis féin, agus a ràdh air a dhéigh mar a leanas.

THa mise *N.* 'g ad ghabhail *N.* mar mo bhean-phòsda, gu bhi agam agus gu d' ghleidheadh o'n là so a mach tuilleadh, cò dhiubh is fearr no 's miosa, is beartaiche no 's bochda, ann an tinneas agus ann an slàinte, gu gràdh agus eiridinn a thoirt dhuit, gus an dealaich am bàs sinn, a réir riaghailt naoimh Dhé; agus a chum na crìche sin tha mi 'toirt dhuit mo gheallaidh.

¶ *An sin fuasglaidh iad an làmhan, agus air do'n bhoirionnach làmh dheas an fhìrionnaich a ghlacadh le 'làimh dheis féin, their i mar an ceudna an déigh a' Mhinisteir;*

THa mise *N.* 'g ad ghabhail *N.* mar m' fhear-pòsda, gu bhi agam agus gu d' ghleidheadh o'n là so a mach tuilleadh, cò dhiubh is fearr no 's miosa, is beartaiche no 's bochda, ann an tinneas agus ann an slàinte, gu gràdh, eiridinn, agus ùmhlachd a thoirt dhuit, gus an dealaich am bàs sinn, a réir riaghailt naoimh Dhé; agus a chum na crìche sin tha mi 'toirt dhuit mo gheallaidh.

¶ *An sin fuasglaidh iad an làmhan a rìs, agus bheir am fìrionnach fàinne do'n bhoirionnach, 'g a chur air an leabhar, leis an dlighe ghnàthaichte do'n t-Sagart agus do'n Chléireach. Agus air do'n t-Sagart am fàinne a ghabhail, liùbhraidh se e do'n fhìrionnach, air son a chur air a' cheathramh meur de làmh chlì a' bhoirionnaich. Agus air do'n fhìrionnach a bhi gleidheadh greim air an fhàinne an sin, agus air a theagasg leis an t-Sagart, their e,*

LEis an fhàinne so tha mi 'g ad phòsadh, le m' chorp tha mi 'toirt onoir dhuit, agus mo mhaoin shaoghalta uile tha mi 'buileachadh ort: Ann an Ainm an Athair, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

¶ *An sin air do'n fhìrionnach am fàinne fhàgail air a' cheathramh meur de làimh chlì a' bhoirionnaich, lùbaidh iad a sìos le 'chéile air an glùinibh, agus their am Ministeir,*

Deanamaid urnuigh.

O 'Dhé shìorruidh, a chruithfhir agus fhir-theasairginn a' chinne-daoine uile, a thabhartair nan uile ghràs

spioradail, ùghdair na beatha maireannaich; Cuir do bheannachadh orra so do sheirbhisich, am firionnach so agus am boirionnach so, a tha sinn a' beannachadh ann ad Ainm; a chum mar a chaith Isaac agus Rebecah am beatha gu dìleas le 'chéile, mar sin gu'n coimhlion agus gu'n gleidh na pearsanna so gu cinnteach a' bhòid agus an comh-cheangal a rinneadh eatorra, (air am bheil am fàinne so a thugadh agus a ghabhadh mar chomharadh agus mar gheall) agus gu'm mair iad daonnan ann an gràdh agus ann an sìth ri 'chéile, agus gu'n caith iad am beatha a réir do laghannan, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin aonaichaidh an Sagart an làmhan deasa ri 'chéile, agus their e,*

Iadsan a chuir Dia cuideachd, na cuireadh duine air bith fa sgaoil.

¶ *An sin labhraidh am Ministeir ris an t-sluagh.*

DO bhrìgh gu'n d' aontaich *N.* agus *N.* le 'chéile ann am pòsadh naomh, agus gu'n d' thug iad fianuis air an ni cheudna 'an làthair Dhé agus na cuideachd so, agus a chum na crìche so gu'n d' thug agus gu'n do dhaingnich iad an gealladh d'a chéile, agus a nochd an ni ceudna le toirt agus gabhail fàinne, agus le glacadh làmhan; tha mi 'cur 'an céill gu 'r fear agus bean iad a tha pòsda ri 'chéile, Ann an Ainm an Athar agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

¶ *Agus their am Ministeir am beannachadh so cuideachd.*

GU'n deanadh Dia an t-Athair, Dia am Mac, Dia an Spiorad naomh 'ur beannachadh, 'ur tèarnadh agus 'ur gleidheadh; gu'n amhairceadh an Tighearna gu tròcaireach le 'dheadh-ghean oirbh, agus mar so gu'n lìonadh e sibh leis gach uile bheannachadh agus ghràs spioradail, a chum gu'n caith sibh 'ur beatha cuideachd anns an t-saoghal so, air mhodh 's gu faigh sibh anns an t-saoghal a tha ri teachd a' bheatha mhaireannach. *Amen.*

¶ *An sin their no seinnidh am Ministeir no na Cléirich air dhoibh 'bhi dol gu bòrd an Tighearna, an t-Salm so a leanas.*

Beati omnes. Salm cxxviii.

IS beannaichte gach neach air am bi eagal an Tighearn': a ghluaiseas 'n a shlighibh.

Oir ithidh tu toradh do làmh: sona bithidh tu, agus éiridh gu maith dhuit.

Bithidh do bhean mar fhìonain tharbhaich: ri taobhan do thighe.

Do chlann mar òg chroinn-olaidh: mu thimchioll do bhùird.

Feuch, mar so beannaichear an duine: air am bi eagal an Tighearna.

Beannaichidh an Tighearn thu á Sion: agus chi thu maith Ierusaleim ré uile làithean do bheatha;

Seadh, chi thu clann do chloinne: agus sìth air Israel.

Gloir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *No an t-Salm so.*

Deus Misereatur. Salm lxvii.

GU'n deanadh Dia tròcair oirnn, agus gu'm beannaicheadh e sinn: agus gu'n tugadh e air a ghnùis dealrachadh oirnn.

Chum gu'n aithnichear do shlighe air an talamh: do shlàinte 'am measg nan uile chinneach.

Moladh na slòigh thu, a Dhé: moladh na slòigh uile thu.

Bitheadh na cinnich aoibhneach agus deanadh iad luathghaire: oir bheir thusa breth air na slòigh ann an ceartas, agus riaghlaidh tu na cinnich air an talamh.

Moladh na slòigh thu, a Dhé: moladh na slòigh uile thu.

Bheir an talamh a thoradh: gu'm beannaicheadh Dia, ar Dia-ne, sinn.

Gu'm beannaicheadh Dia sinn: agus gu'n robh 'eagalsan air uile chrìochaibh na talmhainn.

Glòir do 'n Athair, agus do'n Mhac: agus do 'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *Air do'n t-Salm crìochnachadh, agus air do'n fhirionnach agus do'n bhoirionnach lùbadh a sìos air an*

glùinibh aig Bòrd an Tighearna, agus an Sagart a' seasamh aig a' Bhòrd, agus a' tionndadh 'aghaidh riu, their e,

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

Freagairt.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

Ministeir.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn: Ach saor sinn o olc. Amen.

Ministeir.

O 'Thighearna, sàbhail d' òglach, agus do bhan-oglach;

Freagairt.

A tha 'cur an earbsa annad.

Ministeir.

O 'Thighearna, cuir còmhnadh d'an ionnsuidh o d' ionad naomh.

Freagairt.

Agus gu sìorruidh tuilleadh dìon iad.

Ministeir.

Bi dhoibh a'd' dhaingneach làidir,

Freagairt.

O aghaidh an nàmhaid.

Ministeir.

O 'Thighearna, éisd ar n-urnuigh.

Freagairt.

Agus thigeadh ar glaodh a' d' ionnsuidh.

Ministeir.

O 'Dhé Abrahaim, Dhé Isaaic, Dhé Iacoib, beannaich iad so do sheirbhisich, agus cuir sìol na beatha

shìorruidh 'n an cridheachaibh, a chum ciod air bith an ni ann ad Fhocal naomh a dh' fhòghlumas iad gu 'm buannachd, gu'n coimhlion iad ann an gnìomh an ni ceudna. Amhairc, O 'Thighearna, gu tròcaireach orra o nèamh, agus beannaich iad. Agus mar a chuir thu a nuas do bheannachadh air Abraham agus air Sarah, gu 'n comhfhurtachd mhòr; mar so deònaich do bheannachadh a chur a nuas orra so do sheirbhisich, a chum air dhoibh 'bhi ùmhal do d' thoil, agus a bhi do ghnàth ann an sàbhaltachd fo d' dhìdean, gu'm fuirich iad ann ad ghràdh gu crìch am beatha, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Cha n-abrar an Urnuigh so a's faisge a leanas, ma bhitheas a' bhean thar aois breith cloinne.*

O 'Thighearna thròcairich agus Athair nèamhaidh, is ann le d' thiodhlac gràsail a tha an cinne-daoine a' fàs lìonmhor; Tha sinn a' guidhe ort cuidich le d' bheannachadh an dithis so, a chum gu'm bi iad le 'chéile tarbhach ann an gintinn cloinne, agus mar an ceudna gu'n caith iad am beatha cho fada cuideachd ann an gràdh diadhaidh agus ann an onoir, a's gu'm faic iad an clann gu Criosdail agus gu beusach air an togail a suas, chum do mholaidh agus d' onoir, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

O 'Dhé, le d' chumhachd neartmhor a rinn na h-uile nithe á neo-ni, agus mar an ceudna (an déigh nithe eile a chur ann an ordugh) a dh' orduich gu'n gabhadh bean a toiseach a mach á duine (cruthaichte a réir d' iomhaigh agus do choslais féin); agus le 'n aonachadh ri 'chéile, a theagaisg nach bitheadh e gu bràth laghail iadsan a chur fa sgaoil a rinn thusa 'n an aon le pòsadh: O 'Dhé, a choisrig staid a' phòsaidh gu 'bhi 'n a dìomhaireachd cho òirdheirc, a's gu bheil innte air a chiallachadh agus air a nochdadh am pòsadh agus an aonachd spioradail a tha eadar Criosd agus 'Eaglais; Amhairc gu tròcaireach orra so do sheirbhisich, chum araon gu'n gràdhaich am fear so a bhean a réir d' Fhocail (mar a ghràdhaich Criosd a chéile an Eaglais, agus a thug e féin air a son, 'g a gràdhachadh agus 'g a h-eiridinn eadhon mar 'fheòil féin) agus cuideachd gu'm bi a' bhean so gràdhach agus gaolach, fìrinneach agus ùmhal d'a fear pòsda, agus anns an uile shàmhchair, stuamachd agus shìth, gu'm bi i

'n a bean-leanmhuinn air mnàibh naomha agus diadhaidh. O 'Thighearna, beannaich iad le 'chéile, agus deònaich dhoibh seilbh ann ad rìoghachd shìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart,*

DIa Uile-chumhachdach a chruthaich air tùs ar ceud phàrantan, Adhamh agus Eubha, agus a naomhaich agus a dh' aonaich iad ri 'chéile ann am pòsadh; Gu'n doirt e oirbh saoibhreas a ghràis, gu'n naomhaich agus gu'm beannaich e sibh, a chum gu'n toilich sibh e araon ann an corp agus ann an anam, agus gu'n caith sibh 'ur beatha cuideachd ann an gràdh naomh gu crìch 'ur saoghail. *Amen.*

¶ *An déigh so, mur bi Searmon ann a' nochdadh dleasnais an fhir agus na mnà, leughaidh am Ministeir mar a leanas.*

SIbhse uile a tha pòsda, no air am bheil a' mhiann staid naomh a' phòsaidh a ghabhail oirbh, éisdibh ciod a tha an Sgriobtuir naomh ag ràdh mu dhleasnas nam fear d' am mnàibh, agus nam ban d' am fearaibh.

Tha Naomh Pòl 'n a Litir chum nan Ephesianach, anns a' Chùigeamh Caibideil, a' toirt na h-àithne so do na h-uile dhaoinibh pòsda, Fheara, gràdhaichibh 'ur mnathan féin, eadhon mar a ghràdhaich Criosd an Eaglais, agus a thug se e féin air a son, chum gu'n naomhaicheadh agus gu'n glanadh e i le ionnlad an uisge, tre an fhocal; chum gu'n cuireadh e 'n a làthair féin i 'n a h-Eaglais ghlòrmhoir, gun smal gun phreasadh, no ni air bith d' an leithidibh sin; ach chum gu'm bitheadh i naomh agus neo-lochdach. Is amhluidh sin is còir do na fearaibh am mnathan féin a ghràdhachadh mar an cuirp féin: An ti a ghràdhaicheas a bhean, tha e 'g a ghràdhachadh féin. Oir cha d' thug duine air bith riamh fuath d'a fheòil féin, ach altrumaidh agus eiridnidh e i, eadhon mar a tha an Tighearn a' deanamh do 'n Eaglais: Oir is buill sinn d'a chorp, d'a fheòil, agus d'a chnàmhan-san. Air an aobhar so fàgaidh duine 'athair agus a mhàthair, agus dlùth-leanaidh e r'a mhnaoi, agus bithidh an dithis 'n an aon fheòil. Is dìomhaireachd mhòr so; ach tha mi a' labhairt mu Chriosd agus an Eaglais. Gidheadh,

thugadh gach aon agaibh-se fa leth, gradh d'a mhnaoi amhuil mar dha féin.

Mar an ceudna tha Naomh Pòl, a' sgrìobhadh chum nan Colosianach, a' labhairt ris na h-uile dhaoinibh pòsda air an dòigh so, Fheara-pòsda, gràdhaichibh 'ur mnathan, agus na bithibh searbh 'n an aghaidh.

Cluinnibh mar an ceudna ciod a tha Naomh Peadar Abstol Chriosd, neach a bha e féin 'n a fheár pòsda, ag ràdh riusan a tha pòsda, Fheara, gabhaibh-se còmhnuidh maille ri 'ur mnàibh a réir eòlais, a' tabhairt urraim do 'n mhnaoi, mar do 'n t-soitheach a's anmhuinne, agus mar mhuinntir a tha 'n an comh-oighreachaibh air gràs na beatha, chum nach cuirear bacadh air 'ur n-urnuighibh.

Gu ruig a' so chuala sibh dleasnas an fhir do 'n mhnaoi. A nis mar an ceudna, sibhse a mhnathan, éisdibh agus fòghluimibh 'ur dleasnais do 'ur fearaibh-pòsda, eadhon mar a tha e air 'fhoillseachadh gu soilleir 'san Sgriobtuir naomh.

Anns an Litir a dh' ainmicheadh roimhe chum nan Ephesianach, tha Naomh Pòl 'g 'ur teagasg mar so; A mhnathan, bithibh ùmhal do 'ur fearaibh féin, mar do 'n Tighearn. Oir is e am fear ceann na mnatha, eadhon mar is e Criosd ceann na h-Eaglais: agus is esan Slànuidhear a' chuirp. Uime sin mar a tha 'n Eaglais ùmhal do Chriosd, mar sin bitheadh na mnathan d' am fearaibh féin mar an ceudna anns gach ni. Agus a rìs tha e ag ràdh, Feuchadh a' bhean gu'n toir i urram d'a fear.

Agus 'n a Litir chum nan Colosianach, tha Naomh Pòl a' toirt an Leasain ghoirid so dhuibh, A mhnathan, bithibh ùmhal do 'ur fearaibh féin, mar is cubhaidh anns an Tighearn.

Tha Naomh Peadar mar an ceudna 'g 'ur teagasg gu ro mhaith, ag ràdh mar so, A mhnathan, bithibh ùmhal do 'ur fearaibh féin; chum ma tha dream air bith eas-ùmhal do 'n fhocal, gu'm bi iadsan mar an ceudna as eugmhais an fhocail air an cosnadh le deadh chaithe-beatha nam ban; 'n uair a bheachdaicheas iad air 'ur caithe-beatha geamnuidh maille ri eagal. Na b'i 'ur brèaghachd fighead an fhuilt, agus a' cur òir oirbh, agus dheadh thrusgan umaibh, a' bhrèaghachd sin o'n leth muigh; ach duine folaichte a' chridhe, ann an neo-thruaillidheachd spioraid mhacanta agus chiùin, ni a tha ro luachmhor ann an

sealladh Dhé. Oir b'ann mar so a rinn na mnathan naomha o shean, aig an robh am muinghin ann an Dia, iad féin breagha, air dhoibh a bhi ùmhal d' am fearaibh féin; amhuil a thug Sarah ùmhlachd do Abraham, a' gairm tighearna dheth; d' an nigheana sibhse am feadh a ni sibh gu maith, agus gun gheilt oirbh le uamhas sam bith.

¶ *Tha e iomchuidh gu'n gabhadh a' chàraid nuadh-phòsda an Comanachadh naomh aig àm am pòsaidh, no aig a' cheud chrothrom an déigh am pòsaidh.*

AN T-ORDUGH

AIR SON

COIMHID NA MUINNTIR THINN'.

¶ *An uair a tha neach air bith tinn, bheirear fios air do Mhinisteir na Sgìreachd; agus air teachd dha gu tigh an neach thinn, their e,*

SIth do'n tigh so, agus dhoibhsan uile a tha 'gabhail còmhnuidh ann.

¶ *An uair a thig e 'an làthair an duine thinn their e, a' lùbadh a shìos air a ghlùinibh,*

NA cuimhnich, a Thighearna, ar cionta, no cionta ar sinnsearachd. Caomhain sinn, a dheadh Thighearna, caomhain do shluagh a shaor thu le d' fhuil ro phrìseil, agus na bi 'an corruich ruinn gu bràth.

Freagairt.

Caomhain sinn, a dheadh Thighearna.

¶ *An sin their am Ministeir,*

Deanamaid urnuigh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d'Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn: Ach saor sinn o olc. Amen.

Ministeir.

O 'Thighearna, sàbhail do sheirbhiseach;

Freagairt.

A tha 'cur *'earbsa* annad.

Ministeir.

Cuir còmhnadh d' a *ionnsuidh* o d' ionad naomh,

Freagairt.

Agus gu sìorruidh tuilleadh gu cumhachdach dìon *e*.

Ministeir.

Na faigheadh an nàmhaid buaidh *air*;

Freagairt.

Agus na tigeadh an t-aingidh am fagus *da* gu dochann a dheanamh *air*.

Ministeir.

O 'Thighearna, bi *dha* a' d' dhaingneach làidir,

Freagairt.

O ghnùis a nàmhaid.

Ministeir.

O 'Thighearna, éisd r' ar n-urnuighibh.

Freagairt.

Agus thigeadh ar glaodh a d' ionnsuidh.

Ministeir.

O 'Thighearna, amhairc a nuas o nèamh, faic, coimhid agus fuasgail air do sheirbhiseach an neach so. Amhairc *air* le sùilibh do thròcair, thoir *dha* comhfhurtachd agus muinghin chinnteach annad, dìon *e* o chunnart an nàmhaid, agus gleidh *e* do ghnàth ann an sìth agus an sàbhaltachd, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

EIsd ruinn, a Dhé agus a Shlànuidhir Uile-chumhachdaich agus ro thròcairich; sìn do mhaitheas gnàthaichte a dh' ionnsuidh do sheirbhisich an neach so a tha air a *chlaoidh* le tinneas. Naomhaich, tha sinn a' guidhe ort, do smachdachadh athaireil *dha*; chum gu'n cuir am mothachadh a tha *aige* air a laigse féin neart r'a *chreidimh*, agus treibhdhireachd r'a *aithreachas*. A chum ma's e do dheadh thoil-sa *'aiseag* chum na slàinte a bha *aige* roimhe, gu'n caith *e* a' chuid a leanas d' a *bheatha* ann ad eagal, agus a chum do ghlòire: air neo thoir gràs *dha* gu d' fhiosrachadh a ghabhail, air chor

's an déigh do 'n bheatha chràiteach so crìochnachadh gu'n gabh *e* còmhnuidh maille riutsa 's a' bheatha mhaireannaich, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin earalaichidh am Ministeir an neach a tha tinn a réir na riaghailt so, no a leithid eile.*

A *Bhràthair* ro ionmhuinn, bitheadh fios agad air a' so, gur e Dia Uile-chumhachdach is Tighearn air beatha agus air bàs, agus air na h-uile nithibh a bhuineas doibh, mar a tha òige, neart, slàinte, aois, laigse, agus tinneas. Air an aobhar sin, ciod air bith do thinneas, bitheadh fios cinnteach agad gur e fiosrachadh Dhé a th' ann. Agus ge b' e air bith an t-aobhar mu 'n do chuireadh an tinneas so ort, ma 's ann a dh' fheuchainn d' fhoighidin gu eisempleir do mhuinntir eile, agus a chum gu'm faighear do chreidimh ann an là an Tighearna mòr-chliùiteach, glòrmhor, agus urramach, a chum meudachadh glòire agus sonais gun chrìoch; no ma 's ann a chuireadh ort e gu smachdachadh agus leasachadh ni air bith annad a tha 'cur corruich air sùilibh d' Athar nèamhaidh; bitheadh fios gu cinnteach agad ma ni thu aithreachas firinneach air son do pheacaidhean, agus ma ghiùlaineas tu do thinneas gu foighidneach, ag earbsadh ann an tròcair Dhé, air sgàth a Mhic ionmhuinn Iosa Criosd, agus ma bheir thu buidheachas ùmhal dha air son 'fhiosrachaidh athaireil, 'g ad strìochdadh féin gu h-iomlan d' a thoil, tionndaidh e gu tairbhe dhuit, agus cuidichidh e air d' aghaidh thu anns an t-slighe cheirt a tha 'treòrachadh a chum na beatha maireannaich.

¶ *Ma bhitheas an neach a thàinig am Buachaille spioradail a choimhead gu ro thinn, an sin feudaidh e 'earail a chrìochnachadh anns an àite so, air neo dol air aghaidh.*

Ume sin gabh gu maith ri smachdachadh an Tighearna: Oir (mar a tha Naomh Pòl ag ràdh anns an dara Caibideil deug chum nan Eabhruidheach) an ti a's ionmhuinn leis an Tighearn smachdaichidh e, agus sgiùrsaidh e gach Mac ris an gabh e. Ma ghiùlaineas sibh smachdachadh, tha Dia a' buntuinn ruibh mar ri cloinn: oir cò am mac nach smachdaich an t-athair? Ach ma tha sibh as eugmhais smachdachaidh, d'am bheil

na h-uile 'n an luchd-comhpairt, an sin is clann dìolain sibh, agus cha chlann dligheach. Os bàrr, bha againn aithrichean a thaobh na feòla, a smachdaich sinn, agus thug sinn urram dhoibh: nach mò gu mòr is còir dhuinn a bhi ùmhal do Athair nan Spiorad, agus a bhi beò? Oir gu deimhin smachdaich iadsan sinn rè beagan làithean a réir an toile féin; ach esan chum ar leas, ionnus gu'm bitheamaid 'n ar luchd-comhpairt d' a naomhachd. Tha na briathran so, a dheadh *bhràthair*, sgrìobhta anns an Sgriobtuir naomh air son ar comhfhurtachd agus ar teagaisg-ne, a chum le foighidin, agus breith-buidheachais gu'n giùlaineamaid smachdachadh ar n-Athar nèamhaidh, ge b' e àm is deònach le 'mhaitheas gràsail ar fiosrachadh le gnè air bith de dh' àmhghar. Agus cha bu chòir comhfhurtachd bu mhò 'bhi aig Criosdaidhibh, na 'bhi air an deanamh cosmhuil ri Crìosd, le fulang gu foighidneach àmhghairean, trioblaidean, agus tinneasan. Oir cha deachaidh e féin a suas gu aoibhneas, gus an d' fhuiling e pian an toiseach; cha deachaidh e a stigh d' a ghlòir gus an robh e air a cheusadh. Mar so gu firinneach is i ar slighe chum aoibhneis shìorruidh fulang an so maille ri Criosd; agus is é ar dorus gu inntreachduinn a steach do bheatha shìorruidh bàsachadh gu h-aoibhneach maille ri Criosd; a chum gu'n éirich sinn a rìs o'n bhàs, agus gu'n gabh sinn còmhnuidh maille ris 's a bheatha mhaireannaich. A nis air an aobhar sin air dhuit do thinneas a ghabhail gu foighidneach, a tha mar so cho tarbhach dhuit, tha mi 'g ad earalachadh ann an Ainm Dhé, thu chuimhneachadh na h-aidmheil a rinn thu do Dhia ann ad bhaisteadh. Agus do bhrìgh an déigh na beatha so gu bheil cunntas ri 'thoirt seachad do'n Bhreitheamh fhìrinneach, a bheir breith air gach neach gun mheas air pearsa seach a chéile; tha mi 'cur mar fhiachaibh ort thu féin agus do staid a cheasnachadh, araon a thaobh Dhé agus a thaobh dhaoine; 'g ad agairt agus 'g ad dhìteadh féin air son do lochdan, a chum gu'm faigh thu tròcair o làimh ar n-Athar nèamhaidh air sgàth Chriosd, agus nach bi thu air d' agairt agus air do dhìteadh anns a' bhreitheanas eagalach sin. Air an aobhar sin aithrisidh mi dhuit Poncan ar Creidimh, a chum gu'm bi fios agad am bheil thu 'creidsinn mar is còir do Chriosdaidh, no nach 'eil.

¶ *An so aithrisidh am Ministeir Poncan a' Chreidimh, ag ràdh mar so,*

AM bheil thu 'creidsinn ann an Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, cruithfhear nèimh agus talmhainn?

Agus ann an Iosa Criosd 'aon-ghin Mhic-san ar Tighearn? agus gu'n do ghabhadh e leis an Spiorad naomh, gu'n d' rugadh e leis an Oigh Muire; gu'n d' fhuiling e fo Phontius Pilat, gu'n do cheusadh e, gu'n d' fhuair e bàs, agus gu'n d' adhlaiceadh e; gu'n deachaidh e sìos do dh' ifrinn, agus mar an ceudna gu'n d' éirich e a rìs air an treas là; gu'n deachaidh e suas gu nèamh, agus gu bheil e 'n a shuidhe air deas làimh Dhé an t-Athair Uile-chumhachdach, agus gu'n tig e as an sin a rìs aig deireadh an t-saoghail a thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh?

Agus am bheil thu 'creidsinn anns an Spiorad naomh, 's an Eaglais naoimh Choitchionn, 'an Comhchomunn nan naomh, 'am maitheanas pheacaidhean, 'an aiseirigh na feòla, agus 's a' bheatha mhaireannaich an déigh a' bhàis?

¶ *Freagraidh an neach tinn,*

Tha mi 'creidsinn so uile gu daingean.

¶ *An sin ceasnaichidh am Ministeir a dh'fheuchainn an d' rinn e fìor aithreachas air son a pheacaidhean, agus am bheil e 'an gràdh ris an t-saoghal uile; ag earalachadh air maitheanas a thoirt o ghrunnd a chridhe do na h-uile dhaoinibh a rinn eucoir air, agus ma rinn e féin eucoir air neach sam bith, maitheanas iarraidh orra; agus far an d' rinn e eucoir no cron air duine sam bith, gu'n toir e dìoladh seachad cho fada 's a tha 'n a chomas. Agus mur do bhuilich e a mhaoin roimhe, comhairlichidh e an sin dha a thiomnadh a dheanamh, agus 'fhiachan ainmeachadh ciod a tha aige ri 'dhìoladh agus ciod a tha ri dhìoladh dha, gu 'choguis a dheanamh na's socraiche, agus a sheachdnadh dragh do luchd-curaim a thiomnaidh. Ach bu chòir daoine a chur 'an cuimhne gu tric gu'n gabhadh iad cothrom air an gnothuichean saoghalta a shocrachadh an uair a tha iad 'n an slàinte.*

¶ *Feudaidh na briathran so a dh' aithriseadh roimhe 'bhi air an ràdh mu'n tòisich am Ministeir air 'urnuigh, mar a chi e aobhar air.*

¶ *Cha bu chòir do'n Mhinisteir dearmad a dheanamh air earalachadh gu dùrachdach air an leithidibh sin de phearsannaibh easlainteach aig am bheil an comas, gu'm bi iad fialaidh ris na bochdaibh.*

¶ *An sin théid earalachadh air an neach thinn aidmheil shònraichte a dheanamh air a pheacaidhibh, ma tha e 'mothachadh a choguis fo thrioblaid le ni cudthromach air bith. Agus an déigh na h-aidmheil so, bheir an Sagart fuasgladh dha (ma dh'iarras se e gu h-ùmhal agus gu dùrachdach) air an dòigh so.*

AR Tighearn Iosa Criosd, a dh'fhàg cumhachd aig 'Eaglais gu fuasgladh nan uile pheacach a ni gu firinneach aithreachas agus a chreideas ann, o 'mhòr thròcair gu'm maitheadh e dhuitsa do chionta; Agus le 'ùghdarras-san a dh'earbadh riumsa, tha mi 'g ad fhuasgladh o d' uile pheacaidhibh, Ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

¶ *Agus an sin their an Sagart an Guidhe so a leanas.*

Deanamaid urnuigh.

O 'Dhé ro thròcairich, a rèir lìonmhorachd do thròcairean a tha a' cur air falbh pheacaidhean na muinntir sin a tha gu firinneach aithreach, air chor a's nach cuimhnich thu iad na's mò; Fosgail sùil do thròcair air do sheirbhiseach an neach so, a tha gu ro dhùrachdach ag iarraidh fuasglaidh agus maitheanais. Ath-nuadhaich *ann* (Athair ro ghràdhaich) ciod air bith a tha air caitheamh air falbh le mealltaireachd agus mì-run an diabhuil, no le *'thoil* agus *'anmhuinneachd* fheòlmhoir féin; dìon agus sìor-ghleidh an neach easlainteach so ann an aonachd d' Eaglais; thoir fainear *'aithreachas*, gabh ri *'dheuraibh*, lughdaich a *chràdh*, mar is ro fheumaile *dha* ann ad shealladh-sa. Agus do bhrìgh gu bheil *e* a' cur a làn earbsa a mhàin ann ad thròcair-sa, na cuir as a leth a *pheacaidhean* a chaidh seachad; ach neartaich *e* le d' Spiorad beannaichte, agus an uair is toil leat a *thoirt* as an so, gabh *e* gu d' dheadh-ghean, tre dheadh-thoillteanais do Mhic ro ionmhuinn Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin their am Ministeir an t-Salm so.*

In te, Domine, speravi. Salm lxxi.

ANnadsa, a Thighearna, cuiream mo dhòigh, nàire na bitheadh orm am feasd: a' d' cheartas teasairg mi, agus thoir orm dol as; aom do chluas rium, agus saor mi.

Bi-sa a' d' charaig làidir dhomh, chum an rachainn a ghnàth: dh' àithn thu mi 'bhi air mo shaoradh, oir is tu mo charraig, agus mo dhaingneach.

O mo Dhia, thoir fuasgladh dhomh á làimh an aingidh: á làimh an duine eucoraich agus an-iochdmhoir.

Oir is tusa mo dhòchas, a Thighearna Dhé: mo dhòigh o m' òige.

Leat-sa chumadh mise suas o 'n bhroinn: á innibh mo mhàthar bhuin thu mi; ortsa bithidh mo mholadh an còmhnuidh.

Mar aobhar iongantais tha mi aig mòran: ach is tusa mo thearmunn làidir.

Lìonar mo bheul le d' mholadh; le d' urram-sa gach là.

Na tilg uait mi 'an àm sean aoise: 'n uair a dh'fhàilnicheas mo neart na tréig mi.

Oir labhair mo naimhdean a'm' aghaidh, agus ghabh iadsan a tha 'feitheamh nam fàth air m'anam, comhairle le 'chéile, ag ràdh: Thréig Dia e, leanaibh e gu teann, agus glacaibh e; oir cha-n'eil neach ann a shaoras e.

A Dhé, na bi-sa fada uam: O mo Dhia, greas gu m' chabhair.

Bitheadh nàire, bitheadh claoidh air eascairdibh m'anama: còmhdaichear le masladh agus le mi-chliu iadsan, a tha 'g iarraidh m'uilc.

Ach sìor-earbaidh mise: agus cuiridh mi ri d' chliu uile.

Aithrisidh mo bheul d'fhìreantachd, air feadh an là do shlàinte: ged nach aithne dhomh an àireamh.

Théid mi air m'aghaidh ann an neart an Tighearna Dhé: ni mi sgeul air d'fhìreantachd, d'fhìreantachd féin a mhàin.

O 'Dhé, theagaisg thu mi o m'òige: agus gu ruige so chuir mi d'oibre iongantach 'an céill.

Agus a nis an uair a tha mi sean agus liath, a Dhé na tréig mi: gus an cuir mi 'an céill do neart do'n àl so do gach àl riteachd do chumhachd.

Agus tha d'fhìreantachd-sa, a Dhé, ro àrd, O thusa a rinn nithe mòra: a Dhé, cò is cosmhuil riut?

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac: agus do'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *Agus their e so cuideachd.*

O 'Shlànuidhir an t-saoghail, a shaor sinn le d' chrannceusaidh agus le d' fhuil ro luachmhoir, sàbhail sinn agus cuidich leinn, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort, O 'Thighearna.

¶ *An sin their am Ministeir,*

AN Tighearn Uile-chumhachdach, a tha 'n a dhaingneach làidir dhoibhsan uile a tha 'cur an earbsa ann, d'am bheil na h-uile nithe air nèamh, air talamh, agus fo 'n talamh a' lùbadh agus a' toirt géill, bitheadh e a nis agus gu sìorruidh tuilleadh 'n a dhìdean dhuit; agus thugadh e ort a thuigsinn agus fhaireachduinn, nach 'eil ainm air bith eile fo nèamh air a thoirt do dhuine, anns am feud, agus trìd am feud thu slàinte agus sàbhaladh fhaotainn, ach a mhàin Ainm ar Tighearna Iosa Criosd. Amen.

¶ *Agus an déigh sin their e,*

THa sinn 'g ad thoirt a suas do thròcair agus do dhìdean gràsail Dhé. Gu'm beannaicheadh an Tighearn thu agus gu'n gleidheadh e thu. Gu'n tugadh an Tighearn air 'aghaidh dealrachadh ort, agus gu'm bitheadh e gràsmhor dhuit. Gu'n togadh an Tighearn suas a ghnùis ort, agus gu'n tugadh e sìth dhuit, araon a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

Urnuigh air son Leinibh thinn.

O 'Dhé Uile-chumhachdaich agus Athair thròcairich, a' d' làimh-sa a mhàin tha beatha agus bàs; Amhairc a nuas o nèamh, tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort, le sùilibh tròcaireach air an leanabh so a tha a nis 'n a luidhe air leabaidh tinneis: Fiosraich *e*, O 'Thighearna, le d' shlàinte; fuasgail *air* ann ad dheadh àm iomchuidh

o *'chràdh* corporra, agus sàbhail *'anam* air sgàth do thròcairean. Chum ma 's e do thoil a làithean a shìneadh an so air talamh, gu'n caith *e* a *bheatha* dhuitsa, agus gu'm bi *e* 'n a *inneal* air do ghlòir, le seirbhis a dheanamh dhuit gu dìleas, agus le maith a dheanamh 'n a lìnn ; air neo gabh e a steach do na h-ionadaibh còmhnuidh nèamhaidh sin, far am bheil anaman na muinntir sin a tha 'n an codal anns an Tighearn Iosa a' mealtuinn fois' agus sonais shìorruidh. Deònaich so, O 'Thighearna, air sgàth do thròcairean, anns an ti cheudna do Mhac ar Tighearn Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad naomh, sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Urnuigh air son pearsa thinn, an uair nach 'eil ach beag sùil r'a theachd uaith.

O Athair nan tròcairean, agus a Dhé gach uile chomhfhurtachd, ar n-aon chòmhnadh ann an àm feuma ; Tha sinn a' ruith a d' ionnsuidh air son cabhair as leth do sheirbhisich an neach so, ann an so 'n a luidhe fo d' làimh 'am mòr anmhuinneachd cuirp. Amhairc gu gràsail *air,* O 'Thighearna, agus mar is mò a tha 'n duine o'n leth muigh a' caitheamh air falbh, neartaich e mar so, tha sinn a' guidhe ort, na's mò do ghnàth le d' ghràs agus le d' Spiorad naomh anns an duine a stigh. Thoir *dha* aithreachas neo-chealgach air son uile mhearachdan a *bheatha* 'chaidh seachad, agus creidimh daingean ann ad Mhac Iosa, chum 's gu'm bi a *pheacaidhean* air an cur air falbh le d' thròcair, agus a *mhaitheanas* seulaichte air nèamh, mu'n téid *e* as a' so, agus nach faicear *e* na 's mò. Tha fios againn, O 'Thighearna, nach 'eil focal air bith mi-chomasach dhuitsa ; agus ma's àill leat, gur h-urrainn duit eadhon fathast a *thogail* suas, agus tuilleadh ùine a dheònachadh *dha* 'n ar measg. Gidheadh, do bhrìgh a réir an uile choltais gu'm bheil àm a *chaochlaidh* am fagus, mar so ullaich agus deasaich *e,* tha sinn a' guidhe ort, fa chomhair uair a' bhàis, chum air *dha* siùbhal as an t-saoghal so ann an sìth agus ann ad dheadh-ghean, gu'm bi *'anam* air a *ghabhail* a steach do d' rìoghachd shìorruidh, tre dheadh-thoillteanais ar-n-Eadarmheadhonair Iosa Criosd d'aon Mhic, ar Tighearna agus ar Slànuidhir. *Amen.*

¶ *Urnuigh air son liubhairt anama neach thinn' a tha air adhart bàis.*

O 'Dhé Uile-chumhachdaich, maille ris a' bheil beò spiorada nam firean air an deanamh foirfe, air dhoibh a bhi air an saoradh o'm prìosanaibh talmhaidh ; Tha sinn gu h-ùmhal a' liubhairt anam' do sheirbhisich an neach so, ar *bràthair* ionmhuinn, ann ad làmhan-sa mar ann an làmhan Cruithfhir dhìlis, agus Slànuidhir ro thròcairich ; gu ro ùmhal a' guidhe ort gu'm bi e luachmhor ann ad shealladh. Nigh e, tha sinn a' guidhe ort ann am fuil an Uain sin gun smal a mharbhadh a thoirt air falbh pheacaidhean an t-saoghail ; ionnus ge b'e air bith an sal a thionail e 'am measg an t-saoghail thruaigh agus aingidh so, tre ana-miannaibh na feòla, no innleachdaibh Shàtain, air dhoibh 'bhi air an glanadh air falbh, gu'm bi e air a chur a'd' làthair fìor-ghlan agus gun smal. Agus teagaisg sinne a tha beò 'n a *dhéigh,* ann an so agus 'n a leithidibh eile de sheallaidhibh làitheil air bàsmhorachd, fhaicinn cia breòite agus neo-chinnteach 's a tha ar staid féin, agus mar so ar làithean àireamh, a chum am feadh 's tha sinn beò ann an so gu'n toir sinn ar cridheachan da rìreadh a suas do'n ghliocas naomh agus nèamhaidh sin, a bheir fa-dheoidh sinn gu beatha mhaireannaich, tre dheadh-thoillteanais Iosa Criosd d'aon Mhic ar Tighearna. *Amen.*

Urnuigh air son pearsannan a tha fo thrioblaid inntinn no coguis.

O 'Thighearna bheannaichte, Athair nan tròcairean, agus a Dhé gach uile chomhfhurtachd, tha sinn a' guidhe ort amharc a nuas ann an iochd agus ann an truas air do sheirbhiseach an neach so a tha fo àmhghar. Tha thu 'sgrìobhadh nithe searbha 'n a *aghaidh,* agus a' toirt *air 'euceartan* a chaidh seachad a shealbhachadh ; luidh d' fhearg *air* gu teann, agus tha *'anam* làn truaighe : Ach, O 'Dhé thròcairich, a sgrìobh d' fhocal naomh air son ar teagaisg, chum tre fhoighidin agus chomhfhurtachd do Sgriobtuirean naomha gu'm bitheadh dòchas againne ; thoir *dha* tuigse cheart *air* féin, agus air do bhagraidhibh agus do gheallaidhibh, chum nach tilg *e* air falbh a *mhuinghin* annad, agus nach socraich *e* i ann an àite airbith ach annadsa. Thoir neart *dha* an aghaidh a *bhuair-*

idhean uile, agus slànuich *'easlaintean* uile. Na bris a' chuilc bhrùite, agus na mùch an lìon d'am bheil caol smùid. Na druid do chaomh-thròcairean ann an corruich; ach thoir *air* guth subhachais agus aoibhneis a chluinntinn, a chum gu'n dean na cnàmhan a bhrìs thu gàirdeachas. Saor *e* o eagal an nàmhaid, agus tog *air* solus do ghnùise, agus thoir *dha* sìth, tre dheadh-thoillteanais ar n-Eadar-mheadhonair Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

COMANACHADH NA MUINNTIR THINN'.

¶ *DO bhrìgh gu bheil na h-uile dhaoine bàsmhor buailteach do dh' iomadh cunnart, easlaint agus tinneas obann, agus gun fhios aca uair air bith c'ùine dh' fhàgas iad an saoghal so; air an aobhar sin, a chum 's gu'm bi iad do ghnàth ullamh gu bàs fhaotainn ge b'e uair is toil le Dia Uile-chumhachdach an gairm, earalaichidh na Buachaillean spioradail gu dùrachdach o àm gu àm (ach gu h-àraid ann an àm plàighe, no tinneis ghabhaltaich air bith eile) air an Luchd-sgrèachd gu'n gabh iad gu tric Comanachadh naomh cuirp agus fola ar Slànuidhir Criosd, an uair a bhitheas e air a fhrithealadh gu follaiseach anns an Eaglais; a chum ma ni iad so, gu'm bi aca na's lugha de dh' aobhar iomaguin, mur urrainn iad a ghabhail an uair a thig fiosrachadh obann orra. Ach mur urrainn an neach a tha tinn teachd do'n Eaglais, agus gidheadh gu bheil e 'miannachadh an Comanachadh a ghabhail 'n a thigh; an sin feumaidh e fios a thoirt ann an àm do'n Bhuachaille spioradail, ag innseadh cuideachd cia meud a tha'dol a ghabhail a' Chomanachaidh maille ris (oir is còir triuir, no dithis air a chuid a's lugha a bhi ann) agus air do àite freagarrach ann an tigh an duine thinn', maille ris na h-uile nithe feumail mar sin 'bhi air an ullachadh air chor a's gu'm feud am Buachaille spioradail seirbhis a dheanamh gu h-urramach frithealaidh e an sin an Comanachadh naomh, a' tòiseachadh leis a' Ghuidhe, an Litir, agus an Soisgeul a leanas an so.*

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, a chruithfhir a' chinne-daoine, a tha 'cronachadh

na muinntir a's gràdhach leat, agus a' smachdachadh gach aon a tha thu 'gabhail; Tha sinn a' guidhe ort tròcair a dheanamh air do sheirbhiseach an neach so air an do leag thu do làmh, agus deònaich gu'n gabh *e* a *thinneas* gu foighidneach, agus gu'm faigh *e* a *shlàinte* chorporra (ma 's e sin do thoil ghràsail féin) agus ge b'e uair a dh' fhàgas *'anam* an corp, gu'm bi e gun smal air a thoirt a'd' làthair, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Litir. Eabh. xii. 5.

A Mhic, na cuir suarach smachdachadh an Tighearn', agus na fannaich an uair a chronaichear leis thu. Oir an ti a's ionmhuinn leis an Tighearn, smachdaichidh e, agus sgiùrsaidh e gach mac ris an gabh e.

An Soisgeul. N. Eoin v. 24.

GU deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ruibh, An ti a dh' éisdeas ri m' fhocal-sa, agus a tha 'creidsinn anns an ti a chuir uaith mi, tha a' bheatha mhaireannach aige, agus cha tig e chum dìtidh; ach chaidh e thairis o bhàs gu beatha.

¶ *An déigh so, théid an Sagart air aghaidh a réir na riaghailt a chuireadh a sìos roimhe air son a' Chomanachaidh naoimh, a' tòiseachadh aig na briathraibh so* [Sibhse a tha gu fìrinneach, &c.]

¶ *Aig àm riarachaidh na Sàcramaid naoimhe, gabhaidh an Sagart e féin an Comanachadh an toiseach, agus an déigh sin frithealaidh e dhoibhsan e a tha air an sònrachadh gus an Comanachadh a ghabhail maille ris an neach thinn, agus 'n an déigh uile do 'n neach thinn.*

¶ *Ach mur 'eil duine a' gabhail Sàcramaid cuirp agus fola Chriosd, le meud a thinneis, no le dìth rabhadh a thoirt do'n Buachaille spioradail ann an àm iomchuidh, no le dìth cuideachd g'a ghabhail maille ris, no le aobhar bacaidh ceart air bith eile, teagaisgidh am Buachaille spioradail e, gu bheil e 'g itheadh agus ag òl cuirp agus fola ar Slànuidhir Criosd gu tarbhach chum slàinte 'anama, ged nach 'eil e 'gabhail na Sàcramaid le 'bheul, ma tha e a' deanamh gu fìrinneach aithreachais air son a pheacaidhean; agus gu diongmhalta a' creidsinn gu'n d' fhuiling Iosa Criosd bàs air*

a' chrann-cheusaidh air a shon, agus gu'n do dhoirt e 'fhuil air son a shaorsainn, a' cuimhneachadh gu dùrachdach nan sochairean a tha e 'faighinn leo, agus a' toirt buidheachais o 'chridhe dha air an son.

¶ *An uair a thig an Sagart a choimhead air a' phearsa thinn, agus a bheir e dha an Comanachadh naomh aig an àm cheudna, an sin, air son tuilleadh cabhaig, gearraidh e goirid riaghailt Coimhid na Muinntir thinn' aig an t-Salm* [Annadsa, a Thighearna, cuiream mo dhòigh] *agus théid e dìreach air aghaidh a chum a' Chomanachaidh.*

¶ *Ann an àm na plàighe, fallais, no ann an àmaibh tinneis no easlaintean ghabhaltach air bith eile cosmhuil riu sin, 'n uair nach faighear neach air bith de mhuinntir na Sgìreachd no de na coimhearsnaich gus an Comanachadh a ghabhail maille ris a' mhuinntir thinn 'n an tighibh, air eagal gu'n gabh iad an galar, aig iarrtus sònraichte an neach easlaintich, feudaidh am Ministeir 'n a aonar an Comanachadh a ghabhail maille ris.*

AN T-ORDUGH

AIR SON

ADHLACADH NAM MARBH.

¶ *An so tha e ri 'thoirt fainear, nach 'eil an t-Seirbhis a leanas r' a gnàthachadh air son muinntir sam bith a shiubhail gun bhaisteadh, no 'tha fo ascaoin-Eaglais, no a chuir làmh annta féin.*

¶ *An uair a choinnicheas an Sagart agus na Cléirich an corp aig geata a' Chlaidh, théid iad roimhe, a dh'ionnsuidh na h-Eaglais, no na h-uaighe, agus their, no seinnidh iad,*

N. Eoin xi. 25, 26.

IS mise an aiseirigh agus a' bheatha, tha an Tighearn ag ràdh: an ti a chreideas annam-sa, ged gheibheadh e bàs, bithidh e beò. Agus ge b'e neach a tha beò agus a' creidsinn annam-sa, cha-n fhaigh e bàs am feasd.

Iob xix. 25, 26, 27.

THa fios agam gu bheil m' Fhear-saoraidh beò, agus mu dheireadh gu'n seas e air an talamh. Agus

an déigh dhoibh so mo chraicionn a chnàmh; gidheadh ann am fheòil gu'm faic mi Dia: neach a chi mise air mo shon féin, agus air an amhairc mo shùilean-sa agus ni h-e neach eile.

1 Tim. vi. 7. Iob i. 21.

CHa d'thug sinn ni air bith leinn do 'n t-saoghal so, agus is soilleir nach urrainn sinn ni sam bith a thoirt as. Thug an Tighearn seachad, agus thug an Tighearn leis; beannaichte gu robh Ainm an Tighearna.

¶ *An déigh dhoibh teachd a steach do'n Eaglais, leughar aon no an dithis de na Sailm so a leanas.*

Dixi custodiam. Salm xxxix.

THubhairt mi, Bheir mi 'n aire do m' shlighibh: nach peacaich mi le m' theangaidh.

Gleidhidh mi srian air mo bheul: an uair a bhitheas an duine aingidh a' m' fhianuis.

Bha mi balbh, tosdach: dh' fhan mi o labhairt maith féin; ach dhùisgeadh mo dhoilgheas.

Dh' fhàs mo chridhe teth an taobh a stigh dhìom, 'n uair a bha mi a' beachd-smuaineachadh, las an teine: labhair mi le m' theangaidh.

Thoir fios dhomh, a Thighearn', air mo chrìch, agus tomhas mo làithean ciod e: chum gu'm bi fios agam cia gearr mo ré.

Feuch, mar leud boise rinn thu mo làithean; agus tha m'aois mar neo-ni a'd' fhianuis, gu deimhin is dìomhanas gach duine d'a fheabhas.

Gu deimhin tha gach duine a' siubhal ann an samhladh dìomhain, gu deimhin cuirear mi-shuaimhneas orra gu faoin: carnaidh neach suas beartas, gun fhios aige cò mhealas e.

Agus a nis ciod ris am feitheam, a Thighearna: tha mo dhòchas annad-sa.

Saor mi o m'eusaontais uile: na dean ball-maslaidh an amadain dhìom.

Bha mi ann am thosd, cha d'fhosgail mi mo bheul: a chionn gur tusa a rinn e.

Tog dhìom do bhuille: le beum do làimh-sa chlaoidheadh mi.

Le achmhasain air son euceirt 'n uair a chronaich-

eas tu duine, bheir thu air a shnuadh caitheamh mar leòmann: gu deimhin is dìomhanas gach duine.

Cluinn m'urnuigh, a Thighearn', agus éisd ri m' ghlaodh: ri m' dheoir na bi a'd' thosd.

Oir is coigreach mi maille riut: agus fear-cuairt mar m'aithrichean uile.

O caomhain mi, chum gu'm faigh mi neart: mu'n siubhail mi, agus nach bi mi ann na's mò.

Glòir do 'n Athair agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad Naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

Domine refugium. Salm xc.

A Thighearna, bha thusa a'd' ionad-còmhnuidh dhuinn: o linn gu linn.

Mu'n do ghineadh na beanntan, agus mu'n do dhealbh thu an talamh agus an cruinn-cé: eadhon o bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd, is tusa Dia.

Tionndaidhidh tu an duine gu sgrios: agus their thu, Pillibh, a chlann nan daoine.

Oir tha mìle bliadhna ann ad shealladh-sa mar an là 'n dé 'n uair a théid e seachad: agus mar fhaire anns an oidhche.

Dh' fhuadaich thu iad, mar le sruth, mar chodal tha iad: anns a' mhaduinn tha iad mar fheur a dh' fhàsas suas.

Air maduinn thig e fo bhlàth, agus fàsaidh e suas: air feasgar gearrar sìos e, agus seargaidh e.

Oir tha sinn air ar caitheamh le d' fheirg: agus le d' chorruich tha sinn air ar claoidh.

Chuir thu ar n-euceartan a'd' fhianuis: ar peacaidhean dìomhair ann an solus do ghnùise.

Oir tha ar làithean air teireachduinn ann ad fheirg: chaith sinn ar bliadhnacha, mar sgeul a dh' innseadh.

Tha làithean ar bliadhnacha 'n an tri fichead bliadhna agus a deich, agus le tuilleadh neirt ma bhitheas ceithir fichead ann: is saothair agus doilgheas an spionnadh; oir gearrar as e gu grad, agus siubhlaidh sinn.

Cò d' an aithne neart d' fheirge: agus a réir d' eagail, do chorruich?

Teagaisg dhuinn mar so ar làithean àireamh: chum gu'n

iocraich sinn ar cridhe air gliocas.

Pill, a Thighearna, cia fhad: agus gabh aithreachas a thaobh do sheirbhiseach.

Sàsuich sinn gu moch le d' thròcair: a chum gu'n dean sinn gairdeachas agus aoibhneas rè ar làithean uile.

Dean aoibhneach sinn, a réir nan là air an do chràidh thu sinn: nam bliadhna anns am faca sinn olc.

Faicear d'obair le d' sheirbhisich: agus do ghlòir le 'n cloinn.

Agus bitheadh Maise an Tighearn' ar Dé oirnn: agus daingnich thusa obair ar làmh dhuinn, seadh, daingnich obair ar làmh.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin leanaidh an Leasan, air a thoirt as a' chùigeamh Caibideil deug dé'n cheud Litir chum nan Corintianach le Naomh Pòl.*

1 Cor. xv. 20.

A Nis tha Criosd air éirigh o na mairbh, agus rinneadh dheth an ceud thoradh dhiubh-san a choidil. Oir mar is ann tre dhuine thàinig am bàs, is ann tre dhuine thig aiseirigh nam marbh mar an ceudna. Oir mar ann an Adhamh a tha na h-uile a' faghail a' bhàis, is amhuil sin mar an ceudna a nithear na h-uile beò ann an Criosd. Ach gach uile dhuine 'n a ordugh féin: Criosd an ceud thoradh; 'n a dhéigh sin iadsan a's le Criosd, aig a theachd. An sin bithidh a' chrìoch dheireannach, 'n uair a bheir e suas an rìoghachd do Dhia, eadhon an t-Athair; an uair a chuireas e as do gach uile uachdaranachd, agus gach uile ùghdarras agus chumhachd. Oir is éigin gu'n rìoghaich e gus an cuir e a naimhdean uile fo a chosaibh. Sgriosar an nàmhaid deireannach, am bàs: Oir chuir e na h-uile nithe fo a chosaibh. Ach an uair a tha e ag ràdh gu'n do chuir e na h-uile nithe fodha, is ni follaiseach gu bheil esan a chuir na h-uile nithe fodha 'an leth muigh dheth so. Agus an uair a chuirear na h-uile nithe fodha, an sin bithidh am Mac féin fo 'n ti a chuir na h-uile nithe fodha-san, chum gu'm bi Dia 'n a uile anns na h-uile.

No ciod a ni iadsan a bhaistear air son nam marbh, mur éirich na mairbh air aon dòigh? c'ar son ma seadh a bhaistear iad air son nam marbh? Agus c'ar son a tha sinne 'an gàbhadh gach uair? Air 'ur gairdeachas-se, a tha agam ann an Iosa Criosd ar Tighearn, tha mi a' faghail a' bhàis gach là. Ma chòmhraig mi mar dhuine ri fiadh-bheathaichibh ann an Ephesus, ciod i mo thairbhe, mur éirich na mairbh? Itheamaid agus òlamaid, oir am màireach gheibh sinn bàs. Na meallar sibh; truaillidh droch chomhluadar deadh bheusan. Dùisgibh chum fìreantachd, agus na deanaibh peacadh: oir cha-n'eil eòlas Dhé aig cuid. Chum 'ur nàire tha mi a' labhairt so. Ach their neach-éigin, Cionnus a dh'éireas na mairbh? agus ciod a' ghnè cuirp leis an tig iad? Amadain, an ni sin a chuireas tu cha bheothaichear e, mur bàsaich e air tus. Agus an ni a chuireas tu, cha-n e an corp a bhitheas a tha thu 'cur, ach gràinne lom, feudaidh e 'bhi de chruithneachd, no de sheòrsa-éigin eile. Ach tha Dia a' toirt cuirp dha, mar bu toil leis, agus do gach uile shìol a chorp féin. Cha-n aon fheòil gach uile fheòil, ach tha feòil air leth aig daoinibh, agus feòil eile aig ainmhidhean, feòil eile aig iasgaibh, agus feòil eile aig eunlaith. Agus tha cuirp nèamhaidh ann, agus cuirp thalmhaidh; gidheadh tha glòir air leth aig na cuirp nèamhaidh, agus glòir eile aig na cuirp thalmhaidh. Tha aon ghlòir aig a' ghréin, agus glòir eile aig a' ghealaich, agus glòir eile aig na reultaibh; oir tha eadar-dhealachadh eadar reult agus reult a thaobh glòire. Agus is ann mar sin a bhitheas aiseirigh nam marbh; Cuirear ann an truaillidheachd e; togar ann an neo-thruaillidheachd e: Cuirear e ann an easurram; togar ann an glòir e: Cuirear ann an anmhuinneachd e; éiridh e ann an cumhachd: Cuirear e 'n a chorp nàdurra; éiridh e 'n a chorp spioradail. Tha corp nàdurra ann, agus corp spioradail. Agus mar so tha e sgrìobhta, Rinneadh an ceud duine Adhamh 'n a anam beò, an t-Adhamh deireannach 'n a Spiorad a bheothaicheas. Gidheadh, cha-n e an ni spioradail a bha ann air tùs; ach an ni nàdurra, agus 'n a dhéigh sin an ni spioradail. An ceud duine o'n talamh, talmhaidh: an dara duine an Tighearn o nèamh. Mar an duine talmhaidh, is amhuil sin iadsan a tha talmhaidh: agus mar a tha an duine nèamhaidh,

is ann mar sin iadsan a tha nèamhaidh. Agus mar a ghiùlain sinn ìomhaigh an duine thalmhaidh, giùlainidh sinn mar an ceudna ìomhaigh an duine nèamhaidh. A nis so tha mi ag ràdh, a bhràithre, nach feudar le feòil agus fuil rìoghachd Dhé a shealbhachadh; ni mò a shealbhaicheas truaillidheachd neo-thruaillidheachd. Feuch, tha mi a' labhairt ni dìomhair ruibh. Cha choidil sinn uile, ach caochlaidhear sinn uile ann an tiota, ann am priobadh na sùla, ri guth na trompaid deireannaich; (oir séididh an trompaid agus éiridh na mairbh neo-thruaillidh, agus caochlaidhear sinne.) Oir is éigin do'n chorp thruaillidh so neo-thruaillidheachd a chur uime, agus do'n chorp bhàsmhor so neo-bhàsmhorachd a chur uime. Agus an uair a chuireas an corp truaillidh so neo-thruaillidheachd uime, agus a chuireas an corp bàsmhor so neo-bhàsmhorachd uime, an sin coimhlionar am focal a tha sgrìobhta, Shluigeadh suas am bàs le buaidh. O 'bhàis, c'àit am bheil do ghath? O uaigh, c'àit am bheil do bhuaidh? Is e am peacadh gath a' bhàis, agus is e neart a' pheacaidh an lagh. Ach buidheachas do Dhia a tha 'toirt dhuinne na buadha, tre ar Tighearn Iosa Criosd. Uime sin, mo bhràithre gràdhach, bithibh-se daingean, neo-ghluasadach, a' sìor-mheudachadh ann an obair an Tighearn', air dhuibh fios a bhi agaibh nach 'eil 'ur saothair dìomhain anns an Tighearn.

¶ *An uair a thig iad chum na h-uaighe, am feadh 's a tha an corp air a dheanamh deas gu 'bhi air a chur 's an talamh, their an Sagart, no seinnidh an Sagart agus na Cléirich,*

CHa-n'eil aig duine a tha air a bhreith le mnaoi, ach ùine ghearr ri 'bhi beò, agus tha e làn de thruaighe. Tha e 'teachd a nios, agus air a ghearradh sìos mar bhlàth; tha e 'teicheadh mar fhaileas, agus cha mhair e idir ann an aon staid.

Ann am meadhon beatha tha sinn ann am bàs: cò air a dh' iarras sinn cabhair, ach ort-sa, O 'Thighearna, air am bheil corruich gu ceart air son ar peacaidhean?

Gidheadh, O 'Thighearna Dhé ro naoimh, O 'Thighearna ro chumhachdaich, O 'Shlànuidhir naoimh agus ro thròcairich, na toir thairis sinn do gheur phiantaibh bàis shìorruidh.

Is aithne dhuit, a Thighearna, uaigneis ar cridheachan; na druid do chluasan tròcaireach ri'r n-urnuigh; ach caomhain sinn, a Thighearna ro naoimh, O 'Dhé ro chumhachdaich, O 'Shlànuidhir naoimh agus thròcairich, thusa a Bhreithimh ro fhiachail agus shìorruidh, na fuiling dhuinn aig ar n-uair dheireannaich air son cràdh air bith bàis tuiteam uait-sa.

¶ *An sin am feadh a bhitheas an talamh air a thilgeadh air a' chorp le cuid dhiubhsan a tha 'n an seasamh a' làthair, their an Sagart,*

DO bhrìgh gu'm bu deònach le Dia Uile-chumhachdach o 'mhòr thròcair anam ar *bràthair* ionmhuinn an so air siubhal a ghabhail d'a ionnsuidh féin, tha sinn air an aobhar sin a' cur a *chuirp* anns an talamh; talamh ri talamh, luaithre ri luaithre, duslach ri duslach, ann an dòchas cinnteach agus diongmhalta 's an aiseirigh gu beatha shìorruidh, tre ar Tighearn Iosa Criosd, a chruthatharraicheas ar corp dìblidh, chum gu'n deanar e comh-chosmhuil r'a chorp glòrmhor féin, a réir an oibreachaidh chumhachdaich, leis am bheil e comasach air na h-uile nithean a chur fo 'cheannsal féin.

¶ *An sin theirear no seinnear,*

CHuala mi guth o nèamh, ag ràdh rium, Sgrìobh; Is beannaichte na mairbh a gheibh bàs anns an Tighearn á so a mach: seadh tha an Spiorad ag ràdh; chum gu faigh iad fois o'n saothair.

¶ *An sin their an Sagart,*

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d'Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn: Ach saor sinn o olc. *Amen.*

Sagart.

A Dhé Uile-chumhachdaich, maille ris am bheil beò spiorada na muinntir sin a gheibh bàs anns an Tighearna, agus maille ris am bheil anama nan creideach ann an aoibhneas agus ann an sonas, an déigh dhoibh a bhi air an saoradh o eallach na feòla; Tha sinn a' toirt buidheachais o 'r cridhe dhuit, a chionn gu 'm bu deònach leat ar *bràthair* so a shaoradh o thruaighibh an t-saoghail pheacaich so; a' guidhe ort, o d' mhaitheas gràsail gu'm bu deònach leat àireamh do mhuinntir thaghta féin a dheanamh a suas gun dàil, agus do rìoghachd a ghreasad; chum, maille riusan uile a shiubhail ann am fìor chreidimh d' Ainme naoimh, gu'm bi againne ar crìoch agus ar sòlas foirfe, araon ann an corp agus ann an anam, ann ad ghlòir shìorruidh agus mhaireannaich, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Guidhe.

O 'Dhé thròcairich, Athair ar Tighearna Iosa Criosd, an ti is e an aiseirigh agus a' bheatha; annsan ge b'e air bith a tha 'creidsinn, bithidh e beò, ged a gheibh e bàs; agus ge b'e air bith a tha beò agus a' creidsinn annsan, cha-n fhaigh e bàs sìorruidh; a theagaisg mar an ceudna dhuinn (le Naomh Pòl 'Abstol naomh) gun 'bhi brònach, mar dhaoine gun dòchas, air son na muinntir a tha 'codal annsan; Tha sinn gu h-ùmhal a' guidhe ort, O Athair, ar togail a suas o bhàs a' pheacaidh gu beatha na fìreantachd; a chum an uair a dh' fhàgas sinn a' bheatha so, gu'n gabh sinn fois annsan, mar tha dòchas againn gu bheil ar *bràthair* so a' deanamh, agus gu'm faighear sinn aig an aiseirigh choitchionn anns an là dheireannach taitneach ann ad shealladh, agus gu'm faigh sinn am beannachadh sin a labhras do Mhac ro ionmhuinn an sin ris a' mhuinntir sin uile leis an gràdhach thu agus air am bheil d' eagal, ag ràdh, Thigibh, a chlann bheannaichte m' Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rìoghachd a tha air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaitean an domhain. Deònaich so, tha sinn a' guidhe ort, O Athair thròcairich, tre Iosa Criosd ar n-eadar-mheadhonair agus ar fear-saoraidh. *Amen.*

GRàs ar Tighearna Iosa Criosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid naoimh, gu'n robh maille ruinn uile gu sìorruidh. *Amen.*

SEIRBHIS THAINGEALAIS NAM BAN 'S AN EAGLAIS.

¶ *Thig a' bhean aig an àm ghnàthaichte an déigh a h-asaid, do'n Eaglais air a sgeadachadh gu h-iomchuidh, agus an sin lùbaidh i sìos air a glùinibh ann an àite-éigin iomchuidh, mar tha cleachdta, no mar a dh'orduicheas Ard-fhear-ùghdarrais na h-Eaglais: Agus an sin their an Sagart rithe,*

DO bhrìgh gu'm bu deònach le Dia Uile-chumhachdach o 'mhaitheas fuasgladh sàbhailte a thoirt dhuitsa, agus gu'n do theasairg e thu ann am mòr chunnart asaid, bheir thu air an aobhar sin buidheacheas o d' chridhe do Dhia, agus their thu,

(¶ *An sin their an Sagart Salm cxvi*).

Dilexi quoniam. Salm cxvi.

IS toigh leam an Tighearn: oir dh'éisd e ri guth m'athchuingean.

A chionn gu'n d'aom e a chluas rium: uime sin ri m' bheò éighidh mi ris.

Chuairtich doilgheasan a' bhàis mi: agus ghlac piantan ifrinn mi.

Fhuair mi teinn agus bròn, an sin ghairm mi air Ainm an Tighearn: A Thighearna, guidheam ort, saor m'anam.

Is gràsmhor an Tighearn, agus cothromach: agus is tròcaireach ar Dia-ne.

Gleidhidh an Tighearn na daoine aon-fhillte: dh'islicheadh mi, agus theasairg e mi.

Pill, O m'anam, gu d' shuaimhneas: oir bhuin an Tighearn riut gu fial.

Oir shaor thu m'anam o'n bhàs: mo shùil o dheuraibh, agus mo chos o shleamhnachadh.

Gluaisidh mi ann am fianuis an Tighearn': ann an tìr nam beò.

Chreid mi, uime sin labhair mi, chlaoidheadh mi gu mòr: thubhairt mi a'm' dheifir, Tha gach duine breugach.

Ciod a dh'ìocas mi do'n Tighearn: air son 'uile thiodhlacan dhomh?

Glacaidh mi cupan na slàinte: agus gairmidh mi air Ainm an Tighearna.

Iocaidh mi mo bhòidean do'n Tighearn a nis 'an làthair a shluaigh uile: ann an cùirtibh tighe an Tighearn', ann ad mheadhon-sa, O Ierusalem. Molaibhse an Tighearn.

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac: agus do'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *No Salm* cxxvii.

Nisi Dominus. Salm cxxvii.

MUr tog an Tighearn an tigh: gu dìomhain saothraichidh a luchd-togail.

Mur gléidh an Tighearn am baile: gu dìomhain ni am fear-coimhid faire.

Is dìomhain dhuibh-se 'bhi 'g éirigh gu moch, a bhi 'suidhe gu h-anmoch, ag itheadh arain a' bhròin: 'n uair a bheir esan codal d' a sheircinn.

Feuch, is iad clann oighreachd an Tighearna: toradh na bronn a dhuais.

Mar shaighdibh ann an làimh gaisgich: mar sin tha mic na h-òige.

Is sona am fear aig am bheil a bholg-saighead làn diubh: cha bhi nàire orra 'n uair a labhras iad r'an naimhdibh anns a' gheata.

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac: agus do'n Spiorad naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth; saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin their an Sagart,*

Deanamaid urnuigh.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d'Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buair-

eadh sinn: Ach saor sinn o olc. Oir is leata an rìoghachd, an cumhachd, agus a' ghlòir, gu sìorruidh agus gu sìorruidh. Amen.

Ministeir.

O 'Thighearna, sàbhail a' bhean so do sheirbhiseach;

Freagairt.

A tha 'cur a h-earbsa annad.

Ministeir.

Bi thusa a'd' dhaingneach làidir dhi;

Freagairt.

O aghaidh a nàmhaid.

Ministeir.

A Thighearna, éisd ar n-urnuigh.

Freagairt.

Agus thigeadh ar glaodh ad' ionnsuidh.

Ministeir.

Deanamaid urnuigh.

O 'Dhé Uile-chumachdaich, tha sinn a' toirt buidheachais ùmhail dhuit air son gu'n do dheònaich thu a' bhean so do sheirbhiseach a shaoradh o mhòr chràdh agus chunnart asaid; Deònaich, tha sinn a' guidhe ort, Athair ro thròcairich, tre d' chòmhnadh araon gu'n caith i a beatha gu creideach, agus gu'n gluais i a réir do thoil anns a' bheatha so, agus mar an ceudna gu'm bi comhpairt aice de ghlòir shìorruidh anns a' bheatha a tha ri teachd, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *A' bhean a thig a thoirt a buidheachais, feumaidh i an tabhartas gnàthaichte a thoirt seachad; agus ma bhitheas Comanachadh ann, tha e iomchuidh gu'n gabh i an Comanachadh naomh.*

COMH-BHAGRADH

NO

CUR 'AN CEILL CORRUICH AGUS BHREITHEANAS DHE AN AGHAIDH PHEACACH, MAILLE RI URNUIGHIBH ARAIDH, RI'N GNATHACHADH AIR A' CHEUD LA DE'N CHARMHAS, AGUS AIR AMAIBH EILE, MAR A DH' ORDUICHEAS ARD-FHEAR-UGHDARRAIS NA H-EAGLAIS.

¶ *An déigh Urnuigh Mhaidne air do'n Laoidh-dhiann 'crìochnachadh a réir na dòighe ghnàthaichte, their an Sagart anns an Ionad-leughaidh no anns a' Chrannaig,*

A Bhràithrean, bha smachd diadhaidh anns a' phrìomh Eaglais, ann an toiseach a' Charmhais, gu'm bitheadh a' mhuinntir a fhuaradh ciontach de pheacadh comharaichte, air an cur gu aithreachas follaiseach, agus air am peanasachadh anns an t-saoghal so, chum gu'm bitheadh an anaman sàbhailte ann an là an Tighearna; agus air do dhaoine eile 'bhi air an teagasg le 'n eisempleir-san, gu'm bitheadh tuilleadh eagail orra ciontachadh.

'An àite sin (gus am bi an smachd ceudna air a thoirt air ais, a rìs, ni 'tha ri mhiannachadh gu mòr) chunnacas iomchuidh, aig an àm so ('n 'ur làthair-se uile) gu'm bitheadh air an leughadh na dìtidhean coitchionn de mhallachadh Dhé an aghaidh pheacach neo-aithreach, a tha air an tional as an t-seachdamh Caibideil thar an fhichead de Dheuteronomi, agus á àitibh eile de 'n Sgriobtuir; agus gu'm freagradh sibhse do gach earrainn diubh, *Amen*: Chum air dhuibh rabhadh fhaotainn a thaobh mòr chorruich Dhé an aghaidh pheacach, gu 'm bi sibh na 's mò air 'ur brosnuchadh gu aithreachas dùrachdach agus fìrinneach, agus gu'n gluais sibh na 's faicilliche anns na làithibh cunnartach so; a' teicheadh bho na droch-bheartaibh sin, a tha sibh le 'ur beoil féin a' cur 'an céill a bhi toilltinn mallachaidh Dhé.

MAllaichte gu robh an duine a ni dealbh snaidhte no leaghta, gu aoradh dha.

¶ *Agus freagraidh an Sluagh agus their iad,*

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh esan a mhallaicheas 'athair agus a mhàthair.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh esan a dh' atharraicheas crìoch fearainn a choimhearsnaich.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh esan a chuireas an dall air seacharan 's an t-slighe.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh esan a chlaonas breitheanas a' choigrich, an dìlleachdain, agus na bantraich.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh esan a bhuaileas a choimhearsnach gu h-uaigneach.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh esan a luidheas le mnaoi a choimhearsnaich.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh esan a ghabhas duais air son duine neò-chiontach a mharbhadh.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh esan a chuireas 'earbsa ann an duine, agus a ghabhas duine mar a dhìdean, agus 'n a chridhe a chlaonas air falbh o 'n Tighearn.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

Mallaichte gu robh na daoine an-iochdmhor, luchd-strìopachais, agus luchd-adhaltranais, daoine sanntach, luchd-iodhol-aoraidh, luchd-cùl-chàinidh, misgeirean, agus luchd-fòirneirt.

Freagairt.

Amen.

Ministeir.

ANis do bhrìgh gu bheil a' mhuinntir sin uile mallaichte (mar a tha am fàidh Daibhidh a' toirt fianuis) a tha 'dol 'am mearachd agus air seacharan o àitheantaibh Dhé, (air dhuinn 'bhi cuimhneachail air a' bhreitheanas uamhasach a tha 'an crochadh os an ceann, agus a ghnàth ullamh gu tuiteam oirnn) pilleamaid a dh' ionnsuidh ar Tighearna Dé leis gach uile chomh-bhrùthadh agus chiùineas cridhe; a' deanamh caoidh' agus bròin air son ar beatha pheacaich, ag aithneachadh agus ag aideachadh ar cionta, agus ag iarraidh toradh iomchuidh an aithreachais a thoirt a mach. Oir a nis tha 'n tuadh air a cur ri freumh nan crann, air chor a's ge b' e crann nach toir a mach toradh maith, gearrar sìos e agus tilgear 's an teine e. Is ni eagalach tuiteam ann an làmhan an Dé bheò: Frasaidh e air na h-aingidh ribeachan, teine agus pronnusc, stoirm agus doinionn; bithidh so 'n a chuibhrionn dhoibh ri òl. Oir feuch, thàinig an Tighearn a mach as 'àit a dh' fhiosrachadh aingidheachd na muinntir a tha 'gabhail còmhnuidh air an talamh. Ach cò dh' fheudas là a theachd a ghiùlan? Cò sheasas an uair a dh' fhoillsichear e? Tha a ghuit 'n a làimh, agus glanaidh e 'urlarbualaidh, agus cruinnichidh e a chruithneachd d'a thighasgaidh, ach loisgidh e am moll le teine nach feudar a mhùchadh. Thig là an Tighearna mar ghaduiche 's an oidhche: agus an uair a their daoine, sìth, agus a tha na h-uile nithe sàbhailte, an sin thig sgrios obann orra, mar shaothair air mnaoi thorraich, agus cha téid iad as. An sin foillsichear fearg Dhé ann an là 'n dìoghaltais, a rinn peacaich an-dana, tre dhanarrachd an cridhe, a charnadh suas dhoibh féin, muinntir a rinn tarcuis air maitheas, foighidin agus fad fhulangas Dhé, 'n uair a tha e 'g an sìor ghairm chum aithreachais. An sin gairmidh iad orm-sa (tha an Tighearn ag ràdh) ach cha-n éisd mi; iarraidh iad mi gu moch, ach cha-n fhaigh iad mi, agus sin a chionn gu'n d' fhuathaich

Sal. cxix. 21. N. Mat. iii. 10. Eabh. x. 31. Sal. xi. 6. Isa. xxvi. 21. Mal. iii. 2. N. Mat. iii. 12. 1 Tes. v. 2, 3. Rom. ii. 4, 5. Gnàthfh. i. 28 29, 30.

iad eòlas, agus nach do ròghnaich iad eagal an Tighearna, ach a ghabh gràin do m' chomhairle, agus a rinn
N. Mat. xxv. 10, 11, 12. tàir air m' achmhasan. An sin bithidh e tuilleadh a's anmoch bualadh aig an dorus 'n uair a bhitheas e air a dhùnadh; agus tuilleadh a's anmoch bhi 'g éigheach air son tròcair 'n uair is e àm deanamh ceartais a th' ann. O guth uamhasach a' bhreitheanais ro cheirt a bheirear a mach orra, 'n uair a theirear riu, Imichibh a shluagh mallaichte dh'ionnsuidh an teine shìorruidh, a dh' ullaicheadh do'n diabhul agus d'a ainglibh. Uime sin, a bhràithre, thugamaid aire 's an
2 Cor. vi. 2. àm, 'n uair a tha là na slàinte ann; oir tha an oidhche a' teachd an uair nach urrainn
N. Eoin ix. 4. aon duine obair a dheanamh: ach am feadh 's a tha an solus againn, creideamaid anns an t-solus, agus gluaiseamaid mar chloinn an t-soluis, a chum nach tilgear sinn do dhorchadas iomallach, far am
N. Mat. xxv 30. bheil gul agus gìosgan fhiacal Na mi-gnàthaicheamaid maitheas Dhé, a tha gu tròcaireach 'g ar gairm gu leasachadh beatha, agus o'iochd gun chrìoch a tha 'gealltuinn maitheanais dhuinn anns na chaidh seachad,
Isa. i. 18. ma philleas sinn d'a ionnsuidh le cridhe iomlan agus fior. Oir ged robh ar peacaidhean dearg mar an scàrlaid, bithidh iad air an deanamh geal mar an sneachd: agus ged robh iad mar chorcur,
Esec. xviii. 30. bithidh iad air an deanamh geal mar olainn. Pillibh (tha an Tighearn ag ràdh) o 'ur n-uile chionta, agus cha dean 'ur peacadh 'ur milleadh. Tilgibh uaibh 'ur n-uile mhi-dhiadhachd a rinn sibh, deanaibh dhuibh féin cridheachan nuadha, agus spiorad nuadh: C'ar son a bhàsaicheas sibh, O 'thigh Israeil, oir cha-n 'eil tlachd agam-sa ann am bàs an ti a bhàsaicheas, tha an
1 N. Eoin ii. 1, 2. Tighearn Dia ag ràdh? Uime sin pillibh-se agus mairidh sibh beò. Ged a pheacaich sinn, gidheadh tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am firean, agus is esan an ìobairt-
Isa. liii. 5. réitich air son ar peacaidhean. Oir lotadh e air son ar peacadh-ne, agus bhuaileadh e air son ar n-aingidheachd. Uime sin pilleamaid d'a ionnsuidh-san, a ghabhas gu tròcaireach ris gach peacach fior aithreach; air dhuinn 'bhi làn chinnteach gu bheil e ullamh gu gabhail ruinn, agus làn toileach gu maitheanas

a thoirt dhuinn, ma thig sinn d'a ionnsuidh le fior aithreachas; ma ghéileas sinn da, agus ma ghluaiseas sinn 'n a shlighibh á so suas; ma ghabhas sinn oirnn
N. Mat. xi. 29, 30. féin a chuing so-iomchair, agus 'uallach eutrom, a chum esan a leantuinn 'an irioslachd, 'am foighidin, agus 'an gràdh, agus a bhi air ar stiuradh le riaghladh a Spioraid naoimh; do ghnàth ag iarraidh a ghlòire, agus a' deanamh seirbhis iomchuidh dha 'n ar gairm le taingealachd. Ma ni sinn so, saoraidh Criosd sinn o mhallachd an lagha, agus o'n mhallachadh mhòr sin a thuiteas orra-san a bhitheas air an cur air an
N. Mat. xxv. 33, 34. làimh chlì; agus cuiridh e sinn air a làimh dheis, agus bheir e dhuinn beannachadh gràsail 'Athar, ag àithneadh dhuinn seilbh a ghabhail air a rìoghachd ghlòrmhoir: agus gu'n deònachadh e ar toirt uile d'a h-ionnsuidh, air son a thròcair gun chrìoch. Amen.

¶ *An sin théid iad uile air an glùinibh, agus air do'n t-Sagart agus do na Cléirich dol air an glùinibh (anns an àite far am bheil iad a' cleachdadh an Laoidh-dhiann a ràdh) their iad an t-Salm so,* Miserere mei Deus.

DEan tròcair orm, a Dhé, a réir do chaoimhneis-gràidh; a réir lìon-
Miserere mei, Deus. Sal. li. mhoireachd do chaomh thròcairean, dubh as m'eusaontas.

Gu h-iomlan ionnail mi o m' lochd: agus glan mi o m' pheacadh.

Oir tha mi ag aideachadh m' eusaontais: agus tha mo pheacadh a'm' làthair a ghnàth.

A'd' aghaidh, a'd' aghaidh féin a mhàin pheacaich mi, agus rinn mi olc a'd' shealladh: air chor as gu fìreanaichear thusa 'n uair a labhras tu, gu'm bi thu glan an uair a bheir thu breth.

Feuch, ann an euceart dhealbhadh mi: agus ann am peacadh ghabh mo mhàthair mi 'n a broinn.

Feuch, is ionmhuinn leat an fhìrinn anns an taobh a stigh: agus anns an ionad fholuichte bheir thu orm gliocas a thuigsinn.

Glan mi le hìosop, agus bithidh mi glan: ionnail mi, agus bithidh mi na's gile na sneachda.

Thoir orm guth subhachais agus aoibhneis a chluinntinn: agus ni na cnàmhan a bhris thu gairdeachas.

Foluich do ghnùis o mo pheacaidhean: agus dubh as m'eucearta gu léir.

Cruthaich annam cridhe glan, a Dhé: agus ath-nuadhaich spiorad ceart 'an taobh a stigh dhìom.

Na tilg mi o d' shealladh: agus na toir do Spiorad naomh uam.

Aisig dhomh gairdeachas do shlàinte: agus le d' Spiorad saor cum a suas mi.

Teagaisgidh mi do luchd-eusaontais do shlighean; agus iompaichear peacaich a d' ionnsuidh.

Saor mi o chionta fola, a Dhé, a Dhé mo shlàinte: àrd-mholaidh mo theangadh d' fhìreantachd.

A Thighearna, fosgail mo bhilean: agus cuiridh mo bheul 'an céill do chliu.

Oir cha-n iarr thu ìobairt, no bheirinn dhuit i: ann an ìobairt-loisgte cha-n 'eil tlachd agad.

Is iad ìobairtean Dhé, spiorad briste: air cridhe briste agus brùite, a Dhé, cha dean thusa tàir.

Dean maith, ann ad dheadh-ghean do Shion: tog suas ballachan Ierusaleim.

An sin taitnidh ìobairtean ionracais riut, ìobairtean-loisgte agus làn-ìobairtean loisgte: an sin ìobraidh iad tairbh òga air d' altair.

Glòir do 'n Athair, agus do 'n Mhac: agus do 'n Spiorad naomh;

Freagairt.

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth: saoghal gun chrìoch. Amen.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d'Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibh-san a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn: Ach saor sinn o olc. Amen.

Ministeir.

O 'Thighearna, sàbhail do sheirbhisich;

Freagairt.

A tha 'cur an earbsa ánnad.

Ministeir.

Cuir còmhnadh d' an ionnsuidh o'n àirde.

Freagairt.

Agus gu cumhachdach dìon iad gu sìorruidh.

Ministeir.

Cuidich sinn, O 'Dhé ar Slànuidhear.

Freagairt.

Agus air son glòire d' Ainme saor sinn: bi tròcaireach ruinne peacaich air sgàth d' Ainme.

Ministeir.

O 'Thighearna, éisd ri 'r n-urnuigh.

Freagairt.

Agus thigeadh ar glaodh a d' ionnsuidh.

Ministeir.

Deanamaid urnuigh.

O 'Thighearna, tha sinn a' guidhe ort thu dh' éisdeachd gu tròcaireach ri 'r n-urnuighibh, agus caomhain iadsan uile a tha 'g aideachadh am peacaidhean dhuit-sa, chum gu'm bi iadsan aig am bheil an coguisean air an agairt le peacadh, le d' mhaitheanas tròcaireach air am fuasgladh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

O 'Dhé ro chumhachdaich, agus Athair thròcairich, aig am bheil truas do na h-uile dhaoinibh, agus leis nach fuathach ni air bith a rinn thu, leis nach miann bàs peacaich, ach leis an fhearr e philleadh bho 'aingidheachd, agus a bhi sàbhailte; Gu tròcaireach maith dhuinn ar cionta; gabh ruinn agus thoir dhuinne, a tha brònach agus sgìth le eallach ar peacaidhean comhfhurtachd. 'S e do bhuaidh-sa 'bhi 'ghnàth tròcaireach; dhuit-sa a mhàin a bhuineas maitheanas pheacaidhean. Uime sin caomhain sinn, a dheadh Thighearna, caomhain do shluagh a shaor thu; na tig ann am breitheanas le d' òglaich, a tha 'n an talamh neo-fhiachail agus 'n am peacaich thruagh'; ach pill do chorruich uainne, a tha gu h-iriosal ag aideachadh ar neo-fhiachalachd, agus a' deanamh aithreachais gu firinneach air son ar cionta; agus dean cabhag

gu 'r còmhnadh anns an t-saoghal so, chum a's gu'm mair sinn beò gu sìorruidh maille riut-sa 's an t-saoghal a tha ri teachd, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin their an sluagh na briathran a leanas, an déigh a' Mhinisteir.*

PIll sinn, O 'dheadh Thighearna, agus bithidh sinn air ar pilleadh. Bi fàbharach, O 'Thighearna, bi fàbharach ri d' shluagh, A tha 'pilleadh a d' ionnsuidh le gul, le traisg, agus le urnuigh. Oir tha thu a' d' Dhia tròcaircach, Làn de dh' iochd, Fad-fhulangach, agus mòrthruacanta. Tha thu 'g ar caomhnadh an uair a tha sinn a' toilltinn peanais, Agus ann ad chorruich tha thu 'smuainteachadh air tròcair. Caomhain do shluagh, a dheadh Thighearna, caomhain iad, Agus na leig le d' oighreachd a bhi air a toirt gu masladh. Eisd ruinn, O 'Thighearna, oir is mòr do thròcair, Agus a réir lìonmhorachd do thròcairean amhairc oirnn, Tre dheadhthoillteanais ar n-Eadar-mheadhonair do Mhic bheannaichte Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

¶ *An sin their am Ministeir 'n a aonar,*

Gu'm beannaicheadh an Tighearn sinn, agus gu'n gleidheadh e sinn; gu'n togadh an Tighearn suas solus a ghnùis oirnn, agus gu'n tugadh e sìth dhuinn a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

SAILM DHAIBHIDH.

URNUIGH MHAIDNE.

A Cheud Shalm.

Beatus vir, qui non abiit.

IS beannaichte an duine sin nach gluais ann an comhairle nan aingidh, agus nach seas ann an slighe nam peacach: agus nach suidh ann an caithir luchd-fanoid.

2 Ach aig am bheil tlachd ann an lagh an Tighearn': agus a smuainicheas air a lagh-san a là agus a dh'oidhche.

3 Bithidh e mar chraoibh suidhichte làimh ri sruthaibh uisge: a bheir a mach a toradh 'n a h-aimsir.

4 Agus nach caill a duilleach: agus soirbhichidh leis gach ni a ni e.

5 Cha-n ann mar sin a bhitheas na h-aingidh: ach mar mholl a sgapas a' ghaoth.

6 Air an aobhar sin cha seas na h-aingidh ann am breitheanas: no peacaich ann an coimhthional nam fìrean.

7 Oir is aithne do an Tighearn slighe nam fìrean: ach sgriosar slighe nan aingidh.

An ii. *Salm.*

Quare fremuerunt gentes?

C'Ar son a ghabh na cinnich boile: agus a smuainich na slòigh ni dìomhain?

2 Car son a dh'éirich rìghrean na talmhainn, agus a ghabh na h-uachdarain comhairle le 'chéile: an aghaidh an Tighearn', agus an aghaidh 'aoin ungta-san, ag radh,

3 Briseamaid o 'chéile an cuibhreach : agus tilgeamaid dhinn an cuing ?

4 An ti a tha 'n a shuidhe air nèamh, ni e gàire : ni an Tighearn fanoid orra.

5 An sin labhraidh e riu 'n a fheirg : agus 'n a chorruich cuiridh e uamhann orra.

6 Gidheadh dh'ung mise mo rìgh : air Sion, mo shliabh naomh-sa.

7 Cuiridh mi 'an céill ordugh an Tighearna ; thubhairt e rium : Is tu mo Mhac-sa, an diugh ghin mi thu.

8 Iarr orm, agus bheir mi dhuit na cinnich mar oighreachd : agus crìocha na talmhainn mar sheilbh.

9 Brisidh tu iad le slait iaruinn : mar shoitheach creadhadair, pronnaidh tu iad 'n am bloighdibh.

10 À nis ma ta, a rìghre, bithibh glic : gabhaibh fòghlum, a bhreitheamhna na talmhainn.

11 Deanaibh seirbhis do an Tighearn le eagal : agus deànaibh gairdeachas le ball-chrith.

12 Pògaibh am Mac, air eagal gu'm bi fearg air, agus gu'n sgriosar sibh 's an t-slighe : 'n uair a lasas (ach gu beag) a chorruich ; is beannaichte iadsan uile a dh'earbas as.

An iii. *Salm.*

Domine, quid multiplicati ?

A Thighearna, nach lìonmhor a dh'fhàs mo naimhdean : is iomadh iad a tha 'g éirigh a'm' aghaidh.

2 Is iomadh iad a their ri m' anam : nach 'eil furtachd aige ann an Dia.

3 Ach tha thusa, a Thighearn', a'd' sgéith dhomh-sa : mo ghlòir, agus fear-togail mo chinn.

4 Le m' ghuth dh' éigh mi ris an Tighearn : agus dh'éisd e rium as a shliabh naomh.

5 Luidh mi sìos, agus choidil mi ; dhùisg mi : oir chum an Tighearn suas mi.

6 Cha-n eagal leam deich mìle sluaigh : a chuir iad féin a'm' aghaidh air gach taobh.

7 Eirich, a Thighearna ; saor mi, O mo Dhia : oir bhuail thu mo naimhdean uile air an gial ; bhris thu fiacla nan aingidh.

8 Is leis an Tighearn an fhurtachd : air do shluagh tha do bheannachd.

An iv. *Salm.*

Cum invocarem.

AN uair a dh'éigheas mi, éisd rium, a Dhé m'ionracais : an uair a bha mi ann an teinn, dh' fhuasgail thu orm ; dean tròcair orm, agus éisd ri m' urnuigh.

2 A chlann nan daoine, cia fhad a thionndaidheas sibh mo ghlòir chum nàire : a ghràdhaicheas sibh dìomhanas, a shireas sibh an déigh bhreug ?

3 Ach bitheadh fios agaibh, gu'n do ròghnuich an Tighearn an duine naomh dha féin : éisdidh an Tighearn, an uair a dh' éigheas mi ris.

4 Bitheadh eagal oirbh, agus na peacaichibh : labhraibh r'ur cridhe, air 'ur leabaidh, agus bithibh tosdach.

5 Iobraibh ìobairtean ionracais : agus earbaibh as an Tighearn.

6 Tha mòran ag ràdh: Cò nochdas dhuinn ni maith?

7 Tog oirnne solus do ghnùise: a Thighearna.

8 Chuir thu aoibhneas ann am chridhe: na's mò na 'n uair is pailte an arbhar agus am fìonsan.

9 Ann an sìth araon luidhidh mi, agus coidlidh mi: oir is tusa mhàin, a Thighearn', a bheir orm còmhnuidh 'ghabhail gu tèaruinte.

An v. *Salm.*

Verba mea auribus.

RI m' bhriathraibh éisd, a Thighearna: beachdaich air mo smuaintibh.

2 Thoir an aire do ghuth mo ghlaoidh, mo Rìgh, agus mo Dhia: oir riut-sa ni mi urnuigh.

3 A Thighearn', air maduinn cluinnidh tu mo ghuth: air maduinn deasaichidh mi mi féin a'd' làthair, agus amhaircidh mi suas.

4 Oir cha Dia thusa aig am bheil tlachd ann an aingidheachd: agus cha chòmhnuich an t-aingidh maille riut.

5 Cha seas na h-amadain a'd' làthair: is fuath leat luchd-deanamh an uilc.

6 Sgriosaidh tu luchd-labhairt bhreug: is gràin leis an Tighearn an duine fuileachdach agus cealgach.

7 Ach air mo shon-sa, ann an lìonmhoireachd do thròcair, thig mi steach do d' thigh: sleuchdaidh mi aig do theampull naomh, ann ad eagal.

8 A Thighearna, treòraich mi ann ad fhìreantachd; air sgàth mo naimhde: dean do shlighe dìreach romham.

9 Oir cha-n'eil ceart 'n am beul: is fìor aingidheachd e an taobh a stigh dhiubh.

10 Is uaigh fhosgailte an sgornan: ni iad miodal le 'n teangaidh.

11 Sgrios iad, a Dhé, tuiteadh iad le 'n comhairle féin: air son lìonmhoireachd an eucearta tilg a mach iad; oir rinn iad ceannairc a'd' aghaidh.

12 Ach deanadh iadsan uile aoibhneas a chuireas an dòigh annad: gu bràth deanadh iad iolach, a chionn gu'n dìon thu iad; agus deanadh iadsan luathghaire annad, leis an ionmhuinn d'Ainm;

13 Oir beannaichidh tusa am fìrean, a Thighearna: le deadh-ghean cuairtichidh tu e, mar le sgéith.

URNUIGH FHEASGAIR.

An vi. *Salm.*

Domine ne.

A Thighearna, ann ad chorruich na cronuich mi: agus ann ad fheirg na smachdaich mi.

2 Gabh truas dìom, a Thighearn', oir tha mi lag: slànuich mi, a Thighearn', oir tha mo chnàmhan air an cràdh.

3 Agus tha m'anam air a chràdh gu mòr: ach thusa, a Thighearna, cia fhad?

4 Pill, a Thighearna, fuasgail m'anam: saor mi, air sgàth do thròcair.

5 Oir anns a' bhàs cha-n'eil cuimhne ort: anns an uaigh cò bheir dhuit cliu?

6 Tha mi sgìth le m'osnaich, ré na h-oidhche tha mi 'cur mo leabaidh air snàmh: le m'

dheuraibh tha mi 'g uisgeacheadh m'uirigh.

7 Caithear le dubhachas mo shùil: fàsaidh i sean air son m'eascairde gu léir.

8 Imichibh uam, sibhse uile, a luchd-deanamh na h-euceirt: oir chual' an Tighearn guth mo chaoidh.

9 Chual' an Tighearn m'athchuinge: gabhaidh an Tighearn ri m' urnuigh.

10 Cuirear gu nàire agus gu mòr amhluadh mo naimhde gu léir: pilleadh iad, cuirear gu h-obann gu nàire iad.

An vii. *Salm.*

Domine, Deus meus.

A Thighearna mo Dhia, annad cuiream mo dhòigh: saor mi uatha-san uile a tha 'an tòir orm, agus teasairg mi;

2 Air eagal mar leòmhan gu'n reub e m'anam, 'g a liodairt: gun neach a shaoras.

3 A Thighearna mo Dhia, ma rinn mi so: ma tha lochd a'm' làmhan;

4 Ma dh'ìoc mi olc do'n fhear a bha ann an sìth rium: no ma rinn mi fòirneart air-san a bha 'n a eascaraid domh gun aobhar;

5 Geur-leanadh an nàmhaid m'anam, agus glacadh se e: agus saltradh e mo bheatha gu làr, agus leagadh e mo chliu 's an duslach.

6 Eirich, a Thighearn', ann ad fheirg, tog suas thu féin, air son corruich mo naimhdean: agus mosgail air mo shon chum na breth a dh'àithn thu.

7 An sin cuairtichidh coimhthional an t-sluaigh thu: air an son-san uime sin pill gu ionad àrd.

8 Bheir an Tighearn breth air an t-sluagh; thoir breth orm, a Thighearn': a réir m'fhìreantachd, agus a réir m'ionracais a tha annam.

9 Thigeadh crìoch air aingidheachd nan aingidh: ach daingnich thusa am fìrean.

10 Oir dearbhaidh tu na cridheachan agus na h-àirnean: a Dhé chothromaich.

11 Is e Dia mo sgiath: a shaoras iadsan a tha ceart ann an cridhe.

12 Is breitheamh cothromach Dia: agus bithidh Dia ann am feirg ris a' chiontach gach là.

13 Mur pill e, geuraichidh e a chlaidheamh: chuir e a bhogha air lagh, agus dheasaich se e.

14 Agus dh'ulluich e air a shon innil bàis: dhealbh e a shaighdean an aghaidh luchd-geurleanmhuinn.

15 Feuch, tha e ri saothair le h-euceart: ghin e olc, agus rug e breug.

16 Dh'fhosgail e slochd agus chladhaich se e: agus thuit e féin anns a' chlais a rinn e.

17 Pillidh 'olc air a cheann féin: agus thig 'fhòirneart a nuas air a chlaigionn féin.

18 Molaidh mise an Tighearn a réir a cheartais: agus seinnidh mi cliu do Ainm an Tighearn' a's ro àirde.

An viii. *Salm.*

Domine, Dominus noster.

O Iehobhah ar Tighearna, cia òirdheirc d' Ainm air feadh na talmhainn uile: a shocraich do ghlòir os ceann nan nèamh.

2 A beul naoidhean agus chìochran dh'orduich thu neart, air son do naimhde: chum gu'n caisgeadh tu an nàmhaid agus an dìoghaltach.

3 'N uair a dh'amhairceas mi air do nèamhan, obair do mheur: air a' ghealaich agus na reultaibh, a shuidhich thu;

4 Ciod e an duine, gu'm bitheadh tusa cuimhneachail air: agus mac an duine, gu'm fiosraicheadh tu e?

5 Rinn thu e beagan na b'ìsle na na h-aingil: agus chrùn thu e le glòir agus le urram.

6 Thug thu uachdaranachd dha air oibribh do làmh: chuir thu gach ni fo 'chosaibh;

7 Caoraich agus buar uile: agus mar an ceudna ainmhidhean na machrach;

8 Eunlaith nan speur, agus iasg na mara: a shiubhlas air slighibh nan cuan.

9 O Iehobhah, ar Tighearna: cia òirdheirc d' Ainm air feadh na talmhainn uile.

URNUIGH MHAIDNE.

An ix. *Salm.*

Confitebor tibi.

MOlaidh mi thu, a Thighearna, le m' uile chridhe: cuiridh mi 'n céill d'oibre iongantach gu léir.

2 Ni mi aoibhneas agus gairdeachas annad: seinnidh mi cliu do d'ainm, O 'Thi a's airde.

3 'N uair a phillear mo naimhdean air an ais: tuitidh iad agus théid as doibh a'd' fhianuis.

4 Oir sheas thu dhomh mo chòir agus mo chùis: shuidh thu air do rìgh-chaithir a' toirt breith le ceartas.

5 Smachdaich thu na cinnich, sgrios thu na h-aingidh: chuir thu as d'an ainm gu saoghal nan saoghal.

6 Chaidh crìoch air sgrios an nàmhaid am feasd: leag thu sìos am bailte mòra; théid as d'an cuimhne maille riu féin.

7 Ach mairidh an Tighearn gu sìorruidh: dheasaich e a rìgh-chaithir chum breitheanais.

8 Agus bheir esan breth air an t-saoghal ann am fìreantachd: ni e breitheanas do 'n t-sluagh ann an ceartas.

9 Agus bithidh an Tighearn 'n a dhaingneach do'n ti a shàruichear: 'n a dhaingneach ann an aimsiribh teanntachd.

10 Agus cuiridh iadsan d'an aithne d'Ainm an dòigh annad: oir cha tréig thusa, a Thighearn', iadsan a dh' iarras thu.

11 Seinnibh cliu do'n Tighearn a chòmhnuicheas ann an Sion: aithrisibh 'am measg nan cinneach a ghnìomhara.

12 'N uair a ni e rannsachadh air fuil cuimhnichidh e orra: cha dì-chuimhnich e glaodh nam bochd.

13 Dean tròcair orm, a Thighearn', amhairc air m'àmhghar a tha mi 'fulang uatha-san le'm fuathach mi: O thusa a tha 'g am thogail suas o gheatachan a' bhàis.

14 Chum gu foillsich mi do chliu uile ann an geatachan nighinn Shioin: ni mi gàirdeachas ann ad shlàinte.

15 Thuit na cinnich sìos anns an t-slochd a rinn iad: anns an lìon a dh'fholaich iad, chaidh an cos féin 'an sàs.

16 Aithnichear an Tighearn 's a' bhreitheanas a rinn e: ann an gnìomh a làmh féin ribear an t-aingidh.

17 Cuirear na h-aingidh gu ifrinn: na cinn-

ich uile nach cuimhnich Dia.

18 Oir cha dì-chuimhnichear an t-ainnis gu bràth: cha téid as do dhòchas nam bochd gu sìorruidh.

19 Eirich, a Thighearna, na buadhaicheadh duine: thugar breth air na cinnich a'd' fhianuis.

20 Cuir, a Thighearn', eagal orra: chum gu'n aithnich na cinnich nach 'eil annta féin ach daoine.

An x. *Salm.*

Ut quid, Domine?

C'Ar son, a Thighearn', a sheasas tu fad o làimh: a dh'fholaicheas tu thu féin ann an aimsiribh teanntachd?

2 'N a uabhar geur-leanaidh an t-aingidh am bochd: glacar iad 's na h-innleachdaibh a dhealbh iad.

3 Oir ni an t-aingidh ràiteachas á miann a chridhe: agus molaidh e an duine sanntach, a's beag air Dia.

4 Ann an uabhar a ghnùise cha-n iarr an t-aingidh Dia: cha-n'eil Dia 'n a uile smuaintibh.

5 Tha a shlighean doilgheasach anns gach àm: tha do bhreitheanais àrd as a shealladh; 'thaobh a naimhdean uile, ni e tarcuis orra.

6 Thubhairt e 'n a chridhe, Cha ghluaisear mi: gu bràth cha bhi mi ann an àmhghar.

7 Tha a bheul làn de mhallachadh, agus de chéilg, agus de mhealltaireachd: fo 'theangaidh tha donas agus dìomhanas.

8 Suidhidh e ann an ionadaibh-folaich nam

bailte beaga: ann an àitibh dìomhair mortaidh e an neò-chiontach; tha a shùilean ann an uaignidheas a' dearcadh air a' bhochd.

9 Ni e feall-fholach gu dìomhair, mar leòmhan 'n a ghàraidh: ni e feall-fholach chum gu'n glac e an duine bochd.

10 Glacaidh e an duine bochd: 'g a tharruing 'n a lìon.

11 Crùbaidh e, cromaidh e sìos: agus tuitidh am bochd le 'dhaoinibh làidir.

12 Thubhairt e 'n a chridhe, Dhì-chuimhnich Dia: dh' fholaich e a ghnùis, cha léir dha sud am feasd.

13 Eirich, a Thighearna Dhé, tog suas do làmh: na dì-chuimhnich na daoine bochda.

14 C'ar son a rinn an t-aingidh tàir air Dia: a thubhairt e 'n a chridhe. Cha-n iarr thu e?

15 Chunnaic thu e: oir is léir dhuit olc agus mì-run.

16 Chum an dìoladh le d' làimh: ort-sa fàgaidh an duine bochd e féin; is tu fear-cuideachaidh an dìlleachdain.

16 Bris thusa gairdean an aingidh, agus an droch dhuine: rannsaich a mach 'aingidheachd, gus nach faigh thu i.

18 Tha an Tighearn 'n a Rìgh gu saoghal nan saoghal: sgriosadh na cinnich a mach as a thìr.

19 A Thighearna, chuala tu miann nan daoine bochda: deasaichidh tu an cridhe, agus bheir thu air do chluais éisdeachd:

20 A chumail còir ris an dilleachdan agus ris an truaghan: chum nach dean duine o'n ùir fòirneart na 's mò.

An xi. *Salm.*

In Domino confido.

AS an Tighearn earbam: c'ar son a their sibh ri m'anam, Teich as mar eun gu d' shliabh?

2 Oir feuch, chuir na h-aingidh bogha air lagh, ghleus iad an saighead air sreing: chum tilgeadh 's an dorcha orra-san a tha ceart 'n an cridhe.

3 Ma sgriosar na bunaitean: ciod a ni am fìrean?

4 Tha an Tighearn 'n a theampull naomh: tha rìgh-chaithir an Tighearn' anns na nèamhan.

5 Chi a shùilean: rannsaichidh a rosgan clann nan daoine.

6 Rannsaichidh an Tighearn am fìrean: ach an t-aingidh, agus esan a thug spéis do fhòirneart, is fuath le 'anam.

7 Frasaidh e air na h-aingidh, ribeachan, teine agus pronnusc, agus doinionn uamhasach: mar chuibhrionn an cupain.

8 Oir is ionmhuinn leis an Tighearn cheart ceartas: amhaircidh a ghnùis air an duine ionraic.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xii. *Salm.*

Salvum me fac.

CUidich leam, a Thighearn', oir cha-n 'eil duine diadhaidh ann: oir theirig na h-ionraic o mheasg chloinn nan daoine.

2 Labhraidh iad dìomhanas gach neach r'a

choimhearsnach: le bilibh miodalach, le cridhe dùbailte labhraidh iad.

3 Sgathaidh an Tighearn na bilean miodalach uile: an teangadh a labhras nithe mòra.

4 Iadsan a thubhairt, Le'r teangaidh buaidhichidh sinn: is leinn féin ar bilean, cò tha 'n a Thighearn os ar ceann?

5 Air son fòirneirt nam bochd: air son osnaich nan ainnis,

6 A nis éiridh mi, ars' an Tighearn: cuiridh mi e ann an tèaruinteachd uaithe-san a bhagras 'n a aghaidh.

7 Is briathra fìor-ghlan briathran an Tighearna: mar airgiod air a dhearbhadh ann an àmhuinn chreadha, air a ghlanadh seachd uairean.

8 Gleidhidh tusa sinn, a Thighearna: dìonaidh tu sinn o an ghinealach so gu bràth.

9 Gluaisidh na h-aingidh air gach taobh: 'n uair a dh'àrdaichear iadsan a's suaraiche de chloinn nan daoine.

An xiii. *Salm.*

Usque quo, Domine.

CIa fhad, a Thighearn', a dhì-chuimhnicheas tu mi, an ann gu bràth: cia fhad a dh' fholaicheas tu do ghnùis uam?

2 Cia fhad a ghabhas mi comhairle ann am anam, bròn ann am chridhe gach là: cia fhad a dh' àrduichear mo nàmhaid os mo cheann?

3 Amhairc orm, éisd rium, a Thighearna mo Dhia: soillsich mo shùilean, air eagal gu'n coidil mi chum bàis.

4 Air eagal gu'n abair mo nàmhaid, Bhuadhaich mi 'n a aghaidh: gu'n dean m'eascairdean gairdeachas, an uair a dh'aomar mi.

5 Ach dh'earb mise á do thròcair: ni mo chridhe gairdeachas ann ad shlàinte.

6 Seinnidh mi do an Tighearn, a chionn gu'n do bhuin e rium gu fial: agus seinnidh mi cliù do ainm an Tighearn' a's ro Airde.

An xiv. *Salm.*

Dixit insipiens.

THubhairt an t-amadan 'n a chridhe: Cha-n eil Dia ann.

2 Tha iad truaillidh, rinn iad oibre gràineil: cha-n'eil neach ann a ni maith.

3 Dh'amhairc an Tighearn a nuas o nèamh air cloinn nan daoine: a dh'fheuchainn an robh neach ann a bha glic, a bha 'g iarraidh Dhé.

4 Chlaon iad uile, tha iad gu léir air fàs salach: cha-n'eil neach ann a ni maith, cha-n 'eil eadhon aon.

5 Nach 'eil eòlas aca-san uile, a tha 'deanamh na h-eucorach: a tha 'g itheadh suas mo shluaigh, mar a dh'itheadh iad aran, agus nach gairm air an Tighearn?

6 An sin ghabh iad eagal mòr: a chionn gu bheil Dia ann an ginealach nam fìrean.

7 Nàirich iad comhairle an duine bhochd: a chionn gur e an Tighearn a thearmunn.

8 O gu'n tigeadh slàinte Israeil a mach á Sion. An uair a bheir an Tighearn air ais braighdeanas a shluaigh: ni Iacob gairdeachas, ni Israel aoibhneas.

URNUIGH MHAIDNE.

An xv. *Salm.*

Domine, quis habitabit.

A Thighearna, cò dh'fhanas ann ad phàilliun: cò chòmhnuicheas air do shliabh naomh?

2 Esan a ghluaiseas gu h-ionraic: agus a ni ceartas, agus a labhras an fhìrinn 'n a chridhe.

3 Nach dean cùl-chàineadh le 'theangaidh, nach dean olc d'a charaid: agus nach tog droch sgeul air a choimhearsnach.

4 Leis an suarach an droch dhuine: ach a bheir urram dhoibh-san air am bi eagal an Tighearn'.

5 A mhionnaicheas chum a challdaich féin: agus nach caochail.

6 Nach cuir 'airgiod a mach air ocar: agus nach gabh duais an aghaidh an neò-chiontaich.

7 Esan a ni na nithe sin: cha ghluaisear gu bràth e.

An xvi. *Salm.*

Conserva me, Domine.

GLeidh mi, a Dhé: oir chuir mi mo dhòigh annad.

2 Thubhairt mi ri Iehobhah: Is tu mo Thighearna, cha ruig mo mhaitheas ort-sa.

3 A thaobh nan naomh a tha air thalamh, agus nam flath: tha mo thlachd uile annta.

4 Meudaichear an doilgheasan dhoibhsan: a ni deifir an déigh dhiathan eile.

5 Cha-n ìobair mi an ìobairtean-dibhe de fhuil: agus cha luaidh mi air an ainmibh le m' bhilibh.

6 Is e an Tighearn cuibhrionn m'oighreachd, agus mo chupain: is tusa a chumas suas mo chrannchur.

7 Thuit mo roinn dhomh-sa ann an ionadaibh aoibhneach: seadh, tha oighreachd thaitneach agam.

8 Beannaichidh mise an Tighearn, a thug comhairle orm: tha m'àirnean mar an ceudna 'g am theagasg 'an àm na h-oidhche.

9 Chuir mi an Tighearn romham a ghnàth: a chionn gu bheil e air mo dheas làimh, cha ghluaisear mi.

10 Uime sin ni mo chridhe aoibhneas, agus ni mo ghlòir gairdeachas: gabhaidh m'fheòil mar an ceudna fois ann an dòchas.

11 Oir cha-n fhàg thu m'anam anns an uaigh: cha leig thu le d'Aon naomh truaillidheachd fhaicinn.

12 Feuchaidh tu dhomh slighe na beatha; tha lànachd aoibhneis a'd' làthair-sa: tha mòr shubhachas aig do dheas làimh gu sìorruidh.

An xvii. *Salm.*

Exaudi, Domine.

EIsd ri ceartas, a Thighearna, thoir aire do m' ghlaodh: cluinn m'urnuigh, a thig a mach cha-n ann o bhilibh cealgach.

2 O d' fhianuis thigeadh mo bhreth: faiceadh do shùilean nithe cothromach.

3 Dhearbh thu mo chridhe, dh'fhiosraich thu mi 's an oidhche; rannsaich thu mi, cha d'fhuair thu a' bheag: is e mo rùn, nach ciontaich mo bheul.

4 A thaobh ghnìomhara dhaoine, le focal do bhilean: sheachainn mi ceuman a' mhillteir.

5 Cum suas mo cheuman ann ad shlighibh: chum nach sleamhnuich mo chosan.

6 Ghairm mi ort, oir éisdidh tu rium, a Dhé: aom do chluas a m' ionnsuidh, cluinn mo chainnt.

7 Taisbein do chaoimhneas iongantach, O thusa a shaoras, le d' dheas làimh, iadsan a dh'earbas asad: uatha-san a dh'éireas suas 'n an aghaidh.

8 Gléidh mi mar chloich na sùla: fo sgàile do sgiathan foluich mi.

9 O ghnùis nan droch dhaoine, a tha ri fòirneart orm: naimhdean m'anama a tha 'g am chuairteachadh air gach taobh.

10 'N an saill tha iad air an druideadh suas: le'm beul labhraidh iad gu h-uaibhreach.

11 'N ar ceum a nis chuairtich iad sinn: shuidhich iad an sùilean, a' cromadh sìos gu làr.

12 Cosmhuil ri leòmhan a tha gionach chum cobhartaich: agus ri leòmhan òg, a' feitheamh ann an ionadaibh dìomhair.

13 Eirich, a Thighearna, cuir roimhe, leag sìos e: saor m'anam o'n aingidh le d' chlaidheamh.

14 O dhaoinibh le d' làimh, a Thighearn', o dhaoinibh an t-saoghail: d'am bheil an cuibhrionn 's a' bheatha so, agus d'an do lìon thu am brù le d'ionmhas foluichte.

15 Sàsuichear an clann: agus fàgaidh iad am fuigheall d'an naoidheanaibh.

16 Air mo shon-sa, ann am fìreantachd chi mi do ghnùis: sàsuichear mi, 'n uair a dhùisgeas mi, le d' choslas.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xviii. *Salm.*

Diligam te, Domine.

GRadhaichidh mi thu, a Thighearna, mo neart; is e an Tighearn mo charraig, agus mo dhaingneach: agus m'fhear-saoraidh, mo Dhia, mo chreag, anns an cuiream mo dhòchas, mo sgiath, agus adharc mo shlàinte, mo thùr àrd.

2 Gairmidh mi air an Tighearn, a's airidh air cliu: agus o m' naimhdibh saorar mi.

3 Chuairtich piantan a' bhàis mi: agus chuir tuiltean dhroch dhaoine eagal orm.

4 Chuairtich piantan ifrinn mi: ghabh lìontan a' bhàis romham.

5 Ann am éigin ghairm mi air an Tighearn: agus ri m' Dhia ghlaodh mi.

6 Chual' e as a theampull mo ghuth: agus thàinig mo ghlaodh 'n a làthair gu a chluasaibh.

7 An sin chrathadh agus chriothnuich an talamh: agus ghluaiseadh bunaitean nam beann, agus chrathadh iad, a chionn gu'n robh corruich air.

8 Chaidh deatach suas as a shròin: agus dhianloisg teine as a bheul, lasadh éibhlean leis.

9 Agus lùb e na nèamhan, agus thuirling e nuas: agus bha dorchadas fo a chosaibh.

10 Agus mharcaich e air Cerub, agus chaidh e air iteig: agus dh'itealaich e air sgiathaibh na gaoithe.

11 Chuir e dorchadas mar ionad dìomhair mu'n cuairt air: bu phàilliun da, duibhre uisgeachan, neoil nan speur.

12 O'n dealradh a bha fa 'chomhair chaidh a neoil thairis: clacha-meallain agus éibhlean teine.

13 Agus rinn an Tighearn tairneanach 's na speuraibh: agus chuir an Ti a's àirde a mach a ghuth.

14 Agus chuir e mach a shaighdean, agus sgap e iad: agus thilg e mòran tein'-athair, agus chlaoidh e iad.

15 Agus chunnacas aigein nan uisgeachan, agus nochdadh bunaitean an domhain, le d' achmhasan-sa, a Thighearna: le séideadh anail d'fheirge.

16 Chuir e nuas o'n àirde, ghlac e mi: tharruing e mi á uisgeachaibh lìonmhor.

17 Shaor e mi o m' nàmhaid làidir, agus uatha-san, a dh'fhuathaich mi: oir bu treise iad na mise.

18 Ghabh iad romham ann an là m'àmhghair: ach bha'n Tighearn 'n a chùl-taice dhomh.

19 Agus thug e mach mi gu ionad farsuinn: shaor e mi, a chionn gu'n do ghabh e tlachd annam.

20 Thug an Tighearn luigheachd dhomh a réir m'ionracais: a réir gloine mo làmh dhìol e dhomh.

21 Oir ghleidh mi slighean an Tighearn': agus cha do chlaon mi gu h-aingidh o m' Dhia.

22 Oir bha a bhreitheanais uile ann am fhianuis: agus a reachdan cha do chuir mi uam.

23 Agus bha mi ionraic 'n a fhianuis: agus ghleidh mi mi féin o m' aingidheachd.

24 Uime sin dhìol an Tighearn dhomh a réir m'ionracais: a réir gloine mo làmh ann an sealladh a shùl.

25 Do'n duine thròcaireach nochdaidh tu thu féin tròcaireach: do'n duine ionraic nochdaidh tu thu féin ionraic.

26 Do'n duine ghlan nochdaidh tu thu féin glan: agus do'n duine reasgach nochdaidh tu thu féin reasgach.

27 Oir saoraidh tu an sluagh, a tha fo àmhghar: ach na sùilean àrda bheir thu nuas.

28 Oir lasaidh tusa mo lòchran, a Thighearna: soillsichidh mo Dhia mo dhorchadas.

29 Oir leat-sa ruith mi troimh bhuidhinn: agus le m' Dhia leum mi thar balla.

30 A thaobh Dhé, tha a shlighe iomlan: tha focal an Tighearn' air a dhearbhadh: is sgiath e dhoibhsan uile, a chuireas an dòchas ann.

31 Oir cò is Dia ann, ach an Tighearn: agus cò is carraig ann, ach ar Dia-ne?

32 Is e Dia, a tha 'g am chrioslachadh le neart: agus a' deanamh mo shlighe iomlan.

33 Tha e 'deanamh mo chos mar chosan éilde: agus 'g am shocrachadh air m'àitibh àrda.

34 Tha e 'g ionnsachadh mo làmh gu cath: air chor as gu'm brisear bogha umha le mo ghairdeinibh.

35 Agus thug thu dhomh sgiath do shlàinte: agus chum do dheas làmh suas mi, agus rinn do chaoimhneas mòr mi.

36 Rinn thu mo cheuma farsuinn fodham: air chor as nach do shleamhnuich mo chosan.

37 Lean mi mo naimhdean, agus rug mi orra: agus cha do phill mi air m'ais gus an do chuir mi as doibh.

38 Lot mi iad, agus cha bhi e 'an comas doibh éirigh: thuit iad fo m' chosaibh.

39 Oir chrioslaich thu mi le neart chum catha: leag thu sìos fodham iadsan a dh'éirich suas a'm' aghaidh.

40 Agus thug thu dhomh mo naimhdean air mhuineal: iadsan a dh'fhuathaich mi, agus ghearr mi as iad.

41 Ghlaodh iad, ach cha robh fear-saoraidh ann: eadhon air an Tighearn, ach cha do fhreagair e iad.

42 An sin mhìn-phronn mi iad mar dhuslach fa chomhair na gaoithe: mar chlàbar nan sràid bhrùth mi iad.

43 Shaor thu mi o choimhstrì an t-sluaigh: rinn thu mi a'm' cheann air na cinnich.

44 Ni sluagh, nach b'aithne dhomh: seirbhis domh.

45 Co luath 's a chluinneas iad, géillidh iad dhomh: strìochdaidh coigrich dhomh.

46 Seargaidh coigrich as: agus bithidh eagal orra mach as an àitibh-daingne.

47 Is beò an Tighearn, agus gu ma beannaichte mo charraig-sa: agus air 'àrdachadh gu robh Dia mo shlàinte.

48 Is e Dia a ni dìoghaltas air mo shon: agus a chuireas an sluagh fodham.

49 A shaoras mi o m' Naimhdibh, seadh, os an ceann-san a dh'éireas suas a'm' aghaidh togaidh tusa suas mi: o fhear an ainneirt saoraidh tu mi.

50 Uime sin cliùthaichidh mi thu, a Thighearn', 'am measg nan Cinneach: agus seinnidh mi do d'Ainm.

51 Bheir esan saorsa mhòr d'a Rìgh: agus nochdaidh e tròcair d'a Aon ungta féin, do Dhaibhidh agus d'a Shliochd gu bràth.

URNUIGH MHAIDNE.

An xix. *Salm.*

Cœli enarrant.

CUiridh na Nèamhan 'an céill glòir Dhé: agus nochdaidh na Speura gnìomh a làmh.

2 Tha là a' deanamh sgeòil do là: agus oidhche a' foillseachadh eòlais a dh'oidhche.

3 Cha-n'eil cainnt, cha-n'eil briathran: anns nach cluinnear an guth.

4 Air feadh na talmhainn uile chaidh am fuaim a mach: agus am focail gu iomall an domhain.

5 Do'n Ghréin chuir e pàilliun annta: agus tha i mar nuadh Fhear-pòsda a' teachd a mach á 'sheòmar, ni i gairdeachas mar Ghaisgeach a' ruith na réise.

6 Tha a dol a mach o chrìch nan Speur, agus a cuairt gu ruig an crìochan: agus cha-n'eil ni air bith a dh'fholaichear o a teas.

7 Is iomlan lagh an Tighearn', ag iompachadh an anama: tha fianuis an Tighearna cinnteach, a' deanamh a' bhaoghalta glic.

8 Tha reachdan an Tighearna ceart, a' deanamh a' chridhe aoibhneach: tha àithne an Tighearna glan, a' soillseachadh nan sùl.

9 Tha eagal an Tighearna fìor-ghlan, a' maireachduinn am feasd: is fìrinn breitheanais an Tighearna, tha iad gu h-iomlan cothromach.

10 Na's mò r'an iarraidh tha iad na'n t-òr,

seadh, na mòran de'n òr fhìor-ghlan: agus na's milse na a' mhil, seadh, na a' mhil a shileas as na cìribh-meala.

11 Os bàrr, tha do Sheirbhiseach a' faotainn rabhaidh uatha: 'n an coimhead tha mòr dhuais.

12 Cò thuigeas a sheacharain: o lochdaibh dìomhair glan thusa mi.

13 Mar an ceudna o pheacaidhean dànadais cum air ais d'òglach, na bitheadh àrd-cheannas aca orm: an sin bithidh mi ionraic, agus bithidh mi neò-chiontach o cusaontas mòr.

14 Bitheadh briathra mo bheoil, agus smuainte mo chridhe: taitneach a'd' làthair,

15 A Thighearna: mo charraig, agus m'fhearsaoraidh.

Am xx. *Salm.*

Exaudiat te Dominus.

GU'n éisdeadh an Tighearn riut ann an là teanntachd: gu'n cumadh Ainm Dhé Iacoib suas thu.

2 Gu'n cuireadh e cabhair thugad as 'Ionad naomh: agus á Sion gu neartaicheadh e thu.

3 Gu'n cuimhnicheadh e do thabhartais uile: agus gu'n gabhadh e gu taitneach uait d' Iobairtloisgte.

4 Gu'n tugadh e dhuit a réir do chridhe féin: agus gu'n coimhlionadh e do chomhairle uile.

5 Ni sinne aoibhneas ann ad shlàinte, agus ann an Ainm ar Dé-ne togaidh sinn suas ar bratach: gu'n coimhlionadh Dia d'iarrtuis uile.

6 A nis tha fios agam gu'n saor an Tighearn 'Aon ungta féin, éisdidh e ris o Nèamhan a naomhachd: le neart-saoraidh a dheas làimh.

7 Earbaidh cuid á Carbadaibh, agus cuid á Eachaibh: ach cuimhnichidh sinne Ainm an Tighearn' ar Dé.

8 Dh'ìslicheadh iadsan, agus thuit iad: ach dh'éirich sinne, agus sheas sinn.

9 Saor an rìgh, a Thighearna, agus éisd ruinn: 's an là 's an gairm sinn.

An xxi. *Salm.*

Domine, in virtute tua.

ANn ad neart, a Thighearna, ni an Rìgh aoibhneas: agus ann ad shlainte cia mòr an gairdeachas a ni e?

2 Miann a chridhe thug thu dha: agus athchuinge a bhilean cha do dhiùlt thu dha.

3 Oir ghabh thu roimhe le beannachadh do mhaitheis: chuir thu m'a cheann coron a dh'òr fìor-ghlan.

4 Dh'iarr e beatha ort, thug thu dha fad làithean: gu saoghal nan saoghal.

5 Is mòr a ghlòir trìd do shlàinte-sa: urram, agus mòralachd chuir thu air.

6 Oir rinn thu e ro bheannaichte gu bràth: rinn thu e ro aoibhneach le d' ghnùis.

7 Oir earbaidh an Rìgh as an Tighearn: agus trìd tròcair an Ti a's àirde cha ghluaisear e.

8 Gheibh do làmh a mach do naimhdean uile: gheibh do dheas làmh a mach iadsan le'm fuathach thu.

9 Ni thu iad mar àmhuinn theintich ann an àm d'fheirge: sluigidh an Tighearn sìos iad 'n a chorruich, agus caithidh an teine iad.

10 An toradh sgriosaidh tu o'n talamh: agus an sliochd o chloinn nan daoine.

11 Oir dhealbh iad olc a'd' aghaidh: smuainich iad droch smuainte nach b'urrainn iad a choimhlionadh.

12 Uime sin bheir thu orra an cùl a thionndadh: air sreangaibh do bhogha gleusaidh tu do shaighdean 'n an aghaidh.

13 Bi air d'àrdachadh, a Thighearn', ann ad neart: seinnidh sinne, agus molaidh sinn do chumhachd.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xxii. *Salm.*

Deus, Deus meus.

MO Dhia, mo Dhia, c'ar son a thréig thu mi: fad o m' ghlaodh, o bhriathraibh mo bhùiridh?

2 O mo Dhia, gairmeam anns an là, ach cha fhreagair thu: agus anns an oidhche, ach cha-n'eil fois agam.

3 Ach tha thusa naomh: ann ad chòmhnuidh far am bheil cliu Israeil.

4 Asad-sa dh'earb ar n-aithrichean: dh'earb iad, agus shaor thu iad.

5 Riut-sa ghlaodh iad, agus theasairgeadh iad: asad-sa dh'earb iad, agus cha robh nàire orra.

6 Ach is cnuimh mise, agus cha duine: masladh dhaoine, agus tàir an t-sluaigh.

7 Ni iadsan uile a chi mi, gàire-fanoid rium: casaidh iad am beul, crathaidh iad an ceann, ag ràdh,

8 Chuir e a dhòigh anns an Tighearn, fuasgladh e air: saoradh se e, a chionn gu bheil tlachd aige ann.

9 Ach is tusa an ti, a thug a mach as a' bhroinn mi: bu tu aobhar mo dhòchais, air cìch mo mhàthar.

10 Ort-sa thilgeadh mi o'n bhroinn: o bhroinn mo mhàthair is tusa mo Dhia.

11 Na bi-sa fada uam, oir tha àmhghar dlùth dhomh: agus gun neach ann gu m' chuideachadh.

12 Chuairtich mòran tharbh mi: dh'iadh tairbh làidir Bhàsain umam.

13 Dh'fhosgail iad orm am beul: mar leòmhan reubach, agus beucach.

14 Mar uisge dhòirteadh a mach mi, agus sgàin mo chnàmhan uile o 'chéile: tha mo chridhe mar chéir, air leaghadh ann am meadhon mo chuim.

15 Air tiormachadh mar shoitheach creadha tha mo neart, agus tha mo theangadh a' leantuinn ri m' ghial: agus gu ùir a' bhàis thug thu mi.

16 Oir chuairtich madraidh mi: dh'iadh coimhthional dhroch dhaoine umam.

17 Lot iad mo làmhan agus mo chosan, feudaidh mi mo chnàmhan uile àireamh: tha iadsan a' sealltuinn, tha iad a' geur-amharc orm.

18 Roinn iad mo thrusgan eatorra: agus air mo bhrat thilg iad crannchur.

19 Ach na bi-sa, a Thighearna, fada uam: O thusa mo neart, greas gu mo chabhair.

20 Teasairg m'anam o'n chlaidheamh: m'aon ghràidh o neart a' mhadaidh.

21 Saor mi o bheul an leòmhain: agus o adharcaibh nam buabhull teasairg mi.

22 Cuiridh mi'n céill d'ainm do m'bhràithribh: ann am meadhon a' choimhthionail molaidh mi thu.

23 Sibhse air am bheil eagal Dhé, molaibh e: sibhse uile, a shìol Iacoib, thugaibh glòir dha, agus bitheadh 'eagal-san oirbh, sibhse uile a shìol Israeil.

24 Oir cha do rinn e tàir air, agus cha do ghabh e gràin de àmhghar an truaghain: agus cha d'fholuich e a ghnùis air, ach an uair a ghlaodh e ris, dh'éisd e.

25 Ort-sa bithidh mo mholadh anns a' mhòrchoimhthional: mo bhòidean ìocaidh mi 'n an làthair-san, d'an eagal e.

26 Ithidh na daoine macanta, agus sàsuichear iad: molaidh iadsan an Tighearn a dh'iarras e; bithidh an cridhe beò gu bràth.

27 Cuimhnichidh air, agus pillidh a dh'ionnsuidh an Tighearn' uile chrìocha na talmhainn: agus strìochdaidh uile theaghlaichean nan cinneach 'n a làthair.

28 Oir is leis an Tighearn an rìoghachd: agus tha esan 'n a uachdaran air na cinnich.

29 Ithidh daoine reamhra na talmhainn uile: agus ni iad aoradh.

30 'N a làthair-san sleuchdaidh iadsan uile a théid sìos do'n duslach: oir cha chum neach 'anam beò.

31 Ni sliochd seirbhis dha: measar e do an Tighearn mar ghinealach.

32 Thig iad, agus cuiridh iad 'an céill 'fhìreantachd: do'n àl ri teachd, gu'm b'esan a rinn sud.

An xxiii. *Salm.*

Dominus regit me.

IS e an Tighearn mo bhuachaille: cha bhi mi ann an dìth.

2 Ann an cluainibh glasa bheir e orm luidhe sìos: làimh ri uisgeachaibh ciùin' treòraichidh e mi.

3 Aisigidh e m'anam: treòraichidh e mi air slighibh na fìreantachd air sgàth 'Ainme féin.

4 Seadh, ged shiubhail mi troimh ghleann sgàile a' bhàis, cha bhi eagal uilc orm: oir tha thusa maille rium, bheir do shlat, agus do lorg comhfhurtachd dhomh.

5 Deasaichidh tu bòrd fa m' chomhair ann am fianuis mo naimhde: dh'ung thu le olaidh mo cheann, tha mo chupan a' cur thairis.

6 Gu cinnteach leanaidh maith agus tròcair mi uile làithean mo bheatha: agus còmhnuichidh mi ann an tigh an Tighearna fad mo làithean.

URNUIGH MHAIDNE.

An xxiv. *Salm.*

Domini est terra.

IS leis an Tighearn an talamh, agus a làn: an domhan, agus iadsan a tha 'n an còmhnuidh ann.

2 Oir shuidhich e air na cuantaibh e: agus shocraich e air na sruthaibh e.

3 Cò théid suas gu sliabh an Tighearn': agus cò sheasas 'n a ionad naomh-san?

4 Esan, aig am bheil làmhan neò-chiontach, agus cridhe glan: nach do thog 'anam ri

dìomhanas, agus nach do mhionnaich chum ceilge.

5 Gheibh esan beannachadh o an Tighearn: agus fìreantachd o Dhia a shlàinte.

6 Is i so ginealach na dream a dh' iarras e: a dh' iarras do ghnùis, a Dhia Iacoib.

7 Togaibh, a gheatacha, 'ur cinn, agus bithibh air 'ur togail suas, a dhorsa sìorruidh: agus thig Rìgh na glòire steach.

8 Cò e so Rìgh na glòire: an Tighearn làidir agus treun, an Tighearn treun ann an cath.

9 Togaibh suas 'ur cinn, a gheatacha, agus bithibh air 'ur togail suas, a dhorsa sìorruidh: agus thig Rìgh na glòire steach.

10 Cò e so Rìgh na glòire: Tighearn nan slògh, is esan Rìgh na glòire.

An xxv. *Salm.*

Ad te, Domine, levavi.

RIut-sa, a Thighearna, togam m' anam a suas, annad-sa, mo Dhia, cuiream mo dhòchas: na nàraichear mi, agus na deanadh mo naimhdean gairdeachas os mo cheann.

2 Seadh, na nàraichear neach sam bith a dh' fheitheas ort-sa: bitheadh nàire orra-san a chiontaicheas gun aobhar.

3 Nochd dhomh do shlighean, a Thighearna: teagaisg dhomh do cheuman.

4 Treòraich mi ann ad fhìrinn, agus teagaisg mi: oir is tusa Dia mo shlàinte; agus ort-sa tha mi 'feitheamh gach là.

5 Cuimhnich do chaomh-thròcairean, a Thighearn': agus do chaoimhneasan gràdhach, oir tha iad ann o chian nan cian.

6 Peacaidhean m' òige, agus m' eusaontais, na cuimhnich thusa: a réir do thròcair bi-sa cuimhneachail orm, air sgàth do mhaitheis, a Thighearna.

7 Is maith, agus is dìreach an Tighearn: uime sin teagaisgidh e peacaich 's an t-slighe.

8 Treòraichidh e na daoine ciùin' ann am breitheanas: agus teagaisgidh e do na daoinibh ciùin' a shlighe.

9 Is tròcair agus fìrinn uile shlighean an Tighearna: dhoibh-san a ghleidheas a choimhcheangal, agus a theisteis.

10 Air sgàth d' Ainme, a Thighearna: lagh mo chionta, oir tha e mòr.

11 Cò e am fear air am bheil eagal an Tighearna: seòlaidh e esan 's an t-slighe a ròghnuicheas e.

12 Ni 'anam tàmh ann am maith: agus mealaidh a shliochd an tìr.

13 Tha rùn an Tighearn' aig an dream, d' an eagal e: agus foillsichidh e dhoibh a choimhcheangal.

14 Tha mo shùilean a ghnàth ris an Tighearn: oir bheir esan mo chosan as an lìon.

15 Amhairc orm, agus gabh truas dìom: oir tha mi a' m' aonar, agus fo àmhghar.

16 Tha teinn mo chridhe a' dol 'am meud: o m' àmhgharaibh saor thusa mi.

17 Amhairc air m' àmhghar, agus air mo phéin: agus lagh mo pheacaidhean gu léir.

18 Amhairc air mo naimhdibh, oir tha iad lìonmhor: agus le fuath anabarrach tha iad 'g am fhuathachadh.

19 Gleidh m' anam, agus saor mi: na leig fo nàire mi, oir chuir mi mo dhòigh annad.

20 Dìonadh ionracas, agus ceartas mi: oir tha mi 'feitheamh ort-sa.

21 Saor Israeil, a Dhé: as 'àmhgharaibh uile.

An xxvi. *Salm.*

Judica me, Domine.

THoir breth orm, a Thighearn', oir ghluais mi ann an ionracas: o chuir mi mo dhòigh anns an Tighearn, cha ghluaisear mi.

2 Fidir mi, a Thighearn', agus dearbh mi: rannsaich m' àirnean, agus mo chridhe.

3 Oir tha do chaoimhneas gràdhach fa chomhair mo shùl: agus ghluais mi ann ad fhìrinn.

4 Cha do shuidh mi le daoinibh mealltach: agus maille ri luchd-ceilge cha téid mi steach.

5 Is beag orm coimhthional luchd-uilc: agus le daoinibh aingidh cha suidh mi.

6 Nighidh mi mo làmhan ann an neò-chiontas: agus cuairtichidh mi d' altair, a Thighearna.

7 Chum gu foillsich mi le guth molaidh: agus gu'n cuir mi 'an céill d' oibre iongantach gu léir.

8 A Thighearn', is ionmhuinn leam còmhnuidh do theach-sa: agus ionad pàilliuin do ghlòire.

9 Na cruinnich m' anam le peacaich: no mo bheatha le daoinibh fuileachdach;

10 Aig am bheil lochd 'n an làmhan: agus an làmh dheas làn de dhuais bhratha.

11 Ach gluaisidh mise ann am ionracas: saor mi, agus dean tròcair orm.

12 Tha mo chos 'n a seasamh ann an ionad còmhnard: anns na coimhthionail beannaichidh mi an Tighearn.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xxvii. *Salm.*

Dominus illuminatio.

IS e an Tighearn mo sholus, agus mo shlàinte; cò chuireas eagal orm: is e an Tighearn neart mo bheatha; cò chuireas geilt orm?

2 'N uair thàinig luchd-uilc orm a dh' itheadh suas m' fheòla, mo naimhdean, agus m' eascairdean: thuislich iad féin, agus thuit iad.

3 Ged champaicheadh feachd a' m' aghaidh, cha bhitheadh eagal air mo chridhe: ged éireadh cogadh a' m' aghaidh, á so ni mi mo bhun.

4 Aon ni ghuidh mi air an Tighearn, sin iarraidh mi: a bhi a'm' chòmhnuidh ann an tigh an Tighearna ré uile làithean mo bheatha, chum gu faicinn maise an Tighearn', agus gu fiosraichinn 'n a theampull.

5 Oir folaichidh e mi 'n a sgàth-thigh ann an là an uilc: folaichidh e mi ann an dìomhaireachd a phàilliuin, air carraig togaidh e suas mi.

6 Agus a nis togar suas mo cheann: os ceann mo naimhdean mu 'n cuairt orm.

7 Agus ìobraidh mi 'n a phàilliun ìobairtean aoibhneis: seinnidh mi, agus canaidh mi cliu do an Tighearn.

8 Eisd, a Thighearna, ri m' ghuth, 'n uair a dh' éigheas mi: dean tròcair orm, agus freagair mi.

9 'N uair a thubhairt thusa, Iarraibh-se mo ghnùis: thubhairt mo chridhe riut, Do ghnùis, a Thighearn', iarraidh mi.

10 Na folaich do ghnùis uam: na cuir air falbh d' òglach ann am feirg.

11 Bu tusa mo chabhair: na fàg mi, agus na tréig mi, a Dhia mo shlàinte.

12 'N uair a thréigeas m' Athair agus mo Mhàthair mi: an sin togaidh an Tighearn suas mi.

13 Teagaisg dhomh do shlighe, a Thighearn': agus treòraich mi air slighe dhìrich, air sgàth mo naimhdean.

14 Na tabhair thairis mi do thoil mo naimhdean: oir dh' éirich fianuisean bréige a' m' aghaidh, agus luchd-bagairt fòirneirt.

15 Gidheadh chreid mise: gu faicinn maitheas an Tighearn' ann an tìr nam beò.

16 Feith air an Tighearn: glac misneach, agus neartaichidh esan do chridhe, feith, tha mi 'g ràdh, air an Tighearn.

An xxviii. *Salm.*

Ad te, Domine.

RIut-sa, a Thighearn', éigheam, mo charraig: na bi-sa 'n ad thosd a m' thaobh, air eagal ma bhitheas tu 'n ad thosd a m' thaobh, gu fàs mi cosmhuil riu-san a théid sìos do 'n uaigh.

2 Eisd ri guth m' athchuingean, an uair a ghlaodhas mi ruit: an uair a thogas mi mo làmhan chum do ghuth-àite naoimh-sa.

3 Na tarruing mi mach leis na h-aingidh, agus le luchd-deanamh na h-eucorach: a tha

'labhairt sìth' r' an coimhearsnaich, agus olc aca 'n an cridhe.

4 Thoir dhoibh a réir an oibre: agus a réir aingidheachd an gnìomharan.

5 A réir oibre an làmh thoir dhoibh: ìoc an luigheachd dhoibh.

6 A chionn nach toir iad an aire do ghnìomharaibh an Tighearna, no do obair a làmh: sgriosaidh e iad, agus cha tog e suas iad.

7 Beannaichte gu robh an Tighearn: a chionn gu'n d' éisd e ri guth m' athchuinge.

8 Is e an Tighearn mo neart, agus mo sgiath, ann-san chuir mo chridhe a dhòchas, agus chuidicheadh leam: uime sinn rinn mo chridhe gairdeachas, agus le m' laoidh molaidh mi e.

9 Is e an Tighearn neart a shluaigh: agus is esan neart slàinte 'Aoin ungta féin.

10 Saor do shluagh, agus beannaich d' oighreachd: beathaich iad, agus àrdaich iad gu bràth.

An xxix. *Salm.*

Afferte Domino.

THugaibh do an Tighearn, a chlann nan cumhachdach: thugaibh do an Tighearn glòir agus neart.

2 Thugaibh do an Tighearn a' ghlòir a's cubhaidh d'a Ainm: sleuchdaibh do an Tighearn ann am maise na naomhachd.

3 Tha guth an Tighearn' os ceann nan uisgeacha: rinn Dia na glòire tairneanach.

4 An Tighearn, os ceann nan Uisgeacha mòra; tha guth an Tighearna cumhachdach: tha guth an Tighearna làn mòralachd.

5 Brisidh guth an Tighearna na Seudair: seadh, brisidh an Tighearn Seudair Lebanoin.

6 Agus bheir e orra leum mar laogh: Lebanon agus Sirion mar bhuabhull òg.

7 Sgoiltidh guth an Tighearna lasraichean an teine, crathaidh guth an Tighearn' am fàsach: crathaidh an Tighearn fàsach Chadeis.

8 Bheir guth an Tighearn' air na h-éildibh an laoigh a thilgeadh, agus lomaidh e na coilltean: agus 'n a theampull cuiridh gach neach 'an céill a ghlòir.

9 Suidhidh an Tighearn air an tuil: agus suidhidh an Tighearn 'n a Rìgh gu sìorruidh.

10 Bheir an Tighearn neart d'a shluagh: beannaichidh an Tighearn a shluagh le sìth.

URNUIGH MHAIDNE.

An xxx. *Salm.*

Exaltabo te, Domine.

MOlaidh mi thu, a Thighearn', oir thog thu suas mi: agus cha d'thug thu air m'eascairdibh gairdeachas a dheanamh os mo cheann.

2 A Thighearna mo Dhia, ghlaodh mi riut: agus shlànuich thusa mi.

3 A Thighearna, thog thu m'anam a nìos as an uaigh: ghleidh thu beò mi, chum nach rachainn sìos do'n t-slochd.

4 Seinnibh do'n Tighearn, sibhse a naoimhsan: agus thugaibh buidheachas ri cuimhneachadh air a naomhachd.

5 Oir cha-n'eil ach tiota 'n a fheirg, tha beatha 'n a dheadh-ghean: ré oidhche mairidh bròn, ach air maduinn thig gairdeachas.

6 Thubhairt mise ann am shocair, Cha ghluaisear mi am feasd: a Thighearna, le d' dheadhghean thug thu air mo bheinn seasamh gu daingean.

7 Dh'fholuich thu do ghnùis: bha mi fo amhluadh.

8 Ghlaodh mi riut-sa, a Thighearn': agus air an Tighearn dh'asluich mi.

9 Ciod an tairbhe a tha ann am fhuil: 'n uair a théid mi sìos do'n t-slochd?

10 Am mol an ùir thu: an cuir i 'an céill d'fhìrinn?

11 Eisd rium, a Thighearn', agus dean tròcair orm: A Thighearna, bi-sa ann ad fhear-cuideachaidh leam.

12 Thionndaidh thu dhomh-sa mo bhròn gu dannsadh: chuir thu dhìom m'eudach-saic, agus chrioslaich thu mi le aoibhneas.

13 Chum gu'n seinneadh mo ghlòir cliu dhuit, agus nach bitheadh i 'n a tosd: a Thighearna mo Dhia, gu bràth molaidh mise thu.

An xxxi. *Salm.*

In te, Domine, speravi.

ANnad-sa, a Thighearn', cuiream mo dhòigh: na nàraichear mi gu bràth, trid d'fhìreantachd saor mi.

2 Aom a m' ionnsuidh do chluas: gu grad furtaich orm.

3 Bi-sa ann ad charraig làidir dhomh, ann ad thigh-tèarmuinn: chum mo dhìonadh.

4 Oir is tusa mo charraig, agus mo dhaingneach: agus air sgàth d'Ainme, treòraichidh agus stiuraidh tu mi.

5 Bheir thu mi as an lìon a dh'fholuich iad fa m' chomhair: oir is tusa mo neart.

6 Ann ad làimh-sa tiomnam mo spiorad: saor mi, a Thighearna Dhé na fìrinn.

7 Is fuath leat iadsan, a bheir fainear dìomhanais bhreugach: ach anns an Tighearn chuir mise mo dhòchas.

8 Ni mi aoibhneas, agus gairdeachas ann ad thròcair: oir chunnaic thu m'àmhghar, b'aithne dhuit m'anam ann an teanntachdaibh.

9 Agus cha do dhruid thu suas mi ann an làimh an nàmhaid: shocraich thu mo chosan ann an àite farsuinn.

10 Gabh truas dìom, a Thighearn', oir tha mi ann an teinn: tha mo shùil, m'anam, agus mo chòm, air seargadh as le doilgheas.

11 Oir chlaoidheadh mo bheatha le bròn: agus mo bhliadhnan le osnaich.

12 Air son m'euceirt thuit mo neart: agus chaitheadh mo chnàmhan.

13 'Am measg mo naimhdean gu léir bha mi a'm' mhasladh, agus gu h-àraidh do m' choimhearsnaich: agus a'm' aobhar eagail do m' luchd eòlais; iadsan, a chunnaic mi a muigh, theich iad uam.

14 Dhì-chuimhnicheadh mi, mar dhuine marbh air dol á cuimhne: tha mi mar shoitheach briste.

15 Oir chuala mi cùl-chàineadh mhòran dhaoine: bha eagal air gach taobh, 'n uair a ghabh iad comhairle le 'chéile a'm' aghaidh, a dhealbh iad mo bheatha 'thoirt uam.

16 Ach dh'earb mise asad-sa, a Thighearna: thubhairt mi, Is tu mo Dhia.

17 Ann ad làimh-sa tha m'aimsirean, saor mi á làimh mo naimhdean: agus uatha-san a tha 'an tòir orm.

18 Thoir air do ghnùis dealrachadh air d' òglach: saor mi air sgàth do thròcair.

19 Na nàraichear mi, a Thighearn', oir ghairm mi ort: nàire bitheadh air na h-aingidh, 'n an tosd bitheadh iad 's an uaigh.

20 Deanar balbh na bilean breugach: a labhras an aghaidh an fhìrein gu cruaidh, le uabhar, agus tarcuis.

21 Cia mòr do mhaitheas, a thaisg thu dhoibh-san, do'n eagal thu: a rinn thu dhoibh-san, a dh'earbas asad, 'am fianuis chloinn' nan daoine!

22 Folaichidh tu iad ann an dìomhaireachd do làthaireachd o àilghios dhaoine: folaichidh tu iad ann am pàilliun o strì nan teangadh.

23 Beannaichte gu robh an Tighearn: oir nochd e gu h-iongantach a chaoimhneas dhomh-sa ann am baile daingnichte.

24 Thubhairt mise a'm' dheifir: Ghearradh as mi o fhianuis do shùl.

25 Gidheadh dh'éisd thusa ri guth m'asluch-aidh: 'n uair a dh'éigh mi riut.

26 Gràdhaichibh an Tighearn, sibhse uile a naoimh-san: gleidhidh an Tighearn na daoine tréibhdhireach, agus dìolaidh e gu pailt dhàsan a ni gu h-uaibhreach.

27 Bithibh-se misneachail, agus neartaichidh esan 'ur cridhe: sibhse uile a chuir 'ur dòchas anns an Tighearn.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xxxii. *Salm.*

Beati, quorum.

IS beannaichte esan, d'an do mhaitheadh 'eusaontas: d'am bheil a pheacadh air 'fholach.

2 Is beannaichte an duine, nach cuir an Tighearn euceart as a leth: agus aig nach 'eil cealg 'n a spiorad.

3 An uair a bha mi ann am thosd: luidh aois air mo chnàmhan le m' bhùireadh fad an là.

4 Oir a là, agus a dh'oidhche bha do làmh trom orm: tha mo bhrìgh air a h-atharrachadh gu tiormachd an t-samhraidh.

5 Dh'aidich mi mo pheacadh dhuit: agus cha do cheil mi m'euceart.

6 Thubhairt mi, Aidichidh mi m'eusaontais do an Tighearn: agus mhaith thusa cionta mo pheacaidh.

7 Air an aobhar sin ni gach duine diadhaidh urnuigh riut-sa, 's an àm anns am faighear thu: gu cinnteach ann an tuil nan uisgeacha mòra cha tig iad am fagus da.

8 Tha thusa ann ad ionad-foluich dhomh, o theinn gleidhidh tu mi: le òranaibh saorsa cuairtichidh tu mi.

9 Fìor-theagaisgidh mi thu, agus nochdaidh mi dhuit an t-slighe, air an tigeadh dhuit triall: seòlaidh mi dhuit le m' shùil.

10 Na bi mar each, no mar mhuileid, aig nach 'eil ciall: d'an cuirear sparrag, agus srian 'n am beul, chum nach tig iad am fagus dhuit.

11 Is lìonmhor doilgheasan do'n aingidh: ach cuairtichidh tròcair esan, a dh'earbas as an Tighearn.

12 Bithibh aoibhneach anns an Tighearn, agus deanaibh gairdeachas, sibhse fhìreana: agus deanaibh luathghaire, sibhse uile a tha ceart ann an cridhe.

An xxxiii. *Salm.*

Exultate, justi.

DEanaibh gairdeachas 's an Tighearn, sibhse fhìreana: do na h-ionraic tha cliu ciatach.

2 Molaibh an Tighearn air clàrsaich: air an t-saltair, inneal-ciuil nan deich teud, seinnibh dha.

3 Canaibh dha òran nuadh: seinnibh fonn gu h-ealanta, le fuaim àrd.

4 Oir tha focal an Tighearna ceart: agus tha 'oibre uile deanta ann am firinn.

5 Is ionmhuinn leis ceartas, agus breitheanas: de mhaitheas an Tighearna tha an talamh làn.

6 Le focal an Tighearna rinneadh na nèamhan: agus le anail a bheoil an slòigh uile.

7 Carnaidh e suas mar thorr uisgeacha na fairge: cuiridh e an doimhne suas 'n a thighibhtasgaidh.

8 Roimh an Tighearn bitheadh eagal air an talamh uile: roimhe-san bitheadh fiamh air uile luchd-àiteachaidh an domhain;

9 Oir labhair e, agus bha e ann: dh'àithn e, agus sheas e.

10 Rinn an Tighearn comhairle nan cinneach faoin: thug e innleachdan an t-sluaigh gu neo-ni.

11 Seasaidh comhairle an Tighearna gu sìorruidh: smuaintean a chridhe o linn gu linn.

12 Is beannaichte an cinneach sin, aig am bheil an Tighearn 'n a Dhia dhoibh: an sluagh, a ròghnaich e mar oighreachd dha féin.

13 O na nèamhan amhaircidh an Tighearn a nuas, chi e uile chlann nan daoine: o ionad seasmhach a chòmhnuidh beachdaicheadh e air uile luchd-àiteachaidh na talmhainn.

14 Chum esan an cridhe air aon dòigh: bheir e fainear an gnìomharan uile.

15 Cha tèarnar rìgh le meud 'fheachd: cha saorar laoch le meud a neirt.

16 Is dìomhain an t-each chum tèaruinteachd: agus le meud a neirt cha saor e.

17 Feuch, tha sùil an Tighearn' orra-san d'an eagal e: orra-san, a chuireas an dòchas 'n a thròcair.

18 Chum an anam a theasairginn o'n bhàs: agus an cumail beò anns a' ghorta.

19 Feithidh ar n-anam air an Tighearn: is esan ar cabhair, agus ar sgiath.

20 Oir ann-san ni ar cridhe gairdeachas: a chionn 'n a ainm naomh-san gu'n do chuir sinn ar dòigh.

21 Gu robh do thròcair, a Thighearn', oirnn: a réir mar a chuir sinn ar dòchas annad.

An xxxiv. *Salm.*

Benedicam Domino.

BEannaichidh mi an Tighearn gach àm: 'an còmhnuidh bithidh a mholadh ann am bheul.

2 Anns an Tighearn ni m'anam uaill: cluinnidh na daoine sèimhe, agus ni iad aoibhneas.

3 Molaibh an Tighearn leam-sa: agus àrdaicheamaid 'Ainm le 'chéile.

4 Dh' iarr mi an Tighearn, agus dh'éisd e rium: agus shaor e mi o gach aobhar eagail a bha agam.

5 Dh'amhairc iad air, agus shoillsicheadh iad: agus cha robh nàire air an gnùis.

6 Ghlaodh an duine bochd so, agus dh' éisd an Tighearn ris: agus as a theanntachdaibh gu léir shaor se e.

7 Campaichidh Aingeal an Tighearna mu 'n timchioll-san d'an eagal e: agus teasairgidh e iad.

8 O blaisibh, agus faicibh gur maith an Tighearn: is beannaichte an duine sin, a dh'earbas as.

9 Bitheadh eagal an Tighearn' oirbh, a Naoimh-san: oir cha bhi dìth air a luchd-eagail-san.

10 Bithidh easbhuidh air na leòmhanaibh òga, agus bithidh ocras orra: ach orra-san a dh'iarras an Tighearn, cha bhi maith air bith a dhìth.

11 Thigibh, a chlann, éisdibh rium: teagaisgidh mi dhuibh eagal an Tighearna.

12 Cò e am fear, a mhiannaicheas beatha: a ghràdhaicheas làithean a dh'fhaicinn maith?

13 Gleidh do theangadh o olc: agus do bhilean o labhairt ceilg.

14 Seachainn an t-olc, agus dean am maith: iarr sìochaint agus lean i.

15 Tha sùilean an Tighearn' air na fìreanaibh: agus a chluas r' an glaodh.

16 Tha gnùis an Tighearn' an aghaidh luchd-deanamh uilc: chum an cuimhne a ghearradh as o'n talamh.

17 Ghlaodh na fìreanan, agus dh' éisd an Tighearn: agus as an teanntachdaibh gu léir shaor e iad.

18 Is dlùth an Tighearn dhoibh-san a tha briste 'n an cridhe: agus saoraidh e iadsan a tha brùite 'n an spiorad.

19 Is lìonmhor àmhgharan an fhìrein: ach asda air fad saoraidh an Tighearn e.

20 Gleidhidh an Tighearn a chnàmhan uile: cha bhi aon diubh briste.

21 Marbhaidh olc na h-aingidh: agus iadsan, a tha 'toirt fuath do'n fhìrean, lom-sgriosar iad.

22 Saoraidh an Tighearn anam a sheirbhiseach: agus cha sgriosar aon air bith dhiubh-san, a chuireas an dòigh ann.

URNUIGH MHAIDNE.

An XXXV. *Salm.*

Judica me, Domine.

TAgair, a Thighearna, riu-san, a thagras a'm' aghaidh: cog 'n an aghaidh-san, a chogas a'm' aghaidh.

2 Glac targaid agus sgiath: agus éirich chum mo chuideachaidh.

3 Agus tarruing a mach an t-sleagh, agus druid an t-slighe 'n an aghaidh-san, a tha 'n tòir orm: abair ri m'anam, Is mi do shlàinte.

4 Nàire agus masladh gu robh orra-san, a tha 'g iarraidh m'anama: gu'm pillear iadsan

air an ais, agus gu robh amhluadh orra, a tha 'smuaineachadh uilc dhomh.

5 Bitheadh iad mar mholl fa chomhair na gaoithe: agus Aingeal an Tighearna 'g an ruagadh.

6 Bitheadh an slighe dorcha, agus sleamhuin: agus Aingeal an Tighearn' 'an tòir orra.

7 Oir gun aobhar dh'fholuich iad air mo shon an lìon: slochd gun aobhar chladhaich iad air son m'anama.

8 Thigeadh sgrios air gun fhios da, agus a lìon a dh'fholuich e, glacadh se e féin: 's an sgrios sin tuiteadh e.

9 Ach ni m'anam-sa gairdeachas anns an Tighearn: ni e aoibhneas 'n a shlàinte.

10 Their mo chnàmhan uile, A Thighearna, cò is cosmhuil riut-sa, a theasairgeas am bochd uaith-san a's treise na e: agus am bochd agus an t-ainnis uaith-san, a chreachadh e.

11 Dh'éirich fianuisean eucorach: chuir iad as mo leth nithean, air nach robh fios agam.

12 Dhìol iad dhomh olc 'an éiric maith: a' cur rompa mo bheatha a thoirt uam.

13 Ach a m' thaobh-sa, 'n uair a bha iadsan gu tinn, b'e eudach-saic mo chulaidh, dh'iriosLaich mi m'anam le trasgadh: agus phill m'urnuigh a'm' uchd féin.

14 Mar gu'm bu charaid, no bràthair dhomh a bhitheadh ann, ghluais mi: mar fhear-caoidh a mhàthar, gu dubhach chrom mi sìos.

15 Ach air bhi dhomh-sa ann an àmhghar, bha iadsan ait, agus chruinnich iad le 'chéile: chruinnich daoine suarach nach b'aithne dhomh

le 'chéile a'm' aghaidh, reub iad, agus cha do sguir iad.

16 Le luchd dian-mhagaidh cealgach: chas iad am fiacla rium.

17 Cia fhad, a Thighearn', a dh'amhairceas tu air so: saor m'anam o am milleadh, m'aonghràidh o na leòmhanaibh.

18 Cliùthaichidh mi thu anns a' mhòr-choimhthional: 'am measg sluaigh lìonmhoir molaidh mi thu.

19 Na deanadh iadsan, a tha 'n an naimhdibh dhomh gu h-eucorach, gairdeachas os mo cheann: iadsan aig am bheil fuath dhomh gun aobhar, na caogadh iad le'n sùil.

20 Oir cha labhair iad sìth: ach an aghaidh dhaoine ciùine na tìre dealbhaidh iad nithe cealgach.

21 Dh'fhosgail iad am beul gu farsuinn a'm' aghaidh; thubhairt iad: Ahà, ahà, chunnaic ar sùil.

22 Chunnaic thusa so, a Thighearna: na bi a'd' thosd, a Thighearna, na bi fada uam.

23 Tog ort agus mosgail chum mo cheirt: chum mo chùise, mo Dhia, agus mo Thighearna.

24 Thoir breth orm a réir do cheartais, a Thighearna mo Dhia: agus na deanadh iad gairdeachas os mo cheann.

25 Na h-abradh iad 'n an cridhe, Ahà, is e sud ar miann: idir na h-abradh iad, Shluig sinn suas e.

26 Nàire agus amhluadh gu robh orra-san le 'chéile, a tha 'deanamh gairdeachais ri m'olc: còmhdaichear le nàire agus masladh iadsan, a dh'àrdaicheas iad féin a'm' aghaidh.

27 Deanadh iadsan iolach agus bitheadh iad aoibhneach, a sheasas mo chòir dhomh: agus abradh iad a ghnàth, Mòr chliù gu robh do an Tighearn, aig am bheil tlachd ann an sìth a sheirbhisich.

28 An sin cuiridh mo theangadh 'an céill do cheartas: air feadh an là do chliu.

An xxxvi. *Salm.*

Dixit injustus.

'S E 'their an t-aingidh an taobh a stigh d'a chridhe, gu'm peacaich e: cha-n'eil eagal Dhé fa chomhair a shùl.

2 Oir ni e bàigh ris féin 'n a shùilibh féin: gus am faighear a mach a chionta mar aobhar fuatha.

3 Is euceart, agus cealg briathran a bheoil: leig e dheth 'bhi glic, maith a dheanamh.

4 Dealbhaidh e euceart air a leabaidh, suidhichidh se e féin air slighe nach 'eil maith: cha-n oillteil leis an t-olc.

5 A Thighearn', anns na nèamhan tha do thròcair: tha d'fhìrinn gu ruig na neoil.

6 Tha d'fhìreantachd mar na beanntan àrda: do bhreitheanais 'n an doimhne mhòir.

7 Gleidhidh tusa, a Thighearn', duine agus ainmhidh; Cia luachmhor do chaoimhneas gràdhach, a Dhé: uime sin earbaidh clann nan daoine á sgàile do sgiathan.

8 Sàsuichear iad gu mòr le saill do thighe: agus á amhainn do shòlasan bheir thu orra òl.

9 Oir agad-sa tha tobar na beatha: ann ad sholus-sa chi sinne solus.

10 Buanaich do chaoimhneas gràidh dhoibhsan, a chuir eòlas ort: agus d'fhìreantachd dhoibh-san, a tha ionraic 'n an cridhe.

11 Na tigeadh cos an àrdain orm: agus na gluaiseadh làmh nan aingidh mi.

12 An sin thuit luchd-deanamh na h-euceirt a sìos: leagadh sìos iad, agus cha-n urrainn iad éirigh.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xxxvii. *Salm.*

Noli æmulari.

NA bitheadh campar ort mu dhaoinibh aingidh: agus na gabh farmad ri luchd-deanamh na h-euceirt.

2 Oir mar am feur gearrar gu grad sìos iad: agus mar an luibh ghlas seargaidh iad.

3 Earb thusa as an Tighearn, agus dean maith: mar sin gabhaidh tu còmhnuidh 's an tìr, agus beathaichear thu gu cinnteach.

4 Mar an ceudna gabh tlachd anns an Tighearn: agus bheir e dhuit iarrtuis do chridhe.

5 Tabhair suas do shlighe do an Tighearn, agus earb as: agus ni se e.

6 Agus bheir e mach d'fhìreantachd mar an solus: agus do bhreitheanas mar am meadhonlà.

7 Bi ann ad thosd 'an làthair an Tighearn', agus feith le foighidin air: na bitheadh campar ort mu'n ti, a shoirbhicheas 'n a shlighe, mu'n fhear, a bheir a dhroch innleachda gu buil.

8 Leig fearg dhìot, agus tréig corruich: na bitheadh campar ort air aon chor chum uile.

9 Oir gearrar as droch dhaoine: ach iadsan, a dh'fheitheas air an Tighearn, buan-mhealaidh iad an talamh.

10 Oir fathast tamull beag, agus cha bhi an t-aingidh ann: seadh, bheir thu fainear 'àite-san, agus cha bhi e ann.

11 Ach mealaidh daoine macanta an talamh: agus gabhaidh iad tlachd ann am meud na sìth'.

12 Tha'n t-aingidh a' cumadh uilc do'n ion-raic: agus a' casadh 'fhiacal ris.

13 Ni Dia fanoid air: oir is léir dha, gu bheil a là a' teachd.

14 Tharruing na h-aingidh an claidheamh, agus chuir iad am bogha air ghleus: a leagadh sìos a' bhochd agus an ainnis, a mharbhadh luchd-deadh-bheus.

15 Théid an claidheamh a steach 'n an cridhe féin: agus brisear am bogha.

16 Is fearr beagan aig an duine ionraic: na saoibhreas mhòran dhroch dhaoine.

17 Oir brisear gairdeanan dhroch dhaoine: ach cumaidh Dia suas na fireanan.

18 Is fiosrach Dia air làithibh nan daoine ionraic: agus bithidh an oighreachd gu sìorr-uidh.

19 Cha chuirear gu nàire iad ann an àm an uilc: agus ann an làithibh na gorta sàsuichear iad.

20 Ach sgriosar droch dhaoine, agus bithidh naimhdean an Tighearna mar shaill uan: théid as doibh, mar dheataich théid as doibh.

21 Gabhaidh an t-aingidh air iasachd, agus cha dìol e rìs: ach tha 'm fìrean tròcaireach, agus bheir e uaith.

22 Oir iadsan a bheannaichear leis, mealaidh iad an talamh: agus iadsan a mhallaichear leis, gearrar as iad.

23 Leis an Tighearn tha ceuman duine air an orduchadh: agus gabhaidh e tlachd 'n a shlighe.

24 Ged thuit e, cha tilgear gu tur sìos e: oir cumaidh an Tighearn suas air làimh e.

25 Bha mi òg, agus a nis tha mi sean: gidh-eadh cha-n fhaca mi am fìrean air a thréigsinn, agus a shliochd ag iarraidh arain.

26 Tha e ghnàth truacanta, agus coingheall-ach: agus bithidh a shliochd beannaichte.

27 Seachainn an t-olc, agus dean am maith: agus gabh còmhnuidh gu bràth.

28 Oir is toigh leis an Tighearn breitheanas: agus cha tréig e a naoimh, gu bràth coimhidear iadsan.

29 Ach gearrar as: sliochd nan aingidh.

30 Mealaidh na fìreanan an tìr: agus gabh-aidh iad còmhnuidh innte gu bràth.

31 Cuiridh beul an fhìrein 'an céill gliocas: agus labhraidh a theangadh breitheanas.

32 Tha lagh a Dhé 'n a chridhe: cha sleamh-nuich a cheuman.

33 Bithidh an droch dhuine ri faire air an fhìrean: agus iarraidh e a mharbhadh.

34 Cha-n fhàg an Tighearn e 'n a làimh: agus cha dìt se e 'n uair a bheirear breth air.

35 Feith air an Tighearn, agus gleidh a shlighe, agus àrdaichidh e thu, chum an tìr a mhealtuinn: 'n uair a ghearrar as droch dhaoine, chi thu e.

36 Chunnaic mi an duine aingidh ann am

mòr-chumhachd : agus e 'g a sgaoileadh féin a mach mar ùr-chraoibh uaine.

37 Ach chaidh e seachad, agus feuch, cha robh e ann : agus dh'iarr mi e, ach cha d'fhuaras e.

38 Thoir fainear an duine foirfe, agus amhairc air an duine ionraic : oir is i sìth a's crìoch do'n duine sin.

39 Ach sgriosar luchd eusaontais faraon : gearrar as crìoch dhroch dhaoine.

40 Tha slàinte nam fìrean o'n Tighearn : is esan an neart ann an àm teanntachd.

41 Agus cuidichidh an Tighearn leo, agus teasairgidh e iad : teasairgidh e iad o dhroch dhaoinibh, agus saoraidh e iad, a chionn gu'n d'earb iad as.

URNUIGH MHAIDNE.

An xxxviii. *Salm.*

Domine, ne in furore.

A Thighearna, na cronuich mi ann ad chorruich : agus na smachdaich mi ann an teas d'fheirge.

2 Oir shàthadh do shaighdean annam : agus tha do làmh trom orm.

3 Cha-n'eil fallaineachd ann am fheòil, air son d'fheirge : cha-n'eil sìth a'm' chnàmhan, air son mo pheacaidh.

4 Oir chaidh m'euceartan thar mo cheann : mar eire thruim, tha iad ro throm air mo shon.

5 Tha mo chreuchdan lobhta, breun : air son m'amaideachd.

6 Tha mi cràiteach, chromadh sìos mi gu mòr : air feadh an là uile tha mi 'g imeachd gu dubhach.

7 Oir tha mo leasraidh làn de ghalar grannda : agus cha-n'eil fallaineachd a'm' fheòil.

8 Tha mi lag, agus ro bhrùite : tha mi a' bùireadh trìd mi-shuaimhneis mo chridhe.

9 A Thighearna, tha mo mhiann uile a'd' làthair : agus cha-n'eil m'osnaich foluichte ort.

10 Tha mo chridhe a' ploscartaich, thréig mo neart mi : a thaobh fradhairc mo shùl, sin mar an ceudna cha-n'eil agam.

11 Tha luchd mo ghaoil, agus mo chairdean a' seasamh fa chomhair mo leoin : agus tha mo dhìlsean a' seasamh fada uam.

12 Agus tha luchd-iarraidh m'anama a' cur ribeacha romham : agus luchd-iarraidh m'uilc a' labhairt nithean aimhleasach, agus a' smuaineachadh ceilge air feadh an là uile.

13 Ach mar dhuine bodhar, cha chluinn mise : agus tha mi mar dhuine balbh, nach fosgail a bheul.

14 Tha mi eadhon mar fhear nach cluinn : agus aig nach 'eil achmhasain 'n a bheul.

15 Oir annad-sa, a Thighearna, chuir mi mo dhòchas : éisdidh tusa, a Thighearna mo Dhia.

16 Oir thubhairt mi, Air eagal gu'n dean iad gairdeachas a'm' aghaidh : 'n uair a shleamhnuicheas mo chos, gu'n àrdaich siad iad féin a'm' aghaidh.

17 Oir tha mi ealamh gu tuisleachadh : agus tha mo dhoilgheas a'm' fhianuis a ghnàth.

18 Oir aidichidh mi m'euceart : bithidh mi doilich air son mo pheacaidh.

19 Ach tha mo naimhdean beothail, tha iad làidir : agus tha iadsan aig am bheil fuath dhomh gu h-eucorach, air fàs lìonmhor.

20 Agus tha iadsan a dhìolas olc air son maith a' cur a'm' aghaidh: a chionn gu bheil mi 'leantuinn a' mhaith.

21 Na tréig mi, a Thighearna mo Dhia: na bi-sa fada uam.

22 Greas chum mo chuideachaidh: a Thighearna mo shlàinte.

An xxxix. *Salm.*

Dixi, custodiam.

THubhairt mi, Bheir mi 'n aire do m' shlighibh: nach peacaich mi le m' theangaidh.

2 Gleidhidh mi srian air mo bheul: an uair a bhitheas an duine aingidh a'm' fhianuis.

3 Bha mi balbh, tosdach: dh'fhan mi o labhairt maith féin; ach dhùisgeadh mo dhoilgheas.

4 Dh'fhàs mo chridhe teth 'an taobh a stigh dhìom, 'n uair a bha mi a' beachd-smuaineachadh, las an teine: labhair mi le m' theangaidh.

5 Thoir fios dhomh, a Thighearn', air mo chrìch, agus tomhas mo làithean ciod e: chum gu'm bi fios agam cia gearr mo ré.

6 Feuch, mar leud boise rinn thu mo làithean: agus tha m'aois mar neo-ni a'd' fhianuis, gu deimhin is dìomhanas gach duine d'a fheabhas.

7 Gu deimhin tha gach duine a' siubhal ann an samhladh dìomhain, gu deimhin cuirear mi-shuaimhneas orra gu faoin: carnaidh neach suas beartas, gun fhios aige, cò mhealas e.

8 Agus a nis, ciod ris am feitheam, a Thighearna: tha mo dhòchas annad-sa.

9 Saor mi o m'eusaontais uile: na dean ball-maslaidh an amadain dhìom.

10 Bha mi ann am thosd, cha d'fhosgail mi mo bheul: a chionn gur tusa a rinn e.

11 Tog dhìom do bhuille: le beum do làimhsa chlaoidheadh mi.

12 Le achmhasain air son euceirt 'n uair a chronaicheas tu duine, bheir thu air a shnuadh caitheamh, mar leòmann: gu deimhin is dìomhanas gach duine.

13 Cluinn m'urnuigh, a Thighearn', agus éisd ri m' ghlaodh: ri m' dheoir na bi a'd' thosd.

14 Oir is coigreach mi maille riut: agus fearcuairt mar m'aithrichean uile.

15 O caomhain mi, chum gu'm faigh mi neart: mu'n siubhail mi, agus nach bi mi ann na's mò.

An xl. *Salm.*

Expectans expectavi.

DH'fheith mi le foighidin ris an Tighearn: agus chrom e thugam, agus chual' e mo ghlaodh.

2 Agus thug e nìos á slochd uamhuinn mi, á clàbar làthaich: agus chuir e mo chosan air carraig, shocraich e mo cheuman.

3 Agus chuir e òran nuadh ann am bheul: òran-molaidh d'ar Dia.

4 Chi mòran e, agus bithidh eagal orra: agus earbaidh iad as an Tighearn.

5 Is beannaichte an duine sin, a chuireas a dhòchas anns an Tighearn: agus nach seall an déigh nan uaibhreach, no 'n an déigh-san a chlaonas chum bréige.

6 Is lìonmhor, a Thighearna mo Dhia, na nithean a rinn thu, d'oibre iongantach, agus do smuainte d'ar taobh-ne : cha-n'eil e 'an comas a chur sìos ann an ordugh dhuit.

7 Nochdainn agus chuirinn 'an céill iad : ach tha iad na's lìonmhoire na gu'n gabh iad àireamh.

8 Ann an ìobairt, agus ann an tabhartas cha do ghabh thu tlachd : dh'fhosgail thu mo chluasan.

9 Iobairt-loisgte agus ìobairt-pheacaidh cha d'iarr thu : an sin thubhairt mi, Feuch, tha mi 'teachd.

10 Ann an rola an leabhair tha e sgrìobhta orm-sa, is e mo thlachd do thoil a dheanamh, a Dhé : seadh, tha do lagh 'an taobh a stigh de m' chridhe.

11 Rinn mi sgeul air d'fhìreantachd 's a' choimhthional mhòr : feuch, cha do choisg mi mo bhilean, a Thighearn', is aithne dhuit.

12 Cha d'fholuich mi d'fhìreantachd ann am meadhon mo chridhe : chuir mi 'n céill d'fhìrinn agus do shlàinte.

13 Cha do cheil mi do chaoimhneas gràdhach, agus d'fhìrinn : o'n choimhthional mhòr.

14 A Thighearna, na cum-sa do chaomh-thròcairean uam : gleidheadh do chaoimhneas gràdhach, agus d'fhìrinn a ghnàth mi.

15 Oir dh'iadh uilc gun àireamh mu'n cuairt orm, ghlac m'eucearta mi, agus cha-n'eil e 'n comas dhomh sealltuinn suas : na's lìonmhoire tha iad na falt mo chinn, agus thréig mo chridhe mi.

16 Gu ma toil leat, a Thighearna, mo theasairginn : greas, a Thighearna, chum mo chuideachaidh.

17 Nàire agus amhluadh gu robh orra-san le 'chéile, a tha 'g iarraidh m'anama g'a sgrios : ruaigear air an ais, agus nàraichear iadsan, a tha 'guidhe uilc dhomh.

18 Aonaranach gu robh iadsan, mar thuarasdal an nàire : a their rium-sa, Ahà, Ahà.

19 Deanadh iadsan uile, a dh'iarras thusa, gairdeachas agus aoibhneas annad : abradh iadsan 'an còmhnuidh, a ghràdhaicheas do shlàinte, Mòr mholadh gu robh do'n Tighearn.

20 Tha mise bochd agus uireasbhuidheach : ach smuainichidh an Tighearn orm.

21 Is tusa m'fhear-cabhair, agus m'fhear-saoraidh : a Dhé, na dean moille.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xli. *Salm.*

Beatus, qui intelligit.

IS beannaichte esan a bheir an aire do'n duine bhochd : ann an là an uilc saoraidh an Tighearn e.

2 Gleidhidh an Tighearn e, agus cumaidh e beò e, agus bithidh e beannaichte air thalamh : na tabhair thusa e do thoil a naimhdean.

3 Bheir an Tighearn neart dha air leabaidh a thinneis iarganaich : a leabadh uile ni thusa dha 'n a euslainte.

4 Thubhairt mi, A Thighearna, dean tròcair orm : leighis m'anam, oir pheacaich mi a' d' aghaidh.

5 Tha mo naimhdean a' labhairt uilc orm, ag ràdh: C'uin a gheibh e bàs, agus a sgriosar 'ainm?

6 Agus ma thig neach g'am shealltuinn, labhraidh e dìomhanas: carnaidh a chridhe euceart dha féin, théid e mach, agus labhraidh se e.

7 Tha iadsan uile aig am bheil fuath dhomh a' cogarsaich le 'chéile a'm' aghaidh: tha iad a' dealbh uilc a'm' aghaidh.

8 Tha droch ni, ars' iadsan, air teachd air: agus esan a tha nis 'n a luidhe, cha-n éirich e na's mò.

9 Eadhon fear mo shìth', as an d' earb mi: esan a dh'ith de m'aran, thog e a shàil a'm' aghaidh.

10 Ach dean-sa, a Thighearna, tròcair orm: agus tog suas mi, agus bheir mi luigheachd dhoibh.

11 Le so tha fios agam gu bheil tlachd agad-sa annam: a chionn nach 'eil mo nàmhaid a' deanamh caithreim os mo cheann.

12 Ach air mo shon-sa, cumaidh tu suas mi ann am ionracas: agus suidhichidh tu mi a'd' fhianuis gu bràth.

13 Beannaichte gu robh an Tighearn Dia Israeil: o shiòrruidheachd gu siòrruidheachd. Amen agus Amen.

An xlii. *Salm.*

Quemadmodum.

MAr a thogras am fiadh chum nan sruth uisge: mar sin tha m'anam a' togairt a d' ionnsuidh-sa, a Dhé.

2 Tha tart air m'anam as déigh Dhé, as déigh an Dé bheò: C'uin a thig mi, agus a nochdar mi 'am fianuis Dhé?

3 Is iad mo dheoir a's biadh dhomh a là agus a dh'oidhche: 'n uair a theirear rium gach là, C'àit am bheil do Dhia?

4 Na nithe so is cuimhne leam, agus tha mi 'dòrtadh a mach m'anama leam féin: oir ghabh mi thairis leis a' mhòr-chuideachd, chaidh mi leo gu tigh Dhé;

5 Le fuaim gairdeachais agus molaidh: leis a' chuideachd a bha 'cumail là féille.

6 C'ar son a tha thu air do leagadh sìos, O m'anam: agus c'ar son a tha thu fo bhuaireas 'an taobh a stigh dhìom?

7 Earb thusa á Dia: oir fathast molaidh mise e, slàinte mo ghnùise, agus mo Dhia.

8 Leagadh sìos m'anam 'an taobh a stigh dhìom: uime sin cuimhnichidh mi ort-sa, mo Dhia, o thìr Iordain, agus o Hermon, o shliabh Mhitsair.

9 Tha doimhne a' gairm air doimhne le fuaim d'fheadan uisge: chaidh do stuaidhean agus do thonnan uile tharum.

10 Anns an là àithnidh an Tighearn a thròc-air: agus 's an oidhche bithidh a laoidh maille rium, agus m'urnuigh ri Dia mo bheatha.

11 Their mi ri Dia mo charraig, C'ar son a dhì-chuimhnich thu mi: c'ar son a tha mi a' triall gu dubhach, air son fòirneirt an eascaraid?

12 Mar chlaidheamh a'm' chnàmhan: tha mo naimhdean a' toirt maslaidh dhomh;

13 'N uair a their iad rium gach là: C'àit am bheil do Dhia?

14 C'ar son a tha thu air do leagadh sìos, O m'anam: agus c'ar son a tha thu fo bhuaireas 'an taobh a stigh dhìom?

15 Earb thusa á Dia: oir fathast molaidh mise e, slàinte mo ghnùise, agus mo Dhia.

An xliii. *Salm.*

Judica me, Deus.

THoir breth orm, a Dhé, agus tagair mo chùis o chinneach an-iochdmhor: o fhear na ceilge agus na h-euceirt, saor thusa mi.

2 Oir is tusa Dia mo neirt, c'ar son a chuir thu mi fada uait: c'ar son a tha mi a' triall gu dubhach, air son fòirneirt an eascaraid?

3 O cuir a mach do sholus agus d'fhìrinn, seòladh iadsan mi: thugadh iad mi chum do shléibh naoimh-sa, agus chum do phàilliunan.

4 An sin théid mi dh'ionnsuidh altair Dhé, a dh'ionnsuidh Dhé m'aoibhneis ro mhòir: agus molaidh mi thu air a chlàrsaich, a Dhia, mo Dhia.

5 C'ar son a tha thu air do leagadh sìos, O m'anam: agus c'ar son a tha thu fo bhuaireas 'an taobh a stigh dhìom?

6 Earb thusa á Dia: oir fathast molaidh mise e, slàinte mo ghnùise, agus mo Dhia.

URNUIGH MHAIDNE.

An xliv. *Salm.*

Deus, auribus.

A Dhe, le 'r cluasaibh chuala sinn, dh'innis ar n-aithriche dhuinn: an obair a rinn thu 'n an làithibh-san, anns na làithibh o shean.

2 Le d'làimh thilg thu mach na cinnich, ach shuidhich thu iadsan: chlaoidh thu na slòigh, ach thug thu orra-san soirbheachadh.

3 Oir cha-n ann le'n claidheamh féin a fhuair iad sealbh 's an tìr: agus cha-n e an gairdean féin a shaor iad.

4 Ach do dheas làmh, agus do ghairdean-sa, agus solus do ghnùise: a chionn gu robh deadh-ghean agad doibh.

5 Is tu féin mo Rìgh, a Dhé: àithn thusa saorsa do Iacob.

6 Tromhad-sa buailidh sinn ar naimhdean: trìd d'Ainme-sa saltraidh sinn orra-san, a dh'éireas 'n ar n-aghaidh.

7 Oir as mo bhogha cha-n earb mi: agus cha saor mo chlaidheamh mi.

8 Ach shaor thusa sinn o ar naimhdibh: agus nàraich thu iadsan aig an robh fuath dhuinn.

9 A Dia ni sinne uaill air feadh an là: agus d'Ainm-sa molaidh sinn gu sìorruidh.

10 Ach a nis thilg thu uait sinn, agus nàraich thu sinn: agus cha-n'eil thu 'dol a mach le'r n-armailtibh.

11 Thug thu oirnn tionndadh air ar n-ais o'n nàmhaid: agus tha iadsan le'm fuathach sinn 'g ar creachadh.

12 Thug thu sinn mar chaoraich air son bìdh: agus 'am measg nan cinneach sgap thu sinn.

13 Reic thu do shluagh gun luach: agus cha do mheudaich thu do mhaoin le'm prìs.

14 Rinn thu sinn 'n ar masladh d'ar coimhearsnaich: 'n ar ball-fanoid, agus magaidh dhoibh-san a tha mu'n cuairt oirnn.

15 Rinn thu gnàth-fhocal dhinn 'am measg nan cinneach: aobhar crathaidhcinn 'am measg an t-sluaigh.

16 Fad an là tha m'amhluadh a'm' fhianuis: agus chòmhdaich nàire mo ghnùis' mi.

17 Air son guth' an fhir a bheir masladh, agus toibheum: air son fianuis an nàmhaid, agus an dìoghaltaich.

18 Thàinig so uile oirnn, gidheadh cha do dhì-chuimhnich sinn thu: agus cha d'rinn sinn cealg ann ad choimhcheangal.

19 Cha do thionndaidh ar cridhe air ais: agus cha do chlaon ar cos o d' shlighe;

20 Ged a mhìn-phronn thu sinn ann an ionad dhràgon: agus ged a chòmhdaich thu sinn le sgàil' a' bhàis.

21 Ma dhì-chuimhnich sinn Ainm ar Dé, no ma shìn sinn ar làmhan gu dia coimheach: nach rannsaich Dia so a mach? oir tha fios aige-san air nithibh dìomhair a' chridhe.

22 Ach air do shon-sa mharbhadh sinn ré an là gu léir: mheasadh sinn mar chaoraich chum casgraidh.

23 Mosgail, c'ar son a choidleas tu, a Thighearna: dùisg, na tilg sinn uait gu bràth.

24 C'ar son a dh'fholaicheas tu do ghnùis: a dhì-chuimhnicheas tu ar n-àmhghar, agus ar fòirneart?

25 Oir chromadh sìos ar n-anam do'n ùir: dhlùth-lean ar com ris an talamh.

26 Eirich, cuidich leinn: agus saor sinn air sgàth do thròcair.

An xlv. *Salm.*

Eructavit cor meum.

THa mo chridhe a' deachdadh deadh ni: cuiridh mi 'an céill na nithean a rinn mi do'n Rìgh.

2 Bithidh mo theangadh mar pheann: fir-sgrìobhaidh dheis.

3 Is maisiche thu na clann nan daoine: dhòirteadh gràs ann ad bhilibh, uime sin bheannaich Dia thu gu bràth.

4 Crioslaich do chlaideamh air do leis, O 'ghaisgich: le d' ghlòir, agus le d' mhòralachd.

5 Marcaich air d'aghaidh gu buadhach: air sgàth na fìrinn, agus na macantachd, agus na fìreantachd, agus teagaisgidh do dheas làmh dhuit nithean uamhasach.

6 Is geur do shaighdean, tuitidh na slòigh fodhad: is geur iad ann an cridhe naimhdean an righ.

7 Tha do rìgh-chaithir, a Dhé, gu saoghal nan saoghal: is slat cheartais slat-shuaicheantais do rìoghachd-sa.

8 Ghràdhaich thusa fìreantachd, agus thug thu fuath do aingidheachd: uime sin dh'ung Dia, do Dhia-sa, thu le h-olaidh aoibhneis os ceann do chompanach.

9 De Mhirr, agus de Alos, agus de Chasia, théid fàile o d' thrusgan uile: a mach á lùchairtibh de fhiaclaibh elephant, leis an do chuireadh aoibhneas ort.

10 Tha nigheana rìghrean 'am measg do bhan urramach: seasaidh do Bhan-righinn air do dheas làimh, ann an òr na h-Ophir.

11 Eisd, a nighean, agus amhairc, agus aom do chluas : agus dì-chuimhnich do shluagh féin, agus tigh d'athar.

12 An sin gabhaidh an Rìgh mòr-thlachd ann ad àilleachd : a chionn gur esan do Thighearn, thoir-sa urram dha.

13 Thig eadhon nighean Thìoruis le tiodhlac: asluichidh daoine saoibhir an t-sluaigh do dheadh-ghean.

14 Uile glòrmhor tha nighean an rìgh a stigh : air 'oibreachadh le òr tha a h-eideadh.

15 Ann an trusgan a dh' obair ghréis bheirear i chum an Rìgh : bheirear na maighdeana 'n a déigh, a bana-chompanaich, a steach thugad.

16 Bheirear iad le aoibhneas, agus le gairdeachas: théid iad a steach do lùchairt an Rìgh.

17 'An àite d'aithriche bithidh do mhic : ni thu iad 'n an uachdarain air an talamh uile.

18 Bheir mi air d'Ainm a bhi air chuimhne anns gach linn a thig : uime sin molaidh an sluagh thu, gu saoghal nan saoghal.

An xlvi. *Salm.*

Deus noster refugium.

IS e Dia ar tearmunn agus ar neart : ar cabhair ro dheas ann an teanntachdaibh.

2 Air an aobhar sin cha bhi eagal oirnn ged ghluaisear an talamh : agus ged atharruichear na beannta gu meadhon na fairge.

3 Ged bheuc a h-uisgeachan, agus ged chuirear thar a chéile iad : ged chriothnuich na beannta le a h-ataireachd.

4 Tha amhainn ann, agus ni a sruithean caithir Dhé ait : naomh-ionad phàilliun an Ti a's àirde.

5 Tha Dia 'n a meadhon, cha ghluaisear i : cuidichidh Dia leatha gu moch air mhaduinu.

6 Ghabh na cinnich boile, ghluaiseadh na rìoghachdan : chuir e mach a ghuth, leagh an talamh.

7 Tha Dia nan slòigh leinn : is e Dia Iacoib a's dìdean duinn.

8 Thigibh, faicibh oibre an Tighearna : gach léir-sgrios a rinn e air thalamh.

9 Coisgidh e an cogadh gu iomall na talmhainn : brisidh e am bogha, agus gearraidh e an t-sleagh, na carbadan-cogaidh loisgidh e le teine.

10 Bithibh sàmhach, agus tuigibh gur mise Dia : àrdaichear mi 'am measg nan cinneach, àrdaichear mi air thalamh.

11 Tha Dia nan slòigh leinn : is e Dia Iacoib a's dìdean duinn.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xlvii. *Salm.*

Omnes gentes, plaudite.

BUailibh 'ur basan, uile shlòigh : togaibh iolach do Dhia le guth gairdeachais.

2 Oir tha an Tighearn, an Ti a's àirde, 'n a aobhar eagail : is Rìgh mòr e os ceann na talmhainn uile.

3 Cuiridh e na slòigh fo ar smachd : agus na cinnich fo ar cosaibh.

4 Taghaidh e ar n-oighreachd dhuinn : òirdheirceas Iacoib, a ghràdhaich e.

5 Chaidh Dia suas le caithream: an Tighearn le fuaim trompaid.

6 Seinnibh moladh do Dhia, seinnibh: seinnibh moladh d'ar Rìgh, seinnibh.

7 Oir is e Dia Rìgh na talmhainn uile: seinnibh moladh gu h-eòlach.

8 Tha Dia 'n a Rìgh os ceann nan cinneach: tha Dia 'n a shuidhe air rìgh-chaithir a naomhachd.

9 Chruinnicheadh uachdarain nan sluagh le 'chéile, sluagh Dhé Abrahaim: oir is le Dia sgiathan na talmhainn, tha e air 'àrdachadh gu mòr.

An xlviii. *Salm.*

Magnus Dominus.

IS mòr an Tighearn, agus is ro airidh air cliu e: ann am baile ar Dé, ann an sliabh a naomhachd.

2 Tha sliabh Shioin sgiamhach 'n a shuidheachadh, is e aoibhneas na talmhainn uile: air an taobh mu thuath tha baile an Rìgh mhòir; aithnichear Dia 'n a lùchairtibh mar thearmunn.

3 Oir feuch, chruinnicheadh na rìghrean: ghabh iad thairis le 'chéile.

4 Chunnaic iad, agus b'ioghnadh leo: bha uamhas orra, ghreas iad orra.

5 Ghlac geilt-chrith iad an sin: pian mar phéin mnatha ri saothair.

6 Le gaoith an ear: mion-bhrisidh tu longa Tharsis.

7 Mar a chuala sinn, is amhuil a chunnaic sinn ann am baile Tighearna nan slòigh; ann am baile ar Dé: daingnichidh se e gu bràth.

8 Smuainich sinn air do chaoimhneas gràidh, a Dhé: ann am meadhon do theampuill.

9 Mar d'Ainm, a Dhé, mar sin tha do chliu gu crìochaibh na talmhainn: tha do dheas làmh làn de fhìreantachd.

10 Deanadh sliabh Shioin aoibhneas, deanadh nigheanan Iudah gairdeachas: air son do bhreitheanas.

11 Cuairtichibh Sion, agus rachaibh m'a timchioll: àirmhibh a tùir.

12 Thugaibh an aire d'a balla làidir, comharaichibh a lùchairtean: chum gu'n cuir sibh 'an céill e do'n àl ri teachd.

13 Oir is e an Dia so ar Dia-ne gu saoghal nan saoghal: stiùraidh e sinn gu ruig am bàs.

An xlix. *Salm.*

Audite hæc, omnes.

CLuinnibh so, a shlòigh uile: éisdibh, sibhse uile luchd-àiteachaidh an domhain.

2 Araon a dhaoine ìosal agus àrd, beartach agus bochd: le 'chéile.

3 Labhraidh mo bheul gliocas: agus smuainichidh mo chridhe air tuigse.

4 Aomaidh mi gu cosamhlachd mo chluas: nochdaidh mi air a' chlàrsaich mo ràdh dorcha.

5 C'ar son a bhitheadh eagal orm ann an làithibh an uile: 'n uair a chuairticheas aingidheachd m'eascairdean mi,

6 A dh'earbas as an saoibhreas: agus a ni uaill á pailteas am beartais?

7 Cha-n urrainn duine air chor sam bith a bhràthair a shaoradh: no éiric a thabhairt do Dhia air a shon;

8 Oir tha saorsa an anama luachmhor: agus sguiridh e am feasd;

9 Gu maireadh e beò gu sìorruidh: agus nach faiceadh e truaillidheachd.

10 Oir chi e gu faigh na daoine glice bàs, gu'n sgriosar le 'chéile an t-amadan agus an t-ùmaidh: agus gu fàg iad am beartas aig daoinibh eile.

11 Is iad smuaintean an cridhe gu mair an tighean gu bràth: an ionada-còmhnuidh o linn gu linn; bheir iad ainm air am fearann, a réir an ainme féin.

12 Ach, ged robh an duine ann an urram, cha mhair e: is cosmhuil e ris na h-ainmhidhean, a ghearrar as; is i so an slighe.

13 Eadhon an amaideachd: gidheadh gabhaidh an sliochd tlachd 'n an cainnt.

14 Mar chaoraich cuirear iad 's an uaigh, ithidh am bàs iad, agus bithidh uachdaranachd aig na fìreanaibh os an ceann anns a' mhaduinn: seargaidh an dreach as anns an uaigh, an ionad-còmhnuidh.

15 Ach saoraidh Dia m'anam-sa o chumhachd na h-uaighe: oir gabhaidh e mi d'a ionnsuidh.

16 Na gabh thusa eagal an uair a dh'fhàsas duine beartach: 'n uair a mheudaichear glòir a thighe;

17 Oir 'n uair a gheibh e bàs, cha toir e ni air bith leis: cha téid a ghlòir sìos 'n a dhéigh.

18 Ged bheannaich e 'anam féin, an uair a tha e beò: agus molar thusa, 'n uair a ni thu maith dhuit féin.

19 Théid e gu àl a shinnsear: gu bràth cha-n fhaic iadsan solus.

20 Tha an duine a tha ann an urram, agus a tha gun tuigse: cosmhuil ris na h-ainmhidhean a ghearrar as.

URNUIGH MHAIDNE.

An 1. *Salm.*

Deus deorum.

LAbhair Dia nan dia, Iehobhah: agus ghairm e an talamh o éirigh gu ruig luidhe gréine.

2 A mach á Sion, iomlaine na maise: dhealruich Dia.

3 Thig ar Dia-ne, agus cha bhi e 'n a thosd: roimh a ghnùis lasaidh teine millteach, agus mu'n cuairt air bithidh doinionn mhòr.

4 Gairmidh e air na nèamhan o'n àirde: agus air an talamh, chum breth a thoirt air a shluagh.

5 Cruinnichibh mo naoimh a m' ionnsuidh: iadsan a rinn coimhcheangal rium le ìobairt.

6 Agus cuiridh na nèamhan 'an céill a cheartas: oir is e Dia féin a's Breitheamh ann.

7 Eisdibh, O mo shluagh, agus labhraidh mi: O Israeil, agus ni mi fianuis a'd' aghaidh; is mise Dia, do Dhia-sa.

8 Air son d'ìobairtean cha-n agair mi thu: oir tha d'ìobairtean-loisgte a ghnàth ann am fhianuis.

9 Cha ghabh mi tarbh òg as do thigh: no gabhair fhirionn as do mhainniribh.

10 Oir is leam-sa uile bheathaiche na coille: an spréidh air mìle sliabh.

11 Is aithne dhomh-sa uile eunlaith nam beann: agus is leam-sa fiadh-bheathaiche na macharach.

12 Nam bithinn ocrach, cha-n innsinn duit-sa: oir is leam-sa an domhan, agus a làn.

13 An e gu'n ithinn feòil tharbh: agus an òlainn fuil ghabhar?

14 Iobair ìobairt-bhuidheachais do Dhia: agus ìoc do bhòidean do an Ti a's àirde.

15 Agus gairm orm ann an là teanntachd: saoraidh mise thu, agus bheir thusa glòir dhomh-sa.

16 Ach ris an droch dhuine their Dia: Ciod e do ghnothuch-sa mo reachdan a chur 'an céill, no gu'n gabhadh tu mo choimhcheangal ann ad bheul;

17 'N uair tha fuath agad air fòghlum: agus a thilg thu mo bhriathran air do chùl?

18 Ma chunnaic thu gaduiche, dh'aontaich thu leis: agus maille ri luchd-adhaltranais bha do chuibhrionn.

19 Chuir thu do bheul chum uilc: agus dhealbh do theangadh cealg.

20 Shuidh thu, agus an aghaidh do bhràthar labhair thu: agus do mhac do mhàthar thug thu beum.

21 Na nithe so rinn thu, agus dh'fhan mise ann am thosd; shaoil thu, gu'n robh mi gu tur mar thu féin: cronaichidh mi thu, agus cuiridh mi gach ni 'an ordugh fa chomhair do shùl.

22 Smuainichibh a nis air so, sibhse nach cuimhnich Dia: air eagal gu'n reub mi as a chéile, gun neach ann a theasairgeas.

23 Esan a dh'ìobras moladh, bheir e glòir dhomh-sa: agus dhà-san a dh'orduicheas a shlighe, nochdaidh mi slàinte Dhé.

Ân li. *Salm.*

Miserere mei, Deus.

DEan tròcair orm, a Dhé, a réir do chaoimhneis-gràidh: a réir lìonmhoireachd do chaomh-thròcairean dubh as m'eusaontas.

2 Gu h-iomlan ionnail mi o m' lochd: agus glan mi o m' pheacadh.

3 Oir tha mi ag aideachadh m'eusaontais: agus tha mo pheacadh a'm' làthair a ghnàth.

4 A'd'aghaidh, a'd'aghaidh féin a mhàin pheacaich mi, agus rinn mi olc a'd' shealladh: air chor as gu fìreanaichear thusa 'n uair a labhras tu, gu'm bi thu glan, 'n uair a bheir thu breth.

5 Feuch, ann an euceart dhealbhadh mi: agus ann am peacadh ghabh mo mhàthair mi 'n a broinn.

6 Feuch, is ionmhuinn leat an fhìrinn 's an taobh a stigh: agus anns an ionad fholuichte bheir thu orm gliocas a thuigsinn.

7 Glan mi le hìosop, agus bithidh mi glan: ionnail mi, agus bithidh mi na's gile na sneachda.

8 Thoir orm guth subhachais, agus aoibhneis a chluinntinn: agus ni na cnàmhan, a bhris thu, gairdeachas.

9 Folaich do ghnùis o mo pheacaidhean: agus dubh as m'eucearta gu léir.

10 Cruthaich annam cridhe glan, a Dhé: agus ath-nuadhaich spiorad ceart 'an taobh a stigh dhìom.

11 Na tilg mi o d' shealladh: agus na toir do Spiorad naomh uam.

12 Aisig dhomh gairdeachas do shlàinte: agus le d' Spiorad saor cum a suas mi.
13 Teagaisgidh mi do luchd-eusaontais do shlighean: agus iompaichear peacaich a d' ionnsuidh.
14 Saor mi o chionta fola, a Dhé, a Dhé mo shlàinte: àrd-mholaidh mo theangadh d'fhìreantachd.
15 A Thighearna, fosgail mo bhilean: agus cuiridh mo bheul 'an céill do chliu.
16 Oir cha-n iarr thu ìobairt, no bheirinn dhuit i: ann an ìobairt-loisgte cha-n'eil tlachd agad.
17 Is iad ìobairtean Dhé spiorad briste: air cridhe briste agus brùite, a Dhé, cha dean thusa tàir.
18 Dean maith, ann ad dheadh-ghean, do Shion: tog suas ballachan Ierusaleim.
19 An sin taitnidh ìobairtean ionracais riut, ìobairtean-loisgte agus làn ìobairtean-loisgte: an sin ìobraidh iad tairbh òga air d'altair.

An lii. *Salm.*

Quid gloriaris?

C'Ar son a ni thu uaill ann an olc: O 'ghaisgich?
2 Mairidh maitheas Dhé: do ghnàth.
3 Dealbhaidh do theangadh aimhleas: mar ealtuinn ghéir, ag oibreachadh ceilge.
4 Is annsa leat an t-olc na maith: a' bhreug na briathran a' cheartais.
5 Is ionmhuinn leat gach focal millteach: a theangadh chealgaich.

6 Uime sin sgriosaidh Dia thu gu bràth: bheir e air falbh thu, agus tairngidh e as do phàilliun thu, agus spìonaidh e do fhreumhan á tìr nam beò.
7 Agus chi na fìreanan, agus bithidh eagal orra: agus ni iad gàire uime, ag ràdh,
8 Feuch, so am fear, nach d'rinn a neart de Dhia: ach a dh'earb á pailteas a bheartais, agus a neartaich e féin 'n a aingidheachd.
9 Ach bithidh mise mar chrann-olaidh uaine ann an tigh Dhé: earbaidh mi á tròcair Dhé gu saoghal nan saoghal.
10 Molaidh mise thu gu sìorruidh, a chionn gu'n d'rinn thu e: agus feithidh mi air d'Ainm-sa, oir tha e maith 'an làthair do naomh.

URNUIGH FHEASGAIR.

An liii. *Salm.*

Dixit insipiens.

THubhairt an t-amadan 'n a chridhe: Cha-n 'eil Dia ann.
2 Tha iad truaillidh, agus rinn iad aingidheachd ghràineil: cha-n'eil neach ann a ni maith.
3 Dh'amhairc Dia a nuas o nèamh air cloinn nan daoine: a dh'fheuchainn an robh neach ann a bha glic, a bha 'g iarraidh Dhé.
4 Chaidh gach aon diubh air ais, tha iad gu léir air fàs salach: cha-n'eil neach ann a ni maith, cha-n'eil eadhon aon.
5 Nach 'eil eòlas aca-san a tha 'deanamh na h-eucorach: a tha 'g itheadh suas mo shluaigh, mar a dh'itheadh iad aran, agus nach gairm air Dia?

6 An sin ghabh iad eagal mòr, an uair nach robh aobhar eagail ann : sgaoil Dia a chnàmhasan o 'chéile, a champaich a'd' aghaidh ; nàraich thu iad, a chionn gu'n d'rinn Dia tàir orra.

7 O gu'n tigeadh slàinte Israeil a mach á Sion : An uair a bheir Dia air ais braighdeanas a shluaigh,

8 Ni Iacob gairdeachas : ni Israel aoibhneas.

An liv. *Salm.*

Deus, in nomine.

AIr sgàth d'Ainme, a Dhé, saor thusa mi : agus le d' chumhachd cum cothrom rium.

2 Cluinn m'urnuigh, a Dhé : éisd ri briathraibh mo bheoil.

3 Oir dh'éirich coigrich a'm' aghaidh : agus dh'iarr luchd-fòirneirt mo bheatha, cha do chuir iad Dia fa'n comhair.

4 Feuch, is e Dia m'fhear-cuideachaidh : tha'n Tighearn dhiubh-san a chumas suas mo bheatha.

5 Dìolaidh e olc do m' naimhdibh : a'd' fhìrinn gearr as iad.

6 Le saor thoil bheir mi ìobairt dhuit, molaidh mi d'Ainm, a Thighearn' : oir tha e maith.

7 Oir shaor thu mi as gach teinn : agus chunnaic mo shùil mo mhiann air mo naimhdibh.

An lv. *Salm.*

Exaudi, Deus.

EIsd a Dhé, ri m'urnuigh : agus na folaich thu féin o m'asluchadh.

2 Thoir aire dhomh, agus éisd rium : tha mi àrd ann am ghearan, agus ri bùireadh.

3 Air son gutha m'eascaraid, air son fòirneirt an duine aingidh : oir tha iad a' tilgeadh euceirt orm, agus ann am feirg tha iad a' toirt fuatha dhomh.

4 Tha mo chridhe air a chràdh 'an taobh a stigh dhìom : agus thuit uamhasan a' bhàis orm.

5 Thàinig eagal agus crith orm : agus chòmhdaich uamhunn mi.

6 Agus thubhairt mi, Och, nach robh agam sgiathan : mar choluman theichinn as air iteig agus gheibhinn fois.

7 Feuch, shiùbhlainn fad as : chòmhnuichinn anns an fhàsach.

8 Dheanainn deifir gu dol as : o ghaoith làidir agus o'n doininn.

9 Sgrios, a Thighearn', agus roinn an teangadh : oir chunnaic mi fòirneart, agus connsachadh 's a' bhaile.

10 A là agus a dh' oidhche tha iad a' dol mu'n cuairt air, air a bhallachaibh : agus tha euceart agus aimhleas 'n a mheadhon.

11 Tha aingidheachd 'n a mheadhon : agus cha dealaich foill, agus cealg r'a shràidibh.

12 Oir cha bu nàmhaid a thug masladh dhomh : no dh' fhuilginn e.

13 Cha b'e fear le 'm b'fhuathach mi, a dh' àrdaich e féin a'm' aghaidh : no dh' fholaichinn mi féin uaith.

14 Ach thusa, fear a bu choimpire dhomh féin : fear m' iùil, agus fear m' eòlais.

15 Le 'cheile ghabh sinn comhairle bhlasda ; gu tigh Dhé dh' imich sinn cuideachd.

16 Gabhadh am bàs sealbh orra, rachadh iad sìos beò do'n uaigh: oir tha uilc 'n an àite-còmhnuidh, 'n am meadhon.

17 Glaodhaidh mise ri Dia: agus saoraidh Iehobhah mi.

18 Air feasgar, air maduinn, agus aig meadhon-là ni mi urnuigh, agus glaodhaidh mi gu h-àrd: agus éisdidh esan ri m' ghuth.

19 Saoraidh e m'anam ann an sìth, o'n chòmhrag a'm' aghaidh: oir is lìonmhor iad a tha 'strì rium.

20 Eisdidh Dia, agus bheir e nuas iad, eadhon esan a tha ann o chian: oir cha-n'eil atharrachadh orra, agus cha-n'eil eagal Dhé orra.

21 Shìn e mach a làmh 'n an aghaidh-san a bha ann an sìth ris: bhris e a choimhcheangal.

22 Bu mhìne na ìm focail a bheoil, ach bha cogadh 'n a chridhe: bu bhuige a bhriathra na oladh, ach bu chlaidhean rùisgte iad.

23 Tilg air an Tighearn do chùram, agus cumaidh esan suas thu: cha leig e am feasd do 'n fhìrean a bhi air a ghluasad.

24 Ach tilgidh tusa, a Dhé, sìos iad: gu slochd an sgrios.

25 Cha mhair daoine fuileachdach, agus cealgach leth an làithean: ach cuiridh mise mo dhòigh annad-sa.

URNUIGH MHAIDNE.

An lvi. *Salm.*

Miserere mei, Deus.

DEan iochd orm, a Dhé, oir b'àill le duine mo shlugadh suas: tha e 'g am shàruchadh gach là, le cogadh.

2 B'àill le m'easeairdibh mo shlugadh suas gach là: oir is lìonmhor iad a tha 'cogadh rium o ionad àrd.

3 'S an là air am bi eagal orm: earbaidh mi asad-sa.

4 Ann an Dia molaidh mi 'fhocal: ann an Dia chuir mi mo dhòigh, cha-n eagal leam ciod a dh'fheudas feòil a dheanamh orm.

5 Gach là tha iad a' fiaradh mo bhriathar: tha an smuaintean uile a'm' aghaidh chum uilc.

6 Tha iad a' cruinneachadh le 'chéile, tha iad 'g am folach féin: tha iad a' toirt fainear mo cheuman, 'n uair a tha iad a' feitheamh air son m'anama.

7 Le eucoir an téid iad as: ann ad fheirg tilg sìos na slòigh, a Dhé.

8 Rinn thu mo sheacharain àireamh, cuir mo dheoir ann ad shearraig: nach 'eil iad ann ad leabhar?

9 An sin pillear mo naimhdean air an ais, 's an là a ghairmeas mi ort: air so tha fios agam; oir tha Dia leam.

10 Ann an Dia molaidh mi 'fhocal: anns an Tighearn molaidh mi 'fhocal.

11 Ann an Dia chuir mi mo dhòigh: cha-n eagal leam ciod a dh'fheudas duine a dheanamh orm.

12 Orm-sa, a Dhé, tha do bhòidean: ìocaidh mi cliu dhuit.

13 Oir shaor thu m'anam o'n bhàs, agus mar an ceudna mo chosan o thuisleadh: chum gu'n gluaisinn ann ad fhianuis, a Dhé, ann an solus nam beò.

An lvii. *Salm.*

Miserere mei, Deus.

DEan tròcair orm, a Dhé, dean tròcair orm, oir annad-sa tha m'anam a' cur a dhòigh: agus fo sgàile do sgiathan gabhaidh mi mo thearmunn, gus an téid na h-uilc so uile thairis.

2 Eighidh mi ris an Dia a's àirde: ri Dia a choimhlionas nithean air mo shon.

3 Cuiridh e neart o nèamh: agus saoraidh e mi, bheir e masladh do'n fhear le'm b'àill mo shlugadh suas.

4 Cuiridh Dia a mach a thròcair agus 'fhìrinn: tha m'anam 'am measg leòmhan.

5 Tha mi a'm' luidhe 'am measg dream air lasadh: daoine aig am bheil am fiacla 'n an sleaghan, agus 'n an saighdean, agus an teangadh 'n a claidheamh geur.

6 Ardaich thu féin os ceann nan nèamh, a Dhé: do ghlòir os ceann na talmhainn uile.

7 Dheasaich iad lìon fa chomhair mo cheum, chrom iad m'anam a sìos: chladhaich iad slochd romham, thuit iad féin 'n a mheadhon.

8 Tha mo chridhe deas, a Dhé, tha mo chridhe deas: seinnidh mi, agus molaidh mi.

9 Mosgail, mo ghlòir; mosgail, a shaltair, agus a chlàrsach: mosglaidh mi féin moch air mhaduinn.

10 Molaidh mi thu 'am measg nan sluagh, a Thighearna: seinnidh mi dhuit 'am measg nan cinneach.

11 Oir is mòr do thròcair gu ruig na nèamhan: agus d'fhìrinn gu ruig na neula.

12 Ardaich thu féin os ceann nan nèamh, a Dhé: do ghlòir os ceann na talmhainn uile.

An lviii. *Salm.*

Si vere utique.

AN labhair sibh, a choimhthionail, da rìreadh 'an ceartas: an toir sibh breth gu cothromach, a chlann nan daoine?

2 Seadh, 'n 'ur cridhe tha sibh a' dealbh aingidheachd: air talamh tha sibh a' tomhas fòirneirt 'ur làmh.

3 Tha na h-aingidh a' claonadh o'n bhroinn: tha iad a' dol air seacharan o'm breith, a' labhairt bhreug.

4 Tha an nimh mar nimh nathrach: tha iad mar nathair bhodhar, a dhruideas a cluas;

5 Nach éisd ri guth nan druidh: a tha ro sheòlta 'n an druidheachd.

6 Bris am fiaclan, a Dhé, 'n am beul, pronn gu tur tuisg nan leòmhan òga, a Thighearna: leaghadh iad, mar uisgeachan a ruitheas gu saor, cuireadh Dia a shaighdean 'n an aghaidh, agus gearrar as iad.

7 Mar sheilcheig a bhitheas a' leaghadh as, rachadh iad as, mar thorraicheas anabuich mnatha: na faiceadh iad a' ghrian.

8 Mu'm mothaich 'ur coireacha teas o'n droighnich: bheir e air falbh iad mar le iomaghaoith, araon beò, agus 'n a chorruich.

9 Bithidh aoibhneas air an fhìrean an uair a chi e an dioghaltas: nighidh e a chosan ann am fuil an duine aingidh.

10 An sin their duine, Gu deimhin tha duais ann do'n fhìrean: gu cinnteach tha Dia ann a tha 'toirt breth air an talamh.

URNUIGH FHEASGAIR.

An lix. *Salm.*

Eripe me de inimicis.

TEasairg mi o m' naimhdibh, O mo Dhia: dìon mi uatha-san a tha 'g éirigh a'm' aghaidh.

2 Teasairg mi o luchd-deanamh na h-euceirt: agus o dhaoinibh fuileachdach saor mi.

3 Oir feuch, tha iad a' feitheamh nam fàth an aghaidh m'anama: tha daoine cumhachdach air cruinneachadh a'm' aghaidh, cha-n ann air son mo lochd-sa, no air son mo pheacaidh, a Thighearna.

4 Gun choire agam-sa ruithidh iad agus ulluichidh siad iad féin: mosgail thusa a chuideachadh leam, agus amhairc.

5 O thusa, a Thighearn', a Dhé nan sluagh, a Dhé Israeil, mosgail a dh'fhiosrachadh nan cinneach uile: na dean iochd air luchd-eusaontais ciontach sam bith.

6 Pillidh iad 's an fheasgar: ni iad donnalaich mar choin, agus théid iad mu'n cuairt air a' bhaile.

7 Feuch, brùchdaidh iad a mach le'm beul, tha claidhean 'n am bilibh: oir cò, ars' iadsan, a chluinneas?

8 Ach ni thusa, a Thighearna, gàire umpa: ni thu fanoid air na cinnich uile.

9 O thusa mo neart, feithidh mi ort: oir is e Dia mo dhaingneach.

10 Mo Dhia, gabhaidh a thròcair romham: bheir Dia dhomh gu faic mi mo mhiann air m'eascairdibh.

11 Na marbh iad, air eagal gu'n dì-chuimhnich mo shluagh: sgaoil iad le do neart, agus leag gu h-ìosal iad, a Thighearn' ar sgiath.

12 Air son peacaidh am beoil, air son bhriathar am bilean glacar iad 'n an àrdan: eadhon air son nam mallachd agus nam breug a labhras iad.

13 Sgrios iad ann am feirg, sgrios iad, agus na bitheadh iad ann: agus bitheadh fios aig daoine gu bheil Dia 'n a uachdaran ann an Iacob, gu ruig crìocha na talmhainn.

14 Pillidh iad 's an fheasgar: ni iad donnalaich mar choin, agus théid iad mu'n cuairt air a' bhaile.

15 Gabhaidh iad a null agus a nall air son bìdh: agus mur sàsuichear iad, ni iad gearan.

16 Ach seinnidh mise mu d' neart, agus àrd-mholaidh mi 's a' mhaduinn do thròcair: oir bu tusa mo dhaingneach, agus mo dhìdean, ann an là mo theanntachd.

17 O thusa, mo neart, seinnidh mi dhuit: oir is e Dia mo dhaingneach, mo Dhia-sa, mo thròcair.

An lx. *Salm.*

Deus, repulisti nos.

A Dhé, thilg thu uait sinn, sgap thu sinn: bha fearg ort, O pill thusa ruinn.

2 Chuir thu an talamh air chrith, bhris thu e: slànuich a bhriseadh, oir tha e air a luasgadh.

3 Nochd thu do d' shluagh nithe cruaidhe: thug thu oirnn fìon a' bhuaireis òl.

4 Thug thu bratach dhoibh-san d'an eagal thu: gu bhi air a togail suas air sgàth na firinn.

5 Chum gu'n teasairgear iadsan a's ionmhuinn leat: saor thusa le d'dheas làimh, agus éisd rium.
6 Labhair Dia 'n a naomhachd, ni mi aoibhneas, roinnidh mi Sechem: agus tomhaisidh mi gleann Shucoit.
7 Is leam-sa Gilead, agus is leam Manaseh: agus is e Ephraim neart mo chinn; Iudah feartabhairt mo lagha,
8 Is e Moab mo shoitheach-ionnlaid, os ceann Edoim tilgidh mi mo bhròg: thar Phalestin ni mi caithream.
9 Cò bheir mi do'n bhaile dhaingnichte: cò threòraicheas mi gu Edom?
10 Nach tusa, a Dhé, thusa a thilg uait sinn: agus nach deachaidh a mach, a Dhé, maille r'ar n-armailtibh?
11 Thoir còmhnadh dhuinn ann an teinn: oir is dìomhain furtachd duine.
12 Trìd Dhé ni sinn treuntas: oir saltraidh esan sìos ar naimhdean.

An lxi. *Salm.*

Exaudi, Deus.

EIsd a Dhé, ri m' ghlaodh: thoir an aire do m' urnuigh.
2 O iomall na talmhainn éighidh mi riut: an uair a bhitheas mo chridhe lag.
3 Chum na carraig' a's àirde na mi féin, treòraich thusa mi: oir bha thusa a'd' thearmunn dhomh, a'd' thùr làidir an aghaidh an nàmhaid.
4 Gabhaidh mi còmhnuidh ann ad phàilliun gu bràth: cuiridh mi mo dhòigh ann an sgàil do sgiathan.

5 Oir chuala tusa, a Dhé, mo bhòidean: thug thu oighreachd dhoibh-san air am bheil eagal d'Ainme.
6 Cuir thusa làithean ri làithibh an Rìgh: bitheadh a bhliadhnan mar linn agus linn.
7 Maireadh e gu bràth 'am fianuis Dhé: gleidheadh tròcair agus firinn e.
8 Mar sin seinnidh mi cliu do d'Ainm gu bràth: chum gu'n dìol mi mo bhòidean o là gu là.

URNUIGH MHAIDNE.

An lxii. *Salm.*

Nonne Deo.

AIr Dia a mhàin tha m'anam a' feitheamh: uaithe-san thig mo shlàinte.
2 Is esan a mhàin mo charraig agus mo shlàinte: is e mo dhìdean, cha ghluaisear gu mòr mi.
3 Cia fhad a dhealbhas sibh aimhleas an aghaidh duine: marbhar sibh uile; mar bhalla ag aomadh, mar ghàradh air chrith bithidh sibh.
4 A mhàin chum a thilgeadh sìos o 'àirde tha iad a' gabhail comhairle le 'chéile: is miann leo breugan, le'm beul beannaichidh iad, ach 'n an cridhe mallaichidh iad.
5 A mhàin air Dia feith, O m'anam: oir is ann uaithe-san a tha mo dhòchas.
6 Is esan a mhàin mo charraig, agus mo shlàintē: is e mo dhìdean, cha ghluaisear mi.
7 Ann an Dia tha mo shlàinte agus mo ghlòir: carraig mo neirt, mo thearmunn is e Dia.

8 Cuiribh air gach àm 'ur dòigh ann, O a shluagh: dòirtibh a mach 'ur cridhe 'n a fhianuis, tha Dia 'n a thearmunn duinn.

9 Gu cinnteach tha clann Adhaimh 'n an dìomhanas, clann an duine 'n am bréig: air meidh ma chuirear iad, is eutruime iad gu léir na dìomhanas.

10 Na h-earbaibh á fòirneirt, agus á reubainn na deanaibh uaill: an uair a dh'fhàsas saoibhreas, na cuiribh 'ur cridhe air.

11 Aon uair labhair Dia, dà uair chuala mi so: Gur le Dia cumhachd.

12 Mar an ceudna dhuit-sa, a Thighearna, buinidh tròcair: oir bheir thu luigheachd do dhuine a réir 'oibre.

An lxiii. *Salm.*

Deus, Deus meus.

A Dhia is tu mo Dhia-sa: gu moch iarraidh mi thu.

2 Tha tart air m'anam a'd' dhéigh, tha m'fheòil a' togradh a d'ionnsuidh: ann an tìr thioraim agus thartmhoir as eugmhais uisge.

3 Chum, mar a chunnaic mi thu ann ad ionad naomh: gu faicinn do chumhachd agus do ghlòir.

4 Do bhrìgh gur fearr do chaoimhneas-gràidh na beatha: bheir mo bhilean cliu dhuit.

5 Mar sin beannaichidh mi thu an cian is beò mi: ann ad Ainm togaidh mi mo làmhan.

6 Mar le smior agus le saill sàsuichear m'anam: agus le bilibh aoibhneach molaidh mo bheul thu;

7 'N uair a chumhnicheas mi ort air mo leabaidh: a bheachd-smuainicheas mi ort ann am fairibh na h-oidhche.

8 A chionn gu robh thu a'd' chabhair agam: uime sin fo sgàile do sgiathan ni mi gairdeachas.

9 Tha m'anam a' dlùth-leantuinn riut: cumaidh do dheas làmh suas mi.

10 Ach iadsan a dh'iarras m'anam a chum a sgrios: théid iad do ionadaibh ìochdarach na talmhainn.

11 Tuitidh iad le faobhar a' chlaidheimh: mar chuibhrionn do na sionnachaibh bithidh iad.

12 Ach bithidh an Rìgh aoibhneach ann an Dia; ni gach neach a mhionnaicheas air-san, uaill: an uair a dhruidear beul na dream, a labhras breug.

An lxiv. *Salm.*

Exaudi Deus.

EIsd, a Dhé, ri m' ghuth, ann am asluchadh: o eagal an nàmhaid gléidh mo bheatha.

2 Folaich mi o chomhairle dhìomhair dhroch dhaoine: o chomhchruinneachadh luchd-deanamh na h-euceirt.

3 A gheuraich mar chlaidheamh an teangadh: a dheasaich an saighdean, eadhon briathra searbha.

4 Chum an tilgeadh ann an ionadaibh dìomhair air an duine ionraic: gu h-obann tilgidh iad air, agus cha bhi eagal orra.

5 Gabhaidh iad misneach dhoibh féin ann an droch-bheirt: labhraidh iad le 'chéile mu

leagadh ribeacha gu dìomhair, 's e a their iad, Cò chi sinn ?

6 Rannsaichidh iad a mach eucearta, coimhlionaidh iad mìn-rannsachadh : agus sin 'an taobh a stigh de dhuine, eadhon 's a' chridhe dhomhain.

7 Ach tilgidh Dia saighead orra-san : gu h-obann bithidh iad air an lotadh.

8 Agus bheir iad air an teangaidh féin tuiteam orra féin : teichidh gach neach a chi iad.

9 Agus bithidh eagal air gach duine, agus cuiridh iad 'an céill obair Dhé : oir tuigidh iad a ghnìomh-san.

10 Ni am fìrean aoibhneas anns an Tighearn, agus cuiridh e a dhòchas ann : agus ni iadsan uile a tha ceart 'n an cridhe gairdeachas.

URNUIGH FHEASGAIR.

An lxv. *Salm.*

Te decet hymnus.

ORt-sa, O Dhé, tha moladh a' feitheamh ann an Sion : agus dhuit-sa dìolar a' bhòid.

2 O thusa a dh' éisdeas ri urnuigh : thugad-sa thig gach feòil.

3 Thug eucearta buaidh oirnn . ar n-eus-aontais glanaidh tusa uainn.

4 Is beannaichte esan, a thaghas tusa, agus a bheir thu am fagus duit : gheibh e còmhnuidh a'd' chùirtibh, sàsuichear sinne le maitheas do thighe, do theampuill naoimh.

5 Le nithibh uamhasach ann an ceartas bheir thu freagradh dhuinn, a Dhé ar slàinte : dòchas uile chrìocha na talmhainn, agus na fairge fada uainn.

6 A tha 'socrachadh nam beann le do chumhachd : air do chrioslachadh le neart.

7 A chaisgeas fuaim fhairgeachan : fuaim an tonn, agus buaireas nan cinneach.

8 Gabhaidh eadhon luchd-àiteachaidh nan crìoch fada mach eagal roimh do chomharaidhean : bheir thusa air dol a mach na maidne agus an fheasgair gairdeachas a dheanamh.

9 Tha thu a' fiosrachadh na talmhainn, agus 'g a uisgeachadh : ni thu ro bheartach e.

10 Oir tha amhainn Dhé làn a dh' uisge : deasaichidh tu arbhar, 'n uair a dh' ulluich thu e mar so.

11 Tha thu gu pailt ag uisgeachadh 'iomairean, tha thu a' leagadh sìos a sgrìoban : le frasaibh ni thu tais e, beannaichidh tu 'fhàs.

12 Crùnaidh tu a' bhliadhna le d' mhaitheas : agus silidh do cheuman saill.

13 Silidh iad air cluainibh an fhàsaich : agus ni na cnuic gairdeachas air gach taobh.

14 Tha na cluainean air an sgeadachadh le treudaibh : agus tha na glinn air an còmhdachadh le arbhar, ni iad iolach ait, seadh seinnidh iad.

An lxvi. *Salm.*

Jubilate Deo.

TOgaibh iolach ait do Dhia, a thìrean uile : seinnibh glòir 'Ainme, deanaibh a chliu glòrmhor.

2 Abraibh ri Dia, Cia uamhasach d'oibre: trìd meud do neirt strìochdaidh do naimhdean dhuit.

3 Sleuchdaidh gach tìr dhuit: agus seinnidh iad dhuit, seinnidh iad do d'Ainm.

4 Thigibh, agus faicibh oibre Dhé: uamhasach tha e 'n a ghnìomharaibh air cloinn nan daoine.

5 Thionndaidh e a' mhuir gu talamh tioram: troimh an t-sruth ghabh iad thairis d'an cois; an sin rinn sinn gairdeachas ann.

6 Le 'thréun neart riaghlaidh e gu bràth, amhaircidh a shùilean air na cinnich: na h-àrdaicheadh luchd-ceannairc iad féin.

7 Beannaichibh, O a shlòigh, ar Dia-ne: agus thugaibh air fuaim a mholaidh 'bhi air a cluinntinn;

8 Neach a chumas ar n-anam beò: agus nach leig le 'r cois caruchadh.

9 Oir dhearbh thu sinn, a Dhé: ghlan thu sinn anns an teine, mar a ghlanar airgiod.

10 Thug thu steach 's an lìon sinn: chuir thu teinn air ar leasraidh.

11 Thug thu air daoinibh marcachd thar ar cinn: chaidh sinn troimh theine agus troimh uisge, ach thug thu mach sinn gu ionad saoibhir.

12 Théid mi do d'thigh le ìobairtibh-loisgte: coimhlionaidh mi dhuit mo bhòidhean, leis an d'fhosgladh mo bhilean, agus a labhair mo bheul, an uair a bha mi ann an éigin.

13 Iobairtean-loisgte dh' fheudail reamhar ìobraidh mi dhuit, maille ri tùis reithe acha bheir mi suas buar maille ri gabhraibh.

14 Thigibh, éisdibh, sibhse uile, air am bheil eagal Dhé: agus cuiridh mi 'n céill na rinn e air son m' anama.

15 Ghlaodh mi ris le m' bheul: agus dh'àrdaicheadh e le m' theangaidh.

16 Ma bheir mi spéis do euceart a'm' chridhe: cha-n éisd an Tighearn rium.

17 Gu dearbh dh'éisd Dia: thug e an aire do ghuth m'urnuigh.

18 Beannaichte gu robh Dia, nach do thionndaidh m'urnuigh uaithe-san: agus a thròcair uam-sa.

An lxvii. *Salm.*

Deus misereatur.

GU'n deanadh Dia tròcair oirnn, agus gu'm beannaicheadh e sinn: agus gu'n tugadh e air a ghnùis dealrachadh oirnn;

2 Chum gu'n aithnichear do shlighe air an talamh: do shlàinte 'am measg nan uile chinneach.

3 Moladh na slòigh thu, a Dhé: moladh na slòigh uile thu.

4 Bitheadh na Cinnich aoibhneach, agus deanadh iad luathghaire: oir bheir thusa breth air na slòigh ann an ceartas, agus riaghlaidh tu na cinnich air an talamh.

5 Moladh na slòigh thu, a Dhé: moladh na slòigh uile thu.

6 Bheir an talamh a thoradh: gu'm beannaicheadh Dia, ar Dia-ne, sinn.

7 Gu'm beannaicheadh Dia sinn: agus gu'n robh 'eagal-san air uile chrìochaibh na talmhainn.

URNUIGH MHAIDNE.

An lxviii. *Salm.*

Exurgat Deus.

EIreadh Dia, bitheadh a naimhdean air an sgapadh: agus teicheadh iadsan aig am bheil fuath dha, o 'ghnùis.

2 Mar a dh'fhuadaichear deatach, fuadaichear iad: mar a leaghar céir fa chomhair an teine, sgriosar droch dhaoine 'am fianuis Dhé.

3 Ach bitheadh na fìreanan aoibhneach, deanadh iad gairdeachas 'am fianuis Dhé: agus bitheadh iad suilbhir le luathghaire.

4 Seinnibh do Dhia, molaibh 'Ainm: àrdaichibh esan a tha 'marcachd air na nèamhan le 'Ainm Iah, agus deanaibh gairdeachas 'n a fhianuis.

5 Athair nan dìlleachdan, agus breitheamh nam bantrach: is e Dia ann an ionad-còmhnuidh a naomhachd.

6 Suidhichidh Dia na daoine aonaranach ann an teaghlach, bheir e mach iadsan a tha ceangailte le cuibhreachaibh: ach gabhaidh na ceannaircich còmhnuidh ann an tìr thartmhoir.

7 A Dhé, 'n uair a chaidh thu mach roimh do shluagh: 'n uair a dh' imich thu anns an fhàsach,

8 Chriothnaich an talamh, shil mar an ceudna na nèamhan: leagh na beanntan o làthair Dhé, Sinai sin féin o làthair an Tighearna Dhé Israeil.

9 Shil thu nuas uisge gu pailt, a Dhé, air d' oighreachd: agus i sgìth, dh' fhurtaich thu.

10 Chòmhnuich do choimhthional innte: dheasaich thu, a Dhé, de d' mhaitheas do 'n bhochd.

11 Chuir an Tighearn a ghuth a mach: bu lìonmhoir cuideachd na muinntir a dh' fhoillsich e.

12 Theich, theich rìghrean nan armailtean: agus roinn ise a dh' fhan aig an tigh a chreach.

13 Ged luidh sibh 'am measg choireacha, bithibh sibh mar sgiathaibh columain: air an còmhdach le h-airgiod, agus 'iteagan le òr buidhe.

14 'N uair a sgaoil an t-Uile-chumhachdach rìghrean innte: bha i geal mar shneachd air Salmon.

15 Tha beinn Dhé mar bheinn Bhàsain: 'n a beinn àrd mar bheinn Bhàsain.

16 C'ar son a leumas sibh, a bheanntan àrda? is i so a' bheinn anns am miann le Dia còmhnuidh a ghabhail: seadh, còmhnuichidh an Tighearn innte gu bràth.

17 Tha carbaid Dhé 'n am fichead mìle, le mìltean de mhìltibh Aingeal: tha an Tighearn 'n am measg, mar ann an Sinai, 's an ionad naomh.

18 Chaidh thu suas air ionad àrd, thug thu bruid ann am braighdeanas, thug thu tiodhlacan do dhaoinibh: seadh, eadhon do dhaoinibh ceannairceach, chum gu'n gabhadh an Tighearn Dia còmhnuidh 'n am measg.

19 Beannaichte gu robh an Tighearn: a tha gach là 'g ar cumail suas, Dia ar slàinte.

20 Is e ar Dia-ne, Dia na slàinte: agus do 'n Tighearn Dia buinidh an t-slighe o'n bhàs.

21 Ach brisidh Dia ceann a naimhde: claigionn greannach an fhir a dh'imicheas 'n a pheacaidhean.

22 Thubhairt an Tighearn, Mar o Bhàsan, bheir mi mo shluagh air an ais: bheir mi air an ais iad, mar o dhoimhneachdaibh na fairge.

23 Chum gu'n tumar do chos ann am fuil do naimhde: teangadh do mhadraidh anns an ni cheudna.

24 Chunnaic iad do thriall, a Dhé: triall mo Dhé, mo Rìgh, anns an ionad naomh.

25 Dh' imich an luchd-seinn air thoiseach, an luchd-ciuil 'n an déigh: ann am meadhon mhaighdean a' bualadh thiompan.

26 Anns na coimhthionail beannaichibh Dia: an Tighearn o thobar Israeil.

27 An sin tha Beniamin beag 'n a uachdaran orra, ceannardan Iudah an luchd-comhairle: ceannardan Shebuluin, ceannardan Naphtali.

28 Dh' àithn do Dhia dhuit do neart: neartaich, a Dhé, an ni so a rinn thu air ar son;

29 Air son do theampuill ann an Ierusalem: bheir rìghrean tiodhlac dhuit.

30 Smachdaich luchd nan sleagh, mòr-chuideachd nan tarbh, le laoigh an t-sluaigh, gus an strìochd iad le mìribh airgid: sgap thusa na slòigh a ghabh tlachd de'n chogadh;

31 Thig àrd uaislean as an Eiphit: sìnidh Etiopia a làmhan a mach gu luath ri Dia.

32 A rìoghachda na talmhainn, seinnibh do Dhia: seinnibh moladh do 'n Tighearn.

33 Dhà-san a tha 'marcachd air nèamhan nan nèamh o chian: feuch, tha e a' cur a mach a ghutha, guth a neirt.

34 Thugaibh-se neart do Dhia: thar Israel tha a ghlòir, agus tha a neart anns na neulaibh.

35 Is uamhasach thusa, a Dhé, o d' ionadaibh naomha: is e Dia Israeil a bheir neart agus treòir d'a shluagh; gu ma beannaichte Dia.

URNUIGH FHEASGAIR.

An lxix. *Salm.*

Salvum me fac.

TEasairg mi, a Dhé: oir thàinig na h-uisgeacha steach gu ruig m' anam.

2 Tha mi a' dol fodha ann an làthaich dhomhain, gun àite gu seasamh: tha mi air teachd gu doimhneachdaibh nan uisgeachan, agus tha 'n sruth a' dol tharum.

3 Tha mi sgìth le 'm ghlaodhaich, tha mo sgornan air tiormachadh: tha mo shùilean air fàilneachadh le feitheamh air mo Dhia.

4 Is lìonmhoire na falt mo chinn iadsan, aig am bheil fuath dhomh gun aobhar: tha iadsan air fàs làidir, le 'm b'àill mo mhilleadh, a tha 'n an naimhdibh dhomh gu h-eucorach.

5 An ni sin nach d' thug mi leam, an sin is éigin domh 'aiseag: tha fios agad-sa, a Dhé, air m' amaideachd, agus cha-n'eil mo lochdan folaichte ort-sa.

6 Na bitheadh nàire air mo sgàth-sa orra-san, a dh' fheitheas ort-sa, a Thighearna Dhé nan slògh: na bitheadh air mo sgàth-sa amhluadh orra-san, a dh' iarras thusa, a Dhé Israeil.

7 Oir air do sgàth-sa dh' fhuiling mi masladh: chòmhdaich amhluadh mo ghnùis.

8 Is coigreach mi do m' bhràithribh: agus coimheach do chloinn mo mhàthar.

9 Oir dh' ith eud do thighe suas mi : agus orm-sa thuit toibheum na muinntir sin a thug toibheum dhuit-sa.

10 Agus an uair a dh' irioslaich mi m' anam le trasgadh : bha e 'n a mhasladh dhomh.

11 Agus rinn mi mo chulaidh de shac-eudach : agus bha mi a' m' leth-fhocal aca.

12 Tha iadsan a tha 'n an suidhe anns a' gheata, a' labhairt ann am aghaidh: agus tha mi ann am òran aca-san a tha 'g òl dibhe làidir.

13 Ach air mo shon-sa, tha m' urnuigh riut-sa, a Thighearna : ann an àm taitneach.

14 A Dhé, ann an lìonmhoireachd do thròcair éisd rium : ann am fìrinn do shlàinte.

15 Saor mi o'n làthaich, agus na racham sìos : teasairgear mi uatha-san le 'm fuathach mi, agus o na h-uisgeachaibh domhain.

16 Na rachadh tuil nan uisge tharum, agus na sluigeadh an doimhneachd mi : agus na druideadh an slochd a bheul orm.

17 Eisd rium, a Thighearn', oir is maith do chaoimhneas gràdhach : a réir lìonmhoireachd do chaomh-thròcairean pill rium.

18 Agus na folaich do ghnùis o d' òglach, oir tha mi ann an airc : éisd rium gu grad.

19 Druid ri m' anam, saor e : a bhrìgh m' eascairdean teasairg mi.

20 Is aithne dhuit mo mhasladh, agus mo nàire, agus mo mhi-chliu : a' d' fhianuis tha mo naimhdean uile.

21 Bhris masladh mo chridhe, agus tha mi iarganach : agus dh' amhairc mi air son neach a ghabhadh truas, ach cha robh e ann, agus air son luchd-comhfhurtachd, ach cha d' fhuair mi iad.

22 Agus thug iad dhomh mar mo bhiadh domblas : agus ann am ìotadh, thug iad dhomh fìon-geur r'a òl.

23 Bitheadh am bòrd fa 'n comhair mar ribe : agus an soirbheachadh mar cheap-tuislidh dhoibh.

24 Dorchaichear an sùilean, chum nach faic iad : agus thoir air an leasraidh a ghnàth bhi air chrith.

25 Dòirt d' fhearg orra : agus glacadh do chorruich gheur iad.

26 Bitheadh an àite-tàimh fàs : 'n am pàill-iunaibh na gabhadh neach còmhnuidh.

27 Oir gheur-lean iad an ti a bhuail thusa : agus labhair iad chum doilgheis dhoibh-san a lot thu.

28 Cuir euceart r'an euceart : agus na tigeadh iad a steach a' d' fhìreantachd-sa.

29 Dubh a mach iad á leabhar nam beò : agus maille ris na fìreanaibh na sgrìobhar iad.

30 Ach mise, tha bochd agus brònach : togadh do shlàinte, a Dhé, an àird mi.

31 Molaidh mise ainm Dhé le òran : agus àrdaichidh mi e le breith-buidheachais.

32 Agus is fearr leis an Tighearn so na damh : na tarbh òg a tha adharcach, crobhanach.

33 Chi na daoine sèimhe so, agus bithidh aoibhneas orra : sibhse a dh' iarras an Tighearn, bithidh 'ur cridhe beò.

34 Oir éisdidh an Tighearn ris na bochdaibh : agus cha dean e tàir air a phrìosanaich.

35 Moladh na nèamhan agus an talamh e : na cuaintean, agus gach ni a ghluaiseas annta.

36 Oir saoraidh Dia Sion, agus togaidh e

bailtean Iudah : agus gabhaidh iad còmhnuidh an sin, agus mealaidh iad i.

37 Sealbhaichidh sliochd a sheirbhiseach i : agus gabhaidh iadsan, a ghràdhaicheas 'ainm-san, còmhnuidh innte.

An lxx. *Salm.*

Deus in adjutorium.

A Dhé, chum mo theasairginn : a Thighearna, chum mo chuideachaidh dean deifir.

2 Bitheadh nàire agus amhluadh orra-san, a tha 'g iarraidh m' anama : pillear air an ais iad, agus mòr-amhluadh gu robh orra-san, a tha 'miannachadh uilc dhomh.

3 Gu'm pillear iadsan air an ais mar thuarasdal d'an nàire : a their rium, Ahà, ahà.

4 Deanadh iadsan uile, a tha 'g ad iarraidh, aoibhneas agus gairdeachas annad : agus abradh iadsan a ghnàth, le 'n ionmhuinn do shlàinte, Mòr-mholadh gu robh do Dhia.

5 Ach tha mise bochd agus uireasbhuidheach : a Dhé, greas a m' ionnsuidh.

6 Is tusa mo chabhair agus m' Fhear-saoraidh : a Thighearna, na dean moille.

URNUIGH MHAIDNE.

An lxxi. *Salm*

In te Domine, speravi.

A Nnad-sa, a Thighearna, cuiream mo dhòigh, nàire na bitheadh orm am feasd : a' d' cheartas teasairg mi, agus thoir orm dol as ; aom do chluas rium agus saor mi.

2 Bi-sa a' d' charraig làidir dhomh, chum an rachainn a ghnàth : dh' àithn thu mi 'bhi air mo shaoradh, oir is tu mo charraig agus mo dhaingneach.

3 O mo Dhia, thoir fuasgladh dhomh á làimh an aingidh : á làimh an duine eucoraich agus an-iochdmhoir.

4 Oir is tusa mo dhòchas, a Thighearna Dhé : mo dhòigh, o m' òige.

5 Leat-sa chumadh mise suas o'n bhroinn : á innibh mo mhàthar bhuin thu mi, ort-sa bithidh mo mholadh an còmhnuidh.

6 Mar aobhar iongantais tha mi aig mòran : ach is tusa mo thearmunn làidir.

7 Lìonar mo bheul le d' mholadh : le d' urram-sa gach là.

8 Na tilg uait mi 'an àm sean aoise : 'n uair a dh' fhàilnicheas mo neart na tréig mi.

9 Oir labhair mo naimhdean a' m' aghaidh, agus ghabh iadsan, a tha 'feitheamh nam fàth air m' anam, comhairle le 'chéile, ag ràdh : Thréig Dia e, leanaibh e gu teann, agus glac-aibh e, oir cha-n'eil neach ann a shaoras e.

10 A Dhé na bi-sa fada uam : O mo Dhia, greas gu m' chabhair.

11 Bitheadh nàire, bitheadh claoidh air cascairdibh m'anama : còmhdaichear le masladh agus le mi-chliu iadsan, a tha 'g iarraidh m'uilc.

12 Ach sìor-earbaidh mise : agus cuiridh mi ri d' chliu uile.

13 Aithrisidh mo bheul d' fhìreantachd, air feadh an là do shlàinte : ged nach aithne dhomh an àireamh.

14 Théid mi air m' aghaidh ann an neart an

Tighearna Dhé : ni mi sgeul air d' fhìreantachd, d' fhìreantachd féin a mhàin.

15 O 'Dhé, theagaisg thu mi o m' òige : agus gu ruige so chuir mi d' oibre iongantach 'an céill.

16 Agus a nis an uair a tha mi sean agus liath, a Dhé na tréig mi : gus an cuir mi 'an céill do neart do 'n àl so, do gach àl ri teachd do chumhachd.

17 Agus tha d' fhìreantachd-sa, a Dhé, ro àrd : O thusa a rinn nithe mòra ; a Dhé, cò is cosmhuil riut ?

18 A nochd dhomh teanntachdan mòra agus cruaidh', a bheothaicheas mi a rìs : agus o dhoimhneachdaibh na talmhainn a bheir a nìos mi a rìs.

19 Meudaichidh tu mo mhòrachd : agus air gach taobh bheir thu sòlas dhomh.

20 Uime sin molaidh mise thu air an t-saltair, seadh d' fhìrinn-sa, mo Dhia : seinnidh mi dhuit air a' chlàrsaich, O aoin naoimh Israeil.

21 Ni mo bhilean mòr-ghairdeachas an uair a sheinneas mi dhuit : agus m' anam a shaor thu.

22 Labhraidh mar an ceudna mo theangadh air d' fhìreantachd air feadh an là : oir chuireadh amhluadh, oir chuireadh nàire orra-san, a tha 'g iarraidh m' aimhleis.

An lxxii. *Salm.*

Deus, Judicium.

A Dhé, thoir do bhreitheanais do 'n Rìgh : agus d' fhìreantachd do mhac an Rìgh.

2 Bheir esan breth air do shluagh le fìreantachd : agus air do bhochdaibh le ceartas.

3 Bheir na beannta sìth do 'n t-sluagh : agus na tulaichean.

4 Le ceartas bheir e breth air bochdaibh an t-sluaigh : saoraidh e clann nan ainnis, ach mìn-bhrisidh e fear an fhòirneirt.

5 Bithidh d' eagal orra am feadh a mhaireas a' ghrian agus a' ghealach : o linn gu linn.

6 Thig e nuas mar uisge air an fhaiche bhuainte : mar fhrasaibh a dh' uisgicheas an talamh.

7 'N a làthaibh-san soirbhichidh leis an fhìrean: agus bithidh pailteas sìth' ann, gus nach bi a' ghealach ann na's mò.

8 Agus bithidh uachdaranachd aige o fhairge gu fairge : agus o'n amhainn gu ruig crìochaibh na talmhainn.

9 'N a fhianuis sleuchdaidh sìos luchd-còmhnuidh an fhàsaich : agus imlichidh a naimhdean an ùir.

10 Bheir rìghrean Tharsis agus nan Eilean tiodhlacan uatha : bheir rìghrean Sheba agus Shaba tabhartais dha.

11 Agus sleuchdaidh na h-uile rìghrean sìos dha : ni na cinnich uile seirbhis dha.

12 Oir saoraidh e an t-ainnis an uair a dh' éigheas e : agus an truaghan, aig nach 'eil fear-cuideachaidh.

13 Caomhnaidh e am bochd agus am feumach: agus tèarnaidh e anama nam feumach.

14 O fhoill agus o fhòirneart saoraidh e an anam: agus bithidh am fuil luachmhor 'n a shùilibh.

15 Agus bithidh e beò, agus bheirear dha a dh' òr Sheba : agus nithear urnuigh air a shon a ghnàth, gach là beannaichear e.

16 Bithidh dorlach sìl 's an talamh air mullach nam beann : crathaidh mar Lebanon a thoradh, agus thig muinntir a' bhaile fo bhlàth mar luibh na talmhainn.

17 Bithidh 'ainm-san buan gu sìorruidh ; comh-mhairionn ris a' ghréin bithidh 'ainm-san: agus ann-san beannaichear na slòigh uile, agus beannaichidh iadsan e.

18 Beannaichte gu robh an Tighearn Dia, Dia Israeil : an ti a mhàin a ni nithean iongantach ;

19 Agus beannaichte gu robh 'ainm glòrmhor-san gu sìorruidh : agus lìonar an talamh uile le 'Ghlòir. Amen, agus Amen.

URNUIGH FHEASGAIR.

An lxxiii *Salm.*

Quam bonus Israel.

GU deimhin tha Dia maith do Israel : dhoibh-san a tha glan 'n an cridhe.

2 Ach air mo shon-sa, is beag nach d'aom mo chosan : cha mhòr nach do shleamhnuich mo cheuman uam.

3 Oir ghabh mi tnù ri amadain : ri faicinn soirbheachaidh dhaoine aingidh.

4 Oir cha-n'eil cuibhrichean 'n am bàs : ach tha an neart làidir.

5 Ann an docair mar dhaoinibh eile cha-n 'eil iad : agus mar dhaoinibh eile cha-n'eil iad air an sàruchadh.

6 Uime sin mar shlabhraidh chuairtich àrdan iad : mar thrusgan chòmhdaich fòirneart iad.

7 Sheas an sùil a mach le saill : fhuair iad thar miann an cridhe.

8 Tha iad truaillidh, agus labhraidh iad gu h-aingidh air fòirneart : gu h-àrd labhraidh iad.

9 Chuir iad am beul an aghaidh nan nèamh : agus ghluais an teangadh air feadh na talmhainn.

10 Air an aobhar sin pillidh a shluagh an so: agus fàisgear uisgeacha cupain làin a mach dhoibh.

11 Agus their iad, Cionnus is aithne do Dhia : agus am bheil eòlas aig an Ti a's àirde ?

12 Feuch, is iad sin na daoine aingidh, a tha 'soirbheachadh 's an t-saoghal, tha iad a'carnadh suas beartais : da rìreadh ghlan mise mo chridhe gu dìomhain, agus nigh mi mo làmhan 'an neò-chiontas.

13 Oir bhuaileadh mi air feadh an là : agus smachdaicheadh mi gach maduinn.

14 Nan abrainn, Labhraidh mi mar so : feuch, air ginealach do chloinne dheanainn eucoir.

15 'N uair a smuainich mi air so a thuigsinn : bu chruaidh an gnothuch e ann am shùilibh,

16 Gus an deachaidh mi steach do naomhionad Dhé : an sin thuig mi an crìoch-san ;

17 Gu deimhin ann an àitibh sleamhna chuir thu iad : thilg thu sìos iad gu sgrios.

18 Cionnus a thugadh iad gu sgrios, mar ann an tiota : a chuireadh as doibh gu tur le uamhasaibh !

19 Mar aisling an uair a dhùisgeas neach : a Thighearn', anns a' bhaile ni thu tarcuis air an dealbh.

20 Ach bha mo chridhe goirt : agus bha goimh ann am airnibh.

21 Agus bha mi baoth, agus aineolach : mar ainmhidh bha mi a' d' làthair.

22 Gidheadh, tha mi a ghnàth maille riut : chum thu suas mi air mo dheas làimh.

23 Le d' chomhairle stiùraidh tu mi : agus fa-dheòidh gabhaidh tu mi chum glòire.

24 Cò th' agam anns na nèamhan ach thusa : agus 'an coimhmeas riut cha-n'eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh.

25 Tha m' fheòil, agus mo chridhe air fàilneachadh : is e Dia neart mo chridhe, agus mo chuibhrionn gu sìorruidh.

26 Oir feuch, sgriosar iadsan a théid fada uait : ghearr thu as gach neach a chaidh le strìopachas uait.

27 Ach is maith dhomh-sa teachd dlùth do Dhia, anns an Tighearn Dia chuir mi mo dhoigh: chum gu foillsichinn d'oibre uile.

An lxxiv. *Salm.*

Ut quid, Deus?

C'Ar son, a Dhé, a thilg thu uait sinn gu bràth : a lasas d' fhearg ri caoraich d' ionaltraidh ?

2 Cuimhnich do choimhthional : a cheannaich thu o chian, a shaor thu.

3 Slat d' oighreachd : beinn Shioin so, anns an do ghabh thu còmhnuidh.

4 Tog do chosa chum nam fàsach sìorruidh : chum nan uile olc a rinn an nàmhaid ann ad ionad naomh.

5 Bheuc do naimhdean 'am measg do choimhthionail : chuir iad suas am brataichean mar chomharaidhean.

6 Bha neach ainmeil : mar a thogadh e a thuagh gu h-àrd air coille thiugh.

7 A nis mar an ceudna bhris iad sìos 'obair ghearrta le 'chéile : le tuaghan agus le uird.

8 Chuir iad ri theine d' ionad naomh gu ruig an làr : thruaill iad pàilliun d' Ainme-sa.

9 Thubhairt iad 'n an cridhe, Sgriosamaid iad le 'chéile : loisg iad uile ionada-cruinneachaidh Dhé 's an tìr.

10 Ar comharaidhean cha-n fhaic sinn, cha-n'eil fàidh ann na's mò : agus cha-n'eil neach 'n ar measg, aig am bheil fhios cia fad.

11 Cia fad, a Dhé, a bheir an t-eascaraid beum : an dean an nàmhaid tarcuis air d'Ainm gu bràth ?

12 C'ar son a philleas tu do làmh, do dheas làmh féin air a h-ais : buin a mach o d' bhroilleach i.

13 Oir is e Dia mo Rìgh o chian : ag oibreachadh slàinte 'am meadhon na talmhainn.

14 Sgaoil thusa an fhairge le d' neart : bhris thu cinn nan dràgon air na h-uisgeachaibh.

15 Phronn thu cinn Lebhiatain : thug thu e mar bhiadh do 'n t-sluagh anns an fhàsach.

16 Sgoilt thu an tobar, agus an sruth : thiormaich thu aimhniche mòra.

17 Is leat-sa an là, mar an ceudna is leat-sa an oidhche : is tu 'dheasaich solus agus grian.

18 Shuidhich thu uile chrìocha na talmhainn: rinn thu an samhradh agus an geamhradh.

19 Cuimhnich so, thug an t-eascaraid beum, a Thighearna : agus rinn sluagh amaideach tarcuis air d' Ainm.

20 Na toir suas do 'n fhiadh-bheathach anam do cholumain : anaman do dhaoine truagha na dì-chuimhnich gu bràth.

21 Thoir an aire do 'n choimhcheangal : oir tha àitean dorcha na tìre làn a dh' ionadaibh-còmhnuidh an fhòirneirt.

22 Na pillear air ais le nàire an ti a shàruich-ear : moladh am bochd agus am feumach d' Ainm.

23 Eirich, a Dhé, tagair do chùis féin : cuimhnich mar a tha 'n t-amadan a' toirt toibheim dhuit gach là.

24 Na dì-chuimhnich guth do naimhdean : toirm na muinntir a dh' éirich a' d' aghaidh, a tha 'dol suas an còmhnuidh.

URNUIGH MHAIDHNE.

An lxxv. *Salm.*

Confitebimur tibi.

BHeir sinn moladh dhuit, a Dhé : bheir sinn moladh.

2 Oir gu bheil d' Ainm am fagus : cuiridh d' oibre iongantach 'an céill.

3 'N uair a ghlacas mi an t-àm suidhichte : bheir mi breth le ceartas.

4 Sgaoileadh an tìr agus a luchd-àiteachaidh gu léir : cumaidh mise suas a puist.

5 Thubhairt mi ris na h-amadain, Na bithibh amaideach : agus ris na h-aingidh, Na togaibh suas 'ur n-adharc.

6 Na togaibh suas 'ur n-adharc gu h-àrd : na labhraibh le muineal cruaidh.

7 Oir cha-n ann o'n ear, no o'n iar : no o dheas a thig àrdachadh.

8 Ach is e Dia am breitheamh : leagaidh e sìos am fear so, agus àrdaichidh e am fear sin.

9 Oir tha cupan ann an làimh an Tighearn', agus tha am fìon dearg : làn coimeisg tha e, agus dòirtidh e cuid as.

10 Ach a dheasgainean : fàisgidh agus òlaidh uile dhaoine aingidh na talmhainn.

11 Ach ni mise gairdeachas gu bràth : seinnidh mi moladh do Dhia Iacoib.

12 Agus sgathaidh mi sìos uile adharca nan aingidh : àrdaichear adharcan an fhìrein.

An lxxvi. *Salm.*

Notus in Judea.

AIthnichear Dia ann an Iudah : ann an Israel tha 'Ainm mòr.

2 Agus ann an Salem tha a phàilliun : agus 'ionad-còmhnuidh ann an Sion.

3 An sin bhris e saighdean a' bhogha : an sgiath, agus an claidheamh, agus an cath.

4 Is urramach thusa, is glòrmhor thu : os ceann bheann na creiche.

5 Chreachadh iadsan a bha misneachail ann an cridhe, choidil iad an codal : agus cha d' fhuair na daoine treuna gu léir an làmhan.

6 Le d' achmhasan, a Dhé Iacoib : chuireadh araon am marcach agus an t-each 'n an suain.

7 Is cùis eagail thusa, eadhon thusa : agus cò sheasas a' d' làthair, an uair a bhitheas fearg ort ?

8 Thug thusa air breitheanas gu'n cualadh

o nèamh e : bha eagal air an talamh, agus bha e 'n a thàmh,

9 An uair a dh'éirich Dia chum breitheanais: a shaoradh uile dhaoine ciùine na talmhainn.

10 Gu cinnteach bheir fearg duine moladh dhuit : fuigheall na feirge coisgidh tu.

11 Bòidichibh, agus ìocaibh do an Tighearn 'ur Dia : thugadh iadsan uile a tha m'a thimchioll tiodhlacan dhà san a's aobhar eagail ann.

12 Sgathaidh e sìos spiorad Uachdarana : is cùis eagail e do rìghribh na talmhainn.

An lxxvii. *Salm.*

Voce mea ad Dominum.

LE m'ghuth dh' éigh mi ri Dia: le m' ghuth dh' éigh mi ri Dia, agus dh' èisd e rium.

2 Ann an là mo theinn dh' iarr mi an Tighearn : shìneadh mo làmh a mach 's an oidhche gun sgur ; dhiùlt m'anam sòlas a ghabhail.

3 Chuimhnich mi air Dia, agus bha mi fo bhuaireas : rinn mi gearan, agus chlaoidheadh mo spiorad.

4 Chum thu mo shùilean 'n am faireachadh: tha mi iarganach, agus cha-n urrainn mi labhairt.

5 Smuainich mi air na làithibh o shean : air bliadhnaibh na h-aimsir chéin.

6 Chuimhnich mi mo cheòl 's an oidhche : rinn mi cainnt ri m'chridhe féin, agus rannsaich mo spiorad gu geur.

7 An tilg an Tighearn uaith gu bràth : agus nach nochd e a dheadh-ghean na's mò ?

8 An do sguir a chaoimhneas am feasd : an d' fhàilnich 'fhocal o linn gu linn ?

9 An do dhearmaid Dia a bhi gràsmhor : an do dhruid e 'n a chorruich a chaomh-thròcairean ?

10 An sin thubhairt mise, Is e so m' anmhuinneachd : is e caochladh deas làimhe an Ti a's àirde a th' ann.

11 Cuimhnichidh mi oibre an Tighearna : gu deimhin cuimhnichidh mi d' iongantais o'n aimsir chéin.

12 Agus beachd-smuainichidh mi air d'oibridh gu léir : agus air do ghnìomharaibh labhraidh mi.

13 Tha do shlighe, a Dhé, 's an ionad naomh : cò tha 'n a Dhia mòr mar ar Dia-ne ?

14 Is tusa an Dia a tha 'deanamh nithean iongantach : thaisbein thu 'am measg nan sluagh do neart.

15 Shaor thu le d' ghairdean do shluagh : mic Iacoib agus Ioseiph.

16 Chunnaic na h-uisgeachan thu, a Dhé, chunnaic na h-uisgeachan thu, bha eagal orra : seadh, ghluaiseadh na doimhneachda.

17 Dhòirt na neoil a nuas uisge, thug na speura fuaim : mar an ceudna chaidh do shaighdean a mach.

18 Bha guth do thairneanaich 's an speur : shoillsich do dhealanaich an saoghal, ghluaiseadh agus chriothnaich an talamh.

19 'S an fhairge bha do shlighe, agus do cheuman anns na h-uisgeachaibh mòra : agus cha d' aithnicheadh luirg do chos.

20 Threòraich thu mar threud do shluagh : le làimh Mhaois agus Aaroin.

URNUIGH FHEASGAIR.

An lxxviii. *Salm.*

Attendite, populo.

EIsdibh, O mo shluagh, ri m' reachd : aomaibh 'ur cluas chum bhriathar mo bheoil.

2 Fosgailidh mi mo bheul ann an cosamhlachd : cuiridh mi sean-fhocail dhorcha 'an céill ;

3 A chuala sinn agus a b' aithne dhuinn : agus a dh' innis ar n-aithriche dhuinn ;

4 Cha cheil sinn air an cloinn iad : a' foillseachadh cliu an Tighearna do 'n àl a tha ri teachd, agus a neart, agus 'oibre iongantach a rinn e.

5 Oir chuir e suas teisteas ann an Iacob, agus shuidhich e lagh ann an Israel : a dh' àithn e d'ar n-aithrichibh gu'n deanadh iad aithnichte d'an cloinn ;

6 Chum gu'm bitheadh fios aig an àl ri teachd orra : gu'n éireadh a' chlann a bheirteadh.

7 Agus gu'n cuireadh iad 'an céill iad : d'an cloinn féin ;

8 Agus gu'n cuireadh iad an dòchas ann an Dia : agus nach dì chuimhnicheadh iad oibre Dhé, ach gu'n gleidheadh iad 'àitheantan ;

9 Agus nach bitheadh iad mar an aithriche, 'n an ginealach reasgach agus ceannairceach : ginealach nach do shuidhich an cridhe gu ceart, agus nach robh an spiorad tairis do Dhia.

10 Ged bha clann Ephraim fo'n armaibh : agus ged thilg iad le bogha, phill iad air an ais ann an là catha.

11 Cha do ghléidh iad coimhcheangal Dhé : agus dhiùlt iad imeachd 'n a reachd.

12 Agus dhì-chuimhnich iad 'oibre : agus 'iongantais a nochd e dhoibh.

13 'An làthair an aithriche rinn e nithean iongantach, ann an tìr na h-Eiphit: ann am machair Shoain.

14 Sgoilt e an fhairge, agus thug e iadsan thairis : agus thug e air na h-uisgeachaibh seasamh mar thòrr.

15 Agus stiùir e iad le neul 's an là : agus air feadh na h-oidhche le solus teine.

16 Sgoilt e na creagan 's an fhàsach : agus thug e deoch dhoibh, mar á doimhneachdaibh mòra.

17 Agus thug e sruthan a mach as a' charraig : agus thug e air uisgeachaibh ruith sìos mar aimhnichibh.

18 Gidheadh pheacaich iad fathast na's mò 'n a aghaidh : a' brosnachadh an Ti a's àirde 's an fhàsach.

19 Agus bhuair iad Dia 'n an cridhe : ag iarraidh bidh d'am miann.

20 Seadh, labhair iad an aghaidh Dhé, thubhairt iad : An urrainn Dia bòrd a dheasachadh 's an fhàsach ?

21 Feuch, bhuail e a' chreag, agus bhrùchd uisgeachan a mach, agus dh' éirich na tuiltean : an urrainn e mar an ceudna aran a thabhairt, an deasaich e feòil d'a shluagh ?

22 Uime sin chual' an Tighearn, agus bha corruich air : agus las teine an aghaidh Iacoib, agus mar an ceudna dh' éirich fearg an aghaidh Israeil ;

23 A chionn nach do chreid iad ann an Dia : agus nach d' earb iad as a shlàinte ;
24 Ged dh' àithn e do na neulaibh o'n àirde : agus ged dh' fhosgail e dorsa nan nèamh.
25 Agus ged a fhras e nuas Mana orra r'a itheadh : agus ged thug e dhoibh coirce nan nèamh.
26 Dh' ith daoine biadh nan Aingeal : thug e dhoibh an sàth de lòn.
27 Thug e air gaoith an ear imeachd 's na nèamhan : agus le a neart thug e stigh a' ghaoth á deas.
28 Agus fhras e nuas feòil orra mar dhuslach : agus eunlaith iteagach mar ghaineamh na fairge.
29 Agus thug e orra tuiteam 'am meadhon an caimp : mu thimchioll an àitean-còmhnuidh.
30 Agus dh' ith iad, agus làn-shàsuicheadh iad, oir thug e dhoibh am miann féin : cha robh iad air an sgarachduinn o am miann.
31 Fathast bha am biadh 'n am beul ; an sin thàinig fearg Dhé orra, agus mharbh e iadsan a bu shultmhoire dhiubh : agus leag e sìos daoine taghta Israeil.
32 An déigh so gu léir pheacaich iad fathast : agus cha do chreid iad air son 'oibre iongantachsan.
33 Uime sin chaith e an làithean ann an dìomhanas : agus am bliadhnachan ann an uamhas.
34 'N uair a mharbh e iad, an sin dh'iarr iad e : agus phill iad, agus bha iad gu moch ag iarraidh Dhé.
35 Agus chuimhnich iad gu'm b'e Dia an carraig : agus an Dia a's àirde am Fear-saoraidh.

36 Ach rinn iad miodal ris le'm beul : agus rinn iad breug dha le'n teangaidh.
37 Oir cha robh an cridhe ceart maille ris : agus cha robh iad dìleas 'n a choimh-cheangal.
38 Gidheadh gu h-iochdmhor mhaith esan an lochd : agus cha do sgrios e iad.
39 Seadh, iomadh uair thionndaidh e 'fhearg uaith : agus cha do dhùisg e a chorruich uile ;
40 Oir chuimhnich e nach robh annta ach feòil : osag gaoithe a shiubhlas, agus nach pill a rìs.
41 Cia tric a bhrosnuich iad e anns an fhàsach : a chuir iad campar air anns an ionad uaigneach.
42 Seadh, phill iad air an ais, agus bhuair iad Dia : agus chuir iad tomhas air Aon naomh Israeil.
43 Cha do chuimhnich iad a làmh : no'n là air an do shaor e iad o'n nàmhaid ;
44 Mar a nochd e a chomharaidhean anns an Eiphit : agus 'oibre iongantach ann am machair Shoain.
45 Agus a thionndaidh e an uisgeachan gu fuil : agus an sruthan, air chor as nach feudtadh òl diubh.
46 A chuir e 'n am measg iomadh gnè chuileag, a dh'ith suas iad : agus losgainn a sgrios iad.
47 A thug e an toradh do'n bhurrus : agus an saothair do'n locust.
48 A mhill e an croinn-fhìona le cloichmheallain : agus an croinn-fhìge le reodhadh.
49 Agus a thug e thairis am feudail do'n chloich-mheallain : agus an treudan do'n teinathair.

50 A thilg e orra teas 'fheirge, boile, agus corruich, agus teinn: le aingil olc a chur 'n am measg.

51 A rinn e slighe d'a fheirg, nach do chaomhain e an anam o'n bhàs: ach a thug e thairis am beatha do'n phlàigh.

52 Agus a bhuail e gach ceud-ghin 's an Eiphit: toiseach an neirt ann am pàilliunaibh Ham.

53 Ach a thug e mach mar chaoraich a shluagh féin: agus a threòraich e iad mar threud anns an fhàsach.

54 Agus a stiùir e iad gu tèaruinte, air chor as nach robh eagal orra: ach a chòmhdaich an fhairge an naimhdean.

55 Agus a thug e iad gu crìch 'ionaid naoimh-san: do'n t-sliabh so a choisinn a dheas làmh.

56 Agus a thilg e mach na cinnich rompa: agus a roinn e oighreachd dhoibh le crannchur, agus a thug e air treubhan Israeil còmhnuidh a ghabhail 'n am pàilliunaibh-san.

57 Gidheadh bhuair agus bhrosnuich iad an Dia a's àirde: agus cha do ghléidh iad a theisteis;

58 Ach phill iad, agus ghluais iad gu fealltach mar an aithrichean: chaidh iad a thaobh, mar bhogha fiar.

59 Agus bhrosnuich iad e le'n ionadaibh àrda: agus le'n dealbhan gearrta dhùisg iad e gu eud.

60 Chuala Dia, agus bha fearg air: agus ghabh e gràin mhòr de Israel;

61 Agus thréig e pàilliun Shiloh: am bùth a shuidhich e 'am measg dhaoine,

62 Agus thug e suas a neart gu braighdeanas: agus a ghlòir do làimh an nàmhaid.

63 Agus thug e thairis a shluagh do'n chlaidheamh: agus ghabh e fearg r'a oighreachd.

64 Loisg an teine an òigridh: agus cha d' fhuair an òighean pòsadh.

65 Thuit an sagartan leis a' chlaidheamh: agus cha d'rinn am bantraichean bròn.

66 An sin mhosgail an Tighearn mar neach a bha 'n a chodal: mar churaidh a ni iolach an déigh dha fìon òl.

67 Agus bhuail e a naimhdean 'n an deireadh: thug e masladh bithbhuan dhoibh.

68 Agus dhiùlt e pàilliun Ioseiph: agus cha do thagh e treubh Ephraim;

69 Ach thagh e treubh Iudah: sliabh Shioin a ghràdhaich e.

70 Agus thog e 'ionad naomh féin mar lùchairt àrd: mar an talamh a shuidhich e gu bràth.

71 Agus thagh e Daibhidh 'òglach: agus thug se e o chrò nan caorach.

72 O bhi 'an déigh nan caorach a bha trom le àl, thug se e: a bheathachadh Iacoib a shluaigh, agus Israeil 'oighreachd.

73 Agus bheathaich e iad a réir ionracais a chridhe: agus le seòltachd a làmh stiùir e iad.

URNUIGH MHAIDNE.

An lxxix. *Salm.*

Deus, venerunt.

A Dhé, thàinig na cinnich a steach do d' oighreachd: thruaill iad do theampull naomh, dh' fhàg iad Ierusalem 'n a càrnaibh.

2 Thug iad cuirp do sheirbhiseach mar bhiadh do eunlaith nan speur : feòil do naomh do fhiadh-bheathaichibh na talmhainn.

3 Dhòirt iad am fuil mar uisge timchioll Ierusaleim: agus cha robh neach gu an adhlacadh.

4 Tha sinn 'n ar masladh d'ar coimhearsnaich : 'n ar n-aobhar fanoid agus magaidh dhoibh-san a tha mu'n cuairt oirnn.

5 Cia fhad, a Thighearn', a bhitheas fearg ort : gu bràth an las d' eud mar theine ?

6 Dòirt do chorruich air na cinnich aig nach 'eil eòlas ort : agus air na rìoghachdaibh nach gairm air d' Ainm.

7 Oir chuir iad as do Iacob : agus rinn iad 'àite-còmhnuidh 'n a fhàsach.

8 Na cuimhnich thusa 'n ar n-aghaidh ar n-eucearta roimhe so, gu luath gabhadh do thròcairean romhainn : oir thugadh gu ro ìosal sinn.

9 Cuidich leinn, a Dhé ar slàinte, air sgàth glòire d' Ainme : agus teasairg sinn, agus glan ar peacaidh uainn air son d' Ainme féin.

10 C'ar son a theireadh na cinnich : C'àit am bheil an Dia ?

11 Aithnichear 'am measg nan cinneach fa chomhair ar sùl : dìoghaltas fola do sheirbhiseach, a dhòirteadh.

12 Thigeadh osnaich a' phrìosanaich ann ad làthair, a réir meud do neirt : saor thusa iadsan a dh' orduicheadh chum bàis.

13 Agus dìol d' ar coimhearsnaich a sheachd uiread 'n am broilleach : am masladh leis an do mhaslaich iad thusa, a Thighearna.

14 Agus molaidh sinne, do shluagh agus

caoraich d' ionaltraidh, thusa gu bràth : o linn gu linn cuiridh sinn 'an céill do chliu.

An lxxx. *Salm.*

Qui regis Israel.

O Aodhair Israeil, éisd, thusa a stiùireas Ioseph mar threud : thusa a tha ann ad chòmhnuidh eadar nan Ceruban, dealraich a mach.

2 'An làthair Ephraim, agus Bheniamin agus Mhanaseh : dùisg do chumhachd, agus thig, gu 'r saoradh.

3 Pill sinn, a Dhé : agus thoir air do ghnùis dealrachadh, agus saorar sinn.

4 A Thighearna Dhé nan slògh : cia fhad a bhitheas fearg ort ri urnuigh do shluaigh ?

5 Thug thu dhoibh aran nan deur r'a itheadh : agus thug thu dhoibh deoir r'an òl ann am pailteas.

6 Rinn thu sinn 'n ar n-aobhar-strì d'ar coimhearsnaich : agus ni ar n-eascairdean gàire-fanoid umainn.

7 A Dhé nan slògh, pill sinn : agus thoir air do ghnùis dealrachadh, agus saorar sinn.

8 Thug thu fìonain as an Eiphit : thilg thu mach na cinnich agus shuidhich thu i.

9 Réitich thu àite fa 'comhair : agus thug thu oirre freumhachadh gu daingean, agus lìon i an tìr.

10 Chòmhdaicheadh beannta le a sgàile : agus le a geugaibh seudair àrda.

11 Chuir i mach a meoir gu ruig a' mhuir : agus a meanglain gu ruig an amhainn.

12 C'ar son a bhris thu sìos a ballacha-dìonaidh : ar chor as gu bheil uile luchd-gabhail na slighe 'g a spìonadh ?

13 Tha an torc as a' choille 'g a fàsachadh : agus tha fiadh-bheathach na macharach 'g a h-itheadh suas.

14 A Dhé nan slògh, pill, guidheamaid ort, amhairc a nuas o nèamh : agus faic, agus fiosraich an fhìonain so ;

15 Agus am fìon-lios a shuidhich do dheas-làmh : agus am meanglan a neartaich thu dhuit féin.

16 Loisgeadh i le teine, ghearradh sìos i : le achmhasan do ghnùise sgriosar iad.

17 Bitheadh do làmh air fear do làimhe deise : air mac an duine, a neartaich thu dhuit féin.

18 An sin cha phill sinn air ar n-ais uait : beothaich sinn, agus gairmidh sinn air d' Ainm.

19 A Thighearna Dhé nan slògh, pill sinn : thoir air do ghnùis dealrachadh, agus saorar sinn.

An lxxxi. *Salm.*

Exultate Deo.

SEinnibh gu h-ait do Dhia ar neart : togaibh iolach do Dhia Iacoib.

2 Glacaibh salm, agus thugaibh tiompan leibh : a' chlàrsach bhinn maille ris an t-saltair.

3 Anns a' ghealaich nuaidh séidibh an trompaid : anns an àm shuidhichte, air là ar féille.

4 Oir bu reachd so do Israel : riaghailt le Dia Iacoib.

5 Mar fhianuis shuidhich se e ann an Ioseph : an uair a thàinig e mach á tir na h-Eiphit, far an cual' e cainnt nach do thuig e.

6 O'n eallaich thug mi as a ghuala : o na poitean shaoradh a làmhan.

7 Ann an teinn ghairm thu, agus shaor mi thu : fhreagair mi thu ann an ionad dìomhair an tairneanaich.

8 Dhearbh mi thu : làimh ri uisgeachaibh Mheribah.

9 Eisd, O mo shluagh, agus bheir mi fianuis dhuit : O Israeil, ma dh' éisdeas tu rium,

10 Cha bhi dia coigreach annad : agus cha chrom thu sìos do dhia coimheach.

11 Is mise an Tighearn do Dhia, a thug a nìos thu á tìr na h-Eiphit : fosgail do bheul gu farsuinn, agus lìonaidh mise e.

12 Gidheadh cha d' éisd mo shluagh ri m' ghuth : agus cha do ghabh Israel rium.

13 Uime sin thug mi thairis iad do ana-miann an cridhe féin : dh'imich iad 'n an comhairle féin.

14 O nach éisdeadh mo shluagh rium : nach imicheadh Israel ann am shlighibh.

15 Gu luath leagainn sìos an eascairdean : agus thionndaidhinn mo làmh an aghaidh an naimhdean.

16 Bheireadh luchd-fuath an Tighearn' ùmhlachd dha : ach mhaireadh an aimsir-san gu bràth.

17 Agus bheathaicheadh e iad le smior a' chruithneachd : agus le mil o'n charraig shàs uichinn thu.

URNUIGH FHEASGAIR.

An lxxxii. *Salm.*

Deus stetit.

THa Dia 'n a sheasamh ann an coimhthional nan cumhachdach: 'am measg nan diathan bheir e breth.

2 Cia fhad a bheir sibh breth gu h-eucorach: agus a ghabhas sibh ri gnùis dhaoine aingidh?

3 Deanaibh ceartas do'n bhochd agus do'n dìlleachdan: cumaibh còir ris an truaghan agus ris an fheumach.

4 Teasairgibh am bochd agus an t-ainnis: á làimh nan aingidh saoraibh iad.

5 Cha-n'eil eòlas no tuigse aca, ann an dorchadas gluaisidh iad: tha uile bhunaitean na talmhainn air chrith.

6 Thubhairt mi, Is diathan sibh: agus is mic sibh uile do'n Ti a's àirde.

7 Ach gheibh sibh bàs mar dhaoine: agus tuitidh sibh mar aon de na h-uachdarain.

8 Eirich, a Dhé, thoir breth air an talamh: oir sealbhaichidh tu na h-uile chinnich mar oighreachd.

An lxxxiii. *Salm.*

Deus, quis similis?

A Dhé, na bi a'd' thosd, na bi sàmhach: agus na bi a'd' thàmh, a Dhé.

2 Oir feuch, tha do naimhdean ri buaireas: agus thog iadsan le 'm fuathach thu, suas an cinn.

3 An aghaidh do shluaigh gu cuilbheartach

dhealbh iad olc: agus ghabh iad comhairle le 'chéile an aghaidh do mhuinntir dhìomhair.

4 Thubhairt iad, Thigibh, agus gearramaid as iad, o bhi 'n an cinneach: chum nach cuimhnichear ainm Israeil na's mò.

5 Oir le aon inntinn ghabh iad comhairle le 'chéile: a'd' aghaidh-sa rinn iad coimhcheangal;

6 Pàilliunan Edoim agus na h-Ismaelich: Moab agus na Hagaraich;

7 Gebal, agus Amon, agus Amalec: na Philistich maille ri luchd-àiteachaidh Thìoruis.

8 Mar an ceudna dhlùth-lean Asur riu: bu chòmhnadh iad do chloinn Lot.

9 Dean orra mar air Midian: mar air Sisera, mar air Iabin, aig sruth Chisoin;

10 A sgriosadh aig Endor: a rinneadh mar aolach do'n talamh.

11 Dean an àrd uaislean mar Oreb agus mar Sheeb: agus an uachdarain gu léir mar Sheba agus mar Shalmuna;

12 A thubhairt, glacamaid dhuinn féin: mar oighreachd àiteacha-còmhnuidh Dhé.

13 O mo Dhia, dean iad mar roth: mar asbhuain roimh 'n ghaoith;

14 Mar a loisgeas teine a' choille: agus mar a chuireas lasair na beannta ri theine.

15 Mar sin dean thusa tòrachd orra le d' dhoininn: agus le d' ioma-ghaoith cuir uamhunn orra.

16 Lìon an eudan le masladh: chum gu'n iarr iad d'Ainm, a Thighearna.

17 Bitheadh amhluadh agus buaireas orra gu bràth: seadh, glacadh nàire iad agus sgriosar iad.

10 Chum gu'm bi fhios aig daoinibh gur tusa mhàin d'an Ainm Iehobhah : an Ti a's àirde os ceann na talmhainn uile.

An lxxxiv. Salm.

Quam dilecta !

CIa so-ghràdhach do phàilliunan : a Thighearna nan slòigh !

2 Tha m' anam a' miannachadh, seadh, eadhon a' fannachadh le déigh air cùirtibh an Tighearna: tha mo chridhe agus m' fheòil ag éigheach gu h-àrd air son an Dé bheò.

3 Fhuair eadhon an gealbhonn tigh, agus an gobhlan-gaoithe nead dhi féin, anns an cuireadh i a h-àlach : d'altairean-sa, a Thighearna nan slòigh, mo Dhia, agus mo Rìgh.

4 Is beannaichte iadsan a tha 'n an còmhnuidh a'd' thigh-sa : molaidh iad thu a ghnàth.

5 Is beannaichte an duine sin aig am bheil a neart annad-sa : agus iadsan aig am bheil do shlighean 'n an cridhe.

6 A' dol troimh ghleann Baca, ni iad sin tobar ann : lìonaidh mar an ceudna an t-uisge na linntean.

7 Imichidh iad o neart gu neart : nochdar gach aon diubh 'an làthair Dhé ann an Sion.

8 A Thighearna Dhé nan slòigh, cluinn m' urnuigh : éisd, a Dhé Iacoib.

9 A Dhé ar sgiath, faic : agus amhairc air gnùis d' aoin ungta.

10 Oir is fearr là a'd' chùirtibh : na mìle.

11 B'fhearr leam a bhi ri dorsaireachd ann an tigh mo Dhé : na 'bhi 'm chòmhnuidh ann am pàilliunaibh aingidheachd.

12 Oir is grian agus is sgiath an Tighearn Dia : agus bheir an Tighearn gràs agus glòir, cha chum e maith air bith uatha-san a ghluaiseas gu h-ionraic.

13 A Thighearna nan slòigh : is beannaichte an duine a chuireas a dhòigh annad-sa.

An lxxxv. Salm.

Benedixisti, Domine.

BHa thusa bàigheil, a Thighearna, ri d'thìr : thug thu air ais braighdeanas Iacoib.

2 Mhaith thu cionta do shluaigh : dh' fholaich thu am peacadh uile.

3 Choisg thu do chorruich uile : thionndaidh thu o fhraoch d'fheirge.

4 Pill sinn, a Dhé ar slàinte : agus tog d'fhearg dhinn.

5 Gu bràth am bi corruich ort ruinn : an sìn thu d'fhearg o linn gu linn ?

6 Nach ath-bheothaich thu sinn : chum gu'n dean do shluagh gairdeachas annad ?

7 Nochd dhuinn, a Thighearna, do thròcair : agus deònuich dhuinn do shlàinte.

8 Cluinnidh mi ciod a their Dia an Tighearn : oir labhraidh e sìth r'a shluagh, agus r'a naoimh, ach na pilleadh iad chum amaideachd.

9 Gu dearbh tha a shlàinte dlùth dhoibh-san d'an eagal e : chum gu'n còmhnuich glòir 'n ar tìr.

10 Tha tròcair agus fìrinn air còmhlachadh a chéile : tha ceartas agus sìth air pògadh a chéile.

11 Fàsaidh fìrinn a nios as an talamh : agus seallaidh ceartas a nuas o na nèamhan.

12 Seadh, bheir an Tighearn maith dhuinn : agus bheir ar fearann uaith a thoradh.
13 Imichidh ceartas roimhe : agus stiùraidh e a cheuman 's an t-slighe.

URNUIGH MHAIDNE.

An lxxxvi. *Salm.*

Inclina, Domine.

AOm, a Thighearna, do chluas, éisd rium : oir tha mi bochd agus uireasbhuidheach.
2 Gléidh m'anam, oir tha mi diadhaidh : O thusa mo Dhia, saor d'òglach a dh' earbas asad.
3 Dean tròcair orm, a Thighearn' : oir tha mi a' glaodhaich riut gach là.
4 Dean anam d' òglaich féin aoibhinn : oir riut-sa, a Thighearna, togaidh mi m' anam.
5 Oir tha thusa, a Thighearna, maith agus iochdmhor : agus pailt ann an tròcair dhoibh-san uile a ghairmeas ort.
6 Eisd, a Thighearna, ri m' urnuigh : agus thoir fainear guth m' athchuinge.
7 Ann an là mo theinn gairmidh mi ort : oir freagairidh tu mi.
8 Cha-n'eil do shamhuil-sa 'am measg nan diathan, a Thighearn' : agus cha-n'eil oibre ann, cosmhuil ri d' oibribh-sa.
9 Thig na cinnich uile a rinn thu agus sleuchdaidh iad a'd' làthair, a Thighearn' : agus bheir iad glòir do d'Ainm.
10 Oir is mòr thusa, agus tha thu a' deanamh nithean iongantach : is tusa Dia, thu féin a mhàin.

11 Teagaisg dhomh, a Thighearna, do shlighe, gluaisidh mi ann ad fhìrinn: coimh-cheangail mo chridhe chum eagal d' Ainme 'bhi orm.
12 Molaidh mi thu, a Thighearna mo Dhia, le m' uile chridhe : agus bheir mi glòir do d' Ainm gu bràth.
13 Oir is môr do thròcair dhomh-sa : agus shaor thu m' anam o'n t-slochd a's ìochdaraiche.
14 A Dhé, dh' éirich na h-uaibhrich a' m' aghaidh : agus dh' iarr coimhthional luchd-fòirneirt m' anam, agus cha do chuir iad thusa fa 'n comhair.
15 Ach tha thusa, a Thighearn', a' d' Dhia iochdmhor agus gràsmhor : mall chum feirge, agus pailt ann an trôcair agus ann am fìrinn.
16 Amhairc orm, agus dean trôcair orm : thoir neart do d' ôglach, agus saor mac do bhanoglaich.
17 Thoir dhomh comharadh air mhaith, chum gu faic iadsan e aig am bheil fuath dhomh agus gu'n ghabh iad nàire : a chionn, a Thighearna, gu'n do chuidich thusa leam agus gu'n d' thug thu comhfhurtachd dhomh.

An lxxxvii. *Salm.*

Fundamenta ejus.

THa a bhunait anns na beanntaibh naomha: is ionmhuinn leis an Tighearn geatachan Shioin, thar uile ionada-còmhnuidh Iacoib.
2 Innsear nithe glôrmhor ort-sa : a chaithir Dhé.
3 Cuimhnichidh mi Rahab agus Babel : dhoibh-san d'an aithne mi.

4 Feuch, Palestin : agus Tìorus, maille ri h-Etiopia, rugadh am fear so an sin.

5 Ach mu Shion theirear, Rugadh am fear so agus am fear ud innte : agus daingnichidh an Ti a's àirde i.

6 Comharaichidh an Tighearn 'n uair a sgrìobhas e sìos na fineachan : gu'n d'rugadh am fear so an sud.

7 Bithidh araon luchd-seinn agus luchd-ciuil an sin : tha mo thobair uile annad-sa.

An lxxxviii. *Salm.*

Domine Deus.

A Thighearn' a Dhé mo shlàinte, a là agus a dh' oidhche ghlaodh mi ann ad fhianuis : thigeadh m' urnuigh ann ad làthair, aom do chluas ri m' ghlaodh.

2 Oir tha m' anam làn truaighe : agus tha mo bheatha dlùth do'n uaigh.

3 Mheasadh mi mar iadsan a théid sìos do'n t-slochd : tha mi mar dhuine gun neart.

4 Saor 'am measg nam marbh, mar iadsan a mharbhadh, a tha 'n an luidhe 's an uaigh : air nach 'eil cuimhne agad na's mò, oir o d' làimh ghearradh as iad.

5 Chuir thu mi 's an t-slochd a's ìsle : ann an dorchadas anns na doimhneachdaibh.

6 Luidh d'fhearg orm gu teann : agus le d' thonnaibh uile chlaoidh thu mi.

7 Chuir thu mo luchd-eòlais fada uam : rinn thu mi a'm' ghràineileachd dhoibh.

8 Druidte suas tha mi : agus cha-n urrainn mi teachd a mach.

9 Tha mo shùil a' fàilneachadh a bhrìgh m' àmhghair : ghairm mi ort, a Thighearna, gach là, shìn mi mo làmhan riut.

10 Do na mairbh an nochd thu iongantais : an éirich na mairbh, agus am mol iad thu ?

11 An cuirear 'an céill do chaoimhneas caomh 's an uaigh : d' fhìrinn ann an sgrios ?

12 An aithnichear d'iongantais anns an dorchadas : agus d' fhìreantachd ann an talamh na dì-chuimhne ?

13 Ach riut-sa, a Thighearna, ghlaodh mise : agus anns a' mhaduinn thig m' urnuigh a'd' làthair.

14 C'ar son, a Thighearn', a thilgeas tu m'anam uait : a dh' fholaicheas tu do ghnùis uam ?

15 Tha mise air mo chràdh, agus dlùth do'n bhàs o m'òige : dh' fhuiling mi d'uamhasan, tha mi ann an imcheist.

16 Dh'imich d'fhearg gheur tharum : chlaoidh d'uamhasan mi.

17 Chaidh iad timchioll orm mar uisge gach là : chuairtich iad mi le 'chéile.

18 Chuir thu fear mo ghaoil agus mo charaid fada uam : tha luchd m' eòlais ann an dorchadas.

URNUIGH FHEASGAIR.

An lxxxix. *Salm.*

Misericordias Domini.

AIr tròcairibh an Tighearna gu bràth seinnidh mi : o linn gu linn foillsichidh mi d' fhìrinn le m' bheul.

2 Oir thubhairt mi, Gu bràth togar suas tròcair: anns na nèamhan daingnichidh tu d' fhìrinn, ag ràdh,

3 Rinn mi coimhcheangal ri m' aon taghta: mhionnaich mi do Dhaibhidh m' òglach.

4 Gu bràth daingnichidh mi do shliochd: agus togaidh mi suas do rìgh-chaithir o linn gu linn.

5 Molaidh na nèamhan d'iongantais, a Thighearna: mar an ceudna d' fhìrinn ann an coimhthional nan naomh.

6 Oir cò ann am flaitheanas: a choimh-measar ris an Tighearn?

7 Cò 'am measg mhac nan cumhachdach: a shamhluichear ris an Tighearn?

8 Is aobhar eagail Dia gu mòr ann an coimhthional nan naomh: agus is còir urram a thabhairt da os an ceann-san uile a tha mu'n cuairt da.

9 A Thighearna Dhé nan slògh, cò tha cosmhuil riut: treun a ta thu, a Thighearn', agus tha d' fhìrinn mu'n cuairt duit.

10 Riaghlaidh tusa onfha na fairge: 'n uair a dh' éireas a tonnan coisgidh tu iad.

11 Mhìn-phronn thu Rahab mar dhuine leònta: le gairdean do neirt sgap thu do naimhdean.

12 Is leat-sa na nèamha, mar an ceudna is leat an talamh: shuidhich thusa an cruinne-cé, agus a làn.

13 Chruthaich thusa an àirde tuath, agus an àirde deas: ni Tabor agus Hermon gairdeachas ann ad Ainm.

14 Agad-sa tha gairdean neartmhor: is làidir do làmh, is àrd do dheas làmh.

15 Is iad ceartas agus breitheanas àite-tàimh do rìgh-chaithreach: théid tròcair agus fìrinn roimh do ghnùis.

16 Is beannaichte an sluagh d'an aithne an fhuaim aoibhneach: imichidh iad, a Thighearn', ann an solus do ghnùise.

17 Ann ad Ainm-sa ni iad gairdeachas air feadh an là: agus ann ad fhìreantachd àrd-aichear iad.

18 Oir is tusa glòir an neirt: agus ann ad dheadh-ghean àrdaichear ar n-adharc.

19 Oir is e an Tighearn ar sgiath: agus Aon naomh Israeil ar Rìgh.

20 An sin labhair thu ann an taisbeanadh ri d' Aon naomh, agus thubhairt thu: Chuir mise cuideachadh air aon a tha cumhachdach, dh' àrdaich mi aon taghta as an t-sluagh.

21 Fhuair mi Daibhidh m' òglach: le m' olaidh naoimh dh'ung mi e.

22 Le'm bi mo làmh gu daingean: mar an ceudna neartaichidh mo ghairdean e.

23 Cha tog an nàmhaid cìs dheth: agus cha chlaoidh mac an uilc e.

24 Agus pronnaidh mi a naimhdean roimhe: agus buailidh mi iadsan le'm fuathach e.

25 Agus bithidh m' fhìrinn agus mo thròcair maille ris: agus ann am Ainm-sa àrdaichear 'adharc-san.

26 Agus cuiridh mi a làmh anns an fhairge: agus a dheas làmh anns na h-aimhnichibh.

27 Glaodhaidh e rium, is tu m'athair: mo Dhia, agus carraig mo shlàinte.

28 Mar an ceudna ni mi mo cheud-ghin dheth: àrd os ceann rìghrean na talmhainn.

29 Gu bràth gleidhidh mi mo thròcair dha: agus bithidh mo choimhcheangal seasmhach leis.

30 Agus suidhichidh mi gu bràth a shliochd: agus a rìgh-chaithir mar làithibh nan nèamh.

31 Ma thréigeas a chlann mo lagh: agus nach gluais iad ann am bhreitheanais;

32 Ma mhi-naomhaicheas iad mo reachdan, agus nach gléidh iad m' àitheantan: an sin fiosraichidh mi le slait an eusaontas, agus le buillibh an euceart.

33 Gidheadh, cha bhuin mi gu tur mo chaoimhneas-gràidh uaith: agus cha bhreugnaich mi mo ghealladh.

34 Cha bhris mi mo choimhcheangal, agus an ni a thàinig á m' bhilibh cha-n atharraich mi: aon uair mhionnaich mi air mo naomhachd, nach dean mi breug do Dhaibhidh.

35 Mairidh a shliochd gu bràth: agus a rìgh-chaithir mar a' ghrian a'm' làthair.

36 Mar a' ghealach daingnichear e gu bràth: agus mar fhianuis dhìleas ann an nèamh.

37 Ach thilg thu uait, agus ghabh thu gràin: bha fearg ort ri d' Aon ungta.

38 Sgaoil thu coimhcheangal d' òglaich: thruaill thu a choron, 'g a thilgeadh gu làr.

39 Bhris thu a bhallacha-dìonaidh uile: rinn thu a dhaingneacha 'n an sgrios.

40 Creachaidh iadsan uile, a ghabhas an t-slighe e: tha e 'n a mhasladh d'a choimhearsnaich.

41 Thog thu suas deas làmh a naimhdean: rinn thu 'eascairdean uile ait.

42 Mar an ceudna phill thu faobhar a

chlaidheimh: agus cha d'thug thu air seasamh anns a' chath.

43 Chuir thu as d'a ghlòir: agus thilg thu sìos a rìgh-chaithir gu làr.

44 Ghiorraich thu làithean 'òige: chòmhdaich thu e le nàire.

45 Cia fhad, a Thighearn', a dh' fholaicheas tu thu féin gu tur: a loisgeas mar theine do chorruich?

46 Cuimhnich cia gearr m' aimsir: c'ar son a chruthaich thu gu dìomhain clann nan daoine uile?

47 Cò e an duine a tha beò, agus nach faic am bàs: no 'theasairgeas 'anam féin o làimh na h-uaighe?

48 C' àit am bheil do chaoimhneasan-gràidh roimhe so, a Thighearn': a mhionnaich thu do Dhaibhidh air d' fhìrinn?

49 Cuimhnich, a Thighearna masladh do sheirbhiseach: gu'n do ghiùlain mise ann am uchd uile mhasladh sluaigh mhòir;

50 Leis an do mhaslaich do naimhdean, a Thighearna, leis an do mhaslaich iad ceuman d' Aoin ungta: beannaichte gu robh an Tighearn gu sìorruidh. Amen, agus Amen.

URNUIGH MHAIDNE.

An xc. *Salm.*

Domine, refugium.

A Thighearna, bha thusa a' d' ionad-còmhnuidh dhuinn: o linn gu linn.

2 Mu'n do ghineadh na beanntan, agus mu'n

do dhealbh thu an talamh agus an cruinne-cé : eadhon o bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd, is tusa Dia.

3 Tionndaidhidh tu an duine gu sgrios : agus their thu, Pillibh, a chlann nan daoine.

4 Oir tha mìle bliadhna ann ad shealladh-sa, mar an là 'n dé 'n uair a théid e seachad : agus mar fhaire anns an oidhche.

5 Dh' fhuadaich thu iad, mar le sruth, mar chodal tha iad : anns a' mhaduinn tha iad mar fheur a dh' fhàsas suas.

6 Air maduinn thig e fo bhlàth, agus fàsaidh e suas : air feasgar gearrar sìos e, agus seargaidh e.

7 Oir tha sinn air ar caitheamh le d' fheirg : agus le d' chorruich tha sinn air ar claoidh.

8 Chuir thu ar n-euceartan a'd' fhianuis : ar peacaidhean dìomhair ann an solus do ghnùise.

9 Oir tha ar làithean air teireachduinn ann ad fheirg : chaith sinn ar bliadhnacha, mar sgeul a dh'innseadh.

10 Tha làithean ar bliadhnacha 'n an tri fichead bliadhna agus a deich, agus le tuilleadh neirt ma bhitheas ceithir fichead ann : is saothair agus doilgheas an spionnadh ; oir gearrar as e gu grad, agus siubhlaidh sinn.

11 Cò d'an aithne neart d' fheirge : agus a réir d'eagail, do chorruich ?

12 Teagaisg dhuinn mar so ar làithean àireamh : chum gu'n socraich sinn ar cridhe air gliocas.

13 Pill, a Thighearna, cia fhad : agus gabh aithreachas a thaobh do sheirbhiseach.

14 Sàsuich sinn gu moch le d' thròcair : a

chum gu'n dean sinn gairdeachas agus aoibhneas rè ar làithean uile.

15 Dean aoibhneach sinn a réir nan là air an do chràidh thu sinn : nam bliadhna anns am faca sinn olc.

16 Faicear d' obair le d' sheirbhisich : agus do ghlòir le 'n cloinn.

17 Agus bitheadh Maise an Tighearn' ar Dé oirnn : agus daingnich thusa obair ar làmh dhuinn, seadh, daingnich obair ar làmh.

An xci. *Salm.*

Qui habitat.

GAbhaidh esan a tha 'n a chòmhnuidh ann an ionad dìomhair an Ti a's àirde : tàmh fo sgàile an Uile-chumhachdaich.

2 Their mi mu thimchioll an Tighearna, Is e mo thearmunn, agus mo dhaingneach : mo Dhia, anns an cuir mi mo dhòigh.

3 Gu dearbh saoraidh e thu o rib an eunadair : o'n phlàigh mhilltich.

4 Le 'iteagaibh còmhdaichidh e thu, agus fo a sgiathaibh bithidh d' earbsa : bithidh 'fhìrinn 'n a sgéith agus 'n a targaid dhuit.

5 Cha bhi eagal ort a thaobh an uamhais anns an oidhche : no na saighde a ruitheas 's an là ;

6 No na plàigh' a ghluaiseas ann an dorchadas : no an sgrios a mhilleas mu mheadhon-là.

7 Tuitidh mìle ri d' thaobh, agus deich mìle air do làimh dheis : ach cha tig e am fagus duit.

8 A mhàin le d' shuilibh seallaidh tu : agus chi thu dìol nan aingidh.

9 A chionn gu'n d'rinn thu an Tighearn 'n a

thearmunn: an Ti a's àirde 'n a ionad-còmhnuidh dhuit;

10 Cha-n éirich olc air bith dhuit: agus cha tig plàigh am fagus do d' fhàrduich.

11 Oir bheir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll: chum do ghleidheadh ann ad shlighibh uile.

12 'N an làmhan togaidh iad suas thu: air eagal gu'm buail thu do chos air cloich.

13 Air an leòmhan agus air an nathair-nimhe saltraidh tu: pronnaidh tu fo d' chois an leòmhan òg agus an dràgon.

14 A chionn gu bheil gràdh aige dhomh, saoraidh mi e: àrdaichidh mi e, a chionn gur aithne dha m' Ainm.

15 Gairmidh e orm, agus éisdidh mi ris: bithidh mi maille ris ann an teinn; teasairgidh mi e, agus bheir mi urram dha.

16 Le fad làithean sàsuichidh mi e: agus nochdaidh mi dha mo shlàinte.

An xcii. *Salm.*

Bonum est confiteri.

IS maith an ni buidheachas a thabhairt do an Tighearn: agus cliu a thabhairt do d' Ainm-sa, O 'Thi a's àirde;

2 Do chaoimhneas-gràidh a chur 'an céill anns a' mhaduinn: agus d' fhìrinn gach oidhche,

3 Air inneal-ciuil nan deich teud, agus air an t-saltair: air a' chlàrsaich, le fuaim fhonnmhoir àird.

4 Oir rinn thu mi aoibhinn, a Thighearna, trìd d' oibre-sa: ann an gnìomharaibh do làmh ni mi gairdeachas.

5 Cia mòr do ghnìomhara-sa, a Thighearna: ro dhomhain tha do smuaintean.

6 Cha-n eòl do'n amhlair e: agus cha tuig an t-amadan so.

7 An uair a chinneas na h-aingidh mar fheur, agus a thig uile luchd-deanamh na h-euceirt fo bhlàth: bithidh iad air an sgrios am feasd; ach tha thusa ro àrd gu sìorruidh, a Thighearna.

8 Oir feuch, do naimhdean, a Thighearn', oir feuch, do naimhdean, sgriosar iad: sgapar uile luchd-deanamh na h-euceirt.

9 Ach mar adharc buabhuill àrdaichidh tu m' adharc-sa: ungar mi le olaidh ùir.

10 Agus amhaircidh mo shùil air m'eascairdibh: mu na droch dhaoinibh a dh' éireas suas a' m' aghaidh cluinnidh mo chluasan.

11 Mar chrann-pailme thig am fìrean fo bhlàth: mar Sheudair air Lebanon, fàsaidh e suas.

12 Iadsan a shuidhichear ann an tigh an Tighearn': ann an cùirtibh ar Dé-ne thig iad fo bhlàth.

13 Fathast 'n an sean aois bheir iad a mach toradh: sultmhor agus ùr bithidh iad.

14 A chum gu nochd iad gu bheil an Tighearn mo charraig, cothromach: agus nach 'eil euceart ann.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xciii. *Salm.*

Dominus regnavit.

THa an Tighearn a' rìoghachadh, tha e air a sgeadachadh le mòralachd: tha an Tigh-

earn air a sgeadachadh le neart, agus chrioslaich se e féin.

2 Tha 'n saoghal mar an ceudna air a dhaingneachadh : chum nach gluaisear e.

3 Dhaingnicheadh do rìgh-chaithir o chian : o shìorruidheachd tha thusa ann.

4 Thog na tuiltean suas, a Thighearna, thog na tuiltean suas an guth : togaidh na tuiltean suas an tonnan.

5 Os ceann toirme uisgeacha lìonmhor, os ceann thonn neartmhor na mara : is neartmhor anns na h-àrdaibh an Tighearn.

6 Tha do theisteis ro fhìor : do d' thigh-sa is iomchuidh naomhachd, a Thighearna, gu bràth.

An xciv. *Salm.*

Deus ultionum.

A Dhé an dìoghaltais : a Thighearna Dhé an dioghaltais, dealraich a mach.

2 Ardaich thu féin, a Bhreitheimh na talmhainn : ìoc luigheachd do na h-uaibhrich.

3 Cia fhad a ni na h-aingidh, a Thighearna : cia fhad a ni na h-aingidh caithream ?

4 Cia fhad a bhrùchdas iad briathran, a labhras iad nithe cruaidhe : a bhitheas uile luchd-deanamh an uilc ri ràiteachas ?

5 A bhruthas iad do shluagh, a Thighearn' : agus a chlaoidheas iad d' oighreachd ?

6 A mharbhas iad a' bhantrach agus an coigreach : agus a mhortas iad na dìlleachdain ?

7 Agus a their iad, Cha-n fhaic an Tighearn : agus cha toir Dia Iacoib fainear e.

8 Tuigibh, sibhse amhlairean 'am measg an

t-sluaigh : agus amadana, c' uin a bhitheas sibh glic ?

9 An ti a shuidhich a' chluas, nach cluinn e : an ti a dhealbh an t-sùil, nach faic e ?

10 An ti a smachdaicheas na fineacha, nach cronaich e : an ti a theagaisgeas eòlas do'n duine, nach 'eil eòlas aige ?

11 Is fiosrach an Tighearn air smuaintibh dhaoine : gur dìomhanas iad.

12 Is beannaichte an duine a smachdaicheas tusa, a Thighearn' : agus a theagaisgeas tu as do lagh.

13 Chum fois a thabhairt da o làithibh an uilc : gus an cladhaichear slochd do'n aingidh.

14 Oir cha tilg Dia dheth a shluagh : agus cha tréig e 'oighreachd féin ;

15 Ach pillidh breitheanas ri ceartas : agus leanaidh iadsan uile a tha ionraic 'n an cridhe e.

16 Cò dh' éireas leam an aghaidh luchd-deanamh an uilc : cò sheasas air mo shon an aghaidh luchd-deanamh na h-aingidheachd ?

17 Mur bitheadh an Tighearn 'g am chuideachadh : is beag nach robh m' anam 'n a thàmh gu tosdach.

18 'N uair a thubhairt mi, Tha mo chos air sleamhnachadh uam : chum do thròcair, a Thighearna, suas mi.

19 Ann an lìonmhoireachd mo smuaintean an taobh a stigh dhìom : thug do chomhfhurtachd-sa sòlas do m' anam.

20 Am bi comunn riut-sa aig rìgh-chaithir na h-euceirt : a dhealbhas aimhleas le reachd ?

21 Cruinnichidh iad le'chéile an aghaidh anama an fhìrein : agus dìtidh iad fuil neò-chiontach.

22 Ach is e an Tighearn mo dhaingneach: agus is e mo Dhia carraig mo dhòchais.
23 Agus dìolaidh e orra féin an euceart, agus 'n an aingidheachd féin gearraidh e as iad: gearraidh an Tighearn ar Dia as iad.

URNUIGH MHAIDNE.

An xcv. *Salm.*

Venite, exultemus.

O Thigibh, seinneamaid do'n Tighearn: togamaid iolach do charraig ar slàinte.
2 Thigeamaid 'n a fhianuis le buidheachas: agus le salmaibh togamaid ceòl dha gu suilbhireach.
3 Oir is Dia mòr an Tighearn: agus is Rìgh mòr e os ceann nan uile dhia.
4 'N a làimh-san tha doimhneachda na talmhainn: agus is leis àirde nam beann.
5 Is leis an fhairge, oir is e a rinn i: agus dhealbh a làmhan an talamh tioram.
6 O thigibh, sleuchdamaid, agus cromamaid sìos: tuiteamaid air ar glùinibh 'am fianuis an Tighearn' a rinn sinn.
7 Oir is esan ar Dia: agus is sinne sluagh 'ionaltraidh-san, agus caoraich a làimhe.
8 An diugh ma dh' éisdeas sibh r'a ghuth, na cruaidhichibh 'ur cridhe: mar anns a' chonnsachadh, mar ann an là a' bhuairidh anns an fhàsach;
9 'N uair a bhuair 'ur n-aithrichean mi: a dhearbh iad mi, agus a chunnaic iad m' oibre.

10 Ré dhà fhichead bliadhna chuireadh campar orm leis a' ghinealach ud, agus thubhairt mi: Is sluagh seacharanach 'n an cridhe iad, agus cha-n aithne dhoibh mo shlighean;
11 D'an d'thug mi mo mhionnan a'm' fheirg: nach rachadh iad a steach do m' fhois.

An xcvi. *Salm.*

Cantate Domino.

CAnaibh do an Tighearn laoidh nuadh: canaibh do an Tighearn, a thìrean uile.
2 Canaibh do an Tighearn, beannaichibh 'Ainm: foillsichibh o là gu là a shlàinte.
3 Cuiribh 'an céill 'am measg nan cinneach a ghlòir: 'am measg gach sluaigh 'iongantais-san.
4 Oir is mòr an Tighearn, agus is ro airidh e air cliu: is aobhar eagail esan os ceann nan uile dhiathan.
5 Oir is ìodhoil uile dhiathan nan cinneach: ach is e'n Tighearn a rinn na nèamhan.
6 Tha urram agus mòralachd 'n a fhianuis: neart agus maise 'n a ionad naomh.
7 Thugaibh do an Tighearn, sibhse fhineacha nan sluagh: thugaibh do an Tighearn glòir agus neart.
8 Thugaibh do an Tighearn a' ghlòir a's cubhaidh d'a Ainm: thugaibh tabhartas leibh, agus thigibh a steach d'a chùirtibh.
9 Sleuchdaibh do an Tighearn ann am maise na naomhachd: bitheadh eagal oirbh 'n a fhianuis, gach uile thìr.
10 Abraibh 'am measg nan cinneach, Tha an Tighearn a' rìoghachadh: mar an ceudna daing-

nichear an domhan chum nach gluaisear e, bheir e breth air na slòigh le ceartas.

11 Bitheadh na nèamhan aoibhneach, agus deanadh an talamh gairdeachas : beucadh an fhairge agus a làn.

12 Bitheadh a' mhachair ait, agus gach ni a tha innte : an sin deanadh uile chranna na coille luathghaire 'an làthair an Tighearna.

13 Oir tha e a' teachd, oir tha e a' teachd a thoirt breth air an talamh : bheir e breth air an t-saoghal le ceartas, agus air na slòigh le 'fhìrinn.

An xcvii. *Salm.*

Dominus regnavit.

THa an Tighearn a' rìoghachadh, bitheadh aiteas air an talamh : deanadh na h-eileana lìonmhor gairdeachas.

2 Tha neoil agus dorchadas m'a thimchioll : is iad ceartas agus breitheanas àite-còmhnuidh a rìgh-chaithreach.

3 Théid teine roimhe : agus loisgidh e suas a naimhdean air gach taobh.

4 Shoillsich a dhealanaich an cruinne-cé : chunnaic, agus chriothnaich an talamh.

5 Leagh na beanntan as mar chéir o làthair an Tighearna: o làthair Thighearna na talmhainn uile.

6 Cuiridh na nèamhan 'an céill a cheartas : agus chi gach sluagh a ghlòir.

7 Bithidh amhluadh orra-san uile a ni seirbhis do dhealbhan snaidhte, a ni uaill á ìodholaibh : sleuchdaibh dha, a dhiathan uile.

8 Chuala Sion, agus bha aoibhneas oirre :

agus rinn nigheanan Iudah gairdeachas, air son do bhreitheanas, a Thighearna.

9 Oir tha thusa, a Thighearn', àrd os ceann na talmhainn uile : tha thu air d' àrdachadh gu mòr os ceann nan uile dhiathan.

10 Sibhse a ghràdhaicheas an Tighearn, fuathaichibh olc : gleidhidh e anaman a naomh ; á làimh nan aingidh saoraidh e iad.

11 Dh' éirich solus do'n fhìrean : agus aoibhneas dhoibh-san a tha ionraic 'n an cridhe.

12 Bitheadh aoibhneas oirbh, fhìreana, anns an Tighearn : agus thugaibh buidheachas ri cuimhneachadh air a naomhachd.

URNUIGH FHEASGAIR.

An xcviii. *Salm.*

Cantate Domino.

O Seinnibh do'n Tighearn laoidh nuadh : oir rinn e nithean iongantach.

2 Dh' oibrich a dheas làmh : agus a ghairdean naomh slàinte dha.

3 Thaisbein an Tighearn a shlàinte : ann an sealladh nan cinneach dh' fhoillsich e 'fhìreantachd.

4 Chuimhnich e a thròcair agus 'fhìrinn do theaghlach Israeil : chunnaic uile chrìocha na talmhainn slàinte ar Dé.

5 Togaibh iolach ait do'n Tighearn, a thìrean uile : togaibh 'ur guth, deanaibh gairdeachas, agus seinnibh cliu.

6 Seinnibh do'n Tighearn le clàrsaich : le clàrsaich agus guth sailme.

7 Le trompaidibh agus guth na h-adhairc': togaibh iolach ait 'an làthair an Rìgh Iehobhah.
8 Beucadh an fhairge agus a làn: an saoghal agus iadsan a tha 'n an còmhnuidh ann.
9 Buaileadh na tuiltean am bosan, cuideachd deanadh na beannta luathghaire 'an làthair an Tighearna: oir tha e a' teachd a thabhairt breth air an talamh.
10 Bheir e breth air an t-saoghal ann am fìreantachd: agus air na slòigh ann an ceartas.

An xcix. *Salm.*

Dominus regnavit.

THa an Tighearn a' rìoghachadh, crioth-naicheadh na slòigh: the e 'n a shuidhe eadar cheruban, bitheadh crith air an talamh.
2 Tha an Tighearn mòr ann an Sion: agus tha e àrd os ceann gach sluaigh.
3 Moladh iad d' Ainm mòr agus uamhasach: is naomh e.
4 Agus is toigh leis an rìgh chumhachdach breitheanas, is tu a shocruicheas a' chòir: ni thusa breitheanas, agus ceartas ann an Iacob.
5 Ardaichibh an Tighearn ar Dia: agus sleuchdaibh aig stòl a chos, is naomh esan.
6 Bha Maois agus Aaron 'am measg a shagart, agus Samuel 'n am measg-san a ghairm air 'Ainm: ghairm iadsan air an Tighearn, agus fhreagair esan iad.
7 Ann am baideal neoil labhair e riu: ghléidh iad a theisteis, agus an reachd a thug e dhoibh.
8 A Thighearn' ar Dia, fhreagair thusa iad: is tu an Dia a thug maitheanas dhoibh, ged a rinn thu diòghaltas air son an gnìomhara.

9 Ardaichibh an Tighearn ar Dia, agus sleuchdaibh aig a shliabh naomh: oir is naomh an Tighearn ar Dia.

An c. *Salm.*

Jubilate Deo.

TOgaibh iolach ait do'n Tighearn, a thìrean uile: deanaibh seirbhis do'n Tighearn le h-aoibhneas, thigibh 'n a fhianuis le luathghaire.
2 Bitheadh fios agaibh gur e'n Tighearn a's Dia ann; is e a rinn sinn, agus cha sinn féin: is sinn a shluagh, agus caoraich 'ionaltraidhsan.
3 Thigibh a steach air a gheataibh le buidheachas, d' a chùirtibh le moladh: thugaibh buidheachas dha, beannaichibh 'Ainm.
4 Oir tha 'n Tighearn maith, mairidh a thròcair gu bràth: agus 'fhìrinn o linn gu linn.

An ci. *Salm.*

Misericordiam et judicium.

MU thròcair agus breitheanas canaidh mi: dhuit-sa, a Thighearna, seinnidh mi.
2 Iomchairidh mi mi féin gu glic: air slighe ionraic.
3 O c'uin a thig thu a m' ionnsuidh: gluaisidh mi ann an ionracas mo chridhe 'am meadhon mo thighe.
4 Cha chuir mi ni olc sam bith fa chomhair mo shùl; is fuathach leam obair luchd-eusaontais: cha lean i rium.

5 Triallaidh cridhe iargalta uam: air an daoi cha chuir mi eòlas.

6 An ti gu dìomhair a bheir beum d'a choimhearsnach: esan gearraidh mi as.

7 An ti aig am bheil sealladh àrd, agus cridhe uaibhreach: esan cha-n fhuiling mi.

8 Bithidh mo shùilean air fìreanaibh na tìre: chum gu'n gabh iad còmhnuidh leam.

9 Esan a ghluaiseas ann an slighe ionraic: ni e seirbhis dhomh.

10 Cha ghabh fear-deanamh ceilge còmhnuidh ann am thigh: cha-n fhuirich fear-labhairt bhreug fa chomhair mo shùl.

11 Gu moch gearraidh mi as uile dhroch dhaoine na tìre: chum gu'n sgath mi as o chaithir an Tighearn' uile luchd-deanamh an uilc.

URNUIGH MHAIDNE.

An cii. *Salm.*

Domine, exaudi.

A Thighearn', éisd ri m'urnuigh: agus thigeadh mo ghlaodh a d'ionnsuidh.

2 Na folaich do ghnùis uam ann an là mo theinn: aom do chluas rium 's an là air an gairm mi ort; éisd rium gu grad.

3 Oir tha mo làithean air teireachdainn mar dheataich: agus tha mo chnàmhan air an losgadh mar theinntein.

4 Tha mo chridhe air a bhualadh, agus air seargadh mar fheur: air chor as nach cuimhne leam m'aran itheadh.

5 Le guth m'osnaich: lean mo chnàmhan ri m'fheòil.

6 Tha mi cosmhuil ri pelican an fhàsaich: tha mi mar chomhachaig nan ionad aonaranach.

7 Tha mi ri faire, agus tha mi mar eun: 'n a aonar air mullach tighe.

8 Air feadh an là tha mo naimhde 'g am mhasluchadh: agus iadsan, a tha air bhoile rium, mhionnaich iad a'm' aghaidh.

9 Oir dh'ith mi luath mar aran: agus mheasg mi mo dheoch le m' dheuraibh;

10 Trìd do chorruich agus d' fheirge: oir thog thu mi suas, agus leag thu mi sìos.

11 Tha mo làithean, mar sgàile, ag aomadh sìos: agus tha mi féin, mar fheur, air seargadh.

12 Ach mairidh tusa, a Thighearna, gu bràth: agus do chuimhne o linn gu linn.

13 Eiridh tusa, ni thu tròcair air Sion: oir tha 'n t-àm gu deadh-ghean a nochdadh dhi, seadh, an t-àm suidhichte air teachd.

14 Oir tha do sheirbhisich a' gabhail tlachd 'n a clachaibh: agus tha deadh rùn aca d'a luaithre.

15 Mar sin bithidh eagal air na cinnich roimh Ainm an Tighearn': agus air uile rìghribh na talmhainn roimh a ghlòir.

16 An uair a thogas an Tighearn suas Sion: chithear e 'n a ghlòir;

17 Bheir e 'n aire do urnuigh nan dìobarach: agus cha dean e tàir air an athchuinge.

18 Sgrìobhar so do'n àl ri teachd: agus molaidh an sluagh a ghinear an Tighearn.

19 Oir dh'amhairc e nuas o Airde a naomh-

achd féin: o na nèamhan sheall an Tighearn air an talamh;

20 A chluinntinn osnaich a' phrìosanaich: chum fuasgladh orra-san a dh' orduicheadh chum bàis;

21 Chum Ainm an Tighearna 'chur 'an céill ann an Sion: agus a chliu ann an Ierusalem;

22 An uair a chruinnichear na slòigh le 'chéile: agus na rìoghachda gu seirbhis a dheanamh do an Tighearn.

23 Chlaoidh e anns an t-slighe mo neart: ghiorraich e mo làithean.

24 Thubhairt mi, Mo Dhia, na tabhair air falbh mi ann am meadhon mo làithean: tha do bhliadhnan-sa air feadh nan uile linn.

25 O chian leag thu bunaite na talmhainn: agus is iad na nèamhan obair do làmh.

26 Théid as doibh-san, ach mairidh tusa: fàsaidh iadsan uile sean mar eudach.

27 Mar thrusgan caochlaidh tu iad, agus bithidh iad air an caochladh: ach is tusa an ti ceudna, agus cha chrìochnaichear do bhliadhnan.

28 Mairidh clann do sheirbhiseach: agus daingnichear an sliochd a'd' fhianuis.

An ciii. *Salm.*

Benedic anima mea.

BEannaich an Tighearn, O m' anam: agus moladh gach ni a tha 'n taobh a stigh dhìom, 'Ainm naomh-san.

2 Beannaich an Tighearn, O m' anam: agus na dì-chuimhnich a thiodhlacan uile.

3 'S e 'mhaitheas dhuit do pheacaidhean gu léir: a shlànuicheas d' euslaintean uile;

4 A shaoras do bheatha o sgrios: a chrùnas thu le caoimhneas-gràidh agus caomh-thròcairibh;

5 A shàsuicheas do bheul le nithibh maithe: air chor as gu'n ath-nuadhaichear d' òige mar òige na h-iolaire.

6 Ni an Tighearn ceartas agus breitheanas: dhoibh-san uile a tha air an sàruchadh.

7 Dh' fhoillsich e a shlighean do Mhaois: a ghnìomhara do chloinn Israeil.

8 Is tròcaireach agus is gràsmhor an Tighearn: mall chum fheirge agus pailt ann an caoimhneas-gràidh.

9 Cha chronaich e do ghnàth: agus cha ghléidh e 'fhearg gu bràth.

10 A réir ar peacaidhean cha d' rinn e oirnn: agus a réir ar n-eucearta cha d' thug e luigheachd dhuinn.

11 Oir mar a tha na nèamhan àrd os ceann na talmhainn: mar sin tha a thròcair mòr d'an taobh-san d'an eagal e.

12 Cho fad as a tha 'n àird an ear o'n àird an iar: cho fad as sin chuir e uainn ar n-eusaontais.

13 Mar ghabhas athair truas d'a chloinn: gabhaidh an Tighearn truas dhiubh-san d'an eagal e.

14 Oir is aithne dha ar dealbh: is cuimhne leis gur duslach sinn.

15 An duine, mar fheur tha a làithean: mar bhlàth na macharach, mar sin fàsaidh e fo bhlàth.

16 Oir gabhaidh a'ghaoth thairis, agus cha bhi e ann: agus cha-n aithnich 'ionad féin e na's mò.

17 Ach tha tròcair an Tighearn' o shìorruidheachd orra-san d'an eagal e : agus 'fhìreantachd do chloinn an cloinne;

18 Dhoibh-san a chumas a choimhcheangal : agus a chuimhnicheas 'àitheanta chum an deanamh.

19 Shocruich an Tighearn a rìgh-chaithir anns na nèamhan : agus tha a' rìoghachd a' riaghladh os ceann nan uile.

20 Beannaichibh an Tighearn, sibhse 'Aingle, treun ann an neart : a' deanamh 'iarrtuis, ag éisdeachd ri fuaim 'fhocail.

21 Beannaichibh an Tighearn, a shlòigh uile : sibhse a luchd-frithealaidh a tha 'deanamh a thoile.

22 Beannaichibh an Tighearn, 'oibre uile, anns gach àite d'a thighearnas : beannaich an Tighearn, O m' anam.

URNUIGH FHEASGAIR.

An civ. *Salm.*

Benedic, anima mea.

BEannaich an Tighearn, O m' anam : A Thighearna mo Dhia, tha thusa ro mhòr, le urram agus mòralachd tha thu air do sgeadachadh.

2 Tha thu a' cur soluis umad mar thrusgan: a' sìneadh a mach nan nèamh mar chùirtein.

3 Tha e a' leagadh sailthean a sheòmar anns na h-uisgeachaibh : a' deanamh nan neul 'n an carbad dha féin, a' siubhal air sgiathaibh na gaoithe.

4 A' deanamh 'Aingle 'n an spioradaibh : a luchd-frithealaidh 'n an teine lasarach.

5 Shuidhich e an talamh air a bhunaitibh: chum nach gluaisteadh e gu bràth.

6 Leis an doimhneachd mar le trusgan chòmhdaich thu e : sheas na h-uisgeachan os ceann nam beann.

7 O d' achmhasan-sa theich iad : o ghuth do thairneanaich ghreas iad rompa.

8 Chaidh iad suas ri taobh nam beann, chaidh iad sìos air feadh nan gleann : do'n àit a dh' orduich thusa dhoibh.

9 Shuidhich thu crìoch air nach téid iad thairis: chum nach pill iad a rìs a chòmhdachadh na talmhainn.

10 Tha e a' cur thobar anns na gleanntaibh : a tha a' ruith air feadh nam beann.

11 Bheir iad deoch do uile bheathaichibh na macharach : coisgidh na h-asail fhiadhaich an ìotadh.

12 Am fagus doibh còmhnuichidh eunlaith nan speur : a bhitheas a' seinn 'am measg nan geug.

13 Uisgichidh e na beanntan o'sheòmraichibh: le toradh a ghnìomh sàsuichear an talamh.

14 Bheir e air feur fàs do'n spréidh : agus air luibh chum seirbhis an duine.

15 Chum aran a thabhairt as an talamh, agus fìon a ni cridhe an duine subhach : oladh a ni a ghnùis dealrach, agus aran a neartaicheas cridhe an duine.

16 Tha craobhan an Tighearna làn brìgh : seudair Lebanoin a shuidhich e.

17 Far an dean na h-eoin an nid : aig an storc tha na craobhan giuthais mar ionad-tàimh.

18 Tha na beanntan àrda 'n an tearmunn do na gabhair fhiadhaich : na creagan do na coineanaibh.

19 Rinn e a' ghealach air son aimsirean : is aithne do'n ghréin mar a luidheas i.

20 Ni thu dorchadas agus tha 'n oidhche ann : an sin snàigidh uile bheathaiche na coille mach.

21 Beucaidh na leòmhain òga air son cobhartaich : agus ag iarraidh am bìdh air Dia.

22 Eiridh a' ghrian, cruinnichidh iad le 'chéile : agus 'n an àitibh-tàimh luidhidh iad.

23 Théid an duine mach gu 'obair : agus gu 'shaothair gu feasgar.

24 Cia lìonmhor d' oibre, a Thighearna : ann an gliocas rinn thu iad gu léir, tha 'n talamh làn de d' shaoibhreas.

25 Mar an ceudna an cuan so a tha mòr agus farsuinn : anns am bheil creutairean snàigeach gun àireamh, araon beathaichean beaga agus mòra.

26 An sin siubhlaidh na longan : agus an Lebhiatan sin, a dhealbh thu gu sùgradh ann.

27 Feithidh iad sin uile ort-sa : chum gu'n tabhair thu dhoibh am biadh 'n a thràth.

28 Bheir thusa dhoibh, cruinnichidh iadsan : fosgailidh tu do làmh, sàsuichear iad le maith.

29 Folaichidh tu do ghnùis, bithidh iad fo amhluadh : bheir thu uatha an deò, eugaidh iad, agus pillidh iad ri'n ùir.

30 Cuiridh tu mach do spiorad, cruthaichear iad : agus ath-nuadhaichidh tu aghaidh na talmhainn.

31 Mairidh Glòir an Tighearna gu bràth : ni an Tighearn gairdeachas 'n a oibribh.

32 Seallaidh e air an talamh, agus criothnaichidh e : beanaidh e ris na beanntaibh, agus bithidh deatach dhiubh.

33 Seinnidh mise do an Tighearn an cian is beò mi : canaidh mi moladh do m' Dhia fhad 's a bhitheas bith agam.

34 Bithidh mo smuaintean air milis : ni mi gairdeachas anns an Tighearn.

35 Sgriosar peacaich a mach as an talamh, agus cha bhi na h-aingidh ann na's mò : beannaich an Tighearn, O m' anam ; molaibh-se an Tighearn.

URNUIGH MHAIDNE.

An CV. *Salm.*

Confitemini Domino.

O Thugaibh buidheachas do an Tighearn, gairmibh air 'Ainm : foillsichibh 'am measg nan sluagh a ghnìomhara.

2 Seinnibh dha, seinnibh sailm dha : labhraibh air 'oibribh iongantach-san gu léir.

3 Deanaibh uaill á 'Ainm naomh-san : bitheadh gairdeachas air cridhe na dream a dh' iarras an Tighearn.

4 Iarraibh an Tighearn agus a neart : iarraibh a ghnùis a ghnàth.

5 Cuimhnichibh 'oibrean iongantach a rinn e : a chomharaidhean agus breitheanais a bheoil ;

6 O sibhse a shliochd Abrahaim 'oglaich-san : sibhse a chlann Iacoib a dhaoine taghta-san.

7 Is esan an Tighearn ar Dia-ne : air feadh na talmhainn uile tha a bhreitheanais.
8 Chuimhnich e gu sìorruidh a choimhcheangal: am focal a dh' orduich e do mhìle ginealach ;
9 A rinn e ri Abraham ; agus a mhionnan do Isaac ;
10 Agus dhaingnich e sin do Iacob mar reachd: do Israel mar choimhcheangal bith-bhuan.
11 Ag ràdh, Dhuit-sa bheir mi fearann Chanaain : crannchur 'ur n-oighreachd.
12 An uair nach robh iad ach ro thearc ann an àireamh : agus 'n an coigrich ann ;
13 Agus a chaidh iad o chinneach gu cinneach: o rìoghachd gu sluagh eile ;
14 Cha do leig e le duine sam bith eucoir a dheanamh orra; agus smachdaich e rìghrean air an son.
15 Ag ràdh, Na beanaibh ri m' Dhaoinibh ungta : agus air m' fhàidhibh na deanaibh cron.
16 Agus ghairm e gorta air an tìr : bhris e uile lorg an arain.
17 Chuir e duine rompa : Ioseph, a reiceadh mar thràill ;
18 Le geimhlibh dhochainn iad a chosan : chuireadh ann an iarunn e gu teann ;
19 Gu ruig an t-àm anns an d' thàinig a bhriathar : dhearbh focal an Tighearn' e.
20 Chuir an rìgh teachdaire uaith, agus dh' fhuasgail e air : uachdaran an t-sluaigh, agus leig e saor as e.
21 Rinn se e 'n a thighearn air a thigh : agus 'n a uachdaran os ceann a mhaoin uile ;
22 Chum gu'n ceangladh e 'àrd-cheannardan a réir a thoile : agus gu'n deanadh e a sheanairean glic.

23 Agus thàinig Israel do'n Eiphit ; agus bha Iacob air chuairt ann an tìr Cham.
24 Agus thug e air a shluagh fàs ro lìonmhor : agus rinn e na bu treise iad na'n naimhdean ;
25 Dh' iompaich e an cridhe gu fuath a thoirt d'a shluagh : agus gu buntainn gu cealgach r'a sheirbhisich.
26 Chuir e d'an ionnsuidh Maois 'òglach féin ; Aaron a thagh e.
27 Nochd iad a chomharaidhean 'n am measg : agus a bheartan iongantach ann an tìr Cham.
28 Chuir e mach dorchadas, agus bha dorchadas ann ; agus cha d' rinn iad ceannairc an aghaidh 'fhocail.
29 Thionndaidh e an uisgeacha gu fuil : agus mharbh e an iasg.
30 Thug an tìr a mach losgainn gu pailt : ann an seòmraichibh an rìghrean.
31 Labhair e, agus thàinig iomadh gnè chuileag : agus mialan 'n an crìochaibh uile.
32 Air son an uisge thug e dhoibh clachmheallain : agus teine lasarach 'n an tìr.
33 Agus bhuail e an croinn-fhìona agus an croinn-fhìge : agus bhris e craobhan an crìoch.
34 Labhair e, agus thàinig locuist, agus burruis, agus sin gun àireamh : agus dh' ith iad gach luibh 'n an tìr, agus dh' ith iad meas am fearainn.
35 Agus bhuail e gach ceud-ghin 'n an tìr : toiseach an neirt uile.
36 Agus thug e mach iad le airgiod agus le òr : agus 'n an treubhan uile cha robh aon neach lag.

37 Bha aoibhneas air an Eiphit an uair a chaidh iad a mach : oir thuit an eagal-san orra.
38 Sgaoil e neul mar chòmhdach : agus teine gu solus a thoirt 's an oidhche.
39 Dh' iarr iad agus thug e dhoibh gearragoirt : agus le aran nèimh shàsuich e iad.
40 Dh' fhosgail e a' chreag, agus bhrùchd uisgeacha mach : ruith iad air na h-ionadaibh tioram mar amhainn.
41 Oir chuimhnich e a ghealladh naomh : do Abraham a sheirbhiseach.
42 Agus thug e mach a shluagh le aoibhneas : a dhaoine taghta le gairdeachas.
43 Agus thug e dhoibh fearann nan cinneach : agus shealbhaich iad saothair nan sluagh ;
44 Chum gu'n tugadh iad fainear a reachdan : agus gu'n gleidheadh iad a laghan. Molaibh an Tighearn.

URNUIGH FHEASGAIR.

An cvi. *Salm.*

Confitemini Domino

MOlaibh an Tighearn. O thugaibh buidheachas do an Tighearn, oir tha e maith : oir gu bràth mairidh a thròcair.
2 Cò is urrainn gnìomhara treuna an Tighearn' a chur 'an céill : cò is urrainn a chliu uile fhoillseachadh ?
3 Is beannaichte iadsan a choimhideas breitheanas : a ni ceartas anns gach àm.
4 Cuimhnich oirnn, a Thighearna, leis an deadh-ghean a nochdas tu do d' shluagh féin : O fiosraich sinn le d' shlàinte.

5 Chum gu faic sinn maith do dhaoine taghta : chum gu'n dean sinn aoibhneas ann an aoibhneas do chinnich, chum gu'n dean sinn uaill le d' oighreachd-sa.
6 Pheacaich sinne le'r n-aithrichibh : rinn sinn gu h-olc, rinn sinn gu h-aingidh.
7 Cha do thuig ar n-aithriche d'iongantais anns an Eiphit, cha do thuig iad lìonmhoireachd do throcairean : ach bhrosnuich iad thu làimh ris a' mhuir, aig a' mhuir ruaidh.
8 Gidheadh theasairg e iad air sgàth 'Ainme féin : chum gu nochdadh e a chumhachd.
9 Agus smachdaich e a' mhuir ruadh, agus thiormaicheadh i : agus threòraich e iad troimh na doimhneachdaibh, mar troimh fhàsach.
10 Agus theasairg e iad o làimh an ti a thug fuath dhoibh : agus shaor e iad o làimh an nàmhaid.
11 Agus dh' fholaich na h-uisgeachan an eascairdean : cha d' fhàgadh aon diubh.
12 An sin chreid iad a bhriathran : agus sheinn iad a chliu.
13 Gu luath dhì-chuimhnich iad a ghnìomhara : cha d' fheith iad r'a chomhairle.
14 Ach ghlac ana-miann iad 's an fhàsach : agus bhuair iad Dia anns an ionad uaigneach.
15 Agus thug e dhoibh an iarrtus : ach chuir e caoile air an anam.
16 Agus ghabh iad farmad ri Maois anns a' champ : agus ri Aaron sagart naomh an Tighearna.
17 Dh' fhosgail an talamh, agus shluig e sìos Datan : agus dh' fholaicheadh cuideachd Abiraim.

18 Agus las teine 'n an cuideachd : loisg an lasair suas na droch dhaoine.
19 Rinn iad laogh ann an Horeb : agus shleuchd iad do'n dealbh leaghta.
20 Agus chaochail iad an glòir : gu coslas daimh a dh' itheas feur.
21 Dhì-chuimhnich iad Dia am fear-saoraidh : a rinn nithe mòra anns an Eiphit ;
22 Nithean iongantach ann an tìr Cham : nithean uamhasach aig a' mhuir ruaidh.
23 Uime sin thubhairt e, gu milleadh e iad, mur bhitheadh gu'n do sheas 'òglach taghta Maois fa chomhair anns a' bhèairn : gus a chorruich a thionndadh uatha, chum nach sgriosadh e iad.
24 Agus rinn iad tarcuis air an tìr thaitnich : cha do chreid iad 'fhocal.
25 Agus rinn iad gearran 'n am bùthaibh : agus cha d' éisd iad ri guth an Tighearna.
26 An sin thog e a làmh 'n an aghaidh : a thoirt orra tuiteam anns an fhàsach ;
27 Agus a thilgeadh sìos an sliochd 'am measg nan cinneach : agus gu 'n sgaoileadh air feadh nan tìrean.
28 Mar an ceudna naisg iad iad féin ri Baal-peor : agus dh' ith iad ìobairtean nam marbh.
29 Agus bhrosnuich iad e le'n gnìomharaibh : agus bhris a' phlàigh a steach orra.
30 An sin sheas Phinehas agus chuir e breitheanas 'an gnìomh : agus choisgeadh a' phlàigh.
31 Agus mheasadh sin dha mar fhìreantachd : o linn gu linn gu bràth.
32 Chuir iad fearg air mar an ceudna aig

uisgeachaibh Mheribah : agus dh' éirich olc do Mhaois air an son ;
33 Oir bhrosnuich iad a spiorad : air chor as gu'n do labhair e gu h-aithghearr le 'bhilibh.
34 Cha do sgrios iad na slòigh : mu 'n d' thug an Tighearn àithne dhoibh ;
35 Ach choimh-mheasg iad iad féin 'am measg nan cinneach : agus dh' fhòghluim iad an oibre.
36 Agus rinn iad seirbhis d'an ìodholaibh, a bha mar ribe dhoibh : agus dh' ìobair iad am mic agus an nigheana do dheamhnaibh,
37 Agus dhòirt iad fuil neò-chiontach, fuil am mac agus an nighean : a dh' ìobair iad do ìodholaibh Chanaain, agus thruailleadh an tìr le fuil.
38 Agus rinneadh neòghlan iad le'n oibribh : agus chaidh iad air strìopachas le'n gnìomharaibh.
39 Agus las fearg an Tighearn' an aghaidh a shluaigh : agus ghabh e gràin d'a oighreachd.
40 Agus thug e suas iad do làimh nan cinneach : agus bha iadsan, a dh' fhuathaich iad, 'n an uachdarain os an ceann.
41 Agus shàruich an naimhdean iad : agus leagadh gu h-ìosal iad fo 'n làimh.
42 Iomadh uair shaor e iad : ach bhrosnuich iad e le'n comhairlibh, agus dh' ìslicheadh iad air son an cionta.
43 Gidheadh thug e an àmhghar fainear : an uair a chual' e an glaodh.
44 Agus chuimhnich e dhoibh a choimh-cheangal, agus ghabh e aithreachas, a réir lìonmhoireachd a thròcair : agus fhuair e truas dhoibh ann an sealladh na muinntir sin a thug leo 'n am braighdibh iad.

45 Saor sinn, a Thighearn' ar Dia, agus tionail sinn o mheasg nan cinneach : chum buidheachas a thabhairt do d'Ainm naomh-sa, chum caithream a dheanamh ann ad chliu.

46 Gu ma beannaichte an Tighearn Dia Israeil o shìorruidheachd gu sìorruidheachd : agus abradh an sluagh uile, Amen. Molaibh-se an Tighearn.

URNUIGH MHAIDNE.

An cvii. *Salm.*

Confitemini Domino.

OThugaibh buidheachas do an Tighearn, oir tha e maith : oir gu bràth mairidh a thròcair.

2 Mar so abradh iadsan a shaoradh leis an Tighearn : a shaor e o làimh an nàmhaid ;

3 Agus a chruinnich e as na tìribh, o 'n àird an ear, agus o 'n àird an iar : o 'n àirde tuath, agus o 'n àirde deas.

4 Chaidh iad air seacharan anns an fhàsach, ann an ionad uaigneach : slighe gu baile tàimh cha d' fhuair iad.

5 Ocrach agus tartmhor : dh' fhàilnich an anam annta.

6 An sin ghlaodh iad ris an Tighearn 'n an airc : agus as an teanntachdaibh shaor e iad.

7 Agus threòraich e iad air slighe cheirt : chum gu'n rachadh iad gu baile tàimh.

8 O gu moladh daoine Dia air son a mhaitheis : agus air son a bheartan iongantach do chloinn nan daoine ;

9 Oir shàsuich e an t-anam cìocrach : agus lìon e an t-anam ocrach le maith ;

10 Iadsan a shuidh ann an dorchadas agus ann an sgàile a' bhàis : ceangailte ann an truaighe agus 'an iarunn.

11 A chionn gu'n d'rinn iad ceannairc an aghaidh bhriathar Dhé : agus gu'n d'rinn iad tàir air comhairle an Ti a's àirde ;

12 Aig an do leagadh sìos an cridhe le docair : thuit iad, agus cha robh fear-cuideachaidh ann.

13 An sin ghlaodh iad ris an Tighearn 'n an airc : agus as an teanntachdaibh shaor e iad.

14 Thug e iad á dorchadas, agus á sgàile a' bhàis : agus bhris e o 'chéile an cuibhreach.

15 O gu moladh daoine an Tighearn air son a mhaitheis : agus air son a bheartan iongantach do chloinn nan daoine ;

16 Oir bhris e na geatachan umha : agus ghearr e sìos na croinn iaruinn.

17 Bha amadain air son an eusaontais : agus air son an eucearta fo àmhghar.

18 De gach biadh ghabh an anam gràin : agus thàinig iad dlùth do gheatachaibh bàis.

19 An sin ghlaodh iad ris an Tighearn 'n an airc : agus as an teanntachdaibh shaor e iad.

20 Chuir e 'fhocal uaith, agus shlànuich e iad : agus shaor e iad o sgrios.

21 O gu moladh daoine an Tighearn air son a mhaitheis : agus air son a bheartan iongantach do chloinn nan daoine ;

22 Agus gu'n ìobradh iad ìobairtean buidheachais : agus gu'n cuireadh iad 'an céill a ghnìomhara le luathghaire.

23 Iadsan a théid sìos do'n fhairge air long-aibh : a ni obair air uisgeachaibh mòra,
24 Chi iadsan gnìomharan an Tighearn' : agus a bheartan iongantach 's an doimhne.
25 Oir labhraidh e, agus dùisgidh e a' ghaoth dhoinionnach : agus togaidh i a tonnan.
26 Théid iad suas do na nèamhan, théid iad sìos do na doimhneachdaibh : le àmhghar leaghaidh an anam.
27 Théid iad thuige agus uaith, agus tuislich-idh iad mar dhuine air mhisg : agus théid as d'an céill uile.
28 An sin glaodhaidh iad ris an Tighearn 'n an airc : agus as an teanntachdaibh bheir e iad.
29 Cuiridh e an doinionn gu fèith : agus bithidh a tonnan 'n an tàmh.
30 An sin bithidh iad ait, a chionn gu'm bi iad sàmhach : agus bheir e iad do'n chaladh a's miannach leo.
31 O gu moladh daoine an Tighearn air son a mhaitheis : agus air son a bheartan iongantach do chloinn nan daoine !
32 Agus gu'n àrdaicheadh iad e ann an coimhthional an t-sluaigh : agus ann an àite-suidhe nan seanair gu moladh iad e !
33 Ni e aimhniche 'n am fàsach : agus tobair uisge 'n an talamh tartmhor.
34 Fearann beartach ni e fàs : air son aing-idheachd a luchd-àiteachaidh.
35 Ni e fàsach 'n a linne uisge : agus fearann tioram 'n a thobraichibh uisge.
36 Agus an sin bheir e air na h-ocraich còmhnuidh a ghabhail : agus deasaichidh iad baile-tàimh.

37 Agus sìol-chuiridh iad achanna, agus suidhichidh iad fìon-liosan : agus bheir iad toradh pailt uatha.
38 Agus beannaichidh e iad, agus fàsaidh iad ro lìonmhor : agus cha lughdaich e an spréidh.
39 Ach ma pheacaicheas iad, lughdaichear agus leigear sìos iad : le fòirneart, olc agus doilgheas ;
40 Dòirtidh e tarcuis air àrd-uaislibh : agus cuiridh e air seacharan iad ann am fàsach as eugmhais slighe ;
41 Agus togaidh e suas am bochd o thruaighe : agus ni e teaghlaichean dha mar threud.
42 Chi na fìreana so, agus bithidh iad ait : agus druididh gach euceart a beul.
43 Cò tha glic, agus a bheir fainear na nithe sin : tuigidh esan caoimhneas gràdhach an Tighearna.

URNUIGH FHEASGAIR.

An cviii. *Salm.*

Paratum cor meum.

THa mo chridhe deas, a Dhé : seinnidh mi agus molaidh mi eadhon le m' ghlòir.
2 Mosgail, a shaltair agus a chlàrsach : mos-glaidh mi féin moch air mhaduinn.
3 Molaidh mi thu 'am measg nan sluagh, a Thighearn' : agus seinnidh mi dhuit 'am measg nan cinneach.
4 Oir is mòr do thròcair os ceann nan nèamh : agus tha d' fhìrinn gu ruig na neòil.
5 Bi air d' àrdachadh os ceann nan nèamh,

a Dhé : agus os ceann na talmhainn uile bitheadh do ghlòir.

6 Chum gu'n teasairgear iadsan a's ionmhuinn leat : saor thusa le d' dheas làimh, agus éisd rium.

7 Labhair Dia 'n a naomhachd : ni mi aoibhneas, roinnidh mi Sechem, agus tomhaisidh mi gleann Shucoit.

8 Is leam-sa Gilead, is leam Manaseh : agus is e Ephraim neart mo chinn.

9 Iudah fear-tabhairt mo lagha, is e Moab mo shoitheach-ionnlaid : os ceann Edoim tilgidh mi mo bhròg ; thar Palestina ni mi caithream.

10 Cò bheir mi do'n bhaile dhaingnichte : cò threòraicheas mi gu Edom ?

11 Nach tusa, a Dhé, thusa a thilg uait sinn : agus nach deachaidh a mach, a Dhé, le ar n-armailtibh ?

12 Thoir còmhnadh dhuinn ann an airc : oir is dìomhain furtachd duine.

13 Trìd Dhé ni sinn treubhantas ; oir saltraidh esan sìos ar naimhdean.

An cix. *Salm.*

Deus laudum.

A Dhé, mo chliu, na bi ann ad thosd : oir tha beul an aingidh, agus beul na ceilge fosgailte a' m' aghaidh.

2 Labhair iad a' m' aghaidh le teangaidh nam breug ; agus le briathraibh fuatha chuairtich iad mi, agus chog iad a'm' aghaidh gun aobhar.

3 'An éiric mo ghràidh, tha iad naimhdeil dhomh ; agus mi ri urnuigh.

4 Agus dhìol iad dhomh olc 'an éiric maith ; agus fuath 'an éiric mo ghràidh.

5 Cuir an t-aingidh os a cheann : agus seasadh Sàtan aig a dheas làimh.

6 'N uair a bheirear breth air, faighear ciontach e : agus bitheadh 'urnuigh dha 'n a peacadh.

7 Bitheadh a làithean tearc : agus glacadh neach eile a dhreuchd.

8 Bitheadh a chlann 'n an dìlleachdain : agus a bhean 'n a bantraich.

9 A ghnàth air seacharan bitheadh a chlann, agus iarradh iad déirc : agus sireadh iad as an àitibh tàs.

10 Glacadh fear nam fiach gach ni a tha aige : agus creachadh coigrich a shaothair.

11 Na bitheadh neach ann a ni tròcair air : agus na bitheadh aon ann a ghabhas truas d'a chloinn gun athair.

12 Sgrios gu robh air a shliochd : 's an àl a thig 'n a dhéigh gu'n cuirear as d'a ainm.

13 Air chuimhne bitheadh aingidheachd 'aithrichean aig an Tighearn : agus na cuirear as peacadh a mhàthar.

14 Bitheadh iad 'am fianuis an Tighearn' a ghnàth : agus gearradh e as an cuimhne o'n talamh ;

15 A chionn nach do chuimhnich e tròcair a nochdadh : ach gu'n do gheur-lean e an duine bochd agus uireasbhuidheach, agus aig an robh cridhe goirt, chum a mharbhadh.

16 Mar a ghràdhaich e mallachadh, thigeadh e air : mar nach robh tlachd aige ann am beannachadh, bitheadh e fada uaith.

17 Mar a chuir e mallachadh uime, mar 'eudach: thigeadh e steach mar uisge 'n a chòm, agus mar oladh 'n a chnàmhan.

18 Bitheadh e dha mar an trusgan leis an còmhdaichear e: agus mar an crios leis an crioslaichear e a ghnàth.

19 Is e so obair m'eascairdean 'an làthair an Tighearna: agus nan daoine a labhras olc an aghaidh m'anama.

20 Ach dean thusa air mo shon, a Thighearna Dhé, air sgàth d'Ainme: a chionn gu bheil do thròcair maith.

21 Saor thusa mi, oir tha mi bochd agus uireasbhuidheach: agus tha mo chridhe air a lotadh 'an taobh a stigh dhìom.

22 Mar sgàile a' claonadh sìos tha mi a' siubhal: tha mi air m'fhuadachadh mar an locust.

23 Tha mo ghlùinean lag le trasgadh: agus tha m'fheòil a' teireachduinn le dìth sulta.

24 Agus tha mi a'm' aobhar maslaidh dhoibh: 'n uair a sheall iad orm, chrath iad an cinn.

25 Cuidich leam, a Thighearna mo Dhia: saor mi a réir do thròcair:

26 Chum gu'm bi fios aca, gur i so do làmh: gur tusa, a Thighearn', a rinn e.

27 Mallaicheadh iadsan, ach beannaich thusa: 'n uair a dh'éireas iad bitheadh nàire orra; ach bitheadh d'òglach-sa ait.

28 Bitheadh m'eascairdean air an còmhdachadh le nàire: agus bitheadh iad air am folach le'n amhluadh féin, mar le falluinn.

29 Ard-mholaidh mi an Tighearn le m' bheul: agus 'am measg na mòr-chuideachd bheir mi cliu dha.

30 Oir seasaidh e aig deas làimh an duine bhochd: chum a shaoradh o luchd-dìtidh 'anama.

URNUIGH MHAIDNE.

An cx. *Salm.*

Dixit Dominus.

THubhairt an Tighearn ri m' Thighearn: Suidh aig mo dheas làimh, gus an cuir mi do naimhdean 'n an stòl fo d' chosaibh.

2 Slat-shuaicheantais do chumhachd cuiridh an Tighearn a mach á Sion: bi thusa a'd' uachdaran, ann am meadhon do naimhdean.

3 Bithidh do shluagh ro thoileach ann an là do chumhachd ann am maise na naomhachd: mar an drùchd o bholg na maidne bithidh d'òigridh agad.

4 Mhionnaich an Tighearn, agus cha ghabh e aithreachas: Is Sagart thu gu bràth a réir orduigh Mhelchisedeic.

5 Buailidh an Tighearn a tha aig do dheas làimh: rìghrean ann an là 'fheirge.

6 Bheir e breth 'am measg nan cinneach; lìonadh e gach àite le corpaibh marbha: lotaidh e an t-uachdaran os ceann iomadh tìr.

7 De'n t-sruth air an t-slighe òlaidh e: uime sin togaidh e suas a cheann.

An cxi. *Salm.*

Confitebor tibi.

MOlaibh-se an Tighearn. Bheir mise cliu do an Tighearn le m' uile chridhe: ann

an coinneamh nam fìrean, agus anns a' choimhthional.

2 Tha gnìomharan an Tighearna mòr: rannsaichear iad leo-san uile aig am bheil tlachd annta.

3 Urramach agus glòrmhor tha 'obair-san: mairidh 'fhìreantachd gu bràth.

4 Chuir e a ghnìomharan iongantach air chuimhne: gràsmhor agus truacanta tha an Tighearn.

5 Thug e lòn dhoibh-san d'an eagal e: cuimhnichidh e gu bràth a choimhcheangal.

6 Chuir e neart 'oibre 'an céill d'a shluagh: le oighreachd nan cinneach a thabhairt doibh.

7 Is iad fìrinn agus ceartas gnìomharan a làmh: is fìor 'àitheanta-san uile.

8 Seasmhach tha iad gu saoghal nan saoghal: deanta ann am fìrinn agus ann an ceartas.

9 Chuir e saorsa dh'ionnsuidh a shluaigh: dh'àithn e a choimhcheangal gu bràth; is naomh agus urramach 'Ainm-san.

10 Is e eagal an Tighearna toiseach a' ghliocais: tha deadh thuigse aca-san uile a ghleidheas 'àitheanta-san; mairidh a chliu gu bràth.

An cxii. *Salm.*

Beatus vir.

MOlaibh-se an Tighearn. Is beannaichte an duine air am bi eagal an Tighearn': a ghabhas tlachd mòr d'a àitheantaibh.

2 Làidir anns an tìr bithidh a shliochd: beannaichear ginealach nam fìrean.

3 Bithidh maoin agus saoibhreas 'n a thigh: agus mairidh 'fhìreantachd gu bràth.

4 Ann an dorchadas éiridh solus do na fìreanaibh: gràsmhor, agus làn truacantais, agus cothromach tha an Tighearn.

5 Is maith do'n duine a bhitheas truacanta agus coinghealiach: a riaghlas a ghnothuichean gu ceart.

6 Oir gu bràth cha ghluaisear e: air chuimhne gu bràth bithidh am fìrean.

7 Roimh dhroch sgeul cha bhi eagal air: tha a chridhe suidhichte, ag earbsadh as an Tighearn.

8 Tha a chridhe air a shocrachadh, cha bhi eagal air: gus am faic e crìoch a naimhdean.

9 Sgaoil e, thug e do na bochdaibh, mairidh 'fhìreantachd gu bràth: mairidh 'adharc le urram.

10 Chi an droch dhuine, agus bithidh fearg air: casaidh e 'fhiaclan, agus seargaidh e as: sgriosar miann nan aingidh.

An cxiii. *Salm.*

Laudate, pueri.

MOlaibh-se an Tighearn. Molaibh, O sibhse òglacha an Tighearna: molaibh Ainm an Tighearna.

2 Gu ma beannaichte Ainm an Tighearn': o'n àm so agus gu bràth.

3 O éirigh na gréine, gu ruig a luidhe: is ionmholta Ainm an Tighearna.

4 Ard os ceann nan cinneach uile tha an Tighearn: os ceann nan nèamh a ghlòir.

5 Cò is cosmhuil ris an Tighearn ar Dia a

tha 'n a chòmhnuidh shuas: a dh'ìslicheas e féin gu amharc air na nithibh a tha 's na nèamhan agus air an talamh?

6 Togaidh e am bochd o'n duslach: o'n òtrach àrdaichidh e an t-ainnis.

7 Chum a chur 'n a shuidhe le àrd-uaislibh: le àrd-uaislibh a shluaigh.

8 Bheir e air a' mhnaoi a tha gun sliochd còmhnuidh a ghabhail ann an tigh: 'n a màthair ait cloinne.

URNUIGH FHEASGAIR.

An cxiv. *Salm.*

In exitu Israel.

MOlaibh-se an Tighearn. 'N uair a thàinig Israel a mach as an Eiphit: tigh Iacoib o shluagh coimheach,

2 Bha Iudah dha mar a chòmhnuidh naomh: Israel mar a thighearnas.

3 Chunnaic an cuan agus theich e: thionndaidh Iordan air a h-ais.

4 Leum na beannta mar reitheachan: na cnuic mar uain.

5 Ciod, a chuain, a thug ort teicheadh: a Iordan, a thug ort tionndadh air d'ais?

6 A bheannta, a thug oirbh leum mar reitheachan: a chnoca, mar uain?

7 Criothnaich, a thalaimh, 'an làthair an Tighearn': 'an làthair Dhé Iacoib.

8 A thionndaidheas a' charraig gu linne uisge: an ailbhinn gu tobar uisge.

An cxv. *Salm.*

Non nobis, Domine.

TAbhair glòir, a Thighearna, cha-n ann duinne, cha-n ann duinne, ach do d'ainm féin: air son do thròcair agus air son d'fhìrinn.

2 C'ar son a theireadh na cinnich: c'àit a nis am bheil an Dia?

3 Ach tha ar Dia-ne anns na nèamhan: agus rinn e gach ni a b'àill leis.

4 Is airgiod agus òr an ìodhoil-san: obair làmh dhaoine.

5 Tha beoil aca ach cha labhair iad: sùilean aca ach cha-n fhaic iad.

6 Tha cluasan aca ach cha chluinn iad: srònan aca ach cha ghabh iad fàile.

7 Tha làmhan aca ach cha laimhsich iad, cosan aca ach cha-n imich iad: agus cha labhair iad troimh an sgornan.

8 Cosmhuil riu féin tha iadsan a ni iad: agus gach neach a dh'earbas asda.

9 Earbadh tigh Israeil as an Tighearn: is esan an còmhnadh agus an sgiath.

10 Earbadh tigh Aaroin as an Tighearn: is esan an còmhnadh agus an sgiath.

11 Iadsan air am bi eagal an Tighearn', earbadh iad as an Tighearn: is esan an còmhnadh agus an sgiath.

12 Bha an Tighearn cuimhneachail oirnn, beannaichidh e sinn: beannaichidh e tigh Israeil, beannaichidh e tigh Aaroin.

13 Beannaichidh e iadsan air am bi eagal an Tighearna: na big agus na mòir.

14 Cuiridh an Tighearn sibh 'an ìonmhoireachd: sibh féin agus 'ur clann.
15 Is beannaichte sibhse o an Tighearn: a rinn na nèamhan agus an talamh.
16 Is leis an Tighearn na nèamhan, eadhon na nèamhan: ach an talamh thug e do chloinn nan daoine.
17 Cha mhol na mairbh an Tighearn: no iadsan uile a théid sìos tosdach do'n uaigh.
18 Ach beannaichidh sinne an Tighearn: o'n àm so agus gu bràth. Molaibh-se an Tighearn.

URNUIGH MHAIDNE.

An cxvi. *Salm.*

Dilexi, quoniam.

IS toigh leam an Tighearn: oir dh'éisd e ri guth m'athchuingean.
2 A chionn gu'n d'aom e a chluas rium: uime sin ri m' bheò éighidh mi ris.
3 Chuairtich doilgheasan a' bhàis mi: agus ghlac piantan ifrinn mi.
4 Fhuair mi teinn agus bròn, an sin ghairm mi air Ainm an Tighearn': A Thighearna, guidheam ort, saor m'anam.
5 Is gràsmhor an Tighearn agus cothromach: agus is tròcaireach ar Dia-ne.
6 Gleidhidh an Tighearn na daoine aonfhillte: dh'ìslicheadh mi, agus theasairg e mi.

7 Pill, O m'anam, gu d' shuaimhneas: oir bhuin an Tighearn riut gu fial.
8 Oir shaor thu m'anam o'n bhàs: mo shùil o dheuraibh, agus mo chos o shleamhnachadh.
9 Gluaisidh mi ann am fianuis an Tighearn': ann an tìr nam beò.
10 Chreid mi, uime sin labhair mi, chlaoidheadh mi gu mòr: thubhairt mi a'm' dheifir, Tha gach duine breugach.
11 Ciod a dh'ìocas mi do an Tighearn: air son 'uile thiodhlacan dhomh?
12 Glacaidh mi cupan na slàinte: agus gairmidh mi air Ainm an Tighearna.
13 Iocaidh mi mo bhòidean do an Tighearn a nis 'an làthair a shluaigh uile: is luachmhor ann an sealladh an Tighearna bàs a naomh.
14 O a Thighearna, gu deimhin is mi d'òglach: is mi d'òglach, mac do bhanoglaich, sgaoil thu mo chuibhreach.
15 Dhuit-sa ìobraidh mi ìobairt mholaidh: agus air ainm an Tighearna gairmidh mi.
16 Iocaidh mi mo bhòidean do an Tighearn a nis, 'an làthair a shluaigh uile: ann an cùirtibh tighe an Tighearn', ann ad mheadhon-sa, O Ierusalem. Molaibh-se an Tighearn.

An cxvii. *Salm.*

Laudate Dominum.

MOlaibh an Tighearn, sibhse a chinneacha uile: molaibh e, a shlòigh uile.
2 Oir is mòr a thròcair chaomh d'ar taobh-ne: agus mairidh fìrinn an Tighearna gu bràth. Molaibh-se an Tighearn.

An cxviii. *Salm.*

Confitemini Domino.

O Thugaibh buidheachas do an Tighearn, oir tha e maith: oir gu bràth mairidh a thròcair.

2 Abradh Israel a nis: gu mair a thròcair gu bràth.

3 Abradh tigh Aaroin a nis: gu mair a thròcair gu bràth.

4 Abradh iadsan a nis, d'an eagal an Tighearn: gu mair a thròcair gu bràth.

5 Ann an teinn ghairm mi air an Tighearn: fhreagair an Tighearn mi, gu m' chur ann an ionad farsuinn.

6 Tha an Tighearn leam: cha-n eagal leam ciod a dh'fheudas duine a dheanamh orm.

7 Tha an Tighearn 'am measg mo luchd-cuideachaidh: agus chi mi crìoch mo luchd-fuatha.

8 Is fearr earbsadh as an Tighearn: na earbsadh á duine.

9 Is fearr earbsadh as an Tighearn: na earbsadh á uachdarain.

10 Chuairtich na cinnich gu léir mi: ach ann an Ainm an Tighearna gearraidh mi as iad.

11 Chuairtich iad mi, seadh, chuairtich iad mi: ach ann an Ainm an Tighearna gearraidh mi as iad.

12 Chuairtich iad mi mar bheachaibh, cuirear as iad mar theine droighnich: oir ann an Ainm an Tighearna gearraidh mi as iad.

13 Thug thu ionnsuidh dhian orm, chum mo leagadh: ach chuidich an Tighearn leam.

14 Is e an Tighearn mo neart, agus mo cheòl: agus is e mo shlàinte.

15 Tha guth gairdeachais agus slàinte ann am pàilliunaibh nam fìrean: rinn deas làmh an Tighearna treubhantas.

16 Dh'àrdaicheadh deas làmh an Tighearna: rinn deas làmh an Tighearna treubhantas.

17 Cha-n fhaigh mi bàs, ach mairidh mi beò: agus cuiridh mi 'n céill oibre an Tighearna.

18 Throm-smachdaich an Tighearn mi: ach gu bàs cha d'thug e thairis mi.

19 Fosglaibh dhomh geatachan an ionracais: théid mi steach orra, agus molaidh mi an Tighearn.

20 Is e so geata an Tighearn': air an téid na fìreana steach.

21 Molaidh mi thu, oir dh'éisd thu rium: agus is tu mo shlàinte.

22 A' chlach a dhiùlt na clachairean: rinneadh i 'n a cloich-chinn na h-oisinn.

23 O an Tighearn tha so: is iongantach e 'n ar sùilibh-ne.

24 Is e so an là a rinn an Tighearn: deanamaid gairdeachas agus bitheamaid ait air.

25 Guidheamaid ort, a Thighearna, saor a nis: guidheamaid ort, a Thighearna, soirbhich leinn a nis.

26 Beannaichte gu robh an Ti a thig 'an Ainm an Tighearna: thug sinne beannachd oirbhse o thigh an Tighearna.

27 Is e Dia a's Tighearn ann, agus dhealraich e oirnn: ceanglaibh an ìobairt le cordaibh, eadhon ri adharcaibh na h-altarach.

28 Is tusa mo Dhia, agus molaidh mi thu: mo Dhia, àrdaichidh mi thu.
29 O thugaibh buidheachas do an Tighearn, oir tha e maith: oir gu bràth mairidh a thròcair.

URNUIGH FHEASGAIR.

An cxix. *Salm.*

Beati immaculati.

IS beannaichte iadsan a tha neo-lochdach 's an t-slighe: a dh'imicheas ann an lagh an Tighearna.
2 Is beannaichte iadsan a ghleidheas a theisteis: a dh'iarras e le'n uile chridhe.
3 Mar an ceudna cha dean iad aingidheachd: 'n a shlighibh imichidh iad.
4 Dh'àithn thu: d'orduighean a bhi air an coimhead gu dìchiollach.
5 O nach robh mo cheuman air an stiùradh: chum do reachdan a choimhead.
6 An sin cha ghabh mi nàire: an uair a bheir mi spéis do d'àitheantaibh gu léir.
7 Molaidh mi thu le tréibhdhireas cridhe: 'n uair o dh'fhòghlumas mi breitheanais do cheartais.
8 Coimhididh mi do reachdan: O na tréig mi gu tur.

In quo corriget.

CIod leis an glan an t-òganach a shlighe: trìd faicill a réir d'fhocail.
2 Le m'uile chridhe dh'iarr mi thu: na leig dhomh dol air seacharan o d'àitheantaibh.

3 A'm' chridhe dh'fholaich mi d'fhocal: chum nach peacaichinn a'd' aghaidh.
4 Is beannaichte thusa, a Thighearna: teagaisg dhomh do reachdan.
5 Le m' bhilibh chuir mi 'n céill: uile bhreitheanais do bheoil.
6 Ann an slighe do theisteas rinn mi gairdeachas: mar os ceann gach uile shaoibhreis.
7 Air d'àitheantaibh beachd-smuainichidh mi: agus dearcaidh mi air do cheuman.
8 Ann ad reachdaibh gabhaidh mi tlachd: cha dì-chuimhnich mi do bhriathra.

Retribue servo tuo.

BUin gu fial ri d'òglach: chum gu'm bi mi beò agus gu'n coimhid mi do bhriathra.
2 Fosgail mo shùilean: chum gu faic mi nithean iongantach o d' lagh.
3 Is coigreach air thalamh mi: na ceil orm d'àitheantan.
4 Tha m'anam brùite: le déigh air do bhreitheanais gach tràth.
5 Smachdaich thu na h-uaibhrich: is malluichte iadsan a théid air seacharan o d'àitheantaibh.
6 Tionndaidh uam masladh agus tàir: oir ghléidh mi do theisteis.
7 Shuidh eadhon uachdarain agus labhair iad a'm' aghaidh: ach bheachd-smuainich d'òglach air do reachdaibh.
8 Mar an ceudna is iad do theisteis mo thlachd: mo chomhairlichean.

Adhæsit pavimento.

THa m'anam a' leantuinn ris an ùir: beothaich mi a réir d'fhocail.

2 Chuir mi 'an céill mo shlighean, agus dh'éisd thu rium: teagaisg dhomh do reachdan.

3 Thoir orm slighe d'àitheantan a thuigsinn: agus labhraidh mi air d'oibribh iongantach.

4 Tha m'anam a' leaghadh as le tuirse: neartaich mi a réir d'fhocail.

5 Cuir uam slighe nam breug: agus gu gràsmhor deònaich dhomh do lagh.

6 Ròghnaich mi slighe na fìrinn: chuir mi do bhreitheanais fa m' chomhair.

7 Dhlùth-lean mi ri d' theisteis: a Thighearna, na cuir gu nàire mi.

8 Ann an slighe d'àitheantan ruithidh mi: 'n uair a chuireas tu mo chridhe ann am farsuinneachd.

URNUIGH MHAIDHNE.

Legem pone.

TEagaisg dhomh, a Thighearna, slighe do reachdan: agus gleidhidh mi i gu ruig a' chrìoch.

2 Thoir tuigse dhomh, agus gleidhidh mi do lagh: seadh, coimhididh mi e le m'uile chridhe.

3 Thoir orm triall ann an ceum d'àitheantan: oir ann-san tha mo thlachd.

4 Lùb mo chridhe gu d' theisteis: agus ni h-ann gu sannt.

5 Tionndaidh mo shùilean, o amharc air dìomhanas: ann ad shlighibh beothaich mi.

6 Daingnich d'fhocal do d'òglach: air an bheil d'eagal-sa.

7 Cuir uam mo mhasladh a's eagal leam: oir tha do bhreitheanais maith.

8 Feuch, is miannach leam-sa do reachdan: ann ad cheartas beothaich mi.

Et veniat super me.

AGus thigeadh do thròcair a m'ionnsuidh, a Thighearna: do shlàinte a reir d'fhocail.

2 An sin bithidh freagradh agam dhà-san a bheir masladh dhomh: gu bheil m'earbsadh á d'fhocal-sa.

3 Agus na buin focal na fìrinn gu h-iomlan as mo bheul: oir ann ad bhreitheanais chuir mi mo dhòchas.

4 Agus coimhididh mi do lagh a ghnàth: gu suthainn 'us gu sìor.

5 Agus gluaisidh mi ann am farsuinneachd: a chionn gu'n iarr mi do reachdan.

6 Agus labhraidh mi air do theisteis, 'an làthair rìghrean: agus cha bhi nàire orm.

7 Agus gabhaidh mi tlachd do d'àitheantaibh: d'an d'thug mi gràdh.

8 Agus togaidh mi mo làmhan ri d'àitheantaibh, d'an d'thug mi gràdh: agus beachd-smuainichidh mi air do reachdaibh.

Memor esto servi tui.

CUimhnich am focal do d'òglach: as an d'thug thu orm earbsadh.

2 Is e so mo chomfhurtachd ann am àmhghar: oir bheothaich d'fhocal mi.

3 Rinn na h-uaibhrich fanoid orm gu mòr: gidheadh o d' lagh cha do chlaon mi.

4 Chuimhnich mi do bhreitheanais o chian, a Thighearn': agus fhuair mi comhfhurtachd.
5 Ghlac uamhunn mi: a thaobh nan daoine aingidh a thréigeas do lagh.
6 B'iad do reachdan mo cheòl: ann an tigh mo chuairt.
7 Chuimhnich mi d'Ainm, a Thighearn', anns an oidhche: agus ghléidh mi do lagh.
8 Mar so tharladh e dhomh-sa: a chionn gu'n do ghléidh mi do reachdan.

Portio mea, Domine.

IS tusa mo chuibhrionn, a Thighearna: thubhairt mi gu'n coimhidinn d'fhocail.
2 Dh'asluich mi do dheadh-ghean le m'uile chridhe: dean tròcair orm a réir d'fhocail.
3 Chnuasaich mi mo shlighean: agus phill mi mo chosan ri d' theisteis.
4 Rinn mi deifir, agus cha robh mi mairnealach: chum d'àitheantan a choimhead.
5 Chreach buidhnean dhroch dhaoine mi: ach cha do dhì-chuimhnich mi do lagh.
6 Mu mheadhon-oidhche éiridh mi chum buidheachas a thoirt duit: air son bhreitheanas do cheartais.
7 Is fear-comuinn mi dhoibh-san uile air am bi d'eagal: agus dhoibh-san a ghleidheas do reachdan.
8 De d' thròcair, a Thighearna, tha'n talamh làn: teagaisg dhomh do reachdan.

Bonitatem fecisti.

RInn thu gu maith do d'òglach, a Thighearn': a réir d'fhocail.

2 Teagaisg dhomh deadh thuigse agus eòlas: oir chreid mi d'àitheantan.
3 Mu'n robh mi ann an àmhghar, chaidh mi air seacharan: ach a nis tha mi a' gleidheadh d'fhocail.
4 Is maith thusa agus ni thu maith: teagaisg dhomh do reachdan.
5 Dhealbh na h-uaibhrich breug a'm' aghaidh: ach gleidhidh mise d'àitheantan le m'uile chridhe.
6 Co reamhar ri saill tha an cridhe-san: ach ann ad lagh tha mo thlachd-sa.
7 Is maith dhomh-sa gu robh mi ann an àmhghar: chum gu fòghlumainn do reachdan.
8 Is fearr dhomh-sa lagh do bheoil: na mìltean a dh'òr agus a dh' airgiod.

URNUIGH FHEASGAIR.

Manus tuæ fecerunt me.

RInn agus dhealbh do làmhan mi: thoir tuigse dhomh, chum gu fòghlum mi d'àitheantan.
2 Chi iadsan air am bi d'eagal mi agus bithidh iad ait: a chionn gu'n d'earb mi á d'fhocal.
3 Tha fhios agam, a Thighearna, gu bheil do bhreitheanais ceart: agus gur ann 'am fìrinn a chlaoidh thu mi.
4 Bitheadh a nis do thròcair chaomh chum comhfhurtachd dhomh: a réir d'fhocail ri d'òglach.
5 Thigeadh do chaomh-thròcairean a m'ionnsuidh, chum gu'm bi mi beò: oir is e do lagh mo thlachd.

6 Bitheadh nàire air luchd an àrdain, oir gun aobhar bhuin iad gu fiar rium: ach beachd-smuainichidh mise air d'àitheantaibh.

7 Pilleadh iadsan air am bheil d'eagal rium: agus iadsan a tha eòlach air do theisteis.

8 Bitheadh mo chridhe tréibhdhireach ann ad reachdaibh: chum nach nàraichear mi.

Defecit anima mea.

THa m'anam air a chlaoidh le déigh air do shlàinte: ann ad fhocal chuir mi mo dhòchas.

2 Tha mo shùilean air an caitheamh le feitheamh ri d'fhocal: 'n uair a tha mi ag ràdh, C'uin a ni thu furtachd orm?

3 Oir tha mi mar shearraig ann an deataich: gidheadh cha do dhì-chuimhnich mi do reachdan.

4 Cia lìon iad làithean d'òglaich: c'uin a chuireas tu breitheanas 'an gnìomh orra-san a tha'n tòir orm?

5 Chladhaich na h-uaibhrich sluichd dhomh: nach 'eil a réir do lagha.

6 Is firinn d'àitheantan-sa gu léir: gu fealltach tha iad 'an tòir orm, cuidich thusa leam.

7 Is beag nach do chuir iad as domh air thalamh: ach cha do thréig mise do reachdan.

8 A réir do chaomh thròcair beothaich thusa mi: agus gleidhidh mi teisteas do bheoil.

In æternum, Domine.

GU bràth, a Thighearna, tha d'fhocal: seasmhach anns na nèamhan.

2 O linn gu linn tha d'fhìrinn: dhaingnich thu an talamh, agus seasaidh e.

3 A réir d'orduighean tha iad buan gus an diugh: oir is iad na h-uile do sheirbhisich.

4 Mur bhitheadh gu'm b'e do lagh mo thlachd: an sin gheibhinn bàs ann am àmhghar.

5 Gu bràth cha dì-chuimhnich mi do reachdan: oir leo-san bheothaich thu mi.

6 Is leat mise, saor mi: oir dh'iarr mi do reachdan.

7 Dh'fheith na h-aingidh orm, chum mo sgrios: ach beachd-smuainichidh mise air do theisteis.

8 Chunnaic mi crìoch gach iomlaineachd: ach tha d'àithne-sa ro fharsuinn.

Quomodo dilexi!

O Cia ionmhuinn leam do lagh-sa: gach là is e mo smuaineachadh.

2 Le d'àithne rinn thu mi na's glice na m'eascairdean: oir tha i a ghnàth leam.

3 Os ceann mo luchd-teagaisg uile tha mi a' tuigsinn: oir is iad do theisteis mo smuaineachadh.

4 Os ceann nan seanair tha mi crìonna: a chionn gu bheil mi a' gleidheadh do reachdan.

5 O gach droch shlighe chum mi mo chosan: chum gu'n coimhidinn d'fhocal.

6 O d' bhreitheanais cha do chlaon mi: oir theagaisg thusa mi.

7 Cia milis le m' bhlas do bhriathra: na's milse tha iad na mil do m' bheul.

8 Trìd do reachdan fhuair mi tuigse: uime sin is fuathach leam gach slighe bhreugach.

URNUIGH MHAIDNE.

Lucerna pedibus meis.

IS lòchran d'fhocal do m' chois : agus solus do m' cheum.

2 Mhionnaich mi, agus coimhlionaidh mi e : gu'n coimhid mi breitheanais do cheartais.

3 Tha mi ann an àmhghar ro mhòr : ath-bheothaich mi, a Thighearn', a réir d'fhocail.

4 Gabh uam gu taitneach, guidheam ort, a Thighearna, saor-thabhartais mo bheoil : agus teagaisg dhomh do bhreitheanais.

5 Tha m'anam a ghnàth a'm' làimh : gidheadh cha do dhì-chuimhnich mi do lagh.

6 Chuir droch dhaoine ribe romham : ach o d' reachdaibh cha deachaidh mise air seacharan.

7 Ghabh mi do theisteis mar oighreachd gu bràth : oir is iad aoibhneas mo chridhe.

8 Dh'aom mi mo chridhe chum do reachdan a chur 'an gnìomh a ghnàth : gu ruig a' chrìoch.

Iniquos odio habui.

IS fuath leam smuaintean faoin' : ach is toigh leam do lagh.

2 Is tusa m'ionad-folaich agus mo sgiath : á d'fhocal-sa tha m'earbsa.

3 Imichibh uam, a luchd-deanamh an uilc : oir gleidhidh mise àitheantan mo Dhé.

4 Cum suas mi a réir d' fhocail agus mairidh mi beò : agus na leig fo nàire mi a thaobh mo dhòchais.

5 Daingnich mi, agus bithidh mi tèaruinte : agus bithidh tlachd agam ann ad reachdaibh a ghnàth.

6 Shaltair thu orra-san uile a chaidh air seacharan o d' reachdaibh : oir is breug an cealg.

7 Mar shal tilgidh tu uait uile dhroch dhaoine na talmhainn : uime sin is toigh leam do theisteis.

8 Chriothnaich m' fheòil le uamhunn romh-ad : agus bha eagal orm roimh do bhreitheanais.

Feci judicium.

RInn mi breitheanas agus ceartas : na fàg mi do m' luchd-fòirneirt.

2 Bi-sa 'an urras air d' òglach chum maith : na deanadh na h-uaibhrich fòirneart orm.

3 Tha mo shùilean air an caitheamh le bhi 'sealltuinn air son do shlàinte : agus air son focail d' fhìreantachd.

4 Buin ri d' òglach a réir do throcair : agus teagaisg dhomh do reachdan.

5 Is mi d' òglach, thoir tuigse dhomh : chum gu'm bi eòlas agam air do theisteis.

6 Is mithich dhuit, a Thighearna, a bhi 'dean-amh : bhris iad do lagh.

7 Uime sin is annsa leam-sa d' àitheantan : na'n t-òr, seadh, na'n t-òr fìor-ghlan.

8 Uime sin measam do reachdan uile a thaobh gach ni a bhi ceart : is fuathach leam gach slighe bhreugach.

Mirabilia.

IS iongantach do theisteis : air an aobhar sin gleidhidh m' anam iad.

2 Bheir fosgladh do bhriathar solus : a' teag-asg nan daoine aon-fhillte.

3 Dh' fhosgail mi mo bheul a' ploscartaich : oir bha mi 'an geall air d' àitheantaibh.

4 Amhairc orm, agus dean tròcair orm : mar is gnàth leat a dheanamh dhoibh-san le 'n ionmhuinn d' Ainm.

5 Stiuir mo cheuman a réir d' fhocail : agus na bitheadh aig euceart sam bith uachdaranachd orm.

6 Teasairg mi o fhòirneart dhaoine : agus coimhididh mi d' òrduighean.

7 Thoir air do ghnùis dealrachadh air d' òglach : agus teagaisg dhomh do reachdan.

8 Ruith srutha dheur a sìos o m' shùilibh : a chionn nach do choimhid iad do lagh.

Justus es, Domine.

IS cothromach thusa, a Thighearn' : agus is ceart do bhreitheanas.

2 Dh' àithn thu do theisteis : mar cheartas agus mar fhìrinn mhòir.

3 Chlaoidh m' eud mi : a chionn gu'n do dhì-chuimhnich mo naimhdean do bhriathran.

4 Ro ghlan tha d'fhocal-sa : agus is ionmhuinn le d' òglach e.

5 Beag agus suarach tha mise : gidheadh cha dì-chuimhnich mi do reachdan.

6 Is ceartas sìorruidh do cheartas-sa : agus is fìrinn do lagh.

7 Ghlac teinn agus àmhghar mi : ach is iad d' àitheantan mo thlachd.

8 Mairidh ceartas do theisteas gu bràth : thoir-sa tuigse dhomh, agus bithidh mi beò.

URNUIGH FHEASGAIR.

Clamavi in toto corde meo.

GHlaodh mi le m' uile chridhe : éisd rium, a Thighearna, gleidhidh mi do reachdan.

2 Ghlaodh mi riut : saor mi, agus coimhididh mi do theisteis.

3 Thàinig mi roimh 'n scarthanaich, agus dh' èigh mi : á d' fhocal dh' earb mi.

4 Ghabh mo shùilean roimh fhairibh na h-oidhche : chum gu'm beachd-smuainichinn air d' fhocal.

5 Eisd ri m' ghuth a réir do chaoimhneis-gràidh, a Thighearn' : a réir do bhreitheanais beothaich mi.

6 Thàinig luchd-leanmhuinn droch-bheirt am fagus : ach fada bha iad o d' lagh.

7 Am fagus tha thusa, a Thighearn' : agus is fìrinn d' àitheantan uile.

8 O thoiseach b' fhiosrach mi a thaobh do theisteas : gu'n do shuidhich thu iad gu bràth.

Vide humilitatem.

AMhairc air m' àmhghar, agus teasairg mi : oir cha do dhì-chuimhnich mi do lagh.

2 Tagair mo chùis, agus saor mi : a réir d' fhocail beothaich mi.

3 Is fada slàinte o dhroch dhaoinibh : oir cha-n iarr iad do reachdan.

4 Is lìonmhor do chaomh-thròcairean, a Thighearn' : a réir do bhreitheanas beothaich mi.

5 Is lìonmhor mo luchd-tòrachd agus m' eascairdean : gidheadh o d' theisteis cha do chlaon mise.

6 Chunnaic mi luchd-eusaontais agus bha doilgheas orm : a chionn nach do choimhid iad d' fhocal.

7 Feuch, is ionmhuinn leam do reachdan, a

Thighearn' : a réir do chaoimhneis-gràidh beothaich thusa mi.

8 O thoiseach is fìrinn d' fhocal-sa : agus gu bràth mairidh uile bhreitheanais do cheartais.

Principes persecuti sunt.

BHa uachdarain 'an tòir orm gun aobhar: ach roimh d' fhocal-sa tha eagal air mo chridhe.

2 Tha aiteas orm ri d' fhocal-sa : mar neach a fhuair creach mhòr.

3 Is fuath leam, agus is oillteil leam breug : ach is toigh leam do lagh-sa.

4 Seachd uairean 's an là bheiream moladh dhuit : air son bhreitheanas do cheartais.

5 Is mòr sìth na muinntir a tha 'toirt gràidh do d' lagh : agus cha-n éirich aobhar tuislidh dhoibh.

6 Dh' fheith mi ri d' shlàinte, a Thighearn' : agus choimhid mi d' àitheantan.

7 Choimhid m' anam do theisteis: agus is ro ionmhuinn leam iad.

8 Choimhid mi do reachdan agus do theisteis : oir tha mo shlighean uile fa d' chomhair.

Appropinquet deprecatio.

THigeadh mo ghlaodh am fagus a' d' làthair, a Thighearn' : a réir do bhriathar thoir tuigse dhomh.

2 Thigeadh m' asluchadh a' d' làthair : a réir d' fhocail teasairg mi.

3 Cuiridh mo bhilean 'an céill do chliu : 'n uair a theagaisgeas tu dhomh do reachdan.

4 Aithrisidh mo theangadh d' fhocal : oir is ceartas d' àitheantan uile.

5 Cuidicheadh do làmh leam : oir ròghnaich mi do reachdan.

6 Bha mi'n geall air do shlàinte, a Thighearn' : agus is e do lagh mo thlachd.

7 Bitheadh m' anam beò, agus molaidh e thu : agus cuidicheadh do bhreitheanais leam.

8 Chaidh mi air seacharan mar chaora chaillte: iarr d' òglach, oir cha do dhì-chuimhnich mi d' àitheantan.

URNUIGH MHAIDNE.

An cxx. *Salm.*

Ad Dominum.

A' M' éigin ghlaodh mi ris an Tighearn: agus dh' éisd e rium.

2 A Thighearna, saor m' anam o bhilibh nam breug : o'n teangaidh chealgaich.

3 Ciod a bheirear dhuit agus ciod a nithear ort, a theangadh chealgach : geur shaighde laoich, le éibhlibh de 'n aiteal.

4 Mo thruaighe mi, gu bheil mi air chuairt ann am Mesech : gu bheil mi a' m' chòmhnuidh ann am bùthaibh Chedair.

5 Is fada ghabh m' anam còmhnuidh leo-san : a thug fuath do shìth.

6 Tha mise air son sìth', ach 'n uair a labhras mi : tha iadsan air son cogaidh.

An cxxi. *Salm.*

Levavi oculos.

TOgaidh mi mo shùilean chum nam beann : o'n tig mo chabhair.

2 Thig mo chabhair o'n Tighearn : a rinn nèamh agus talamh.

3 Cha leig e le d' chois sleamhnachadh : cha tuit clò codail air d' fhear-coimhead.

4 Feuch, cha tuit clò codail no suain : air fear-coimhead Israeil.

5 Is e an Tighearn d'fhear-coimhead : is e an Tighearn do sgàile air do làimh dheis.

6 'S an la cha bhuail a' ghrian thu : no a' ghealach 's an oidhche.

7 Coimhididh an Tighearn thu o gach olc : coimhididh e d'anam.

8 Coimhididh an Tighearn do dhol a mach, agus do theachd a steach : o'n àm so eadhon gu bràth.

An cxxii. *Salm.*

Lætatus sum.

BHa aoibhneas orm an uair a thubhairt iad rium : Do thigh an Tighearna théid sinn.

2 Seasaidh ar cosan an taobh a stigh de d' gheatachaibh : O Ierusalem.

3 Tha Ierusalem air a togail mar chaithir : a tha air a coimhcheangal ri 'chéile.

4 D'an téid na treubhan a suas, treubhan an Tighearna : gu teisteas Israeil, a thoirt buidheachais do Ainm an Tighearn'.

5 Oir an sin tha caithriche breitheanais air an suidheachadh : caithriche tighe Dhaibhidh.

6 Guidhibh-se air son sìth' Ierusaleim : soirbhichidh iadsan leis an ionmhuinn thu.

7 Sìth gu robh an taobh a stigh de d' bhallachaibh : suaimhneas a'd' lùchairtibh.

8 Air sgàth mo bhràithrean agus mo chàirdean : their mi nis, Sìth gu robh an taobh a stigh dhìot.

9 Air sgàth tighe an Tighearn' ar Dé : iarraidh mi maith dhuit.

An cxxiii. *Salm.*

Ad te levavi oculos meos.

AD'ionnsuidh thog mi mo shùilean : O thusa a tha a' d' chòmhnuidh anns na nèamhan.

2 Feuch, mar tha sùilean òglach air làimh am maighstirean, agus mar tha sùilean banoglaich air làimh a bana-mhaighstir : mar sin tha ar sùile-ne air an Tighearn ar Dia, gus an dean e tròcair oirnn.

3 Dean tròcair oirnn, a Thighearna, dean tròcair oirnn : oir tha sinn air ar lìonadh làn de tharcuis.

4 Lìonadh ar n-anam làn le fanoid luchd na seasgaireachd : le tarcuis nan uaibhreach.

An cxxiv. *Salm.*

Nisi quia Dominus.

MUr bitheadh an Tighearn leinn, abradh Israel a nis : mur bitheadh an Tighearn leinn, an uair a dh' éirich daoine 'n ar n-aghaidh ;

2 An sin shluigeadh iad beò sinn : an uair a las am fearg 'n ar n-aghaidh.

3 An sin thigeadh tuiltean uisgeacha tharuinn : rachadh an sruth thar ar n-anam.

4 An sin rachadh na h-uisgeachan uaibhreach : thar ar n-anam.

5 Beannaichte gu robh an Tighearn: nach d'thug sinn mar chreich d'am fiaclaibh.

6 Chaidh ar n-anam as mar eun á ribe nan eunadair: bhriseadh an ribe, agus chaidh sinn as.

7 Tha ar cabhair ann an ainm an Tighearna: a rinn nèamh agus talamh.

An cxxv. *Salm.*

Qui confidunt.

BIthidh iadsan a dh'earbas as an Tighearn, mar shliabh Shioin: nach caruichear, ach a mhaireas gu sìorruidh.

2 Mar tha na beannta mu thimchioll Ierusaleim: mar sin tha an Tighearn mu thimchioll a shluaigh, o'n àm so agus gu bràth.

3 Oir cha ghabh slat nan daoi tàmh air crannchur nam fìrean: air eagal gu'n sìneadh na fìreanan an làmhan chum euceirt.

4 Dean maith, a Thighearna: dhoibh-san a tha maith agus dhoibh-san a tha ionraic 'n an cridhe.

5 Ach iadsan a théid a thaobh d'an slighibh claona: iomainidh an Tighearn a mach le luchd-deanamh an uilc; sith gu robh air Israel.

URNUIGH FHEASGAIR.

An cxxvi. *Salm.*

In convertendo.

'NUair a thug an Tighearn air ais braighdeanas Shioin: bha sinn mar dhaoine a chunnaic aisling.

2 An sin lìonadh ar beul le gàire: agus ar teangadh le luathghaire.

3 An sin thubhairt iad 'am measg nan cinneach: rinn an Tighearn nithe mòra air an son.

4 Rinn an Tighearn nithe mòra air ar son-ne: bha sinn aoibhneach.

5 Pill a rìs, a Thighearn', ar braighdeanas: mar shruthaibh 's an àirde deas.

6 Iadsan a chuireas sìol le deuraibh: buainidh iad le gairdeachas.

7 Esan a théid a mach, agus a ghuileas, ag iomchar roghadh sìl: gu cinnteach thig e a rìs le gairdeachas, ag iomchar a sguab.

An cxxvii. *Salm.*

Nisi Dominus.

MUr tòg an Tighearn an tigh: gu dìomhain saothraichidh a luchd-togail.

2 Mur gleidh an Tighearn am baile: gu dìomhain ni am fear-coimhid faire.

3 Is dìomhain dhuibh-se 'bhi 'g éirigh gu moch, a bhi 'suidhe gu h-anmoch, ag itheadh arain a' bhròin: 'n uair a bheir esan codal d' a sheircinn.

4 Feuch, is iad clann oighreachd an Tighearna: toradh na bronn a dhuais.

5 Mar shaighdibh ann an làimh gaisgich: mar sin tha mic na h-òige.

6 Is sona am fear aig am bheil a bholg-saighead làn diubh: cha bhi nàire orra 'n uair a labhras iad r'an naimhdibh anns a' gheata.

An cxxviii. *Salm.*

Beati omnes.

IS beannaichte gach neach air am bi eagal an Tighearn': a ghluaiseas 'n a shlighibh.

2 Oir ithidh tu toradh do làmh: sona bithidh tu, agus éiridh gu maith dhuit.

3 Bithidh do bhean mar fhìonain tharbhaich: ri taobhan do thighe.

4 Do chlann mar òg chroinn-olaidh: mu thimchioll do bhùird.

5 Feuch, mar so beannaichear an duine: air am bi eagal an Tighearna.

6 Beannaichidh an Tighearn thu á Sion: agus chi thu maith Ierusaleim ré uile làithean do bheatha.

7 Seadh, chi thu clann do chloinne: agus sìth air Israel.

An cxxix. *Salm.*

Sæpe expugnaverunt.

IS minic a chràidh iad mi o m'òige: abradh Israel a nis.

2 Is minic a chràidh iad mi o m'òige: gidheadh cha d'thug iad buaidh orm.

3 Air mo dhruim threabh an luchd-treabhaidh: tharruing iad an sgrìoban fada.

4 Tha an Tighearn cothromach: ghearr e o 'chéile cuird nan aingidh.

5 Cuirear gu amhluadh agus pillear air an ais: iadsan uile le'm fuathach Sion.

6 Bithidh iad mar fheur air mullach thighean: a sheargas mu'm fàs e suas.

7 Leis nach lìon am buanaiche a ghlac: no fear-ceangail nan sguab a bhroilleach.

8 Ni mò their iadsan a bhitheas a' dol seachad riu, Beannachd an Tighearna gu robh oirbh: tha sinne 'g 'ur beannachadh ann an Ainm an Tighearna.

An cxxx. *Salm.*

De profundis.

O Na doimhneachdaibh ghlaodh mi riut, a Thighearna: a Thighearn', éisd ri m' ghuth.

2 Thugadh do chluasan an aire: do ghuth m'athchuingean.

3 Ma chomharaicheas tusa aingidheachd, a Thighearn': a Thighearn', cò sheasas?

4 Ach agad-sa tha maitheanas: agus uime sin bithidh eagal air daoinibh romhad.

5 Tha mi a' feitheamh air an Tighearn, tha m'anam a' feitheamh: agus 'n a fhocal tha mo dhòigh.

6 Tha m'anam a' feitheamh air an Tighearn: na's mò na luchd-faire na maidne, seadh, na luchd-faire na maidne.

7 Earbadh Israel as an Tighearn, oir aig an Tighearn tha tròcair: agus aige-san tha mòr-shaorsa.

8 Agus saoraidh e Israel: o 'euceartaibh gu léir.

An cxxxi. *Salm.*

Domine, non est.

A Thighearna, cha-n'eil mo chridhe uaibhreach: no mo shùilean àrd.

2 Agus cha do ghabh mi gnothuch ri nithibh mòra: no ri nithibh àrda air mo shon.

3 Gu deimhin shocraich agus chiùinich mi m'anam, mar leanabh a chuireadh o chìch a mhàthar: mar leanabh a chuireadh o'n chìch tha m'anam-sa.

4 Earbadh Israel as an Tighearn: o'n àm so agus gu bràth.

URNUIGH MHAIDNE.

An cxxxii. *Salm.*

Memento, Domine.

CUimhnich, a Thighearn', air Daibhidh: agus air 'uile àmhghar.

2 Mar a mhionnaich e do an Tighearn: a bhòidich e do Dhia treun Iacoib, ag ràdh,

3 Gu deimhin cha téid mi do phàilliun mo thighe: cha téid mi suas air mo leabaidh;

4 Cha toir mi codal do m' shùilibh: no suain do m' rosgaibh,

5 Gus am faigh mi àite do an Tighearn: ìonad-còmhnuidh do Dhia treun Iacoib.

6 Feuch, chuala sinn uime aig Ephratah: fhuair sinn e ann am machraichibh na coille.

7 Théid sinn a steach d'a phàilliunaibh: sleuchdaidh sinn aig stòl a choise.

8 Eirich, a Thighearna, gu d' thàmh: thu féin agus àirc do neirt.

9 Sgeadaichear do shagairt le ionracas: agus deanadh do naoimh luathghaire.

10 Air sgàth Dhaibhidh d'òglaich: na cuir air a h-ais aghaidh d'Aoin ungta.

11 Mhionnaich an Tighearn do Dhaibhidh ann am fìrinn: cha phill e uaith;

12 De thoradh do chuirp: suidhichidh mi air do rìgh-chaithir.

13 Ma choimhideas do chlann mo choimh-cheangal, agus mo theisteas a theagaisgeas mi dhoibh: suidhidh mar an ceudna an clann-san air do rìgh-chaithir gu bràth.

14 Oir ròghnaich an Tighearn Sion: mhiannaich e i mar ionad-còmhnuidh dha féin, ag ràdh,

15 Is i so mo shuaimhneas gu sìorruidh: an so gabhaidh mi còmhnuidh, oir mhiannaich mi i.

16 Beannaichidh mi gu mòr a lòn: sàsuichidh mi a bochdan le aran.

17 Eididh mi a sagairt le slàinte: agus ni a naoimh àrd luathghaire.

18 An sin bheir mi air adhairc Dhaibhidh fàs: dh'orduich mi lòchran do m' Aon ungta.

19 Eididh mi a naimhdean le nàire: ach air féin thig a choron fo bhlàth.

An cxxxiii. *Salm.*

Ecce, quam bonum.

FEuch cia maith agus cia taitneach an ni: do bhràithribh còmhnuidh a ghabhail cuideachd ann an aonachd.

2 Mar dheadh oladh-ungaidh air a' cheann, a' ruith sìos air an fheusaig: feusaig Aaroin, a' ruith sìos air iomall a thrusgain.

3 Mar dhealt air Hermon: a thuiteas air sléibhtibh Shioin.

4 Oir an sin dh'àithn an Tighearn am beannachadh: beatha gu sìorruidh.

An cxxxiv. *Salm.*

Ecce nunc.

FEuch, beannaichibh an Tighearn : sibhse dòglacha an Tighearna gu léir ;
2 A sheasas ann an tigh an Tighearna : gach oidhche.
3 Togaibh 'ur làmhan anns an ionad naomh : agus beannaichibh an Tighearn.
4 Beannaicheadh an Tighearn thu á Sion : a rinn nèamh agus talamh.

An cxxxv. *Salm.*

Laudate Nomen.

MOlaibh an Tighearn, molaibh Ainm an Tighearna : molaibh-se, dòglacha an Tighearna.
2 Sibhse a sheasas ann an tigh an Tighearn' : ann an cùirtibh tighe ar Dé,
3 Molaibh an Tighearn, oir tha an Tighearn maith : seinnibh cliu d'a Ainm, oir tha e taitneach.
4 Oir ròghnaich an Tighearn Iacob dha féin : Israel mar 'ionmhas sònruichte.
5 Oir tha fios agam gur mòr an Tighearn : agus gu bheil ar Tighearn os ceann nan uile dhia.
6 Ge b'e ni 'bu toil leis an Tighearn, rinn e air nèamh, agus air talamh : anns na cuaintibh, agus anns na doimhneachdaibh uile.
7 Is esan a bheir air a' cheò dol suas o chrìch na talmhainn : a ni dealanach le uisge, a bheir a mach a' ghaoth á 'ionadaibh-tasgaidh.

8 A bhuail ceud-ghin na h-Eiphit : araon duine agus ainmhidh.
9 A chuir comharaidhean agus iongantais ann ad mheadhon, O Eiphit : air Pharaoh, agus air 'dòglachaibh gu léir ;
10 A bhuail cinnich mhòra : agus a mharbh rìghrean mòra ;
11 Sihon rìgh nan Amorach, agus Og rìgh Bhàsain : agus uile rìoghachda Chanaain ;
12 Agus a thug am fearann mar oighreachd : mar oighreachd do Israel a shluagh.
13 Mairidh d' Ainm-sa, a Thighearna, gu bràth : do chuimhne, a Thighearn', o linn gu linn.
14 Oir bheir an Tighearn breth air a shluagh : agus gabhaidh e aithreachas a thaobh a sheirbhiseach.
15 Is airgiod agus òr ìodhoil nan cinneach : obair làmhan dhaoine.
16 Tha beoil aca, ach cha labhair iad : sùilean aca, ach cha-n fhaic iad.
17 Tha cluasan aca, ach cha chluinn iad : ni mò a tha anail 'n am beul.
18 Cosmhuil riu féin tha iadsan a ni iad : gach neach a dh' earbas asda.
19 A thigh Israeil, beannaichibh an Tighearn : a thigh Aaroin, beannaichibh an Tighearn.
20 A thigh Lebhi, beannaichibh an Tighearn : sibhse air am bheil eagal an Tighearna, beannaichibh an Tighearn.
21 Beannaichte gu robh an Tighearn á Sion : aig am bheil a chòmhnuidh ann an Ierusalem. Molaibh-se an Tighearn.

URNUIGH FHEASGAIR.

An cxxxvi. *Salm.*

Confitemini.

O Thugaibh buidheachas do an Tighearn, oir tha e maith : oir gu bràth mairidh a thròcair.

2 Thugaibh buidheachas do Dhia nan dia : oir gu bràth mairidh a thròcair.

3 Thugaibh buidheachas do Thighearn nan tighearnan : oir gu bràth mairidh a thròcair.

4 Dhà-san 'n a aonar a ni iongantais mhòra : oir gu bràth mairidh a thròcair.

5 Dhà-san a rinn na nèamhan le gliocas : oir gu bràth mairidh a thròcair.

6 Dhà-san a shìn an talamh os ceann nan uisgeachan : oir gu bràth mairidh a thròcair.

7 Dhà-san a rinn soluis mhòra : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

8 A' ghrian a riaghladh an là : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

9 A' ghealach agus na reultan a riaghladh na h-oidhche : oir gu bràth mairidh a thròcair.

10 Dhà-san a bhuail na h-Eiphitich 'n an ceud-ghinibh : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

11 Agus a thug a mach Israel as am meadhon : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

12 Le làimh thréin agus le gairdean sìnte mach : oir gu bràth mairidh a thròcair.

13 Dhà-san a roinn a' mhuir ruadh 'n a roinnibh : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

14 Agus a thug air Israel dol troimh a meadhon : oir gu bràth mairidh a thròcair.

15 Ach a thilg Pharaoh agus 'armailt bun os ceann anns a' mhuir ruaidh : oir gu bràth mairidh a thròcair.

16 Dhà-san a threòraich a shluagh troimh an fhàsach : oir gu bràth mairidh a thròcair.

17 Dhà-san a bhuail rìghrean mòra : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

18 Agus a mharbh rìghrean treuna : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

19 Sihon rìgh nan Amorach : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

20 Agus Og rìgh Bhàsain : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

21 Agus a thug am fearann mar oighreachd : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

22 Mar oighreachd do Israel 'òglach féin : oir gu bràth mairidh a thròcair.

23 A chuimhnich oirnn 'n ar staid ìosail : oir gu bràth mairidh a thròcair ;

24 Agus a shaor sinn o ar naimhdibh : oir gu bràth mairidh a throcair.

25 A tha 'tabhairt bìdh do gach feòil : oir gu bràth mairidh a thròcair.

26 O thugaibh buidheachas do Dhia nan nèamh ; oir gu bràth mairidh a thròcair.

An cxxxvii. *Salm.*

Super flumina.

LAimh ri aimhnichibh Bhabiloin, an sin shuidh agus ghuil sinn : an uair a chuimhnich sinn air Sion.

2 Air na crannaibh seilich 'n a meadhon chroch sinn ar clàrsaichean.

3 Oir an sin dh'iarr iadsan a thug ann am braighdeanas sinn, òran oirnn, agus dh'iarr iadsan a rinn fògaraich dhinn aoibhneas oirnn, ag ràdh : Seinnibh dhuinn aon de laoidhean Shioin.

4 Cionnus a sheinneas sinne laoidh an Tighearn' : ann an tìr choimhich ?

5 Ma dhì-chuimhnicheas mise thusa, a Ierusalem : dì-chuimhnicheadh mo làmh dheas a seòltachd.

6 Leanadh mo theangadh ri m' ghiall, mur cuimhnich mi ort : mur fearr leam Ierusalem na m'aoibhneas a's àirde.

7 Cuimhnich, a Thighearna, air clann Edoim, ann an là Ierusaleim : a thubhairt, Leagaibh, leagaibh sìos i, gu ruig a bunait.

8 A nighean Bhabiloin, a lom-sgriosar : is sona esan a dhìolas dhuit-sa a réir mar a rinn thu oirnne.

9 Is sona esan a ghlacas : agus a phronnas do chlann bheag ris na clachaibh.

An cxxxviii. *Salm.*

Confitebor tibi.

MOlaidh mi thu, a Thighearna, le m'uile chridhe : 'an làthair nan dia seinnidh mi cliu dhuit.

2 Sleuchdaidh mi aig do theampull naomh, agus molaidh mi d'Ainm, air son do chaoimhneis-gràidh agus air son d'fhìrinn : oir dh'àrdaich thu d'fhocal os ceann d'Ainme uile.

3 'S an là air an do ghlaodh mi riut fhreagair thu mi : neartaich thu mi a'm' anam le treòir.

4 Molaidh uile rìghrean na talmhainn thu, a Thighearna : 'n uair a chluinneas iad briathran do bheoil.

5 Agus seinnidh iad ann an slighibh an Tighearn' : oir is mòr glòir an Tighearna.

6 Ge h-àrd an Tighearn, gidheadh seallaidh e air an iriosal : ach aithnichidh e an t-uaibhreach fad as.

7 Ged ghluais mi ann am meadhon àmhghair, ath-bheothaichidh tu mi : an aghaidh corruich mo naimhde sìnidh tu do làmh, agus saoraidh do dheas làmh mi.

8 Coimhlionaidh an Tighearn air mo shon : mairidh do thròcair, a Thighearna, gu bràth ; na tréig oibre do làmh.

URNUIGH MHAIDNE.

An cxxxix. *Salm.*

Domine probasti.

A Thighearna, rannsaich thu mi, agus is aithne dhuit mi : is aithne dhuit mo shuidhe, agus m'éirigh, tuigidh tu mo smuaintean fad as.

2 Chuairtich thu mo cheum, agus mo luidhe sìos : agus air mo shlighibh gu léir is fiosrach thu.

3 Oir feuch, cha-n'eil focal air mo theangaidh : a Thighearna, nach aithne dhuit gu léir.

4 'Am dhéigh agus romham chuairtich thu mi : agus chuir thu do làmh orm.

5 Is ro iongantach an t-eòlas so air mo shon, tha e àrd : cha ruig mi air.

6 C'àit an téid mi o d' Spiorad : agus c'àit an teich mi o d' ghnùis ?

7 Ma théid mi suas do nèamh, tha thu 'n sin: ma ni mi mo leabadh ann an ifrinn, feuch, tha thu'n sin.

8 Ma ghabhas mi sgiathan na maidne: agus gu'n còmhnuich mi ann an ionadaibh iomallach na fairge;

9 Eadhon an sin stiùraidh do làmh mi: agus cumaidh do dheas làmh mi.

10 Ma their mi, Gu deimhin folaichidh an dorchadas mi: bithidh an oidhche féin mar sholus mu'n cuairt orm.

11 Cha-n fholaich eadhon an dorchadas uait-sa, ach dealraichidh an oidhche mar an là: is ionann an dorchadas agus an solus duit-sa.

12 Oir ghabh thu sealbh air m'àirnibh: dh'fholaich thu mi ann am broinn mo mhàthar.

13 Molaidh mi thu, oir is uamhasach, iongantach a dhealbhadh mi: is iongantach d'oibre-sa, agus is ro fhiosrach m'anam air sin.

14 Cha d'fholaicheadh mo chorp uait: an uair a rinneadh mi 'an dìomhaireachd, a dhealbhadh mi gu h-iongantach ann an ionadaibh ìochdarach na talmhainn.

15 Chunnaic do shùilean mo cheud-fhàs anabuich: agus ann ad leabhar sgrìobhadh sìos mo bhuill uile;

16 A dhealbhadh ri ùine: gun aon diubh fathast ann.

17 O cia luachmhor leam-sa do smuainte-sa, a Dhé: cia mòr an àireamh!

18 Nan àirmhinn iad, is lìonmhoire iad na a' ghaineamh: 'n uair a dhùisgeas mi, tha mi a ghnàth maille riut-sa.

19 Gu cinnteach, a Dhé, marbhaidh tusa an

t-aingidh: uime sin a dhaoine fuileachdach imichibh uam.

20 Oir labhair iad a'd' aghaidh gu h-aingidh: thug do naimhde d'Ainm ann an dìomhanas.

21 Nach 'eil mi 'toirt fuath, a Thighearna, dhoibh-san a tha 'toirt fuath dhuit-sa: agus nach 'eil mi 'gabhail gràin dhiubh-san a tha 'g éirigh suas a'd' aghaidh?

22 Le fuath iomlan tha mi 'toirt fuath dhoibh: mar naimhde measam iad.

23 Rannsaich mi, a Dhé, agus aithnich mo chridhe: dearbh mi, agus tuig mo smuaintean.

24 Agus amhairc am bheil slighe olc air bith annam: agus treòraich mi anns an t-slighe shìorruidh.

An cxl. *Salm.*

Eripe me, Domine.

TEasairg mi, a Thighearn', o'n droch dhuine: o fhear an fhòirneirt gleidh mi.

2 A tha 'smuaineachadh aimhleis 'n an cridhe: cruinnichidh iad gach là chum cogaidh.

3 Gheuraich iad an teangadh, mar theangaidh nathrach: tha nimh na nathrach fo'm bilibh.

4 Gleidh mi, a Thighearn', o làmhan nan aingidh: o fhear an fhòirneirt dìon mi, le'm b'àill mo cheuman a thilgeadh bun os ceann.

5 Dh'fholaich na h-uaibhrich ribe dhomh, agus cuird, sgaoil iad lìon ri taobh na slighe: leag iad ceapa-tuislidh dhomh.

6 Thubhairt mi ris an Tighearn, Is tu mo Dhia: éisd, a Thighearna, ri guth m'ath-chuingean.

7 A Iehobhah, a Thighearna, neart mo shlàinte : dh'fholaich thu mo cheann ann an là a' chatha.

8 Na deònaich, a Thighearna, miannan an aingidh : na soirbhich le 'ais-innleachd, air eagal gu'n àrdaich iad iad féin.

9 A thaobh nan daoine a chuairtich mi : còmhdaicheadh aimhleas am bilean féin iad.

10 Tuiteadh éibhlean teine orra : 's an teine tilgear iad, ann an slochdaibh domhain, chum nach éirich iad a rìs.

11 Na daingnichear fear-labhairt uilc air an talamh : sealgaidh olc air fear an fhòirneirt chum a sgrios.

12 Tha fhios agam gu'n cum an Tighearn ceartas ris an duine thruagh : còir ris na bochdaibh.

13 Gu dearbh bheir na fireana moladh do d'Ainm : gabhaidh na h-ionracain còmhnuidh a'd' fhianuis.

An cxli. *Salm.*

Domine, clamavi.

A Thighearna, tha mi ag éigheach riut, greas a m' ionnsuidh : éisd ri m' ghuth, 'n uair a dh'éigheas mi riut.

2 Cuirear m'urnuigh a'd' làthair mar thùis : togail suas mo làmh mar an ìobairt-fheasgair.

3 Cuir, a Thighearna, faire air mo bheul : gleidh dorus mo bhilean.

4 Na h-aom mo chridhe gu ni olc air bith : gu beartan aingidh a chur 'an gnìomh le luchd-deanamh na h-euceirt, agus na h-itheam féin d'an nithibh milis.

5 Buaileadh am fìrean mi, is caoimhneas e : agus cronaicheadh e mi.

6 Is oladh luachmhor e, nach bris mo cheann : oir fathast bithidh m'urnuigh mar an ceudna air an son 'n an àmhghairibh.

7 'N uair a thilgear sìos am breitheamhnan ann an ionadaibh clachach : éisdidh iad ri m' bhriathraibh, oir tha iad milis.

8 Mar a ghearras agus a sgoilteas neach fiodh air an làr : sgaoileadh ar cnàmhan aig beul na h-uaighe.

9 Ach riut-sa, a Iehobhah, a Thighearna, tha mo shùilean : annad-sa chuir mi mo dhòigh, na tréig m'anam.

10 Coimhid mi o'n ribe a leag iad dhomh : agus o cheapaibh-tuislidh luchd-deanamh na h-euceirt.

11 Tuiteadh na h-aingidh 'n an lìontaibh féin : am feadh a bhitheas mise a' gabhail thairis.

URNUIGH FHEASGAIR.

An cxlii. *Salm.*

Voce mea ad Dominum.

LE m' ghuth ghlaodh mi ris an Tighearn : le m' ghuth dh'asluich mi air an Tighearn.

2 Thaom mi mo ghearan 'n a làthair : chuir mi 'n céill mo theinn 'n a fhianuis.

3 'N uair a chlaoidheadh mo spiorad annam, b'aithne dhuit-sa mo cheum : 's an t-slighe air an d'imich mi dh'fholaich iad ribe dhomh.

4 Dh'amhairc mi air mo làimh dheis : agus feuch, cha robh fear ann d'am b'aithne mi.

5 Thréig cabhair mi : cha robh neach ann a dh'fheòraicheadh air son m'anama.

6 Ghlaodh mi riut, a Thighearna, thubhairt mi : Is tu mo thearmunn, mo chuibhrionn ann an tìr nam beò.

7 Thoir an aire do m' ghlaodh : oir dh'ìslicheadh mi gu mòr.

8 Saor mi uatha-san a tha'n tòir orm : oir is treise iad na mi.

9 Thoir m'anam á prìosan, chum gu mol mi d'Ainm : cuairtichidh na fireana mi, oir buinidh tu gu fial rium.

An cxliii. *Salm.*

Domine, exaudi.

CLuinn m'urnuigh, a Thighearn', éisd ri m'athchuingibh ann ad fhìrinn : freagair mi ann ad cheartas.

2 Agus na tig ann am breitheanas le d'òglach : oir ann ad fhianuis cha-n fhìreanaichear duine beò air bith.

3 Oir gheur-lean an nàmhaid m' anam, bhuail e mo bheatha sìos gu làr : thug e orm còmhnuidh a ghabhail ann an dorchadas, mar iadsan a bha fada marbh.

4 Uime sin chlaoidheadh mo spiorad annam : tha mo chridhe briste an taobh a stigh dhìom.

5 Is cuimhne leam na làithean o chian, tha do ghnìomhara gu léir a' teachd a'm' aire : tha mi a' beachd-smuaineachadh air obair do làmh.

6 Shìn mi mo làmhan riut-sa : tha m'anam mar thalamh tartmhor 'an geall ort.

7 Eisd rium gu grad, a Thighearna, chaidh as do m' spiorad : na folaich do ghnùis orm, air eagal gu'm bi mi cosmhuil riu-san a théid sìos do'n t-slochd.

8 Thoir orm do chaoimhneas-gràidh a chluinntinn anns a' mhaduinn, oir annad-sa chuir mi mo dhòigh : thoir orm gu'n aithnich mi an t-slighe anns an còir dhomh imeachd, oir riut-sa tha mi 'togail suas m'anama.

9 Teasairg mi o m' naimhdibh, a Thighearn' : a d'ionnsuidh-sa teichidh mi.

10 Teagaisg dhomh do thoil a dheanamh, oir is tu mo Dhia : treòraicheadh do Spiorad maith mi gu tìr an ionracais.

11 Air sgàth d'Ainme, a Thighearna, beothaich thusa mi : trìd d' fhìreantachd saor m'anam o theinn.

12 Agus trìd do thròcair gearr as mo naimhdean : agus sgrios iadsan uile a tha 'claoidh m'anama, oir is mi d'òglach.

URNUIGH MHAIDNE.

An cxliv. *Salm.*

Benedictus Dominus.

BEannaichte gu robh an Tighearn mo charraig : a theagaisgeas mo làmhan gu cath, mo mheoir gu comhrag ;

2 Mo mhaith agus mo dhaingneach, mo thùr àrd agus m'fhear-saoraidh-sa, mo sgiath, agus an ti as an earb mi : a cheannsaicheas mo shluagh fodham.

3 A Thighearna, ciod e an duine, gu bheil thu a' gabhail eòlais air : mac an duine, gu bheil meas agad air ?

4 Is cosmhuil an duine ri dìomhanas : tha a làithean mar sgàile a ghabhas seachad.

5 A Thighearna, lùb do fhlaitheasan, agus thig a nuas : bean ris na beanntaibh, agus bithidh deatach dhiubh.

6 Cuir a mach dealanach agus sgaoil iad : tilg do shaighdean agus claoidh iad.

7 Sìn uait do làmh o'n àirde : saor mi, agus teasairg mi o uisgeachaibh mòra, a làimh cloinne choigreach ;

8 Aig am bheil am beul a' labhairt dìomhanais : agus is i 'n deas làmh deas làmh na bréige.

9 A Dhé, seinnidh mi dhuit òran nuadh air an t-saltair : air inneal-ciuil nan deich teud, seinnidh mi moladh dhuit.

10 Is esan a bheir buaidh do rìghribh : a shaoras Daibhidh 'òglach féin o'n chlaidheamh mhillteach.

11 Saor mi, agus teasairg mi o làimh cloinne choigreach : aig am bheil am beul a' labhairt dìomhanais, agus is i 'n deas làmh deas làmh na bréige.

12 Chum gu'm bi ar mic mar ùr-chroinn a' fàs suas 'n an òige : ar nigheana mar chlachaibh oisinn, snàidhte a réir coslais lùchairt.

13 Chum gu'm bi ar saibhlean làn, a' toirt uatha de gach gnè thoraidh : ar caoraich a' breth 'n am mìltean, seadh deich mìltean 'n ar macharaibh.

14 Gu'm bi ar daimh làidir gu obair, nach

bi briseadh a steach ann : no dol a mach, agus nach bi gearan 'n ar sràidibh.

15 Is sona an sluagh, a tha 's an staid so : is sona an sluagh d'an Dia an Tighearn.

An cxlv. *Salm.*

Exaltabo te.

ARdaichidh mi thu, mo Dhia, mo Rìgh : agus beannaichidh mi d'Ainm gu saoghal nan saoghal.

2 Gach là beannaichidh mi thu : agus molaidh mi d'Ainm gu saoghal nan saoghal.

3 Is mòr an Tighearn, agus is ro airidh e air moladh : agus cha-n fheudar a mhòrachd a rannsachadh.

4 Molaidh àl do àl do ghnìomharan : agus cuiridh iad 'an céill d' oibre cumhachdach.

5 Air urram glòire do mhòrachd : agus air d' oibribh iongantach labhraidh mi.

6 Agus labhraidh daoine air neart do bheartan uamhasach : agus aithrisidh mise do mhòrachd.

7 Cuiridh iad 'an céill gu pailt cuimhne do mhaitheis mhòir : agus àrd-mholaidh iad d' fhìreantachd.

8 Is gràsmhor agus truacanta an Tighearn : mall chum feirge, agus pailt ann an tròcair.

9 Is maith an Tighearn do na h-uile : agus tha a chaomh-thròcairean os ceann 'oibre uile.

10 Molaidh d' oibre gu léir thu, a Thighearn' : agus beannaichidh do naoimh thu.

11 Air glòir do rìoghachd labhraidh iad : agus cuiridh iad 'an céill do chumhachd ;

12 Chum a bheartan iongantach a dheanamh

aithnichte do chloinn nan daoine : agus glòir mòralachd a rìoghachd.

13 Is rìoghachd shìorruidh do rìoghachd-sa ; agus mairidh d' uachdaranachd air feadh nan uile ghinealach.

14 Tha an Tighearn fìrinneach 'n a uile bhriathraibh : agus naomh 'n a uile ghnìomharaibh.

15 Cumaidh an Tighearn suas iadsan uile a tha 'tuiteam : agus togaidh e 'n àird iadsan uile a tha air cromadh sìos.

16 Tha sùilean nan uile a' feitheamh ort : agus bheir thu dhoibh am biadh 'n a thràth.

17 Tha thu a' fosgladh do làimhe : agus a' sàsuchadh miann gach ni beò.

18 Tha an Tighearn ceart 'n a uile shlighibh : agus naomh 'n a uile ghnìomharaibh.

19 Is dlùth an Tighearn dhoibh-san uile a ghairmeas air : dhoibh-san uile a ghairmeas air ann am fìrinn.

20 Coimhlionaidh e miann na dream d'an eagal e : agus éisdidh e r'an glaodh, agus saoraidh e iad.

21 Gleidhidh an Tighearn iadsan uile a ghràdhaicheas e : ach sgriosaidh e na h-aingidh gu léir.

22 Air cliu an Tighearna labhraidh mo bheul : agus beannaichidh gach feòil 'Ainm naomh-san gu saoghal nan saoghal.

An cxlvi. *Salm.*

Lauda, anima mea.

MOlaibh-se an Tighearn. Mol an Tighearn, O m' anam, molaidh mi an Tighearn

an cian is beò mì: seinnidh mi cliu do m' Dhia, am feadh a bhitheas bith agam.

2 Na h-earbaibh á uachdarain, á mac duine sam bith : anns nach 'eil furtachd.

3 Théid 'anail as, pillidh e g'a ùir : 's an là sin féin théid as d'a smuaintibh.

4 Is sona an ti aig am bheil Dia Iacoib mar a chabhair ; aig am bheil a dhòchas anns an Tighearn a Dhia.

5 A rinn nèamh agus talamh, a' mhuir agus gach ni a tha annta: a ghleidheas fìrinn gu bràth.

6 A chumas còir riu-san a tha fo fhòirneart : a bheir biadh do na h-ocraich.

7 Cuiridh an Tighearn na prìosanaich fa sgaoil : fosgailidh an Tighearn sùilean nan dall.

8 Togaidh an Tighearn suas iadsan a tha air an cromadh sìos : is ionmhuinn leis an Tighearn na fìreana.

9 Gleidhidh an Tighearn na coigrich, togaidh e suas an dìlleachdan agus a' bhantrach : ach tilgidh e slighe nan aingidh bun os ceann.

10 Rìoghaichidh an Tighearn gu bràth, do Dhia-sa, a Shion : o linn gu linn. Molaibh-se an Tighearn.

URNUIGH FHEASGAIR.

An cxlvii. *Salm.*

Laudate Dominum.

MOlaibh-se an Tighearn, oir is maith an ni a bhi 'tabhairt cliu d'ar Dia : oir tha e taitneach, agus tha moladh ciatach.

2 Togaidh an Tighearn suas Ierusalem : cruinnichidh e ri 'chéile dìobaraich Israeil.
3 Leighisidh e iadsan aig am bheil cridhe briste : agus ceanglaidh e suas an leòntan.
4 Innsidh e àireamh nan reul : bheir e ainmean orra uile.
5 Is mòr ar Tighearn, agus is mòr a chumhachd : tha a thuigse gun tomhas.
6 Togaidh an Tighearn suas na daoine ciuine : tilgidh e sìos na h-aingidh gu làr.
7 Seinnibh do'n Tighearn le buidheachas : seinnibh moladh d'ar Dia-ne air a' chlàrsaich.
8 A dh' fholaicheas nèamh le neulaibh, a dh' ulluicheas uisge do'n talamh : a bheir air feur fàs air na sléibhtibh.
9 Bheir esan a bhiadh do'n ainmhidh : do na fithich òga a ghoireas.
10 Ann an neart an eich cha bhi a dhùil : ann an cosaibh fir cha ghabh e tlachd.
11 Gabhaidh an Tighearn tlachd annta-san d'an eagal e : a chuireas an dòigh 'n a thròcair.
12 Mol an Tighearn, a Ierusalem : mol do Dhia, a Shion.
13 Oir neartaich e croinn do gheatacha : bheannaich e do chlann an taobh a stigh dhìot.
14 Ni e sìth a'd' chrìochaibh : sàsuichidh e thu le smior a' chruithneachd.
15 Cuiridh e mach 'àithne air thalamh ; gu luath ruithidh 'fhocal.
16 Bheir e sneachd mar olainn ; sgaoilidh e an liath-reodhadh mar luaithre.
17 Tilgidh e mach 'eigh mar ghreamanna : cò dh' fheudas seasamh fa chomhair 'fhuachda?
18 Cuiridh e mach 'fhocal, agus leaghaidh

e iad : séidìdh a ghaoth, sruthaidh na h-uisgeacha.
19 Foillsichidh e 'fhocal do Iacob : a reachdan agus a bhreitheanais do Israel.
20 Cha do bhuin e mar so ri cinneach sam bith : cha mhò a b'aithne dhoibh a bhreitheanais. Molaibh-se an Tighearn.

An cxlviii. *Salm.*

Laudate Dominum.

MOlaibh-se an Tighearn. Molaibh an Tighearn o na nèamhan : molaibh e anns na h-àrdaibh.
2 Molaibh e, 'aingle uile : molaibh e, a shlòigh uile.
3 Molaibh e, a ghrian agus a ghealach : molaibh e, uile reulta soluis.
4 Molaibh e, a nèamha nan nèamh : agus uisgeachan a tha os ceann nan nèamh.
5 Moladh iad Ainm an Tighearn' : oir dh' àithn e, agus chruthaicheadh iad.
6 Agus dhaingnich e iad gu saoghal nan saoghal : rinn e àithne, nach téid thairis.
7 Molaibh an Tighearn o'n talamh : a dhràgona agus a dhoimhneachdan uile ;
8 Teine agus clach-shneachd, sneachd agus ceò : gaoth dhoinionnach, a' coimhlionadh 'fhocail.
9 Na beanntan agus na cnuic uile: craobhanmeas agus na h-uile sheudair ;
10 Fiadh-bheathaichean agus gach uile ainmhidh ; nithe snàigeach agus eunlaith iteagach ;
11 Rìghrean na talmhainn agus na h-uile

shlòigh ; uachdarain agus uile bhreitheamhna na talmhainn ;

12 Araon òig-fhir agus òighean, seann daoine agus clann, moladh iad sin Ainm an Tighearn' : oir tha 'Ainm-san a mhàin urramach, tha a ghlòir os ceann na talmhainn agus nan nèamh.

13 Agus dh'àrdaich e adharc a shluaigh, moladh a naomh uile : eadhon cloinn Israeil, sluaigh a tha am fagus da. Molaibh-se an Tighearn.

An cxlix. *Salm.*

Cantate Domino.

MOlaibh-se an Tighearn. Seinnibh do'n Tighearn òran nuadh : seinnibh a mholadh ann an coimhthional nan naomh.

2 Bitheadh Israel aoibhneach 'n a Chruithfhear : deanadh clann Shioin gairdeachas 'n an Rìgh.

3 Moladh iad 'Ainm anns an dannsadh : le tiompan agus le clàrsaich seinneadh iad dha.

4 Oir gabhaidh an Tighearn tlachd 'n a shluagh : ni e na daoine sèimhe sgiamhach le slàinte.

5 Deanadh na naoimh gairdeachas ann an glòir : deanadh iad iolach air an leapaichibh.

6 Bitheadh àrd-chliu Dhé 'n am beul : agus claidheamh dà fhaobhair 'n an làimh ;

7 A chum dìoghaltas a dheanamh air na cinnich : smachdachadh goirt air na slòigh ;

8 A chum an rìghrean a cheangal le slabhraidhibh : agus an àrd uaislean le geimhlibh iaruinn.

9 A chum am breitheanas a tha 'sgrìobhta a 'chur 'an gnìomh orra : Tha 'n t-urram so aig a naoimh uile. Molaibh-se an Tighearn.

An cl. *Salm.*

Laudate Dominum.

MOlaibh-se an Tighearn. Molaibh Dia 'n a ionad naomh : molaibh e ann an speuraibh a chumhachd.

2 Molaibh e air son a ghnìomhara treuna : molaibh e a réir àirde a mhòrachd.

3 Molaibh e le fuaim trompaid : molaibh e le saltair agus le clàrsaich.

4 Molaibh e le tiompan agus dannsadh : molaibh e le innealaibh-ciuil nan teud agus le organ.

5 Molaibh e le ciombalaibh fonnmhor : molaibh e le ciombalaibh àrd-fhuaimneach.

6 Moladh gach ni anns am bheil anail an Tighearn : Molaibh-se an Tighearn.

RIAGHAILTEAN URNUIGH

RI 'BHI AIR AN GNATHACHADH AIR

MUIR.

¶ *Gnàthaichidh iad Seirbhis Mhaidne agus Seirbhis Fheasgair gach là air Muir, mar a tha e orduichte ann an leabhar na h-Urnuigh Choitchionn.*

¶ *Tha an dà Urnuigh so a leanas ri 'bhi mar an ceudna air an gnàthachadh gach là air Luingeas-chogaidh na Ban-righinn.*

O 'Thighearna Dhé shìorruidh, a tha a mhàin a' sgaoileadh a mach na nèamhan, agus a' riaghladh onfhaidh na fairge; a chuairtich na h-uisgeacha le crìochaibh gus an tig ceann air là agus oidhche; Deònaich sinne do sheirbhisich, agus an Cabhlach 's a bheil sinn a' frithealadh, a ghabhail fo d' dhìon Uile-chumhachdach agus ro ghràsmhor. Sàbhail sinn bho chunnartaibh na fairge, agus bho fhòirneart an nàmhaid, a chum 's gu'm bi sinn 'n ar dìon do 'r n-àrd uachdaran ro sheirceil Ban-righinn BHICTORIA agus d'a rìoghachdaibh, agus 'n ar tèarmunn do leithid de shluagh 's a sheolas air na cuaintibh mu 'n gnothaichibh laghail; chum 's gu'n dean luchd-àiteachadh ar n-Eilein seirbhis dhuit-sa ar Dia ann an sìth agus an sàmhchair, agus gu'm pill sinn ann an tèaruinnteachd gu mealtuinn beannachadh na tìre, maille ri toradh ar saothrach; agus le cuimhneachan taingeil air do thròcairibh, gu'm mol agus gu'n glòraich sinn d' Ainm naomh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

An Guidhe.

TReòraich sinn, O 'Thighearna, 'n ar n-uile dheanadais, le d' fhàbhar ro ghràsail, agus thoir air ar n-aghaidh sinn le d' shìor chòmhnadh; a chum 'n ar n-uile oibribh a thòisich, a bhuanaich, agus a chrìoch-

naich sinn annad-sa, gu'n glòraich sinn d' Ainm naomh, agus fa-dheoidh le d' thròcair gu'm faigh sinn a' bheatha mhaireannach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Urnuighean a ghnàthaichear air Muir ri àm doininn.

O 'Thighearna Dhé ro chumhachdaich agus ghlòrmhoir, aig d' àithne-sa séididh na gaothan, a thogas tuinn na fairge, agus is tusa 'chuireas a h-onfhadh 'n a thosd; Tha sinne do chreutairean, a tha 'n ar peacaich thruagha, a' glaodhaich riut air son cabhair anns a' chruaidh-chàs mhòr so: sàbhail sinn, a Thighearna, no bithidh sinn caillte. Tha sinn ag aideachadh, 'n uair a bha sinn tèaruinte, agus a chunnaic sinn gach ni mu'r timchioll ann am fois, gu'n do dhi-chuimhnich sinn thusa ar Dia, agus gu'n do dhiùlt sinn éisdeachd ri guth ciuin d' Fhocail, agus ùmhlachd a thoirt do d' àitheantaibh. Ach a nis tha sinn a' faicinn cia uamhasach 's tha thu ann ad uile oibribh iongantach, agus gur tusa an Dia mòr romh 'n còir eagal a bhi os ceann nan uile: Agus uime sin tha sinn a' toirt aoraidh do d' Mhòrachd dhiadhaidh, ag aideachadh do chumhachd, agus a' guidhe air son do mhaitheis. A Thighearna, cuidich, agus sàbhail sinn air sgàth do thròcairean ann an Iosa Criosd do Mhac, ar Tighearn. *Amen.*

No so.

O 'Thighearna Dhé ro ghlòrmhoir agus ro ghràsmhoir, a tha 'gabhail còmhnuidh air nèamh, ach a tha 'faicinn gach ni 'tha fo nèamh; Amhairc a nuas, tha sinn a' guidhe ort, agus éisd ruinne, a tha 'g éigheach a mach á doimhne na truaighe, agus á giallaibh a' bhàis, a tha nis ullamh chum ar slugadh suas: A Thighearna, sàbhail sinn, no bithidh sinn caillte. Am beo, am beo molaidh esan thu. O cuir a mach focal do riaghlaidh a chronachadh na gaoithe bhuaireasaich, agus na fairge àn-raich, chum air dhuinn a bhi air ar saoradh bho 'n éigin so gu'm bi sinn beò gu seirbhis a dheanamh dhuit, agus gu glòir a thoirt do d' Ainm uile làithean ar beatha. Eisd, a Thighearna, agus teasairg sinn, air sgàth dheadh-thoillteanas neo-chrìochnach ar Slànuidhir bheannaichte do Mhic ar Tighearna Iosa Criosd. *Amen.*

An Urnuigh a tha ri 'bhi air a ràdh roimh Chath air Muir an aghaidh Nàmhaid air bith.

O 'Thighearna Dhé ro chumhachdaich agus ro ghlòrmhoir, a Thighearna nan sluagh, a tha 'riaghladh agus ag àithneadh nan uile nithe; Tha thu a'd' shuidhe air an righ-chaithir a' toirt breith cheirt', agus air an aobhar sin tha sinn a' gairm air do Mhòrachd dhiadhaidh 'n ar n-éigin so, gu'n gabh thu a' chùis ann ad làimh féin, agus gu'n toir thu breith eadar ruinne agus ar naimhdean. Dùisg do chumhachd, O 'Thighearna, agus thig g'ar saoradh, oir cha-n'eil thu a ghnàth a' toirt a' chatha do na daoine treuna, ach is comasach dhuit saoradh le mòran no le beagan. O na glaodhadh ar peacaidhean a nis 'n ar n-aghaidh air son dìoghaltais, ach éisd ruinne do sheirbhisich thruagh' a tha 'guidhe air son tròcair, agus ag iarraidh do chabhair, a chum gu'm bi thu dhuinn a' d' dhìdean an aghaidh gnùis an nàmhaid. Dean aithnichte gu'r tusa ar Slànuidhear agus ar fear-saoraidh cumhachdach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Urnuighean goirid air son phearsannan 'n an aonar, nach urrainn le aobhar a' Chatha, no na Doininn cruinneachadh le càch gu aontachadh ann an Urnuigh.

Urnuighean coitchionn.

A Thighearna, bi tròcaireach ruinne peacaich, agus sàbhail sinn air sgàth do thròcairean.

Is thusa an Dia mòr, a rinn na h-uile nithe agus a tha 'g an riaghladh : O saor sinn air sgàth d' Ainme.

Is thusa an Dia mòr roimh 'n còir eagal a bhi os ceann nan uile. O sàbhail sinn, chum gu'n toir sinn cliu dhuit.

Urnuighean sònraichte a thaobh an Nàmhaid.

THa thusa, O 'Thighearna, ceart agus cumhachdach ; O dìon ar cùis an aghaidh gnùis an nàmhaid.

O 'Dhé, tha thusa a' d' dhaingneach làidir dìonaidh do na h-uile 'theicheas a d' ionnsuidh : O sàbhail sinn bho fhòirneart an nàmhaid.

O 'Thighearna nan sluagh, cog air ar son, a chum gu'n glòraich sinn thu.

O na leig leinn tuiteam fo eallaich ar peacaidhean, no fo fhòirneart an nàmhaid.

O 'Thighearna, éirich, cuidich sinn, agus saor sinn air sgàth d' Ainme.

Urnuighean goirid a thaobh Doininn.

THusa, O 'Thighearn', a choisgeas onfhadh na fairge, éisd, éisd ruinn, agus sàbhail sinn, a chum 's nach caillear sinn.

O 'Shlànuidhir bheannaichte, a shàbhail do dheisciobuil a bha ri uchd a bhi caillte ann an doinionn, éisd ruinn agus sàbhail sinn, tha sinn a' guidhe ort.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.
A Chriosd, dean tròcair oirnn.
A Thighearna, dean tròcair oirnn.
O 'Thighearna, éisd ruinn.
O 'Chriosd, éisd ruinn.

Gu'n deanadh Dia an t-Athair, Dia am Mac, Dia an Spiorad Naomh, tròcair oirnn, agus gu'n sàbhaladh e sinn a nis agus gu bràth. Amen.

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, mar a mhaitheas sinne dhoibh-san a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn. Ach saor sinn o olc. Oir is leat-sa an rìoghachd, an cumhachd, agus a' ghlòir, gu sìorruidh agus gu sìorruidh. Amen.

¶ *Ann an gàbhadh cunnartach gairmear ri 'chéile a' mheud 's a ghabhas faotainn bho sheirbhis nach gabh seachnadh 's an Luing, agus ni iad Aidmheil iriosal ri Dia air am peacaidhibh : Agus anns an Aidmheil sin bu chòir do gach aon smuainteachadh gu dùrachadh air na peacaidhibh sònraichte sin leis a' bheil a Choguis 'g a agairt : Ag ràdh mar a leanas.*

An Aidmheil.

A Dhé Uile-chumhachdaich, Athair ar Tighearna Iosa Criosd, a chruithfhir nan uile nithe, a bhreitheimh nan uile dhaoine: Tha sinn ag aideachadh agus a' caoidh ar peacaidhean agus ar n-aingidheachd lìonmhoir, a chuir

sinn bho àm gu àm gu mòr-chiontach 'an gnìomh, le smuain, le focal agus le deanadas an aghaidh do Mhòrachd dhiadhaidh, gu ro cheart a' brosnachadh d' fheirg agus do chorruich 'n ar n-aghaidh. Tha sinn gu dùrachdach a' gabhail aithreachais, agus tha bròn o'r cridhe oirnn air son ar droch ghnìomharan so ; tha 'bhi 'cuimhneachadh orra cràiteach dhuinn : tha 'n eallach dhiubh do-iomchair. Dean tròcair oirnn, dean tròcair oirnn, Athair ro thròcairich ; air sgàth do Mhic ar Tighearna Iosa Criosd, maith dhuinn na h-uile a chaidh seachad, agus deònaich, gu bràth an déigh so gu'n toir sinn seirbhis dhuit agus gu'n toilich sinn thu ann an nuadhachd beatha, chum onoir agus glòire d' Ainme, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

¶ *An sin ma bhitheas Sagart anns an Luing, cuiridh e 'an céill am Fuasgladh so.*

DIa Uile-chumhachdach, ar n-Athair nèamhaidh, o 'mhòr thròcair a gheall maitheanas pheacaidhean dhoibh-san uile a philleas d'a ionnsuidh le aithreachas dùrachdach agus le fìor chreidimh ; Gu'n deanadh e tròcair oirbh, gu'm maitheadh agus gu'n saoradh e sibh bho 'ur n-uile pheacaidhibh ; gu'n daingnicheadh agus gu'n neartaicheadh e sibh anns gach uile mhaitheas, agus gu'n tugadh e sibh chum na beatha shìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

Breith-buidheachais an déigh Doininn.

Jubilate Deo. Salm lxvi.

TOgaibh iolach ait do Dhia, a thìrean uile : seinnibh glòir 'ainme, deanaibh a chliu glòrmhor.

Abraibh ri Dia, Cia uamhasach d'oibre : trìd meud do neirt strìochdaidh do naimhdean dhuit.

Sleuchdaidh gach tìr dhuit : agus seinnidh iad dhuit, seinnidh iad do d'ainm.

Thigibh, agus faicibh oibre Dhé : uamhasach tha e 'n a ghnìomharaibh air chloinn nan daoine.

Thionndaidh e a' mhuir gu talamh tioram : troimh an t-sruth ghabh iad thairis d'an cois ; an sin rinn sinn gairdeachas ann.

Le 'thréun neart riaghlaidh e gu bràth, amhaircidh a shùilean air na cinnich : na h-àrdaicheadh luchd-ceannairc iad féin.

Beannaichibh, O a shlòigh, ar Dia-ne : agus thugaibh air fuaim a mholaidh 'bhi air a cluinntinn ;

Neach a chumas ar n-anam beò : agus nach leig le'r cois caruchadh.

Oir dhearbh thu sinn, a Dhé : ghlan thu sinn anns an teine, mar a ghlanar airgiod.

Thug thu steach 's an lìon sinn : chuir thu teinn air ar leasraidh.

Thug thu air daoinibh marcachd thar ar cinn : chaidh sinn troimh theine agus troimh uisge, ach thug thu mach sinn gu ionad saoibhir.

Théid mi do d' thigh le ìobairtibh-loisgte : coimhlionaidh mi dhuit mo bhòidean leis an d'fhosgladh mo bhilean, agus a labhair mo bheul an uair a bha mi ann an éigin.

Iobairtean-loisgte dh' fheudail reamhar ìobraidh mi dhuit, maille ri tùis reitheacha : bheir mi suas buar maille ri gabhraibh.

Thigibh , éisdibh, sibhse uile, air am bheil eagal Dhé : agus cuiridh mi 'n céill na rinn e air son m'anama.

Ghlaodh mi ris le m' bheul : agus dh'àrdaicheadh e le m' theangaidh.

Ma bheir mi spéis do euceart a'm' chridhe : cha-n éisd an Tighearn rium.

Gu dearbh dh'éisd Dia : thug e an aire do ghuth m'urnuigh.

Beannaichte gu robh Dia, nach do thionndaidh m'urnuigh uaithe-san : agus a thròcair uam-sa.

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh ;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth, saoghal gun chrìoch. Amen.

Confitemini Domino. Salm cvii.

OThugaibh buidheachas do an Tighearn, oir tha e maith : oir gu bràth mairidh a thròcair.

Mar so abradh iadsan a shaoradh leis an Tighearn : a shaor e o làimh an nàmhaid ;

Agus a chruinnich e as na tìribh, o'n àird an ear, agus o'n àird an iar : o'n àirde tuath agus o'n àirde deas.

Chaidh iad air seacharan anns an fhàsach ann an ionad uaigneach : slighe gu baile tàimh cha d' fhuair iad.

Ocrach agus tartmhor : dh' fhàilnich an anam annta.

An sin ghlaodh iad ris an Tighearn 'n an airc : agus as an teanntachdaibh shaor e iad.

Agus threòraich e iad air slighe cheirt : chum gu'n rachadh iad gu baile tàimh.

O gu moladh daoine Dia air son a mhaitheis : agus air son a bheartan iongantach do chloinn nan daoine.

Oir shàsuich e an t-anam cìocrach : agus lìon e an t-anam ocrach le maith.

Iadsan a shuidh ann an dorchadas, agus ann an sgàile a' bhàis : ceangailte ann an truaighe agus 'an iarunn ;

A chionn gu'n d' rinn iad ceannairc an aghaidh bhriathar Dhé : agus gu'n d' rinn iad tàir air comhairle an Ti a's àirde ;

Aig an do leagadh sìos an cridhe le docair : thuit iad, agus cha robh fear-cuideachaidh ann.

An sin ghlaodh iad ris an Tighearn 'n an airc : agus as an teanntachdaibh shaor e iad.

Thug e iad á dorchadas, agus á sgàile a' bhàis : agus bhris e o 'chéile an cuibhreach.

O gu moladh daoine an Tighearn air son a mhaitheis : agus air son a bheartan iongantach do chloinn nan daoine.

Oir bhris e na geatachan umha : agus ghearr e sìos na croinn iaruinn.

Bha amadain air son an eusaontais : agus air son an eucearta fo àmhghar.

De gach biadh ghabh an anam gràin : agus thàinig iad dlùth do gheatachaibh bàis.

An sin ghlaodh iad ris an Tighearn 'n an airc : agus as an teanntachdaibh shaor e iad.

Chuir e 'fhocal uaith agus shlànuich e iad : agus shaor e iad o sgrios.

O gu moladh daoine an Tighearn air son a mhaitheis : agus air son a bheartan iongantach do chloinn nan daoine ;

Agus gu'n ìobradh iad ìobairtean buidheachais : agus gu'n cuireadh iad 'an céill a ghnìomhara le luathghaire.

Iadsan a théid sìos do'n fhairge air longaibh : a ni obair air uisgeachaibh mòra ;

Chi iadsan gnìomharan an Tighearn' : agus a bheartan iongantach 's an doimhne.

Oir labhraidh e agus dùisgidh e a' ghaoth dhoinionnach : agus togaidh i a tonnan.

Théid iad suas do na nèamhan, théid iad sìos do na doimhneachdaibh : le àmhghar leaghaidh an anam.

Théid iad thuige agus uaith, agus tuislichidh iad mar dhuine air mhisg : agus théid as d'an céill uile.

An sin glaodhaidh iad ris an Tighearn 'n an airc : agus as an teanntachdaibh bheir e iad.

Cuiridh e an doinionn gu féith : agus bithidh a tonnan 'n an tàmh.

An sin bithidh iad ait, a chionn gu'm bi iad sàmhach : agus bheir e iad do'n chaladh a's miannach leo.

O gu moladh daoine an Tighearn air son a mhaitheis : agus air son a bheartan iongantach do chloinn nan daoine ;

Agus gu'n àrdaicheadh iad e ann an coimhthional an t-sluaigh : agus ann an àite-suidhe nan seanair gu moladh iad e ;

Ni e aimhniche 'n am fàsach : agus tobair uisge 'n an talamh tartmhor.

Fearann beartach ni e fàs : air son aingidheachd a luchd-àiteachaidh.

Ni e fàsach 'n a linne uisge : agus fearann tioram 'n a thobraichibh uisge.

Agus an sin bheir e air na h-ocraich còmhnuidh a ghabhail : agus deasaichidh iad baile-tàimh.

Agus sìol-chuiridh iad achanna, agus suidhichidh iad fìon-liosan : agus bheir iad toradh pailt uatha.

Agus beannaichidh e iad, agus fàsaidh iad ro lìomnhor : agus cha lughdaich e an spréidh.

Ach ma pheacaicheas iad, lughdaichear agus leigear sìos iad : le fòirneart, olc agus doilgheas ;

Dòirtidh e tarcuis air àrd-uaislibh : agus cuiridh e air seacharan iad ann am fàsach as eugmhais slighe ;

Agus togaidh e suas am bochd o thruaighe : agus ni e teaghlaichean dha mar threud.

Chi na fìreana so, agus bithidh iad ait : agus druididh gach euceart a beul.

Cò tha glic, agus a bheir fainear na nithe sin : tuigidh esan caoimhneas gràdhach an Tighearna.

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh ;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth, saoghal gun chrìoch. Amen.

Guidhean Breith-buidheachais.

O 'Thighearna Dhé ro bheannaichte agus ro ghlòrmhoir, tha do mhaitheas agus do thròcair neo-chrìochnach; tha sinne do chreutairean bochd', a rinn agus a theasairg thu, (a' cumail ar n-anaman ann am beatha, agus a nis 'g ar tèarnadh bho ghiallaibh a' bhàis,) gu h-iriosal a' teachd ann an làthair do Mhòrachd dhiadhaidh, a thairgse ìobairt mholaidh agus bhreith-buidheachais, a chionn gu'n d' éisd thu ruinn, 'n uair a ghairm sinn ort 'n ar n-airc agus nach do dhiùlt thu ar n-urnuigh, a rinn sinn a' d' làthair 'n ar mòr-éigin; eadhon, 'n uair a thug sinn a suas gach ni, ar long, ar bathar, agus ar beatha, gu 'bhi caillte, an sin dh' amhairc thu oirnn gu tròcaireach, agus dh' àithn thu gu h-iongantach saorsa; agus air son sin, air dhuinn a bhi tèaruinnte, tha sinn a' toirt gach uile chliu agus ghlòire do d' Ainm naomh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

No so.

O 'Dhé mhaith, ro chumhachdaich agus ro ghràsmhoir, tha do thròcair os ceann d' oibre gu léir, ach air dhòigh shònraichte bha i air a sìneadh a mach dhuinne, a rinn thu gu cumhachdach agus gu h-iongantach a dhìon. Nochd thu dhuinn nithean uamhasach, agus iongantais anns an doimhne, chum 's gu faiceamaid cia cumhachdach agus gràsmhor an Dia thusa; cia comasach agus ullamh gu còmhnadh na muinntir a tha 'cur an earbsa annad. Nochd thu dhuinn, cia mar a tha araon na gaothan agus na fairgeachan ùmhal do d' àithne, chum gu fòghluim sinn eadhon uapa-san, an déigh so 'bhi ùmhal do d' ghuth, agus do thoil a dheanamh. Uime sin tha sinn a' beannachadh agus a' glòrachadh d' Ainme air son do thròcair so 'n ar sàbhaladh, 'n uair a bha sinn ri uchd a bhi caillte. Agus tha sinn a' guidhe ort, ar deanamh a nis cho fìor mhothachail air do thròcair, agus a bha sinn an sin mu'n chunnart: Agus thoir dhuinn cridheachan a ghnàth ullamh gu nochdadh ar taingealachd, cha-n ann a mhàin le briathraibh, ach mar an ceudna le 'r caithe-beatha, le bhi na 's ùmhaile do d' àitheantaibh naomha. Tha sinn a' guidhe ort, do mhaitheas so a bhuanachadh dhuinn, chum gu'n

dean sinne, a thèaruinn thusa, seirbhis dhuit ann an naomhachd agus 'am fìreantachd, uile làithean ar beatha, trìd Iosa Criosd ar Tighearna agus ar Slanuidhir. *Amen.*

Laoidh Molaidh agus Breith-buidheachais an déigh

Doininn chunnartaich.

O Thugaibh buidheachas do an Tighearn, oir tha e maith: oir gu bràth mairidh a thròcair.

Is mòr an Tighearn, agus is ro airidh air cliu e; mar so abradh iadsan a shaoradh leis an Tighearn: a shaor e o ànradh neo-thruacanta na fairge.

Is gràsmhor agus truacanta an Tighearn: mall chum feirge, agus pailt ann an tròcair.

A réir ar peacaidhean cha d' rinn e oirnn: agus a réir ar n-eucearta cha d' thug e luigheachd dhuinn.

Ach mar a tha na nèamhan àrd os ceann na talmhainn: mar sin tha a thròcair mòr d' ar taobh-ne.

Fhuair sinn teinn agus bròn: thàinig sinn dlùth do gheatachaibh bàis;

Cha mhòr nach d' thàinig tuiltean uisgeachan tharuinn: cha mhòr nach deachaidh na h-uisgeachan uaibhreach thar ar n-anam;

Bheuc an cuan: agus thog a' ghaoth dhoinionnach a tonnan;

Ghiùlaineadh sinn suas mar gu'm bitheadh do na nèamhan, agus an sin sìos do na doimhneachdaibh: le àmhghar leagh ar n-anam 'an taobh a stigh dhinn;

An sin ghlaodh sinn riut-sa, O 'Thighearna: agus as ar teanntachdaibh thug thu sinn.

Beannaichte gu robh d' ainm-sa, nach d' rinn tàir air urnuigh do sheirbhiseach: ach dh' éisd thu r' ar glaodh, agus shaor thu sinn.

Chuir thu mach d' àithne: agus sguir an doinionn ghaothar, agus thionndadh i gu ciùine.

O molamaid uime sin an Tighearn air son a mhaitheis: agus nochdamaid na beartan iongantach a rinn e, agus a tha e fhathast a' deanamh do chloinn nan daoine.

Beannaichte gu robh an Tighearn gach là: eadhon an Tighearn a tha 'g ar cuideachadh agus a' doirteadh a thiodhlacan oirnn.

Is e ar Dia-ne, Dia na slàinte: 's e Dia an Tighearn, leis an do sheachuinn sinn am bàs.

Rinn thu sinn aoibhinn, a Thighearna, tre oibribh do làmhan: agus ann ad chliu ni sinn gairdeachas.

Beannaichte gu robh an Tighearn Dia: eadhon an Tighearn Dia, an ti a mhàin a ni nithean iongantach;

Agus beannaichte gu robh Ainm a mhòrachd gu sìorruidh: agus abradh gach aon againn, Amen, Amen.

Gloir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh;

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth, saoghal gun chrìoch. Amen.

2 *Cor.* 13.

GRàs ar Tighearna Iosa Criosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid naoimh, gu'n robh maille ruinn uile gu sìorruidh. *Amen.*

An déigh Buaidhe no Saorsa bho Nàmhaid.

Salm no Laoidh molaidh agus breith-buidheachais an déigh Buaidhe.

MUr bitheadh an Tighearn leinn, abramaid a nis: mur bitheadh an Tighearn leinn, an uair a dh' éirich daoine 'n ar n-aghaidh;

An sin shluigeadh iad beò sinn: an uair a las am fearg 'n ar n-aghaidh.

An sin thigeadh tuilteàn uisgeacha tharuinn, rachadh an sruth thar ar n-anam: an sin rachadh na h-uisgeachan uaibhreach thar ar n-anam.

Beannaichte gu robh an Tighearn, nach d' thug sinn mar chreich dhoibh.

Dh' oibrich an Tighearn: saorsa mhòr air ar son.

Cha-n ann le 'r claidheamh féin a fhuair sinn so, agus cha-n e ar gairdean féin a shaor sinn: ach do dheas làmh, agus do ghairdean-sa, agus solus do ghnùise, a chionn gu robh deadh-ghean agad duinn.

Nochd an Tighearn e féin air ar son: dh' fholaich an Tighearn ar cinn, agus thug e oirnn seasamh ann an là a' chatha.

Nochd an Tighearn e féin air ar son: chuir an Tighearn an ruaig air ar nàimhdibh, agus bhris e 'n am bloighdibh iadsan a dh' éirich 'n ar n-aghaidh;

Uime sin cha-n ann duinne, O 'Thighearna, cha-n ann duinne: ach do d' Ainm féin gu'n robh a' ghlòir air a toirt.

Rinn an Tighearn nithe mòra air ar son-ne: rinn an Tighearn nithe mòra air ar son-ne, agus air son so tha sinn aoibhneach.

Tha ar cabhair ann an Ainm an Tighearn': a rinn nèamh agus talamh.

Gu ma beannaichte Ainm an Tighearn': o'n àm so agus gu bràth.

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac, agus do'n Spiorad Naomh.

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth, saoghal gun chrìoch. Amen.

¶ *An déigh na Laoidhe so feudar an* Te Deum *a sheinn.*

¶ *An sin an Guidhe so.*

O'Dhé Uile-chumhachdaich, àrd-uachdarain an t-saoghail gu léir, ann ad làimh tha cumhachd agus neart nach comasach do neach sam bith seasamh 'n an aghaidh; Tha sinn a' beannachadh agus a' moladh d' Ainme mhòir agus ghlòrmhoir air son na buaidhe shona so, tha sinn a' toirt na glòire gu h-iomlan dhuit-sa, a tha a mhàin a' d' thabhartair buaidhe. Agus tha sinn a' guidhe ort gràs a thoirt dhuinn buil mhaith a dheanamh de'n tròcair mhòir so chum do ghlòire, gu cur air adhart do Shoisgeil, gu onoir ar n-Ard-uachdarain, agus gu maith a' chinne daoine gu léir, cho fad 's a tha 'n ar comas. Agus, tha sinn a' guidhe ort, thoir dhuinn a leithid de mhothachadh air an tròcair mhòir so, 's a dh' aomas sinn gu fìor thaingealachd, a dh' fheudar a thoirt fainear 'n ar caithe beatha le imeachd gu h-iriosal, gu naomh, agus gu h-ùmhal ann ad làthair ré ar n-uile làithean, trìd Iosa Criosd ar Tighearna: Dhà-san maille riut-sa, agus ris an Spiorad naomh, air son d' uile thròcairean, agus gu h-àraidh air son na buaidhe agus na saorsa so, gu'n robh gach uile onoir agus ghlòir saoghal gun chrìoch. *Amen.*

2 *Cor.* xiii.

GRàs ar Tighearna Iosa Criosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid naoimh, gu'n robh maille ruinn uile gu sìorruidh. *Amen.*

Aig Adhlacadh am Marbh air Muir.

¶ *Feudar an t-Seirbhis a tha ann an leabhar na h-Urnuigh Choitchionn a ghnàthachadh; Ach a mhàin ann an àite nam focal so* [Tha sinn air an aobhar sin a' cur a chuirp anns an talamh, Talamh ri Talamh &c] *abair,*

Tha sinn air an aobhar sin a' cur a chuirp anns an Doimhne, gu bhi air a thionndadh gu truaillidheachd, ag amharc air son aiseirigh a' chuirp, ('n uair a bheir an fhairge suas a mairbh,) agus beatha an t-saoghail a tha ri teachd, trìd ar Tighearna Iosa Criosd; a chruth-atharraicheas aig a theachd ar corp dìblidh, chum gu'n deanar e comh-chosmhuil r'a chorp glòrmhor féin, a réir an oibreachaidh chumhachdaich, leis am bheil e comasach air na h-uile nithean a chur fo 'cheannsal féin.

AN

RIAGHAILT AGUS AN DOIGH

AIR SON

DEANAMH, ORDUCHADH

AGUS

COISRIGEADH

EASBUIGEAN, SHAGARTAN

AGUS

DHEACONAN

A REIR CLEACHDAIDH EAGLAIS

SHASUNN.

AN

ROIMH-RADH.

THa e soilleir do na h-uile dhaoinibh a leughas an Sgriobtuir naomh agus na prìomh Ughdarrean gu dùrachdach, gu'n robh ann an Eaglais Chriosd bho linn nan Abstol na h-orduighean so de Mhinisteiribh; Easbuigean, Sagartan, agus Deaconan. Agus bha na h-Oifigean sin a ghnàth air an gleidheadh 'n a leithid de mheas urramach, nach gabhadh duine air bith de dhanadas air féin a h-aon diubh chur 'an gnìomh, mur a bitheadh e an toiseach air a ghairm, air 'fheuchainn, agus air a cheasnachadh, agus air 'aideachadh a bhi sgeadaichte le buaidhibh a tha iomchuidh air son na h-oifig sin; agus mar an ceudna le urnuigh fhollaisich, agus le leagadh làmhan, air a dhearbhadh agus air a ghabhail a steach do 'n dreuchd sin le Ughdarras laghail. Agus uime sin, a chum 's gu'm bi na h-orduighean sin air an cumail agus air an gnàthachadh le urram, agus meas ann an Eaglais Shasunn; *Cha bhi duine air bith air a chunntas no air a ghabhail gu bhi gu laghail 'n a Easbuig, 'n a Shagart, no 'n a Dheacon ann an Eaglais* Shasunn, *agus cha cheadaichear dha a h-aon air bith de na Dreuchdaibh sin a chur 'an gnìomh, mur bi e air a ghairm, air 'fheuchainn, air a cheasnachadh, agus air a ghabhail a steach do 'n dreuchd sin, a réir na Riaghailt a leanas an déigh so, no mur robh e cheana air a Choisrigeadh no air 'Orduchadh le Easbuig.*

Agus cha ghabhar neach sam bith a steach do dh' Oifig nan Deaconan gus am bi e Tri bliadhna fichead a dh' aois, mur bi cead sònraichte air a bhuileachadh air. Agus gach duine a tha ri 'bhi air a ghabhail a steach do dh' Oifig nan Sagartan, bithidh e air a' chuid a's lugha Ceithir bliadhna fichead a dh' aois. Agus gach neach a tha ri 'bhi air 'Orduchadh no air a Choisrigeadh 'n a Easbuig, feumaidh e a bhi air a' chuid a's lugha Deich bliadhna fichead a dh' aois.

Agus air do 'n Easbuig eòlas a bhi aige aon chuid uaithe féin, no le teisteanas diongmhalta eile, air duine sam bith gu bheil e diadhaidh 'n a chaithe-beatha, agus gun choire, an déigh a cheasnachadh agus fheuchainn,

air dha fhaotainn fòghluimte ann an Laduinn, agus air a làn-theagasg 's an Sgriobtuir naomh, feudaidh e air na h-àmaibh a tha orduichte ann an Lagh na h-Eaglais, no ma bhitheas aobhar éigin ann, air Dòmhnach no air Là-naomh eile, an neach sin a dheanamh 'n a Dheacon, ann an làthair na h-Eaglais, air an dòigh agus anns an riaghailt a leanas an déigh so.

AN

RIAGHAILT AGUS AN DOIGH

AIR SON DEANAMH

DHEACONAN.

¶ *Air teachd do 'n là a shònraicheadh leis an Easbuig, an déigh do 'n Urnuigh-Mhaidne crìochnachadh, bithidh Searmoin no Earail ann, a' nochdadh Dleasannais agus Oifig nan daoine sin a thig gu 'bhi air an gabhail a steach do dh' Ordugh nan Deaconan; cia feumail 's a tha an t-Ordugh sin ann an Eaglais Chriosd; agus mar an ceudna, cia mar bu chòir do'n t-sluagh meas a bhi aca orra 'n an Oifig.*

¶ *Air tùs cuiridh an t-Ard-Dheacon no 'Fhear-ionaid ann an làthair Easbuig (air dha suidhe 'n a Chaithir, 'am fagus do'n Bhòrd naomh) iadsan a tha 'g iarraidh a a bhi air an orduchadh 'n an Deaconaibh; (gach aon diubh sgeadaichte gu h-iomchuidh) ag ràdh nam briathran so,*

A Thair urramaich ann an Dia, tha mi 'cur nan daoine so 'n 'ur làthair-se gu 'bhi air an gabhail a steach do dh' ordugh nan Deaconan.

An t-Easbuig.

THoir an aire gu bheil na daoine a chuir thu 'n ar làthair, iomchuidh agus freagarrach, a thaobh am fòghluim agus an caithe-beatha dhiadhaidh, am Ministreileachd a chur gu h-iomchuidh 'an gnìomh, chum onoir Dhé, agus togail a suas 'Eaglais 's a' chreidimh.

¶ *Freagraidh an t-Ard-Dheacon,*

DH' fhiosraich mi dhiubh, agus mar an ceudna cheasnaich mi iad, agus tha mi 'smuainteachadh gu bheil iad freagarrach.

¶ *An sin their an t-Easbuig ris an t-sluagh,*

A Bhràithrean, ma tha neach air bith agaibh d'an aithne aobhar-bacaidh air bith no coire chomharaichte ann an aon sam bith de na daoinibh so a tha air an cur an làthair gu 'bhi air an orduchadh 'n an Deaconaibh, a thaobh nach bu chòir a ghabhail a steach do'n Oifig sin, thigeadh e 'làthair ann an Ainm Dhé, agus nochdadh e ciod i a' choire no an t-aobhar-bacaidh a th'ann.

¶ *Agus ma bhitheas coire mhor no aobhar-bacaidh air a thoirt air aghaidh, cuiridh an t-Easbuig dàil ann an Orduchadh an fhir sin, gus am bi e air 'fhaotainn neò-chiontach de 'n choire a chuireadh as a leth.*

¶ *An sin (air do'n Easbuig urnuighean a' Choimhthionail iarraidh air an son-san a gheibhear iomchuidh gu 'bhi air an Orduchadh) seinnidh no their e, maille ris a' Chléir agus ris an t-sluagh a 'tha 'làthair, an Laoidh-dhiann, leis na h-Urnuighibh, mar a leanas.*

¶ AN LAOIDH-DHIANN AGUS NA H-IARRTUIS.

O 'Dhé, an t-Athair nèamhaidh: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé an t-Athair nèamhaidh: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé am Mac, Fear-saoradh an t-saoghail: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé am Mac, Fear-saoradh an t-saoghail: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé an Spiorad Naomh, a' teachd o 'n Athair, agus o 'n Mhac: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Dhé an Spiorad naomh, a' teachd o'n Athair, agus o 'n Mhac: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Thrionaid naomh, bheannaichte agus ghlòrmhor, tri pearsannan agus aon Dia: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

O 'Thrionaid naomh, bheannaichte agus ghlòrmhor, tri pearsannan agus aon Dia: dean tròcair oirnn peacaich thruagha.

Na cuimhnich a Thighearna ar cionta, no cionta ar sinnsearachd, agus na dean dìoghaltas oirnn air son ar peacaidhean: caomhain sinn, a dheadh Thighearna, caomhain do shluagh a shaor thu le d' fhuil ro phrìseil, agus na bi 'an corruich ruinn gu bràth.

Caomhain sinn, a dheadh Thighearna.

O gach uile olc agus thubaist, o pheacadh, o innleachdaibh agus o ionnsuidhibh an diabhuil, o d' fheirg féin, agus o dhìteadh sìorruidh,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

O gach uile dhoille cridhe; o àrdan, ghlòir dhìomhain, agua fhuar-chràbhadh; o fharmad, fhuath, agus mhi-run, agus o gach uile mhi-iochd,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

O strìopachas, agus o gach uile pheacadh mairbhteach eile; agus o uile chealgaireachd an t-saoghail, na feola, agus an diabhuil,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

O dhealanach agus o stoirm; o phlaigh, o ghalar, agus o ghoirt; o chath, agus o mhort, agus o bhàs obann,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

O gach uile aimhreit, choimh-cheilg uaignich, agus cheannairc; o gach uile theagasg meallta, shaobh-chreidimh, agus easaonachd; o chruas cridhe, agus o thàir a thoirt do d' Fhocal agus do d' aithne,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

Le dìomhaireachd do Theachd naoimh 's an fheòil; le d'Bhreith naoimh agus le d'Thimchioll-ghearradh; le d' Bhaisteadh, le d' Thrasgadh, agus le d' Bhuaireadh,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

Le d' Chràdh agus le d' Fhallus fola; le d' Chrann-ceusaidh agus le d' Fhulangas; le d' Bhàs luachmhor agus le d' Adhlacadh; le d' Aiseirigh agus le d' Dhol suas glòrmhor; agus le teachd an Spioraid naoimh,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

Ann an uile àm ar n-an-shocair; ann an uile àm ar soirbheachaidh; ann an uair a' bhàis, agus ann an là a' bhreitheanais,

Saor sinn, a dheadh Thighearna.

Tha sinne peacaich a' guidhe ort éisdeachd ruinn, O 'Thighearna Dhé, agus gu ma deònach leat d' Eaglais naomh choitchionn a riaghladh agus a stiuradh 's an t-slighe cheirt;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat do sheirbhiseach BHICTORIA ar Ban-righinn agus ar Riaghladair ro sheirceil, a ghleidheadh agus a neartachadh ann an aoradh fìor dhuit féin, ann am fìreantachd agus 'an naomhachd beatha;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat a cridhe riaghladh ann ad chreidimh, ann ad eagal, agus ann ad ghràdh, agus gu sìorruidh tuilleadh gu'm bi earbsa aice annad, agus gu'n iarr i do ghnàth d' onoir agus do ghlòir;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat a bhi a' d' fhear-dìon agus a' d' fhear-gleidhidh aice, a' toirt na buaidh' dhi air a naimhdibh uile;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat *Albert Imhear* Prionnsa *Uilse*, agus Ban-phrionnsa *Uilse*, agus an Teaghlach Rìoghail uile, a bheannachadh agus a ghleidheadh;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat na h-uile Easbuigean, Shagartan, agus Dheaconan a shoillseachadh le fìor eòlas agus tuigse

aìr d' Fhocal agus araon le 'n teagasg agus le 'n caithebeatha gu'n nochd iad e, agus gu'n taisbein iad e d'a réir ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat iad so do sheirbhisich a bheannachadh a tha nis ri 'bhi air an gabhail a steach do dh' Ordugh nan Deaconan [no *Sagartan*] agus do ghràs a dhòirteadh orra ; a chum gu'n cuir iad gu h-iomchuidh 'an gnìomh an Dreuchd, a chum togail a suas d' Eaglais 's a chreidimh agus a chum glòire d' ainme naoimh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat Mòr-fhearan na Comhairle, agus na Maithean uile a sgeadachadh, le gràs, gliocas agus tuigse ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat Luchd-frithealadh a' cheartais a bheannachadh agus a ghleidheadh, a' toirt gràis dhoibh a chur 'an gnìomh ceartais, agus a sheasamh na fìrinn ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat do shluagh uile a bheannachadh agus a ghleidheadh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat aonachd, sìth, agus réite a thoirt do na h-uile chinnich ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat cridhe 'thoirt dhuinn anns am bi do ghràdh agus d' eagal, a chaitheamh ar beatha gu dùrachdach a réir d' àitheantan;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat meudachadh gràis a thoirt do d' shluagh uile, a dh' éisdeachd gu sèimh d' Fhocail, agus g' a ghabhail le aigne fhìorghlan, agus a thoirt a mach toraidh an Spioraid ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat iadsan uile a chaidh air seacharan agus a tha air am mealladh a threòrachadh gu slighe na fìrinn ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gn ma deònach leat iadsan a tha 'n an seasamh a a neartachadh, comhfhurtachd, agus còmhnadh a thoirt dhoibh-san a tha lag-chridheach, agus iadsan a tha air tuiteam a thogail a suas, agus fa-dheoidh Sàtan a bhualadh sìos fo 'r cosaibh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat cabhair, còmhnadh, agus comhfhurtachd a thoirt dhoibh-san uile a tha 'n cunnart, 'an éigin, agus 'an an-shocair ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat gach neach a theasairginn a tha air astar air muir no air tìr, na h-uile mhnathan a tha 'n saothair chloinne, gach uile neach easlainteach agus clann òg, agus d' iochd a nochdadh do na h-uile phrìosonaich agus bhraighdibh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat na dìlleachdain agus na bantraichean a dhìon, agus na h-uile a tha aonarach agus fo ainneart, agus deanamh air an son ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat tròcair a dheanamh air na h-uile dhaoinibh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat maitheanas a thoirt d'ar naimhdibh, d'ar luchd-geur-leanmhuinn, agus cul-chainidh, agus an cridheachan a thionndadh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat gach gnè thoraidh na talmhainn a thoirt agus a theasairginn gu 'r feum, air chor 's gu meal sinn iad ann an àm iomchuidh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

Gu ma deònach leat aithreachas fìreannach a thoirt dhuinn, ar peacaidhean, ar dearmaid, agus ar n-aineolais uile a mhaitheadh dhuinn, agus ar sgeadachadh le gràs do Spioraid naoimh, a leasachadh ar caithe-beatha a réir d' fhocail naoimh ;

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheadh Thighearna.

A Mhic Dhé : tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn.

A Mhic Dhé : tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn.

O Uain Dhé : a tha 'toirt air falbh pheacaidhean an t-saoghail ;

Deònaich dhuinn do shìth.

O Uain Dhé : a tha 'toirt air falbh pheacaidhean an t-saoghail :

Dean tròcair oirnn.

O 'Chriosd, éisd ruinn.

O 'Chriosd, éisd ruinn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Chriosd, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

A Thighearna, dean tròcair oirnn.

¶ *An sin their an Sagart, agus an sluagh maille ris, Urnuigh an Tighearna.*

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d'Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh, Mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, Mar a mhaitheas sinne dhoibh-san a tha 'cionta-achadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn ; Ach saor sinn o olc. Amen.

Sagart.

O 'Thighearna, na buin ruinn a réir ar peacaidhean.

Freagairt.

Agus na toir duais dhuinn a réir ar n-euceartan.

¶ Deanamaid urnuigh.

O 'Dhé Athair thròcairich, nach 'eil ri tàir air osnaich a' chridhe bhrùite, no air miann na muinntir a bhitheas dubhach ; Gu tròcaireach cuidich ar n-urnuighean a tha sinn a' deanamh ann ad làthair 'n ar n-uile an-shocairibh agus àmhghairibh, ge b'e uair air bith a luidheas iad gu trom oirnn ; agus gu gràsmhor éisd ruinn, a chum 's gu'm bi na h-uilc sin uile a tha innleachdan agus cuilbheirtean an diabhuil no an duine ag oibreachadh 'n ar n-aghaidh, air an cur gu neo-bhrigh, agus le freasdal do mhaitheis gu'm bi iad air an sgaoileadh, a chum air dhuinne do sheirbhisich a bhi gun dochan le geur-leanmhuinnibh, gu'n toir sinn gu sìorruidh tuilleadh buidheachas dhuit ann ad Eaglais naoimh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna.

O 'Thighearna, éirich, cuidich sinn, agus saor sinn air sgàth d' Ainme.

O 'Dhé, chuala sinn le 'r cluasaibh, agus dh' innis ar n-aithrichean dhuinn na h-oibrean òirdheirc a rinn thu ri 'n linn-san, agus anns an t-seann aimsir rompa.

O 'Thighearna, éirich, cuidich sinn, agus saor sinn air sgàth d' onoir.

Glòir do'n Athair, agus do'n Mhac : agus do'n Spiorad Naomh :

Freagairt.

Mar a bha air tùs, a tha nis, agus a bhitheas gu bràth : saoghal gun chrìoch. Amen.

O ar naimhdibh dìon sinn, O 'Chriosd.
Gu gràsail amhairc air ar n-àmhghairibh.
Gu truacanta seall air bròin ar cridheachan.
Gu tròcaireach maith peacaidhean do shluaigh.
Gu caomh le tròcair éisd ar n-urnuighean.
O 'Mhic Dhaibhidh, dean tròcair oirnn.
Araon a nis agus gu bràth deònaich éisdeachd ruinn, O 'Chriosd.
Gu gràsail éisd ruinn, O 'Chriosd ; gu gràsail éisd ruinn, O 'Thighearna Chriosd.

Sagart.

O 'Thighearna, bitheadh do thròcair air a nochdadh dhuinn.

Freagairt.

Mar a tha sinn a' cur ar n-earbsa annad.

Deanamaid urnuigh.

GU h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort, O Athair, gu tròcaireach amhairc air ar n-anmhunnachdaibh ; agus air son glòire d' Ainme, tionndaidh uainn na h-uilc sin uile gu ro cheart a thoill sinn ; agus deònaich, 'n ar n-uile àmhghairibh gu'n cuir sinn ar n-earbsa agus ar muinghin iomlan ann ad thròcair-sa, agus gu'n dean sinn gu sìorruidh tuilleadh seirbhis dhuit ann an naomhachd agus 'am fìor-ghloine caithe-beatha, chum d' onoir agus do ghlòire, trìd ar n-aon Eadar-mheadhonair agus ar Fir-tagraidh, Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin seinnear no theirear an t-Seirbhis air son a' Chomanachaidh, maille ris a' Ghuidhe, ris an Litir, agus ris an t-Soisgeul, mar a leanas.*

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a shocraich le d' fhreasdal diadhaidh caochladh Orduighean de Mhinisteiribh

ann ad Eaglais, agus a rinn d' Abstoil a dheachdadh chum gu'n taghadh iad gu Ordugh nan Deaconan N. Stephen an ceud Fhear-fianuis, maille ri daoinibh eile ; Gu tròcaireach amhairc orra so do Sheirbhisich, a tha nis air an gairm chum na h-Oifig agus an Fhrithealaidh cheudna sin. Lìon iad le fìrinn do theagaisg, agus sgeadaich iad le neò-chiontachd caithe-beatha, chum araon le focal agus le deadh eisempleir, gu'n dean iad seirbhis dhìleas dhuit 's an Oifig so, chum glòire d' Ainme, agus togail suas d' Eaglais 's a' chreidimh, tre dheadh-thoillteanais ar Slànuidhir Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riut-sa agus ris an Spiorad naomh a nis agus gu sìorruidh. *Amen.*

An Litir. 1 Tim. iii. 8.

MAr an ceudna is còir do na Deaconaibh a bhi suidhichte, gun an teangadh 'bhi leam leat, gun bhi cionail air mòran fiona, gun bhi déidheil air buannachd shalaich, a' cumail rùn-dìomhair a' chreidimh ann an coguis ghloin. Agus bitheadh iadsan mar an ceudna air an dearbhadh an toiseach, agus an sin gnàthaicheadh iad Dreuchd Deacoin, air dhoibh a bhi air am faghail neo-choireach. Is amhuil sin is còir do na mnathan a bhi suidhichte, gun a bhi 'n an luchd-tuaileis, ach a bhi measarra, ionraic anns na h-uile nithibh. Bitheadh na Deacoin 'n am fir aon mhnatha, a' riaghladh an cloinne agus an tighe féin gu maith. Oir an dream a ghnàthaich Dreuchd Deacoin gu maith, tha iad a' cosnadh deadh cheum dhoibh féin, agus dànachd mhòr 's a' chreidimh a tha ann an Iosa Criosd.

¶ *No so as an t-Seathamh Caibideil de Ghnìomharaibh nan Abstol.*

Gnìomh. vi. 2.

AN sin ghairm an dà fhear dheug mòr-chuideachd nan deisciobul d'an ionnsuidh, agus thubhairt iad, Cha-n'eil e iomchuidh sinne dh' fhàgail focail Dhé, agus a fhrithealadh do bhòrdaibh. Uime sin, a bhràithrean, iarraibh a mach 'n 'ur measg seachdnar dhaoine fo dheadh iomradh, làn de 'n Spiorad naomh agus de ghliocas, a chuireas sinne os ceann an dreuchd so. Ach buanaichidh sinne a ghnàth ann an urnuigh, agus ann am ministreileachd an fhocail. Agus bha a' chainnt so taitneach 'an

làthair na mòr-chuideachd uile. Agus thagh iad Stephen, duine làn de chreidimh, agus de 'n Spiorad naomh, agus Philip, agus Prochorus, agus Nicanor, agus Timon, agus Parmenas, agus Nicolas, proseliteach á mhuinntir Antioch : Chuir iad iadsan 'an làthair nan Abstol ; agus air deanamh urnuigh dhoibh, chuir iad an làmhan orra. Agus dh' fhàs focal Dhé, agus mheudaicheadh àireamh nan Deisciobul gu ro mhòr ann an Ierusalem, agus bha cuideachd mhòr de na Sagartaibh ùmhal do'n chreidimh.

¶ [*Agus roimh an t-Soisgeul, air do'n Easbuig suidhe 'n a Chathair iarraidh e Mionnan mu Ard-uachdaranachd an Rìgh, agus an aghaidh cumhachd agus ùghdarrais gach Ard-uachdarain céin-thirich a bhi air an gabhail leis gach aon diubh-san a tha ri 'bhi air 'Orduchadh.*

Mionnan mu Ard-uachdaranachd an Rìgh.

THa mise *A.B* a' deanamh fianuis agus a' cur 'an céill gu h-iomlan o m' choguis, Gur e an Rìgh is aon Ard-Riaghladair 's an Rìoghachd so, agus anns gach Tir agus gach Dùthaich a bhuineas da, araon ann an nithibh agus cùisibh Spioradail na h-Eaglais, cho maith ri nithibh Aimsireil : Agus nach 'eil, 's nach bu chòir a bhi aig Prionnsa, Pearsa, Easbuig, Rìoghachd, no Ard-uachdaran céin-thireach, riaghladh laghail sam bith, cumhachd, uachdaranachd, barrachd-inbhe no ùghdarras a bhuineas do'n Eaglais no do nithibh Spioradail 'an taobh a stigh de'n Rìoghachd so. Agus air an aobhar sin tha mi gu h-iomlan ag àicheadh agus a' cur cùil ris gach riaghladh, cumhachd, uachdaranachd agus ùghdarras céin-thireach ; agus tha mi 'gealltuinn, O so suas gu'm bi mi dìleas agus làn-ùmhal do an Rìgh, d' A Oighreachaibh agus Dhoibh-san a thig gu laghail 'n a àite, agus gu m' chomas gu'n cuidich agus gu'n seas mi gach riaghladh laghail, gach ceart-chòir, gach barrachd-inbhe agus gach ùghdarras a bhitheas air a thoirt no 'bhuineas do an Rìgh, d'A Oighreachaibh agus Dhoibh-san a thig 'n a àite, no a bhitheas air 'aonachadh no air a cheangal ri Crùn Iompaireach na Rìoghachd so : Mar so gu'n cuidicheadh Dia mi, agus na Nithean a tha sgrìobhta 's an Leabhar so.]

¶ *An sin ceasnaichidh an t-Easbuig gach aon diubh-san a tha ri bhi air an Orduchadh, ann an làthair an t-sluaigh, air an dòigh so a leanas.*

AM bheil sibh 'g earbsadh gu bheil sibh air 'ur brosnuchadh bho 'n taobh a stigh leis an Spiorad naomh a ghabhail oirbh féin na h-Oifig agus an Fhrithealaidh so, gu seirbhis a dheanamh do Dhia air son cur air adhart a ghlòire, agus togail a suas a shluaigh 's a' chreidimh ?

Freagairt.

Tha mi 'g earbsadh gu bheil.

An t-Easbuig.

AM bheil sibh a' smuainteachadh gu bheil sibh gu firinneach air 'ur gairm a réir toil' ar Tighearn' Iosa Criosd, agus a réir fìor Orduigh na Stàide so, chum Ministreileachd na h-Eaglais ?

Freagairt.

Tha mi 'smuainteachadh gu bheil.

An t-Easbuig.

AM bheil sibh gun cheilg a' creidsinn uile Sgriobtuirean Laghail an t-Seann Tiomnaidh agus an Tiomnaidh Nuaidh ?

Freagairt.

Tha mi 'g an creidsinn.

An t-Easbuig.

AN àill leibh an leughadh gu dùrachdach do'n t-sluagh a chruinnicheas do'n Eaglais 's an suidhichear sibh gu frithealadh ?

Freagairt.

Is àill.

An t-Easbuig.

BUinidh e do dh' Oifig Deacoin anns an Eaglais 's an suidhichear e gu frithealadh, gu'n cuidich e an Sagart anns an t-seirbhis Dhiadhaidh, agus gu h-àraidh

an uair a tha e 'frithealadh a' Chomanachaidh naoimh, agus gu'n gabh e pàirt maille ris 'n a riarachadh, agus gu'n leugh e na Sgriobtuirean naomha agus na Searmoinean orduichte anns an Eaglais : agus gu'n teagaisg e an oigridh ann an Leabhar nan ceisdean : gu'm Baist e naoidheanan far nach 'eil an Sagart a' làthair, agus gu Searmonaich e, ma thugadh cead dha sin a dheanamh leis an Easbuig. Agus mar an ceudna, is e a Dhleasannas, far am bheil so mar riaghailt, na daoine tinne, na bochdan agus sluagh easlainteach na Sgìreachd a rannsachadh a mach, agus an inbhean, an ainmean, agus an ionadan còmhnuidh a nochdadh do'n Bhuachaille spioradail, chum le 'earail-san gu fuasglar orra le déirce muinntir na Sgìreachd no muinntir eile. An àill leibh so a dheanamh gu deònach agus gu toileach ?

Freagairt.

Is àill leam sin a dheanamh, le còmhnadh Dhé.

An t-Easbuig.

AN àill leibh 'ur n-uile dhìchioll a dheanamh a chum 'ur caithe-beatha féin agus caithe-beatha 'ur teaghlaichean a riaghladh agus a chomh-chumadh a réir teagaisg Chriosd, agus sibh féin agus iadsan a dheanamh, a' mheud agus is urrainn sibh, 'n 'ur deadh eisempleiribh do threud Chriosd ?

Freagairt.

Is àill leam sin a dheanamh, air do'n Tighearn a bhi na fhear-còmhnaidh dhomh.

An t-Easbuig.

AN àill leibh géill a thoirt le urram do'n Ard-fhear-ughdarrais a bhitheas thairis oirbh agus do dh' àrd Mhinisteiribh eile na h-Eaglais, agus dhoibh-san d'an toirear curam agus riaghladh thairis oirbh, a' leantuinn an earailean diadhaidh le inntinn aoibhnich agus deadhrùn ?

Freagairt.

Bheir mi oirdheirp so a dheanamh, air do'n Tighearn a bhi 'na fhear-còmhnaidh dhomh.

¶ *An sin cuiridh an t-Easbuig a làmhan air ceann gach aon diubh fa leth, air dhoibh a bhi gu h-ùmhal air an glùinibh 'n a làthair, agus their e,*

GAbh thusa ùghdarras gu Oifig Deacoin a dh' earbadh riut a chur 'an gnìomh ann an Eaglais Dhé ; ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spiorad naoimh. *Amen.*

¶ *An sin liùbhraidh an t-Easbuig an Tiomnadh Nuadh do gach aon diubh, ag ràdh,*

GAbh thusa ùghdarras gu leughadh an t-Soisgeil ann an Eaglais Dhé, agus g'a shearmonachadh, ma gheibh thu cead sin a dheanamh bho 'n Easbuig féin.

¶ *An sin leughaidh aon diubh-san a shònraicheas an t-Easbuig*

An Soisgeul. N. Lucas xii. 35.

BItheadh 'ur leasraidh criosLaichte mu'n cuairt, agus 'ur lòchrain air an lasadh ; agus sibh féin cosmhuil ri daoinibh a tha 'feitheamh ris an Tighearn, an uair a philleas e o'n phòsadh ; chum air dha teachd agus bualadh, gu'n grad-fhosgail iad dha. Is beannaichte na seirbhisich sin, a gheibh an Tighearn 'an uair a thig e, ri faire. Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, gu'n criosLaich se e féin mu'n cuairt, agus gu'n cuir e 'n an suidhe iad a chum bìdh, agus gu'n tig e mach agus gu'n dean e frithealadh dhoibh. Agus ma thig e 's an dara faire, no ma thig e 's an treas faire, agus gu'm faigh e iad mar sin, is beanaichte na seirbhisich sin.

¶ *An sin théid an t-Easbuig air aghaidh leis a' Chomanachadh, agus fanaidh iadsan uile a chaidh Orduchadh, agus gabhaidh iad an Comanachadh air an là sin maille ris an Easbuig.*

¶ *Air do'n Chomanachadh a bhi air a chrìochnachadh, bithidh na Guidhean so a leanas air an ràdh an déigh a' Ghuidhe mu dheireadh, agus dìreach roimh 'n Bheannachadh.*

ADhé Uile-chumhachdaich, a thabhartair nan uile dheadh nithe, o d' mhòr mhaitheas a dheònaich gabhail riutha so do sheirbhisich chum Oifig

Dheaconan ann ad Eaglais; Tha sinn a' guidhe ort, O 'Thighearna, an deanamh modhail, iriosal, agus dìleas 'n am Frithealadh, a chum gu'm bi aca toil ullamh gu toirt fainear gach riaghailt spioradail; agus air dhoibh teist-eanas deadh choguis a ghnàth 'bhi aca agus buanachadh daonnan seasmhach agus làidir ann ad Mhac Criosd, gu'n giùlain siad iad féin cho maith 's an Oifig so a's isle, a's gu faighear iomchuidh iad gu 'bhi air an gairm a dh' ionnsuidh nan inbhean a's àirde ann am Ministreileachd d' Eaglais, tre an ti cheudna do Mhac ar Slànuidhear Iosa Criosd; dhà-san gu robh glòir agus onoir saoghal gun chrìoch. *Amen.*

TReòraich sinn, O 'Thighearna, 'n ar n-uile dheanad-ais le d' fhàbhar ro ghràsail, agus thoir air ar n-aghaidh sinn le d' shìor chòmhnadh; a chum 'n ar n-uile oibribh a thòisich, a bhuanaich agus a chrìoch-naich sinn annad-sa, gu'n glòraich sinn d' Ainm naomh, agus fa-dheoidh le d' thròcair gu'm faigh sinn a' bheatha mhaireannach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

GU'n gleidheadh sìth Dhé a tha os ceann gach uile thuigse, 'ur cridheachan agus 'ur n-inntinnean ann an eòlas agus ann an gràdh Dhé, agus a Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. Agus gu'n robh beannachadh Dhé Uile-chumhachdaich, an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid naoimh, 'n 'ur measg, agus gu'n gabhadh e còmhnuidh maille ruibh do ghnàth. *Amen.*

¶ *AGus feumaidh e 'bhi air a nochdadh an so do'n Deacon, gu feum e fuireach bliadhna iomlan 's an Oifig sin mar Dheacon (mur a faicear iomchuidh leis an Easbuig air son aobhairean reusanta) a chum gu'm bi e foirfe, agus làn-eòlach air na nithibh a bhuineas do fhrithealadh na h-Eaglais. Agus ma gheibhear f'rinneach agus dùrachdach e, ann an cur 'an gnìomh na h-Oifig sin, feudaidh e 'bhi air a ghabh-ail a steach do dh' Ordugh na Sagartachd le Easbuig a sgìreachd, air na h-àmaibh a tha socraichte ann an Lagh na h-Eaglais; no ma bhitheas aobhar éigin ann, air Dòmhnach, no air Là-naomh eile, ann an làthair na h-Eaglais, air an dòigh, agus a réir na riaghailt a leanas an déigh so.*

¶ AN RIAGHAILT AGUS AN DOIGH AIR SON ORDUCHADH SHAGARTAN.

¶ *Air teachd do'n là a shònraicheadh leis an Easbuig, an déigh do'n Urnuigh-Mhaidne crìochnachadh, bithidh Searmoin no Earail ann, a' nochdadh Dleasannais agus Oifig nan daoine sin a thig gu 'bhi air an gabhail a steach do dh' Oifig nan Sagartan; cia feumail 's a tha an t-Ordugh sin ann an Eaglais Chriosd; agus mar an ceudna cia mar bu chòir do'n t-sluagh meas a bhi aca orra 'n an Oifig.*

¶ *Air tùs cuiridh an t-Ard-Dheacon, no mur a bi esan a' làthair, an t-aon a tha air a shuidheachadh 'n a àite, ann an làthair an Easbuig air dha suidhe 'n a Chaithir am fagus do'n Bhòrd naomh, iadsan uile a tha gu 'bhi air an orduchadh 'n an Sagartaibh air an là sin (gach aon diubh sgeadaichte gu h-iomchuidh) agus their e,*

AThair urramaich ann an Dia, tha mi 'our nan daoine so 'n 'ur làthair-se, gu 'bhi air an gabhail a steach do dh' Ordugh nan Sagartan.

¶ *An t-Easbuig.*

THoir an aire gu bheil na daoine a chuir thu 'n ar làthair iomchuidh agus freagarrach, a thaobh am fòghluim agus an caithe-beatha dhiadhaidh, am Minis-treileachd a chur gu h-iomchuidh 'an gnìomh, chum onoir Dhé agus togail a suas 'Eaglais 's a' chreidimh.

¶ *Freagraidh an t-Ard-Dheacon.*

Dh' fhiosraich mi dhiubh, agus mar an ceudna cheas-naich mi iad, agus tha mi 'smuainteachadh gu bheil iad freagarrach.

¶ *An sin their an t-Easbuig ris an t-sluagh.*

A Dheadh shluaigh, is iad so a' mhuinntir a tha rùn oirnn, le còmhnadh Dhé, a ghabhail a steach air an là 'n diugh do dh' Oifig naomh na Sagartachd. Oir ùir dhuinn a mean-cheasnachadh cha d' fhuair sinn aobhar teagaimh sam bith, nach 'eil iad gu laghail air an gairm chum an Dreuchd agus am Ministreileachd, agus nach 'eil iad 'n an daoinibh freagarrach air an son. Ach gidheadh ma tha neach air bith agaibh d'an aithne aobhar-bacaidh air bith no coire chomharaichte ann an aon sam bith dhiubh, a thaobh nach bu chòir a ghabhail a steach do'n Mhinistreileachd naomh so, thigeadh e 'làthair ann an Ainm Dhé, agus nochdadh e ciod i a' choire no an t-aobhar-bacaidh a th' ann.

¶ *Agus ma bhitheas coire mhor no aobhar-bacaidh air a thoirt air aghaidh, cuiridh an t-Easbuig dàil ann an Orduchadh an fhir sin, gus am bi e air 'fhaotainn neò-chiontach de'n choire a chuireadh as a leth.*

¶ *An sin (air do'n Easbuig urnuighean a' choimhthionail iarraidh air an son-san a gheibhear iomchuidh gu 'bhi air an Orduchadh) seinnidh, no their e, maille ris a' Chléir agus ris an t-Sluagh a tha 'làthair, an Laoidh-dhiann, leis na h-urnuighibh, mar a tha iad air an cur a mach roimh so ann an Riaghailt Orduchaidh nan Deaconan; ach a mhàin anns an iarrtus shònraichte a tha air a chur riu an sin, fàgar a mach am focal* [Deaconan], *agus cuirear am facal* [Sagartan] *'n a àite.*

¶ *An sin seinnear no theirear an t-Seirbhis air son a' Chomanachaidh; maille ris a' Ghuidhe, ris an Litir, agus ris an t-Soisgeul, mar a leanas.*

¶ *An Guidhe.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thabhartair nan uile nithe maith', a shocraich le d' Spiorad naomh caochladh Orduighean de Mhinisteiribh anns an Eaglais, gu tròcaireach amhairc orra so do sheirbhisich a tha nis air an gairm chum Oifig na Sagartachd, agus mar so lìon iad le firinn do theagaisg, agus sgeadaich iad le neò-chiontachd caithe-beatha, chum araon le focal agus le deadh

eisempleir gu'n dean iad seirbhis dhìleas dhuit 's an Oifig so, chum glòire d' Ainme, agus togail a suas d' Eaglais 's a' chreidimh, tre dheadh-thoillteanais ar Slànuidhir Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riut-sa agus ris an Spiorad naomh, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *An Litir.* Eph. iv. 7.

THugadh gràs do gach aon againn, a réir tomhais tiodhlaic Chriosd. Uime sin tha e ag ràdh, Air dol suas da an àird, thug e bruid 'am braighdeanas, agus thug e tiodhlacan do dhaoinibh. (A nis gu'n deach-aidh e suas, ciod e, ach gu'n deachaidh e air tùs sìos gu ionadaibh ìochdarach na talmhainn? An ti a chaidh sìos, is e sin féin a chaidh suas mar an ceudna gu ró àrd os ceann nan uile nèamh, chum gu'n lìonadh e na h-uile nithe.) Agus thug e dream àraidh gu 'bhi 'n an Abstol-aibh, dream eile gu 'bhi 'n am Fàidhibh, agus dream eile gu 'bhi 'n an Soisgeulaichibh, agus dream eile gu 'bhi 'n an Aodhairibh, agus 'n an Luchd-teagaisg, chum na naoimh a dheasachadh, chum oibre na ministreileachd, chum togail suas cuirp Chriosd; gus an tig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh, agus eòlais Mhic Dhé, chum duine iomlain, chum tomhais àirde lànachd Chriosd.

¶ *An déigh so leughar air son an t-Soisgeil earrann de'n Naothamh Caibideil de Naomh Mata, mar a leanas.*

N. Mata ix. 36.

AN uair a chunnaic Iosa an sluagh, ghabh e truas diubh, air son gu'n robh iad air fannachadh, agus air an sgapadh o 'chéile, mar chaoraich aig nach 'eil buachaille. An sin thubhairt e r'a dheisciobluibh, Gu deimhin is mòr am fogharadh, ach is tearc an luchd-oibre. Uime sin guidhibh-se air Tighearn an fhogharaidh, luchd-oibre 'chur a mach 'chum 'fhogharaidh féin.

¶ *No an t-aon so a leanas as an Deicheamh Caibideil de Naomh Eoin.*

N. Eoin x. 1.

GU deimhin deimhin tha mi ag ràdh ruibh, An ti nach téid a stigh troimh an dorus do chrò nan caorach, ach a théid suas air sheòl eile, is gaduiche agus fear-reubainn e. Ach an ti a théid a steach air an dorus,

is esan buachaille nan caorach. Dhà-san fosglaidh an dorsair, agus éisdidh na caoraich r'a ghuth ; agus gairmidh e a chaoraich féin air an ainm, agus treòraichidh e mach iad. Agus an uair a chuireas e mach a chaoraich féin, imichidh e rompa, agus leanaidh na caoraich e ; oir is aithne dhoibh a ghuth. Agus cha lean iad coigreach, ach teichidh iad uaith ; do bhrìgh nach aithne dhoibh guth choigreach. An cosamhlachd so labhair Iosa riu, ach cha do thuig iadsan ciod iad na nithean a labhair e riu. An sin thubhairt Iosa riu a rìs, Gu deimhin deimhin tha mi ag ràdh ruibh, gur mise dorus nan caorach. Iadsan uile a thàinig romham-sa, is gaduichean agus luchd-reubainn iad ; ach cha d' éisd na caoraich riu. Is mise an dorus, ma théid neach air bith steach tromham-sa, tèarnar e, agus théid e steach agus a mach, agus gheibh e ionaltradh. Cha tig an gaduiche ach a ghoid, agus a mharbhadh, agus a mhilleadh : thàinig mise chum gu'm bitheadh beatha aca, agus gu'm bitheadh i aca na's pailte. Is mise am Buachaille maith : leigidh am Buachaille maith 'anam sìos air son nan caorach. Ach am fear-tuarasdail, agus an ti nach e am buachaille, agus nach leis féin na caoraich, chi e am madadh-alluidh a' teachd, agus fàgaidh e na caoraich, agus teichidh e ; agus glacaidh am madadh-alluidh iad, agus sgapaidh e na caoraich. Ach teichidh am fear-tuarasdail, a chionn gur fear-tuarasdail e, agus nach 'eil suim aige de na caoraich. Is mise am Buachaille maith, agus is aithne dhomh mo chaoraich féin, agus aithnichear le m' chaoraich féin mi. Mar is aithne do'n Athair mise, mar sin is aithne dhomh-sa an t-Athair ; agus tha mi 'leigeadh m' anama sìos air son nan caorach. Agus tha caoraich eile agam nach 'eil de'n chrò so : is éigin domh iad sin mar an ceudna 'thoirt a stigh, agus éisdidh iad ri m' ghuth ; agus bithidh aon treud ann, agus aon bhuachaille.

¶ *An sin air do'n Easbuig suidhe 'n a Chaithir* [*bheir e air gach aon diubh Mionnan mu Ard-uachdaranachd an Rìgh a ghabhail, mar a tha e roimh so air a chur a mach anns an Riaghailt air son Orduchadh Dheaconan.*

¶ *Agus an déigh sin*] *labhraidh e riu mar a leanas.*

CHuala sibh, a bhràithrean, 'n 'ur ceasnachadh uaigneach, cho maith a's anns an earail a thugadh

dhuibh a nis, agus mar an ceudna anns na Leasain naomh' a thugadh as an t-Soisgeul agus bho sgrìobhaidhibh nan Abstol, ciod i àrd-inbhe, agus mòr-chudthrom na h-Oifig so, a dh' ionnsuidh an do ghairmeadh sibh. Agus tha sinn a nis 'g 'ur n-earalachadh a rìs ann an Ainm ar Tighearna Iosa Criosd, gu'n gleidh sibh air chuimhne cia àrd an inbhe, agus cia cudthromach an oifig agus an dreuchd a dh' ionnsuidh an do ghairmeadh sibh : 'S e sin ri ràdh, gu 'bhi 'n 'ur teachdairibh, 'n 'ur luchd-faire, agus 'n 'ur stiùbhardaibh aig an Tighearn ; gu teagasg agus gu comhairleachadh, gu beathachadh agus gu solar a dheanamh air son teaghlaich an Tighearna ; gu rannsachadh air son chaorach Chriosd a tha air an sgapadh, agus air son a chloinne a tha air feadh an t-saoghail aingidh so, chum gu'm bi iad air an sàbhaladh gu sìorruidh tre Chriosd.

Uime sin gleidhibh a ghnàth gu diongmhalta 'n 'ur cuimhne, cia mòr an t-ionmhas a chuireadh air 'ur curam. Oir is iad caorich Chriosd, a cheannaich e le 'bhàs, agus air son an do dhòirt e 'fhuil. 'S i an Eaglais agus 's e an coimhthional a tha agaibh ri sheirbhiseachadh, a chéile agus a' chorp-san. Agus ma thachras dochann no aobharbacaidh aon chuid do'n Eaglais sin, no do dh' aon air bith d'a buill le 'ur mi-churam-sa, 's aithne dhuibh meud na coire, agus cuideachd am peanas uamhasach a thig 'n a lorg. Air an aobhar sin smuaintichibh annaibh féin air crìch 'ur ministreileachd a thaobh cloinne Dhé, a thaobh céile agus cuirp Chriosd ; agus thugaibh an aire nach sguir sibh a chaoidh do 'ur saothair, do 'ur curam agus do 'ur dìchioll, gus an dean sibh gach ni a tha 'n 'ur comas, a réir 'ur dleasannais cheangailte, gu toirt gach neach a tha no 'bhitheas air an cur fo 'ur curam, chum còrdaidh ann an creidimh agus eòlas Dé, chum foirfeachd agus iomlanachd aoise ann an Criosd, chum 's nach bi àite air bith air 'fhàgail 'n 'ur measg, aon chuid air son mearachd 's a' Chreidimh, no air son droch Chaithe-beatha.

Uime sin bho 'n a tha 'ur n-Oifig araon cho òirdheirc, agus cho duilich, tha sibh 'faicinn ciod e am mòr-churam agus an dìchioll leis an còir dhuibh saothrachadh, araon a chum gu nochd sibh sibh féin dìleas agus taingeil do'n Tighearn sin a shuidhich sibh 'n a leithid do dh' àrd inbhe ; agus cuideachd a chum gu'm bi sibh faicilleach

nach toir sibh féin oilbheum agus nach bi sibh 'n 'ur n-aobhar oilbheim do dhaoinibh eile. Gidheadh cha-n urrainn duibh inntinn agus toil a bhi agaibh uaibh féin chum so ; oir tha an toil agus an comas so air an toirt le Dia a mhàin : Uime sin tha e iomchuidh, agus feumail dhuibh guidhe gu dùrachdach air son a Spioraid naoimh. Agus a chionn nach urrainn sibh le meadhon air bith eile, a leithid so de dh' obair chudthromach a bhuineas do shàbhaladh dhaoine choimhlionadh, ach le teagasg agus earail air an toirt o na Sgriobtuiribh naomha, agus le caithe-beatha a tha 'comh-chòrdadh riu ; smuaintichibh cia dìchiollach a bu chòir dhuibh a bhi ann an leughadh agus ann am fòghlum nan Sgriobtuirean, agus ann an dealbhadh araon 'ur giùlain féin, agus na muinntir sin a bhuineas gu sònraichte dhuibh, a réir riaghailt nan Sgriobtuirean ceudna : Agus air son an aobhair cheudna, cionnus bu chóir dhuibh (cho fad agus is urrainn sibh) gach curam agus gnothach saoghalta threigsinn agus a chur gu taobh.

Tha deadh dhòchas againn gu'n do bheachd-smuainich agus gu'n do bhreithnich sibh annaibh féin air na nithibh so bho chionn fada ; agus gu'n do chuir sibh da rìreadh romhaibh tre ghràs Dhé, gu'n d' thugadh sibh sibh féin gu h-iomlan a suas do'n Oifig so, anns bu deònach le Dia 'ur gairm ; Air chor a' mheud 's a tha 'n 'ur comas, gu'n leag sibh 'ur n-inntinn gu leir air an aon ni so agus gu'n tarruing sibh 'ur n-uile churam agus rùintean chum na slighe so ; agus gu'n guidh sibh a ghnàth air Dia an t-Athair, air son còmhnaidh nèamhaidh a Spioraid naoimh trìd ar n-Eadar-mheadonair agus ar n-aon Slànuidhir Iosa Criosd ; chum le leughadh laitheil agus beachd-smuaineachadh air na Sgriobtuiribh gu fàs sibh na's iomlaine agus na's làidire 'n 'ur ministreileachd, agus gu'n dean sibh dìchioll bho àm gu àm, air 'ur caithe-beatha féin agus 'ur cuideachd a naomhachadh, agus a chomh-chumadh a réir riaghailt agus teagaisg Chriosd, chum gu'm bi sibh 'n 'ur eisempleiribh agus 'n 'ur samhlaidhibh fallain agus diadhaidh do'n t-sluagh gu leantuinn.

Agus a nis a chum 's gu'n tuig coimhthional Chriosd a tha 'làthair an so, 'ur n-inntinnean agus 'ur rùintean anns na nithibh sin, agus a chum 's gu'n gluais 'ur

gealladh so na's mò sibh féin gu coimhlionadh 'ur dleasannas, freagraidh sibh gu soilleir na nithe so, a dh' fheòraicheas sinn dhibh 'g an taobh ann an Ainm Dhé, agus 'Eaglais.

AM bheil sibh a' smuainteachadh 'n 'ur cridhe gu bheil sibh gu firinneach air 'ur gairm, a réir toil' ar Tighearn' Iosa Criosd, agus Riaghailt Eaglais Shasunn so, gu Ordugh agus Ministreileachd na Sagartachd ?

Freagairt.

Tha mi 'smuainteachadh gu bheil.

An t-Easbuig.

AM bheil cinnt agaibh gu bheil gach Teagasg nach gabh seachnadh air son sàbhalaidh shìorruidh tre chreidimh ann an Iosa Criosd air a chur sìos gu h-iomlan anns na Sgriobtuiribh naomha ? Agus am bheil sibh a' cur romhaibh gu'n teagaisg sibh an sluagh a chuireadh fo 'ur curam as na Sgriobtuiribh ceudna, agus nach teagaisg sibh ni air bith (mar ni nach gabh seachnadh air son slàinte shìorruidh) ach a' leithid 's a bhitheas cinnt agaibh a ghabhas toirt as an Sgriobtuir agus a bhi air a dhearbhadh leis ?

Freagairt.

Tha a' chinnt sin agam, agus chuir mi romham sin tre ghràs Dhé.

An t-Easbuig.

AN àill leibh fìor dhìchioll a dheanamh a ghnàth ann am frithealadh Teagaisg agus Shacramaidean, agus Riaghailt Chriosd, mar a dh' àithn an Tighearn, agus mar a ghabh an Eaglais agus an Rìoghachd so riu, a réir Aitheantan Dhé ; air chor 's gu'n teagaisg sibh an sluagh a chuireadh air 'ur curam agus fo 'ur stiuradh, gu gleidheadh agus gu coimhead nan nithe ceudna leis gach uile dhìchioll ?

Freagairt.

Is àill leam sin a dheanamh le còmhnadh an Tighearna.

An t-Easbuig.

AM bi sibh deas leis gach uile fhìor dhìchioll a chum gach teagasg mearachdach agus coimheach, a tha

'n aghaidh focail Dhé fhuadach agus fhògradh ; agus araon gu follaiseach agus ann an uaigneas, a' mhuinntir a tha tinn cho maith ris a' mhuinntir a tha slàn fo 'ur curam a chomhairleachadh agus earalachadh, mar a bhitheas feum air, agus mar a bhitheas cothrom air a thoirt dhuibh ?

Freagairt.

Bithidh mi deas, air do'n Tighearn a bhi 'n a Fhear-còmhnaidh dhomh.

An t-Easbuig.

AN àill leibh a bhi dùrachdach ann an urnuighibh, agus ann an leughadh nan Sgriobtuirean naomha, agus 'n a' leithid de dh' ionnsachadh 's a tha 'cuideachadh chum an tuigsinn, agus an cuir sibh gu taobh ionnsachadh saoghalta agus feòlmhor ?

Freagairt.

Ni mi dìchioll air so a dheanamh, air do'n Tighearn a bhi 'n a Fhear-còmhnaidh dhomh.

An t-Easbuig.

AN àill leibh 'ur dichioll a dheanamh a chum 'ur pearsannan féin agus 'ur teaghlaichean a riaghladh agus a chomh-chumadh, a réir Teagaisg Chriosd, agus sibh féin agus iadsan a dheanamh, a' mheud agus is urrainn sibh, 'n 'ur deadh eiseimpleiribh agus shamhlaidhibh do threud Chriosd ?

Freagairt.

Leagaidh mi m' inntinn air a' sin, air do'n Tighearn a bhi 'n a Fhear-còmhnaidh dhomh.

An t-Easbuig.

AN àill leibh cho fad agus is comasach dhuibh, fois, sìth agus gràdh a ghleidheadh a suas agus a chur air aghaidh am measg uile shluaigh Chriosdail, agus gu sònraichte 'n am measg-san a tha no a bhitheas air an cur fo 'ur curam ?

Freagairt.

Is àill leam sin a dheanamh, air do'n Tighearn a bhi 'n a Fhear-còmhnaidh dhomh.

An t-Easbuig.

AN àill leibh géill a thoirt do'n Ard-fhear-ùghdarrais a bhitheas thairis oirbh agus do na h-àrd Mhinisteiribh eile, d'an tugadh curam agus riaghladh thairis oirbh ; a' leantuinn an earailean diadhaidh le inntinn aoibhnich agus deadh rùn, agus 'g 'ur strìochdadh féin d'am breithibh diadhaidh ?

Freagairt.

Is àill leam sin a dheanamh, air do'n Tighearn a bhi 'n a Fhear-còmhnaidh dhomh.

¶ *An sin air do'n Easbuig éiridh suas, their e,*

DIa Uile-chumhachdach, a thug dhuibh an toil so a chum na nithe so uile a dheanamh, Gu'n deònaicheadh e dhuibh mar an ceudna neart agus comas gu 'n coimhlionadh ; chum 's gu'n crìochnaich e 'obair a thòisich e annaibh trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An déigh so iarrar air a' Choimhthional an urnuighean agus an athchuingean ùmhal a dheanamh gu h-uaigneach ri Dia air son nan nithe so uile : Agus air son nan urnuighean sin, gleidhear tosd car seal'.*

¶ *An déigh so (air dhoibh-san a tha ri 'bhi air an Orduchadh 'n an Sagartaibh a bhi uile air an glùinibh) seinnear no theirear leis an Easbuig* Veni, Creator Spiritus ; *tòisichidh an t-Easbuig, agus freagraidh na Sagartan agus muinntir eile a bhitheas a' làthair e, rann ma seach, mar a leanas.*

A Spioraid naoimh, ar n-anma gluais,
'Us soillsich iad le tein' o shuas.
'S tu Spiorad-ungaidh do chuid sluaigh,
'Tha 'toirt dhoibh tiodhlac nan seachd buaidh'.
Bho d' Ungadh beannaicht', nèamhaidh, àigh,
Thig beatha, comhfhurtachd, 's teas-ghràdh.
Le d' sholus fiorghlan, dealrach, buan,
Gach duibhr' 'us aineolas cuir uainn.

Ar n-ungadh dean, 's gach gruaim tog dhinn
Le lànachd mhòir do ghràis ro ghrinn';
Cuir sìth 'n ar tìr, cuir nàimh fa-sgaoil :
Cha-n eagal duinn fo d' stiuradh gaoil.
An t-Athair taisbein duinn 's am Mac,
Aon Dia, leat fhéin, 'tha uatha 'teachd,
A chum, O Athair, 's a Mhic chaoimh,
'S a Spioraid mhòir, aon Trionaid naomh,
Luaidh gu'n dean sinn air do mhaitheas,
Feadh gach linn gu h-àrd 'am flaitheas.

¶ *No so.*

TUirlinn, a Spioraid Dhé bhith-bhuain,
'tha 'teachd o'n ionad naomh,
Araon o'n Athair 'us o'n Mhac,
Dia 'ghràidh 's na sìochaint chaoimh'
Ar n-inntinnean 's ar cridheachan
le d' ghràsaibh nèamhaidh lìon,
Chum f'rinn agus diadhaidheachd
gu'n lean sinn thar gach ni.
'S tu fhéin gun cheist an Comhfhurtair,
's gach aimsir bròin 'us truaigh' :
Fìor-thìodhlac nèamhaidh Dhé ro mhòir,
nach urrainn teang' a luaidh.
'S tu tobar agus fuaran beò
gach sonais 'thig á nèamh ;
An teine glan, an gràdh cho caomh,
's an t-Ungadh fìor 'tha sèimh.
Air do shàr bhuaidhibh ioma-fillt',
leag Eaglais Chrìosd a stéidh :
Air cridh' nam f'rean tha do lagh,
sgrìobhta le làmhan Dhé.
A réir do gheallaidh fhéin, ar Triath,
's tu 'ghluaiseas sinn le d' ghràs,
Chum cliu ar Dé, le d' chòmhnadh deas,
a chur 'an céill le bàigh.
Do shoillse nèamhaidh, 'Spioraid naoimh,
gu pailt 'n ar n-inntinn dòirt,
G' ar brosnachadh 'an seirbhis Dhé,
le eud gun sgìos, gun ghò.
'N ar n-éucail deònaich neart 'us sláint',
(ar laigse dhuits' is eòl)

A chum nach buadhaich thairis oirnn
An Diabh'l, an saogh'l, no 'n fheòil.
Ar nàmhaid fuadaich fada uainn,
'us suidhich gu neo-ghann
'N ar cridhe sìth ri Dia 's ri daoin'
(an tairbh' is feàrr a th' ann).
'S do bhrìgh gur tusa fhéin, a Dhé,
ar n-iùl 's ar ceannard tréun,
Gach eangach peacaidh seachnar leinn,
's ar ceum cha chlaon uait f'héin.
Mòr phailteas agus neart do ghràis,
'Dhia, deònaich dhuinn a ghnàth,
'S gu'm bi thu dhuinn a' d' chomfhurtair
's a'd' thaic' air là a' bhràth.
De chòmh-stri 'us de dh' aimhreit uilc,
'Dhia, bristear leat gach bann,
'Us teannaich snaim' na sìth' 's a' ghràidh,
's a' Chrìosdachd mhòir g' a ceann.
Thoir gràs a chum 's gu'n aithnich sinn
an t-Athair neartmhor, naomh ;
'S gu'm faic ar sùilean sealladh àigh
air Iosa 'Aon Mhac caomh.
A chum 's gu'n aidich sinn gach àm,
le creidimh iomlan, fìor,
Spiorad an Athar 'us a' Mhic,
tri pearsa, ach aon Dia.

Do Dhia an t-Athair, cliu 'us glòir,
'us fòs d'a Mhac ro chaomh,
'S do Spiorad naomh nan uile ghràs,
co-ionnan, tri 'an aon.
'Us guidheamaid gu'n deònaichear
Spiorad ro naomh ar Dé,
Dhoibh-san gu léir le 'n luaidhear 'Ainm,
bho so a mach gach ré.
Amen.

¶ *An déigh so, ni an t-Easbuig urnuigh air an dòigh so, ag ràdh,*

Deanamaid urnuigh.

A Dhé Uile-chumhachdaich agus Athair nèamhaidh, a thug o d' ghràdh agus o d' mhaitheas neo-

chriochnach dhuinne, d'aon Mhac ro ionmhuinn Iosa Criosd, gu 'bhi 'n a Fhear-saoraidh dhuinn, agus 'n a Ughdair beatha shìorruidh ; an ti air dha ar saorsa a dheanamh iomlan le 'bhàs, agus dol a suas gu nèamh, a chuir a mach do'n t-saoghal 'Abstolan, 'Fhàidhean, a Shoisgeulaichean, a Luchd-teagaisg agus 'Aodhairean, agus le 'n saothair agus le'm ministreileachd-san chruinnich e ri 'chéile mòr-threud ann an uile cheàrnaibh an domhain, chum gu'n taisbeineadh iad a mach cliu sìorruidh d' Ainme naoimh féin : Air son nan sochairean mòra so a tha 'teachd o d' mhaitheas sìorruidh, agus air son 's gu'm bu deònach leat do sheirbhisich a tha so 'làthair, a ghairm chum na h-Oifig agus na ministreileachd cheudna a shuidhicheadh air son sàbhalaidh a' chinne-daoine, tha sinn a' toirt buidheachais o'r n-uile chridhe dhuit, tha sinn a' toirt molaidh agus aoraidh dhuit : agus gu h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort tre an ti cheudna do Mhac beannaichte, gu'n deònaich thu do na h-uile a tha 'gairm air d' Ainm naomh an so no 'n àite air bith eile, gu'm buanaich sinn 'g ar nochdadh féin taingeil dhuit-sa air son nan sochairean so agus air son d' uile shochairean eile, agus gu'm meudaich sinn agus gu'n téid sinn air ar n-aghaidh gach là ann an eòlas ort-sa agus 'an creidimh annad-sa agus ann ad Mhac, trìd an Spioraid naoimh. Chum gu'm bitheadh d' Ainm naomh gu sìorruidh air a ghlòrachadh, agus do rìoghachd bheannaichte air a meudachadh, le d' Mhinisteiribh so, cho maith agus leo-san thairis air am bi iad air an suidheachadh mar do Mhinisteirean, tre an ti cheudna do Mhac Iosa Criosd ar Tighearn, a tha beò agus a' riaghladh maille riut-sa ann an aonachd an Spioraid naoimh cheudna, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *Air crìochnachadh do'n urnuigh so, leagaidh an t-Easbuig, maille ris na Sagartaibh a tha 'làthair, an làmhan fa leth air ceann gach aoin diubh-san a tha 'gabhail Orduigh na Sagartachd, air do luchd-gabhail an Orduigh a bhi gu h-ùmhal air an glùinibh, agus their an t-Easbuig,*

GAbh an Spiorad naomh air son Oifig agus oibre Sagairt ann an Eaglais Dhé, a tha 'nis air 'earbsadh riut le leagadh ar làmhan ort. Cò air bith iad d'am maith thu am peacaidhean, tha iad maithte dhoibh ;

agus cò air bith iad d' an cum thu am peacaidhean gun am maitheadh, tha iad air an cumail. Agus bi thusa a' d' Fhear-frithealaidh fìrinneach air Focal Dé, agus air a Shàcramaidibh naomha ; ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen.

¶ *An sin liùbhraidh an t-Easbuig am Bìobull ann an làimh gach aoin diubh, air dhoibh a bhi air an glùinibh, agus their e,*

GAbh thusa ùghdarras gu searmonachadh Focail Dé, agus gu frithealadh nan Sàcramaidean naomha anns a' Choimhthionail, far an suidheachar thu gu laghail chum sin a dheanamh.

¶ *An déidh so, seinnear na theirear Creud Nicea, agus an déigh sin théid an t-Easbuig air aghaidh ann an Seirbhis a' Chomanachaidh, agus gabhaidh iadsan uile a fhuair Orduighean e còmhla, agus fanaidh iad 's a' cheart ionad 's an robh làmhan air an leagadh orra, gus an gabh iad an Comanachadh.*

¶ *Air do'n Chomanachadh crìochnachadh, an déigh a' Ghuidhe mu dheireadh, agus dìreach roimh 'n Bheannachadh, theirear na Guidhean so.*

AThair ro thròcairich, tha sinn a' guidhe ort gu'n cuir thu do bheannachadh nèamhaidh, orra so do Sheirbhisich, chum 's gu'm bi iad air an sgeadachadh le fìreantachd, agus gu'm bi aig d' fhocal air a labhairt le'm beoil, a leithid de bhuaidh, 's nach labhrar uair air bith 'an dìomhanas e. Deònaich dhuinne mar an ceudna do ghràs a chum éisdeachd agus gabhail ris an ni sin a liùbhras iadsan á d' Fhocal ro naomh, no a tha 'comhchòrdadh ris, mar mheadhonan ar sàbhalaidh ; chum 'n ar n-uile bhriathraibh agus ghnìomharaibh gu'n iarr sinn do ghlòir, agus meudachadh do Rìoghachd, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

TReòraich sinn, O 'Thighearna, 'n ar n-uile dheanadais le d' fhàbhar ro ghràsail, agus thoir air ar n-aghaidh sinn le d' shìor chòmhnadh, a chum 'n ar n-uile oibribh a thòisich, a bhuanaich, agus a chrìochnaich sinn annad-sa, gu'n glòraich sinn d' Ainm naomh, agus fa-

dheoidh le d' thròcair gu'm faigh sinn a' bheatha mhaireannach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

GU'n gleidheadh sìth Dhé a tha os ceann gach uile thuigse, 'ur cridheachan agus 'ur n-inntinnean ann an eòlas agus ann an gràdh Dhé, agus a Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. Agus gu'n robh beannachadh Dhé Uile chumhachdaich, an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid naoimh 'n 'ur measg, agus gu'n gabhadh e còmhnuidh maille ruibh do ghnàth. *Amen.*

¶ *AGus ma bhitheas Ordugh Dheaconan air a thoirt do chuid, agus Ordugh Sagartachd do chuid eile 's an aon là; Cuirear na Deaconan a' làthair an toiseach, agus an sin na Sagartan. Agus is leòir an Laoidh-dhiann a ràdh aon uair air son an dà orduigh. Gnàthaichear an dà Ghuidhe; an toiseach an Guidhe air son Dheaconan, agus an sin an Guidhe air son Shagartan. Bithidh an Litir air a toirt bho* Eph. iv. 7-13, *mar a bha i roimhe anns an t-Seirbhis so. Agus dìreach an déigh so,* [*gabhaidh iadsan a tha gu bhi air an deanamh 'n an Deaconaibh Mionnan mu Ard-uachdaranachd an Rìgh, agus*] *bithidh iad air an Ceasnachadh agus air an Orduchadh, mar a sgrìobhadh roimh so. An sin air do aon diubh an Soisgeul a leughadh (a bheirear bho* N. Mata ix. 36-38, *mar a bha e roimhe anns an t-Seirbhis so; no* N. Lucas xii. 35-38 *mar a bha e roimhe anns an Riaghailt air son Orduchadh Dheaconan)* [*gabhaidh iadsan a tha gu 'bhi air an deanamh 'n an Sagartaibh Mionnan mu Ard-uachdaranachd an Rìgh mar an ceudna, agus*] *bithidh iad air an Ceasnachadh agus air an Orduchadh, mar a dh' àitheadh roimh so 's an t-Seirbhis so.*

AN RIAGHAILT AIR SON ORDUCHADH NO COISRIGEADH ARD-EASBUIG, NO EASBUIG; A THA 'GHNATH RI 'BHI DEANTA AIR DOMHNACH NO LA NAOMH.

¶ *An uair a tha gach ni gu h-iomchuidh air 'ullachadh 's an Eaglais, agus air a' chur 'an ordugh; an déigh do 'n Urnuigh-Mhaidne crìochnachadh, tòisichidh an t-Ard-Easbuig (no Easbuig eile a tha air a shònrachadh) air Seirbhis a' Chomanachaidh; agus is e so*

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thug tre do Mhac Iosa Criosd iomadh tiodhlac òirdheirc do d' Abstolaibh naomha, agus a dh' àithn dhoibh do threud a bheathachadh; Thoir gràs, tha sinn a' guidhe ort, do na h-uile Easbuigibh, Buachaillibh d' Eaglais, a chum 's gu'n searmonaich iad gu dùrachdach d' Fhocal, agus gu'm fritheil iad gu h-iomchuidh a Riaghailt dhiadhaidh; agus deònaich do 'n t-sluagh an ni ceudna 'leantuinn gu h-ùmhal, a chum gu faigh iad uile crùn na glòire shìorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Agus leughaidh Easbuig eile*

An Litir. 1 Tim. iii. 1.

IS ràdh fìor so, Ma tha togradh aig duine air bith chum Dreuchd Easbuig, tha e 'miannachadh deadh oibre. Uime sin is còir do Easbuig a bhi neo-lochdach, 'n a fhear aon mhnatha, faireil, ciallach, deadh-bheusach, fialuidh, ealamh gu teagasg, gun bhi 'n a phòitear, gun bhi

tuasaideach, gun bhi déidheil air buannachd shalaich; ach macanta, neo-thuasaideach, neo-shanntach; 'n a dhuine a riaghlas a thigh fèin gu maith, aig am bheil a chlann fo smachd maille ris an uile shuidheachadh-inntinn; (Oir mur aithne do dhuine a thigh fèin a riaghladh, cionnus a ghabhas e cùram a dh' Eaglais Dhé?) Gun bhi 'n a nuadh-chreideach, air eagal air dha 'bhi air atadh le uabhar, gu'n tuit e ann an dìteadh an diabhuil. Is còir dha mar an ceudna, deadh theisteas a bhi aige uatha-san a tha 'n leth muigh, air eagal gu'n tuit e ann an scainnil, agus ann an ribe an diabhuil.

¶ *No so, air son na Litreach.*

Gnìomh. xx. 17.

CHuir Pòl fios o Mhiletus gu Ephesus, agus ghairm e d'a ionnsuidh seanairean na h-Eaglais. Agus an uair a thàinig iad d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, Tha fhios agaibh cionnus a bha mi 'n 'ur measg anns an uile aimsir, o'n cheud là a thàinig mi do'n Asia, a' deanamh seirbhis do an Tighearn leis gach uile irioslachd inntinn, agus maille ri mòran dheur agus dheuchainnean a thachair dhomh le ceilg nan Iudhach: agus cionnus nach do ghleidh mi ni sam bith 'am folach a bha feumail dhuibh-se, gun a nochdadh dhuibh, agus gun sibhse a theagasg 'am follais agus o thigh gu tigh, a' deanamh fianuis araon do na h-Iudhaich, agus do na Greugaich mu aithreachas a thaobh Dhé, agus mu chreidimh a thaobh ar Tighearn' Iosa Criosd. Agus a nis feuch, tha mi 'dol gu Ierusalem ceangailte 's an Spiorad, gun fhios agam ciod iad na nithean a tharlas dhomh an sin; ach a mhàin gu bheil an Spiorad naomh a' deanamh fianuis anns gach baile, ag ràdh, Gu bheil geimhlean agus trioblaidean a' feitheamh orm. Ach cha-n 'eil suim agam de ni air bith, ni mò tha mi a' meas m' anama féin luachmhor dhomh, chum gu'n crìochnaich mi mo thurus le aoibhneas, agus gu'n coimhlion mi a' mhinistreileachd a fhuair mi o'n Tighearn Iosa, a dheanamh fianuis do Shoisgeul gràis Dhé. Agus a nis feuch, tha fhios agam nach faic sibhse uile, 'am measg an d' imich mi a' searmonachadh Rìoghachd Dhé, mo ghnùis na's mo. Uime sin tha mi a' deanamh fianuis duibh air an là 'n diugh, gu

bheil mise glan o fhuil nan uile. Oir cha do sheachainn mi uile chomhairle Dhé fhoillseachadh dhuibh. Air an aobhar sin thugaibh aire dhuibh féin, agus do'n treud uile air an d' rinn an Spiorad naomh Luchd-coimhead dhibh, a bheathachadh Eaglais Dhé, a cheannaich e le 'fhuil féin. Oir tha fhios agam air a so, an déigh m' imeachd-sa, gu'n tig madaidh-allaidh gharga 'n 'ur measg, nach caomhain an treud. Agus éiridh daoine dhibh féin, a labhras nithe fiara, chum deisciobuil a tharruing 'n an dèigh féin. Uime sin deanaibh faire, a' cuimhneachadh, nach do sguir mise ré thri bliadhna a chomhairleachadh gach aoin agaibh a là agus a dh' oidhche le deuraibh. Agus a nis, a bhràithrean, earbam sibh ri Dia, agus ri focal a ghràis, a tha comasach air 'ur togail suas, agus oighreachd a thoirt duibh 'am measg na muinntir sin uile a tha air an naomhachadh. Cha do shanntaich mi airgiod no òr, no eudach duine sam bith, seadh, is aithne dhuibh féin, gu'n do fhritheil na làmhan so do m' uireasbhuidh fèin, agus do'n mhuinntir sin a bha maille rium. Nochd mi na h-uile nithe dhuibh, gur ann le saothrachadh mar so is còir dhuibh còmhnadh a dheanamh riu-san a tha anmhunn, agus briathran an Tighearn' Iosa a chuimhneachadh, mar a thubhairt e, Tha e na's beannaichte ni a thoirt na 'ghabhail.

¶ *An sin leughaidh Easbuig eile*

An Soisgeul. N. Eoin xxi. 15.

THubhairt Iosa ri Simon Peadar, A Shimoin, mhic Ionais, am bheil barrachd gràidh agad dhomh-sa orra sin? Thubhairt e ris, Tha, a Thighearna, tha fios agad gur toigh leam thu. Thubhairt e ris, Beathaich m'uain. Thubhairt e ris a rìs an dara uair, A Shimoin, mhic Ionais, an toigh leat mise? Thubhairt e ris, Seadh, a Thighearna, tha fios agad gur toigh leam thu. Thubhairt e ris, beathaich mo chaoraich. Thubhairt e ris an treas uair, A Shimoin, mhic Ionais, an toigh leat mise? Bha Peadar doilich a chionn gu'n dubhairt e ris an treas uair, An toigh leat mise? Agus thubhairt e ris, A Thighearna, is aithne dhuit na h-uile nithe; tha fhios agad gur toigh leam thu. Thubhairt Iosa ris, Beathaich mo chaoraich.

No so. N. Eoin xx. 19.

AIr teachd do'n fheasgar an là sin féin, air a' cheud là de'n t-seachduin, agus na dorsa dùinte, far an robh na deisciobuil cruinn air eagal nan Iudhach, thàinig Iosa agus sheas e 's a' mheadhon, agus thubhairt e riu, Sìth dhuibh. Agus air dha so a ràdh, nochd e dhoibh a làmhan agus a thaobh. An sin bha aoibhneas air na deisciobluibh, an uair a chunnaic iad an Tighearn. An sin thubhairt Iosa riu a rìs, Sìth dhuibh: Mar a chuir an t-Athair uaith mise, mar sin tha mise 'g 'ur cur-se uam. Agus air dha so a ràdh, shéid e orra, agus thubhairt e riu, Gabhaibh-se an Spiorad naomh. Cò air bith iad d'am maith sibh am peacaidhean, tha iad maithte dhoibh: agus cò air bith iad d'an cum sibh am peacaidhean gun am maitheadh, tha iad air an cumail.

¶ *No so.* N. Mata xxviii. 18.

THàinig Iosa, agus labhair e riu, ag ràdh, Thugadh dhomh-sa gach uile chumhachd air nèamh agus air talamh. Uime sin imichibh-se, agus deanaibh deisciobuil de gach uile chinneach, 'g am baisteadh ann an Ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh: A' teagasg dhoibh nan uile nithean a dh'àithn mise dhuibh a choimhead: Agus feuch tha mise maille ruibh a ghnàth, gu deireadh an t-saoghail.

¶ *An déigh do'n t-Soisgeul, agus do Chreud Nicea, agus do'n t-Searmoin crìochnachadh, bheirear an t-Easbuig a tha air a thaghadh (sgeadaichte 'n a Eideadh anairt ghrinn) le dà Easbuig 'an làthair Ard-Easbuig na mòr-roinne sin (no 'an làthair Easbuig eile a tha air a shònrachadh le Barantas laghail) air do'n Ard-Easbuig a bhi 'n a shuidhe 'n a Chaithir am fagus do'n Bhòrd naomh, agus their na h-Easbuigean a tha 'g a thoirt a' làthair,*

AThair ro urramaich ann an Dia, tha sinn a' cur an duine dhiadhaidh agus fhòghluimte so 'n 'ur làthair chum a bhi air Orduchadh agus air a Choisrigeadh 'n a Easbuig.

¶ *An sin iarraidh an t-Ard-Easbuig Aithne na Ban-righinn air son a Choisrigidh, agus orduichidh e i a bhi air a leughadh.* [*Agus bithidh na Mionnan a thaobh aideachadh Ard-uachdaranachd an Rìgh air an gabhail leis na pearsannaibh a tha air an taghadh, mar a chuireadh a sìos roimhe anns an Riaghailt air son Orduchaidh Dheaconan.*] *Agus an sin cuirear mar an ceudna orra na Mionnan air son ùmhlachd iomchuidh do'n Ard-Easbuig mar a leanas.*

Mionnan air son Umhlachd iomchuidh do'n Ard-Easbuig.

ANn an Ainm Dhé. Amen. Tha mise *N.* a tha air mo thaghadh gu 'bhi a' m' Easbuig, air son Eaglais agus Sgìreachd *N.* ag aideachadh agus a' gealltuinn gach uile urram agus ùmhlachd iomchuidh a thoirt do dh' Ard-Easbuig agus do dh' Eaglais a Phrìomh-bhaile *N.* agus dhoibh-san a riaghlas 'n an déigh; Mar so gu'n cuidicheadh Dia mi trìd Iosa Criosd.

¶ *Cha ghnàthaichear na Mionnan so aig Coisrigeadh Ard-Easbuig.*

¶ *An sin earalaichidh an t-Ard-Easbuig an Coimhthional a tha 'làthair gu urnuigh a dheanamh, ag ràdh riu mar so,*

ABhràithrean, tha e sgrìobhta ann an Soisgeul N. Lucas, Gu'n do bhuanaich ar Slànuidhear Criosd ré na h-oidhche ann an urnuigh, mu'n do thagh agus mu'n do chuir e mach a dhà Abstol deug. Tha e sgrìobhta mar an ceudna ann an Gnìomharaibh nan Abstol, Gu'n do thraisg na Deisciobuil a bha 'n Antioch, agus gu'n d' rinn iad urnuigh mu'n do leag iad an làmhan air Pòl agus air Barnabas, agus mu'n do chuir-eadh a mach iad. Leanamaide air an aobhar sin eisempleir ar Slànuidhir Criosd agus 'Abstol, agus an toiseach deanamaid urnuigh mu'n gabh agus mu'n cuir sinn a mach an neach so a tha air a thoirt 'n ar làthair, chum na h-oibre gus an do ghairmeadh e mar a tha dòchas againn leis an Spiorad naomh.

¶ *Agus an sin theirear an Laoidh-dhiann, mar a bha i roimhe, anns an Riaghailt air son Orduchaidh Dheaconan:*

Ach a mhàin an déigh nam briathran so, Gu ma deònach leat na h-uile Easbuigean, &c. *fàgar a mach an t-iarrtus sònraichte a leanas an sin, agus bithidh so air a chur a stigh 'n a àite,*

GU ma deònach leat ar bràthair so a tha air a thaghadh a bheannachadh, agus do ghràs a chur d'a ionnsuidh a chum gu'n coimhlion e gu iomchuidh an Oifig gus a' bheil e air a ghairm, gu togail a suas d' Eaglais 's a' chreidimh, agus chum onoir, cliu agus glòire d' Ainme féin

Freagairt.

Tha sinn a' guidhe ort éisdeachd ruinn, a dheudh Thighearna.

¶ *An sin theirear an urnuigh so a leanas.*

A Dhé Uile-chumhachdaich, a thabhartair nan uile nithe maith', a shocraich le d' Spiorad naomh caochladh orduighean Mhinisteirean ann ad Eaglais, gu tròcaireach amhairc air an neach so do sheirbhiseach a tha nis air a ghairm gu obair agus Ministreileachd Easbuig, agus mar so lìon e le firinn do theagaisg agus sgeadaich e le neò-chiontachd caithe-beatha, chum araon le focal agus le gnìomh, gu'n dean e seirbhis dhìleas dhuit 's an Oifig so, chum glòire d' Ainme féin, agus togail a suas agus deadh riaghlaidh d' Eaglais, tre dheadh-thoillteanais ar Slànuidhir Iosa Criosd, a tha beò agus a' riaghladh maille riut-sa agus ris an Spiorad naomh, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *An sin their an t-Ard-Easbuig, a' suidhe'n a Chaithir, ris-san a tha gu 'bhi air a Choisrigeadh,*

A Bhràthair, do bhrìgh gu bheil an Sgriobtuir naomh agus prìomh Laghan na h-Eaglais ag àithneadh, nach bu chòir dhuinn gu obann làmhan a leagadh, no neach air bith a ghabhail a stigh gu riaghladh ann an Eaglais Chriosd, a cheannaich e le luach nach bu lugha na dòrtadh 'fhola féin : mu'n gabh mi a stigh thu chum an Fhrithealaidh so, ceasnaichidh mi thu ann am Pòncaibh àraidh, a chum gu'm bi dearbhadh aig a' Choimhthional a tha 'làthair, agus gu'n dean iad fianuis, cia mar tha thu 'cur romhad thu féin a ghiùlan ann an Eaglais Dhé.

AM bheil cinnt agad gu'n do ghairmeadh thu gu firinneach chum an Fhrithealaidh so, a réir toil' ar Tighearn' Iosa Criosd, agus Riaghailt na Rìoghachd so ?

Freagairt.

Tha a' chinnt sin agam.

An t-Ard-Easbuig.

AM bheil cinnt agad gu bheil gach teagasg nach gabh seachnadh air son sàbhalaidh shìorruidh tre chreidimh ann an Iosa Criosd air a chur sìos gu h-iomlan anns na Sgriobtuiribh naomha ? Agus am bheil thu a' cur romhad gu'n teagaisg thu an sluagh a chuireadh fo d' churam as na Sgriobtuiribh naomha ceudna ; agus nach teagaisg agus nach seas thu ni air bith mar ni nach gabh seachnadh air son slàinte shìorruidh, ach a' leithid 's a bhitheas cinnt agad a ghabhas toirt asda agus a bhi air a dhearbhadh leo ?

Freagairt.

Tha a' chinnt sin agam agus chuir mi romham sin tre ghràs Dhé.

An t-Ard-Easbuig.

AN àill leat thu féin a chleachdadh gu dìleas anns na Sgriobtuiribh naomha so, agus gairm air Dia le urnuigh, air son fìor thuigse 'thoirt dhuit annta ; chum gu'm bi thu comasach leo air teagasg agus air earail a thoirt le fòghlum fallain, agus bacadh a chur air an dream a sheasas 'n an aghaidh agus an cur as am barail ?

Freagairt.

Is àill leam sin a dheanamh le còmhnadh Dhé.

An t-Ard-Easbuig.

AM bheil thu deas leis gach uile fhìor dhìchioll a chum gach Teagasg mearachdach agus coimheach, a tha 'n aghaidh focail Dhé fhuadach agus fhògradh ; agus araon gu follaiseach agus ann an uaigneas daoine eile a chomhairleachadh agus a bhrosnuchadh chum gu'n dean iad an ni ceudna ?

Freagairt.

Tha mi deas, air do'n Tighearn a bhi 'n a Fhear-còmhnaidh dhomh.

An t-Ard-Easbuig.

AN àill leat cùl a chur ris gach uile aindiadhachd agus anamiannan saoghalta, agus do bheatha a chaitheamh gu measarra, gu firinneach, agus gu diadhaidh 's an t-saoghal so, chum 's gu'n nochd thu thu féin anns gach ni a' d' eisempleir maith air deadh oibribh do dhaoinibh eile, air chor gu'm bi an nàmhaid air a chur gu nàire, air dha bhi gun ni air bith aige ri ràdh a' d' aghaidh ?

Freagairt.

Is àill leam sin a dheanamh air do'n Tighearn a bhi 'n a Fhear-còmhnaidh dhomh.

An t-Ard-Easbuig.

AN àill leat, cho fad agus is comasach dhuit, fois, gràdh, agus sìth a ghleidheadh a suas agus a chur air adhart 'am measg nan uile dhaoine ; agus an cronuich agus an smachdaich thu iadsan a tha mi-riaghailteach, easumhal, agus 'n an luchd-droch-bheart ann ad Sgìreachd, a réir an ùghdarrais a tha agad le focal Dhé, agus mar a bhitheas air 'earbsadh riut le Riaghailt na Rìoghachd so ?

Freagairt.

Is àill leam sin a dheanamh le còmhnadh Dhé.

An t-Ard-Easbuig.

AN àill leat a bhi dìleas ann an orduchadh, 'an cur a mach, no 'an leagadh làmhan air daoinibh eile ?

Freagairt.

Is àill, le còmhnadh Dhé.

An t-Ard-Easbuig.

AN àill leat thu féin a nochdadh caomh, agus iochdmhor air sgàth Chriosd do shluagh bochd agus uireasbhuidheach, agus do gach coigreach a tha as eugmhais cabhair ?

Freagairt.

Is àill leam mi féin a nochdadh mar sin, le còmhnadh Dhé.

¶ *An sin air do 'n Ard-Easbuig seasamh a suas, their e,*

DIa Uile-chumhachdach, ar n-Athair nèamhaidh, a thug dhuit deadh thoil chum na nithe so uile a dheanamh, gu'n deònaicheadh e dhuit mar an ceudna neart agus comas gu 'n coimhlionadh ; a chum air dha an deadh obair a thòisich e a chrìochnachadh annad, gu'm faighear thu foirfe agus neo-choireach 's an là dheireannach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin cuiridh an t-Easbuig a tha air a thaghadh uime a' chuid eile de 'n éideadh Easbuigeach, agus air dha 'dol air a ghlùinibh theirear no seinnear thairis air* [Veni, Creator Spiritus], *an t-Ard-Easbuig a' tòiseachadh, agus na h-Easbuigean, agus muinntir eile a bhitheas a' làthair, a' freagairt Rann ma seach, mar a leanas.*

A Spioraid naoimh, ar n-anma gluais,
'Us soillsich iad le tein' o shuas.
'S tu Spiorad-ungaidh do chuid sluaigh,
'Tha toirt dhoibh tiodhlac nan seachd-buaidh'.
Bho d' Ungadh beannaicht', nèamhaidh, àigh,
Thig beatha, comhfhurtachd 's teas-ghràdh.
Le d' sholus fiorghlan, dealrach, buan,
Gach duibhr' 'us aineolas cuir uainn.
Ar n-ungadh dean, 's gach gruaim tog dhinn
Le lànachd mhòir do ghràis ro ghrinn.
Cuir sìth 'n ar tìr, cuir nàimh fa-sgaoil :
Cha-n eagal dhuinn fo d' stiuradh gaoil.
An t-Athair taisbein duinn 's am Mac,
Aon Dia, leat fhéin, 'tha uatha 'teachd,
A chum, O Athair, 's a Mhic chaoimh,
'S a Spioraid mhòir, aon Trionaid naoimh,
Luaidh gu 'n dean sinn air do mhaitheas,
Feadh gach linn gu h-àrd 'am flaitheas.

¶ *No so.*

TUirlinn, a Spioraid Dhé bhith-bhuain, &c.,

mar roimh so ann an Riaghailt orduchaidh Shagartan.

¶ *Air dha so crìochnachadh, their an t-Ard-Easbuig,*

A Thighearna, éisd ri 'r n-urnuigh.

Freagairt.

Agus thigeadh ar glaodh a d' ionnsuidh.

Deanamaid urnuigh.

A Dhé Uile-chumhachdaich, agus Athair ro thròcairich, a thug o d' ghràdh agus o d' mhaitheas neo-chrìochnach d' aon Mhac ro-ionmhuinn Iosa Criosd, gu 'bhi 'n a Fhear-saoraidh dhuinn, agus 'n a ùghdair beatha shìorruidh ; an ti air dha ar saorsa a dheanamh iomlan le 'bhàs, agus dol a suas gu nèamh, a dhòirt a nuas a thiodhlacan gu lìonmhor air daoinibh, a' deanamh dream àraidh 'n an Abstolaibh, dream eile 'n am Fàidhibh, dream eile 'n an Soisgeulaichibh, dream eile 'n an Aodhairibh agus 'n an Luchd-teagaisg, chum togail a suas agus deanamh foirfe 'Eaglais ; Deònaich, tha sinn a' guidhe ort, do d' sheirbhiseach so a leithid de ghràs, a chum gu'm bi e a ghnàth deas gu sgaoileadh a mach do Shoisgeil, sgeul aoibhneach àth-réiteachaidh riut-sa, agus gu'n gnàthaich e an t-ùghdarras a bheirear dha, cha-n ann gu sgrios, ach gu sàbhaladh ; cha-n ann gu dochann, ach gu còmhnadh ; chum mar sheirbhiseach glic agus dìleas, a' toirt do d' theaghlach an cuibhrionn ann an àm iomchuidh, gu'm bi e fa-dheoidh air a ghabhail a stigh gu aoibhneas sìorruidh trìd Iosa Criosd ar Tighearna, a tha maille riut-sa agus ris an Spiorad naomh beò agus a' riaghladh aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *An sin leagaidh an t-Ard-Easbuig agus na h-Easbuigean eile a bhitheas 'an làthair an làmhan air ceann an Easbuig a tha air a thaghadh, air dha 'bhi air a ghlùinibh fa 'n comhair, agus their an t-Ard-Easbuig,*

GAbh an Spiorad naomh, air son Oifig agus obair Easbuig ann an Eaglais Dhé, a tha 'nis air earbsadh riut le Leagadh ar làmhan ort ; Ann an Ainm an

Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh. Amen. Agus cuimhnich gu'n ath-bheothaich thu gràs Dhé a tha 'nis air a thoirt dhuit le Leagadh ar làmhan ort : Oir cha d' thug Dia dhuinne spiorad na geilt, ach spiorad a' chumhachd, agus a' ghràidh, agus na measarrachd.

¶ *An sin bheir an t-Ard-Easbuig dha am Biobull, ag ràdh,*

THoir an aire do leughadh, do earail agus do theagasg. Smuainich air na nithibh a tha sgrìobhta anns an Leabhar so. Bi dùrachdach annta, chum gu'm bi am fàs a tha 'teachd uapa follaiseach do na h-uile dhaoinibh. Thoir an aire dhuit féin, agus do theagasg, agus bi dìchiollach 'n an cur 'an gnìomh : oir le so a dheanamh, saoraidh tu araon thu féin, agus iadsan a tha 'g éisdeachd riut. Bi a' d' bhuachaille do threud Chriosd, cha-n ann a' d' mhadadh-alluidh ; beothaich iad agus na ith suas iad. Cum a suas iadsan a tha anmhunn, leighis a' mhuinntir easlan, ceangail a suas luchd a' chridhe bhriste, thoir air an ais na dìobaraich, iarr a' mhuinntir chaillte. Bi tròcaireach 'n a' leithid de dhòigh 's nach bi thu tuilleadh a's dearmadach ; fritheil smachdachadh, 'n a' leithid de dhòigh 's nach di-chuimhnich thu tròcair; chum 'n uair a dh' fhoillsichear an t-àrd-Bhuachaille, gu faigh thu crùn na glòire nach searg as, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin théid an t-Ard-Easbuig air aghaidh le Seirbhis a' Chomanachaidh ; agus gabhaidh an t-Easbuig a tha air 'ùr-Choisrigeadh (maille ri muinntir eile) an Comanachadh.*

¶ *Agus air son a' Ghuidhe mu dheireadh, dìreach roimh 'n Bheannachadh, theirear na h-Urnuighean so.*

AThair ro thròcairich, tha sinn a' guidhe ort do bheannachadh nèamhaidh a chur a nuas air an neach so do sheirbhiseach, agus sgeadaich e le d' Spiorad naomh, chum air dha d' Fhocal a shearmonachadh, cha-n e a mhàin gu'n cronaich, gu'n guidh, agus gu'n toir e achmhasan gu dùrachdach leis gach uile fhoighidin agus theagasg ; ach gu'm bi e mar an ceudna 'n a eisempleir fallain do'n mhuinntir a tha 'creidsinn, ann am

focal, ann an caithe-beatha, ann an gràdh, ann an creidimh, ann an geamnuidheachd, agus ann am fìorghloine; chum air dha a thurus a chrìochnachadh gu dìleas, gu faigh e air an là dheireannach crùn fìreantachd a tha air a thasgadh a suas leis an Tighearn, am breitheamh cothromach, a tha beò agus a' riaghladh aon Dia maille ris an Athair, agus ris an Spiorad naomh, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

THeòraich sinn, O 'Thighearna, 'n ar n-uile dheanadais le d' fhàbhar ro ghràsail, agus thoir air ar n-aghaidh sinn le d' shìor chòmhnadh; a chum 'n ar n-uile oibribh a thòisich, a bhuanaich agus a chrìochnaich sinn annad-sa, gu'n glòraich sinn d' Ainm naomh, agus fa-dheoidh le d' thròcair gu'm faigh sinn a' bheatha mhaireannach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

GU'n gleidheadh sìth Dhé, a tha os ceann gach uile thuigse, 'ur crìdheachan agus 'ur n-inntinnean ann an eòlas agus ann an gràdh Dhé, agus a Mhic Iosa Criosd ar Tighearna. Agus gu'n robh beannachadh Dhé Uile-chumhachdaich, an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid naoimh 'n 'ur measg, agus gu'n gabhadh e còmhnuidh maille ruibh do ghnàth. *Amen.*

A' CHRIOCH.

EDITORS' NOTE.

THE text taken, by the authority of the Scottish Bishops, for this revised translation of the Book of Common Prayer is that of the Sealed Books, which have been exactly followed, both in the matter translated, with the exceptions noted below, and in capital letters and punctuation as far as the Gaelic idiom allows. The exceptions, which have been made with the Bishops' approval, mainly consist (1) in the omission of the Acts of Uniformity, and the consequent re-numbering of the Table of Contents; (2) in the adoption of the Table of lessons and Order for reading Holy Scripture of 1871, according to Canon xxxv. of 1890; (3) in the adoption for the Epistles, Gospels, Psalms, and other extracts from Holy Scripture, of the Brevier octavo Gaelic Bible now commonly in use, together with many of the alterations found in the revised Minion octavo Bible of 1880; (4) in the omission of the obsolete columns and table in the Sealed Books for finding Easter; (5) in the introduction in square brackets or in foot-notes, of certain phrases which were necessary for the proper translation of the book; (6) in the alteration of *king* to *queen*, with pronouns corresponding, and the insertion of the names of the present Sovereign and royal family; and (7) in the use of square brackets for the obsolete parts of the Ordinal.

The work has been undertaken by a committee appointed by the Scottish Bishops in November, 1890; since which date the revision has been continuously carried on.

SEIRBHIS A' CHOMANACHAIDH

A REIR CLEACHDAIDH

EAGLAIS NA H-ALBA.

[1896.]

AR n-Athair a tha air nèamh, naomhaichear d' Ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, mar a mhaitheas sinne dhoibh-san a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buaireadh sinn, ach saor sinn o olc. Amen.

An Guidhe.

A Dhé Uile-chumhachdaich, d'am bheil gach cridhe fosgailte, gach miann aithnichte, agus o nach 'eil ni uaigneach air bith folaichte : glan smuaintean ar cridheachan le deachdadh do Spioraid naoimh, a chum gu'n toir sinn gràdh iomlan dhuit, agus gu'n àrdmhol sinn gu h-iomchuidh d'Ainm naomh, tre Chriosd ar Tighearn. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart, a' tionndadh ris an t-sluagh, le guth soilleir na* DEICH AITHEANTAN *uile; An sluagh ré na h-ùine air an glùinibh, agus ag iarraidh tròcair Dhé air son cionta gach dleasnais annta ; aon chuid a réir na litreach, no 'réir seadh dròmhair na h-Aithne cheudna.*

LAbhair Dia na briathra so agus thubhairt e, Is mise an Tighearn do Dhia : Na bitheadh dée sam bith eile agad a' m' làthair-sa.

Sluagh.

A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan a ghleidheadh an Lagha so.

Sagart.

Na dean dhuit féin dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh' aon ni, a tha 's na nèamhan shuas, no air an talamh shìos, no 's na h-uisgeachaibh fo 'n talamh. Na crom thu féin sìos doibh, agus na dean seirbhis doibh : oir mise an Tighearn do Dhia is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn air an treas agus air a' cheathramh ginealach dhiubh-san a dh' fhuathaicheas mi : agus a' nochdadh tròcair do mhìltibh dhiubh-san a ghràdhaicheas mi, agus a choimhideas m' Aitheantan.

Sluagh.

A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan, &c.

Sagart.

Na tabhair Ainm an Tighearna do Dhé 'an dìomhanas : oir cha mheas an Tighearn neòchiontach esan a bheir 'Ainm 'an dìomhanas.

Sluagh.

A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan, &c.

Sagart.

Cuimhnich là na Sàbaid a naomhachadh. Sè làithean saothraichidh tu, agus ni thu d' obair uile. Ach air an t-seachdamh là tha sàbaid an Tighearna do Dhé : air an là sin na dean obair sam bith, thu féin, no do mhac, no do nighean, d' òglach, no do bhanoglach, no d' ainmhidh, no do choigreach a tha 'n taobh a stigh de d' gheataibh. Oir ann an sè làithibh

rinn an Tighearn na nèamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a tha annta, agus ghabh e fois air an t-seachdamh là : air an aobhar sin bheannaich an Tighearn là na Sàbaid, agus naomhaich se e.

Sluagh.

A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan, &c.

Sagart.

Tabhair onoir do d' athair agus do d' mhàthair : a chum gu'm bi do làithean buan air an fhearann a tha 'n Tighearn do Dhia a' toirt dhuit.

Sluagh.

A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom r cridheachan, &c.

Sagart.

Na dean mortadh.

Sluagh.

A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan, &c.

Sagart.

Na dean adhaltranas.

Sluagh.

A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan, &c.

Sagart.

Na dean gadachd.

Sluagh.

A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan, &c.

Sagart. Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich.

Sluagh. A Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridheachan, &c.

Sagart. Na sanntaich tigh do choimhearsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach, no 'bhanoglach, no 'dhamh, no 'asal, no aon ni a's le do choimhearsnach.

Sluagh. A Thighearna dean tròcair oirnn, agus sgrìobh do laghan so uile 'n ar crìdheachaibh, tha sinn a' guidhe ort.

Air neo 'an àite nan Deich Aitheantan Suim an Lagha.

THubhairt Iosa, Gràdhaichidh tu an Tighearn do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam, agus le d' uile inntinn. Is i so a' cheud àithne agus an àithne mhòr. Agus is cosmhuil an dara rithe so, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu féin. Air an dà aithne so tha 'n lagh uile agus na fàidhean 'an crochadh.

Sluagh. A Thighearna dean tròcair oirnn, agus sgrìobh do laghan so 'n ar cridheachaibh, tha sinn a' guidhe ort.

¶ *An sin leanaidh aon de na Guidhibh so, agus an Guidhe air son an là, an Sagart a' seasamh a suas agus ag ràdh,*

Deanamaid urnuigh.

O 'Thighearna Uile-chumhachdaich, agus a Dhé mhaireannaich, deònaich, tha sinn a' guidhe ort, araon ar cridheachan agus ar cuirp a stiuradh, a naomhachadh agus a riaghladh, ann an slighibh do laghannan, agus ann an oibribh d' àitheantan, a chum tre do dhìdean

ro chumhachdaich, araon an so agus gu sìorruidh, gu'm bi sinn air ar gleidheadh gu tèaruinte ann an corp agus ann an anam ; trìd ar Tighearna agus ar Slànuidhir Iosa Criosd. *Amen.*

Air neo,

A Dhé Uile-chumhachdaich, tha do rìoghachd sìor-mhaireannach, agus do chumhachd neo-chrìochnach ; Dean tròcair air d' Eaglais naoimh choitchionn ; agus anns an Eaglais àraidh so 's am bheil sinn a' caitheamh ar beatha stiuir mar sin cridhe do sheirbhisich thaghta *BHICTORIA*, ar Ban-righinn agus ar Riaghladair, a chum (air do eòlas a bhi aice cò d' am bheil i 'frithealadh) os ceann nan uile nithe gu'n iarr i d' onoir agus do ghlòir : agus gu'n toir sinne agus a h-ìochdarain uile (gu ceart a' toirt fainear cò uaith tha ùghdarras aice) seirbhis dhìleas, onoir, agus géill gu h-ùmhal dhi, annad-sa, agus air do shon-sa, a réir d' Fhocail agus d' orduigh bheannaichte ; trìd Iosa Criosd ar Tighearna, a tha maille riut-sa agus ris an Spiorad Naomh, beò agus a' riaghladh, sìor aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Air neo,

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, tha sinn air ar teagasg le d' Fhocal naomh, gu bheil cridheachan Rìghrean fo d' riaghladh agus fo d' stiuradh, agus gu bheil thu 'g an aomadh agus 'g an tionndadh mar a tha thu 'faicinn iomchuidh ann ad ghliocas diadhaidh ; Gu h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort cridhe do Sheirbhisich *BHICTORIA*,

ar Ban-righinn agus ar Riaghladair aomadh agus a stiuradh, a chum, 'n a h-uile smuaintibh, bhriathraibh, agus oibribh, gu'n sìor-iarr i d' onoir agus do ghlòir, agus gu'm bi i dùrachdach a ghleidheadh do shluaigh a chuir thu fo a curam, ann an soirbheachadh, sìth, agus diadhachd : Deònaich so, O Athair thròcairich, air sgàth do Mhic ionmhuinn, Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *Dìreach an dèigh nan* Guidhean, *Leughaidh an Sagart an Litir, ag ràdh mar so ;* Tha 'n Litir sgrìobhta anns an —— Caibideil de —— aig an —— rann. *Agus an uair a chrìochnaicheas e, their e :* 'An so tha 'n Litir a' crìochnachadh. *Agus air do'n Litir crìochnachadh, leughar an Soisgeul, an Sagart ag ràdh:* Tha 'n Soisgeul naomh sgrìobhta anns an —— Caibideil de —— aig an —— rann. *Agus an sin their no seinnidh an Sluagh uile gu càbhach, 'n an seasamh,* Glòir gu'n robh dhuit-sa, O 'Thighearna. *Aig deireadh an t-Soisgeil, their an Sagart:* Mar so tha 'n Soisgeul naomh a' crìochnachadh, *agus their no seinnidh an Sluagh anns an dòigh cheudna,* Buidheachas gu'n robh dhuit-sa, O 'Thighearna, air son do Shoisgeil Ghlòrmhoir so. *Agus air do'n t-Soisgeul crìochnachadh, theirear no seinnear a' Chreud so, na h-uile fathast a' seasamh le urram.*

THa mi 'creidsinn ann an aon Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, Cruithfhear nèimh agus talmhainn, Agus nan uile nithe faicsinneach agus neo-fhaicsinneach.

Agus ann an aon Tighearn Iosa Criosd, aonghin Mhic Dhé, A ghineadh o 'Athair roimh na saoghail uile, Dia de Dhia, Solus de Sholus, Fìor Dhia de dh' fhìor Dhia, Ginte, cha-n ann deanta, Air dha 'bhi de 'n aon nadur ris an

Athair ; Leis an d' rinneadh na h-uile nithe, A thàinig as ar leth-ne daoine, agus air son ar sàbhalaidh a nuas o nèamh, agus a ghabh feòil air féin leis an Spiorad Naomh de'n Oigh Muire, Agus a rinneadh 'n a dhuine, Agus a cheusadh mar an ceudna air ar son-ne fo Phontius Pilat. Dh' fhuiling e agus dh' adhlaiceadh e, Agus air an treas là dh' éirich e rìs a réir nan Sgriobtuirean, Agus chaidh e suas gu nèamh, Agus a tha e 'n a shuidhe air deas làimh an Athar. Agus thig e rìs le glòir a thoirt breth araon air na beòthaibh agus air na mairbh : Air a rìoghachd cha bhi crìoch.

Agus tha mi 'creidsinn anns an Spiorad Naomh, An Tighearn agus Tabhartair beatha, A tha 'teachd o'n Athair agus o'n Mhac, A tha maille ris an Athair agus ris a' Mhac maraon air 'aoradh agus air a ghlòrachadh, A labhair leis na Fàidhibh. Agus tha mi 'creidsinn aon Eaglais Choitchionn agus Abstolaich. Tha mi 'g aideachadh aon Bhaistidh a chum maitheanais pheacaidhean, Agus tha dùil agam ri Aiseirigh nam marbh, Agus ri beatha an t-saoghail a tha ri teachd. Amen.

An t-Searmoin.

¶ *An Earail.*

AMhuinntir ro ionmhuinn anns an Tighearn, sibhse leis an àill teachd a dh' ionnsuidh Comanachaidh naoimh cuirp agus fola ar Slànuidhir Criosd, feumaidh sibh a thoirt fainear ciod a tha N. Pòl a' sgrìobhadh chum nan Corintianach ; cionnus a tha e ag earalachadh

air na h-uile neach iad féin a rannsachadh agus a cheasnachadh gu dùrachdach, mu'n gabh iad de dhànadas itheadh de'n aran sin, agus òl de'n chupan sin. Oir mar a tha an t-sochair mòr, ma ghabhas sinn an t-sàcramaid naomh sin le cridhe fìor aithreach agus le creidimh beòthail, (oir an sin tha sinn ag itheadh feòla Chriosd, agus ag òl 'fhola air mhodh spioradail; an sin tha sinn a' gabhail còmhnuidh ann an Criosd, agus Criosd annainne; is aon sinn maille ri Criosd agus Criosd maille ruinne); mar sin tha 'n cunnart mòr, ma ghabhas sinn i gu neo-iomchuidh; oir an sin tha sinn ciontach de chorp agus de dh' fhuil Chriosd ar Slànuidhir; tha sinn ag itheadh agus ag òl breitheanais dhuinn féin, gun a deanamh aithne air corp an Tighearna; tha sinn a' lasadh corruich Dhé 'n ar n-aghaidh; tha sinn 'g a bhrosnachadh chum ar pianadh le caochladh easlaintibh agus le iomadh gnè bàis. Air an aobhar sin, a bhràithrean, thugaibh breth oirbh féin a chum nach toir an Tighearn breth oirbh: deanaibh fìor aithreachas air son 'ur peacaidhean a rinn sibh; bitheadh creidimh beòthail agus daingean agaibh ann an Criosd ar Slànuidhear; ath-leasaichibh 'ur beatha, agus bithibh ann an gràdh foirfe ris na h-uile dhaoinibh: mar sin bithidh sibh 'n 'ur luchd-comhpairt iomchuidh de na dìomhaireachdaibh naomha sin. Agus, os ceann nan uile nithe, feumaidh sibh buidheachas ro ùmhal agus bho 'r n-uile chridhe a thoirt do Dhia an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh, air son saoradh an t-saoghail, le bàs agus le fulangas ar Slànuidhir Criosd, araon Dia agus duine,

a dh' irioslaich e féin eadhon do'n bhàs air a' chrann-cheusaidh air ar son-ne peacaich thruagh', a bha 'n ar luidhe ann an dorchadas agus ann an sgàil a' bhàis, a chum gu'n deanadh e sinn 'n ar cloinn do Dhia, agus gu'n àrdaicheadh e sinn gu beatha shìor-mhaireannaich. Agus a chum gu'n gnàth-chuimhnicheamaid gràdh anabarrach ar Maighistir agus ar n-aon Slànuidhir Iosa Criosd mar so a' bàsachadh air ar son, agus na sochairean gun àireamh a choisinn e dhuinn le dòrtadh 'fhola luachmhoir, shuidhich agus dh' orduich e dìomhaireachdan naomha, mar dhearbhaidhean air a ghràdh, agus mar ghnàth-chuimhneachan air a bhàs, a chum ar comhfhurtachd mhòir' agus neo-chrìochnaich. Uime sin dhà-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, thugamaid (mar a tha gu ro shònraichte mar fhiachaibh oirnn) a ghnàth buidheachas, 'g ar strìochdadh féin gu h-iomlan d'a thoil agus d'a riar naomh, agus a' deanamh dìchill air seirbhis a thoirt dha ann am fìor naomhachd agus 'an ionracas uile làithean ar beatha. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart, no 'n Deacon,*

Tairgeamaid ar tabhartais do'n Tighearn le urram agus eagal diadhaidh.

¶ *An sin tòisichidh an Sagart air leughadh bhriathran an tabhartais, ag ràdh a h-aon no tuilleadh de na h-earrannaibh so a leanas, mar a chi e iomchuidh, a rèir fad no giorraid na h-ùine a tha 'n sluagh a' toirt a suas nan tabhartas.*

THarladh 'an ceann làithean àraidh gu'n d' thug Cain de thoradh an fhearainn

tabhartas do'n Tighearn. Agus thug Abel mar an ceudna de cheud-ghinibh a threuda, agus d'an saill. Agus bha meas aig an Tighearn air Abel, agus air a thabhartas : ach air Cain agus air a thabhartas cha robh meas aige. *Gen.* iv. 3. 4. 5.

Labhair ri cloinn Israeil, gu'n toir iad do m' ionnsuidh tabhartas : o gach duine a bheir seachad gu toileach e le 'chridhe, gabhaidh sibh mo thabhartas. *Ecsod.* xxv. 2.

Cha taisbeinear sibh 'an làthair an Tighearna falamh. Bheir gach duine seachad mar is urrainn e, a réir beannachaidh an Tighearna do Dhé, a thug e dhuit. *Deut.* xvi. 16. 17.

Thugaibh do an Tighearn a' ghlòir a's cubhaidh d'a ainm : thugaibh tabhartas leibh, agus thigibh a steach d'a chùirtibh. *Sal.* xcvi. 8.

Na taisgibh dhuibh féin ionmhais air an talamh, far am mill an leòmann agus a' mheirg e, agus far an cladhaich na mèirlich a stigh agus an goid iad : ach taisgibh ionmhais dhuibh féin air nèamh, far nach mill an leòmann no a' mheirg, agus nach cladhaich agus nach goid na mèirlich. *Mata* vi. 19. 20.

Cha-n e gach uile neach a their rium-sa, A Thighearn', a Thighearn', a théid a steach do rìoghachd nèimh: ach an ti a ni toil m' Athar-sa a tha air nèamh. *Mata* vii. 21.

Air do Iosa suidhe fa chomhair àite-coimhead an ionmhais, thug e fainear cionnus a bha 'm pobull a' cur an airgid anns an ionmhas : agus chuir mòran de dhaoinibh saoibhir mòran ann. Agus air teachd do bhantraich bhochd, thilg i dà bhonn bheag ann, a ni feoirling. Agus

air dha a dheisciobuil a ghairm d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, gu'n do chuir a' bhantrach bhochd so tuilleadh 's an ionmhas, na iadsan uile a thilg ann. Oir thilg iadsan uile ann d'am mòr-phailteas : ach thilg ise as a gainne na bha aice uile, eadhon a beathachadh gu h-iomlan. *Marc.* xii. 41. 42. 43. 44.

Cò théid chum cogaidh uair air bith air a chosdus féin ? cò shuidhicheas fìon-lios, agus nach ith d'a thoradh ? no cò bheathaicheas treud, agus nach blais de bhainne an treud' ? 1 *Cor.* ix. 7.

Ma chuir sinne nithe spioradail dhuibh-se, an ni mòr e ma bhuaineas sinn 'ur nithe feòlmhor-se ? 1 *Cor.* ix. 11.

Nach 'eil fhios agaibh, gu bheil iadsan a tha 'saothrachadh mu thimchioll nithe naomha, air am beathachadh o'n teampull ? agus iadsan a tha 'frithealadh do'n altair, gu bheil comh-roinn aca ris an altair ? Agus mar sin dh' orduich an Tighearn mar an ceudna, dhoibh-san a tha 'searmonachadh an t-soisgeil, an teachd-an-tìr fhaotainn o an t-soisgeul. 1 *Cor.* ix. 13. 14.

An ti a chuireas gu gann, buainidh e gu gann mar an ceudna : agus an ti a chuireas gu pailt, buainidh e gu pailt mar an ceudna. Thugadh gach duine seachad a réir rùin a chridhe ; na b'ann 'an doilgheas, no le éigin : oir is toigh le Dia an neach a bheir seachad gu suilbhir. 2 *Cor.* ix. 6. 7.

Comh-roinneadh an neach a tha air a theagasg 's an fhocal, ris an neach a tha 'g a theagasg,

anns na h-uile nithibh maithe. Na meallar sibh ; cha deanar fanoid air Dia : oir ge b'e ni a shìol-chuireas duine, an ni ceudna buainidh e. *Gal.* vi. 6. 7.

Thoir àithne do na daoinibh a tha saoibhir 's an t-saoghal so, gun iad a bhi àrd-inntinneach, agus gun dòchas a chur ann an saoibhreas neo-chinnteach, ach anns an Dia bheò, a tha 'toirt duinn nan uile nithe gu saoibhir r'am mealtuinn : Iad a dheanamh maith, iad a bhi saoibhir ann an deadh oibribh, ullamh gu roinn, comhpairteach ; a' tasgadh suas doibh féin deadh bhunait fa chomhair an àm ri teachd, chum gu'n dean iad greim air a' bheatha mhaireannaich. 1 *Tim.* vi. 17. 18. 19.

Cha-n'eil Dia mi-chothromach, gu'n dì-chuimhnicheadh e obair agus saothair 'ur gràidh, a nochd sibh a thaobh 'ainme-san, am feadh 's gu'n d' rinn sibh frithealadh do na naoimh, agus gu bheil sibh a' frithealadh. *Eabh.* vi. 10.

Na dì-chuimhnichibh maith a dheanamh, agus comhroinn a thoirt uaibh ; oir tha an leithidean sin a dh' iobairtibh taitneach do Dhia. *Eabh.* xiii. 16.

¶ *Am feadh a bhitheas an Sagart a' labhairt gu soilleir cuid no an t-iomlan de na h-earrannaibh so air son an tabhartais, gabhaidh an Deacon, no (mur bi a h-aon diubh a' làthair) neach iomchuidh eile, tiodhlacan an t-sluaigh a tha 'làthair, ann am méis a gheibhear chum an fheim sin. Agus air dhoibh uile an tabhartais a thoirt seachad, bheir e le urram a' mhias cheudna, agus na tabhartais innte, agus liùbhraidh e i do'n t-Sagart ; a nochdas i gu h-ùmhal 'an làthair an Tighearna, agus cuiridh e i air a' bhòrd naomh, ag ràdh,*

GU ma beannaicht' thu, O 'Thighearna Dhé, gu saoghal nan saoghal. Is leat-sa, O 'Thighearn', a' mhòrachd, agus a' ghlòir, agus a' bhuaidh, agus a' mhòralachd: oir is leat na h-uile a tha air nèamh agus air talamh : is leat an rìoghachd, O 'Thighearn', agus tha thu air d'àrdachadh mar cheann thar nan uile: uait-sa tha 'teachd araon saoibhreas agus urram, agus is ann de d' chuid féin a tha sinne a' toirt duit. *Amen.*

¶ *Agus an sin tairgidh an Sagart a suas, agus cuiridh e an t-aran agus am fìon a chaidh ullachadh air son na sàcramaid air bòrd an Tighearna ; agus their e,*

Gu'n robh an Tighearn maille ruibh.

Freagairt. Agus maille ri d' spiorad-sa.

Sagart. Togaibh a suas 'ur cridheachan.

Freagairt. Tha sinn 'g an togail a suas a dh' ionnsuidh an Tighearna.

Sagart. Thugamaid buidheachas do'n Tighearn ar Dia.

Freagairt. Tha e iomchuidh agus ceart sin a dheanamh.

Sagart. Tha e ro iomchuidh, ceart, agus 'n a dhleasannas a tha mar fhiachaibh oirnn, gu'n tugamaid aig gach àm, agus anns gach uile àite, buidheachas dhuit-sa, O 'Thighearna, *[Athair naoimh], a Dhé Uile-chumhachdaich, agus shìorruidh.

* *Cha 'n abrar na focail so* (Athair naoimh) *air Dòmhnach na Trionaid.*

¶ *An so leanaidh an roimh-ràdh sònraichte, a réir an àma, ma bhitheas aon àraidh air bith orduichte; no mur a h-'eil leanaidh gun dàil,*

Uime sin maille ri ainglibh agus àrd-ainglibh, &c.

¶ *Roimh-ràdhan sònraichte.*

¶ *Air là Nodhlaic, agus seachd làithibh 'n a dhéigh.*

DO bhrìgh gu'n d' thug thu Iosa Criosd, d'aon Mhac, gu 'bhi air a bhreith *[mar air an là so] air ar son-ne, a rinneadh 'n a fhìor dhuine, le oibreachadh an Spioraid Naoimh, de nadur na h-Oighe bheannaichte Muire a mhàthar, agus sin gun smal peacaidh, chum sinne a ghlanadh o gach uile pheacadh. Uime sin maille ri ainglibh, &c.

* *Ré sheachd làithean an déigh Nodhlaic, abair,* mar aig an àm so.

¶ *Air là na Càisge, agus seachd làithibh 'n a dhéigh.*

ACh gu h-àraidh tha mar fhiachaibh oirnn thusa 'mholadh air son aiseirigh ghlòrmhoir do Mhic Iosa Criosd ar Tighearna : Oir is esan am fìor Uan Càisge a dh' ìobradh air ar son-ne, agus a thug air falbh peacadh an t-saoghail ; a sgrios am bàs le 'bhàs féin, agus le 'éirigh a rìs gu beatha a dh' aisig dhuinne beatha shìorruidh. Uime sin maille ri ainglibh, &c.

¶ *Air là an Dol suas, agus seachd làithibh 'n a dhéigh.*

TRìd do Mhic ro ionmhuinn, Iosa Criosd ar Tighearna ; a dh' fhoillsich e féin gu follaiseach d'a abstolaibh uile an déigh 'aiseirigh ro ghlòrmhoir, agus a chaidh 'n an sealladh a suas gu nèamh, a dh' ullachadh àite dhuinne ; a chum far am bheil esan, gu'n rachamaide a suas an sin mar an ceudna, agus gu'n riaghlamaid maille ris ann an glòir. Uime sin maille ri ainglibh agus àrd-ainglibh, &c.

¶ *Air Dòmhnach na Cuingeis, agus sia làithibh 'n a dhéigh.*

TRìd Iosa Criosd ar Tighearna ; a réir a gheallaidh ro fhìrinnich-san, thàinig an Spiorad Naomh gu h-obann a nuas o nèamh *[mar air an là so], le mòr fhuaim, mar ghaoth ro threun, ann an coslas theangannan teine, a' teachd air na h-abstolaibh, a chum an teagasg, agus an treòrachadh a dh' ionnsuidh gach uile fhìrinn, a' toirt dhoibh araon tiodhlaic iomadh cainnt, agus mar an ceudna dànachd maille ri eud dùrachdach, a shearmonachadh an t-soisgeil gu bunailteach do na h-uile chinnich, leis am bheil sinn air ar toirt a mach á dorchadas agus á mearachd, a chum an t-soluis shoilleir agus a chum fìor eòlais ort-sa, agus air do Mhac Iosa Criosd. Uime sin maille ri ainglibh, &c.

* *Ré shia laithean an déigh na Cuingeis, abair,* mar aig an àm so.

¶ *Air féill na Trionaid a mhàin.*

IS aon Dia thu, aon Tighearn ; cha n-e aon phearsa a mhàin, ach tri pearsannan ann an aon nàdur. Oir an ni sin a tha sinn a' creidsinn mu ghlòir an Athar, an ni ceudna tha sinn a' creidsinn mu'n Mhac, agus mu'n Spiorad Naomh, gun mhuthadh sam bith no eadar-dhealachadh. Uime sinn maille ri ainglibh, &c.

¶ *An déigh nan roimh-ràdhan so, leanaidh gun dàil a' ghlòir-laoidh so.*

UIme sin maille ri ainglibh agus ard-ainglibh, agus le cuideachd nèimh uile,

tha sinn a' toirt àrd-mholaidh agus urraim do d' ainm glòrmhor, o so suas 'g ad chliùthachadh, agus ag ràdh, Naomh, naomh, naomh Tighearn Dia nan sluagh, tha nèamh agus talamh làn de d' ghlòir. Glòir gu'n robh dhuit-sa, O 'Thighearn', a Thi a's ro àirde. Amen.

¶ *An sin an Sagart a' seasamh aig an àite sin de'n bhòrd naomh far am feud e anns an dòigh a's ro dheise agus a's ro iomchuidh a dhà làimh a ghnàthachadh, their e urnuigh a' choisrigidh, mar a leanas.*

GAch uile ghlòir gu'n robh dhuit-sa, a Dhé Uile-chumhachdaich, ar n-Athair nèamhaidh, do bhrìgh o d' chaomh-thròcair gu'n thug thu d' aon Mhac Iosa Criosd gu bàs fhulang air a' chrann-cheusaidh air son ar saorsa-ne; a rinn (le tabhartas dheth féin aon uair air a thairgse) ìobairt, tabhartas, agus éiric iomlan, foirfe, agus uile-éifeachdach, air son pheacaidhean an t-saoghail uile, agus a shuidhich, agus 'n a shoisgeul naomh a dh' àithn dhuinn gnàthchuimhneachan a chumail a suas air a' sin a bhàs agus ìobairt luachmhor gus a theachd a rìs. Oir anns an oidhche anns an do bhrathadh e, (*a*) ghlac e aran; agus an uair a thug e buidheachas, (*b*) bhris se e, agus thug e d'a dheisciobluibh e, ag ràdh, Gabhaibh, ithibh, (*c*) IS E SO MO CHORP-SA, a tha air a thoirt air 'ur son-se; DEANAIBH so mar chuimhneachan orm-sa. Mar an ceudna an déigh na Suipeir (*d*) ghlac e an cupan; agus an uair a thug e buidheachas, thug e dhoibh-san

(a) An so glacaidh an Sagart a' mhias'na làmhan:
(b) Agus an so brisidh e an t-aran:
(c) Agus an so cuiridh e a làmhan air an aran uile.
(d) An so glacaidh e an cupan 'n a làimh:

e, ag ràdh, Olaibh uile dheth so, oir (*e*) IS I SO M' FHUIL-SA, an tiomnaidh nuaidh, a dhòirtear air 'ur son-se agus air son mhòran, chum maitheanais pheacaidhean: DEANAIBH so cia minic a's a dh' òlas sibh e mar chuimhneachan orm-sa.

(e) Agus an so cuiridh e a làmh air gach soitheach (ma 's cupan no soitheach-fìona eile a bhitheas ann) anns am bheil fion ri bhi air a choisrigeadh.

An Tabhartas.

UIme sin, O 'Thighearn', agus Athair nèamhaidh, a réir orduigh do Mhic ro ionmhuinn Iosa Criosd ar Slànuidhir, tha sinne do sheirbhisich ùmhal 'an làthair do mhòrachd dhiadhaidh a' cumail gu sòlaimte agus a' deanamh an so a' chuimhneachain a dh' àithn do Mhac dhuinn a dheanamh, leo so do thiodhlacaibh naomh', A THA SINN A NIS A' TAIRGSE DHUIT-SA; a' gleidheadh cuimhne air 'fhulangas beannaichte, agus air a bhàs luachmhor, air 'aiseirigh chumhachdaich, agus air a dhol-suas glòrmhor; a' toirt buidheachais ro dhùrachdaich dhuit air son nan sochairean gun àireamh a chaidh a chosnadh dhuinne leo sin. Agus, O Athair thròcairich, tha sinn gu ro iriosal a' guidhe ort éisdeachd ruinn, agus o d'mhaitheas uile-chumhachdach deònaich do thiodhlacan agus do chreutairean so de dh' aran agus a dh' fhìon a bheannachadh agus a naomhachadh le d' fhocal agus le d' Spiorad Naomh, a chum gu'n tig iad gu 'bhi 'n an corp agus 'n am fuil do Mhic ro ionmhuinn. Agus tha sinn gu dùrachdach ag iarraidh o d' mhaitheas athaireil, thu a ghabhail gu tròcaireach ri 'r n-ìobairt so de mholadh agus de bhreith-bhuidheachais, gu ro ùmhal a'

An Athchuinge ag iarraidh [là thaireachd an Spioraid Naoimh.]

guidhe ort thu a dheònachadh, le deadh-thoillteanais agus le bàs do Mhic Iosa Criosd, agus tre chreidimh 'n a fhuil, gu'm faigh sinne (agus d' Eaglais gu h-iomlan) maitheanas ar peacaidhean, agus uile shocairean eile 'fhulangais-san. Agus an so, O 'Thighearna, tha sinn gu h-iriosal a' tairgse agus a' toirt a suas dhuit-sa sinn féin, ar n-anaman agus ar cuirp, gu 'bhi 'n am beò-ìobairt reusanta agus naoimh dhuit-sa, a' guidhe ort, cò air bith a bhitheas 'n an luchd-comhpairt de 'n Chomanachadh naomh so, gu'n gabh iad gu h-iomchuidh corp agus fuil ro luachmhor do Mhic Iosa Criosd, agus gu'm bi iad air an lìonadh le d' ghràs agus le d' bheannachadh nèamhaidh, agus air an deanamh 'n an aon chorp rissan, chum gu'n gabh e còmhnuidh annta-san, agus iadsan ann-san. Agus ged tha sinn neoairidh, le lìonmhoireachd ar peacaidhean, air ìobairt sam bith a thairgse dhuit; gidheadh tha sinn a' guidhe ort thu a ghabhail ris an dleasannas so agus ris an t-seirbhis so a tha mar fhiachaibh oirnn a dheanamh, gun ar toillteanais a thomhas, ach ar ciontan a mhaitheadh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna: trìd-san, agus maille ris-san, ann an aonachd an Spioraid Naoimh, gach uile urram agus ghlòir gu'n robh dhuit-sa, O Athair Uile-chumhachdaich, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *Deanamaid urnuigh air son staid Eaglais Chriosd uile.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìormhaireannaich, a theagaisg dhuinn le d' Abstol naomh urnuighean agus athchuingean

a dheanamh, agus buidheachas a thoirt air son nan uile dhaoine; Gu h-ùmhal tha sinn a' guidhe ort, gu ro thròcaireach thu a ghabhail ar déircean agus ar tabhartas, agus a dh' éisdeachd ar n-urnuighean so, a tha sinn a' tairgse do d' Mhòrachd dhiadhaidh; a' guidhe ort do ghnàth an eaglais choitchionn a bheothachadh le spiorad na fìrinn, na h-aonachd, agus na réite: agus deònaich dhoibh-san uile a tha 'g aideachadh d' ainme naoimh, comh-chòrdadh ann am fìrinn d' fhocail naoimh, agus am beatha 'chaitheamh ann an aonachd agus ann an gràdh diadhaidh. Tha sinn cuideachd a' guidhe ort na h-uile Rìghrean, Phrionnsan, agus Riaghladairean Criosdail a shàbhaladh agus a dhìon, agus gu h-àraidh do sheirbhiseach Bhictoria ar Ban-righinn, a chum fuidhpe gu'm bi sinn air ar riaghladh gu diadhaidh agus gu sàmhach: agus deònaich d'a comhairle uile, agus do na h-uile aig am bheil ùghdarras fuidhpe, gu'm fritheil iad ceartas gu fìrinneach agus gun leth-phairt, gu smachdachadh aingidheachd agus droch-bheairt, agus gu seasamh d' fhìor chreidimh féin agus deadh-bheus'. Thoir gràs, O Athair nèamhaidh, do na h-uile Easbuigibh, Shagartaibh, agus Dheaconaibh, chum gu'n nochd iad a mach araon le'n caithebeatha agus le'n teagasg d' fhocal fìor agus beòthail, agus gu ceart agus gu h-iomchuidh gu'm fritheil iad do shàcramaidean naomha: agus do d' shluagh uile thoir do ghràs nèamhaidh, a chum le cridhe sèimh, agus urram iomchuidh, gu'n éisd agus gu'n gabh iad d' fhocal naomh, gu fìrinneach a' deanamh

seirbhis dhuit ann an naomhachd agus 'an ionracas uile làithean am beatha. Agus gu sònraichte tha sinn a' cur air curam do mhaitheis thròcairich an coimhthional a tha cruinnichte an so ann ad ainm, a ghleidheadh gu sòlaimte comh-chuimhneachain bàis ro luachmhoir agus ìobairt do Mhic agus ar Slànuidhir Iosa Criosd. Agus gu ro ùmhal tha sinn a' guidhe ort o d' mhaitheas, O 'Thighearna, comhfhurtachd agus cabhair a thoirt dhoibh-san uile a tha 's a' bheatha dhiomain so ann an trioblaid, bròn, uireasbhuidh, tinneas, no anshocair air bith eile. Agus tha sinn cuideachd a' beannachadh d' ainme naoimh air son do sheirbhiseach uile, a chrìochnaich an cùrsa ann an creidimh, agus a tha nis a' gabhail fois' o'n saothair. Agus tha sinn a' toirt molaidh ro àird agus buidheachais o'r cridhe dhuit, air son a' ghràis òirdheirc agus an deadh-bheus' a dh'fhoillsicheadh ann ad naoimh, a bha 'n an soithichibh taghta de d' ghràs-sa, agus mar lòchrain sholuis an t-saoghail 'n an ginealachaibh fa leth : gu ro ùmhal a' guidhe ort gràs a thoirt dhuinne gu leantuinn eisimpleir am bunailteachd-san ann ad chreidimh, agus ann an ùmhlachd do d' àitheantaibh naomha, a chum air là na h-aiseirigh choitchionn, gu'n cuirear sinne, agus iadsan uile a tha de chorp dìomhair do Mhic, air a dheas-làimh, agus gu'n cluinnear leinn a ghuth ro aoibhneach-san ag ràdh, Thigibh, a dhaoine beannaichte m' Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rìoghachd a tha air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaitean an domhain. Deònaich

so, O Athair, air sgàth Iosa Criosd, ar n-aon Fhear-tagraidh agus Eadar-mheadhonair. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart,*

Mar a dh' àithn agus a theagaisg ar Slànuidhear Criosd dhuinn, tha misneach againn gu ràdh,

AR n-Athair a tha air nèamh, Naomhaichear d' ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh mar thatar a deanamh air nèamh. Thoir dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar cionta, mar a mhaitheas sinne dhoibh-san a tha 'ciontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig 'am buireadh sinn ; ach saor sinn o olc. Oir is leat-sa an rìoghachd, an cumhachd, agus a' ghlòir, gu sìorruidh agus gu sìorruidh. Amen.

¶ *An sin bheir an Sagart an cuireadh so dhoibh-san a tha 'teachd a ghabhail a' chomanachaidh naoimh.*

SIbhse a tha gu fìrinneach agus gu dùrachdach a' deanamh aithreachais air son 'ur peacaidhean, agus a tha ann an gràdh agus ann an deadh-rùn do 'ur coimhearsnaich, agus a' cur romhaibh beatha nuadh a chaitheamh, àitheantan Dhé a leantuinn, agus imeachd o so suas 'n a shligibh naomha-san; Thigibh am fagus, agus gabhaibh an t-sàcramaid naomh so chum 'ur comhfhurtachd ; agus deanaibh 'ur n-aidmheil iriosal do Dhia Uile-chumhachdach.

¶ *An sin theirear an aidhmheil choitchionn so, leis an t-sluagh, maille ris an t-Sagart ; air dhà-san an toiseach dol air a ghlùinibh.*

ADhé Uile-chumhachdaich, Athair ar Tighearna Iosa Criosd, a chruithfhir nan uile

nithe, a bhreitheimh nan uile dhaoine ; Tha sinn ag aideachadh agus a' caoidh ar peacaidhean agus ar n-aingidheachd lìonmhoir, a chuir sinn bho àm gu àm gu mòr-chiontach 'an gnìomh, le smuain, le focal, agus le deanadas, an aghaidh do Mhòrachd dhiadhaidh ; gu ro cheart a' brosnachadh d' fheirg agus do chorruich 'n ar n-aghaidh. Tha sinn gu dùrachdach a' gabhail aithreachais, agus tha bròn o'r cridhe oirnn air son ar droch ghnìomharan so ; tha 'bhi 'cuimhneachadh orra cràiteach dhuinn; tha 'n eallach dhiubh do-iomchair. Dean tròcair oirnn, dean tròcair oirnn, Athair ro thròcairich ; air sgàth do Mhic ar Tighearna Iosa Criosd, maith dhuinn na h-uile a chaidh seachad ; agus deònaich, gu bràth an déigh so gu'n toir sinn seirbhis dhuit agus gu'n toilich sinn thu, ann an nuadhachd beatha, chum onoir agus glòire d' ainme, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. Amen.

¶ *An sin éiridh an Sagart a suas, no an t-Easbuig (ma bhitheas e 'làthair,) agus 'g a thionndadh féin ris an t-sluagh, cuiridh e 'an céill am fuasgladh, mar a leanas.*

DIa Uile-chumhachdach, ar n-Athair nèamhaidh, o 'mhòr thròcair a gheall maitheanas pheacaidhean dhoibh-san uile a philleas d'a ionnsuidh le aithreachas dùrachdach agus le fìor chreidimh ; Gu'n deanadh e tròcair oirbh ; gu'm maitheadh agus gu'n saoradh e sibh bho 'ur n-uile pheacaidhibh ; gu'n daingnicheadh agus gu'n neartaicheadh e sibh anns gach uile mhaitheas ; agus gu'n tugadh e sibh chum na beatha shiorruidh, trìd Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart mar an ceudna,*

Eisdibh ciod na briathran sòlasach a tha ar Slànuidhear Criosd a' labhairt riu-san uile a tha fìrinneach a' pilleadh d'a ionnsuidh.

THigibh a m' ionnsuidh-sa, sibhse uile a tha ri saothair, agus fo throm uallach, agus bheir mise suaimhneas dhuibh. *Mata* xi. 28.

Is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e 'aon-ghin Mhic féin, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shìorruidh aige. *Eoin* iii. 16.

Eisdibh mar an ceudna ciod a tha N. Pòl ag ràdh.

Is fìor an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chor air gabhail ris, gu'n d' thainig Iosa Criosd do'n t-saoghal a thèarnadh pheacach. 1 *Tim.* i. 15.

Eisdibh cuideachd ciod a tha N. Eoin ag ràdh.

Ma pheacaicheas neach air bith, tha Feartagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am fìrean : agus is esan an ìobairtréitich air son ar peacaidhean. 1 *Eoin* ii. 1. 2.

¶ *An sin air do'n t-Sagart tionndadh ris an altair, agus a' lùbadh sìos air a ghlùinibh, their e, 'n an ainm-san uile a tha 'dol a ghabhail a' chomanachaidh, an guidhe so a leanas air son teachd am fagus gu h-iriosal a dh' ionnsuidh a' chomanachaidh naoimh.*

CHa-n 'eil sinn a' gabhail de dhànadas oirnn teachd an so a dh' ionnsuidh do bhùird naoimh-sa, O Thighearna thròcairich, agearbsadh 'n ar fìreantachd féin, ach ann an lìonmhoireachd

agus ann am meud do thròcairean-sa. Cha-n airidh sinn urrad 's an sbruileach fo d' bhòrd-sa a chruinneachadh a suas: Ach is tusa an Tighearn ceudna, aig am bheil a' bhuaidh a bhi do ghnàth tròcaireach. Deònaich dhuinn air an aobhar sin, a Thighearna ghràsail, mar so gu'n ith sinn feòil do Mhic ionmhuinn Iosa Criosd, agus gu'n òl sinn 'fhuil, air chor 's gu'm bi ar cuirp pheacach air an deanamh glan le 'chorp ro naomh-san, agus ar n-anaman air an ionnlad tre 'fhuil ro luachmhoir, agus gu'n gabh sinn gu sìorruidh tuilleadh còmhnuidh ann-san, agus esan annainne. *Amen.*

¶ *An sin gabhaidh an t-Easbuig e féin, ma bhitheas e 'làthair, an comanachadh an toiseach 's an dà sheòrsa, air neo an Sagart a tha 'frithealadh, agus an sin bheir se e do na h-Easbuigibh eile, do na Sagartaibh, agus do na Deaconaibh, (ma bhitheas aon diubh a làthair), agus an déigh sin do'n t-sluagh, ann an ordugh, iad uile gu h-iriosal air an glùinibh. Agus an uair a ghabhas e féin no 'bheir e sàcramaid cuirp Chriosd do neach sam bith eile, their e,*

COrp ar Tighearn' Iosa Criosd, a chaidh a thoirt air do shon, gu'n gleidheadh e d' anam agus do chorp gu beatha shìorruidh.

¶ *An so their an neach a tha 'gabhail na sàcramaid,* Amen.

¶ *Agus an Sagart no am Ministeir a tha 'gabhail a' chupain e féin, no 'g a thoirt do neach sam bith eile, their e am beannachadh so.*

FUil ar Tighearn' Iosa Criosd, a dhòirteadh air do shon, gu'n gleidheadh i d' anam agus do chorp gu beatha shìorruidh.

¶ *An so their an neach a tha 'gabhail na sàcramaid* Amen.

¶ *Mo theirgeas an t-aran no am fìon coisrigte mu'n gabh iad uile an comanachadh, coisrigidh an Sagart tuilleadh, a réir na riaghailt a tha roimhe air a h-orduchadh, a' tòiseachadh aig na briathraibh,* Gach uile ghlòir gu'n robh dhuit-sa &c. *agus a' crìochnachadh leis na briathraibh,* a chum gu'n tig iad gu 'bhi 'n an corp agus 'n am fuil do Mhic ro ionmhuinn.

¶ *An déigh do na h-uile an comanachadh a ghabhail, théid esan a tha 'frithealadh gu bòrd an Tighearna, agus còmhdaichidh e le fìon eudach maiseach na dh' fhàgar de'n aran agus de'n fhìon choisrigte, agus an sin their e,*

Air dhuinn a nis corp agus fuil luachmhor Chriosd a ghabhail, thugamaid buidheachas d' ar Tighearn Dia, a dheònaich gu gràsmhor ar gabhail a dh'ionnsuidh comh-phairteachaidh a dhìomhaireachdan naomha; agus iarramaid uaith-san gràs a chum ar bòidean a choimhlionadh, agus gu sìor-bhuanachadh 'n ar deadh rùintibh; a chum air dhuinn a bhi air ar naomhachadh, gu'm faigh sinn a' bheatha mhaireannach, tre dheadh-thoillteanais ìobairt uile-éifeachdaich ar Tighearna agus ar Slànuidhir Iosa Criosd.

¶ *An sin their an Sagart an guidhe-buidheachais so mar a leanas.*

A Dhé Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, tha sinne a ghabh, mar a tha iomchuidh, na dìomhaireachda naomha so, a' toirt buidheachais o'r n-uile chridhe dhuit, a chionn gu bheil thu a' deònachadh sinne a bheathachadh le lòn spioradail de chorp agus de fhuil ro luachmhor do Mhic ar Slànuidhir

Iosa Criosd ; agus gu bheil thu leis a' so a' toirt cinnte dhuinn air do dheadh-ghean agus do mhaitheas d'ar taobh, agus gu bheil sinn 'n ar fìor bhuill air ar n-aonachadh ann an corp dìomhair do Mhic, ni a's e cuideachd bheannaichte nan uile shluagh creideach, agus gu bheil sinn mar an ceudna 'n ar n-oighreachaibh tre dhòchas air do rìoghachd mhaireannaich, le deadh-thoillteanais a bhàis ro luachmhoir-san agus 'fhulangais. Tha sinn a nis gu ro ùmhal a' guidhe ort, O Athair nèamhaidh, mar so ar cuideachadh le d' ghràs agus le d' Spiorad Naomh, chum gu'm buanaich sinn anns a' chuideachd agus anns a' chomh-chomunn naomh sin, agus gu'n dean sinn na deadh oibre sin uile anns an d' thug thu àithne dhuinn gluasad, trìd Iosa Criosd ar Tighearna ; dhà-san maille ris an Athair agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile onoir agus ghlòir, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *An sin theirear no seinnear,* Gloria in excelsis, *mar a leanas.*

GLòir gu'n robh do Dhia anns na h-àrdaibh, agus air talamh sìth, deadh-ghean do dhaoinibh. Tha sinn a' toirt molaidh dhuit, tha sinn 'g ad bheannachadh, tha sinn a' toirt aoraidh dhuit, tha sinn a' toirt glòire dhuit, tha sinn a' toirt buidheachais dhuit air son do mhòr ghlòire, O 'Thighearna Dhé, a Rìgh nèamhaidh, a Dhé an t-Athair Uile-chumhachdach; agus dhuit-sa, O 'Dhé, an t-aon-ghin Mhic Iosa Criosd ; agus dhuit-sa, O 'Dhé, an Spiorad Naomh.

O 'Thighearna, an t-aon-ghin Mhic Iosa Criosd : O 'Thighearna Dhé, Uain Dhé, 'Mhic an Athar, a tha 'toirt air falbh pheacaidhean an t-saoghail, dean tròcair oirnn. Thusa a tha 'toirt air falbh pheacaidhean an t-saoghail, gabh ri 'r n-urnuigh. Thusa a tha a' d' shuidhe air deas làimh Dhé an Athar, dean tròcair oirnn.

Oir is tusa a mhàin a tha naomh, is tusa a mhàin an Tighearn, is tusa a mhàin, O 'Chriosd, maille ris an Spiorad Naomh, a tha ro àrd ann an glòir Dhé an Athar. Amen.

¶ *An sin leigidh an Sagart, no an t-Easbuig, ma bhitheas e 'làthair, air falbh iad, leis a' bheannachadh so.*

GU'n gleidheadh sìth Dhé a tha os ceann gach uile thuigse, 'ur cridheachan agus 'ur n-inntinnean ann an eòlas agus ann an gràdh Dhé, agus a Mhic Iosa Criosd ar Tighearna ; agus gu'n robh beannachadh Dhé Uile-chumhachdaich, an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, 'n 'ur measg, agus gu'n gabhadh e còmhnuidh maille ruibh do ghnàth. *Amen.*

A' CHRIOCH.

CLAR CAIRDEIS AGUS DAIMH-POSAIDH,

FAR AM BHEIL E AIR A THOIRMEASG ANNS AN SGRIOBTUIR AGUS LE 'R LAGH-NE DHOIBH-SAN A THA CAIRDEACH A BHI AIR AM POSADH RI 'CHEILE.

Cha phòs duine

1. A shean-mhathair.
2. Bean a shean-athar.
3. Sean-mhathair a mhnatha.
4. Piuthar 'athar.
5. Piuthar a mhathar.
6. Bean brathar 'athar.
7. Bean brathar a mhathar.
8. Piuthar athar a mhnatha.
9. Piuthar mathar a mhnatha.
10. A mhathair.
11. A mhuime.
12. Mathair a mhnatha.
13. A nighean.
14. Nighean a mhic.
15. Bean a mhic.
16. A phiuthar.
17. Piuthar a mhnatha.
18. Bean a bhrathar.
19. Nighean a mhic.
20. Nighean a nighinn.
21. Bean mic a mhic.
22. Bean mic a nighinn.
23. Nighean mic a mhnatha.
24. Nighean nighinn a mhnatha.
25. Nighean a bhrathar.
26. Nighean a pheathar.
27. Bean mic a bhrathar.
28. Bean mic a pheathar.
29. Nighean brathar a mhnatha.
30. Nighean peathar a mhnatha.

Cha phòs bean

1. A sean-athair.
2. Fear a sean-mhathar.
3. Sean-athair a fir.
4. Brathair a h-athar.
5. Brathair a mathar.
6. Fear peathar a h-athar.
7. Fear peathar a mathar.
8. Brathair athar a fir.
9. Brathair mathar a fir.
10. A h-athair.
11. A h-oide.
12. Athair a fir.
13. A mac.
14. Mac a fir.
15. Fear a nighinn.
16. A brathair.
17. Brathair a fir.
18. Fear a peathar.
19. Mac a mic.
20. Mac a nighinn.
21. Fear nighinn a mic.
22. Fear nighinn a nighinn.
23. Mac mic a fir.
24. Mac nighinn a fir.
25. Mac a brathar.
26. Mac a peathar.
27. Fear nighinn a brathar.
28. Fear nighinn a peathar.
29. Mac brathar a fir.
30. Mac peathar a fir.